







Hall. 191. d.

21/16

M 63

National Library of Scotland



B000082866





Dònnacha Mac' Illemhicéil,

Sràid Farra-ghàel,

GLASCHU.



CUAIRTEAR

N A N G L E A N N ,

O MHÀIRT, 1841—GU MÀIRT, 1842.

AN DARA LEABHAR, ANNS A' BHEIL DA CHUAIRTEAR
DHEUG.

G L A S G O W :

J. & P. CAMPBELL, 24, GLASSFORD STREET.
EDINBURGH: M'LACHLAN, STEWART, & CO.

GLASGOW:

PRINTED AT THE UNIVERSITY PRESS, BY EDWARD KHULL, DUNLOP STREET.

CONTENTS.

| PAGE | PAGE | | |
|--|----------|---|---------------|
| America and Britain, | 54 | Fairy, (The) | 263 |
| Aneadote of the Laird of Coll's Messenger, | 172 | Falkland Islands, (A Descrip- tion of the) | 302 |
| Aneadotes, | 266, 268 | Familiar Dialogue—Dissolution of Parliament, | 121 |
| Aneadote of Whitefild, | 83 | Familiar Dialogue—Meeting of Parliament, &c., | 5 |
| Astroncmy, Part I., | 11 | Familiar Dialogue — Public News, | 291 |
| Astronomy, Part II., | 70 | Feud between the M'Donalds and the M'Kenzies, | 343 |
| Astronomy, Part III., | 109 | First Lord Breadalbane, (The) | 231 |
| Battle of the Shirts, a Highland Legend, | 282 | Flora M'Donald and Prince Charles, | 224 |
| Battle of Quatre Bras, | 305 | Fool and his Watch, (The) . . | 230 |
| Beautiful Spring Morning, (The) | 325 | Frances Selocum, (Interesting History of) | 78 |
| Be of Good Courage, Weary Pilgrim! | 258 | Halloween, (Letter and Song on) | 252, 253, 255 |
| Birth of the Prince of Wales, . . | 277 | Harrison, General, (Death of) | 117 |
| Biter Bit, (The) | 148 | Heavenly Bodies, (Reflections on the) | 107 |
| British Dominions, (The) . . . | 98 | Highland Drover (The) and the Robber, | 229 |
| Canvas Shirt, (The) | 17 | Highland Schoolmasters, their Ill-Recompensed Labours, . . | 286 |
| Child's Dream, (The) | 260 | Highland Shearers, (The) . . | 197 |
| China, | 81 | History of a Freebooter (Allan nan Sop), | 157 |
| Christening of the Princess- Royal, | 28 | History of Graee Scott, | 170 |
| Circumstantial Evidence, (On the Danger of) | 22 | Hong Kong, (Deserption of the Island of) | 144 |
| Competition of Pipers in Glas- gow, | 173 | Hymn on Prayer, | 231 |
| Death of John the Baptist, . . | 61 | Inseets, (Aeeount of) | 284 |
| Death-Bed of a Repentant So- cialist, | 151 | Interesting Letter from New Zealand, | 199 |
| Deer Hunt, | 100, 129 | Interesting Story of a British Soldier in North America, . . | 145 |
| Dennis Doolan and the other Murderers, | 86 | Inverness Sheep and Wool Fair, . | 178 |
| Diamonds, their Value, | 233 | Ireland and Father Mathews, . | 85 |
| Doolan and Redding, (Execu- tion of), | 115 | Isle of Eigg Murders, (The) . | 185 |
| Drunkard, (The) | 113 | Isle of Lovers (The), an Irish Legend, | 186 |
| Duke of Buccleugh, (Aneadote of) | 322 | | |
| Earthquake at Aleppo, (The) | 182 | | |
| Elijah the Prophet, | 179, 210 | | |
| Emigrant's Song (The), origi- nal, | 143 | | |
| Emigration to North Ameriea, . | 27 | | |
| Emigration, (Report of Select Committee on). | 155 | | |
| Epitaph on a Mariner's Tomb, | 322 | | |

| PAGE | PAGE | | |
|---|-------------------------------|--|-------------|
| John o' Groat's House, (Ae- count of) | 232 | Phases of the Moon, | 30, 60, 208 |
| John the Baptist, (Death of) | 61 | Poem (A), and Legend con- nected with it, | 140 |
| King James IV. and the Young Laird, | 338 | Polyarp, the Martyr, (Death of) | 335 |
| Laehlan M'Lean of Duart, (Life and Exploits of this Chief,) | 191, 219, 243 | Powerful Parson, (The) . . . | 246 |
| Lament, (A) | 59 | Prayer of the Islanders when going to Sea, from Bishop Carswell's Liturgy, | 290 |
| Lament for a Young Chieftain (Grant of Grant), | 25 | Profligate's Dream, (The) . . . | 212 |
| Laws of Heat, | 41 | Prophet in the Wilderness, (The) . | 1 |
| Laws of Nature, | 250 | Prophet Fleeing from God, (The) | 239 |
| Letter from Australia, | 321 | Prophet's Guard, (The) | 91 |
| Letter from North America, . | 75 | Providenee, (The Ways of) . . . | 204 |
| Letter from the Rev. Dr Mae- Leod to the Highlanders, on the Prospects of Emigration to North Ameriea, | 56 | President Steam-Ship, (The) . . . | 87 |
| Letter to the Editor, | 288 | Publie News, 29, 88, 117, 174, 207 234, 291, 323, 350 | |
| Listen a While, | 260 | Railway Aeeident, | 238 |
| London—Greenwich Hospital, (Deserption of) | 127 | Ready-Witted Beggar, (The) . . . | 205 |
| London—Short Aeeount of its Commerce and Population, | 67 | Recollections of a Pious Man, . . . | 265 |
| London—Westminster Abbey, (Deserption of) | 93 | Red-Breast, (The) | 88 |
| Longevity of the Deer, | 100 | Remorse, a Dream, | 133 |
| Loss of the Ship India, | 235 | Rob Roy's Grave, (Violation of) | 234 |
| Markets, | 90, 120, 208 | Russian Empire, (Aeeount of the) | 332 |
| Marriages, Warning to Parents, . | 14 | Sabbath Profanation, its Re- eompense, a true story, | 313 |
| Melaneholy Shipwreck, | 29 | Sea-Sickness, (Cure for) | 228 |
| Moonlight, a Poem, | 24 | Serpents of Ceylon, (The) | 44 |
| Natural Small-Pox and Cow- Poek, | 163 | Short Maxims, | 205 |
| New Gaelie Publieations, | 30, 59, 176, 205, 266, 349 | Sir Dunean Campbell and the Clan M'Gregor, | 347 |
| Notices to Correspondents, | 89, 119 149, 295 | Sketch of a Steam-Ship Voyage to Ameriea, | 52 |
| Notices to Readers, | 30, 324, 352 | Song—The Sumner Ramble, | 82 |
| Ode to the Wind, | 81 | Superstition of the Highlanders in Past Ages, | 309 |
| Old Family Bible, (The) | 166 | The Dog, the Fox, and the Serpent—a Tale, | 31 |
| Ossianie Meeting—Dinner to the Publishers of Cuairtear nan Gleann, | 237 | The Tinker's Marriage, | 202 |
| Outlaw of Loeh-Cuaich, (The) | 73 | Tomb of the Chisholm, (The) . . . | 112 |
| Perils and Privations of the Desert, | 48 | Tower of London, (Burning of the) | 319 |
| | | Uneertainty of the Law, | 85 |
| | | Welcome to the New Year, | 297 |
| | | What Sort of Home have you? | 259 |
| | | Withered Leaf (The), a Poem, . | 196 |

CUAIRTEAR NAN GLEANN.

MÍOS A' MHÀIRT.

AN 13^g AIREAMH.]

MARCH 1, 1841.

[PRÌS 6 SGILLEAN.

CONTENTS :—The Prophet in the Wilderness, page 1.—Familiar Dialogue, 5.—The Heavenly Bodies, 11.—Marriages—Warning to Parents, 14.—The Canvass Shirt, 17.—On the Danger of Circumstantial Evidence, 22.—Moonlight, a Poem, 24.—Lament for a Young Chieftain, 25.—Emigration to North America, 27.—Christening of the Princess, 28.—News—Melancholy Shipwreck, 29.—Notices to Readers, 30.—New Gaelic Publications, 30.—Phases of the Moon, 30.

AM FAIDH SAN FHÀSACH

AGUS AIR A BHEATHACHADH LEIS NA FITHEACHAIBH.

Suidhibh mu 'n cuairt, mo leanaban beaga, agus innsidh mise sgeulachd thaitneach dhuibh, agus sgenl a tha firinneach mar an ceudna

Tha nis àine mhór o'n a thachair an ni tha mi'dol a dh' innseadh dhuibh, os ceann dà mhive-seachd-cend-agus dà fhichead bliadhna. Chuala sibh iomradh air baile-mór d' am b' ainm Samaria, mar astar latha o Ierusalem, baile-inór anabhairach àillidh agus bearteach; ach baile-mór anns an àm sna thachair na tha sinn a' dol a dh' innseadh dhuibh, air a thrnailleadh le peacannabh namhasach. Dhì-chuimhnich muinntir na tire an Dia beò, agus rim iad aoradh do iodholaibh bréige—chuir iad gu dùlan Tighearna na glòir, agus tharruing iad a nuas orra fén a bhreitheanas eagalach. Bha e mar gum bitheadh an t-aibhistear air ifrinn flàgail car tamuill, agus a chòmhnuidh a ghabhail ann am baile Shamaria. B'e Ahab ainm an righ air an àm so, neach a rinn barrachd gu Dia Israel a blirosnuchadh gu feirg, na uile righean Israel a bha roinhe. I Rìgh. 16. 33.

Latha do na làithean mar a bha muinntir a' bhaile-mhóir so a' bnanachadh gu dàna anns gach cionta, chunnacas seann duine dreachmhor aoidheil, a h-aon do mhùinntir Ghilead, Tisbitheach àraig air na sràidibh agus am meadhon an t-slaigh. Ann an làthair agus ann an éisdeachd a righ, thog e a ghuth gu h-àrd agus thubhaint e "Mar is beò Dia Israel cha bhi sna bliadhnaibh so drùchd no nisge ann ach a réir m' fhocail-sa." Rinn tir Sham-

aria fanoid—bha am feur 's am fochiann a' fàs gu dosrach—bha na h-aibhnichean a' ruith gn siùbhlach réidh—mile agus mile sruthan agus caochan agus tobar fionuar a' ruith le borbhanaich cheòlmhor sìos ri taoblach gach beinne: ach coma eó dhiùbh, b' àirde guth an t-seann dnine thainig o bheautaibh Ghilead, le 'fhirosachd agus le 'fhàidheadaireachd, na fuaim nan iomad uisge. Cha b' iognadh so, oir is e guth Dhé a bha air a labhairt á beul a' choigrich so. "Mar is bed Dia Israeil," thubhaint esan a ris, "thig tart air an tìr"; agus thachair mar thubhaint; dh' atharraich na speuran agus an talamh an coslas—chinn an dara h-aon mìar iarunù agus an t-aon eile mar an t-umha, agus uisge no drùchd cha do bhraon air an tìr. Shearg gach duilleach agns gach luibh agus feur agns fochnn. Bha na h-uile h-abhnuinn agus fuaran, agus tobar, air tràghadh gu glan tioram; agus bha uile bheathaichean na tire a' plosgadh 's a' toirt thairis le laigsinn. Fad tri bliadhna agus sèa mìosan cha d' thainig drùchd no uisge nuas o na speuraibh—Bha a' ghrian ann an àirde a neairt a' soillseachadh mar bu ghnàth dhi—Bha an oiteag loisgeach thioram theth, a' seargadh gach nì—claisean nan aibhnichean tioram, gun làn na boise ann an aon diubh—na caorach a' mèlich gu brònach air a' bheinn, an fiadh le bùirich ard a' togairt nan sruthan uisge's gnn iad ann. Thainig ganntar, gainne agns gort air an tìr gu h-uile, 's cha robh r'a éisdeachd ach bas-bhualadh a' blàròin.

C' àit a nis an robh an Tisbitheach, am fàidh a thainig a nìos o Ghilead? "Imich" arsa Dia ris, "as a so, agus tionndaidh thu féin chum na h-airde 'n-eas, agus falaich thu féin aig sruth Cherit a tha fa chomhair Iordan." Rium e mar a dh' àithni Dia dha—dh' éirich e, dh' imich e, agus ràinig e doimhlmeachd a' ghlinne tre 'n robh an sruth so a' rnith, direach mar a dh' iarr Dia air.

Thigeamaid agus beachdaicheamaid air an àite gus an deachaidh e. 'Sann aon am fàsach fiadhaich dlùth do abhnuinn Iordan a chaidh e—bha sàmhchair a' bhàis san àite ùdlaidh so—cha robh fuainn r'a éisdeachd ach sgreuch na corra-ghràin 's na h-iolaire, agus ròcail nam fitheach am mullach nan craobh. Cha 'n eil slighe no ceum rathaid ann—cha 'n eil sealgair no buachaille r'a fhacinn ann, ach an t-aon uaigneas fàsail eagalach. Feuchamaid 'nar n-ìmitinnimeachd tre 'n doire dhlùth, trè 'n aisridh chnmhaiun, timchioll nan creagan mòra, sìos o bhrnaich gn bruach gn aigeal dorcha ùdlaidh a' ghlinne; ach faiceamaid eó tha 'na shuidhe an sud 'na aonaran bochd leis féin? na speuran gorm os a cheann, na creagan mòra m'a thimchioll, a' chlach 'na h-aite-suidhe dha, dubh-lar na coille 'na flasgadh, agus an réilean gorm aige 'nauirigh-tàimh. Bheachdaich mi air—an t-alltan beag a' torinanaich seachad air, 's na fitheach a' ròcail os a cheann am bàrr nan craobhan àrda. Có è? Thà dnine le Dia, agns e auns a' cheart àite shòurnich Dia dha, Eliah an Tisbitheach. Fad dà mhìos dheug bha e san àite sin, gnn leabhar r'a lenghamh, gun dnine ri labhairt ris, gun dad r'a dheanamh, gun fhearas-chnideachd; agus fenchì cha robh e brònach no duhhach! Bha Biobull mór Nàdnir fosgailte m'a choinn-

eamhl—bha Dia maile ris, agus Ri-san bha a chridhe a' cumail conaltraidh do ghuàth. Bha oibrichean na crnitheachd mu'n cuairt da, agus uapa so bha e a' tarruing fiosrachaidd agus èdlais feumail. A' chreag ris an robh a thaic, shearmonaich i dha mu'n dhéibhinn na craige móire nach failnich, bunchar a dhòchais—an t-alltan beag a bha 'sinbhàl seachad air, thug e g'a chuimhne gealladh Dhé mu'n uisge bha ri bhi air a dhòrtadh air an fhearaunn thioram, agus an tobar a gheall e fhosgladh anns an fhàsach thartinhor—na craobhan arda, shearmonaich iad dha fasgadh craobhie na beathe—agus a' chóisridh bhinn a bha 'seinn sna preasan mu'n cuairt da, na h-eòin bheaga bhòidheach, b'e so suim an òrain. “ Bi sìothchail, ciùin a dhuine le Dia—bi fo dheagh mhisnich, na biodh smuairean air t' anam—an Tì àrd agus ghlòrnhor tha 'gabhlail cùram dhinn, 'gar beatachadh agus a' freasdal duinn anns an fhàsach fliadhach so, cha di-chuimhnich e thusa.”

Agus ciod a chum an duine so suas? ciod thug misneach d'a anam? Tha gu 'n d' thubhairt Dia ris, “ Folaich thu féin aig sruth Cherit a tha fa chomhair Iordan, agus òlaidh tu do 'n t-sruth, agus dh' àithn mise do na fitheachaibh do bheathachadh an sin.” Lùb an duine beannaichte a cheann, chreid e, 's cha robh e air a mhealladh.

Bha nis breitheanas Dhé ri tighin air an tìr, tart agus tiormachd eagalach; bha 'n dùthaich nile mar mhionadh air a losgadh le faloisg: cha robh duilleach air craoibh, no feòirnean, no lns, no blàth, air uachdar na tire gum seargadh. Bha aon ghleannan beag uaigneach air a chaomhnadh—bha 'n t-àite so ùrar uaine, fasgach blàth; b'e so aigeal a' għlinne anns an robh an duine le Dia. Cha robh abhuinn san dùthaich nile nach robh air tiormachadh suas, no allt, no caochan, no tobar anns an robh deur—ach aon sruthan a bha fhathast a' siubhal seachad le torgan binn, co siùblach làn, fhionnar 's a bha e riabh. B'e sin sruth Cherit, ann an aigeal a' għlinne anns an robh an duine naomba, an duine le Dia; agus ciamar a bheathaicheadh e? Innsidh ini sin, oir 'se so a' chuid a's iongantaiche do 'n sgeul. B'e àm an earraich e, thug eòin an fhàsaich a mach an gur, agus chīteadh iad ag itealaich o àite gu h-àite ag iarraidh lòn do 'n àl òg, a h-uile h-aon a' giùlan im bha r'a fhaotainn d'a nead féin mar a dh' fhoghlum Dia iad. Bha so 'na shealladh taitneach. Chīteadh iad air uairibh a' stad air toman beag, air creig no air géig, a sheinn òrain thaingealachd do 'n Dia mhòr agus ghlòrnhor a chrnthaich an saoghal àillidh.

Am measg nan eun so bha dà fhitheach mhòra lachdunn. Dh' itealaicheadh iad sin fad air falbh, cha 'n eil fhiros c' àite, air tòir lòin, agus cha b' aon doibh féin, nis mò do 'n àl òg féin. Tha an fitheach 'na enn gionach ciocrach, aeh thug Dia, eadhon dhàsan, nàdhr tre 'm bheil e a' togail, ag àrach agus a' beatachadh 'ail féin. “ Cò” arsa Iob, “ a sholaras do 'n fhitheach a lòn an 'air a dh' eighreas an t-àl òg aige ri Dia?” Agus an Dia ceudna thug an nàdhr so do na fitheachaibh, theagaing e iad, air an àm so, lòn sholar agus a għiùlan do'n duine bheannaichte aonarach a' għlin

uaignich. C' àite no ciamar a fhnaidh iad an t-aran agns an fheòil a ghiùlain iad d' a ionnsnidh, cha'n eil fios againn; ach ciocrach, ionach, eraosach mar a bhà iad, ghiùlain iad a lòn-maidne's a lòn-feasgar dhàsan a bha 'chòmhnuidh aig sruthan Cherit. Cha luaithe 'ghlas an latha na chluiunteadh ròcail nam fitheach am mullach nan eraobh. Cha luaithe 'dhùisgeadh an duine naomha na chitheadh e a lòn air an lår r'a thaobh; agus 'nnair a bhiodh am feasgar a' ciaradh os ceaun a' ghlinne, thigeadh na h-eòin cheudna air an ais leis an aran's an fheòil mar a dh' àithn Dia dhoibh; agns thachair so, cha'n ann aon uair, ach ionadh uair, o latha gn latha fad bliadhna, agus mochthirath no feasgar cha d' rinn iad dearmad air no dì-chuinbh.

Dlùthaireamh ris, agus beachdaicheamh aon uair fhathast air na tha'n so mu'r coinnseann: faic an dà eun lachdunn ud, le'n sgiathan dorcha ag itealaich gu luath thar an dùthach anus an robh dìth agns bochduinn, a' greasad le'n uile luathas gn gleann Cherit, a' gabhail gu h-uaimh bliig aum an uchd na bruache. Seall a stigh—ciod a chì thn? Cha'n i nead an fhithich no an t-àl òg, ach seann duine le 'thrasgan gaoisideach m'a ghuaillich, 's dòcha air a ghlùinibh le 'shùil's le 'laimh gn nèamh, agus ag ràdhainn. "O thusa, Thighearna's a Dhia, a ghléidh mi gu rnig a so, agus a thug àithne do na fitheach mo bheathachadh, gabh thusa càrann dhiomh an diugh, oir's tu mo Dhia agus is mise do sheirbhiseach," Dh' éireadh e an sin, rachadh e 'mach, chruinuicheadh e comadh tioram air feadh na coille, lasadh e teine ri taobl na craige, dheasaicheadh e a lòa, thairgeadh e bnidheachas a ris do Dhia, dh' òladh e deoch as an t-sruthan għlan, agus bhiodh 'anam ait ann an Dia.

Agus tha Dia Eliah fhathast beò, dlùth dhoibhsan a ghairmeas air. D'a shluagh féin tha e mar a bha e riabh, 'na dlùdeanu's 'na sgéith; 's ionad dòigh tha aige air freasdal d'a mhuianntir dhileas féin. Tha Dia Eliah fhathasd beò, co dlùth d'a phobnill ann an là an airc's a bha e riabh—co deònach agns co comasach chum fuasgladhi orra. Esan a bheathaich Eliah le fitheachaibh an t-sléibh, tha e co comasach air a h-aon d'a leanaban a bheathachadh leis an eun a's faoine san ealtainn. Is firinnaach agus da rìribh 's taitneach an sgeul beag a leanas.

Bha duine bochd air a' bheil ionradh againn 'na shuidhe ann an dors a bhòthain moch sa 'mhadniun; bha a shùilean air at le gul—bha a chridhe goirt, agus bha e 'feuchainn gairm air Dia, oir bha dùil aige na h-uile mionaid ri maor a bha 'tighin le barantas chum a chuid a reic, airson suim a bha aig neach àraidih 'na aghaidh. Air dhà bhi 'suidhe mar so le cridhe tróm, mhothuich e eun beag aillidh ag itealaich dlùth dha, air ais's air aghart, gus mu dheireadh an do ħabbi e stigh do thigh an dnine so, agus shuidh e air mullach na leapa, agns an sin thòisich e ri seinn cheileirean anabbarrach milis. Chuir so iengatas air an dnine—dlùin e'n dorus, għlaç e'n t-eun beag böidheach, agus chnir e ann an eun-lau beag a bha crochta taobh na h-uinueig e. Cha luaithe

bha e sa' ghainntir bhig sin na thog e fonn laoidh àraidh air an robh an duine eòlach, oir b' fhionn e a bha gu tric air a sheuin san eaglais sam b' àbhaist da suidhe. B' iad na briathran, "Na biodh eagal ort, 'nuair a's doilleire 'n oidhche's ann a's dlùithe an latha." Dh' éisd e 'n t-eun, agus dh' fhairich e seòrsa faochedh agus sìth. Thaiuig buille dh' ionnsuidh an dornis air a' cheart àm so. "So gun teaganuh" ars' esan "am maor," Dh' éirich e le cridhe tróm, ach cha'n e am maor a bh'ann, ach maighdeann òg a thuirt ris, "An do mhothuinch thu eun beag buidhe bòidheach a' tighin an rathad so? thachair aon orm a thuirt gu'm fac' iad e 'dol a stigh air do dhorus." "'S mi chunnait," arsa 'n duine, "so agad e, thoir leat e, ma's ann duit a bhuineas e; cha'n iognadh leam ged a bhiodh meas agad air, 's binne milis a ribheid." Thug a' mhaighdeann òg leatha 'n t-eun—tiota beag 'na dheigh sin thill i air a hais—"Chuir thn," ars' ise, "comain mhór air mo bhanamhaighstir, cha chailleadh i an t-euu beag sin airson móran; "so," ars' ise, "gabhl so uaire, cha'n fheadh thu a dhìultadh, gabhl e le mile taing." Ghabh an duine bochd na chuir i 'na làimh, agus 'nuair a dh' amhairec e cia dé niread 's a bh' ann, chunnaic e gu'n robh direach a' cheart uiread ann 's a bh' aig a' inhaor 'na aghaidh. Cha b' fhada gus an d'thàinig am maor. "So dhuit," ars' esan, "so na tha agad am aghaidh, fàg mi nis ann an sìth, oir 'se Dia chuir so do m' ionnsuidh."

Tha Dia Eliah fhathast beò agus có nach d' fhiorsaich so? 'S minig a thainig cofhurtachd agus còmhnhadh, furtachd agus fuasgladh d'ar n-ionnsuidh 's gun fhios againn cianar no eo uaithe. Bitheadh mile chloinn Dé làidir agus fo dheagh mhisнич, Thig Dia ri h-aire 's cha'n airc 'unair thig. Tha mile dòigh aige air a dhaoine féin a chumail snas, am beathachadh, agus fuasgladh orra co iongatach ris an eachdraidh a dh' innis sinn air an àm.

E.7.1.10

Fior eagal Dé, biodh oirhh, a naoimh ;
 Oir nireasbhnidh no dìth
 Cha bhi air a luchd-eagail-san,
 Fior chràbhadh dha a mì.

Bidh easbhnidh air na leómlanaibh òg,
 A's ocras orr' air leth ;
 Ach air an dream a dh'iarras Dia
 Cha cheilear aon ni maith.

CÒMHRADH.

EACHANN'S AN CUAIRTEAR.

Cua.—Gu meal thu do bhiorraid, Eachainn!

Each.—'Ni'n ad, le'r cead? an sgulag gun sgoinn, 's mi tha seachd sgith dhì—an t-aon chòinlidach-ciunn a's miosa chaidh riabh air duine, cha'n urrainn mi mo cheann a leagail air leabaidh no air suirigh, air toni no réilean leatha. Cha b' ionann 's a' bhoineid ghorm—cho blàth sheasgair, cheanalta mu m' cheann 's ged bu churrachd-oidhche bh'

inntè; dh' fhaodadh duinè a pasgadh fodha no r'a thaobh, seach a bhi ag altrum na biorraid so mar'naoithean air glùn duine anns gach àite 'n suidh e. Tubaist oirre! nach fhaic sibh an comharradh a dh' fhàg i air mo bhathais, mar gu'm biodh mo cheann air a chearcall uachdarach a thilgeadh; ach nach e so an latha gaillionnach gailbheach? Übh uthubb! 'se 'n cur's an cathadh e—s fhad o'n a chunnaic mi a leithid air là Fheill-Bride.

Cua.—Tha sin nàdurra, Eachainn, an sneachda geal an àm dù-lachd a' gheamhraidh.

Each.—Tha 'n geomhradh seachad; ach sneachda geal! 'fheudail 's a ghràidh, cha b' ann sa' bhaile-mhór a chìeadh e—ach an sneachd odhar, lachdunn; agus cha 'n aithne dhomh nì a's gràiunndé na sneachda salach. Cha b' ionann 's mo shneachda glan, cho àittidh gheal ri ite na faoilinn, a' boillsgeadh 's a' deàrrsadh ri gathaibh na gréine, mar gum biodh cur as cathadh ann do na daoimeanan no do'n chriostal bu hoinnearaiche's bu cheutaiche.

Cua.—Ro-mhaith, Eachainn! Cha b' urrainn Donncha Bàn nan oran labhairt na b'fhèarr—ach ge dona sneachda sa'bhaile-mhór's seachd uairean na's miosa e sa' Ghàidhealtachd. Tha 'Ghàidhealtachd maith na's leòir fhad 's a dh' fhuirgheas a' chuthag inntè; ach an latha dh' fhàgas ise e, 'se 'm baile-mór a's fèarr.

Each.—A' chuthag!! An òinseach bhochd; gu dearbh ma's ann uaipese tha sibh a' dol a tharruing 'ur glioceil, 's mithich an Cuar-tear a chur an làimh eile—a' chuthag, an trusdar! nach do shuidh riabh leth-uair an uaireadair air an aon tóm.

Cua.—Ma tà, Eachainn 's coina leam fèin a' Ghàidhealtachd an àm a' gheamhraidh; 's fuar mi-thaitneach i 'n àm gaillinn shneachda mar tha ann an diugh féin—air am falach o'n t-saoghal mhór; air an tacadh le toit—gun sùgradh gun inheadhail—a' bhean, mo thruaighe! a' sniomh air a' chuibile le crònán brònach—an duine a' miananaich 's a' casad, 's a' tachas a chinn—na pàisdean a' trusadh bhioran—an t-uirccean a' sgreadail—an gamhain caisinn a' géimrich ceann an tighe—na leanaban, an cù 's an cat a' strìgh có's clùithe a gheibh air a' ghealbhan, 's b'e sin an droch theine, a' phoit bhuntàta crochte thairis air leth an latha, gun uiread agus halg-séididh, ach an gille ruadh 's an gille bán agus Seònaid 'ga shéideadh, agus pluic gach aon diubh mar phluic piobaire. Coina leam e!

Each.—A' bheil sibh réidh? Air m' fhocal 's sibh a leig ruith do'r teangaidh; cha 'n iognadh leam ach sìhhse—ach éisdibh rium—Cha 'n fhaca mi riabh ann am baile-mór, 's cha 'n fhaic, àm co subhach, shuilibhearra, chridheil 's a chunnaic mi sa' Ghàidhealtachd an àm gaillinn agus sneachda. Mo chreach! 's mise chunnaic sin—tha barrachd fearais-chuideachd a's sùgraiddh, a's eòlais, a's caoimhneis a' dol air aghaidh sa' Ghàidhealtachd an àm a' gheamhraidh, na an àm a' chéitein féin.

Cua.—Fhalbh fhalbh! Eachainn, tog dheth.

Each.—Cha tog mi dheth—'s mì nach tog. Am na gaillinn!—sin agaibh àm a' chridhealaic—thùg air na sùisdean! na sgalagan a' cur dhiùbh, na cailean a' crathadh an fhodair 's a' deanamh nam

boitean—na buachaillean le sìoman cònlach mar chrios mu 'n timchioll, cuaille mòr bata 'nan làinib, eallach do sguaba beaga tioram air an druim, an crodh-seasg a' géimrichi 'nan déigh's iad 'gan saodachadh gu fasgadh—na h-eich a' greasad dhachaidh—na mucan a' sgriachail le sop 'nan craos a' ruith do'n chrò—na h-eòin bheaga bluidhe bhòidheach, sgaoth air muin sgaoth ag itealaich mu na dorsan, 's na balachain Jæ ridil's le gòisnean ag iarrайдh an ribeachd. 'S ann an sin tha 'm fire-faire—h-nile h-aon 'na chabhaig's am feasgar a' tighin. Ach ciod so thachair? Na balachain 'nan ruith's iad a' sgàineadh le cridhealas—Alastair-mór air dol fodha ann an cuithe sneachda's iad 'ga shlaodadh as, agus gach madadh sa' bhaile san tathunnaich timchioll air. Ach có eile chì mi 'tighin le abhagan beag a' dhéigh, a' feadaireachd's a' gearradh leum? Ailean nan òran! Faic mar tha 'n òigradh 'ga fhàilteachadh; có 'dhiùltadh dha cuid na h-oidhiche? 'S 'nuair thigeadh an t-anmoch b' iad sin a' chòisri chridheil shùnnndach! Cha b'e 'n crùban bochd mar a th' againn an so am mullach tighe—Eirionnaich san dara ceann—fiabhrus sa' cheann eile. Agus b'e sin an gealbhan cridheil—na caorain chruaidh thioram—o chùil na moine—na maidean caoin a' spreathadh gu cridheil—a' ghroideal air an t-slabhraidh—na breacagan eòrna 'gam fuine le farum sùrdail—crùisgein an sud's an so—am buachaille mór a' cur cearcall air a' chuaich bhleogha—an sgalag a' deanamh sgùlaig—am buachaille beag a' deanamh camain—na cuibhlean a' falbh le srann fionnmhor—Ailean nan òran a' cur dheth—a' phoit chabhruich a' plubraich air an teine. Na cluinneam sibh a' ruith sìos na Gàidhealtachd. A rìgh! cha b' ionann's am baile-mór, a tha maith nì's leòir fhad's a sheasas an t-slàinte agus comas cosnaidh; ach an là a dh' fhalbhas sin, tha 'n t-uisge air a thoirt o'n mhuiilionu's cha bhi bleith no rath. O! gleadhraich a' bhaile-mhòir so, agus toit a' bhaile-mhòir so, tinneas a's bochduinn a' bhaile-mhòir so, agus a' chabhaig, a h-uile h-aon 'na ruith's 'na dheann-ruith, mar gum biodh iad uile air tòir bean-ghluine! Ach togamaid dheth. Innsibh so dhomh, na chruinich a' Phàrlamaid?

Cua.—'Sì rinn sin—thug a' bhan-rìgh a h-òraid fhialaidh dhoibh, agus tha iad a nis a' dol air an aghaidh le gnothuichibh na rioghachd.

Each.—'Ni féin, saoil sibh, a chuir r'a chéile 'n òraid?

Cua.—Ud ud! cha 'n i; tha 'h-nile focal air a dheasachadh air a son le a luchd-comhairleachaidh, air a sgrìobhadh a mach dhi co tioram réidh phongail ri searmoin an làimh ministeur.

Each.—Ma tà, tha sin, air uairibh, tioram nì's leòir; ach có iad is luchd-comhairle dhi air an àm?

Cua.—Tha air an àm ceithir-deug dhiubh sa' chomhairle, iadsan ris an abair iad sa' Bheurla *the Cabinet*, air neo *the Ministry*, luchd-riaghlaidh na rioghachd. 'Se morair *Melbourne*, an ceann-stuic, no am prìomh fhear riaghlaidh. Tha a dhreuchd féin aig gach aon diubh so fa leith. Tha gnothuichean *Shasunn* agus *Albuinn* an earbsa ri morair *Normandy*; gnothuichean rioghachdan an t-saoghal ri *Palmerton*; gnothuichean nan cearna iomallach a bhuineas duinn féin an earbsa ri morair *Iain Russell*, agus mar sin sìos; a dhreuchd féin aig

gach aon diubh, àiteachan fa leth aca, daoine eile, agus mòran chléir-each fòdhpa : ach 'nuair tha gnothuch duilich air bith a' tighin 'nan rathad, tha a' chomhairle uile a' cruinneachadh le dorsan dùinte, agus iad air am mionuan nach tig iad thairis air diog do na labhrar. Ach a bhàrr air na ceithir-fir-dheug so, luchd-riaghlaidh na rioghachd, tha Comhairle eile ann a's lionmhoire, a tha air an cruiimeachadh air amannnibh àraid ris an canar A' Chomhairle Dhiomhair. (*Privy Council.*) Tha anns a' chomhairle so air an àm sèa fichead agus trideug, 133, do mhòrairean no ard fhlaithbe, agus mu thinnchioll ceithir fìchend do'n chumanta. 'Nuair tha an ard-chomhairle dhiomhair so air an gairm, cha'n àbhaist do neach air bith tighin san làthair ach iadsan tha 'tarruing le luchd-riaghlaidh na dùthchla, agus air an taobh.

Each.—A' bheil diùc mór *Wellington* am measg luchd-comhairleachaidh na ban-righ, Artair nan cath, gaisgeach nam mile blàr?

Cua.—Cha'n eil è. Tha fios agad nach 'eil esan agus an fheadhain tha ann an cumhachd air an àm, a' tarruing le chéile. 'S esan ceann-stuic no ceannard na feadhnaich tha 'inuigh. 'Se morair *Melbourne* ceannard an dara taobh do thighean nam Mòrairean, agus an diùc ceannard na feadhnaich eile.

Each.—An è? Air m' fhocal ma's esan is ceannard doibh cha'n fhada hlios iad am muigh. Cha b' iongatach leamsa ged a bhiodh Meal-a-bhroin, c' ainm so è, *Melbourne* a mach air an dorus an nth-ghoirid : 's ioma laoch bu tréine na e air na chuir e an ruraig—ach c' àite 'bheil a' Pharlamaid a' suidhe?

Cua.—Tha dà bhuidhionn dhaoine 'deanamh suas na Parlamaid, agus tha'n dà bhuidhionn so a' suidhe ann an àiteachan air leth, na mòrairean ard agus a' chumanta. 'S iad na mòrairean flaithean nà tire, aig a' bheil ainm agus sochairean àraid seach a' chuid eile do shluagh na rioghachd, mar a ta Dùncan—Marcuis—Iarlachan, agus maithean arda eile. 'S iad an cumanta na tighearnan fearainn, na tuathanach, na marsantan, agus an tuath cheathairne air fad. An àm na Parlamaid tha'n dà bhuidhionn so a' suidhe ann an tighean air leth; na mòrairean an tigh nam mòrairean, agus an cumanta an tigh nan cumanta. Tha na mòrairean a' séalbhachadh na sochair a bhi sa' Pharlamaid a thaobh an inbhe, a thaobh am breith, no urram a chuireadh orra; agus aon uair a stigh, tha iad a stigh gu àm bàis : 'se sin eba'n eil iad air an tngadh mar tha'n cumanta o aon Pharlamaid gu Parlamaid eile. 'S iad làithean-beatha Parlamaid seachd bliadhna; ach faodaidh a' bhnm-righ an sgaoileadh 'nuair thogras i—ach so ni nach 'eil air a dheanamh ach 'unair tha barrachd sa' Pharlamaid an aghaidh a luchd-comhairleachaidh na leò. 'Nnair a thachras so's éiginn doibh dol a mach agus a' bhuidhionn a's làidire 'leigeil a stigh. Ma tha barrachd 'nan aghaidh na tha leò cha'n urrainn doibh ni air bith a dheanamh; imridh iad stricheadh agus a' bhuidhionn a's lionmhoire chur air an stiùir. 'Se so tha a' dùsgadh gach strìgh eatorra, n dh' fheuchainn có aig am bi uachdaranaichd na dùthcha—greim bàis acasan tha 'stigh air an sporan mhòr, agus iadsan tha 'm muigh a' strìgh chum a shlaodadh d' an iomchar féin. 'Bheil thu ga thuiginn so?

Each.—'S mì thà—se 'n t-airgiot an gille ! ach innisibh dhomh cia uiread 's a tha do dhaoine ann an tigh nan cumantan air aon àm ?

Cua.—Tha Sasunn a' cur a stigh cóig ceud, Eirinn ceud agus cóig, agus Albuinn da-fhichead 's a tri-deug : an t-ionlan sèa-cend, da-fhichead agus a h-ochd-deug, (658).

Each.—Fhalbh ! tha gu leòir ann ; 'bheil uiread sin an tigh nam morairean ?

Cua.—Ann an tigh nam morairean tha ceithir cheud, dà fhichead agus a h-ochd, (448) 'nuair bhios iad uile cruinn ; ach tha euid diubh sin fo aois. Anns an àireamb so tha deich-ar-fhichead do Easbuigibh eadar Sasunn agus Eirinn, do'n eaglais shuidhichte Shasunnaich. Tha àit aca so, agus guth, co maith ris na morairean a's àirde.

Each.—A nis innisibh so dhomh—a' bheil a' chuid a's mò do thigh nam morairean arda air taobh luchd-riaghlaidh na dùthcha, air taobh inhorair *Melbourne* agus iadsan tha maille ris ?

Cua.—Cha 'n eil idir—tha dlùth do dha thrian diubh 'nan aghaidh agus diùc *Wellington* air an ceann ; ach anns an tigh iosal, 's e sin tigh a' chumanta, tha barrachd air taobh luchd-riaghlaidh na tire na tha 'nan aghaidh ; ach cha 'n eil an dealachadh mórr, theagamh nach 'eil os ceann deich no dusan, ma tha sin féin ann ; agus tha 'n àireamhl so a' fàs na's lugha o àm gu h-àm. O chionn mhios chaidh ceathrar a stigh a tha 'n aghaidh an luchd-riaghlaidh. Ma theid so air aghart móran na's fhaide cha 'n urrainn doibh fuireach 'nan àite, agus tha 'n dà thaobh co dlùth 's gu h-beil spairn bàis taobh air thaobh, a dh' fhenechainn có bhios an uachdar.

Each.—Ach ina tha tigh nam morairean co fada 'nan aghaidh, c' arson nach 'eil iadsan 'gan cur a mach agus a' cur *Wellington* suas an àite Mhelbourne ? Cia mar tha e 'tachairt gu bheil barrachd cumhachd aig muinnitir an tigh iosal, aig a' chumanta, na th' aig na morairean ?

Cua.—Innsidh mise sin duit : cha 'n eil gnothuch air bith aig tigh nam morairean ri sporan no ionnhas na rioghachd ; cha 'n eil diog aca r'a ràdh ann an socruchadh cise' air nì air bith, tha na h-uile gnothuch a thaobh stòrais na dùthcha, togail chìsean, 'ga dhìol a mach a rithist, a páigheadh gach costais, tha so uile 'n earbsa ris a' chumanta 'se sin ri ràdh 's ann 'nan làimh-san tha sporan mórr na rioghachd ; 's ann acasan amhàin tha comas a shocruchadh ciod an t-suim a chuir-ear a mach air son an airm, air son na cabhlach, ciod a bheirear sa' bhliadhna do'n bhan-righ—tha na h-uile nì a thaobh airgiot na dùthcha 'n earbsa riutha. Cha 'n urrainnear saor-dhuais, no beathachadh a thoirt do dhuine ach mar tha iadsan ag àithmeadh. 'Nuair a chruinn-nicheas a' Pharlamaid, ma ta, tha priomh fhear-riaghlaidh na dùthcha tighin air aghaidh ann an ainm na ban-righ, agus ag ràdhainn, "tha leithid so do shuim a dhùth oirnn airson feum na rioghachd, cha 'n uileor dhuinn an uiread so air a shon so, agus an uiread ud eile air a shon sud." Ma tha barrachd 'nan aghaidh na tha air an taobh, diùltar an iarrtus, cha toirear dhoihl na tha dhùth orra ; agus fhad's a tha so mar so cha'n urrainn iad reachd air bith a dheanamh—cha'n eil comas air, 's éiginn doibh strìochdadh, a dheòin no dh' aindeoin dol a mach

agus leigeil le càch an àite 'għabha : agus fanaidh iad so a stigh dìreach fhad 's a tha barrachd a' seasamh leò na a' cur 'nan aghaidh, mar rinn càch.

Each.—Ach nach fhaod a' bhan-righ a luchd-comhairle féin a thaghadh, a cileadairean féin?

Cua.—Faodaidh, ach ciod am feum dhí daoine 'thaghadh nach urrainn a' Pharlamaid a thoirt leò? ciod am maith muinnleir a chur ann am mulionn mur 'eil cumhachd an uisge aige? cha għluais an roth, cha deanar bleith; 's eiggħi da dol a mach agus am fear a's làidire 's aig a' bheil cumhachd an uisge a leigeil a stigh. Le so tha thu 'faċċiġi gur h-i a' Pharlamaid a tha da rīribi a' tagħad luchd riaghlaidh na riogħachd, agus nach h-i a' bhan-righ. Tha aon nì is urrainn di a dheanamh, agus cha b' iongatach leinn ged a dheanadh i an ùine għořid e: faodaidhi i a' Pharlamaid a sgaoileadħ gu buileach, agus Parlamaid unctionach.

Each.—Cha 'n fhaic mi ciod am maith a ni sin di.

Cua.—Iuñsidh mi sin duit. Ma theid moraire *Melbourne* agus càch tha stigh air an àm, a dh' ionnsuidh na ban-righ, mar is dòcha théid iad ann an ùine għořid, agus ma their iad rithe, " Cha 'n urrainn simm a' chuis a riaghlaidh ni's faide, tha barrachd 'nar n-agħaidh na tha leinn—sgaoileadħ sibħse iad—dùinibh a' Pharlamaid, agus glaodhaibh air an riogħachd feedħain eile 'thaghadh—theagħam gum bi iad ni's faide air ar taobh-ne na tha iad so; a dh' aon chuid 's coir 'fheuchaun, oir dh' fhaġħlich iad so oirnn, agus mur sgaoilear iad 's éiġġi duinne dol a mach." A nis is dòcha gur h-i so a' chainnt a a chleachdas luchd-comhairle na ban-righ rithe ann an ùine għořid. 'Nuair a chruunicheas a' Pharlamaid unctionach chi siġi cōt taobh a's làidire, agus 's ann as an taobh sin is éiġġi għum bi luchd-riaghlaidh na riogħ-achd air an tagħadħ.

Each.—Ach an saoil sibħse 'm bi a' Pharlamaid so air a sgaoileadħ?

Cua.—Cha 'n eil fios agamsa, Eachainn, ach 'si sin mo ħħaraj. Cha robli ach mu dħus an taobh Mhelbourne mu 'n àm so 'n uraidh, agus fhuair ceathrar a stigh o sin a tha 'na aghaidh, air chor agus nach bi leth-dusan a bharrachd aige nis thairis orrasan a tha 'na aghaidh.

Each.—S mitħiċċi dha bhi 'bogadħ nan gad; agus is mitħiċċi do na pieobairean a bhi 'cur an sionnsair an ordugħ—bidh latha fogħaraidh acasan 's aig luchd nan tigħejan-ċċosa.

Cua.—Tha feedħain eile ann a tha 'deanamh barrachd dbeth 's a tha iadsan, na sgħiobhaicean 's an luchd-lagħha.

Each.—Na damħain lonach chiocħra! ach coma leibħse, tha 'n obair so, roghnachad luchd-comhairle na riogħachd a' sgapadħ airgid agus a' deeanamh u óran maith do'n dùthaich. 'Saoil sibh nach 'eil focal agamsa nis ann a' chuis so?

Cua.—S nach mōr an t-sochair sin duit Eachainn.

Each.—Sochair? an amai-deachd! tha 'n t-ainni agam 's cha 'n eil tuuillidh. Tha fios agħiġi biss nach 'eil a chridhe agħiġi dol a null no nall ach mar a dh' iarras fear nach ajuu ħiġi mi oirnn—ach 's aithne dħu ġiġi cōt tha 'm bheachd, ach tha sin eadar esan a's mise. Air an àm mu dħiereadħ a bha 'n għoħnix a' dol air aghaidh, 's ann an sin a

bha'n ùprait 's an odhail, do phìobaireachd gus an saoileadh sibh gu'n sgàineadh iad iad féin, a' cur dhiùbh. Thainig an duine urram-aichte bha'g iarraidh a stigh do'n Pharlamaid a dh' ionnsuidh mo thighe le 'phìobaire, agus leth-dusan duin' uasal. "Fàilt air Mr Eachann!" ars' esan; a mach a làmh's am boesa-snaoisein òir. "Cia mar tha *mistress Mac Shirie?*" ars' esan. "Gu robh maith agaibh" arsa mise. Chaidh iad a stigh, agus thòisich esan. "An seas thu mi?" ars' esan "Ne mise," arsa mi fhìn, "ogha do sheanar's mise sheasas, so mo làmh." "Gheall mi o choinn fhada tha fios agaibh eo dhà. Dh' fhalbh e. "Mo mhile beannachd" ars' esan do *Mistress Mac Shirie* agus na páisdean!"

An eeann latha no dhà thainig am fear a bha cur 'na aghaidh, 's ma bha teanga mhaith aig a' cheud fhearr, thug am fear so bàrr air. Cha chuala mi riabh a leithid—chuir e dheth a's chuir e dheth. "An geall thu?" ars' esan—thòisich mi fhìn ri m' cheann a thachas—dh' fheuch e mo làmh a ghlacadh a dhèòin no dh' aindeoin; ach thug mi dni-lenm a mach air an dorus, agus dh' fhág mi esan agus *Mistress Mac Shirie* a shocruchadh na cùise. Ach 'nuair thàinig an latha, 'sann an sin a bha a' phìobaireachd 's a' ghlaodhaich—ach choisinn sinn an latha 's chaidh an duine leis a' bheil mi a stigh.

Cua.—An seas thu e 'm bliadhna, Eachaim?

Each.—Cha'n eil sios agam—chì sinn—ach so deir mi, seasaidh mi iadsan a sheas mì, 's a sheas mo chuideachd; 's coma dhòmhhsa có tha stigh no có tha mach—ach iadsan a thug fearann a's fonn a's àrach dhòmhhsa, seasaidh mise iadsan. Ach na bhaisteadh a' bhana phriónns' òg?

Cua.—Ma thaghlas tu di-sathuirne no di-luain, cluinnidh tu.

Each.—Cuiribh sa' Chuairtear mu dhéibhinn—O l' b' fhèarr gum bu mhise a goistidh, agus *Mistress Mac Shirie* a muine. Slàn leibh!

AIR CRUINN-CHORPAIBH SOILLSEACH NAN SPEUR.

Earrann I.

AN uair a bheachdaicheas sinn gu cùramach air cruinn-chorpaibh soillseach nan speur, a' sinbhal gu ciùin, agus gu riaghailteach os ar ceann, cha choimas dninn gun a bhi air ar lionadh le h-ióngantas, agus gun eigheach a mach'maille ri Daibhidh. "O Iehobhaih ar Tighearna, cia òirdheirc t'-ainm air feadh na talmhainn nile! a shocraich do ghlòir os eeann nan nèamh! 'Nuair a dh' amhairceas mi air do nèamhaibh, obair do mheur; air a' ghealaich, agus na réultaibh, a shnidhich thu, có è an dnine gu'm biodh tnsa eimh-neachail air, agus mac an duine gu'm fiosraicheadh tu e? (Salm. viii. 1—4) An uair a dh' fhosglas sian ar sùilean air na nèamh-aibh, chi sinn gu cinnteach sealladh leis am bu chòir duinn a bhi ùnhail agus iríosal,—chì sinn ni's leòir chum gliocas, comhachd, agus maithieas Iehobhaih fhòillseachadh d'ar tuigse;—agus chum firinn bhriàthar an t-salmadair aideachadh, a deir, "Cuiridh na

nèamhan an céill glòir Dhe, agus nochdaidh na spénran gniomh a lamh." (Salm. xix. 4.)

Tha réultaireachd 'na h-eòlas a ta air gach seòl òirdheirc agus ionchuidh. Is iongantach a' chinnteachd, agus an eagnnidheachd leis an d'fhàiltean leis am bheil reulta nèinh a' ghasad ann an gorm-astar nan spéur! Trìd innleachd agus foghluium, innsidh na teallsanaich, roimh làimh, gach caochlaidh a thig air solusaibh nèimh! Innsidh iad gu pòncail mu dhùbhradh na gréin agus na gealaich, innsidh iad c'uin a thig gach dùbhradh dhiubh so,—cia co mór 'sa bhios iad,—agus cia fada's a mhaireas iad!—Ach ged tha'm fiosrachadh so mòr, agus linachnior, "An urraim an dùine le rannsachadh Dia f'haghail a mach?" "Is esan a ta' na shridhe air cuairt na talmhainn, agus tha a luchd àiteachaidh mar fhionnain-fèoir; a ta' sineadh a mach na nèamha mar sgàil thana; agus 'gann' sgaoileadh mar bhùthi anus an gabhar còmhnnidh." (Is. xl. 22.)

Cha'n e mhàin gn'm bheil rénl-eòlas féumail clnm an iuntiù a liónadh le smuaintibh ionchuidh mu ghlòir, agus mu mhòrachd an Tighearna De;—ach tha e féumail do'n chinne-daoine air son nithe eug-samhla eile. Air an aobhar sin gheibhear an t-eòlas so, ann an tomhas mòr no beag am measg nan uile chinneach! Trìd an eòlais so, tha daoine fòghlinimte a' faotuinn a mach caochlaidh soluis na gealaich,—riaghailtean nan seòl-mara,—cumadh agus mend na talmhainn,—agus suidheachadh agus farsuingeachd dhùch-anna agus rioghlaclidan an domhain! Trìd an eòlais so, mar an céudna, tha bliadhnaichean air an tomhas, agus teachd gach tràth' agus aiinsir air a chomharrachadh a mach? Trìd an eòlais so, tha seòladairean a' faotuinn a mach nan àitean anns aon bheil iad air na cuantaibh mòra agus farsuing, agus a' stiùradh an slighean gnèaruinte do dhùchannaibh an céu!

Mu dh' amhairceas neach air na spéuraibh, air oïdhche chiùin, reòta, gheambraidi, chì e mn mhile rionnag an crochadh mar lòchranaibh drilipneach os a cheann,—chì e iad do gach meud, agus soilleireachd,—enid diubh beag agus fann, agus cuid eile dhùibh mòr, agus a' deàlrachadh le solus soilleir agus seasmhach! Ach ged nach fhaicear ach mu mhile dhùibh so leis an t-sùil lnim, chithear le gloineachaibh innleachdach a fhuaradh a mach, mu'n cnairt do cheud mile, uile còmhla! Agus cha'n 'eil air aireann mhòr so, an coimeas ris an àireamh a ta air an sgaoileadh air feadh farsuingeachd na cruitheachd, ach mar eitean gaineimh air tràigh na fairge! Tha enid dinbli anabarrach mòr,—fishead,—leth-chend,—mile nair nì's mò na'n talamh air am bheil sinu'a' ghasad, agus is gann a gheibhear aon 'nam measg co beag ris! Goirear le teallsanaich rionnagan suidhichte dheth gach solns a chithear anns na nèamhaibh, ach cha'n abrar so ris a' ghréin, agus a' ghealach againne, no ri aireann bheag do renaltaibh ngus do ghealach-airibh eile, agus do rionnagaibh-earbhullach, a ta cuairteachadh na gréine, air an toir sinn cùmftas an déagh so! Tha na rionnagan suidhicte aig astar namhasach, agus do-thuigsinn air falbh uainne; agus an uair a smuainicheas sinn air am mènd, an àireamh, an

nàdur, agus an astar—cha chomas dhuinn, an sin, gun smnaineachadh air cumhachd an Ti Uile-ghildrmhoir sin “a sgeadaich na nèamha le a Spiorad.” (Job. xxv. 13.) Chum beachd a thoirt air astar nan rionnag so air falbh, ghabhadh am peiteir a's lnaith' a chaidh riabh a mach á bénl gunna, ged a dh' fhanadh e 'na dheannaibh, còrr agns innillean bliadhna, mun rnigeadh e cuid dhinbh! Nach ceart a dli' fheudas daoine a' cheist a chnr, Có a rinu na nithe mora, maiseach, agus miorbhñiteach so? Có, aeh an Dia sin, “a rinn an talamh le 'chumhachd,—a shocruich an saoghal le ghliocas,—agus le' thuisge a sgaoil a mach na nèamha.” (ler. x. 12.)

Tha na réulta so nile air an snidheachadh, mar gu'm b'ann, 'nan teaghlaich air leth, air feadh farsuingeachd na crnitheachd! Tha àireamh shònruichte dhiubh, aig am bheil grian doibh fein, m'a timechioll am bheil iad a' siubhal, ann an cuairtibh eng-samhla; agns o'm bheil iad a' faotainn solnis agns teas! Tha àireamh nan grian, agns nan renll, a ta 'gan cuairteachadh air an dòigh so, co mòr, a's nach nrrainn teallsanaich le'n uil' innleachdaibh, a bheag sam bith a dheanamh a mach gu cinnteach mn'n timchioll! Cos-mhuitris gach grian eile, tha a' glirian againue 'ga nochdadhl fein anns na spéuraibh, air a cuairteachadh le a reáltaibh fein, ris am bheil i a' comh-pairteachadh araon solnis agns teas!

Air di a bli fagns do làimh, an coimeas ri grianaibh eile na cruitheachd, tha sinn 'ga faicton mòr, erninn, agus dealrach; am feadh 'sa chi sinn na grianan eile, mar rionnagailh beaga, drilinn-each, a thaobh am mòr-astar air falbh! Ged nach d' fhuair daoine foghlnimte a bheag a mach inn thiomchioll nan rionnag snidhichte, agns nan grian do-àireamh, a ta air an snidheachadh mar shend-aibh boillsgeach, anns na spéuraibh os ar ceann; gidheadh, fhuair iad a mach mòran do nthibh air mhodh cìnnteaelh, mu thiomchioll na gréin' againn fein, agns an teaghlaich blig do na reultaibh, a ta 'g iadhadh gu siùblach, tosdach mu'n cuairt di! Orra so, niine sin, bheirear a nis cùntas goirid agns ciunteach, chn'm's gu'm faicear mòrachd, agus eumlaehd Righ siorruidh na cruitheachd, a dhealbh iad nile an toiseach.

Fhuadaradh a mach gu'm bheil seachd mhór agus ceitlir bheaga do réultaibh seacharanach, a' sinbhal tiomchioll na gréin, ann an cuairtibh air leth, agns gu'm bheil gealaichean aig cùig do na reultaibh so, a ta 'gan cuairteachadh, ceart inar a ta iad fein a' cuairteachadh na gréine! Tha gach aon do na cuairtibh, no do na céarcallaibh mòra so, anus am bheil na reultan a' sinbhal, aig caochladh astair an falbh o'n ghréin; niine sin, tha a' ghrian air a suidheachadh ann am meadhon a teaghlaich,

‘*Cruinn mar làn syiath chruidh nan triath,*’

far am bheil i a' tilgeadh a mach a gathanna-soluis, air gach aon fa leth d'a renltaibh, agus 'gan ath-nuadhachadh gach là le maise, agus soilseireachd! Tha na réultan air an ainmeachadh mar a leanas, agns anns an òrdnugh anns am bheil iad aig astar o'n ghréin. MERCURI, BHÉNUS, AN TALAMH, MARS, BIESTA, IUNO, CENES, PALLAS, JUPITER, SATURN, agus UNANUS.

Bheirear cùnnatas orra so fa leth, ann an earrannaibh eile an déigh so!

SGIATHANACH.

Cillmhoire, Ceud mhiosa a Gheamhraidh, 1841.

SANAS DO PHÀRANDAN.

A Chuairteir Uiseil,

Bho na tha sinu a nis a' dol a dh' fhaighinn an tomhais mhoir, agus a bhiost tuilleadh rùim agaibh, fniliugibh d'ur sean charaid, *Eoghan Og*, gearan a dheanamh ribh air euid de phàrandan na dùcha so.

Tha daoine ann agus 'nuair chlninneas iad am focal *gaol*, 's ann a ni iad gàire, mar nach biodh ann ach focal gun seadh—dall-chuillean, gun tail, gun riasan, gun radhare. 'Se tha 'g éiridh uaithe so gu bheil párandan am bitheantas a' toirt air a' mie, 's air an nigh-eanan pòsadh an aghaidh an toile:—"A Sheonaid, mar toir thu snas Domhull Bàn, agus mur pòs thu Donnacha Mór, bheir mise agus do mhàthair suas thusa gu bràth; cha 'n fhaigh thn gamhainn no mart an t-eachar, agus cha labhair sinn riut air an Rathad-mhór. Domhull Bàn! Gun aige ach trì ceithir-chasaich air nach-dar an t-saothail; nuair a th'aig Donnacha an snidhie-suas is fearr san Eilean."

'S eigin do Sheonaid bhochd striochdadadh: ach eiod e dheth sin? cha do striochdadadh a toil. Ged tha i 'na laide ri taobh a fir tha i brnadair air Domhull,—ged tha 'làmh aig Donnacha, tha 'eridhe aig Domhull, cha tig an latha bhiost i sona, agus cha 'n ioghlaigh idir ged bheir i 'n dràst 'sa rìs dearrasan air a fear.

Mar shoillearachadh air a' chùis so, agus a chum gu'n tugadh párantan an aire, imse mi ni a thachair ann an teaghlach mór o cheann a' nis ionadhbh bliadhna. Bha Morair òg, mac Dine *Queensberry*, ann an caisteal Dhrimlaurig, an trom ghaol air baintighearn òig, bhéunsach, stuaina agus àluinn, do chloinn Mhic Aoidh. Bha lasair na baintighearn òig cho fior ghlan air an taobh eile mach 's a mach. Bha iad mar nach biodh aca ach aon chridhe— aon anam air a roinn eatorra; bu shaoghal doibh comunn a chéile—bu bhiadh's bu dheoch dhoibh sràid an naigheas—bu bhàs do'n dara h-aon ni chuireadh brnaillean air an aon eile; agus 'nnair dhealaicheadh iad hn bhliadhna gach latha gns an coimicheadh iad a rìs.

Ach ars' a' Bhan-Dine, latha de na laithean, ris an Diùc, a fear. "Nic Aoidh! cha tig an latha 'bhiost Nic Aoidh 'na mnaoi aig mo mbacs, no a mac 'na oighre air Drimlanrig. Ma gheallas tusa, ars' ise, gun dol san eadraiginn chi thu gu'n cuir mise briseadh sa' chomunn su, agus nach fada gns am faie thu 'm Morair pòsda ri te eile, te 's coltaiche ris an teaghlach againne, Ealasaid *Hope*." "Tha fhios agad," ars' an Diùc, "gur i *Hope* mo roghainn-sa, ach cha bu mbath leam crois a chuir an sonas mo mhie,—tha chnis ann ad lamhan, air mo shonsa dheth, achi gnàthaich meadhona laghail." Dh'

fhang a' Bhan-Dine e le subhachas, 'si 'g ràdh rithe féin. "Humph! tha meadhona air bith laghail a chuireas eadar am burraidh so agus a' għu-nag ud Nic Aoidh!"

Beagan 'na dheigh so stad litrichean Nic Aoidh a b' abhaist tighinn eo tric a chum a' Mhorair òig; cha robh fios ciod a dheanadh e—bha 'chridhe 'faghail a bhàis 'na chom—theich a chadal—gheill a shlainte—thanaich a ghruaidh! sgriobh, agus sgriobh e—oir air an àm so bha i fad air falbh,—ach freagradh math no olc cha d'thainig! Smuainich e ann fein. "'Ne gu'n do thréig i mi?—thréig! cha'n eil teagamh ann! Cha do thréig, cha'n eil e so-chreidsinn l!"

Latha de na làithean 'nnair a bha 'm Morair òg mar so, ach beag air a bhreth-as, thainig a' Bhan-Diuc, a mhàthair, a stigh agus litir aice 'na laimh. "A bhoganaich gun spéiread, gnn töinig," ars' ise, "nach dubhairt mi rint nach robh an Nic Aoidh ach a bhana-chealgair? Nach d' innis mi dhuit gu'n robh thu' briseadh do chridhe 's a faghail a' bhàis arson te nach tugadh feadag ort? An eisd thu car tiotá ris an fhìrinn?" "A mhathair! a mhathair's mi gu'n éisd" ars' an t' òganach beannuicthe.

Ars' ise, phòs do bhan-dia Nic Aoidh; an creid thu sin?" "Posda!" ars' esan, "cha'n urrainn gn bheil e fior!" "Cha'n eil e fuasach siobholt" ars' a' Bhan-Diuc, "ag a chur am facal do mhàthar, gu sonruichte 'nuair tha agam ri leigeadh fhaicinn duit an litir so bho charaid caomh agus dileas nach sgriobhadh bréng."

Thug i dha an litir—leugh e i, ach 'nnair rainig e'n earrann a dh'innis gu'n do phòs cuisle a chleibh, Nic Aoidh, dh' fhàs e bànn, dh' fhalbh a neart, thuit e taobh a chùil air an àite-shuidhe:—cha robh teagamh tuille sa' chùis!

Nuair thainig e 'uige fein, thurbhairt a mhathair rìs. "'S beag a' shaoil mi gum biodh mac dhomh co beag duinealais. Am bheil idir aon bhoinne do m' fhnil 'nad ehnislibh? Nam-biodh 'sann a dheanadh tu tàir air té a ghnathaicheadh tu mar so—'s fad' o'n chaidh innse dhuit nach b' airidh ort i."

A chnr an sgeòil an aithghearr, ciod a th' agaibh air ach gn'n tug i air choimheideachd e gu Baintighearna *Hope*, agus mnn deach moran laithean seachad għlaç i fein agns am Morair làmhan a cheile—chaidh an t-snaoim a chur nach fuasgladh fiacail: cha bu bheag aighear na màthar air an là sin gu'n d' fhuair i 'toil chrosta féin; agus cha bu l-ħiġha farmad na muinntir òig a bl' aig stòl a' phòsaidh, a' faċċiun dithis co maiseach, co beartach, 's co gaolach, a reir a' chol-tais, a' dol euideachd.

Ach, mo chreach! cha'n eil an sgeni criochnaichite fathast:—cha robh là għn oħħeħna dheigh, 's cha robh droch għuiomh nach d' fħuair a dħuwa. Bha'n lànain òg, a reir choltais, sona gu leor carmios no dha; Achair mios deireannach an fhogħair, sa blħiadhna 1754 thug a għnothach a' Morair do Lunnainn, 's thug e leis a charbad, 'sa cheile mnadha-pòsda: stad iad aon là 'thoirt fojs do na h-eich ann am baile āraidh an Sasunn, agus air do'n Mhorair a bhi

sraídimeachd, leis fein, a deanamh a chas, choinnich cruth àlninne, arleis a chunnaic e roimhe, ach bha i gn mor air atharrachadh. Leum a chridhe 'na ghruidhean—bhualail a chuisle gu bràs—thainig ceò air a leirsinn : sheall e' ris agus dh'aithnich e gràdh 'òige—gaol 'anama, Nic Aoidh! Sheas an dithis car tiota gun chomas labhairt. Ma dheireadh thnbhaint a bhaintighearna shiobhalta mhàlda le gneth ciùin critheanach : “A Mhorair! dh' fhalbh àm dhuibse 's dhomhsa coinneachadh, no labhairt ri cheile, ach O! freagraibh aon cheist. An cnala sibh tuairisgeil air bith muin' thimchiolla nuair threig sibh mi a thiotadh?” “A' cheart cheist,” ars' esan, “a bha mise a dol a dh' fheoraich dh' ibhse!” “A Mhorair,” ars' ise, “tha sibh 'ri fanoid orm. Nach eil sibh pòsda?” “Pòsda l” ars' am Morair, “co phòs an toiseach? Nach 'eil sibh fein pòsda?” “Cha'n eil,” ars' ise, a Mhorair 's cha bhi gn bràth!” Bhail am Morair 'nchd, 's ghlaoadh e “Gu'n tugadh Dia mathanas dhoibhsan a chuir eadar rannin, 's a 'mheall sinn, 's a mhill sonas, agus sìth shaoghalta a h-aon againn air a' char is lugha fliad 's as beò e l”

Bho bheag gus a mhòr fluair iad a mach gum b'i' Bhan-Diùc a b' ùghdar do'n chùis : thng i fainear a chuile litir air gach taobh a ghlacadh 'sa chleith, agns ma dheireadh thug i air caraid dhì fein litir a chuir chuire gu'n do phòs Nic Aoidh. Nuair chunnaic am Morair mar bha cho robh sìth na socair-inntinn aige. Ged nach robh làmh aig a mhnaoi sa' chùis cha b' urrainn e amharc oirre anns an aodann. Thuit a spiorad; scàin a chridhe, agns an ath latha, ri taobh a mhùnatha pòsda anns a' charbad, ghlac e daga, 's thilg se e fein troimh'n chridhe!

Bho'n oilit agus a' gheilt a ghabh a bhaintighearna, a cheile nnadh pòsda, ghabh i' leaha as nach d' éirich i riamh! Dh'eug i corr is bliadhna 'na dheigh so, agns faodaidh sinn barail a bhi againn nach robh inntinn na Ban-Diùcas choirbte tuilleadh is ré rithe!

Nach 'eil an sgenla so a' soillearachadh co neò-ghlie sa tha e bhi sparradh muinntir gu pòsadh far nach eil gaol, 'sa bhi 'giarraidh orra gaol a thoirt far nach nrrainn doibh? Ciod e ged robh an saoghal aig lànain a dheasbhuidh sonais, agus suaimhneas inntinn? Agns, air an laimh eile, ma tha slainte, sonas, agus suaimhneas inntinn aig lànain 's leò an saoghal: 'sleò, co dhiu, sonas nach urrainn an saoghal a thoirt seachad no thoirt air falbh.

'S mise le mor urram,

'Ur caraid dileas,

EOGHAN OG.

Eilean Chola
An dara-mios
1841.

SANAS—Tha propanaich laoghach de chloinn agam : Saoil sibh am faigh sinn ciad acair an America? An coillteach a bhios annta, no ciod e?

E. O.

AN LÉINE-BHÀN.

“ Cha tig an t-aou latha dhì-chnuimhnicheas mi an uair mu dheir-eadh a chunnaic mi duine 'seasainh san eaglais auns an léine-bhàin. Tha nis leth-chend bliadhna uaithe; ach tha e co soilleir a'm chuimhne 's ged a'b' ann air dì-dòmlinnich so chaidh a thachradh e.

Bha duine àraidh anns an sgireachd anns an d' rugadh mi, ceatharnach borb, dùr, dànarrn ris an canadh iad Iain-bàn-mór. Bha peacadh salach sgreamhail air a chur as a leth; cha robh dearbh-adh soilleir air a' chùis, agus sheas e mach 'na aghaidh, a' cur lagh na h-eaglais gu dùlan. Bha e 'chòmhluinidh aon an gleann naig-neach gn h-àrd sa' mhionadh dà mhìle o'n bhaile-gheanbraidh, 'na fhear-cuartachaидh do thuathanach còir aig an robh a' ghabhail. Chuireadh an cléireach uair agns uair d'a ionnsuidh a thoirt gairm dha gu Seisein, no a thighein a chaimt ris a' mhinisteir—ach bha Iain-bàn co suarrach mu ghuth a' chléirich 's a bha e mu dhùrdail a' choilich-dhùibh air Cnoc-carrach bràigh a' ghlinne. 'Nùair chunnaic am ministeir nach robh maith dha bhi 'enr fios a dh' ionnsuidh Iain-bhàin, ehnir e roimhe dol far an robh e, agus seana-chas a bhì aige ris 'na thigh féin. Bha am ministear 'na dhùiné làidir, trenn, smachdail, agus bha 'm meas sin air san àite. Gun fhocal a labhairt ri neach, thog e air, oidhch' àraidh le bata buidhe a' chinn-airgid 'na làimh, agus ruigear Coire-uan-Gabhar, far an robh Iain-bàn a chòmhnuidh. Fhuair se e gu' neach leis 'na shuidhe a' fuaigheal cuarain bhròg dha fein taobh an-teine; 's b'i sin a' chagailt shùnnadach, an giuthas caoin 's na caorain chruaidh, gach aon dinbh cho tioram rì spning.

Is furasda 'thuigsinn gu 'n robh iongantas agus seòrsa do sgàth air Iain-bàn nuair a thníg e có bh' aig an am sin a dh' oidhche 'na bhothan. Bha'n sgiu-dubh fathasd 'na làimh leis an robh e 'gearradh an leàthraig—bha biodag mhéirgeach crochta ris an uinneig, agus ceann iaruinn a' chlàidhe'-mhòir r'a fhaicinn bràigh na leapach, claidheamh air nach robh meirg no stùr latha Chuilodair.

Thilg Iain-bàn an sgiu 's na cuarain seachd; thug e aite-suidhie do'n mhinisteir—ach bhà seòrsa do bhuaireas agus do cholg 'na gluàis agus 's gaun a dhùraiceadh e amharc aon an aodann an duine bheàunaichte 'thainig air turus an fhìor chàirdis a sheanachas ris. Ciod a labhradh taobh air thaobh cha chuala mi; ach so ni a dh' innis an cleireach dhòibh, oir mhòthuich esan am ministeir a' falbh do'n ghleann agus lean e gu dlùth as a dhéigh; agus 'nuair a dh' amhairc e 'stigh air an ninneig 's e gabhail fadail ciod a bha 'ga chumail, chunnaic e iad le chéile air an glùinibh, ann an ùrnnigh, agus thuig e air cainnt a' mhinisteir gn 'n do thaisich eridh Iain-bhàin, agus gu'n robh e air a dhùsgadh gu mothchadh a ghabhail do dhù-umhas a' chionta sin a bha air a chur as a leith. Dh' fhan aon ministeir ùine mhòr maille ris an duine thrnagh so. 'Nuair dhealaich iad, tharruig an cléireach suas ris a' mhinisteir. “Ciod è an spiorad auns an d' fhàg sibh an duin' ud an nochd?”

arsa Calum. "An tusa tha 'n so?" deir am ministeur. "'S mì' arsa Calum, "'s minig a thug sibh o'n tigh mi maille ribh air astar bu shunndhaiche; ar leam gu 'n robh Iain-bàn air a thiomachadh an nochd's bu mhithich dhà." Flreagair am ministeur, "Tha dòchas agam gu 'n robh—biodh an t-each-marcachd deas agadsa 'm màireach, deas gu maith tràth, ma chaomhnuar sinn 's éigin domh falbh ni's tràithe na's àbhaist leam—gheall Iain-bàn mo chòmhlichadh air an rathad agus seasamh an làthair an t-shluagh, a flreagairt a thaobh na tha air a chnr as a leith." "Chì sinn," arsa 'n cléireach, "nach coir fios a leigeil a dh' ionnsuidh Ealasaid mhòir a bhi làthair?" "Tha thu ceart, dean sin, gabh thusa ceum romh chàch a's fàg brath aice—an droch bhuiinneag." "Nitear sin," arsa 'n cléireach, "Ni maith 'na thoiseach."

Chaidh am ministeur d'a sheòmar féin, far na chuir e seachad barrachd ùine na b' abhaist da, agus b' fhurasda 'thuigsinn o'n chainnt a chleachd e 'na ùrnuigh-theaghlaich air an oidhche sin, gu 'n robh iomaguin mhór air, 's gu 'n robh 'inntinn a' rnith air na bha eadar e féin 's Iain-bàn-mòr. Bha e air a chois gu moch. Mar bha e 'ga nigheadh féin 's a cur nime 'chuid aodaich, thubhairt e ri Bean-a'-Bhaile ('se a benl féin a dh' innis dhomh e.) "Bhrnadair mi féin," ars' esan, "aisling iongantach an raoir, 's cha'u urrainn domh gun tighin thairis air, ged is tric a tha mi 'cronuch-adh feadhain eile airson a bhi 'g aithris faoineis do 'n t-seòrsa. Ar leam gu'n robh mi, mar is tric a thachair, a' cur seachad froise fo fhasgadh Chreig-nam-meann air latha na sàbaid, a's ciod a chunn-aic mi ach nathair lùbach riabhach a' tighin a mach à preas—a sùilean lasarra—a teanga ghobhlach phuinnisonta a mach, 's i ag iathadh mu m' chasabh mar gum bu mliann leatha mo lot 's mo mhilleadh. Cha robh bata 'm làimh 's cha robh clach r'a fhaicinn san àite. Bha 'm Biobull agam, agns ann an ionnsuidh no dha thug i orm, bhuail mi sa' cheann i leis, agns thuit i air an lár. Uair agus nair thachair so; mu dheireadh mhothuich mi gu'n d' thainig atharrachadh air a coltas—chium a sùilean ciùin—luidh i gu sàmhach ceannsichte aig mo chasan. Bha seòrsa do dh-óran tùrsach aice—chaill mi gach sgàth bha again roimhpe—thog mi air mo ghàirdean i—ghiùlain mi leam i do'n eaglais, agus mhothnich mi gu'n robh iongantas mòr air an t-shluagh mar chunn-aic iad mi a' gabhail an rathaid, agus an nathair so co soitheamh, shàmhach, neo-lochdach air mo shinbhal. So a nis a chnilein, mo blruadar,—'s ged is ma-dhaoite ainaideach ri'ràdh e, tha mi 'tarrning seorsa do shòlas naithe. Gheall Iain-bàn-mòr mo choinneachadh sa' cheart àite 'm faca mi an nathair. Cha'n eil ceisd nach bi colg a's fearg air, ach tha aobhar-dòchais agam gu'n taisich e. Cha mhòr nach d' aidich e a pheacadh an raoir. Bha mi 'smuainteachadh m' a dhéibhinn fad na h-oidhche, bha mi 'gnidhe air a shon, agns ciod bn àdarra na am bruadar a chunn-aic mi; ach ma thig an caochladh airson a chunn-aic mi 'tighin air an nathair 's mise bhios toilichte."—agus ceart mar thubhairt thachair. Chòmhlaich Iain-bàn am ministeur—bha e fo bhuaireas mòr, ach an déagh seanachas càirdeil, thaisich e, 's ged nach d' aidich e a chionta, cha

deach e gu tur 'na aghaidh. Choisich iad le chéile do'n eaglais, agus gheall Iain-bàn gu seasadh e suas an làthair an t-shluaigh an déigh na searmoin, a thoirt freagairt f holmiseach anns a' chùis a bba air a chur as a leith.—Bha sluagh mòr cruinn air an latha sin sa' Chill.—Bha 'm ministeur 'na slmidhe mar bu ghnàth leis, air foid na feadhnaich a dh' f halbh, e féin agus dithis do na foirbhich, agus Iain-bàn.—Bhuail an clag—thòisich an t-sheirbhuis—shear-monaich e air an latha sin mu namhais là a' Bhreitheanais anns an éiginn do gach aon seasamh an làthair Dhé, agus freagairt air son nan gnìomhara a rinneadh leò anns a' cholainn eia dhiùbh bha iad maith no olc. 'S minic a chuala mi fear mo gluraidh le sòlas, is minic a chuir a namhas agus eagal orm; ach ar leam gn'n d' éirich e air an iatha so os a cheann féin. Bha cainnt agus uirghioll beòil aig an duine aoidheil eireaelhdail so nach enala 's math-dhaoidte nach cluinn nise o neach eile fhad's is beò mi. Chrioth-naich iomadh aon air an latha sin, agus 'nam measg sin hla Iain-bàn-mór. Thainig atharrachadh gu tric air a neul, chunnacas na dedòr a' ruith sios o 'shùilean,—agus chual' iadsan a bha dlùth dha iomadh osunn o 'uchd.

An déigh do'n t-searmoin a bhi seachad, ghairmeadh air a' bhoirionnach a bha 'eur a' pheacaidh as leith Iain-bhàin, seasamh suas. Rinn i so—b' ard a currachd a's b' ard a bathais. Ged sheasadh nathair suas an làthair a' phohuill, cha b' urrainn doibh barrachd sgreamh no oillt a bli orra—chriothmaich iad—oir cha b'e so a' cheud uair no an dara h-uair anns na sheas i san àite chendha, fo ascaoin eaglais. Dh' ainmich am ministeur i, agus an déigh a brosnachadh chum an fìùrinn innseadh, thubhairt e "Cò is athair do d' leanabh? labhair a mach." Mum' b' urrainn i so a dheanamh, sheas Iain-bàn suas. Thog e a làmh. "Mise" ars' esan "athair an leimibh—an làthair Dhé agus dhaoine tha mi 'ga aideachadh"—agus an sin le iarguin mhòr, le reachd 'na mbhineal, ghlaodh e a mach "A Thighearna, air sgàth Chriosd dean tròcair air in' anam!" Ràinig an glaodh so gach eridhe bha san eaglais; agus tha dòchas gu'n d' ràinig e an Ti ard agus thròcaireach mun robh e air a labhairt. Cha robh ceann nach robh cróm—cha robh suil nach robh a' sileadh:—tha mi 'm mearachd—bha a h-aon—a ceam 's a bathais co àrd 's a bba iad riabh—air a suil-se cha robh deur—as a h-neadh cha chualas osunn—agus b'i so a' hhean thrnagh leis na thuit Iain-bàn. Mo thruaighe! mo thruaighe! aon taiseachadh cha d' thainig do réir coslais oirre-se, ged a bhris am peacadh anns na thuit i eridhe a peathar a bha nis fo'n fhòid—boirionnach eo ceanalta 's a bha sau dùthaich, agus ged bha a cionta air an latha sin air a rùsgadh m'a coinneamh air dhòigh a dh' fhaodadh eridhe cloiche 'thaiseachadh;—ach Iain bochd, shuidh e's a cheann eadar a dhà làimh, a' gul mar lecanabh a bhiodh air a sgiùrsadh.—Bha sàmhchair fhada san eaglais—mi' dheireadh thuirt am ministeur, "Seinneamaid chum cliù agus moladh Dhè o thoiseach na 51 Salm."

“ Dean tròcair orm a Dhia nan gràs !
 Cum bàigh ri m'anam trnagh ;
 'Réir mend do thròeair agus t'iochd
 Glan m'nile pheacaidh uam.
 Glan mi & m'chiont a 'réir do ghràis ;
 Deòunnich do shilàinte shaor :
 Dhuit tha mi 'g aideachadh mo lochd ;
 O nochd do thròcair chaoin !”

B'e sin an ceileireadhàiùrsach, tiambaidh. “ Deanamaid ùrnuigl,” arsa 'm ministeir, 's bi sin an ùrnuigl dhrùighteach. Bha Iain-bàn a' caoidh, 's cha b'e caoidh a 'chealgair—thainig taiseachadh air a chridhe crnaidh—b'e so latha cumhiachd Dhié d'a anam—latha an aithreachais—latha nan gràs.

Thainig a' chùis so mu choinneamh na cléire, agus chuireadh mar fliachaibh air Iain-bàn seasamh tri laithean san eaglais ann an léine bhàin. Bha an leine, no an lùireach so, air a deanamh do chainb, currachd oirre bha air a cheangal fo'n smig, agus i sìos gu sàil an duine.—Cha do chuir Iain 'na aghaidh so, bha a spiorad danarra nis air a cheannsueadh. Sheas e ua trì nairean agus rinn e aidmheil inbaith. Air an dòmlinach mu dheireadh theiriùm am ministeir as a' chramhaig, thug e an léine bhàin dheth le 'làmhán féin—ghlac e air làimh e an làthair an t-shluagh, agus thubhaint e “ Dia g'a d' neartachadh !”

Cha do chaochail Iain-bàn gus an robh e 'na dlinne aosoimhor. Bha e stòlda, seasamhach, suidhichte 'na ghiùlan. Bha aobhar a sin aointeachadh gn'n robh e 'na aithreachan firinneach. 'S minic a chunnacas e 'na shuidhe air foid a inbhinnitir sa' chlàdh a' sileadh dheadir ; agus cha do labhair e riabh mu dhéibhinn a' ghnothnich so achi le taingealachd inbòr.

Ged tha 'chuid eile do'n sgeul so rud-eiginn amaideach, faodar innseadh mar shoilleireachadh air an sgàth bha aig daoine sau àm sin romh ascaoim-eaglais. Thug an cléireach an leine-bhàin air a h-ais, agus chuir e i sau àite 'n robh iad a' gleidheadh brat nam marbh—'S maith tha cuimhn' agam air an àite—'S beag feuin a bh' aig an tigh sin air glas a's iuchair san oidhche—Cha b'e h-uile fear a dhùraiceadh a thaghla leis féin sau dorcha.

Bha aig a' mhinisteir ri dol thar a' chaol gn coinneamh-cléire ann an eilean àraighe, agus 's am air a' chléireach a bha cùram a' bhàta-inbòir. “ Fi-ch a Chalum,” ars' esan “ gum bi 'm bàta deas agad di-ciadain gn maith tràth chun an seol-mara ghìlacail—tha bhnait putagan ùr a dheanamh : agus fiach gn'n cuir thu cearcall-màis air an spùidsear, cha mhór nach 'eil e 'na chlarabh briste—gabli beachd air na siùil 's air an acuinn nile, oir tha 'n ainsir robach.” “ Nitear sin” arsa 'n cléireach, “ ach amhaireeadh sibhse 'm faigh sibh dhomh stròic do aodach cainb a chàramh an t-siùil-inheadhoin a shracadh an latha bha na sgaomairean òg ud a mach a' luingearachd leatha—baothairean gun tuigse ; achi cha 'n eil fàth gearain o nach do chuir iad thairis i.”

Ma tà 'Chaluim cha 'n fhiosrach mi gu bheil oirleach do'n t-seòrsa 'stigh—ach fuirich—gahh an leine-bhàin, freagraidh, i gu gasda; tha dòchas agam nach bì feum oirre a'm linn-sa tuille san sgireachd so; 's feàrr a cuir gu feum na leigeil leatha dol a dholaidh." "Ciod a thubhairt sibh? an leine-bhàin! Nì maith eadar ni's il cha chuala mi riabh a leithid, an seol-meadhoin air a càramh leis an leine-bhàin! 's mise nach rachadh gu sàile innse." Bha fios aig a' mlinisteir nach robh math dha bli 'connsuchadh ri Calum—ach chuir e fios air Seorus-nan-Long—thug e dha greim tombaean 's dh'innse dha na bha 'dhithe air. Cha b'fhada bha Seòrus a' càramh an t-siùil, agus a' càramh a bhriogaise cainbe féin mar an ceudna. Thàiuig di-ciadain—'nnair a ràinig am ministeir an cladach bha 'm bàta-mór fo uidheam. Bha sgairt mhaith ghaoithe ann o'n aird-an-iar dhcas, agns toiseach lionaidh. Ghiùlaineadh am bàta gach òirleach a b'urrainn iad a sparradh oirre, ach chuir an cleireach rif san t-seòl-mheadhoin. Thog iad a mach o'n chladach—shuidh an Cléireach aig an sgòd—a shùil ri fuaradh—aon cluairt do na bniill-tharruing aige mn'n tobhta le lùb-ruithe—deas chum gach stròic a thoirt uaire nan tigeadh an t-sìd cas orra. "Bi furachail, a Sheòruis" arsa 'n cléireach, "amhaire a mach." "Cha chreid mi" arsa 'm ministeir nach 'eil fìughair agad ri latha gailbheach an diugh, a chléirich." "'S coma, le'r cead, ciod an fìughair a th' agam; na biodh sibhse ni's dlùithe air Sgeir-nau-sgarbh—sin sibh—cha chreid mi gur misd i'n rif—nach dean tha suidhe, a Sheòruis, ciod an stabhcaireachd 's am falbhan a th' air t' aire?" "Ma tà, a cléirich ghaolaich, o'n is seòrsa do phears'-eaglais thu, bhuineadh dhòmhса bhi modhail—tha mi 'g amharc air an t-seòl-mheadhoin. Nach gasda tha 'n leine-bhàin ag amharc?" "Uist!" arsa 'n cléireach, "faodaidh i bhi 'na léine-dhùibh dhùinne muu tig an oidech—cùm do theanga." Rinn am ministeir gàire. "Cumadh sibhse astar oirre" arsa 'n cléireach—"tha fuara-froise mach o'n ghleann ud thall, mar is minic a bhà; 's coma leam na casachlainn-gréin ud féin—mur 'eil mi meallta tha salchar air an eùl. Sin sibh—cùmaibh astar maith oirre—leigidh mi òirleach no dhà do'n sgòd a mach—mar is lnaithe gheibh sunn fa fhasgadh a' chladaich 's ann is feàrr." "Air t' athais a chléirich, na dean, cùm air, tha frás sgairteil a' tighin, ach coma co dhiùbh, tha rathad aice-se 's tha rathad againne." Le so thainig aon chaitean a mach, o thir, ioma-ghaoth chuartach, a' togail catha-fairge agus omhan cóbhrach roimhpe, a' sguabadh na fairgè, agus siubhal nam mar-caiche-sine eagalach a mach air a' chaol. "Nach d'thubhairt mi rìbh?" arsa 'n cléireach, "tha na doideagan Muileach beò fhathasd; aotromaicheadh sibhse oirre." Sa' cheart am so blàinail oiteag choimheach am bàta, luidh i thairis, leig an cléireach as tarrning an t-siùil mheadhoin, dh' aotromaich e oirre mar an ceudna leis an sgòd; ach coma có dhiùbh, thainig glumag mhaith fhairge stigh air an taobh leis mu achlais tobhta a' chroinn. "Tairngibh air falbh" arsa 'n cléireach "gu fasgadh an rutha, gus an cuir sunn fo shiùil aotrom i. B'eiginn so a dheanamh, thigadh a stigh an seòl-

meadhoin, ghrad tharrning an cleireach a mach an sgian dubh agus mum b'urraiun am ministeur a ràdh gum b'olc, ghrad glicarr e mach na bha do'n leine-bhàin san t-seòl, agus thilg e mach air an fhairge e. "Ciod so rinn sibh?" arsa Seòrus. "Uist! arsa 'n cléireach," air neo cuiridh mi do bhriogais chainbe le a clùdan grànnuda 'na dhéigh." Cha d'thnuirt Seòrus diog. "So, so," arsa Calum cléireach, "suas na siùil, cumaibh a nis oirre fbad 's a thogras sibh, 's mise nach abair gnr h-ole; thig a so a Sheòrnis, suas e—sin thu—gabh aige—tha 'n fhras seachad—na caomhnaibh a nis—mo ghalad! 'stù nach obadh e—sin thu, ni thu eeòl dnit fèin a nis—tha sann fo d' shròn."*

Chaidh an fhras seaeadh—shìn air an t-soirbheas—rànig iad tir—ghabh iad mu'n bhàta—'s cha 'n eil do Chléir air thalainh na bheireadh air Calum Cléireach a chreidsinn nach i 'n leine-bhàin a dhùisg an iorghuill.

"AIR DITEADH GU BÀS GUN DEARBHADH SOILLEIR."

Is liomhhor eisimpleir a ta againn air daoinibh a bhi air an eur gu bàs gn neo-chiontach, do bhrigh nach robh an dearbhadh a bha 'nan aghaidh cinnataach ann fein. Bu chòir, uime sin do bħreith-eamhnaibh a bli anabarrach cùramach ciod an fhiannuis leis an dìt iad an co'-chréntairean fein gn bàs, do bhrigh gnr fearr fishead ciontach a chur fa sgaoil, na aon neach a chur gn bas agus e neo-chiontach.

Bheir sinn cùnnatas air cùis iongantaich do'n ghnè so, a thachair o cheann ghoirid ann an Sasunn. Bha fear do'm b' ainnm Ionatan Bradford a' eumail tigh-òsda ann an siorramachd Oesfoird, a bha fo dheadh chliù. Bha dnin'-ùasal do'm b' àinnm Haies, a' gabhair na slighe gu baile Oesfoird, agus chuir e suas car òidheche ann an tigh Bhradfoird. Ghabh e a shuipeir maille ri dà dhuin'-nasal eile, agus gun umhaill sam bith, dh' innis e dhoibh gn'u robh mòran airgid m'a thimchioll. Aig àm ionchuidh chaidh iad gu fois: chuireadh Haies do sheòmar leis fein, agus an dìthis eile do sheòmar anns an robh da leabaiddh, far an d' fhág iad, a réir cleach-daidh mòrain shnaigh, coinneal a' lasadh rè na h-òidhche! Ann an tine ghoirid an déigh dhoibh dol d'an leapaichibh, dhùisg fear do'n dìthis dhaoin'-nailse, agus air leis gn'u eul a osnadh tròm anns an ath sheòmar, dh' éirich e, dhùisg e gu ciùin a chompanach, dh' eisd iad le chéile car tannuill, chual' iad caoidh agus gearan, mar aig neach a' dol gn bàs, leùin an ath fhear as a leabaiddh agus għluais iad 'nan dìthis gn tosdach a dh' ionnsnidh doruis an t-seòm-air, anns an robh iad a' cluinniù a' ghearrain. Cha robh an dorus buileach dninte, agus chunnaic iad solns a steach. Dh' fhosgail iad an dors, chaidh iad a stigh, agus feuch! an t-eagal leis an do blħaileadlı iad, an nair a chunnaic iad dnine 'san leabaiddh 'ga aoirneagan 'na fluil fein, agus dnin' eile cróm os a cheann, le lòchrau 'san aon làimh, agus sgian 'san làimh eile. Is luath a

dh' aithnich an dà dhnnin'-nasal gu'm b'e am fear a mhortadh, esan a ghabh a shuipeir maille riù, agus gu'm b'e fear an tigh-òsda fein, aig an robh an t-inneal bàsmhor 'na làimh! Rug iad air Bradford, thng iad an sgian uaith, agns chuir iad 'na éndann gum bu mhortair e! Ach thagair esan a neo-chiontas fein, chaidh e as àicheadh gu dìan ag ràdh gu'n d' thainig esan an sin leis a' cheart rùn leis an d' thainig iad fein, gu'n eual e osnadh, gu'n do lénm e as a leabaidh, gu'n do las e solus, gun d' thug e sgian leis chum e fein a dhionadh, agus nach robh e leth mionaid 'san t-seòmar mun d' inndrinn iad fein e!

Cha deanadh na leisgeulan so féum dha, chnireadh an làimh e gu maduinn, agus thugadh an sin e, an làthair fir ceartais a bha sa 'choimhearsnachd. Bha e do ghnàth a' tagradh a neo-chiontais fein, ach bha ni-éigin amhurasach mn'n euairt d'a ghiùlan, a thng air an fhear-cheartais a ràdh, " Cha ruig thu leas a bhi labhairt mar sin, a Bradford, oir tha e cìnnteach gnr tusa no mise, a rinn am mort so."

Bha 'n gnìonh oillteil so ann am bénl nan uile, agns leis ua h-uile bha Bradford air a dhíteadh! Ann am beagan ùine an déigh sin, thàinig là na deúchainn, ann am baile Oesfoird. Bha 'chùirt air a lionadh leis gach àrd agns iosal. Thngadh Bradford an làthair nam Breitheamh, agns thagair e a neo-chiontas fein. Ach ciod a b' urrainn a bhi ni bu treise na fianuis an dà dhuin'-uasail? Mhionnaich iad gn'n d' fhuair iad Haies air a mhortadh 'na leabaidh, gn'n do ghlac iad Bradford ri taobh a' chuirp le sgithin agns lòchran, agus gu'n robh an sgian agns an lámh anns an robh i làn fola! Chuír iad an céill gn'n robh coslas ciontach air a ghiùlan, an uair a chaidh iad a stigh do'n t-seòmar, agus gu'n eual iad beagan mhionaidean roimhe sin, caoidh agus, gearan an dñine a mhortadh!

Ghabh Bradford a leisgeul fein, agns thagair e a chùis mar a rinn e roimhe ach bha na breitheamhna a dli' aon lnntinn, ag ràdh, gu'n robh gach leisgen a thagair e faoin agus snarach, an coimeas ris an dearbhadh laidir a bha 'na aghaidh. Bha 'chùis co soilleir an aghaidh a' chiontaich, 's nach do sruainich an luchd-deuchainn gu'n robh aobhar idir aca dol air leth do sheomar eile, chum am barail a dheanamh suas, 's a chnr an ceill, ach ghlaodh iad a dh' aon ghuth, gu'n robh am priosanach ciontach do mhortadh Mhaighstir Haies!

Beagan an déigh sin chrochadh Bradford, agus bha e gus an uair fa dheireadh a' cur an céill, nach robh e ciontach, agus gu'n robh e ga h-iomlan aineolach mn'n mhortadh, ach cha robh neach sam bith 'ga chreidsinn!

Bha Bradford, gidheadh, ag innseadh na firinn, oir cha b'e idir a rinn am mortadh!—Rinneadh e le gille an duin'-uasail a mhortadh,—agus co lnath 'sa shàth e an t-inneal marbhtach ann an corp a mhaighstir, ghrad thng e as 'eudach an t-airgiod, uaireadair òir, agns nithe lnachmhor eile, agus rnith e air ais d'a sheòmar fein! Cha b' urrainn so uile tachairt ach mn aon mhion-

aid mun deachaidh Bradford a steach do sheòmar an duin'-uasail a mhörtadh! Flhair an sàoghal fios air so uile, a mhàin, trìd agartais coguis an fhìor mhörtair. Dh' fhàs e tìnn ochd mìosa deùg an déigh do Bradford a bli air a chur thairis, agus dìrinnis e gach nì gn saor. 'Se aithreachas leabaidh-bàis a bh' ann, agus air da bàs fhaotuinn, chaill an lagh a chreach!

B' feàrr air dòigh, gu'm b'e so an t-iònlan, ach tha tuilleadh fathast ri ìmseadh! Ged bha Bradford neo-chiontach do'n mhort so, bha e gidheadh 'na mhörtair 'na chridhe! Chnal e, co math ris a' ghille, Haies ag ìmseadh aig a shuipeir, gu'n robh mòran airgid air a shiubhal, agus chaidh e gu ruig a sheòmar leis a' cheart rùn a bha aon an cridhe a ghille a mhort e! Bhuaileadh le h-ionganlas agus eagal e, an uair a chunnnaic e an gnìomh sin air a dheanamh, a bha 'na chridhe fein a dheanamh! Cha b' urrainn e a shùilean fein a chreidsinn, agus air da an t-eudach-leapach fhillleadh sios, dh' fheuchainn an robh an duine da rìreadh air a mhörtadh, thnit an sgián as a làimh air a' chorpa, agus mar so, 'n uair a thog e i, bha i fein agus a làmh làn folal! Aig a' mhionaid 'san d' rìnn e sin, chaidh na daoin'-uайлse a stigh far an robh e! Dh' innis Bradford na nithe so uile do'n mhìnisteir a bha 'frithealadh dha, an déigh dha bhi air a dhìeadh gu bàs, ach cha robh esan no neach idir eile 'ga chreidsinn.

Tha sinn a' faician ari so, eadhon an rùn a mhàin chum aingidh-eachd ghràineil a chur an gnìomh, air fliosrachadh le dioghaltas agus peanas; agns tha so a' deanamh soilleir dhuiinn, gur mòr-blàileach oibre freasdail Dé! Ach a thuilleadh air so, tha rabh-adh ari so do na h-nile, iad a bli air am faicill nach feuch iad an airgiad agus an òr do shluagh eile ann an àitibh coimheach. Thuit Haies 'na chreich do mhi-chùram air an dòigh so. Bha buaireadh an airgid tuilleadh 's làdir, tha sinn a' faicinn air son dithis do'n chuideachd blig sin a bha làthair air an oidhche sin! Nach soilleir an dearbhadh so air briathraibh an abstoil, gur h "e gaol an airgid frèumh gach uile."?

SGÌATHANACH.

Ceùd mhìos a' Gheamhraidh, 1840.

SOLUS NA GEALAICH.

'Se thig o'n Ghealaich solus fuar,
Marbh-dheàrrsadhl truagh gnn stà,
O'n oidhche gheibh i màis' a snuaidh,
'S bidh foluicht' uainn san là.

Cha toir a fann-ghath thugainn blàs,
Ge h-àillidh i 'na cuairt,
Faodaidli sinn dearcadhl air a h-àgh,
'S a bhi dol bàs le fuachd.

Tha, ceart inar so, gach solus faoin
Bheir reusan daonna bhuaith,
Cha 'n fheuch do nì ach sealladh clouston,
'S cha mhaothaich eridhe crnaidh.

'S tha sealladh fnar da'n fhocal bheò,
Mar so fadheòidh 'na bhàs!
Oir ciod an tairbh tha 'n gibhtibh mòr
Gun sradag bheò de ghràs?

Th'an soisgeul mar a' ghlrian tra nòin,
'Toirt soluis glòrmhor iùil,
'N sin luidhidh *gealach* naill na feòl'
'S cha 'n fheuch nì's mò a guùis.

'S cha solus 'mhàin, a thig o ghlras,
Ach enmhachd àraidh beò,
Bheir blàth nan ròs air sléibhítibh fàs,
'S air peacadh bàs a's bròn.

Ead. leis AN DILLEACHDAN GUN MHAOIN.

Raogha-dail na H-Earradh, 1841.

MU BHÀS MHIC'-IC-SHÉUMAIS, CEANNARD OG NAN GRANNDACH.

A Chuairteir Urramaich,

Nain faodadh e bhith gu 'n ceadaicheadh sibh do neach airson a dheadh rùin, saorsainn a chleachdadh chum sgrìobhadh do 'r n-ionnsuidh, 's mise h-aon aig am bheil eridhe nach leig fear eile air thoiseach 'ann an deadh dhùrrachd do 'r taobh. Is fior nach 'eil mo bhuidhansa àrd, no mo sgoilearachd ainmeil, chum ni sam bith a dheasachadh air son Cuairtear nan Gleann; ach tha mi san àm air mo dhùsgadh le déigh gum faiciun am Marbh-ranu a leanas an clò; agus cha 'n 'eil àit' eile sam b' annsa leam fhaicinn, na sa' Chuairtear fheumail tha sibhse 'eur a mach. Ma tha airidheachd sa' Mharbh-rann cha 'n urrainn mi ràdh; ach nam b' aithne dhuibhse cuspair an t-seanachais, cha mhór nach faodainn a ghabhail orm féin a ràdh, gu 'n deanadh sibh bròn air son bàis "Mhic'-ic-Shéumais." B'e sin Fraing Uilliam Grannd, òg cheannard Ghranndach Shrathspé, agus Oighre 'n Teaghlaich a bha ainmeil fad iomadh linn, air son gach bnaidhe bha measail. Tha oidhrip air a thoirt sa' Mharbh-rann, a dh' fheuch-ainn eor brònach na tire 'nnair a chualas sgeul a bhàis; agus brònach cha b' ioghuadh dhoibh a bhith; chaill iad an Tighearna bha airidh air ainm am measg fior cheannardaibh nan Gàidheal. 'Nuair bha e air a thuras air feadhlí na Gàidhealtachd, 'ga thairgse féin choim bhi 'na bhàll de àrd chomhairle na rioghachd airson Siòramachd Inhlirnis, agus ag iarraidh guth-taghaidh gach duine leis am b' àill a thoirt dhà, chuireadh fàilt air anns gach ionad le furan a's meas. 'Nuair a ràinig e 'n t-Eilean Sgiathanach far am bheil na fir fhogh-

ainteach threuna agus chinneadail, ionad co fada o thîr 'eòlais 's a tha san t-siorramachd gu léir, cha d' iarr iad tuille forghais mu 'dhéibhinn gus an guth-taghaidh thoirt seachad, ach gu 'm b' è ogha Shair Seumas, an duine math agus suairce. Bi'dh iomradh gu bràth air a ghraoineachas a bha san ionad sin, agus ann an Lochabar nan laoch gasda, san àm sin anns an robh e air aoidheachd 'nam measg. Cha ruigear a leas bhi toirt luaidh air a' mheas a bh' ac' air, agus an spéis thoillteannach a thug iad dhà 'na thîr fein o'n cheud là chunnaic iad a ghluis fhìlhathail agus ghràdhail. Ach, ged a b' àrd an dòchas d'a thaobh cha b' fhada mheal iad Ceannard an gràidh, chaochail esan ann am maduinn a shamhraidh; oir cha luate thòisich am fiùran allail so air sgaoileadh nan geug agus fosgladh nam blàth, bha geall-tainn dìon agus toraidh do 'n chòisir bha suidhichte fo 'sgail, na ghearradh sios e gu h-obann leis an inneal nach diobair fiùran no crann 'S mise 'Chuairteir rùnaich agus mheasail.

SPÉACH.

Lagna Crìche,
Mìos deiridh an Fhoghair, 1840.

MARBH-RANN DO MHAC MHIC SHEUMAIS.

Och nan och ! ciod an sgeul so,
Tha nise ri 'leughadh san tìr,
Dh' fhàg sùilean cho deurach,
'S ioma cridhe gun éibhneas gun sìth ?
Chì mi gruaim air gach tulaich,
'S tha gach là leam cho dubhl'rach ri oidhch',
'S truagh an sgeul leam 's gur duilich,
'S cruaidh an t-eug sin a bhuin ris an Oighr'.

Ann an tìr nan crann uaine,
'S ionadh cridh' tha fo smairean san àm,
O'n tha 'n reull sin air cadal,
'S tric a shoillsich ar talla 's ar gleann ;
O'n a luidh an reul-iùil sin,
A's minig a stiùr na fir òg,
'S lionar cridhe bhios ciùrrta,
'S tric snidhe o'n sùilibh gu'm bròig.

Anns a' chlachan an Dao' all
Air a thasgaidh sa' chaol-tigh, gun tuar,
Tha do chridhe bha caoinhneil,
'S do chaomhl-mhala aoidheil gun ghruaim ;
'N sin tha 'u t-sùil a bha smiorail,
'S tric chuir sùnnid ann an spiorad nan Gàel :
'Nuair a chiteadh thu 'tighin,
'S lionar sonn bhiodh 'gad fibritheal le fàilt
'Nuair à thill thu bho t-oileap,
As an Eadait, a's ionadh tir chéin ;
Chuir thu suarrach gu bnileach,
Gach faoineas a chunn' thu fo 'n ghréin :

B'ann a thaisbeanadh caoimhneis,
 Dha do chinneadh 'n robh t-aoibhneas gu léir ;
 'S cha do mbiannaich thu dh' urram,
 Ach an spéis-san bhi dhuitse dha réir.

Gus an d' thàinig thu 'n tìr so,
 Aig do threnbh cha robh ciant air do ghràdh,
 Ach fo' d' bhreacan a's t' fhéile
 Dhùisg thu buileach gair-éibhneis do chlainn,
 'S ged 's ann duinne bu chàire,
 Thusa theagasg an gnàths fhear nan gleann,
 'S aon bhiodh tusa 'ad sgàthan,
 Do na h-uile fior Ghaidheal bhiodh ann:

Ain fear a dh' innseadh mu d' dhéibhinn,
 Dha cha b' uileor bhi geur ann an cainnt ;
 Bu tu 'n t-òg-fhlath bha spéiseil,
 Le do chinneadh 's gach tìr agus gleànn ;
 Nan tugadh uainn le neart dhaoin' thu,
 'S ioma' fear bhiodh gu d' shaoradh 'nan deann,
 Ach o'n bhuinnig am bás thu,
 Cha dean duinealas stà dhuinn san àm.

Ciod am feum bhi ri briathraibh,
 Leam cha 'n aithrisear trian de do chliù ;
 'S iomadh tìr 'bheil iad lionmhor,
 Bha a' moladh do rianan o d' thùs ;
 'S bha cuid ann ag ràdhainn,
 Gu 'n robh thusa ro-mhath gu bhi buan,
 Leis cho choltach 's a dh' fhàs thu,
 Ris an dream tha 'nan càirdibh do 'n Uan.

Ann ad aodann bha siobhalt'
 'S mòr bha 'choltas nain fireana còir ;
 'S tha mi gabhail toilintutinn
 Ri thu fhaicinn an Rioghachd na Glòir,
 Ged tha mise neo-shùnnadach,
 Bho nach fhaic mi do shùil-sa ri m' bheò ;
 Bho 'n a chrioch Mac Mhic Sheumais
 Cha dean mise gair-éibhneis ni's mò.

IMRICH DO DH-AMERICA MU THUATH.

Tha cor nan Gàidheal a nis fo bheachd ard-chombhairle na rioghachd—tha fiannisean a thaobh cor na Gàidhealtachd, an déigh sumanadh fhaotainn gu dol suas chum òhi air an ceasnachadh fa chombhair buidhinn àraig do'n Phàrlamaid. Tha an duine urram-aichte, *Dr Rolph*, o Chanada, air tighin a nall, agus tha esan ri bhi air a cheasnachadh mar an ceudna. Cha 'n eil teaganh againn

nach tig math as a so. Chuala sinn ainmeannan nan daoin'-uaise Gàidhealach tha 'dol suas, agus cha b' urraiu iad daoine bu tuig-siche, a b' fhìrinniche agus bu chairdeala a thaghadh—daoine aig a' bheil barrachd spèis agus gràidh a thaobh an luchd-dùthcha, no barrachd tograidh chum maith a dheanamh dhoibh.

Bitheadh foighidinn aig na Gàidheil. Na tilgeadh a h-aon dinbh uapa 'n croitean no an tighean air a' Bhealltuinn—na biodh cabh-ag orra—cluinnear an ùine ghoirid na tha dol air aghaidh—leigidh sinn fios d'an ionnsuidh, agus faodaidh iad làn earbsa 'chàramh ann. Còmhairle eile bheireamaid dhoibh, gun a bhi ann an cabhaig gu an làmb a chur ri paipeir air bith air son dol thairis leis an duine nd no leis an duine ud eile. Tha fios againn gu bheil fear, mur 'eil fear no dithis, air töiseachadh cheana chum am mealladh, ag ràdh gu bheil bàrautas acasan ainmeannan a thogail. Chuala sinn mu aon flear tha'ga chur so a mach; ach cha'n eil focal firinn an so, 'se sin cha'n eil ùglidarras aige bho'n Pharlamaid, agus na creideadh daoine e. 'Nuair thig so cluinnear e o cheann gu ceann ua dùthchla.

Tha feadhain eile, tha sinn a' cluinntinn, a' dol mn'n enairst a' càineadh nan daoin'-uaisle sin tha 'cur air aghaidh na h-imrich so, ag ràdh gu bheil a mbiann oirnn na Gàidheil fhògradh o'n dùthaich. Na cealgairean! cha teid iad féin fad an lùdaig air an son, agus cha leig iad le feadhain eile math a dheanamh guu a bhi 'gan cùl-chàineadh. Cha mhiann leinn na Gàidheil fhògradh—tha sinn co gaolach orra riùsan; ach 's miannach leinn cuideachadh agus comas fhaotainn doibhsan tha togarrach air dol thairis. Tha móran dinbh 'dol bàs aig a' bhaile, 'nan tràillean; agus cha'n eil dichioll no oidhirp, no saothair a's urrainn sinn a chleachdadh chum còmh-nadh leò, nach deaa sinn, a dh' aindeoin có theireadh e. - San ath àireamh tha dòchas againn gum bi naigheachd a thaobh so agaiun o Lunnuin.

BAISTEADH NA BANA-PHRIONNS' ÓIG.

Thachair so air an t-seachduin a chaidh seachad, ann am pàilliun dreachmhor na ban-righ ann an Lunnuin. Bha eadar ceithir agus coig fichead san làthair do mhaithibh àrd na rioghachd. 'Se àrd Easbuig Canterbury a bhaist an naoidhean, agus tri no ceithir easbuigean eile maille ris.

Bha iomad goistidh agus bana-ghoistidh aice. 'Nuair thainig iad chum a' chuid sin do'n t-seirbhis, chàirich a' bhanaltrum an naoidhean air lamhan an àrd-easbuig; agus thugadh mar ainm dhi, *Victoria Adelaide Mary Louisa*.

Cha'n eil againn ach a ràdh, mar tha sinn ag ràdh o ghrunnnd ar cridhe, gum beannaicheadh an Tighearn a' bhana-prionus' òg, agus gu robh i air a caomhnadh gu bhi 'na beannachd d'a teaghlach àrd, agus do'n rioghachd gu h-uile!

NAIGHEACHDAN COITCHIONN.

The a' Phàrlamaid 'na suidhe, agus mun ruig so ar luchd-leughaidh, no mum bi e'mach as a' chlò, 's dòcha gu'm bi naigheachd mu dhéibh-inn nan gnothuichean a tha nis aca fo'n smuaintean. Tha spàrn mhòr air an àm eadar an dà bhuidhinn, agus is doirbh innseadh cò bhios an uachdar.

SGIORRADH-FAIRGE FIOR MHULADACH.

Sheòl long Americanach d' am b' ainm an Governor *Fenner*, á Liverpool chum New York air di-h-aoine, an 19 là do 'n mhìos so chaidi. Air an ath mhaduinn, mu dhà uair, agus iad a mach o Holyhead, choinnich iad am bata-toit d' an ainm an Nottingham, agus thainig iad an aghaidh a chéile le neart uamhasach! Bhuaill an long am bata-toit mu 'teis-meadhon, agus leis a' bhuille so chaidi ceann-toisich na luinge a spealgadh 's a thilgeil a stigh air a' chuid eile dhi; agus ann am beagan mhionaidean 'na dhéigh so, chaidi i fodha le SÉAFICHEAD AGUS DA PHEARSA air bòrd. Mu'n àm sin a dh' oidhche-bha 'chuid bu llionmhoire dhìubh 'nan cadal, agus cha 'n eil teagamh nach ann 'nan leapannan a bhàthadh mòran diubh; gidheadh rinn cuid diubh clar-uachdair na luinge; agus tha muinntir an Nottingham ag ràdh gu'm bu clàriteach r'a chluinntiùn a' ghaoir a chuir iad suas, agus mo thruaighe! gun chomas aig duine beò an teasraiginn. Chuir muinntir an Nottingham a mach bàta, ach chaidi ise fodha mar an ceudna, agus ann an tòine bhig bha sùnnichair a' bhàis mu'n cuairt. Cha do thèaruinn a h-aon ach an caipein's am mate. Chaidi am bàta-toit a dhochunn gu mór, ach o'n a bhuaileadh i anns an àite hu làidre dhi, cha robh e cho dona dhise 's a bha e do 'n luing; ach chaidlì a dochunn co mór 's gu'n robh i gun chomas gluasad, gus an d' thainig bàta-toit eile maduinn di-sathuirne, a thug a stigh do Liverpool i.

Bha mòran cruidh agus chaorach air bòrd an Nottingham. Chaidi seachd-mairst-deug a mharbhadh; a bharrachd air sin chaidi seachd mairst agus ochd-deug 's tri fichead caora thilgeil thar an taobh; agus bhàsaich a h-aon deug eile mun d' ràinig iad am port.

Chunnaic sinn cùmtasan mu 'n ghnothuich mhuladach so bho chaiptein na luinge, o muinntir a' bhàta-thoit, agus o'n luchd-turuis a bha air bòrd oirre; ach fhathast cha 'n eil e furasda dheanamh a mach cò aig an robh a' choire. A réir a' chùntais, bha aig a' bhàta-thoit trì lòchrain crochit ann an àiteachan arda follniseach; ach cha 'n eil e air a ràdh gu 'n robh solus sam bith aig an luing. Bha muinntir an dà shoithich a' glaothaich r'a chéile beagan mun do thachair an sgiorràdh, agus 's ann o inhearachd stiùradh a dh' éirich an cruaidh-flhortan so. Nam biodh iad 'nan dithis air stiùradh mar bu chòir dhoibh a réir riaghailtean mharaichean, bliodh iad 'nan dithis sàbhailte, no nam biodh solus a mach aig an luing, dh' fhaodadh iad aìn mi-flhortan so a sheachnad. Ach ciamar air bith tha sin, 's muladach an sgiorràdh e, agus cha 'n eil sinn gun eagal gu 'n robh cuid d'

ar luchd-dùthcha 'nam measg, ged nach cualas fhathast na h-ainmeanan. 'S cianail a smaointeachadh an àireamh mhór shluagh so a bha fàgail an dùthcha, làn dòchais gu robh sonas agns saoibhreas a' feith-eamh orra taoblh thall a' chnain, gu 'n deachaidh, ann am midnайд, an smàladh fo'n fhairge, gun uiread agus comas oidharp a thoirt air snàmh! Agus is uamhasaiche nà sin uile an smuain, gu'n deachaidh iad air an doigh so a thilgeadh an làthair an Cruitheir, 's gun iad idir a' smuain-teachadh air a leithid.

FIOS CHUM LUCHD-LEUGHHAIDH A' CHUAIRTEIR.

Tha eagal oirnn nach do thuigeadh gu maith na thnbhairt sinn mu thimchioll na feadhnmach a bha 'faotainn a' Chuairteir an nasgaidh. Bha na leabhrachaean a bhatar a' faotainn an nasgaidh air an cur a mach leinn féin o Ghlaschu. Cha robh tìghdaras aig a h-aon air bith dliùbh-san a tha 'gan reic air feadh na dùthcha, 'se sin na h-agents auns gach àite, a h-aon air bith a thoirt an nasgaidh.

Bidh cùnnatas air a thoirt a nis o àm gu h-àm air na margaidhnean.

LEABHRAICHEAN ÙRA GÀIDHEALACH.

Bha 'shannnt oirnn san àireamh so iomradh thoirt air da leabhar ùr, a h-aon diubh le Mr Seumas Munro, agus au t-aon eile le Mr Iain MacCinnich; ach le cion ruim feumaidh sinn leigeil leò gus an ath àireamh.

TRÀTHAN NA GEALAICHE.

MÍOS A' MHÀIRT, 1841.

Solns làn air an t-seachdadh là.

Ceithreamh na h-earra-dhnuibh air a' chóigeamh là-deug.

Solns ùr air an treas-là-fichead.

A' cheud cheithreamh air an deiche-là-fichead.

GLASGOW :

PUBLISHED BY THE PROPRIETORS,

J. & P. CAMPBELL, BOOKSELLERS AND STATIONERS,
63, ARCADE

Edinburgh : M'Lachlan, Stewart, & Co.; Aberdeen : George King; Dingwall : A. Keith; Dornoch : Wm. Munro; Thurso : Mrs Russell; Inverness : J. Bain, & Co.; Dundee : Wm. Middleton; Oban : J. Miller; Paisley : A. Gardner; Greenock : A. M'Iver; Grantown : H. M'Gillivray; Abernethy : D. Gordon; Dunkeld : D. M'Donald; Portree : A. M'Donald; Balachulish : J. M'Innis; Lochgilphead : N. Gillies; Fortwilliam : Lachlan Cameron, writer. And may be had of Schoolmasters, generally, throughout the Highlands.



AN LA A CHI'S NACH FHAIC.

CUAIRTEAR NAN GLEANN.

MÍOS DEIRIDH AN EARRAICH.

AN 14th AIREAMH.]

APRIL 1, 1841.

[PRÍS 6 SGILLEAN.

CONTENTS :—The Dog, the Fox, and Serpent, a Tale, page 31.—Laws of Heat, 41.—The Serpents of Ceylon, 44.—Perils and Privations of the Desert, 48.—Sketch of a Steam-Ship Voyage to America, 52.—America and Britain, 54.—Letter from Dr M'Leod, 56.—A Lament, 59.—New Gaelic Books, 59.—Phases of the Moon, 60.

SUIRIDHE A' MHADAIDH-RUAIDH, NO 'SI 'N ONOIR A BHEIR BUайдH.

SGEULACHD A RÉIR NÒS NAN SEANN SGEULACHDAN GÀIDHEALACH.

Roimhe so o chionn fhada an t-saoghail (ma's fior an naigheachd) bha deadh Ghàilig' mhilis bhlasda aig uile bheathaichean na tire, agus cha robh gamhlas, no mì-run, no naimhdeas air bith eatorra, mar a chì sinn a nis; ach bha iad uile caoimhneil cairdeil carannach r'a chéile, mar bu chòir do Ghàidheil a bhi. Dh' oladh iad taobh ri taobh as an aon sruth—chaidleadh iad anns an aon phreas—agus chiteadh iad a' mireag r'a chéile air an aon réilean; rachadh an dara h-aon gu minic air chéilidh do thigh an aoin eile, 's bha ceòl a's aoidheachd a's aighear, bha fala-dhà agus sùigradh a's cridhealas, bha suiridhe 's gaol a's pòsadh a' dol air aghaidh 'nam measg. Chiteadh am miol-chu 's a' mhaigheach, an dòbhran-donn 's an abhag riabhach, an t-uainein beag geal 's an sionnach ruadh, guala ri guala, gu mùirneach, caidreach, cairdeil—an còmhradh r'a chéile le briodal blàth 's le mènran milis.

San àm so ma tà (a réir ar sgeòil) bha cat òg ann, aig an d'fhàg
VOL. II. No. XIV.

a h-athair 's a màthair móran stòrais, agus cha robh cat san dùth-aich uile bha co maiseach. Bha a bian co sliom mhìn ri sioda na gailblieinn, 's a sùilean co loinreach àluinn ri aon choich dheàrr-saich luachmhòr uaine bha riabh ann am fainne na ban-righ. Mar is furasda thnigsinn, bha iomadach leannan aig an àilleig òig; cha robh cù no cat, sionnach no feòcullan, dòbbran-donn no coinean san tìr, nach robh air a tòir. Ach do na suiridhichean uile, 'se cù àraidh agus sionnach, a b' iomraitiche, agus orra so innsidh sinn sgeul.

Bha 'n cù 'na mhàdadh còir tlachdmhor, ionraic, onorach; agus 'nnair chual' e gu'n robh a liughad fear an tòir air nighean peathar a sheanamhar, (oir bha e cho càirdeach a's so dhì) chuir e roimhe gu'n tugadh e féin taigse dhi. "Innsidh mi 'n fhìrinn" thuirt esan "mu m' stoc 's mu m' ghabhaltas, mu m' chuid 's mu m' chreideas, cha cheil mi an nì a's faoine—ma ghabhas i mi 's math, 's mur gabh, cha bhris mi mo ehridhe air a son.

Thog am madadh còir air leis an rùn so; ach bha 'n sionnach 'na choimhearsnach dha, agus thníg e ciod a bha air 'aire. Chuir e roimhe nam b' urrainn e, gu'n tngadh e an car as a' chù 's gum faigheadh e'n cat òg beairteach dha féin. Tha fios aig a h-uile duine gu bheil na sionnaich carach, cuilbheartach, seòlta, sloighteal; agus bha 'm fear so cosmluil r'a sheòrsa.

'Nuair chunnaic e an cù an déigh falbh cha robh fios aige 'n toiseach ciod a dheanadh e: oir bha eagal air nam bruidhneadh an cù mun rnigeadh esan nach biodh móran tuiteamais aige-san air airgiod a' chait—ach cha d' fhuaras neas riabh 'na cadal, ni mò fhuaras sionnach ruadh gun chleas. Ghabh e stigh do choille bha 'n sin—fhuair e athghoirid roimhpe thug chum an rathaid-mhòir e air thoiseach air a' chù, agus aig taobh an rathaid chunnaic e beul-fo-fhraoch cumhann domhain, agus aige so stad e, a' cur roimhe gum milleadh e suiridhe a' choin-mhòir fhathasd. 'Nuair a mhothuich e'n cù a' tighin, leig e e féin 'na shineadh agus thòisich e ri tùirse 's ri caoineadh mar gum biodh e a' call an deò. Chunnaic an cù e, agus thubhairt e ris féin, "tha 'n sionnach an sàs—tha na cluipearan carach sin daonnan a' tachairt ri tubaist air chor-eiginn, le tuille 's a' chòir do shèòltachd. Air mo shon féin cha d' fheuch mi ach firinn a's onoir riabh, 's cha d' thainig cruaidh-chas no aimlisg fhathasd orm; ach femnar cuideachadh leis an t-sionnach o'n tha e ann an éigin. Ghreas an cù air ais agus dh' fheòraich e d'a choimhearsnach ciod a dh' éirich dhà. "Mo thrnaighe! mo thrnaighe!" arsa 'n sionnach, "thuit mo phinthal bheag san t-slochd so 's cha 'n eil fios agam ciod a nì mi—tha eagal orm gum bi i tachdta a thiota. "Nach teid thu as a déigh 's nach toir thu 'nìos i? a bheathaich gun rath," arsa 'n cù. O! 's mi bhiodh toileach" thuirt esan, "ach nach fhaic thu ann am feuchainn ri rnigheachd oirre cheana gu 'n do shniomh mi mo dhruim, 's cha 'n eil glnasad agam—Och a's ochòin! mo phinthal bheag bhochd, 's e 'n dingh latha na dunach, air latha doibh dhomhsa!" "Ma tha a' chùis mar sin," arsa 'n cù, "cha 'u fhàg mise thu an àm na h-éigin, bheir

mi nios do phiuthar bheag ma ghabhas e deanamh." Gun tuilleadh a ràdhainn leum am mada 'còir caoimhneil sios do 'n t-shlochd. Bha 'n sionnach gu grad air a bhonnabh 's chuir e leac mhór chloiche air beul an tuill 's rinn e glag gàire. "Fan thusa 'n sin a choin chòir" ars' esan, "theid mise 's bheir mi beannachd uat gu d' bhana-charaid an cat." "A shloightire! a bhiasd! a chluipear ruaidh! an ann mar so a rinn thu orm?" arsa 'n èù; ach eila d' éisd an sionnach ri smàdadhd. Dh' fhalbhl e gu siùbhlach sunndach do thigh na ban-òighre, làn-thoilichte le 'thapachd féin. 'Nnair bha e dlùth do'n tigh, chuir e roimhe gu 'n taghladh e aig a mhlnaoi-eòlais, a' phioghaid, clum an sin gum faigheadh e gach naigheachd a bha 'falbh. Bha 'phioghaid, ro-chaoimhneil ris, "ach" ars' ise, "ciod thug sibh féin co fada bho 'n bhaile? mur mi-mhodhail r'a fheòraich e." "Ma tà, le 'r cead," fhreagair esan, "bha aon aobhar mór agam, tighin a chòmhradh ri mnaoi-usail cho glic, fhiosrach, ribh féin; ach a thnilleadh air so, b' eigin domh a' chùirt san robh mi fhàgail. Bha a' bhan-leómhann, bean an righ, gu math mùirneach umam; ach ghabh esan 'na cheann gu 'n robh i tuille 's gaolach mn m' dhéibhinn. Thòisich esan, am burraidh mór, ri eudach rithe, agus smuaintich mise gum bu mhithich dhòmhssa bhi 'bogadh nan gad. Cha 'n fhala-dhà leómhann a bhos ri eudach." "Ach ciamar a leig e air falbh sibh?" arsa 'phioghaid, "nach h-ióngatach nach do mharbh e sibh gun dàil?" "O! 's ann tha e ro-chaoimhneil[rium]," ars' esan, "cha robh a dhìth air ach gum bithinn air falbh o'n bhan-righ; agus mar dhearbhadh air a chàirdeas do m' thaobh, thug e dhomh an ni luachmhor so tha agam ann an so, nì nach fhaighinn a leithid eile eadar ceithir chearnabh an dùmhain mhóir." "'Dé sin? 'dé sin?' arsa 'phioghaid. "Cha 'n fhaod sibh innseadh" arsa 'n sionnach. "Innseadh! air focal onorach na pioghaid cha chluinnear diog namsa dheth gu bràth," deir ise. "'Se 'n rud a th'ann, ma tà, tri ròinneagan a bha air a' chùigeamh eois aig a' bheathach mhòr a bha 'n Loch-odha," thuirt an sionnach. "Ciòd am beathach mór?—ciòd na casan?—ciòd na ròinneagan? innis domh, inuis domh" thuirt a' phioghaid 's a sùilean a' lasadh 's a guth air chrith le h-ioghnadh. "Nach 'eil fios agaibh mu'n bheathach mhòr a tha 'n Lochodha bho chionn tri cleud bliadhna, gu bheil còig casan air; agus na trì ròinneagan a tha aig bun na h-ionga-móire aig té dhiubh gu 'n gléidh iad an t-aon aig am bì iad am maise 's an àilleachd na h-dìge, gun liathadh, gun phreasadh, gun seargadh gun seacadh, ged a bhiodh e beò co fada ris a' bheathach mhòr féin. Fhnair mi iad so bho 'n rìgh 's tha iad agam air mo shinbhal." "O! nach leig sibh fhaicinn iad?" ars' ise "'s bidh mo bheannachd oirbh." "'S ro-dhùilich leam ur diùltadh" ars' esan, "ach gheall mi do 'n rìgh nach leiginn fhaicinn iad do thé gu bràth ach an té a phòsas mi—gabhaibh mo leisgenl." B' eigin do 'n phioghaid eur snas leis an diùltadh; agus o'n dh' innis an sionnach niread do nithibh iongatach dhise, dh' inuis ise dhàsan gach ni a bha 'dol air aghaidh mu 'n àite, agus móran naigheachdan mu 'n chat's na suiridhichean. Bha 'n sionnach

tuille 's seòlta glic gus a h-uile rnd a chual' e a chreidsinn ; ach thuig e gu 'n robh an cat glé mhór aisde féin, agus gu'n taitneadh miodal a's moladh a's brosgul gu math rithe. Dh' fhàg e beannachd aig a' phioghaid, ag earalachadh oirre gun diog a ràdhainn mu na chual' i. " 'Ne mise ?" ars' a' phioghaid, " cha 'n ann do 'n t-seòrsa sin mì. Na biodh càram oirbhse uime sin ; 's ionadair carraig air an caochail sruth, acli cha chlninnear pioghaid a' tighin thairis air na chlninneas i."

Dh' fhalbh an sionnach 's ghabh e mu thàmh ré na h-oidhche sin. Sa' mhaduinn am màireach, gun fhios ciamar, chual' a' chuthag 's an fheannag, chuala 'n cat 's an coinean, chnala gach beatheach a's duine na h-uile facall a bha eadar an sionnach 's a' phioghaid ; 's bha gach maighdeann sa' bhaile air bàineadh gn eòlas fhaotainn air aon co ainmeil. Cha do chaill esan móran àine gun dol an còmhradh a' chait, agns bha e co grinn sgiolta, bha e co beulach mhiodalach 's gu 'n do ghabh an cat déigh mhór dheth a thiota, agns a réir coltais bha 'shaod gum faigheadh e gach nì mar bu mhath leis.

Ach faiceamaid a nì ciod a dh' éirich do 'n chù. Bha 'n toll anns na thuit e tuille 's enmhann gu tionndadh ann, agus chuir an leac a chàirich an sionnach air benl an t-shluic, as a chomas faotainn a mach le streapadh. " Mur teid sinn air ar n-ais " arsa 'n cù, " feuchaidh sinn dol air ar n-aghaidh," agns le mór strigh dh' oibrich e rathad air aghaidh tre 'n t-shlochd gus an d' thainig e gu uaimh mhòr fharsuing réidh, far am fac' e na chuir iongatas gu leòir air.

Bha 'n so do dh' òr 's do airgiot na dh' fhógnadh do rìgh, agus do "chìlachan riomhach loinnearach, na bha deàlradh cosmhnil ris" a' ghréin ; acli am meadhon na h-uaimh bha uile-bheist mhòr uamhasach 'na suidhe, beithir sgiathach, agus cha b'e sealladh blàth a thug i air a' chù. " 'Dè thug an so thu ?" thuirt ise, " an ann a ghoid mo stòrais a thainig thu ? thig an so-là t' athar 's do sheanar dhuit a mhèirlich, bheir mis 'ort nach toir thu an oidhisp cheudua 'rithist—thig an' so ! " " Cha 'n ann a ghoid do chodach a thainig mise" thuirt an cù, " agus nam b' aithne dhuit mi cha tugadh tu a leithid do mhì-mheas orm—'s nì e nach d' rinn beatheach no duine orm riabh roimhe, agus nì nach 'eil gnothuch agadsa dheanainh nis mò.

" 'S ann agad tha 'bhathais, a bheathaich pheallagaich, robaich, fhad-chluasaich," arsa 'n nile-bheist 's i séideadh gu h-eagalach 's a sùilean a' lasadh le feirg, nach 'eil fhiòs agad gur h-urrainn domh do phronnadh fo m' chasan ann am prioba na sùl ? " " Faodaidh tu sin a dheanamh, gun teagamh," arsa 'n cù, " ach cha bhiodh e ach glé nàr, allanta dhuit sin a dheanamh 's tu na's mò na mise—cha d' thng mi féin aghaidh air aon riabh bu lughna mi fhéin, agus 's ann a b' fhèarr dhuit an rathad a sheòladh dhomh gn nachdar an talaimh—'s ann an sin tha 'mliann orm a bhi—tha fior dhéigh agam air tilleadh ann ear tacain co dhiùbh, gu aon deagh phabadh a thoirt do bhéisd shionnaich a thug droch car asam an diugh féin ; "

agus an sin dh' innis e gu lom soilleir do 'n nathair-sgiathach mar a dh' éirich dhia.

"Am fan thu," arsa 'n nathair sgiathach, "gu-bhi a'd fhear-muinntir agamsa?" "Cha 'n fhan mi féiu" thuirt an cù. "Mur bi thu a'd fhear-muinntir agam" arsa 'n uile-bheist, eagalach, "bidh tu a'd lòn feasgair dhomh, gun dol a nùll no nall freagair mi, am fuirich thu'n so a'd òglach agamsa? freagair mi a thiota—ciod tha thu 'g ràdhainn?" ars' ise le colg eagalach 's i 'fosgladh a mach a sgiathan oillteil, 's teine-sionnachain a' sràdadh as a sùilean, 's a eraos dearg fosguilte. "Labhair," ars' ise. "Mur 'eil dol as," fhreagair an cù, "cha 'n eil comas air, fanaidh mi." "Thoir dhomh crathadh do d' spòig air a' chùis, mata," arsa 'n nathair sgiathach. "So dhuit i" arsa 'n cù, cha do gheall mi rud riabh ris nach do sheas mi, 's nach do choimhlion mi a réir mo chomais."

An sin dh' innis an uathair sgiathach dha gu 'n robh mòran do bheathraichean-nimhe, nathraighean grànnnda, bha ann an seòrsa do chàirdeas fad as d'a teaghlach-sa, a bha 'sior fheuchainn ise mharbhadh, a chum 's gum faigheadh iad a beariteas, nach robh fois aice a là na dh' oidhche leò, 's gur h-e bhiodh mar obair aige-san faire dheanamh nuair a bhiodh ise, an nathair-sgiathach, 'na cadal, agus a dùsgadh 'nuair thigeadh na nathraighean-nimhe-grannda mach as na sluic. Gheall an cù a dheanamh mar a b' fhearr a dh' fhaodadh e. Phaisg an nathair a sgiathan, tharruing i a h-earball mu thimchioll a cinn. Bha'n cu glé thùrsach thróm, 's an t-acras air cuideachd. Chunnaic e meall mór feòla agus mòran-chnàmh ann an oisinn do 'n uainh, agus thug iad uisge air 'fliacan a bhi 'g amliare orra; ach o nach d' fhuair e cead an itheadh cha do bhean e dhoibh; chuir e roimhe bhi ionraic onorach mar bha e riabh, agus rinn e faire ré na h-oidhche. Thainig na nathraighean-nimhe nair a's nair ach rinn an cù tathunn daonnan, dhùisg a' bheithir-sgiathach, agus co luath 's a chrath ise i féin, theich iad, san air falbh.

Sa' mhaduinn bha 'bheithir-sgiathach mòran na bu chaoimhneala ris a' chù, thug i dhà a shàth r'a itheadh, agus labhair i ris le bàigh. Chaidh latha 's là mar so seachad, an cù a' fuireach dileas, agus a' bheithir-sgiathach a' faighinn deagh chadail, gns mu dheireadh aon oidhche 'n d' thainig measan beag bòidheach ballach donn, a stigh do 'n uaimh, agus thòisich e ri mòran iniodail a's beadraidi a' dheanamh ris a' chù. "'S duilich leam," arsa' in measan, "fear do choltais flaicinn 'na leithid so do shlochd, a'd thràill aig a' bhéisd ud; falbh thusa leamsa 's bheir mi an àine ghoirid gu nachdar an t-shaoghail 's gu d' chàirdean féin thu." "'S mi bhiodh déòinach aighearrach," arsa 'n cù, ách gheall mi do'n bheithir-sgiathach fuireach a'm fhear-muinntir aice, thug mi dhithi mo spòg air a' chùis, cha ghabhainn an saoghal agus m' fhacall a bhristeadh, éireadh dhomh mar thogras, bidh mi dileas." "An toir thu dhomh" arsa 'm measan, "cuid do na cuàmhan ud r'a ithe's an t-acras 'gam tholladh?" "Nam bu leam féin iad," arsa 'n cù, "b'e do bheatha

mile agus mile uair, ach buinidh iad dhise do na gheall mi bhi dileas, agus cha chuir mise làmh air cuid duin' eile airson nì air bith" arsa 'n cù. Dh' fheuch am measan mòran brìodail a's mio-dail, ach cha ghéilleadh an cu a bheag no mhór gus mu dheireadh 's mu dhiù, ann am prioba na sùl, an d' fhàs am measan beag bòidheach ballach donn 'na nathair mhòr stiallaich, làbanaich, shleamhuin! a sùilean mar an teine, gach fiacail 'na craos mar scolb tighe, agus an caramh a' choim ghabh i. Thug an cù bochd sgal cruaidh as, agus gu fortanach dhàsan dhùisg a' bheithir-sgiathach, 's cha b' ann a chrathadh a cluasan, no g'a tachas féin a dh' fhuirich i, achi an tiota na boise bha i air a bonnabh 's an sàs san nathair mhóir. B'e sin an cath, 's cha 'n flacas a leithid. Bha sgreadail a's sgriachail a's raoicich a's rànaich, srannraich agus séidil oillteil, ni's leòir chum na creagan a sgoltadh, agus a thoirt air bras-shruthaibh an aonaich stad a dh' eisdeachd. Bu duilich a ràdhainn có bu treasa, ach mu dheireadh fhuair an nathair-nimhe lùbach làbanaich, air muin na beithir-sgiathaich, agus bha i 'ga suaimeadh féin 'na cuairt eagalaich mu 'timchioll, le fead agus séidil choimheach, 'nuair a leunn an cù agus le 'uile neart shàth e 'fhiachan ann an earball na nathrach. Co Inath 's a mliothuich ise dha so, ghrad thionndaidh i mu 'n cuairt gu cur as da, ach mun d'ràinig i an cù bha a' bheithir-sgiathach air a cois agus ann an amhach na nathrach-nimhe; ghléidh i greim air a sgòrnan gu teanu tréun, gu dlùth dionach, gus nach robh sgrid iunte.

Nuair a blia 'n comhrag seachad, thug a' bheithir-sgiathach mile agus mile taing do 'n chù; dh' innis i dha gum b'e sud rìgh nan nathraighean-nimhe, gu'n robh comas aige air a chruth atharrachadh mar a thogradh e, agus nan géilleadh an cù ann an aon nì no nì eile, gu'n grad sgriosadh e iad le chéile; "ach tha mi 'faicinn nach 'eil dion ann cosmhul-ri dìlseachd agus ri h-onoir." A nis," ars' ise, "cha 'n eil feum tuillidh agam air do sheirbhis, leigidh mi fhaicinn duit an rathad gu uachdar an t-shaoghal, agus o'n tha thu co dileas dòmhsa, bleir mi dhnit sedladh no dha a ni thu comasach air bli suas ris an t-shionnach chnireideach, carach, sedlta 's ge bheil e." "Gu robh math agaibhse" arsa 'n cù, "tha mi fada 'nur comain, achi 's coma leam cuir a's cleasan, cha d' fheuch mi riabh iad 's cha 'n fheuch, cha chreid mi nach fhaigh ionracas a' chuid a's fearr do na cuilbheartan a's mó aig a' cheann mu dheireadh." "Gabh do dhòigh féin air, ma ta," arsa 'bheithir-sgiathach, "slán leat! chuir thu comain mhòr ormsa 's cha dì-chuimhnich mi dhnit e ma thig do għnothu a'm charamli."

Fhuair an cù a chas air lóm aon uair eile; ghrad dh' fhalbh e gu tigh a' chait agus ge b' fhada bhuaithe cha b' fhada g'a ruigh-eachd. 'Nuair ràinig e thuig e gu'n d' rinn an sionnach a leithid do chàimeadh air 's gu'n robh gach beathach sa' bhaile ann am fuath air. Cha togadh an cat sùil no mala ris, agus cha 'n iarradh i cuideachd air bith ach cuideachd an t-sionnaich a bha gach mionaid r'a gualainn.

Bha tuille spioraid sa' chù na gu'n cuireadh e 'na comas a dhiùl-

tadh, ach 'nuair a chunnaic e 'n sionnach aig an ninneig a' toirt pòige dhi, ise le a spòig ghil bhòidhich a' cìreadh earball ruadh dosrach an trusdair, ghabh e fearg nach bu bheag, agus ghlaodh e ris a' bhalgaire charach, "A slightire chuilbheartaich bhréugaich, ma tha a chridhe agad thig a mach an so 's bheir mise aon fhàsgadh air do chnàmhan a ghleidheas tu gun do chuireidean fheuchainn air cù eile 'n dà latha so! Bheil a chridh agad tighin, a bhradaire chealgaich, mheirgich ruaidh?" Chuir an sionnach a theanga 'na phluic, chuir e'n sin a spòg air a shròiu, chaog e shùil, chuir e draoin air, agus an sin dh' fhàg e'n uinneag gun tuille feairt a thoirt air a' chù.

"Cha 'n eil fhios am faigh thu as mar sin fhathast ge cuireid each thu" arsa'n cù. Dh' fhalbh e agus luidh e aig bun craobh e bha dlù do'n tigh, a' cur roimhe nan cuireadhl an sionnach a chas air blàr-lóni, gu 'n tngadh e aon deagh chrathadh dha.

Faiceamaid a nis ciod a rinn a' bheithir-sgiathach—cha do leig i air dl-chuimhn seirbhis mhath a' choin, agus smaointich i nach bu mhisd e cuideachadh an aghaidh caran an t-shionnaich. Sgaoil i a sgiathan 's a thiota bha i aig a' bhaile san robh 'n t-suirdhe dol air a h-aghaidh, agus ghabh i còmlnuidh ann an uaimh a bha-mu choinneamh tigh a' chait. 'S iad na beatraichean-sgiathach na beatraichean a's seòlta 's a's beartaiche sam bith, agus mar so tha mór mheas aig na beatraichean eile orra, ged tha iad co gràndha.

Rinn tighin na beithir-sgiathaich ma ta, fuaim mhór air feadh a' bhaile. 'S gann a bha i gu math air suidhe 'na tigh ùdlaidh dorcha 'nuair bha pioghaid luath na gleadhraich aig an dorus, a dh' fhench-ainn ciod a chluinneadh i. "Ciod an naigheachd tha agad dhomh?" arsa 'bheithir-sgiathach. "Cha 'n eil a bheag do naigheachd san àite so, le 'r cead" thuirt ise, "ach mu dhéibhinn na ban-oighre riomhaich so, an cat, a tha 'tionndadh ceann na h-uile fir, ach tha i dol a phòsadhl an t-shionnaich mun tig ceann seachduin." "Ise 'na ban-oighre l" thuirt a' bheithir, "nam biodh fios agad air na bheil do dh-òr aig mo nighin-sa, cha 'n abradh tu gu'n robh aon beairteach ach i féin." "'Bheil teaghlaich agaibh ma ta?' dh' fheòraich a' phioghaid. "Cha 'n eil agam ach an aon nighean, agns tha do stòras air fhàgail aice le bràthair dhi a bha sna h-Innsean, gun tighin air na th' agam féin, nach 'eil fhios aice ciod a ni i ris, agus tha i 'gam shàruchadh le leannain agus suirdhichean a tha 'tighin g'a h-iarraidh."

"Ma phòsas i gun ur ceadsa am faigh i an t-airgiot?" thuirt a' phioghaid. "Gheibh na h-uile sgillinn," thuirt a' bheithir-sgiathach, "'s-ann aice féin a dh' fhàgadh e, ach feuch nach bi thusa 'g innseadh so air feadh a' bhaile, oir cha 'n eil toil agam dragh a bhi 'ga chur orm." "'Ne mise?' arsa 'phioghaid, "cha 'n ann diubh sin mi, cha chan mi facall gu bràth m'a dhéibhinn. Moch air an là-maireach ràinig a' phioghaid tigh a' chait, agus dh' innis i nà h-uile diog mu 'n bheithir-sgiathaich 's a nighean bheairteach. Chuala' n sionnach 's ged nach do ghabh e a bheag air, chuir e roimhe, nam faodadh e, gu'n deanadh e greim air an tochar mhór

a bha 'n so, 's gu'n leigeadh e leis a' chat a bhi sealltuinn airson leannan eile. 'Nuair thainig aon feasgar chuir e roimhe dol a chur eòlais air nighean na beithir-sgiathaich ; ach ciamar a gheibheadh e d' a h-ionnsuidh ? Bha 'n cù air an rathad, agus bha fios aige nach b'e 'n sùigradh dol 'na dhàil. Dé th' agad air, cha robh sionnach riabh gun char, agus so an dòigh a ghabh e chum an cù chur as an rathad.

Bha peasan beag do choinean a stigh, a blia ro cluideil mór as féin, agus thuirt an sionnach ris gn 'n robh an trusdar coin 'ga chàineadh 's a' fochaid air, 's gum bu chòir dha dol a's gabhail air. "Ne mise ?" thuirt an coinean, "mharbhadh e mi." "Na biadh eagal air bith ort," thuirt an sionnach, cha 'n eil ann ach an gealtaire mór, teichidh e air a' cheud ionnsnidh a bheir thu air, agus cuidichidh mi féin leat ma's éiginn. Abair thusa ris do choinneachadh sa' choillidh ud shuas fo cheann uair, 's gu'n toir thu dhà e airson a dhroch theangaidh. Bidh mi féin dlùth do làimh, agus cha 'n fhaic mi beud ort." Dh' fhalbh an garrach leibideach 's thug e dùlan, sùil mu'n t-shròn, do'n chù. Ghabh an cù ioghnadh nach bu bheag, ach thuirt e o'n bha uiread fheum aig a' chreutair air modh a theagast dha, gu'n coinnicheadh e e mar a dh' iarr e, 's gu'n tugadh e fàsgadh dha a chuireadh beagan do'n chuidealaas agus do'n pheasanachd as a cholunn leibidich. Chaidh an cù thun an àite mar a gheall, ach 'nuair a chunnnaic an coinean bochd nach d' thàinig an sionnach air aghaidh, ghrad dh' fhàilnich a chridhe, 's theich e stigh do tholl far nach ruigeadh cù no gadhar air. Cha robh aig a' chù ach tilleadh air ais gu h-aimhealach cianail, a' bóideachadh an tuille dioghaltais an aghaidh an t-shionnach, oir thuig e gu math gum b' iad a chuireidean-san a bha air am feuchainn ris a rithist.

Cha luaithe bha an cù as an rathad na thog an sionnach air a dh' fhaicinn na beithir sgiathaich. 'Nuair chaidh e stigh do'n uaimh bha leth-chend do thòrran òir agus airgid air gach taobh, agus cha 'n fhac' e riabh a leithid. Chuir e mile failte 's furan air a' bhan-oighre, a bha ann an àit iomallach do'n uaimh, far nach b' urrainn e faighinn dlùth dhi, agus mhol e i mar nach biodh a leithid air an t-shaoghal. "O ! nam b' urrainn duit m' fhuasgladh as an àite so, mo thoirt air falbh o'n bhodach m' athair a tha co dona dhomh, 's mi bhiodh ann ad chomain, 's bu leat mi féin 's na bheil an sin do stòras," thuirt ise. "'S mi bhiodh toileach, a ribhinn mo chridhe" thuirt an sionnach, "ach ciamar is urrainn domh a dheanamh ?" Cha 'n eil ach aon dòigh air, thuirt ise, 's e sin m' athair a chur 'na chadal tróm 's 'nuair bhios e 'na shuain, teicheadh ; 's cha 'n eil nì a chuireas 'na chadal ceart e ach eanarach air a deanamh do fhedil cait òig reamhair—fench thusa 'n faigh thu sin, agus leig a' chùis leamsa 'na dhéigh sin." "An dean eat an tigh ud thall gnothuch ?" thuirt easan. "Cha 'n iarrinn na b' fhèarr" ars' ise. "Ro-mhath ma tà, mu fheasgar am màireach cuiridh mise d' ar n-ionnsnidh i, 's feuch an toir sibh làn meadair mhaith do 'n bhodach a bheir air srann a tharrning," ars'

esan. "Na biodh cùram ort," ars' ise, "na fàilnich thusa air do thaoblh féin." "An latha chì 's nach fhaic!" arsa 'n sionnach, "slàn leibh a mhaighdeanu àluinn! 's bliadhna leam gus am faic mi a rithist sibh."

Chaidh an cealgair so do thigh a' chait ro-thoilichte le 'thapachd féin, 's a' smaointeachadh nach biodh sionnach san dùthaich co beairteach ris féin, agus dh' innis e sgleò mór do 'n chat, ag ràdh nach robh nighean idir aice, ach gu 'n robh i féin co chaoimhneil, fhialaidh shuairce; gu 'n robh i ri cuirm mhór riomhach aighearach ghreadhainach, a thoirt seachad an ath-oidhche, 's gu 'n robh ise ri bhi air tùs agns air toiseach nan aoidhean. "An teid thu ann, a rùin?" ars' esan. "'S mì théid," thuirt ise, "'s cha'n anns mi féin g' a ràdhainn, cha 'n eil mi 'n dùil gum bi aona chàraid ann a's sgiolta, 's a's cireachdala na thu féin 's mi fhéin, a laoigh mo chridie."

Thàinig am feasgar, bha 'n cat gun amharus air bith air na bha 'feitheamhl oirre; agus ged nach robh cognis an t-shionnaich ro-shàmhach, cha do ghabh e a bheag air; bha e a' smaointeachadh gum b' fhiach beairteas nighean na beathrach-sgiathaich aon dad a b' urrainn da a dheanamh air a son. Bha 'n dithis brath falbh cuideachd a dh' ionnsuidh na cuirme ma b' fhior, ach 'nuair chunnainc an sionnach an cù san t-shean àite, ghabh e a leisgeul, ag radhainn nach robh toil aige caonnag no aimhreit a dheanamh 'na làthair-sa, ach ise dh' fhalbh air thoisearch 's ann an ùine ghoirid gu 'n tugadh esan a dheagh ghiullachd do 'n bhéisd choin, 's an sin gu'n leanadh e i. "Thoir an aire ort féin a ghràidh," thuirt ise. "Och, na biodh cùram ort, fheudail 's a ghràidh," ars' esan, "cha'n fhada sheasas e riumsa."

Dh' fhalbh an cat ma tà, ach an àite faighinn a stigh do 'n uainh air dorus losal, 's ann a bha i air a togail suas anu an croidhleig bhig gu uinneig a bha gu h-ard ann an aodann na craige—ach cha do chan i guth 'na aghaidh, agus ann an sin fàgaidh sinn i'n dràsd.

Bha sùil a' choin daonnan air an tigh san robh a àmhaid, agus 'dé chunnaic e aig an àm ach gu 'n d'fhàg an cat an dorus fosgailte 'na déigh, agus ghrad leum e a stigh, a' deanamh dheth gum biodh a nis aicheanhail aige a dh' aindeoin có theireadh e—ach cha robh an sionnach co clearbach 's a shaoil e. 'Nuair thuig e mar bha a' chùis thilg se e féin air a dhruim, stiorc e a chasan, thionndaidh e a shùilean, 's rinn e caoiran bochd, dìreach mar guin biodh e dol a thilgeadh na h-analach. "Och! och!" a charaidh, thuirt esan ris a' chù, 's e 'g ospagaich mar gnin bi h-uile té an té mu dheireadh, "tha do leòir aicheanhail agad a nis, tha mi 'g iarraigd mìle maithceanais ort airson na h-uile droch car a rinn mi t'aghaidh—abair gu bheil thu a' toirt maithceanais domh, 's bidh e 'na fhaochadh mòr do m' choguis mun toir ini suas an deò."

Bha 'n cù coir diombach ni's leòir, ach cha chuireadh e fiacaill air a àmhaid bu mliosa 's e 'na leithid do chàs, agus 's e thubhairt e, "Na cuireadh sin cùram ort, ach ciod is urrainn domh a dheanamh chum do leigheas? tha thu ann an iarguin mhòr." "Och!

tha mi 'gam losgadh leis a' phathadh, ars' esan, "nam faigheadh tu balgam dibhe dhomh, bhithinn a 'd chomain gu siorruidh—O ! 'dé so a dh'-éirich dhomh ? 'dé so ? 'dé so ? Tha toll beag—tha toll beag—ach cha 'n urrainn mi labhairt—tha toll beag thall san oisinn anns a' bheil uisge—cuir do spòg ann agus fluch mo bhilean air a' chnid a's lugha." Rinn an cù còir mar so, ach cha luaithe bha a spòg san toll na tharruing an sionnach sreang air an robh lùb-ruithe, anns an toll ; cheangail e gu cruaidh teann e mu thar-uinn a bha sa' bhalla, 's bha 'n cù an sàs ann an rib nach b' urrainn da fluasgladh. "Beannachd leat !" arsa 'n sionnach, "cha bhi thu co ealamh air do chois a chnr an toll an ath uair."

An déigh do 'n t-shiounnach feitheamh gus an robh e 'smuain-teachadh gum biodh' an cat air a deagh bhruicheadh, agus a bheithir-sgiathach 'na snain, chaidh e thnn na h-uamha agus rinn e eagar fòil ris an nighin. "Thig a nìos, a rìn" thuirt ise, "tha h-uile gnothnach ceart, agus bidh simi sona ann an tìne ghoirid." Leum an sionnach a stigh do 'u chroidhleig, tharruinn ise 'n t-sreang—ach beagan mun d' rainig e 'n uinneag, chnr i mach a spòg mhòr, agus an toiseach shliog i druim an t-sionnaich, an sin shliog i 'earball, agns mun robh fhios aige ciod a theireadh e ris a' chniodeadh so uile, thuit a' chroidhleag gu làr ; ach ma thuit cha do thuit an sionnach—bha sreang gu cruaidh, gramail teann mu 'earball, direach mar a chuir esan mu chois a' choin, agus e'n crochadh air aodann na craige, gu'n chomas dol as. Cha do thaitinn so ris gu ro mhaith, oir cha 'n eil na sionnaich toigheach air bhi 'n crochadh le 'n cinn fòdhpa ; ach 'se leòu uile e gu 'u d' thainig a' bheithir sgiathach féin a mach, gu'n do chrniunnich beathaichean a' bhaile uile mu 'thimchioll, agns gu 'n d' innis a' bheithir mhór dhoibh mar thachair, agus an dòigh anns an d' thug i an car as an t-sionnaich le 'chleasan féin ; dh' innis i nach robh mac no nighean aice, 's gur h-ann oirre féin-a bha 'n sionnach a' suiridhe airsou an airgid. Dh' innis i mar a thairg e 'dheanamh mu 'n chat—"agus faicibh a nis c' àit a' bheil e, an suiridhiche gasda le 'chleasan 's le 'chuilbheartan," arsa 'bheithir sgiathach, 's a cliafhaichean air chrith le gairicich.

Cha robh beatbach air nach robh craos càm mu 'n mliada-ruadh, agns thug gach aon an greis féin air fochaid air.

Thainig an cù an déigh an t-sreang a bliristeadh, 's cha b'e a ghàire bu lugha no a dhliomoladh a b' isle. Mu dheireadh 's mo dhiù nnair a bha 'n sionnach air a lèireadh 's air a leòn le 'u sgeig-ireachd, chnr e a chasan-deiridh am foreadh ris a' chraig—thug e aon-spaghadh garbh le 'uile neart, agus leum e gu làr ach cha do lean 'earball e ; dli' fhan sin an crochadh ris a' chraig. Theich e co linath 's a bheireadh a chasan e—thàr e as a dh-ionnsuidh a' chùirn bu dlùithe.

A nis nam biodh an t-earball na bu righne, bhiodh an sgeulachd so na b' fhaide, ach o nach robh, sguridh sinn le beagan fhacall.

Ghabh a' bheithir-sgiathach chòir deagh chùram do'n chat, dh' innis i dha co fiachail, dhileas, flìrinneach 's a bha 'n cù. Bha 'n

cat, mun do mhealladh i leis an t-sionnach, toileach àir còmpanach onorach, 's cha b' fhada gns an d' rinn i féin 's an cù a' bhanais; agus b'i sin a' bhanais ghleadhrach aighearach. B'i 'bheithir-sgiathach féin a' mhaighdeann. 'Nnair a db' òl iad deoch-slàinte bean-na-bainnse thuiirt am fleasgach, "A chuideachd uile tha 'in làthair, seachnaibl goileamas na pioghlaid, gu sònruichte sannt agus carachd an t-sionnaich; leanaibl firinn agus onoir, dilseachd agus tréibh dhireas, a chum gu 'n éirich gu math dhuibh.

"Bheir firinn agus onoir buaidh
Air cuilbheartan a' mhadaidh-ruaidh."

Dh' fhalbh an t-àm san robh a leithid so do sgeulachdan cleachdta am measg nan Gàidheal, agus ged a dh' fhaodar cur-seachad ùine 's feàrr na iad fhaotainn, their sinn mn 'n déibhinn gu bheil iad a' teagast fhirinnean feumail ann an cainnt shnasmhòr; agus gum bu blrioghdmhor math iad chum an oidhche gheamhraidh a chur thairis, seach na naigheachdan faoine, breugach, tnaileasach, mìrunach, ris a' bheil ar luchd-dùthcha a nis gu minig ag éisdeachd 'nuair tha iad air chéilidh. Tha na pioghaidean a' fàs na's lion-mhoire bho'n a sguir na sgeulachdan; tha iad anabharrach lion-mhor air feedh na Gàidhealtachd—luchd-trusaidh agus luchd-sgaoilidh gach sgeoil fhaoin; ach nitear am beatha le ionadh aon a tha fada 'n aghaidh seann sgeulachdan agus dàna na Gàidhealtachd, ach a tha anabharrach déigheil air sgainneal dùthcha.

LAGHANNA TEAS.

EARRANN III.

BHO chionn beagan bhliadhnaicheadh bha Tighe-stòir nan ceairdean ann am *Paris* air bheul tuiteam; bha na ballachan a' brùchdad a mach le cudthrom druim agus urlairean an tighe. Chomhairlich Mr Mollard mòran tholl a dheanadh 's na ballachan, mu choinneamh a chéile; anns na tuill so chaidh a chur gàdan mór iaruinn tre na seòmraicheadh bho bhalla gu balla, air chor agus gu'n robh ceann anns gach toll. Air na cinn bha bidhis (*screw*), agus do'n bhidhis so bha 'freagairt bidhis eile a bh' air a tionndadh ann am meadhon lann tiugh làdir iaruinnu. Dh' fhadadh a nis téinntean mòr a chum na sailthean iaruinn a theasachadh; dh' at iad leis an teas air fad agus tiuighead air chor agus gu'n robh na cinn ni b' fhaide mach bho'n bhalla na bha iad air dhoibh a bhi fuar. Theannaicheadh na lannan leathainn leis a' bhidhis ri taobl a' bhalla; air do'n t'sail fuarachadh, chrup i ann am fad agus gairbhead, agus tharruing iad na ballachan ni bu dlùithe. Rinneadh so a ris agus a ris gus an do sheas iad dìreach. Tha cuid do rudan ann, a tha ag at le fuachd, ach is gann iad. Ma dh' fhuaraicheadh uisge, ataidh e, bitidh e ni's entruime agus fàsaidh e 'na eigh a tha 'snàmh air uachdach an uisge. Tha uisge ann an am fàs 'na eigh ag at co mór agus gu'n sgoilt e na creagan, gu'n sgàin e soitbichean prais agus iaruinn. Lionadh toirmshlige (*bombshell*) le uisge, reothadh an t' ulsge, agus a thiota sgàin i. Ann an slige eile làn do

dh' uisge sparradh geinn iaruinn tri puinnd air cudthrom; reothadh an t-uisge agus air ball thilgeadh an geinn 138 slat air astar.

Nam bitheadh eigh ni bu truime na uisge, rachadh i fodha, cha ghleidheadh i teas an uisge agus gheibheadh an t-iasg bàs; rachadh gach leac do'n eigh mar a thigeadh air uachdar an uisge fodha gus an gruund, agus mar so thiormaicheadh ann an aon gheamhradh cruaidh reòtach gach sruthan, lochan, allt a's amhainn anns gach cearna air aghaidh an t-saoghail, agus dh' fhàgadh na cearnaibh ud, a tha 'nan àiteachan-còmhnuidh àillidh agus fallain do dhuine, ainmhidh agus iasg, 'nan fàsaichean tioram cruaidh anns nach maireadh creutair bed. Tha eigh dealrach geal, c'arson nach 'eil i uaine no dorcha? Tha i geal a chionn nach toir geal seachad do'n athar toas an talaimh no'n uisge a tha foidhe, agus dealrach airson tilgeadh air ais teas na gréine; nam bitheadh i dorcha, leaghadh teas na gréine i, oir rachadh na gathan troimpe. Nan robh sneachd dorcha, shùigheadh e gathan teas na gréine co h-ealamh, leaghadh e co grad anns na cearnaibh sam bheil a bheag no mhór do shneachda 's gu'n tigeadh e 'na aon bheum sléibhe a ghiulaineadh gach bed chreutair leis do'n fhaisge. Ach a chionn gu bheil sneachda geal, tha teas na gréine, 'ga thilgeadh air ais ann an cuid mhór do'u athar, agus tha sneachda leaghadh gu socrach; air a' cheart dòigh, a chionn gu bheil uisge ag at anu an am reothaidh tha eigh ni's eutrume agus a' snàmh air 'uachdar; a chionn gu bheil i dealrach cha leagh i gu h-ealamh agus cha mhò bheir i seachad teas an uisge a tha foidhpe, air chor agus gu bheil na creutairean a th' annsan a' mairsinn bed an àite bhi air am milleadh, ni a thachradh, nan robh laghanna nàduir air atharrachadh càramh.— Mar a tha fios aig gach neach, gabhaidh cuid do rudan tuillidh teas airson an leaghadh na ghabhas cuid eile, agus is ionad ni a tha reòta ann an aon chearn a tha leaghte ann an cearna eile. Anns an eilein *Melville*, far an da chuir Caiptean Parry seachad geomhradh, bha an t-airgiad-beò reòta mar eigh. Ann an dùthchanna teth tha céir agus ròiseid bog mar im, agus chuireamaid an cuimhne luchd-leughaidh a' Chuaireir, iad a sheulachadh gach litir a tha dol thairis do chearnaibh teth ie abhlán ann an àite céir a tha gu bitheanta a' leaghadh agus a' lcígeadh leis na litrichean fosgladh. Anns an Reul *Mercury* a tha dlùth do'n ghréin, bhithedd ròiseid, geir, céir agus ionad ni a tha cruaidh air an talamh so, tana mar uisge. Biththeadh uisge, ùille agus spiorad, 'nan sinùid mar steam no athar. A ris anns an Reul *Herschel* a tha naoi uairean deug ni's faide bho'n ghréin na tha an talamh so, bhithedd uisge 'na eigh a ghnàth, bhithedd ùille cruaidh mar ròiseid agus ghabhadh airgiad-beò leudachadh le òrd mar luaidh no f heòdar. Ciod an t-eadar-dhealachadh n tha eadar eigh agus uisge? faodar a rèdh gu bheil uisge air a dheanadh do dh' eigh agus teas; nuair a tha eigh a' leaghadh, tha i' gabhail a stigh teas, agus nuair a tha uisge 'reothadh, tha teas 'ga f hàgail. Tha' cheart ni a' tachairt do shneachd. Feumaidh eigh cuid mhór do theas airson a leaghadh, agus tha cheart uiread 'ga thabhairt seachad a ris an reothadh. Nam fàsadh uisge 'na eigh le cuibhrionn bheag do theas, reothadh gach uisge 's na cearnaibh fuar ann am beagan uairean. Ré an t-

samhlraidlì tha teas nan cearnaibh teth air a shùghhadh le eigh nan cearnaibh fuar agus tha móran teas 'ga thabhairt a mach le reothadh a' gheamhraidlì, air chor a's co fad agus a leanas uisge ri reothadh no eigh ri leaghadh, cha bhi móran mùthaidh air na h-aimsirean.

Tha eigh 'ga h-nidhisanneachadh ann am móran do ghnóthuichead feumail; gleidhidh i feòil bho ghrodadh. Tha na h-innseanaich Americanach a' cleachdadhl bhi tabhairt do na bailtean Breatunnach sithionn nam fiadh air a pacadh ann am eigh, agus is minic tha soithichean di 'gan giùlan fad air astar gun nì mu'n cuairt di ach eigh. Ann an dùthchanna teth, tha uile sheòrsachan deoch 'gam fuarachadh le eigh airson an òl. A deir Solamh "Mar f huachd sneachdaidh ann an àm an fhogharaidh, tha teachdair dileas dhoibhsan a chuireas uatha e, oir ath-bheothlaichidh e anam a mhaighstir."

Anns a' bhliadhna 1760 chuir marsontan Hamburgh soitheach do'n Tir Uaine airson luchd eigne a reic iad a rìs aig pris mhòr. Bha e 'na chleachdadhl bho chionn beagan bhliadhna chan a bhi cur shoithichean luchdaichte le eigh do *Jamaica*, ach air uairibh thachair do'n eigh a bhi air a droch phacadhl, leagh i agus chailleadh na soithichean. Tha tighean nan Escimàach air an togail do eigh a th' air a sàthadh mar chloich agus ga cur ri cheile: tha gach balla, stuaidh agus mullach do dh' eigh; air an taobh a stigh tha iad a' tilgeadh uisge a tha reothadh, agus 'ga shliogadh gus am bheil e 'na aon lie sbleamhuin, a tha 'leigeil troimhe uiread do sholus agus a tha feumail.

Tha an t-athar a' luidhe lc cudthrom cùig puinnd deug air aghaidh gach oirleach ceithir chearnach do'n talamh; gu bheil cudthrom aig an athar tha furasda a dhearbhadh. Ma tha' phoit uisge a' goil gu làidir, cuiridh i thairis air a beul; thugadh am brod aside agus sguiridh i chur thairis, a chionn gu bheil cudthrom an athair a nis air aghaidh an uisge. Do'n uisge tha sileadh, agus a' luidhe air uachdar an talaimh car tamuill, tha cuid 'ga ghiùlan air falbh mar cheò do'n athar agus tha cuid eile air a shùghadh leis an talamh. Bho uachdar na fairge agus gach loch, tha taisealdachd a chòmhnuidh ag éiridh, air chor agus gu bheil aig gach am uisge an crochadh san athar. Anns a' mhuiр Eadar Dha-Thir (*Mediterraneau*) tha e air innseadh dhuinn gu bheil an sruth a chòmhnuidh a' ruith a steach tre chaol Ghibraltair, agus nach 'eil sruth air bith a' tilleadh as, ach gu bheil e ag éiridh mar cheò le teas na greine. Tha an t-uisge a tha ghnàth eg éiridh mar cheò a' tilleadh a ris a dh' ionnsuidh an talaimh mar dhrùchd no sileadh mar uisge a dh' fhionnarachadh agus a reamhrachadh a' ghruinnd, agus chum hiathachadh nan aibhnichean. Tha chuid do'n uisge nach 'eil ag éiridh bho'n talamh a' dol fodha agus a' briseadh a mach theagamh astar mòr uaithe mar thobar fior uisge no meinnear. Am fad agns a tha taisealdachd a' snàmh san athar, tha e an dara cuid do-fhaicinn, agus tha an speur dùghorm gun neul, air neo tha e ri fhaicinn mar neul. Tha neòil a' fas, 'nuair a tha aon chuid do'n athar a' coinneachadh cuid eile a tha nì's fuaire; tha an t' uisge a tha crochta san athar a' fas follaiseach sa' cheart dòigh sam lheil *steam* á piob a' bhàta a' fas follaiseach aig àm measgadh leis an athar, ach tha i do-léirsinn fhad 'sa tha i sa' phìob; nan robh a' phìob do ghloine

soilleir an àite bbi do-mhiotailt, chitheamaid gu bheil se fior. Theirear, ciod a tha cumail na taisealdachd an crochadh sán athar, agus c'arson nach eil i a' tuiteam mar uisge? thà chionn nach eil e'na bhoinneachan ach na bholgain làn gaoithe mar aodramain bheaga.

Fad agus a tha' ghaoth séideadh gu seasmlach bho aon chearna, mar bho'n airde an ear, tha an speur a' fuireach glan gun neul, ach co luath agus a tha a' ghaoth a' tilleadh bho'n iar, tha athar fuar agus blàth a' tachairt air a chéile agus tha neóil a nis a' cruinneachadh; tachraidh so ma tha' ghaoth a tha dlùth do'n talamh a' séideadh bho aon airde agus a' ghaoth a tha gu h-ard bho airde eile. 'Si barail dhaoine ionnsuichte, ga bheil gnothuch aig an ni sin is reusan do'n dealanach agus do'n tairneanach (ri'n canar sa Bheurla *Electricity* agus ri'm feudar a chantuinn sa' Ghàilig Grad-Theine-Omair) ri sileadh an uisge, oir tha sinn a' faicinn an dealanaich agus a cluinn-tinn an tàirneanaich ri àm an uisge mhòir; aig Lima ann an America mu dheas far nach cualas tàirneanach, cha'n fhaicear fras uisge, ach chithear ceò. Auns na h-Innsean tha' ghaoth mùiteach re tràth an uisge, agus seasmlach ris an aimsir thioram. Nach príseil gu bheil aig uisge buaidh air éiridh 'na cheò, agus sin a ghnàth bho aghaidh gach tir muir agus loch, do'n athar far am bheil e a' snàmh car tamuill, as am bheil e a rìs a' sileadh mar fhras no 'luidhe mar dhùrchedh a chum cinneas agus beatha a thoirt do gach luibh agus beò-chreutair.

Smuainicheamaid a nis, ciamar a bhitheadh an saoghal nan sguireadh a' bhuaidh so. Cha tuiteadh fras, cha luidheadh drùchd, thiormaicheadh gach abhainn a's tobar; chruinnicheadh uisgeachan an domhain uile sa' chuan, agus dh' fhàsadh an talainh cruaidh-loisgte. Sheargadh gach lus agus craobh air dhì uisge, bhàsaicheadh gach ainmhidh agus beo-chreutair air dhì beidh, dh' éireadh anns gach cearna gort agus plàigh a sgriosadh an cinne-daonna gu h-iomlau, agus bhitheadh an talamh 'na fhàsach tioram cruaidh Loisgte gun uiread agus lusan a' cinntinn no beò-cheutair ag ionaltradh air 'aghaidh.

ROB. RÚADH.

NATHAIR MHÓR NA H-ASIA.

A Chuairteir Uiseil,

'S math mo chuimhne 'nuair bha mi'm bhalachí beag nach robh ann ni bu mhò bheireadh de thoiliuntinn donh na naigheachdan a chluinntinn mu dhùchaibh céin. 'S lionmhòr latha 'shuidh mi le Domhull-saighdear air sgà cnoic, air chùl gaoithe 's air aodann gréine ag éisdeachd ri eachdraidh Blàr-na-lí Eiphit; ris gach crudaill agus cinnart troimh'n d' thainig e féin—mu na dùehanna troimh'n do shiubhail e—mar chuir e'n t-sròn bhàrr bean lot le earr a ghunna—mu'n ghàrradh-chàil a bha'n crannaig na luinge, 'san leithide sin; agus bho na chinnnaic mi féin naithe sin beagan do'n t-saoghal, cuiream chugaibh sgenla mu ni a thachair ann an Eilean *Ceylon*, no mar their na uàstain' ris, *Cingala*, ann an *Asia*. Cha'n eil air uachdar an t-saoghal àite eile ains a' bheil nathraighean cho mór ri nathraighean an Eilein so—tha cuid dlù do

chiad troidh air fad agus cho dòmhail ri duine calma! Se'n seorsa 's mò dhin gu lèir, agus is milltiche, an seòrsa ris an abair iad *Anaconda*, ainin a tha tighinn o'n Ghaelic *Anacumanta*—cha 'n 'eil iad ach ainneamh, agus is math do'n dùthaich nach 'eil.

Bha, nis bho cheann còrr a's fichead bliadhna, ann am baile *Cholumbo*'san eilean so, fear Maighstir *Seward*; Sasunnach a rinn mòran beartais. 'Nuair chunnaic e gu'n robh gu leòir aige, agus r'a sheachnadhl, cheannaich e staid air an dùthaich dlù do'n t-sàile agus air an staid so thog e tigh-samhraidh beag bòidheach far am bu ghnà leis dol 'na aonar, a lenghadh, 'sa sgriobhadh. Bha'n tigh-samhraidh so inar leth-mhile d'a thigh còmlinuidh, air müllach aonaich, far am faiceadh e gu beagni an t-eilean gu léir mu'n cuairt agus an cuan mór le 'luingeas air gacb taobh. A thuilleadh air so bha'n tigh-samhraidh air a chuartachadh le craobhan *pailm* ag éiridh gu h-ùrar, dosrach uaine cho dìreach ri slat gunna, g'a dhion o theas anacuibheasach na dùcha sin. Thachair do Mhr. *Seward* a bhi air an dùthaich 'nuair a chaidh sean charaid dha féin Mr Iomhar, g'a amharc. Bha Mr Iomhar a' coiseachd fad na h-òi'che clum teas an là sheachnadhl, agus ràinig e'n tigh-còmlinuidh dìreach ann am fàireadhl na maidne. Choinnich gille dileas Mhr *Seward*, *Zadi*, fear do naistinnean an eilein aig an dorus, agus thubhairt e gu fac' e' mhaighstir, *Seward*, a' dìreadh ris an uchdaich, mar gum biodh e' dol d'a thigh-samhraidh a dh' faicinn na gréine ag éiridh. Nuair chunnaic bean-an tighe Iomhar rinn i' bheatha, agus a mach a ghabh i fèin agus esan gu *Seward* fhaotainn anns an tigh-shamhraidh agus iognadh a chur air. Bha 'n gille, *Zadi*, leò a' giùlan bascaid de dhlearcان, 's de nitheana eile a ghabhdh iad san tigh-shamhraidh. Nuair a tharruig iad dlù mhothuich Iomhar gu'n robh cairbh a thaobhaiginn air aon de na craobhan a b' àbhaist a bhi cho mìn agus cho réidh, agus dh' feòraich e de *Zadi* ciod bu chiall da. Cha luithe dh' amhaire *Zadi* na thuit a' bhascaid as a' làimh: dh' fhàs e co bàn ris an anart, agus cha b' urrainn e ràdh ach "Anaconda! Anaconda! Tha sinn caillte!"

Cha do thuig Iomhar, no Baintighearna *Seward* ciod bu chiall da so, agus ghabh iad air an aghaidh. Thainig *Zadi* nis chuige féin—ruith e romhpa—thuit e air a ghluinean, agus ghlaodh e. "Pillibh! Pillibh! Ma theid sibh aon cheum ni's faide 's bàs duibh e! seall mar tha 'bhéist 'ga lùbadh, 's 'ga tionndadh féin a' measg nan craobh. O! mo mhaighstir! mo mhaighstir! tha thu cailte! cha 'n 'eil air an t-saoghal na theasairgeas e!"

"Nuair chual a' Bhaintighearna so thnit i ann an nial far an robh i: an ceann beagain thainig i chuice fein, agus ghlaodh i "O! sà-bhalaibh m' fhear! Na tréigibh e! Na tréigibh e! ar neo theid mise agus fuilingidh mi 'in bàs leis!"

"Tha e beò! tha e beò fathast! taing do na Dùilean!" arsa *Zadi*, a mhothuich 's an àm so braoig a' tighin air dorus an tigh-shamhraidh far an robh *Seward*, 's a' bheisd a' deanamh faire air an taobh am muigh. Chuir Iomhar agus *Zadi* romhpa nis gu men-

tricheadh iad am beatha gu *Seward* a shàbhalaadh—dh' ialaidh iad air am mágan feadh nam preas gus an d' thainig iad gu math dlù. Sann a nis a fhuair iad an sealladh uamharra, agus mòralach air a' bhéist ! chuireadh i aon uair car d'a h-earr mu'n ghéig a b' àirde de'n chraoibh, 's a' chuid eile a nùll 's a nall mar dhreallaig a' ruigh-eachd, gu beagan, an lair : uair eile shuaineadh si i féin mu'n chraoibh 'na ciadan cuibhle a' sineadh o' bun gu bàrr, agus an treas uair shuidheadh i air cuibheal d'a h-earr 's a' chuid eile suas mar chraoibh 's bogha oirre a' farclais aig dorus an tighe-shamhraidh far an robh *Seward* air e féin a għlasadh a stigh. A thiota thug a' bheist a nis dui-leum, 's rinn i cearcall dhi féin mu'n cuairt de'n bhothan gus cur as do'n fhear a bha stigh le' h-anail bhreun mhilltich. Chuir Iomhar a nis a għumma r'a shùil, 's loisg e oirre. Bhuaile am peileir i anns a' cheann inhallaichte ach cha d' rinn e sgħaż-żebbu—bha sligean a cinn 's a droma cho craidlī 's cho dionach ri lùirich stàlinn. Leum i suas a rideis a' measg nan craobh mar nach tachradh ni.

Chunnaic sinn a nis braoig a' tighin air an dorsu a ris, agus a mach leum cù Mhr. *Seward*, agus litir an crochadh r'a amhaich. Rnith a' miol-chu breagħha, fogħainteach sios am bruthach cho luath ri fiadh, mar gum biode mothuchadh aige air a chunnart ach bu shuarrach a' luathas an coimeas ri luathas na béciste ! As a dhéigh thug i 'na cuibhlean agus ann an da mhionaid bha na cilean mallaichte mu'n cuairt air.

Thainig a nis an o'i-che, agus smaoinich Iomhar agus *Zadi* gu'n cruinnicheadh iad buidheanni mhór agus gu'n rachadh iad le leusan teine feuch an teicheadh a' bhéist, rinn iad mar rùnaich iad—rànig iad, agus thog iad le aon għu nthu iolach àrd, san àm cheudna a' cur nan leusa teine mu'n cuairt air an cinn.

Thug a' bheist *hiss* uamhasach—chiteadh a' sùilean mar lasraiche teine troimh dhuibhre na h-o'i-che—chaill gach aon a mħisneach, 's a chli 's bu bhuidhe leò an casan a thoirt as.

Air an larnamhàireach, mu Chamhanaich an là, ruith *Zadi* do sheòmar Iomhair a' glaodhaich, " Tha e beò ! tha e beo ! chunnaic mi e' cur a mach crioman pàipeir air an dorus. Theid mi 's chi mi ciod a sgrìobb mo mhaighstir caomh air a' phàipeir ud arneo bäsäichidh mi anns an oidheirp." Dh' fhalbh *Zadi* dileas 's rinn e suas còmhdaħċi do għeugan uaine nan craobh fo 'n làn duilleach, cho ealanta 's nach aithnicheadh duine e seach preas eile. " Bha mi suas ris an obair so o m' òige," ars' esan. Dh' ialaidh e leis an eallaich cho ille so, 's a sgian-dubh dhileas air a leis—an ceann uair an uaireadair chunucas e aig dorus an tighe-shamhraidh 's a' bhéist a' cur nam böth dhi a' measg nan craobh dlù dha—fhuair e'in pàipeir-thoisich an preas beò ri téarnadh, agus bha e dlù do bhun a' bhruth-aich nuair chunucas an nathair cho luath ri dealan na h-oidhche as a dhéigh ! A thiota bha i na cuartanu mu thimchioll, na geugan agus gu lèir !

Dh' aithnich *Zadi* boċċi mar bha, ach cha do chaill e'mħisneach; tharruuñ e 'n sgian-dubh agus lot e'bheist eadar na sligean, auns an amhaich : leis a so rinn i cuibheal d'a h-earr mu'n cuairt da,

agus thilg i e féin 's na bha uime an àird' an adhair, agus thug i oirre na craobban, a réir a' choltais, cho slàn 's a bha i riamh.

Chaidh Iomhar agus càch a mach 's fhuair iad *Zadi* leth-mharbh —cha robh aisne 'na thaobh nach robh briste. An ceann tacain fhuair e cainnt—shin e mach a làmh anns an robh an litir—"So dhuibh i," ars' esan "chum mi greim oirre eadhon an glaic na béiste. Innsibh dhomh ciod tha mo mhaighstir ag ràdh inun tilg mi'n deò." Leugh Iomhar an litir, a ruith mar so, "Tha mi 'gar tuigsinn a chàirdean, tha mi faicinn gu bheil sibh a' deanadh nas urrainn duibh; ach cha 'n eil dòchas ann: tha anail na béiste air mo mharbhadh, Beannachd Dhia leibh! Beannachd le gréin 's le geallaich; beannachd leis an t-saoghal uile! Ach oh! mo Bhean! mo Bhean chaomh!"

Lion an litir so iad uile le mire-chatha—thuirt gach fear 's a làmh air a chlaidheamh, "Fuasglaidh sinn *Seward* no fuilingidh sinn leis!" Thuirt *Zadi*, le guth briste, 's e 'na shineadh air leabaidh, nuair chual e so, "tha innleachd eile ann." "Innleachd" arsa chuile fear, "ciod i?" "Am buar, am buar," arsa *Zadi*. "Am buar! ciod è mu'n bhuar?" ars' iadsan. "Am buar," arsa *Zadi*, a chuile li-aon de'n bhuar, ach, mo chreach có ghabhas os làimh!" Dh' innis e dhoibh a nis nan cuireadh, iad aon de'n bhuar an rathad na béiste 'nuair a shluigeadh i an t-ainmhidh gu feudadh leanabh beag a marbhadh, 'nuair a bhiodh a stamag làn nach b' urrainn di gluasad. Dh' fhalbh iad a nis gu coinhlearsnach, 's thug iad dha mòran airgid arson seachd no ochd de mhait a shaodachadh rathad an tigh-shàmhraidi. 'Nnair dhlùthach iad air a' bhothan sgar an tarbh o chách, mar gum biodh e dol g'a thachas féin ris na craobhan móra, no chum an reubadh le 'adhaireibh. Chunnaic iad a nis a' bhéist a' dol as an t-sealladh am bàrr nan craobh, ach mun abradh tu 'h-aon bha i na cùibhlean mu'n cuairt an tairbh, agus na fiaclan crosta a' sàs na dhubbliath!

'S ann a' sin a bha'n ùpraid; an t-ainmhidh làidir calma a' raoicil, 's a' spàirn, 's a' cur cobhair as a bheul, a' tarruig na nathrach sios am brunthach: mhair an strì uamhraidi so fad ceithreamh na h-uaire: bha'n talamh air a thionudadh mar gum biodh e air a ruamhar 's ghlac gairisinn gach neach a chunnaic an sealladh. Mu dheireadh fhuair a' bhéist dlù do chraoibh mhóir—chuir i car d'a h-earr mu'n cuairt de'n chraoibh agus theannaich si i féin cho teann mu'n enairst de'n tarbh 's gu'n cuala na daoine leth-mhile air falbh bruanaich nan cnàimh. "Cia mar a dh'icheas i e 'nis?" arsa cuid. Cha robh so fada 'na ceist. Thug a' bheist a' chlosach a nis gu bun na craibe—shuain si i fein 'na ceithir chuibhlean mu'n cuairt de'n chraoibh agus de'n chlosaich, a' teannachadh 's a' teannachadh gus mu dheireadh an robh gach cnàimh anns a' chlosaich cho min ri flùr. Thoisich i'n sin agus lion si e le ronnan bho earball gu 'cheann, agus a nis shlnig i a dh' aon slingadh an tarbh àluinn, eadar cheann a's chasan!

Dh' innseadh do *Zadi* bochd 's e ri beul bàis mar bha 'chùis: "Thugaibh innte! thugaibh innte!" ars' esan, "marbhaidh leanabh beag a nis i."

Mach a ghabh Iomhar, 's a bhuidheann nach obadh : leum iad oirre le cloidhean 's le biodagan. Dh' fhench a' bheist ri blàr a thoirt doibh, ach cha b' urrainn di gluasad—laidh i air a fad air an talamh. Cha d' fhimirich Iomhar ri' faicinn marbh—ruith e chum an tigh-shamhraidh far an robh a charaid. "A charaid *Seward*," ars' esan, "fosgail, fhuair thu fuasgladh mn dheireadh." Ach cha robh freagradh ann. Rug Iomhar an sin air tuaidh mhóir, agus le buille no dha bhris e 'chomhla ; fhuair e *Seward* 's a shùilean dùinte 's a ghrnaidhean air dhath a' bhàis 'na shnidhe air cathair. Ghlac Iomhar e 'na ghàirdeanan, 's phòg se e. "A charaid, *Seward*," ars' esan, "a' bheil thu beo ?" Dh' fhosgail e' shùilean 's dh' fheuch e ri làmh a shineadh, ach thuit i thiota marbh ri 'thaobh. "Tha thu saor, a charaid," arsa Iomhar, "Thà, ars' esan, 's cha 'n ann gun chunnart do m' chairdean ; ach Oh! mo bhean! mo bhean!" Tha i bed agus a' feitheamh riut aig a' bhaile," arsa Iomhar. O! giulainibh, giulainibh mi d'a h-ionnsuidh" ars' esan "mun tilg mi'n anail."

Ghiùlain iad e air leabaidh dhachaidh—phòg e fèin 's a Bhaintighearn' a cheile—ghabh e gloine fiona bho 'laimh, ach mo chreach ! be'n gloine deirionnach e ! Ann an ceann leth-uair thilg e'n anail !

Theagamh a Chuairteir, nach creid cuid d' ur luchd-leughaidh, nach faca riamh de'n t-seòrsa so ach Dearc-luachrach, gu bheil so fior : ach creididh sibhse, agus gach neach aig a' bheil eòlas air an t-saoghal, agus air eachdraidh an t-saoghal e.

'S mise le mór urram

MACTALLA.

A' chreag mhór, Eilean Chola
An dara-mios
1841.

GEARR SGEUL AIR MUINNTIR A BHÀSAICH ANN AM FÀSACH ARABIA, LE TART.

Cha 'n urrainn sinn eachdraidh gach dosguinn agus cruidh-chas a ta luchd-turuis a' coinneachadh ann am fàsach tartmhor Arabia a lengadh gunn na smuaintean a's tiambaidh a mhosgladh anns a' chridhe a's cruidhe. Tha, math a dh' fheudta, lionmhорachd luchd-leughaidh a' "Chuairteir," aig nach 'eil fiosrachadh air na cunnartan lionmhор, agus gach bàs fadalach, cràiteach a dh' fhuiling iomadh d' ar comh-chreutairean ann an siubhal troimh mhach-raichean teinnteach na dùthcha sin. Mheas sinn nach biodh an sgeul a leanas mi-thaitneach do'r luchd-dùthcha ioninhuinn. Tha luchd-àiteachaidh an eilein Bhreatunnaich air an cleachdadh ri tomhas cuimseach de fhuachd agus do theas, far a' bheil an t-sùil air a riarachadh le bhi faicinn gach glaic agus gleann air an còmh-dachadh le luibhean agus craobhan a' fas suas gu dosrach àrd, agus na machraichean air an éideadh le lionmhорachd do bhlàithean bòidh-each, a' sgaoileadh àilleachd air gach làimh, agus aibhnichean a' siubhal gu ciùin sèimh troimh chomhnardan farsning réidh, agus gur gaìn is urrainn doibh ruigheachd air beachdan iomchuidh air

na dùthchannan sin a tha fo ghréin loisgich na h-aird-an-ear. Tha fàsach Bheersheba air eirthir na Fairge Ruaidhe, san ear-thuath, a réir cùnnatais luchd-turuis, 'na chòimhnard farsuing fàs, far nach 'eil luchd-àiteachaidh r' an coinneachadh o cheann gu ceann deth. Cha 'n urrainnear a choiseachd trid an rathaid a's aithghiorra ann an ùine 's lugha na da fhichead latha; agus tha na cearnan so co garbh's co neo-àitichte agus gur h-ann a tha iad mar gu'n robh antìr fhàsail so air a toirt thairis gu neo-thoraichead shìorruidh. Roimh fad agus leud an dìthreabh fharsuing so gu h-ionlan, cha 'n eil duilleag do fheur uaine r'a fhaicinn, cha 'n eil guth beò-chréutair r'a chluinntinn; agus mur h-ann air son euid de luibhean cruadalach a tha r' am faiciun an sud 's an so, mar tha 'n *tamarind* agus *acasia*, a' daingneachadh am freumhan ann an sgotaibh nan creag, agus air an uisgeachadh le drùchd na h-oidhche, 's ann a cho' dhùineamaid gur h-i th' ann an so dùthaich far a' bheil Nàdur fo ghlaibh an éig. Is faoin do'n fhear-thuruis airsneulach dúil a bli aige gum foisich a shùil air ionad àillidh sam bith far am feud e ruigheachd air sgàil agus dìdeann o ghathan loisgeach na gréine 'nuair tha i an àirde nan spéur. Tha e a' dlùth-leantuinn air aghart o latha gu latha, o mhaduinn gu feasgar, air an astar bhuan aonaranach so, gun ni r'a fhaicinn ach aon dìthreabh fharsuing neo-àitichte; cas-chreagan corrach ard ag éiridh a suas air gach làimh; a' ghainmbeach dheàlrach air a teasachadh mar ghriosach le gathan loisgeach na gréine 'nuair tha i a' dealrachadh 'na làn neart. Tha e gu bitheanta ro-chunnartach siubhal troi 'n fhàsach oillteil so, o ainniseachd gach nì tha feumail chum cumail snas beatha agus neart luchd-turuis; agus ged tha gach ullmhachadh freagarrach air a dheanamh, agus ged tha 'n cleachdad a bhi 'gabhair an astair so 'nam buidhnean lionmhòr, a' toirt cothrom air a chéile a chuid-eachach 's ainmice tha'n turus air a chriochnachadh a dh-easbhuidh air mór challdachd agus dosguinn fhlang.

Do gach tuiteamas d'a bheil luchd-turuis buailteach sna tìribh loisgeach so, cha 'n eil sgiorradh no cunnart an coimeas ri easbhuidh an uisge; agus de gach nì tha feumail do luchd-turuis a' siubhal troimh nan criochan so, cha 'n eil nì co neo-sheachanta do'n fhear thuruis an àm siubhal troimh 'n fhàsach so. Tha 'n t-uisge air a ghiùlan ann an searragaibh leathraich, agus a chionn gu bheil e 'na nì cudthromach fiosrachadh a dheanamh mu na cearna sa' bheil na tobraichean nisge, a tha gu bitheanta fior ghann, tha 'n luchd-turuis a' deanamh air na tobraichean so chum an searragan a lionadh o àm gu h-àm. Ach 's iomad dosguinn agus cunnart a dh' fheumas am fear-turuis a choinneachadh mun ruig e'n tobar: agus a thaobh àireamh nan tobraichean so, tha luchd-turnis a shiubhail na cearna-sa ag innseadh nach d' fliosraich iad ach ceithir dhiubh so ann an astar cheithir, sheà agus eadhon ochd làithean o chéile; agus a bhàrr air a' chunnart tha 'g éiridh o sheacharan uapa so, nì a tha gu minic a' tachairt ann an dìthreabhan fàsail, far an ainmice an coinnich sinn slighe no frith-rathad; agus tha e gu minic a' tachairt do luchd-turuis an déigh an dìchill agus

an t-shaothair bu mhò chum amas air aon do na tobraichean so, gu'n d' fhuair iad iad air an tachdadhs suas le gaineimh, no gu bheil iad làn uisge air blas an t-saluinn o na leapannan pronnusig, no do shalunn, air uachdar a' bheil iad so a' ruith, nì a tha a' meudachadh, an àite tart an fhir-thuruis a lughdachadh; agus an sin feadar an sealladh a's oillteala agus a's cràitiche fhaicinn, iotmh-orachd an fhir-thuruis a' teachd gu àirde do-ghiùlainte. Tha'n tart-mhòrachd do-chasgadh so ag éiridh o dhian theas na h-iarinailt, agus o'n ghaineimh loisgich a th' air gach làimh. Tha nis dian-chritheachadh air seilbh fhaotainn anns gach ball do'n chorp; tha piantan do-fhulang air fhaireachadh sa' chraicionn—tha na sùilean a' fàs mar bhuill do fhuil chlodach thiugh. Tha duilgheadas faicinn agus cluinnitinn air tòiseachadh—tha call comas labhairt, agus piantan neo-chumanta san sgòrnan, a' sior dhol am meud gach uair. Tha na fulangasan so uile a' nochdadhs gu bheil an corp gu h-iomlan as ordugh, agus a' toirt air aghaidh laigsinn agus eion mothuchaidh; agus fadheòidh a' toirt air an fhear-thuruis thruagh, an déigh iomadh oidhирп [fhaoin, luidhe sios air a' ghaineimh theinntich a tha mar ghrìosach theth fo 'chasaibh.

Ann an leithid so do chruaidh chàs tha e air aithris gu'n robh còig ceud dollar air an toirt air son làn-beòil de'n uisge fhuar, chum fionnarachadh na teanga. Ann an leithid so do chàs muladach truagh cha'n eil eadar-dhealachadh eadar am maighstir agus an tràill; agus a chionn gu bheil fèin-dhionadh ann an àm cunnairt a' dol os ceaùn gach gnè sam bith tha 'nar nàdur 'nuair tha neach a' luidhe sios a dh' fhulang a' bhàis a's uainhasaiche, tha a chompanacha, ciod air bith an co'-thruas a dh' fhendas a bhi aca ris, air an eigneachadh gu dol air an aghaidh, agus fhàgail gus am bàs a's pianaile agus a's fadalaiehe fhulang.

Cia cianail os ceann cainnte neach a bhi mar so air fhàgail le 'cho'-luchd-turuis gu dol bàs ann am fàsach cian farsuing, gun neach aig làimh g'a chuideachadh, gun charaid dlùth dha gu sanas a' chomhothuchaidh a chagar 'na chluais, no eadhon gu aon bhoinne do'n uisge fhuar a thaomadh air a bhilean a tha 'losgadh le tart! cia'n eil Mactalla a' freagradh d'a ghlaodh, ach tha a nis 'na luidhe sios an sin 'na allabanach truagh, tha ceò a' bhàis a' tighin air a shealladh—tnainealaich agus breisleach mu 'cheann—a' bruadar a bhi 'cluinnitinn torman nan eas, a' smuainteachadh gu bheil e a' siubhal an cois bruachau na h-aibhne far a' bheil na luibhean agus blàthàn a's àillidh a' togail an ceann, agus e féin a' cromadh sios gu làn a bheòil fhaotainn do'n uisge a chasgadh 'iota—Ach feuch a nis e a' dùsgadh le criothnachadh oillteil auns gach ball d'a chorp gu fiosrachadh fhaotainn air cunnart agus truraighe a staid—fear-fogairt truagh air a thréigsinn, a' dol bàs le tart ann am meadhon fasaich ghaineimh thartmhòr theth. Feudaidh an sgeula gèarr a leanas am barrachd fiosrachaidh a thoirt dhuinn mu chor muladach a leithid so do neach.

Bha còigear cheannaichean aon nair a' gabhail an rathaid o Bherber do'n Eiphit, le mu thimchioll deich-ar-fhichead do thràill-

ean, agus àireamhl lionmhòr do chàmhalan; agus air dhoibh fios-rachadh fhaotainn gu robh feall-fhalach gu bhi air an cionn le buidhinn lionmhòr do luchd-reubainn, aig aon àraidih do na tobraichean uisge air an t-shlighe bha iad gu gabhail, rùnaich iad gu 'n atharraicheadh iad an càrsa na b' fhaide chum na h-airde 'n Ear a dh' ionnsuidh tobar eile bha co measail aig luchd-turuis ris an aon a sheachain iad. Chuir iad iad féin fo sheòladh fir-iùil ro dhileas agus eòlach; ach a chionn nach robh an rathad a ghabh iad ach ainmic air a thaghail, chaidh iad an ùine ghearr air seacharan o'n t-slighe cheart, agus ré chòig làithibh cha b' urrainn doibh fhiosrachadh c' àite 'n robh iad. Bha nis tombas do'n uisge bh' aca air caitheamh, ach mar a bha an uireasbhuidhean a' dol am meud chuir iad romlpa gu 'n stiùradh iad an càrsa gu aird dol fodha na gréine, ann an dòchas gu 'n ruigeadh iad fa dhèidh an abhuinn *Nile*. An déigh dhoibh goin a's pian a' phathaidh fhulang tre àireamh do làithean, bhàsaich còig-fir-dheug do na tràilfean, agus dithis do na ceannaichean. Air do aon do shealbhadairean nan càmbal a smuainteachadh gum feudadh na h-ainmhidhean le 'n gliocas agus an t-seòltachd nàdurra tha aca, bhi na bu shealbhuiche na 'm maighstirean ann am faotainn a mach an àite san robh an tobar, dh' iarr e air aon d'a chompanaich a cheangal gu cruidh ri diollaid an aoin bu làidire do na càmhalan, agus an sin leig e leis an ainmhidh a ghiùlan ge b'e aird a b' àill leis; ach cha chualas riabh an déigh sin sgeula mu na càmhalan no mu 'm maighstir. Air dhoibh a bhi nis air teachd gu bhi 'nam buidhinn bhig, thainig iad an sealladh beann-taibh Shigne, a dh' aithnich iad, agus far an robh fios aca gum biodh iad cinnteach uisge fhaotainn; ach bha iad a nis air fàs co lag le sgìos agus uireasbhuidh, 's nach robh e an comas daoine no ainmhidhean-dol na b' fhaide. Air dhoibh iad féin a leigeil sìos aig bonn craig mhóir far am faodadh iad ruigheachd air sgàil agus dòn o'n teas agus gach dosguinn fo 'n robh iad a' fulang, chuir iad dithis sheirbhiseach uatha le dithis do na càmhalan bu treise bha nis air am fàgail aca, a dh' iarraidh uisge; gidheadh cha b' fhada chaidh na teachdairean air an aghart 'nuair a thuit fear dhiubh sìos air an talamh le dearbh laig-sinn, agus neo-chomasach air labhairt; ach smèid e air a chompanach le 'làimh e g'a fhàgail agus teachd air ais d'a ionnsuidh le uisge co luath 's a dh' fhaodadh e; ach mheudaich a laigse agus 'anacomas co mór leis an tart agus gu 'n d' thainig a nis doilleireachd air a fhradharc, agus chaill e'n rathad ged a bha e ro-eòlach mu'n àite sau robh an tobar. Air dha nis a bhi fada dol air seacharan dh' amais e air craobh, agus luidh e sìos fuidh a sgàil, agus cheangail e'n càmbal ri aon do na géugan; ach air do 'n ainmhidh mhi-fhoighidneach àile an uisge a mhothuchadh bhris e'n t-aghastrar, agus sgìth mar a bhà e, ruith e as le luathas an fhéidh-rathad an tobair, a bha inu thimchioll astar leth-uair an uaireadair uaithe. Thuig an seirbhiseach gu ro-mhath cia ionnsuidh a bha 'n càmhàl a' triall, agus chaidh e 'na déigh; ach an déigh dha dol air aghart mu cheud slat, thuit e sìos air an lár, fann, sgìth, agus luidh e'n sin ré ùine fhada, gun sùil ri nì sani bith ach am bàs, 'nuair a sheòl am Freasdal neach o choimhearsnachd an

àite sin a chrath beagan uisge air eudann an duine thruaigh a bha nis mu thimchioll toirt suas an deò; ach cha b' fhada gns an d' ath-bheothaich e. Chaidh iad an sin le chéile dh' ionnsuidh an tobair, agus an déigh dhoibh uiread do na searragan leathraich a Ronadh do'n uisge 's a dh' fheudadh iad a ghiùlan, phill e dh' ionnsuidh chàich a dh' fhàg e as a dhéigh, agus bha e 'na mhór-aobhar ghàirdeachais gu 'n d' fhuair e iad uile bed.

EILTHIREACH.

Mìos deireannach a' Gheamhraidh, 1841.

TURUS-FAIRGE DO AMERICA AIR LONG-SMUIDE, &c.

LITIR A FHUAIR SINN O CHIONN GOIRID.

" Bu tróm tiamhaidh smaointeán mo chridhe air dhomh a bhi call seallaidh air beanntan mo dhuthcha, 's cha robh e 'm chomas gun mo bbròn a thaisbeanadh le deuraibh goirte 's mi toirt m' aghaidh air cuan farsuing America. Bha cuimhne nan làithean a dh' fhalbh gu goirt a' cràdh mo chridhe 's mo chuim, 's cha do smaoinich mi riamh gu fiosraichinn a leithid do thaiseachadh-cridhe 's a dli' fiosraich mi san t-suidheachadh san robh mi nis air mo chàramh. Bha 'm bàs an déigh iomadh briseadh a dheanamh ann an àireamh mo luchd-dàimh agus eòlais; chaidh iomadh snaim fhuasgladh a bha 'gam cheangal ri tir nam beann; ach aidicheam ged bu àmhaid dhomh gach caraid a dh' fhàg mi as mo dhéigh dhùraiginn tilleadh a rìs a dh' fhaicinn tìr mo dhùchais agus mo ghaoil; 's ged bha innleachdan gluasaid na luinge so 'gam għreasad air falbh á fradharc mo dhùthcha bha aiteas orm a smaoineachadh gu faodainn a bhi air mo thoirt air m' ais am beagan làithean a dh' iounsuidh a' chòrsa bha mi nis a' fàgail. Ach theagamh, mo thruaighe! gu faodainn mo dhùthaich a ruigheachd ni bu túrsache na dh' fhàg mi i. Chithinn iomadh briseadh agus bearn air au deanamh leis a' bhàs—agus iadsan a dh' fhàg mi ann an treiu an neirt no anu am maise 's an snuadh na h-òige ann an tosd muladach a' bhàis. Bha 'n long a' gluasad gu siùbhlach gun bhi'n eisiomail srutha no soirbheis, oir nam bitheadh i sin dh' fhaodadh i bhi ceithir latha fishead ris an astar a rinn i ann an ceithir uaire fishead 'nuair a rinn i falach-cuain air gach fearann. Bha i 'm bith-eantas ri dà chiad gu leth mile 'sna ceithir uaire fishead, agus rinn i aon uair dhù air tri chiad mile.

Air latha na sàbajd shearmonaich ministeir òg a bha dol do Eilean a' Phrionnsa, agus bu taitneach tiamhaidh na smaointeán a dhùisg an clag a' gairm an t-sluaigh gu aoradh Dhé air uchd a' chuain, chruinnich gach aon a bh' air bord, mu thuairmeas ceud gu leth, do thigh uachdrach na luinge. Bha na maraichean uile ann ach aon no dha air an robh càram an t-soithich. Sheinneadh earraun do'n cvii. Salm,

Luchd-luingeis theid air muir 's a bhios
Ri gniomh an uisge buan,
'S iad sid do'n léir mór oibre Dhé
'S a mhiorbhuite sa' chuan, &c.

B'e'n ceann-teagaisg "Pillibh; c'arson a bhàsaicheas sibh?" Nochd am ministeur gach meadhon a bha'n Tighearn a' cleachdad chum an t-aingidh a thilleadh; gu'n robh e gu tric a' cur drisean an àmhghair roimhe san t-slighe Hos. ii. 6.—ach gu'm b'e'm focal, ann an laimh an Spioraid an-t-aon mheadhon éifeachdach chum na crìche so. Gu'm b'e claidheamh an Spioraid e, leis an robh Criosd a' cosnadh's a' cur a rioghachd am farsuingeachd san anam's anns an t-saoghal, 's nan rachadh neach a thoirt aon uair fo shileadh an t-soisgeil gu faodadh meadhona eile bhi air an naomhachadh do'n anam agus comh-oibreachadh gus am peacach a thoirt gu aithreachas; agus cha b' fhada gus an deachaidh an teagast so a sparradh gu druigheach orm fein. Dh' eirich stoirm ghàbhaidh a thug a'm' chuimhne gach teagasc, gach earail a's achmhasan a fhuair mi riamh, 's bu chulaidh-uamhais dhomh cho beag drùghaidh's a rinn iad orm; bha mi cinnteach gu'n robh an Tighearn a nis a' labhairt rium ann an osna stoirm a' mheadhon-oidhche, mar bu blitheanta riun e ann an caol-ghuth ciùin focail na slàinte.

Ann an turus cho goirid's a bh' againn air chuan (oir cha robh sinn ach aon latha diag gu leth eadar *Liverpool* agus *Halifax*) cha mhór nithean annasach a thacbair. 'Se ni bu mhò iognaidh leinn siubhal buadhar na luinge feedb "ghleannnta crom an t-sàile" gun umhail aice ciod a' chearn as an éireadh an soirbheas. Cha'n eil fhios co dhiùbh a's sàbhailte na luingeis so na na luingeis sheòl, ach nam bithte cinnteach as an innleachd-ghluasaid, cha'n'eil teagamh nach iadsan a's sàbhailte. Greasaidh iad ni's luaithe as an stoirm, tha iad làidir diongmholta, le rogha sgioba. Tha iad ann am meud ni's mò na luingeis eile. Giulainidh iad mu thuairmeas mile gu leth tunna. Tha seachd ciad tunna guail air bòrd aig gach aon diubh a' fagail *Liverpool*. Tha'n luach-aisig ard, ach's coltach gu'n islichear e'n ùine gun bhi fada's gu'n deanar an turus ann an seachduin. Tha'n luach-aisig dlù air da flichead punnd Sasunnach, ach cha'n'eil e ni's daoire na bha e air luingeis sheòl o cheann da flichead bliadhna.

'Siomadh nì'thachras san t-saoghal so. Bha e aon uair air a mheas 'na ni gun tùr, oidhrip a thoirt air cuan America le loingeas smùide—a chionn gu'n robh muinntir am beachd nach giùlaineadh iad uiread ghuail's a dh' fheumadh iad. Bheirear fhathast oidhrip air dol do *Australia* 's do na h-Innsibh an Ear. Thugadh oidhrip o cheann beagan bhliadhna chan air dol do na h-Innsibh rathad Cheap an Dòchais; ghealladh duais do'n neach a thug an oidhrip—ach theirig an gual agus bha e ni b' fhaide na'n tim a luthasaicheadh dha. Bha iomadh aon a' cur-iomchair air Comunn nam marsantan,* nach robh luingeas smuide dol do Innsean na h-airde'n Ear roimhe so. Dh' fhàgadh a' chuis 'nan lamhan, ach tha muinntir a' smaoineachadh an àite 'chuis aghartachadh, gur h-ann a chuir iad gach culaidh-bhacaidh san rathad.

Tha iad aig an àm so a' togail long-smùide iaruinn ann am Bristol, an Sasunn. Giulainidh i mu thuairmeas tri mile gu leth tunna—Tha

* East India Company.

i teann air a thriùiread ri h-aon a chaith a thogail fhathast. 'S ann gu bhi dol do America tha i, ach dh' fhaodadh i dol do chearnaibh a's fhaid as. Cha'n eil teagamh nach faigh America agus dùthchannan eile togail nach d' fhuair iad riamh roimhe ann am malairt 's ann an sochairean lionmhòr eile ri linn 'do na luingeis so oidhisp a thoirt air a' chuan.

Cha'n abair sinn a bheag a thaobh na dùthcha aig an àm so, ach gheibhear san ath Chuairtear gach fiosrachadh a's urrainnear a thoirt seachad.

Eilean a' Phrionnsa.

AMERICA AGUS BREATUNN.

Tha aobhar-dòchais fhathasd nach bi cogadh eadar an dà rioghachd chumhachdach so. Air an àm, 's eiginn aideachadh gu bheil fà curaim do thaobl so; ach tha muinntir Staidean America, (ris an canar mar fhrith-ainm na *Yankees*) anabhairach teóm air bòsd agus spagluinn: nan deanadh cainnt cùis, agus uaill agus maoidheadh, chuir-eadh iad an saoghal fo smachd.

'S iomchuidh gum bi fios aig luchd-leughaidh a' Chuairteir ciod an nl air an àm a tha 'dùsgadh droch-rùin eadar na dùthchannan, agus an impis an cur gu cogadh.

'S ann mu Ghàidheal Albannach, Alastair MacLeod a tha 'chùis-aimhreit. Feuchaidh sinn so a mhineachadh gu h-aithghearr; tha a' chùis gu cinnteach cudthromach, agus is cluïteach an 'ni do Shasunn éiridh a suas mar rinn iad mar aon duine as leth ar fear-dùthcha.

O chionn trì bliadhna, nuair bha cuid a dhaoine gòrach ann an Canada uachdrach air éiridh suas ann an ceannairec an aghaidh luchd-riaghlaidh na dùthcha, agus ag iarraidh uachdarachd Shasunn a thilgeil diùbh, bha fear ann a Chloinn-'ic Coinnich a chuir e féin air ceann na feadhnaich so, le cuid do reubalaich cosmhul ris féin, agus trudsair a muinntir staidean America, ris an can sinn na *Yankees*, gu eilean beag ris an canar *Navy Island*, os-ceann eas mór Niagara. Tha e air aideachadh gum buineadh an t-eilean so do Bhreatunn, nach robh còir air bith aig na *Yankees* air; agus cha mhò' na sin a tha iad ag agairst còir air. Theich MacCoinnich agus na reubalaich eile do'n eilean so, le cuid do muinntir Staidean America a lean e. Cha robh biadh no lòn r'a fhaotainn san eilean; cha chuireadh muinntir Chanada a bheag no mhór d' an ionnsuidh, agus uime sin 's ann o thaobh America bha iad a' faotainn gach goiris. Chum na nithe so bha a dhìth orra a ghiùlan, rinn iad feum do bhàta-smùid do 'm b' ainm an *Caroline*, soitheach a bhuineadh do *Yankees* tha 'chòmhnuidh ann am *Buffalo*. Bha'm bàta-smùid so ri meadhon-latha a' giùlan ghunnacha-móra agus aim eile gu freàsal doibhsan a bha air éiridh suas an aghaidh Bhreatunn; agus thachair so uile 'nuair a bha sìth eadar America agus Breatunn. Mar so bha an soitheach smùid, an *Caroline*, mar shoitheach-cogaidh an aghaidh Bhreatunn, le bhi 'cuid-eachadh nan réubalach, agus bha so an aghaidh lagh gach rioghachd: dìreach mar gum biodh muinntir Eirinn air éiridh an ceannairec an aghaidh Bhreatunn, agus gu'n cuireadh an Fhraing soitheach do dh-

Eirinn le airm gu cuideachadh leò. Mar so bha e, cha 'n e amhàin ceadaichte, ach bha e féumail, an soitheach so a mhilleadh. Cha robh e an comas luchd-riaghlaidh America a bhacail. Ma bhà cha d' rinn iad e. Ghabh an sluagh a' chùis'nan làimh féin, agus, a dli' aindeoin gach bacail agus bagraidh; chuir iad an soitheach so fo uidheam chum cuideachadh leis na reubalaich.

Mu dheireadh dh' ordugh an duinetréun, an curaigh gasda Mac-anaba, ard-cheannard feachd-dùthcha Chanada cur as di; agus, an déigh tuiteam na h-oidhche, ghabh buidhean bheag do ghaisgich Chanada a mach as a' champa, ghlac iad an soitheach so, an Caroline, a bha 'na soitheach-aisig aig na reubalaich; tharruing iad a mach i gu meadhon na h-aibhne, agus an déigh a cur ri theine, leig iad sìos i leis an t-shruth gus an deàch i 'na mìle spealg thar eas mór na gàirich. Chaidh so uile 'dheanamh le ordugh ceannard airm Bhreatunn, agus cha robh duine rioghail gasda ann an Canada nach d' rinn gàirdeachas. Ma bha cron, no olc, no nì mi-laghail sa' ghniomh, rinn-eadh e le ordugh luchd-riaghlaidh na dùthcha. Cha robh aig na daoine treuna rinn an gniomh ach a dheanamh mar dh' iarradh orra; ach cha 'n aidicheadh muinntir America gum bu shoitheach spùinteach idir a bha sa' Charoline, ach soitheach marsantachd, nach robh còir againn a milleadh, agus gum bu mhurt gach bàs a thachair air bord an àm a glacadh, agus gur còir do rioghachd Bhreatunn fiach na luinge so a phàigheadh. Chuir Staidean America litir do Lunnuinn ag iarraidh gum biodh so air a dheanamh.

Ach mun robh ùine a' chùis a shocruchadh, agus mun deachaidh fios freagairt sam bith air ais o Shasunn, ciod a rinn na Yankees ach greim a dheanamh air duin' uasad a muinntir Chanada, a chaidh air cùl a ghnothuich féin a nùnn do America, gu baile *Lewiston*. Thog iad tuaileas 'na aghaidh gu 'n robh e am measg na feadhnaich a ghlac agus a loisg an soitheach-smùid. A nis, cha 'n eil ni air bith a's cinntiche na nach robh an duine so, MacLeod, idir san làthair air an àm an do ghlacadh an Caroline. Sèa lathan an déigh dhoibh a ghlacadh thugadh mu choinneamh cùirt e; thugadh binn a mach 'na aghaidh mar neach a bha ciontach do mhurt air bòrd an t-shoithich smùid so; ghrad thilgeadh aon am priosan e. Tha làn dearbhadh gu'n robh MacLeod deich-mile-fichead a dh' astar o'n àite sna loisgeadh an Caroline air an oidhche air na thachair e. Mar so tha a' chùis air an àm; tha 'n duine neò-chiontach so air a dhìteadh; cha 'n eil dòigh aig luchd-riaghlaidh an àite air a chur fo sgaoil, oir tha gràisg an àite a' bagradh iad féin a mhurt mà leigeas iad MacLeod as.

Chuir Breatunn fios gu America iad a thoirt a shaorsa gu grad do Mhae Leòid, a chur dhachaidh do Chanada gu tèaruinte. Ged a robh e am measg na feadhnaich a loisg an Caroline, gun tighinn air nach robh e idir ann, an deanadh e ach mar a dh' iarradh air? Cha leig Breatunn leò a chur gu bàs. Ma chuireas, bithidh cogadh air ball air a ghairm. Thachair dhuinn a bhi làthair ann an Ard-chomhairle na rioghachd, an tigh na Parlamaid, air an oidhche bha so aca fo'm beachd, agus da rìribh theóthaich e ar cridhe a chluinntinn mar sheas na h-uile mac màthar a bha 'làthair mar aon duine suas airson Mhic-

Leòid. B'e cainnt gach fir a labhair, " Cha 'n eil Breatunn ag iarr-aidh cogaidh, ach ma chuireas na Yankees MacLeod gu bàs, bidh cogadh ann co fuitteach 's a bha riabh eadar dhùthchannan." Ma dh' éigincheas na daoine amайдeach mi-riaghailteach so Breatunn gu cogadh, chì iad gu bheil Breatunn co cumhachdach 's a bha Breatunn riabh. Tha leth-cheud long mhór chogaidh ullamh gu seòladh a nùll ; moran do shoithichean-smùid, le gunnaichean a ni sgrios aig astar tì mile ; tha air an àm uidheamachadh mór a' dol air agbaidh agus ma's éigin urchair a losgadh, tha sinn meallta mur h-islichear thun na h-ùrach bratach bhòsdar nan rionnagan. Chunnaic sinn ann an Sasunn o-chionn latha no dha, leth-cheud mile gunna-mór air aon bhlàr, deas réidh gu 'n cur gu feum, agus ann an aon seòmar ceud-gu-leth mile musg as nach do loisgeadh urchair riabh, ullamh gu 'n cùntas a mach ma's éiginn cogadh. Tha leómhann tréun Bhreatunn 'na fhair-eachadh—dhùisgeadh e, agus mo thruaighe na Yankees an latha theid e mach 'nan aghaidh ! achi cha chreid sinn gu bheil muinntir America air breathas co mór's nach strìochd iad. 'Se ar dòchas gu'n socruich-ear a' chùis gun dòrtadh fola.

'S taitneach r'a thoirt fa 'near an dòn a tha Breatunn a' toirt do na h-uile h-aon a bhuineas dhi, a' sgaoileadh sgàil a sgéithe thairis air a leanaban anns gach cearna. Chunnaic sinn duin'-uasal air ùr thig-hin a nall o America, agus tha esan ag ràdh nach strìochd na Yankees. Cha 'n i so ar barail, achi chítéar an ùine ghoirid. 'Si ar barail gu'n leig luchd-riaghlaidh America as MacLeod, gu 'n toir iad comas a chas da ; ach 's mór ar n-eagal gum murt an sluagh e : so nì a tha ro-choslach.

LITIR O'N OLLA' LEÒDACH ANN AN GLASCHU

D'a chairdean sa' Ghàidhealtachd, mu dhéibhinn na h-imrich air a bheil daoine 'labhaint a tha ri dol air aghart o eileanan na h-Alba do dh-America mu thuath.

MO LUCHD-DÙTHCHA IONMHUINN,

Chuala sibh gu'n robh cor nan Gàidheal bochda air a thoirt fo bheachd na Parlàmaid le MR BAILLIE, duine fiachail tha 'suidhe ann an ard-chomhairle na rioghachd air son siorramachd Inbhirnis. Thug e a leithid do chùnnatas air a' bhochduinn fo'n robh móran do na Gàidheil a' fulang 's gu 'n do chuireadh air leth, mar deirear sa' Bheurla, committee, 'se sin buidheann àraidh do mhuinntir na Parlàmaid chum a' chùis so a rannsachadh, agus an comhairle thoirt ciod bu chòir a dheanamh. Ghairm a' bluidheann thaghla so daoin' uaisle bha èolach air staid na Gàidhealtachd, suas do Lunnuinn, gu bhi air an ceasnachadh 'nan làthair. Ghairmeadh deich no dusan fianuis suas, agus 'nam measg sin bha mise. Cha bhuin e dhòimhsa a ràdh, ged robh fios agam air, gun tighin air nach 'eil làn fhios agam fhath-

asd air, ciod na nithe mu 'n do chruinnicheadh càch, ach feudaidh mi à ràdb gu 'n do cheasnaich iad mise fad trì làithean mu dhéibhinn gach nì air an robh fios agam mu chor nan Gàidheal, mu 'n bhochduinn anns an robh mòran diubh—mu 'n anacothrom a bha iad a' fulang—an droch lòn a bha aca air uairibh r'a itheadb—an dìth aodaich—an droch thighean—an dìth aodach-leapach a bha air anabharra dhiubh, gu h-àraig sna h-eileanan tuathach—an droch cothrom a bha aig cuid do chroitearan beaga, agus aig coitearan bochda—mu gach seòrsa cosnaidh a bha iad a' faotainn, aig iasgach, aig buain, agus anns na bailtean margaidh—mu staid nan sgoilean agus gach ni eile bha feumail chum cor na Gàidhealtachd a leigeil ris doibh.

Dh' fheuch sinn so uile a dheanamh co soilleir dhoibh 's a b' urrainn duinn. Bha do litrichean againn air ar siubhal, a thainig d'ar ionnsuidh as na cearna sin 'nuair a bha sinn a' cur na mine agus a' bhuntàta d'an ionnsuidh anns a' bhliadhna 1836 agus 1837, 's gun robh e 'nar comas gach ceisd a fhreagairt. Dhearrbh sinn doibh gun robh, a réir gach cùntais a b' urrainn duinn fhaotainn, fichead mile teagh-lach sa' Ghàidhealtachd ann am fior bhochduinn, a' tighin suas air dhòigh a bha truagh r'a thoirt fa' near, agus mur biodh nì-eigin air a dheanamh air an son, nach robh fios againn ciod a dh' éireadh dhoibh, gu 'n robh iad mòran diubh gun aodach gun chaiseart, leis am b' urrainn doibh dol gu féill no gu clachan, gun chosnadh sam bith a b' fhiach ainmeachadh, gun chomas ceaird no ealaidh, no sgoil no foghlum a thoirt d'an teaghlaichean; agus gum b'i ar barail, nam b' urrainn doibh, gu'n rachadh mòran diubh thairis do dh-America, ach nach robh so 'nan comas, nach robh aca air aghaidh an t-saoghal na dbìoladh an t-aiseag, gun tighin air aodach-cuirp no leapa leis am b' urrainn doibh imeacbd; ach nam biodh doigh ann air am b' urrainnear an toirt thairis, agus fearann a thoirt doibh an déigh ruigheachd, agus pòr a' cheud bhliadhna, gu 'n robh sinn làn chinnteach gu 'n robh na miltean ann a ghabhadh an t-aiseag gu taingeil, gu h-àraig nan faigh-eadh iad féin agus an cairdean, sean agus òg falbh le chéile, agus socruachadh le chéile san aon àite.

Cheasnaicheadh sinn mu 'n airgiot a chruinnicheadh air son freastal do na Gàidheil bhochda bliadhna na ganntair; bha gach cunutas againn deas air an son, agus na leabhrachaean far an robh gach ni do thaobh so air a chur sios; leig sinn ris doibh gu'n robh tri-fichead 's a deich mile punnd Sasunnach air a chruinneachadh gu h-uile air an àm sin, a bharrachd air deich mile thug luchd-riaghlaidh na rioghachd seachad—a' deanamh suas uile gu leir, ceithir fichead mile punnd Sasunnach. Dh' fheuch sinn doibh mar a chuireadh so a mach ann am min, ann an siol-cuir, buntàta agus aodach, agus an cuideachadh a thugadh do chuid a bha dol air imrich do America. Tha fbathasd beagan, tri no ceithir do mhiltean punnd sasunnach, air mhairionn airson cuideachadh fhad's a théid e, ma dh' fhàilnicheas bàrr no thig crualdal a rithist air na daoine bochda.

Ann an àine ghoirid bidh teisteads nam fianuisean a bha air an ceasnachadh, air a chlo-bhualadh agus air a chur a mach, air chor 's gum

faod na thogras a leughamh ; agus is e da rìribh mó bharail gum faighear agus gu'n aidicheadar gu 'n robh a' chùis air a càramh gu riocdhail mu choiuneamh nan uaislean àrda bha 'gar ceasnachadh.

Ciod a thig á so 's duilich innseadh ; cha 'n fhaod mi a ràdh gu bheil mo dhòchais féin ard. Cheasnaicheadh mar an ceudna daoin-uaisle o Chanada, a dhearbh gu soilleir gu 'n robh gu leòir do dh-fhearann thall acasan r'a sheachnadh, egus ged a rachadh na fisheàdan mìle a nùnn, gu 'n robh cosnadh agus obair, agus farsuingeachd na leòir ann air an son. Dhearrb iad so gur h-iad na Gàidheil an sluagh bu taitniche leò ann an Canada gum b' fhèarr leo am faotainiu nam measg na Eirionnaich, Sasunnaich no Goill ; gu 'n robh iad na bu chruadalaiche na seòrsa eile, gu 'n robh iad teóm, iasgaidh lùthimhior, làidir, gu'n seasadh iad fuachd agus iomadh anacothrom nach seasadh feadhain eile.

Cha 'n eil òr no airgiod, do réir coltais aig a' bhan-righ r'a sheachnadh ; tha iad ag ràdlí gu bheil sporan mór na rioghachd an impis a'bhlì falamh ; nach toir iad cuideachadh air bith dhuinn le airgiod, ach tha seòrsa do dh-aobhar dòchais gu'n toir iad luingis chum iadsan tha toileach falbh a ghiùlan thairis. Ma ni iad so féin, agus gu'n cuidich na h-uachdarain leò 's gu 'n gabh muinntir Chanada cùram dhiubh an déigh ruigheachd, mar tha aobhar-dòchais gu 'n dean iad, bidh so féin 'na chothrom agus 'na chuideachadh mòr : ach bheireamaid comhairle do'r luchd-dùthcha faighidinn a bhi aca, 's gun nì air bith a dheanamh gu h-obann no gu cabhagach. Chítéar an tòine ghoirid ciod thig as a so ; bidh a' chùis an ceann mhiòs air a' chuid a's faide, air a toirt fo bheachd na Parlamaid, agus an sin bidh fios againn ciod bu choir dhoibh a dheanamh. Tha eagal oirnn nach faighear móran a dheanam air an earrach so tuillidh ; ach 's mór ma nitear uidheamachadh air son toiseach na h-athì bhliadhna.

Tha fios againn gu bheil móran a' faotainn coire dhuinn airson a bhi 'cuideachadh chum an imrich so a chur air aghaidh ; tha fios againn mar tha cuid san àite so féin 'gar smàdadadh, mar gum bu mhiann leinne ar luchd-dùthcha fhògradh air falbh agus an saodachadh as an tìr. Tha móran nach dean dad iad féin, nach teid leud bonn am bròige nùnn no nall air son math an lùchd-dùthcha, ach a tha ard-blàriathrach gu leòir ann an labhairt an aghaidh feadhnaich eile aig a' bheil miaunn math a dheanamh. Tha uiread ghràidh againne d' ar luchd-dùthcha ri duine air uachdar an t-saoghal, agus faodaidh sinn a ràdh gun do dhearbh sinn so an àm am feuma ; agus ged is duilich leinn na daoine treuna teó-chridbeach, dileas, rioghail, fhaicinn a' fàgail an dùthicha, tìr an òige, 's duilge leinn gu mór a bhi 'gam faicinn a' bàsachadh le gort, agus ann an cor co déisneach mhuladach 's a tha iad.

Slàn leibh ! a muinntir ionmhuinn, innsidh sinn duibh o àm gu h-àm mar tha 'chúis so dol air aghaidh, agus le mór-dhealas,

'S mi ur caraid dileas

TORMOID MACLEOID.

CORANACH.

Foun.—Mac Ghriogair á Rua'-shruth.

Dh' fhalbh e uainn bharr a' mhoneaidh,
 Thréig ä choslas 'san fhrìth sinn,
 Mar an tobar a dhéubhas
 'S mor-eiginn le h-iòt oirrn.
 Ach ni 'n tobar ath-lionadh
 A frasan fiala nan spéuran ;
 Ach dhuinne no sólas
 No Dònull cha 'n éirich !
 Glacaidh 'm buanaich' na diasan
 A bhios iar liathadh 'nä dhòrlach,
 Ach 's bàs suinn 'nä fhoirfeachd
 A thag torghan ar bròin-ne !
 Anns an Fhoghar ni 'n sguab-ghaoth
 An duilleach fhuadach a's sùighte ;
 Ach bha ar coill-ne 'na maise
 'Nuair bha 'n gaiseadh ceart-dhlùth dhi !
 Céum lùth feadh a' choire,
 Ceann na comhairl' 'an cruidh-chas,
 Làmh dhearg anns an tòireachd,
 'S trom-bhrònach do shuain leinn !
 Mar an driùchd air an aonach,
 Mar choip ag aomadh le dian-shruth,
 Mar bhriseadh builgein air srùlaig,
 Chuir thu cùl ruinn gu siorruidh]

Ead le A. B. R.

LEABHRAICHEAN ÙRA GÀIDHEALACH.

AM FILIDH.

Tha cruinneachadh ùr do dh-òrain agus do dhuanagan Gàidhealach air tighin a mach o chionn ghoirid le'r seana charaid Seumas Munró, ùghdar an "Ailleagain." Cha'n eil neach aig a' bheil tlachd ann an duanagan bòidheach blasda nach dùraichd an taing dhàsan a chnir a mach an leabhar beag so. Cha ghàidheal nach ceannchadh e. Cha'n eil òran no duanag ann nach faodadh an dìgh a's màlda, a's banala agus a's beusaiche, a leughamh.

Tha na fuinn Ghàidhealach ris a' bheil a' chuid a's mò do na h-òrain sin air an seinn, air an cur a mach mar an ceudna—a' measg cheud oidhisp do 'n t-seòrsa so a thugadh! Tha so 'na chothrom dhoibhsan nach 'eil eòlach air gach fonn nìlis ris a' bheil ar n-òrain Ghàidhealach air an cur. Tha 'n leabhar bòidheach so air a chur a mach fo thèarmunn uile òighean ceòl-bhinn na Gàidhealtachd. Deanadh gach òigh agus fleasgach ceòl-bhinn a cheannach; tha e r'a reic ann am bùth na feadhna tha 'cur a mach a' Chuairteir.

“ SAR OBAIR NAM BARD GAIDHEALACH”

So leabhar ùr do dh-òrain thaghte bha air an cruinneachadh le Mr Iain Mac Coinnich air feadh na Gàidhealtachd. Tha a' cheud earrann a mach, agus ann an ùine ghoirid bidh an earrann eile deas airson a cur a mach mar an ceudna.

Ged nach do leugh sinn a h-uile h-òran tha sa' chruinneachadh so, oir ghabhadh sin ùine mhòr, 'si ar barail nach d'thainig co-chrrinneachadh coslach ris fhathasd a mach as a' chld. Tha iad air an taghadh le jcùram agus faicill. Tha againn anns a' chend àite òraidi fhoghluimte thaitneach, làn fiosrachaidh agns ionnsuchaidh, mu dhéibhinn bàrdachd Ghàidhealach, leis an duine cheanalta agus iomraiteach Mr Seumas Lògan ann an Lunnuinn—esan a sgriobh Eachdraidh nan Gàidheal. Fhad's a chaidh an òraidi so tha i 'na h-aobhár urraim eadhon do Mhr Lògan fein, ge h-ainmeil e. Cha d' thainig riabh as a' chld leabhar Gàilig a's sgiolta 's a's eireachdala tha air a chur a mach na an leabhar so. Ann an earrann a thainig a mach tha mòran do dh-òrain Mairi nigh'n-Alastair-Ruaidh—Iain Lóm, bard Lochabar—MacMhnirich, bard Chlainn Raonuill—An Clàrsair-dall—Alastair Mac Mhaighstir Alastair—Iain MacCodrum, am bàrd Uisteach—Rob Donn—Dàna taitneach Dhùghaill Buchannan, agus feadhain eile. Tha seòrsa do eachdraidh aithghearr air a toirt seachad le Mr. Mac-Coinnich air gach aon do na bàird ainmeil so; agus da-rìribh rinn esan a chuid féin gu gléusda: 's airidh e air mór-chliù. 'N uair thig an earrann eile 'mach bheir sinn cùntas ni's faide air a' chùis.

TRÀTHAN NA GEALAICHE.

MIOS-DEIRIDH AN EARRAICH, 1841.

Solus làn air an t-6th là.

Ceithreamh na h-earra-dhuibh air an 13^g là.

Solus ùr air an 21 là.

A' cheud ceithreamh air an 28 là.

G L A S G O W :

PUBLISHED BY THE PROPRIETORS,

J. & P. CAMPBELL, BOOKSELLERS AND STATIONERS,
63, ARCADE

Edinburgh : M'Lachlan, Stewart, & Co.; Aberdeen : George King; Dingwall : A. Keith; Dornoch : Wm. Munro; Thurso : Mrs Russell; Inverness : J. Bain, & Co.; Dundee : Wm. Middleton; Oban : J. Miller; Paisley : A. Gardner; Greenock : A. M'Iver; Grantown : H. M'Gillvray; Abernethy : D. Gordon; Dunkeld : D. M'Donald; Portree : A. M'Donald; Bálachulish : J. M'Innis; Lochgilphead : N. Gillies; Fortwilliam : Lachlan Cameron, writer. And may be had of Schoolmasters, generally, throughout the Highlands.



AN LA A CHI'S NACH FHAIC.

CUAIRTEAR NAN GLEANN.

Mios AM MHÀIGH.

AN 15^g AIREAMH.]

MAY 1, 1841.

[PRÌS 6 SGILLEAN.

CONTENTS :—Death of John the Baptist, page 61.—Short account of London, its Commerce and Population, 67.—Astronomy, Part 11. 70.—The Outlaw of Loch Cuieh, 73.—North America, Letter from, 75.—Frances Sclocum, interesting history of, 78.—China, 81.—Ode to the Wind, 81.—Song, The Summer Ramble, 82.—Anecdote of Whitfield, 83.—Ireland and Father Matthews, 85.—Uncertainty of the Law, 85.—Dennis Doolan and the other Murderers, 86.—The President Steam-Ship, 87.—The Red-breast, 88.—The Parliament, 88.—To Correspondents, 89.—Phases of the Moon, 90.—Markets, 90.

BÀS EÒIN BHAISTE.

Is gnothuch eagalach agus dorcha tha nis fo 'r beachd—duine naomh an Tighearn ann an lamhan dhaoine borba, agus gun fhur-tachd gun chòmhnhadh a' teachd g'a ionnsuidh. Tha ceumainnan Dhé air uairibh anns na h-uisgeachabh domhain—có 's urrainn an lorgachadh? ach bi 'd thosd, O m' anam! an so cha 'n eil dach-aidh bhunailteach aig mac an duine—cha 'n eil sa' bheatha so ach aiseag gearr, céilidh ghoirid. Cha do ghealladh nì air bith do luchd-leanmuinn Chriosd ach an crann-ceusda 'ghiùlan air an guaillibh agus gu'n giùlaineadh e féin iadsan mar air sgiathan na h-iolaire. Ach cha 'n eil an iolaire so do ghnàth a' giùlan leanabh Dhé troimh ghathan soilleir deàrrsach na gréine, troimh ghorm-astar àillidh nan spéur, ach 's ann troimh neula dorcha, gruamach eagalach, tha e gu ro-thric 'ga threòdrachadh; ach 's coma sin tha e 'gan giùlan, agus 'gan giùlan gu tèarainte; cha 'n eagal bonn doibh, a suas tha e 'gabhlail leo, agus gu dìlinn cha dealaich e riù aig an càirich e iad am measg nam pailm-chrann ùrar arda, tha shuas ann an àros na sìth.

Dlùthraigheamaid air an t-shealladh tha air a chur m' ar coinn-eamh ann an eachdraidh Eòin Bhaiste—thigibh maille rium tiota

beag a stigh do phàilliun Herod—'S ann an sin tha cuirin na mòr-alachd, an greadhnachas, a' mhire, an sùgradh agus an t-aighean. Eisd a' ghleadhraich ard—na h-òrain—an gàire—an ceòl—fuaim nan còrn—gleadhraich agus aimhreit na misg. Rachamaid a stigh do sheòmar ard na ruidhtearachd—gabhamaid sealladh air fleadh na bòilich—faiceamaid na h-aoidhean 'nan sìneadh air an suidheagain shìoda, le 'n cupain fhiona 'nan làmhan. Sud Herod, agus Herodias a bhean r'a thaobh, agus maithean na cùirte, luchd a' bhrosguil 's nam breug mu 'n cuairt da—na Sadusaich 'nam buidhinn aighearaich mhisgich—daoine móra Ghalile—ceannardan an airm—agus iomadh aon do 'n mhuinnntir bu shuarraiche : agus c' arson so uile ? ciod è aobhar na bòilich so—aobhar na ruidhtearachd so ? B'e so co' ainn an là an d' rugadh Herod, agus 's éiginn enimhne an' là sin a ghleidheadh le òl, le misg, agus le gleadhraich amaideach. O ! a bhuidheann gun chiall ! a bhaile chuthaichte ! A Dhia mhòir ! theagamh gu 'n dean iad a' cheud dùsgadh ann an ionad na truaighe !

Ach fàgamaid a' chuideachd thruagh, agus téarnamaid gu lochdar a' chaisteil mhóir—téarnamaid ioma staidhir fhada dhorchá—iarramaid an rathad troiñh iomadh slighe chumhann, chàm, dhuaichni, gus an ruig sinn an dorus iaruinn, air a dheanamh tèaruinte le slabhraidihean daingionn làdir. Dh' fhosgladh e—tha seòrsa do sholus fann crochte air a' bhalla fhuar, agus tha priosanach truagh ann am braighdeanas air a cheangal ris an Ùrlar chloiche—glas-neulach bànn—a' bàsachadh le gort, a cheann claoideh a' luidhe air 'uchd ! agus có è ? An e nach aithne dhuit e ? So esan a sheas air bruaich Iordan, agus a thubhairt, *Feuch uan Dé tha 'toirt air falbh peacannan an t-saoghail !* So esan mu 'n d' thubhairt Iosa, *Do na fàidhean uile cha'n eil a h-aon a's mò na Eòin Baiste.* Agus an e so esan anns a' phriosan ! esan mar so a' bàsachadh le gort ! Ach bi 'd thosd O m' anam ! oir, *cha'n eil e soilleir fhathast ciod a bhithas sim.*

Agus c' arson tha Eoin Baiste air a thilgeadh le Herod sa' ghainntir so ? Do-bhrigh gu 'n robh do dhàndas aig an duine-naomh achimhasan a thoirt do Herod, an fhìrinn innseadh gu neoisimealach dha, bagraidhean an Tighearna Dia a shearmonachadh 'na éisdeachd, agus a ràdh ris, *Cha'n eil e ceaduicte dhuit bean do bhràthar a bhi agad.* Las corruiche Herod air ball 'na aghaidh ; ach ma bha boile airson, bha a sheachd uiread air Herodias, agus chuir iad romhpa dioghalas a ghabhail air, agus a chur gu bàs.

Tha e 'na ghnothuch cunnartach do shearmonaiche an Tighearn an fhìrinn a labhairt gu dàna, agus gun ni air bith a chumail air ais ; tha e cunnartach dha coguis a' pheacaich a lot, mur lot gràs Dhé e san àm chéudna—tha e mar gu 'n dùisgeadh e nathraighean nimhe.

Bhiodh Eoin air a chur gu bàs gu h-obunn co luath 's a chron-aich e Herodias, nam faigheadh ise a toil mar a b' àill leatha ; ach tha e air innseadh dhuinn gu 'n robh eagal air Herod romh Eoin —eagal air an righ uaibhreach romh Eoin bochd ! agus gun eagal

air Eoin ro'n rìgh! Ciod mata a rinneadh? Ghlac iad e, thilg iad sa' phriosan e, agus feuch tha e ann an so a nis, an déigh dha bhi iomadach là anns an àite thruagh. So cor an t-saoghal bhreug-aich so gu tric—coron sgithich air ceann nam firean, agus peacadh agus aindiadachd ri subhachas ard; ach sibhse òglaich dhileas Dhé, sibhse a theachdairean an t-soisgeil, na biodh eagal oirbh, togadh sibhse ur gnuth gn h-ard agus na caomhnaibh; canaibh mar thuirt Natan ri Daibhidh, 'S tusa an duine. 'Nuair thachras dhoibh labhairt ri Felics agus Drusilla, labhradh iad riu mu dhéibhinn fireantachd, stnamachd, agus am breitheanas a ta chuas teachd; agus ged a thachradh dhoibh a bhi air an gairm gu labhairt ri càraid tha 'chòmlhnuidh le chéile ann an cleamhnais mi-laghail, mar bha Herod agus Herodias, na biodh geilt orra a chantainn riutha ann an ainm an Ti a's àirde, *Cha'n eil sin air a cheaduchadh dhuibh.*

Cha bhriathra mìne ciùin a fhreagras do pheacaich dhàna, ach 's éiginn trompaid làidir an aithreachais a shéideadh gu h-àrd, agus tairneanach agus dealanach, agus lasraichean Shinai a leigeil ris doibh gun chleith gun sgàth. Cha'n foghain sìth, sìth! a ghairm d' an leithid sin; 's éiginn an dùsgadh, am mosgladh á suain a' bhàis. Mo thruaighe an càirdeas meallta a cheadaicheadh dhoibh eadail a' bhàis shiorruidh a chadal, seach eagal agus mùiseag a chur orra! Gu'n tèarnadh Dia a luchd-muinntir o leithid sin do ghiùlan!

'Se searmonachadh na firinn a thilg Eoin Baiste do'n phriosan. Faic e an sin 'na shineadh—an duine 'naomh—an dñine gràdhach—an duine urramaichte! Tha e, ar leam, brònach, muladach; cionnas tha e co tiamhaidh? a cheann air 'uchd mar gum biodh nì-eiginn a' dùsgadh imcheist mhór 'na anam. Do réir coslais dhì-chuimhnich Criod e. Esan as an d' rinn e uaill agus gàirdeachas, cha'n eil e 'ga fliosrachadh mar bu mhiann leis—rinn a Dhia agus 'fhear-cuideachaidh an aogas fhalach air—cha'n eil iad a' teachd a fhreasdal da. O! cia tróm túrsach an duine naomh! cia tingh, doilleir, dorcha, duaichni, na neòil tha nis a' cruinneachadh m'a thimchioll! tha'anam ann an dorchadas—tha deuchainnean móra 'nis a' buaireadh a chreidimh. O! Eoin thruaigh! cia dorannsachaidh hreitheanas, agus cia do-lorgachaidh slighean an Tighearna! Shaoileamaid 'nuair tha e a' ceaduchadh colninnsean a mhninntireach féin a bhi air am pianadh agus air an ciurradh fo dhòruinn, gu'n cumadh e suas an inntinnean 's gu'n tugadh e misneach d' an anamaibh: ach cha'n ann mar so a thà. Faic ann am fiosrachadh Eoin Bhaiste tonn a' bristeadh air muin tuinne, agus doimhneachd a' glaodhaich chum doimhneachd.

'S tric tha so a' tachairt; ach ged thà, 's fearr gu mór seasamh gu daingeann maille ri Eoin air a' charraig dhiongmholta, ged robh muir bhruailleanach dhoinionnach an t-saoghal a' bristeadh tharuinn, na suidhe maille ri Herod air a chathair rioghail 'na sheòmar uaibhireach òir. Ged tha Eoin Baiste brònach, muladach gu h-losal sa' phriosan, a' bàsachadh le fuachd 's le gort, agus 'na

shìneadh' air an ùrlar chlöiche, nach sona e seach iadsan a ta a' ruidhtearachd gu h-ard aig fleagh a' chuthaich? Gu h-iosal sa' phriosan tha sùil fhurachail mhothuchail an Ti sin air nach tig cadal no dusal, airsan a tha 'na shìneadh air an lic fluair—ach shuas anns an t-seòmar ard tha claidheamh geur ceartais Dhé crochta mar le aon ròinne, thar èinn luchd an dannsa, agus mun tig am meadhon-oidhche faodaidh e tuiteam orra agus an sgrios. Gu h-iosal sa' phriosan, ged nach léir le sùilean cruthaichte iad, tha aingle glòrmhor Dhé nan dùl, air an ais 's air an faghart tre 'n dorchadas, a' freasdal do uireasbhuidh an duine naoinnh. Shuas gu h-ard, ann an seòmar an dannsa, air a shoilleireachadh le solus nam mile leus, tha droch spioradan agus spioradan neòghlan a' deanamh gàirdeachais san amaideachd thruagh. Gu h-iosal shìos sa' phriosan tha dorsa aimhleathan a' fosgladh air slighe chumhainn a tha 'treornachadh gu nèamh. O Eoin! fòil bheag! tha sàbaid shìorruidh a' feitheamh ort—Gu h-ard anu an seòmar an òil 's na ruidhtearachd amaidich, tha na daoine cuthaichte a' dannsadh air ùrlair leathan réidh, ged tha ifrinn gu h-iosal fòdbpa.—Gu h-iosal sa' phriosan, ged nach urrainuear a leughadh san dorchadas, gidheadh tha e sgrìoblite, "An nrrainn màthair leanabh a cìche a dhì-chuinhueachadh, 's gun iochd a dheanamh air mac a cuim? Fendaidh eadhon iadsan dì-chuinhlneachadh, ach cha dì-chuinhlneachadh mise thusa. Feuch air dearnaibh mo làmh ghearr ni thu." Ach shuas ann an seòmar na ruidhtearachd, ged nach 'eil na focail air an tuigsinn, tha iad gidheadh air an sgrìobhadh, MENE, MENE, TECEL, UPHARSIN: 'Se sin ri ràdh, tha iad air an tomhas air a' inheidh, agus fhuaradh easbhuidheatc iad.

Ach fàgamaid am priosan tiota beag, agus pilleamaid suas do sheòmar an dannsa. Faic ainnir òg air a h-éideadh gu h-aotrom, iollagach, sùgach, a' cur nan car dhi gu fuasgailte guanach mireagach, a' cleachdadh a h-uile dichioll is nrrainn di chun an rìgh agus a chùirtearan peacach a thoileachadh, gun näire gun sgàth, gun stuamachd, gun suim do bhanalas no màldachd; ach ag iarraidh a dh' aon ni ioghnadh agus mórr-mheas nan daoine misgeach a dhùsgadh. Ach cò i? Thà Salome, nighean Herodais agus dalta 'n rìgh! agus tha e air innseadh dhuinn gu 'u do thaitinn i ri Herod, agus ruith i agus shuidh i maille ris. Seadh! seadh! 's furasda thuiginn c' arson a thaitinn a' ghuanag ghòrach ris. An sin thuirt Herod ris a' bhan-dannsair, ris a' chailin òg, "Iarr ormsa ge b'e ni is àill leat, agus bheir mi dhuit e, seadh, bheir mi dhuit e gn leth mo rioghachd." O cuthach mallaichte a' pheacaidh! ach tha móran d'a leithid 'nar là 's 'nar dùthaich féin, tha dannsairean agus ban-dannsairean, agus luchd-ciùil agus luchd-cluiche a' togeil nam miltean agus nan deich miltean puund-sasunnach sa' bhliadhna, seadh miltean a tha air am fàsgadh o fhallus agus o shaothair dhaoine bochda tha 'saoithreachadh o thoiseach gu deireadh na bliadhna chum màl a chur r'a chéile do na daoine góirach sin, a tha mar so 'ga chaitheamh.

Co luath 's a labhair an rìgh mar so ri Salome, glirad chaidh ise

chum Herodiais, a màthair, a chur a comhairle rithe. "Ciod" ars' ise "a dl' iarras mi?" agus thubhairt ise "ceann Eoin Bhaiste;" agus chaidh ise air ball le cabhaig a steach a dh' ionnsuidh an rìgh, agus dh' iarr i, ag ràdh, "Is àill leam gu'n tugadh tu dhomh guu dàil ceann Eoin Bhaiste air mèis."

"Bha 'n righ ro-dhoilich." Bha nì-eiginn an taobh a stigh a thuirt ris, na dean sin a Herod; ach ciod a theireadh a chùirtearan nam bristeadh an rìgh 'fliocal, nan tigeadh e air ais 'na ghealladh? "Airson mo mhionnau" arsa 'n cealgair dubh, "cha diùlt mi t' iarrtus." Bha binn Eoin Bhaiste nis a mach. O! mo Dhia, nach teasraig thusa 'n duine naomh o làmhan nan daoine mallaichte? 'bheil tein'-athair idir ann an nèamhl chnm breitheanas a thoirt air na murtairean an-iocdmhor? ach bi 'd thosd, O! m' anam—fòil bheag—na nithe nach léir dhuinn a nis, tuigidh sinn 'na dhéigh so, agus an sin chítar gu 'n do cheadaich Dia so ann an gliocas agus aon am maithreas.

Ach pilleamaid a rithist do'n phrìosan. A nis Eoin Bhaiste gu 'n neartaicheadh Dia thu! agus neartaichidh Dia e, agus gabhaidh se e stigh g'a uchd féin agus do ghlòir maraon. Cia dhiùbh thainig sòlas a's éibhneas a's gàirdeachas do dh-anam Eoin mun do chaochail e—no cia dhiùbh bha e fo blhròn agus imcheist gus na thilg e'n deò, cha 'n eil fios againn. Theaganh nach robh beachd sam bith aige air na bha 'feitheamh air. O Eoin, Eoin! c' arson tha sinn fo blhròn mn d' thimchioll?

Tog an aird do cheann, thusa a dhnine bheannaichte, oir tha àm do shaorsa 'tarruing dlùth—mochthrath fulteach eagalach! ach mochthrath an latha shiorruidh, air nach tig annoch a chaoidh.—Ach stad, tha tailmrich chas r'a císeachd gu h-iosal, san t-slilighe dhorcha tha treòruchadh chum dorus a' phrìosain—tha 'n dors iaruinn a' fosgladh air a lùdain mheirgeach—cluinnear na slabhairaidhean 'gam fnasgladh. Chaidh duine stigh le ceum faicilleach, le sùil shnidhichte, lòchrán beag san dara làimh, claidheamh geur san laimh dheis—"A Thighearn Iosa dean tròcair air m' anam!"—cha chualas facall eile—bhuaileadh am buille—thilgeadh an ceann o'n choluinn—agus feachd lìonmhòr do ainglibh Dlié dh' itealaich iad air falbh o'n ghainntir, a' giùlan an anaimhpriseil suas gu uchd Abrahaim!—ach sud a chorp air na leaca fuara, 's an fhuil chraobhach dhearg a' tràghadh gu luath aside—ghiùlaineadh an ceann suas do 'n t-seòmar-dhannsa air mèis!

Ach ciod a' chuideachd nd a chì mi a' gabhail an rathaid do 'n chladh, a' giùlan carbaid air a' bheil corp marbh? Sud càirdean agus deisciobuil Eoin, a' cur an urram mu dheireadh air fear an gaoil. Gu h-athaiseach leig iad sios e do 'n uaigh—chàirich iad an tìr thairis air—sheas iad tamull beag 'nan tosd—chluinnteadh an osnaichean tróm—cha robh sùil thioram sa' chuideachd—tharruing iad air falbh, agus mar so chaochail an gaisgeach naomh!—Ach tha Eoin Baiste maille ri Dia—tha 'n oidhche dhorcha seachad—thòisich an latha grianach siorruidh glòrinnhor—cha 'n e fuaim nan slabhairaidhean iaruinn agus nan geimhlibh tha nis r'an éisdeachd

ach ceileire binn nan aingeal àrd—a dh' oidheche 's a latha cha 'n eil fois no tàmh air, ach a' toirt cliù do Shlànnighear 'anma, a thre-òruich e troimh cheumanna dorcha creagach an t-saoghail so, agus a thug sealbh dha fa-dheòidh air rioghachd nèimh!

Tha Eoin Baiste marbh, ach cha 'n eil Herod—thainig naigh-eachd chum cuirt an rìgh mu thimchioll duine o Nasaret do 'm b' ainm Iosa, neach, mar bha an t-iomradh ag ràdh, a labhair mar nach do labhair duine riabh— a dh' oibrich miorbhualean, a rinn nithe iongatach agns gniomhara móra.—“Có è?”—’s i so a' cheist anns gach àite—“có esan tha 'deanamh nithe nach b' urrainn neach a dheanamh mur biodh Dia maille ris?” ‘Se Elias a th' ann, arsa cuid, “Iereñias” arsa feedhain eile, “aon do na fàidhibh;” agus fench 'nuair a bha iad a' labhairt mar so thainig uamh-chrith agus oillt air Herod, chriothnaich e 'na fheòil, agus ghlaodh e mach, “'se Eoin Baiste th' ann!—ghearradh a cheann dheth, acli tha e an déigh éiridh o na marbhaibh.” Cha robh iomradh a chual' e mu Iosa agus na h-oibre móra bha Iosa a' deanamh, nachi do ghlaodh e mach, “'se Eoin a ta ann!” Bha geilt agus oillt agus uamhunn air Herod, bha e air bhreitheas, mar dhuine as a bheachd; bha a choguis chiontach air dùsgadh:—So teachdaire nach 'eil e 'na chomas a chur tosd no a mhurt.

Ach thainig breitheanas Dhé a nis air an duine thruagh—bha fuil Eoin a' glaodhaich gu nèainh 'na aghaidh—dh' fhuadaich na Ròmanaich e o'n ionad ard anns an robh e—thug iad uaithe 'fhearrann 's a dhaoine, agus chuir iad e féin agus Herodias air fègradh do thir choimhich chéin, do 'n Fhraing, do bhaile-mor *Lyons*. Ann an àite sin thuit iad gu tair, gu bochduinn agus dìth; agus fadheòidh choinnich iad an ceann-crìche truagh mar rinn Iudas: cha 'n ann a chionn gu 'n do dhòirt iad fuil Eoin, oir eadhon air a shon so tha maitheanas, agus tha fuaran air fhosgladh ann an tigh Dhaibhidh; ach a chionn gu 'n do shaltair iad fuil Iosa fo 'n cas-aibh, agus gu'n do dhiùlt iad an t-saorsa a thairgeadh dhoibh leis, agus a choisneadh dhoibh le 'bhàs agus le 'fhlolangas—agus gus an latha 'n diugh, tha iad san ionad thruagh gus na dh' fhuadaicheadh iad, a' fàsgadh an làmh, agus fo dhiosgan fhiacal:—dhoibhsan tha àm an aithreachais seachad a chaoiadh agus gu bràth! tha iad a' glaodhaich a mach, gun stad gun fhaochadh, a' guidhe air Eoin Baiste gu 'n tùm e a mheur san nisge, 's guin fiuch e eadhon bàrr an teanga, oir tha iad air an losgadh san lasair ud:—ach cha 'n eil fuaim, no eisdeachd, no freagradh.

An déigh do na deisciobuil corp Eoin a chur fo thalamh, thainig iad chnm Iosa, agus dh' innis iad dha na h-uile nithe a thachair. An sin thnbhaint Iosa rin, “Thigibh-sa air leth do àit uaigneach, agus gabhaibh fois car tamuill bhig. Cha do labhair e facall riu mu bhàs Eoin. Ciod is ciall da so? Tha e le bhi 'na thosd a' teagast dhuinn nach b' e so an t-àm gu làrn-shoilleireachadh a thoirt doibh mu 'n chùis so. Tha e a' cheart ni a thubhairt e san t-sois-geul (Eoin xiii. 7) “An nì so ta mi deanamh cha 'n aithne dhuítse a nis; ach bitidh fios agad air an déigh so.” ’Se ar dleasdanas

gach cùis earbsa ri Dia—gach ni fhàgail 'na làimh fèin, làn chinn-teach gu bheil gach ni air an orduchadh gu maith, ged theagamh nach tuig sinne iad. Leanamaid slighe ar dleasdanais—bitheamaid dileas—cha 'n eil ni is urrainn tachairt do dhuine gun a chead, no gun fhios da. Ged a dh' atadh an eanm mòr mu 'n timchioll, ged a shéideadh a' ghaoth, agus ged iadhadh an dubh-dhorchadas shuas gu h-ard os-ceann an duibhre agus na doininn, tha Esan 'na shuidhe, an Ti a ta riaghladh gach ni gu glic agus gu gràsmhor—Tha thusa a dhuine, aige gu daingeann 'na għaırdeanaibh agus dlùth d'a chridhe : tha thu gu tèaruinte daingeann ; tha e fèin 'gad thogail 's 'gad għiul-an, agus a' glaoħhaich riut troimh neula agus troimh dhorchadas na h-oħħiche, “Na bittheadh eagħol ort, oir 's mise a shaor thu, għairm mi thu air t'ainn, 's leamsa thn, oir 's mise do Dha! oir na beauntan arda faiłliniċiħ idh iad, agus atharraichidh na sléibhtean ; ach mo chaoimħneas-gràidh cha 'n atharraich uatsa, agus cùmhnanit mo shiħiħ cha tilgear bun os ceann.” Earbaibh ann an Dia, leigibh ur taic air—bittheadh e mar lorg agus mar mhaide trénn duibh ; agus creidibh e, na nithe tha nis doreħa; bithidh iad soilleir ; agus na nithe nach tuig sibh a nis, tuigidh sibh iad 'na dhéigh so.

CÙNNTAS AITHGHEARR AIR LUNNUINN.

I. EARRANN.

'Se Lunnuinn aon do na bailtean móra a's beartiche 's a's cumhachd-aiche air uachdar an t-saogħail. Tha am baile ainmeil so air a shuidheachadh ri taobh na h-aibhne ris an canar sa' Bheurla an *Thames*, air neo an Tāmh-uisg, 'se sin an abhuinn chiùin, shàmhach, shiochail, ainm fior fhreagarrach do 'n uisge shèimħ sin.

'S e 'n t-ainm tha air a' bħala mhór so ann an seans eachdraidh Shasunn, *Caer Lunduin*; 'se sin Cathair-Long-dùin. Bha dùn no dion làidir air a thogail aig an àite far an robh na luingis a' stad, agus uime sin 'se ainm an àite *Long-dion* no *Lon-dion*. Tha e air ainmeil-eachadh ann an seann leabhar Cathair *Londùn*; air chor 's nach 'eil teagamh air bith nach i a' Ghàilig a bha air a labhairt sān àm sin, 'nuair fhuair an t-àite iomraiteach so an t-ainm sin, a thainig a nuas d'ar n-ionnsuidh o àm nan Rómanach.

'S ann mu thimchioll leth-cheud bliadhna agus a cōig, do linn Chriosc a thainig na Rómanaich do Shasunn, fo 'n cheanntard ainmeil sin *Cesar*, ach 'se *Julius Agricola* an ceanntard buadhmhor a cheannsuich Sasunn agus a chuir fo smachd i.

Trì cheud-gu-leth bliadhna 'n déigh do na Rómanaich seilbh a għabbhall sa' bħaile-mhór so, thog iad balla làidir ceithir thimchioll an àite, ged is gann a tha clach dheth a' nis a làthair ach ann an aon àite far a' bheil e fhathast r'a fhaicinn.

An déigh do na Rómanaich an rioghachd fhàgail, thainig na *Saxonaich* thairis as a' Għearmailt anns a' bhliadhna 449 do linn Chriosc, le sèa-ceud-deug fir armi, agus iġħlaq iadsan Lunnuinn, chuir

iad a' chuid bu mhò do 'n eilean Bhreatunnach mu dheas, fódlpa ; agus 's ann uapanan tha Sasunn air ainmeachadh, agus an luchd-àit-eachaidh agus luchd-labhairt na Beurla air an ainmeachadh na Sasunn-aich, no na *Saxonaich*.

'S ann sa' bhliadhna 819 a rinneadh Lunnuinn 'na cheann-bhaile mór do Shasunn uile ; da-flichead bliadhna 'na dhéigh sin, loisgeadh e leis na Lochunnaich : sheòl iad suas an abhuinn le dà-cheud-gu-leth long, mhurt agus mharbh iad a' chuid bu mhò bha 'chòmhnuidh an Lunnuinn, agus loisg iad an t-àite ; ach cha b' fhada gus an robh na daoine borb so air am fuadach o Shasunn, agus chinn Lunnuinn 'na bhaile mór agus cumhachdach.

'S ann sa' bhliadhna 1665 a thainig an sgrios a b' eagalaiche air Lunnuinn leis a' phlàigh uamhasaich leis na chaochail a' chuid bu mhò do mhuinntir an àite. 'Nuair bha an galar eagalach so sa' bhaile, bha còrr agus ochd mìle pearsa a' bàsachadh san t-seachduin ! Tha e air innseadh dhuinn gu 'n do chaochail ceud mile leis a' phlàigh so ; agus is gann a bha so seachad 'nuair a mhilleadh a' chuid bu mhò dheth le teine oillteil leis na loisgeadh os ceann ficead mile tigh, agus na chailleadhl fiach 10,068,000 punnd Sasunnach. Cha d' fhuaras a mach riabh ciamar a thòisich an teine uamhasach so, ged is e barail luchd-eachdraidh nan lìnnte sin gur h-ann le daoine mì-runach a thogadh e.

Ach cha 'n urrainn duinn eachdraidh a' bhaile-mhòir so chur sìos sa' Chuairtear ;—lionadh so an Cuairtear fad leth dusan do bhliadh-naichean, ach gabhamaid seòrsa do bheachd do chuid do nithe is air-idh air fhiosrachadh, a thaobh Lunnuinn mar a ta e air an àm ; agus da rìribh 's doirbh beachd ceart a thoirt do neach air an àite so nach robh riabh ann.

Thug Lunnuinn bàrr cho fada thairis air Glaschu's a thug Glaschu thairis air Bomór an Ile, no Tobarmhoire am Muile, no Portrìgh san eilean Sgiathanach.

Tha am baile so nis ochd mìle air fad o cheann gu ceann agus mu thimchioll sèa no seachd a mhìltean air leud, agus ann an cuairt thig e dlùth do dha fhichead mile. Tba nis dlùth do dha mhuillion sluaigh sa' bhaile so. Cha 'n eil an Albuinn uile, gach baile-mór agus beag a th' ann, ach tri cheud gu leth sluaigh a bharrachd air na bheil ann an Lunnuinn a mbàin. Tha cis air a thogail ann an Lunnuinn do réir màl agus fiaeh nan tighean, agus fhuaras air a' bhliadhna so chaidh seachad, gu 'm b' fhiach a' chìs so seachd muilleanan punnd Sasunnach, uiread ri màl rioghachd Phruisia uile, agus rioghachd na Spàind, agus a dha uiread ri màl, no teachd a stigh, rioghachd na h-Olainde gu léir. Faodaidh so seòrsa do bheachd a thoirt duinn air saoibhreas agus beairteas a' bhaile-mhòir so.

Tha 'n abhuinn ag éiridh gu h-ard seachd ficead mile os ceann Lunnuinn, agus a' coinneachadh a' chuain trì ficead mile taobh shòis deth. Tha 'n abhuinn so co domhain's gu faod soithichean ochd cend tunna snàmh suas dlùth do 'n bhaile.

'S ann do chlachan creadhtha tha 'm baile mór so air a thogail ; ach ged is ann, cha 'n eil air uachdar an t-saoghal pàilliunan a's tighean

a's bùithean co eireachdail. Cha'n eil ann an Glaschu achi mu thim-chioft ochd ceud sràid eadar mhór agus bheag; ach ann an Lunnuinn tha ceithir-mile-deug sràid, agus còig agus sèa ceud tigh ann an cuid diubh.

Cha'n eil e comasach do dhuine seòladh suas air abhuinn *Thames* gun bhi air a lionadh le mór iongatas mu mheud agus saoibhreas na malairt sin tha dol air aghaidh eadar Lunnuinn agus gach cearn do'n t-saoghal. Tha'n abhuinn so lóm-làn do luingis a h-uile latha sa bhliadhna. Tha taobh na h-aibhne so, sìos o dhrochaid Lunnuinn, fad chòig mile'na aon cheithe, no laimhrig, làn do luingis mlióra. Tha long-lannan* air an cladhach a mach air gach taobh do'n abhuinn, cuid diubh co farsuing 's gu bheil deich-acair-fhichead fhearainn fòdlpa, làn uisge, co domhain 's gu 'm faod an loingeas a's mò air a' chuan snàmh anna. Chosd cuid diubh so sèa-ceud-mile punnd *Sasunnach*, (£600,000). Tha long-lann air an abhuinn so aig *Wapping*, a chosdas, 'nuair a bhios e réidh aon mhuillion agus dà cheud mile punnd *Sasunnach*, (1,200,000); anns am faod dà cheud long do'n mheudachd a's mò, snàmh. Mu thimchioll nan dockachan sin tha tighean, còig, agus cuid djnbh sèa urlair air airde, air an togail; agus gu h-iosal fòdlpa so tha seilearan móra airson dibhe agus tombaca. Tha aon àit anns a' bheil iad a' losgadh suas tombaca nach do dhìol a' chìs do'n bhan-righ, no nach gabhadh reic airson luach na cìse, tha móran os ceann na's urrainnear a thuigsinn gun fhaicinn; tha còig acraichean fearainn fodha, agus tha air an àm ceithir-mile-fichead (24,000) togsaid thombaca 's tigh ann. Tha seileir fo thalamh, mar an ceudna air son fiona, a tha da rìribh mòr, agus iongatach air gach dòigh. Tha e mar shràid, asdar mile air fad, agus sràidean beag aimhleathan a' falbh uaithe air gach làimh. Tha anns an t-seilear so amhàin air an àm, leth-cheud mile piob fhiona a h-uile h-aon diubhl uiread ri dà thogsaid, air chor 's gu bheil ceud mile togsaid fhion san aon àite. Tha na seilearan so dorcha, gun leus ach o na lòchrain tha iadsan tha dol g'an amharc a' giùlan 'nan làmhaibh.

Tha'n tigh-cuspuinn eireachdail, mar bu chòir dha. Tha mu thimchioll deich-mile-fichead (30,000) long do gach seòrsa a' ruigh-eachd Lunnuinn an comhair na bliadhna, a' giùlan trì muillion (3,000,000) tunna; agus tha am bathar do gach seòrsa tha iad so a' giùlan o gach cearn, a' pàigheadh deich muillion (10,000,000) punnd *Sasunnach* sa' bhliadhna do chìs. Faodaidh so beachd a thoirt duinu air beairteas an àite mhòir so.

Tha na h-áiteachan-margaidh an Lunnuinn anabbarrach mòr; 'nuair chithear iad shaoileadh neach gu'm fòghnadh iad do shluagh an t-saoghal; agus air an làimh eile 'nuair a chithear an sluagh mór air na sràidean, is culaidh-iongatais c' àit an urrainnear uiread do bhiadh 's do dheoch flaotainn 's a dh' fhòghnadh dhoibh. Tha aon aite-margaidh airson feòla ris an abair iad *Smithfield*, far a' bheil iad a' reic luach ochd muillion (£8,000,000) punnd *Sassunnach*: tha'n uiread so air a reic ann an aon mhargadh, do mbairteoil amhàin; agus a bharrachd

air so tha còig-deug do àiteachan-margaidh eile ann airson feòla. Tha dà-mhile-dhéug tunna do dh-im air a reic ann, agus trì-mile-deug tunna càise; fiach ceithir fichead mile punnd Sasunnach do eunlaith; agus fiach sèa-ceud-gu-leth mile do bhainne. Tha dlùth do cheithir mullion punnd toimbaca air a reic ann;—aon mliuillion agus da cheud mile punnd do shnaoisean. Tha naoi fichead mile tunna guail air a chaitheamh amhàin ann an deanamh *Gas*, no soluis, airson a' bhaile mhóir so.

Tha còig drochaidean móra thairis air an Tàmh-uisg. Tha iad so anabarrach eireachdail, cuid diubh nach 'eil an leithid r'a fhaicinn san t-saoghal. Tha sluagh mór o mhoch gu anmoch a nùll 's a naill air na drochaidean so: eadar ochd uairean sa' mhaduinn agus ochd uairean san anmoch, chùnntadh aona-mile-deug 's a deich carbad (11,010) a' dol thairis air aon do na drochaidean so, 's e sin coig carbad-deug sa' mhionaid; agus chùnntadh eadar leth-cheud agus trì-fichead-mile coisiche dol thairis air an drochaid cheudua anns an ùine sin, 's e sin trì fichead agus ceithir deug gach miionaid. Tha e air a chùnntas gu bheil sèa fichead mile coigreach a' tighin do Lunnuinn agus a' fuireach ann fad latha no dha réidh na bliadhna.

Tha còig ceud eglais ann. Tha aon eglais ann a thogadh airson an duine urramaichte sin *Rowland Hill*, a chumas còig miile pearsa. Tha mu thimchioll deich-mile-fichead a' bàsachadh gach bliadhna ann an Lunnuinn. Tha mòran phaipeirean-naigheachd air an cur a mach a h-uile latha; ach faodar seòrsa harail a ghàbhail air na tha air a chosg air leughamh do'n t-seòrsa so 'nuair a dh' innsear, gu bheil air an reic air an latha mu dheireadh do gach mìos, do leabhràichean beaga tha 'tighin a mach mar tha 'n Cuairtear, fiach chòig-mile-fichead punnd Sasunnach.

Ge mòr, agus ge h-anabharrach mòr am baile so, tha e co sàmhach theorainte san oidhche ri aon àite air agbaidh an t-saoghail—gu mòr ni's sàmliaiche na Glaschu no Dunéideann. Cha 'n fhaicear duine air mhisg—ma chitear, tha e gu grad air a chur fo ghlais agus iuchair. Cha 'n fhaicear a h-aon do'n luchd-faire san oidhche le lòchrain mar tha iad an so, agus idir cha chluinnear glaodh uapa, achi tba iad anns gach àite air a shon sin; agus ma chluinnear guth àrd no tuasad, am prioba na sùl tha iad san àite, gun fhios cia as a thàinig iad.

San ath àireamh feuchaidh sinn cùnnatas a thoirt air cuid do na h-àiteachan ann an Lunnuinn a's fearr a's airidh ainmeachadh.

AIR CRUINN-CHORPAIBH SOILLSEACH NAN SPÉUR.

Earrann II.

Ged tha oibre a' chruthachaidh gu léir mòr' agus miorbhuileach, gidheadh, cha 'eil ni air bith ri fhaicinn 'nam measg ni's ciàtaich', agus ni's òirdheirce na crinn-chuirp shòillseach nan speur! Feumaidh "na soluis a ta ann an spéuraibh nèinh" iongantas a chur orra-san uile, a bheachdaicheas le cùram air na gniòmharaibh so, a rinneadh leis-san a thubhairt, "Biodh soluis ann an spéuraibh

nèimh, a chur dealachaидh eadar an là agus an oidhche, agus biodh iad air son chomharan, agus air son aimsirean, agus air son làithean, agus bhliadhnachan! Agus biodh iad mar sholusaibh ann an spéuraibh nèimh a thoirt soluis air an talamh: agus bha e mar sin.—Agus rinn Dia dà sholus mhòr, an solus a's mò a riaghlaidh an latha, agus an solus a's lugha a riaghlaidh na h-oidhche; agus na réultan.”—Gen. i. 14, &c. Mar so tha Maois a' toirt cunntais duinn air cruthachadh na gréine, na gealaich, agus nan reult! Labhair Dia am focal, agus leum iad suas gu bith—“ Thubhaint e, Biodh solus ann, agus bha solus ann! Agus chunnait Dia an solus gu'n robh e maith.”—Gen i. 3, 4. Gu cinn teach is dall, aineolach, agus neo-mlochuchail an neach a thilgeas a shùilean air reultaibh soillseach nèimh, gun e fein isleachadh, agus gun fhaicinn cia co dìblidh 's a ta e, agus cia co suarach 'sa ta a ghlionmhara a's fearr, an coineas ri àilleachd an t-seallaiddh a chì e, agus ri cumhachd neo-chrioch-michte an Ti dhealbh nèamh agus talamh, á neon!

Dh' innis siun anns a' cheud earrainn, gu'm bheil a' ghrian air a sridheachadh ann am meadhon nan reult, a ta 'g iadhadh m'a tinchioll 'nan cuairtibh eug-sàmhla fein. Tha i fein, ach beag, neoghlumasadach ged tha a réultan nile a' gluasad mu'n cuairt di. Tha i, gidheadh, a' cur char di air a mul fein,* o'n iar gos an ear, agus a' gabhail cuig thar fhichead do na làithibh againne, chum aon chuairt a chur! Tha i còrr mòr agus muillean uair ni's mò na'n talamh so, agus còrr agus ceithir fichead 's a deich muillean mìle air astar uaithe; gidheadh, tha a teas, agus a solus a' ruigheachd air, agus a' toirt beatha do gach creutair, agus luibh a ta air! A réir-beachd dliaoine foghluiinte, tha a' ghria' 'na cruinn-bhall mòr, daingeann agus dorcha, air a cuairteachadh le adhar soillseach agus dealrach air chor is nach faic sinne ach amlaín dearrsadh an sgeudachaidh leis am bheil i air a còmhlichadh! Chithear air uairibh buill dhubha air aghaidh na gréine, agus tha na teallsanaich a' deanaini mach, gur fosglaidhean, no tuill, iad so, air trusgau lannaireach na gréine, trid am bheil a corp dorcha fein air a nochdadh! Tha cuid a' saoilsinn gu'm bheil a' ghrian air a h-àiteachadh, cosmhuil ris an talamh so, le crèutairibh reusonta agus tuigseach! Ach cha'u eil cùnnatas againn air so, agus cha'n fhéud sinn a bhi glic 'nar barail fein, os ceann ns tha air a sgrìobhadh! Ach, cha'n eil cùnnatas againn 'na aghaidh; agus gu cinn teach a réir reusoin, cha'n eil e cosmhuil, gu'm biodh am ball cruinn agus beag so, air am bheil sinne a' teachd beò, air àiteachadh le crèutairibh tuigseach am feadh 'sa bhiodh a' ghrian, a ta còrr agus inuillean uair ni's mò na e, air a fagail 'na fàsach fiadhaich agus falamh; agus a réir ar beachd-ne, gun fhéum air bith, ach mar lòchran mòr a shoillseachadh nan réult, a ta' grad-shiubhal mu'n cuairt di. Mar so, chithear a' ghrian, àillidh agus òirdheire, ann am meadhon a teaghlaich, a' coimh-pàirteachadh riu gach sòlais agus aoibhmeis—a' tilgeadh a gathanna òr-bhuidh, chum an criochan a's iomallaiche—agus a

* h-Aisil.—Béurla, Axis.

tomhas an aimsirean doibh maraon ! Mar so, tha'n solus mòr so, a' riaghladh an latha do gach aon fa leth do na réultaibh a dh' ainmicheadh, agus tha e dhoibh, a réir sòurachaidh Dhé,—“air son chomharan, agus air son ainsnirean, agus air son làithean, agus bhliadhna chan.” Air do'n ghréin a bhi ni's aillidh agus ni's dealraiche na uile sholnis eile nèimh, rinneadh i 'na cuspair-aoraidh, le cinneachaibh lionmhòr 'san àird an ear ! Bha iad ag amharc oirre mar dhia, agus a' sleuchadh dhi leis gach càram agns tréibh dhreas 'nan comas ! Cha'n 'eil teagamh nach i a' ghrìan “Baal,” dia nam Pheniciach, “Chemos” dia nam Moabach, agus “Moloch” dia nam Ammonach ! Ach an aghaidh an iodhoil-aoraidh so, thug Dia, le benl Mhaois, rabhadh sonruichte agns soilleir do chloinn Israeil, ag ràdh riu, “Thugaibh, uime sin an aire mhaith dhùibh fein, air eagal gu'n tog thu suas do shùilean ri nèamh, agus an uair a chi thu a' ghrìan agus a' ghealach, agus na réultan, eadhon sloigh nèimh uile gu'n tairngear thìn gu cromadh sios dhoibh, agus gu aoradh a' dheanamh dhoibh, a roinn an Tighearna do Dhia ris gach cinneach a ta fuidh nèamh uile.”—Deut. iv. 15, 19.

Aig na réultaibh a ta 'cuairteachadh na gréine, tha là agus oidhche, samhradh agus geamhradh, ceart mar a ta aig an talamh againne ! Tha iad uile a' dol mu'n cuairt air am mulanaibh fein, ann an amannaibh snidhichte, agus 's iad na h-amanna sin, an laithean agus an oidhchean fa leth ! Tha iad uile, mar an cendna, os barr, a' dol mu'n cuairt do'n ghréin, ann an cearcallaibh mòra, agus tha gach cuairt dhùibh so, a' deanamh na bliadhna aig gach reult fa leth ! Mar so tha bliadhnaichean 'nan reul, a ta aig astar ni's faide naipe. Do na reultaibh a dh' a'nmicheadh anns a' cheud earrainn, 'se Mercuri a's faigse do'n ghréin. Tha'u reult so uisage lugha na'n talamh, agns cosmhuil ris a' ghréin agus ris gach reult eile, tha i 'na ball crinni talmhainn, dà mhile agns sea cend do mhiltibh troipe ! Tha i 'deanamh a cuairt innu'n ghréin, ann an seachd agus ceithir fichead là, agus tri uairean thar flichead ùine do na làithibh againn-ne, agns 'se so, uinne sin, bliadhna Mhercuri. Tha là na réilte so, dlùth air a bhi co fada ri'r latha fein ; ach tha i co fagus do'n ghréin, an coimeas ris na reultaibh eile, agus air an aobhar sin, co ana-minic air a faicinn, is nach soirbh an ni do na teallsanach, fad a là a thiomhas ! Tha i cuairteachadh na gréin ann an cearcall, a ta sea minilean deug thar flichead mìle air astar naipe ; agus tha i a' siubhal anns a' chearcall so co luath, 's gu 'm bheil i deanamh còrr agus cend mìle do mhiltibh anns an uair ! Tha'n solus agus an teas a ta i a' tarrning o'n ghréin, a sheachd uiread ris an t-solus agns an teas againn-ne ; agns ma tha créntairean reusonta a' gabhail còmhnuidh anns an reilt bhig so, chì iad a' ghrìan, seachd nairean ni's mò, na tha sinne 'ga faicinn ! Nach àlninn—nach miòrbhuileach nil oibre an Tighearna De ? “Cha'n 'eil neach cosmhuil ri Dia Iesurain a tha marcachd air nèamh a'd' chòmhlnadh, agus 'na mhòrachd air na spenraibh.”—Dent. xxxiii. 26. “Thigibh agus faicibh oibre Dhe—uamhasach tha e 'na ghniomhl-

araibh."—Salm. lxvi. 5. 'Se so an Ti Uile-bheannichte sin, "A sgaoileas a mach na nèamha 'na aonar, agus a shaltaireas air tonn-aibh na fairge; a tha deanamh Arcturus, Orioin, agus Pleiades, agus shèdmraiche na h-airde deas: a tha deanamh nithe mora nach bi e'n coinas fhaghail a mach, agus nithe iongantach nach gabh àireamh."—Job. ix. 8, 11.

Bheir sinn cunntas air na réultaibh eile anns an ath earruinn.

SGIATHANACH.

Cillmhuire,

Ceud mhios a' Gheamhraidh, 1840.

CEATHARNACH-COILLE LOCH CUAICH.

Ann am meadhon Loch Cuaich, fo dhubhar nam beanntan èrda tha 'g éiridh air gach taobh dhe, tha eilean beag, mar leth-acair fhearainn air mhendachd, air a' bheil còrr chraobh bharraich a' fàs. Tha 'n t-eilean beag so mar cheithreabh-mhile do thir, agus tha e uile gn léir 'na àite co naigheach, aonarach, dhiomhair, 's a's urrainnear a smainteachadh.

Air an eilean bheag so tha seana Ghàidheal a chòmhunnidh; duine colgarra, gruamach, a tha cur laghanna na rioghachd agus na dùthcha gu dùlan. 'S ainn do'n duine so Eóghan Macafí. Tha nis osceann da fhichead bliadhna bho 'n a ghabh an duine so an t-òr, agus a chuir e snas a' bhoineid ghorm 's an ite ann an réisimeid Ghàidhealaich auns an robh nachdaran an fhearainn air an robh e chòmhnuidh 'na oifigeach. 'Nnair a ghabh e an t-òr, ghealladh dha, mar is tric a mìtear, nach b' fhada bhiodh e 'na shaighdear, gu'n éireadh e ceum air cheum gus am biodh babag òir air gach gualainn. Bha Eóghan Macafí sau àm sin 'na cheatharnach co lùthor, iasgaidh, fhoghainteach 's a bha san dùthaich uile. Bha e 'na shaighdear inich, glan, eireachdail, dreachmhor, agus ealanta teóm, anns gach car agus gluasad a chuireadh m'a choinneamh; ach ged a bhà, cha d' flhnair e na b' àirde na bhi 'na shaighdear singilte. Latha do na làithean, ghabh e a chasan agus theich e—thàr e as, agus stad cha d' rinn e gns an d' ràinig e tir nam beann. Chuireadh as a dhéigh agus ghlacadh e; chuir na saighdearan a bha air a thòir glas-làmh air, agus thug iad air falbh 'na phriosanach e. Mar bha iad a' simbal leis troimh Shrathearraig, air seòrsa do cheum aimhleathan ri taobh beinne, thug e a chlisge 'an dui-leum thairis air ard chraig chorraich chas, agus thàr e as. Loisg na saighdearan as a dhéigh, ach ma loisg cha do bhean iad da. Bhuaile a' għlas-làmh ri craig, agus bhrist e gach cuibhreach. Bha e nis 'na dhuine saor, am measg għarbħlaichean nam beann, an tir 'oige.

Thog e bothan-áiridh dha féin anns a' Choire-bhuidhe, air fearann Mhic-Dhomhnúill-duibh, àite cho naigheach dhiomhair 's a bha r'a fhaotainn sa' Ghàidhealtachd uile. San dlonhaireachd so dh' fhench se e féin a chleith car dùine fhada, ag iasgachd 's a' sealgaireachd, agus ag àrach għabbar, gun duine ag ràdhainn ri Eóghan

gum b' olc, gun duine 'g iarraidh māil air, no a' feòraich dhe ciod a' chòir a bh' aige air fuireach san àit ud. Ach bha Eóghan 'na aonaran bochd trom-chridheach—dh' fhiosraich e nach robh e math do dhuine bhi leis féin, agus chuir e, uime sin, roimhe bana-chompanach fhaotainn. Thug e a chridhe do dh'-ainnir òg àluinn, aois cheithir-bliadh'n-deug—ruith e air falbh leatha, phòs iad, agus a nis tha còigear chloinne aca. Ach mu dheireadh bhuadhaich an lagh 'na aghaidh, agus b' éigin da an Coire-buidhe fhàgail. Thog e air; cha robh an imrich doirbh r'a giùlan—dh' iarr e fasgadh ann an Loch-Cuaich, far a' bheil e gu tèaruinte seasgair. Thog e bothan beag dha féiu, tigh-slaite, anns a' bheil e féin 's a theagh-lach a' tuineachadh. Rinn e seòrsa do bhàta beag anns an gabh e an t-aiseag 'nuair is aill leis gu tir-mór. Tha aige leth-cheud gabhar ag ionaltradh sna beanntaibh mu'n cuairt; tha iasgach math san loch, agus tha sithionu sna monaidhnean; air alt agus nach 'eil dith no uireasbhuidh am bitheantas air Eóghan; ach auns a' gheamhradh cha 'n eil cor an teaghlaich bhig so air uairibh ach bochd ui's leòir. Tha Eóghan air éideadh le 'bhreacan 's le 'fhéile; agus tha e fhathasd 'na dhuine co curanta, threun, tlachdmhor ri amhare air 's a chìtear san dùthaich uile. Cha teid e mach latha gun a bhiodag air a chliathaich.

Tha seòrsa do sgàth air muinntir an àite roimhe; tha cuid fo sgàth a thaobh ainin curanta gaisgeil an duine, agus cuid a' smuain-teachadh gu bheil beagan do dh-eòlas aige nach 'eil ro-mhath, seòrsa do bhuidseachd agus fhiosachd, do nach 'eil e cneasda oil-bheum a thoirt.

'S ann uaithe so tha e gu tric a' tachairt gu bheil bolla mine, mulchag chàise, cuman ime, ceithreamh multeolach, agus ioma ni eile air an cur a dh' ionnsnidh Eóghain do 'n eilean, leis na coimh-earsnaich air gach taobh do Loch-Cuaich. Tha e féin fo bharail gu bheil seun àraig aige a chunias air falbh gach olc; ach a dh' aindeoin so cha teid e oidhche d'a leabaidh gun an gunna bhi r'a thaobh, deas gu losgadh ma thig fà cunnairt air.

'Nuair chaidh an t-uachdaran ùr a cheannaich am fearann so o Mhac-'ic-Alastair, suas do 'n dùthaich so an uraidh a dh' amharc an àite 's a ghabhlail seilbh ann, chaidh Eóghan Macafi g'a choimhead, agus thairg e cùmhnant a dheanamh ri Mr *Ellis*, an t-uachdaran, mur cuireadh Mr *Ellis* dragh air-san, nach robh esan toileach dragh air bith a chur air Mr *Ellis*.

Chuir coslas an duine so mór iongatas air an t-Sasunnach chòir; chuir e roimhe gach gnè chaoimhneis a thaisbeanadh do Eóghan, agus tha sinn làn chinnteach gu 'n dean e sin. Cha 'n fhiach an t-eilean so a bheag do neach air bith ach Eóghan amhàin; agus is lan-dearbhta sinn fhad 's is beò e nach cuirear dragh air, 's gu bheil 'aonta do'n àite co fada r'a làithibh. Tha e nis os-ceann tri fichead bliadhna dh' aois—tha a theaghlaich a' fàs suas ann an ain-eòlas mór, tha a bhean 'ua boirionnach tlachdmhor maiseach r'a fhaicinn, làidir fallain; tha beagan sgoil aice a fhuair i 'ua h-òige, agus tha dòchas agaibh leis a so gu 'n toir i na's urrainn di do 'n

teaghlaich. Tha bàigh mhór aig Eóghan d'a mhnaoi's d'a leanaban : chaochail aon do na páisdean air an eilean uaigneach so, gun lighiche gun choimhearsnach dlùth, gun chuideachd gun sòlas. Bha Eòghan bochd anabharrach dubhach brònach ; chaidh e thairis gu tir-mòr, ràinig e bothan àiridh bha air an taobh thall, far an robh buachaille chaorach a chòmhnuidh, agus ghuidh e air tighin maille ris agus cuideachadh leis chum ciste-inhairbh a dheanamh do'n phàisde ; "oir" ars' esàu, "tha crith co mòr am làimh-sa leis a' bhròn 's o bhriste-cridhe, 's nach 'eil e'm chonias tàl no tuadh a laimliseachadh." Chaidh am buachaille leis—sgoilt iad cuid do chraobhan beithe, agus theannaich iad r'a chéile iad mar a b' fhearr a b' urrainn iad le cranntairngean, agus thiodhlaiceadh an leanabh beag so ann an eilean beag far a' bheil cladh an àite, aig ceann an loch, far a' bheil cnàmhan agus àir nan daoine treun o'n d' thàinig Eóghan air an càramh.

Mar so tha sinn a' faicinn gu bheil a h-aon fhathas do na seana cheatharnaich Ghàidhealach beò, daoine ard-inntinneach, colgarra, treun, do-cheannsuichte. C' arson nach 'eil ministeir no maighstir-sgoile, no duine iochdmhor a thaobh-eiginn a' toirt foghlum do Eóghan bochd, leis ain faodadh e an Leabhar-naomh a leughadh, a dheanamh sòlasach e na uaigneas, agus a dh' fhosgladh a suas da sealladh air saoghal a's fèarr ?

AMERICA MU THUATH.

Fhuair sinn o chionn latha no dha, iomad litir fior-thaitneach o'n dùthaiich so. Tha iad fo dhòchas mór ann an Canada-uachdarach, agus anns na cearnaibh eile do dh-America-mu-thuath, gu 'm bi inirich mhór as an dùthaiich so a nùnn d' an ionnsuidh. Tha an cùnnatas a's taitniche 'gar rnigheachd o gach cearn thairis ; agus mar is mò tha sinn a' cluinntinn, agus a' lenghadh, agus a' smuain-teachadh air a' chùis, 's ann a's mò tha sinu air bharail gn 'in b'e là an àigh do'r luchd-dùthcha ionmhinn a bheireadh dhoibh an comas air tir an òige, anns a' bheil mòran dinbh fo bhochduinn mhór, fhàgail, agus iad féin 's an teaghlaichean a dhol do na h-àit-eachaibh sin anns a' bheil ni's leòir do chosnadh agus do fhearann aca r'a fhaotainn.

Fhuair sinn am measg chàich, an litir a leanas, o dhuin'-uasal measail, agus tha sinn mòran 'na chomain. Tha sinn meallta mur 'eil i air a sgriobhadh le ministeir eudmhior soisgeulach. Ma leughas ar càirdean i leis nn tlachd leis an do leugh sinne i, bithidh iad fo chomain duinn air son a cur a mach anns an àireamh so.

Cuiridh an duin'-uasal ceanalta comain mhór oirnn le sgriobhadh gu tric g' ar n-ionnsuidh.

T. M'Ld.

GUTH O FHÀSAICHEAN AMERICA.

A Chuairteir Uiseil,

Tha e 'na mhòr riarrachas-inntinn do na h-uile aig a' bheil maith

a's leas aimsireil agus spioradail luchd-àiteachaidh Tìr nam Beann dlùth d'an eridhe, fiosrachadh fhaotuinn o àm gn h-àm air gach oidheirp ionnholta tha air a thoirt chum eòlas agus fiosrachadh a chraobl-sgaoileadh, cha 'ne mhàin air feadh Gàidhealtachd agus Eileanan na h-Alba, ach anns gach cearna do'n domhan a tha ar luchd-dùthcha ag àiteachadh. Air lorg gach oidheirp chliuiteach tha càirdean nan Gàidheal a' toirt, o chionn tearc do bhliadhnan chum eòlas a's fiosrachadh a mheudachadh am measg luchd-dùthcha an eridhe 's an gaoil, tha e 'na aobhar mòr-thaingealachd, gu bheil a nis na Gàidheil a' mealtuinn shochairean agns bheannachdan, nach do shealbhaich an roi' aithrichean sna lìnuitibh a dh' fhalbh. Tha nis iomadh sochair a's saorsa ro-luachmhor air am buileachadh, cha 'n e mhàin air luchd-àiteachaidh na Gàidhealtachd, ach air clann nan Gàidheal dealaithe mar tha iad o' chéile, cuid diubh ag àiteachadh coilltean farsning fasail America, 's lìonnhorachd fad o thìr an eòlais, fo ghréim loisgich nan Innsean, agus anns na h-earrannan a's iomallaiche do'n domhan mn'u iadh a' ghrian. Agus mar tha cheana conaltradh taitneach agns buannachdail air a shocruchadh eadar gach Fine agns gack Rìoghachd air aghaidh an tsaoaghail, agus mar so eòlas agus fiosrachadh air an eraobl-sgaoileadh a'm measg a' chinne dhaoine, is ann le mòr thaitneas a dh'fhiosraich clann nan Gàidheal sna cearnan so a tha fuidh 'n riaghladh Bhreatunnach, gu robh paipeir-naigheachd air a chur a mach o chionn ghoirid le caraid nan Gàidheal an Glascho, d'an gairmear "Cuairear nan Gleann," agus gn 'n robh an coigreach taitneach ciatach so gu teachd g'ar fiosrachadh aon uair sa' mhìos. Tha nis beagan ùin air dol seachad o'n chaidh a' cheud àireamh a chur 'nar làimh, agus a chionn's gu bheil sinn làn chinnteach gur e àrd mhaith aimsireil agus spioradail ar luchd-duthcha crìoch a's rùn suidhichte a' "Chuaireir" 'se dnachd agus iarrtus ar eridhe, Dia gn 'n soirbhich leis a' mhuinntir a ta 'ga chur a mach! Tha na Gàidheil tha mu thimchioll dol imrich gu America, fo iomadh comainn airson gach oidheirp tha air a thoirt sa' Chnairear chum bhi tagradh cùis nan Gàidheal agus airson ur dùrachd gu cuideachadh agus comas fhaotainn doibhsan tha tegarrach air dol thairis. Tha aireamh do'r luchd-dnthecha nach urrainn duinn ainneachadh air an àm, a dh' fhàg Gàidhealtachd a's eileanan na h-Alba o chionn aimsir, agus d'an d'orduich am Freasdal an crannichur ann an coilltean America, a' mealtinn cuibhrinn ionchnidh de nithe maith na beatha-sa, nach dìchuimhniuch fhad 's a bhios iad an tir nam beò, meud càirdis a's caoimhneis cuid tha sinn a' tuigsinn a tha 'n dàimhri luchd cur a mach a' "Chuaireir." Mar tha cor aimsireil nan Gàidheil a nis fo bheachd ard-chomhairle na rioghachd, gu cuideachadh leò chum teachd a nall, agus seilbhean flearainn fhaotainn ann an Canada, 's e miann a's dùrachd ar luchd-duthcha ionmluinn sna h-earrannan sin do'n Tir-mhór fharsuing so, far a' bheil na miltean 's na deich miltean a' dol am mnigha a cheana a dh' eas-bluidh air aran na beatha a bhi air a bhriseadh 's air a roinn 'nam measg, gu'n togadh sibhse ar guth gu h-ard-fhuainneach chum 's

gu'n ruigeadh 'fhuaim a dh' ionnsuidh cluasan nam Ministeirean òg a tha dh' easbluidh co'i thionalan air feadh na Gàidhealtachd chum teachd a mach do'n dùthaich fharsning so gu cuideachadh le'm bràthairean san earrann so do fhionlios an Tighearna. Cha ruig mise leas dol a leudachadh air an àm chum fiosrachadh agus eòlas a thoirt duibhse mu staid ar luchd-dùthcha a thaobh fridhealadh follaiseach ordraighean an t-shoisgeil. Air lorg cia lingha cùnnatas 'sa chuir Ministeirean agus co' thionalan a nall a dh' ionnsuidh a' Chomninn Urramaich a shocruicheadh an Glascho gn euideachadh le ministeirean òga gu teachd do America, tha sibh féin a nis cho fiosrach eòlach air staid nan Gàidheal air feadh ua duthicha so, agus ged a bhiodh sibh air cuairt a dheanamh 'nam measg. O! nam be 's gum beachd-smuainicheadh na diadhairean òga so air staid chianail thruagh nam miltean agus nan deich miltean do'n luchd-duthicha air feadh fad a's lend tir mhór America, a tha mar chaoraich gnu bhuachaill a ghabhail cùram do'u anamaibh, ach air am fagail o bhliadhna gu bliadhna marchreichidh bheathaichean allta an fhàsaich. An uair a bheachdaicheas sinn air an àireamh do inbhisteirean foghainteach an Tiomnaidh Nuaidh a chaidh cheana chur do America gu saoithreachadh ain measg co'thionalan Gàidhealach, leis na comunnan urramach sin tha 'n dàimh do Eagluis na h-Alba, cha 'n urrainn do na Gàidheil a chur an céill mend an taingealachd do cheann glòrmhor na h-eagluis a chuir ann an eridhe buill nan comunn urramach so am maith spioradail a chur air aghart. Ach air lorg do'n luchd-àiteachaidh a bli gu mòr a' dol an lionmhòrachd gach bliadhna, agus a chionn's gn bheil iomadh a' teachd a mach o àm gu àm o thir ar dùthchais, tha nis iomadh co' thional aig nach eil ininisteir a bhriseas aran na beatha 'nam measg. Nach inuladach agus truagh an sgeul, slóigh ana-barrach lionmhòr aig a' bheil anaumann neo-blàsmhor a' dol sios le luathas a's cabhag air sruth bras aimsir na beatha so, tha 'n làth-air an coinneamh bàis, breitheanais agus siorruidheachd, agus gn neach aig làimh a chomharaicheas a mach an aon mheadhon-téarnaidh a dh' ullmhàich Dia ann an Criod doibh, eadhon Airc a' chùmhaint shiorruidh: agus ma's e air leabaidh bàis gum fend a' choguis chiontach a bha iomadh bliadhna 'na cadal, a bli air a dùsgadh air mhodh co uamhasach, 's gn bheil am peacach truagh a' mothuchadh mar gn' robh a' "chnuimh nach bàsaich agus an teine nach téid as" air tòiseachadh 'na neadh, ach gidheadh, mo thruaighe! cha 'n eil neach aig làimh gu 'chomhairleachadh 'sgu sheoladh ga teicheadh a dh' ionnsuidh fnil Mhic Dhé, "tha labhairt nithe a's feàrr na fuil Abeil."

S ann le mòr shòlas a's riarachas-iuntiun tha sinn a' cluinnntinn o àm gu àm oidheirpean cliùiteach a's saothair gràidh ar n-Eagluis mliàthaireil ann an eur ministeirean an t-soisgeil a dh' ionnsuidh earrannan iomallach do'n domhan a bha gus o chionn ghoirid a dh' easbluidh air solus glòrmhor grian na Fìreantachd, 'nan Inidhe "fuidh dhuibhre a's sgàil a' bhàis." Agus dh' iarramaid gàirdeachas a dheanamh, agus buidheachas iocadh do Dhia airson

nan dearbhainnean soilleir air cumhachd agus làthaireachd ceann glòr mhòr na h-Eagluis tha air an saothair gràidh a' leanmhuiinn. Agus 's e dearbh-dhùrachd a's ùrnuigh ar n'-anamaibh gu'n soirbhich an Tighearna le'n saothair, gus an dean fa-dheòigh eòlas an Tighearna an saoghal a' lionadh mar tha na h-uisgeachan a' còmhachadh aigean na fairge!" Ach tha againn anns an earrainn so do'n t-saoghal muinntir nach 'eil buileach 'nan dubhl-chiunneachaibh —daoine bha aon uair 'naim buill de Eagluis stéigichte na h-Alba, a bha air am breith 's air an àrach an tir ur dùthchais, 'ur dàimhean 's 'ur càirdean a thaobh na feòla, ach muinntir, maille ri 'n sliochd, nach bi dad a dh-eadar-dhealachadh eatorra ann an seadh spioradail, agus na cinneachaibh nach robh gus o chionn àine ghèarr air am fiosrachadh le solus an t-soisgeil. An e gu bheil cridheachan daoine saoibhir an tir ar dùthchais air an taiseachadh chum cuibhrionn do 'n òr 's do 'n airgiod a chur air leth chum aobhar an Tighearn a chur air aghart am measg nam Fineachean eile air feadhl an t-saoghal, agus iad a' deanamh dearmad air staid thruagh nam mìltean agus nan deich mìltean do'u luchd dùthcha tha mar na dubh-chinneachaibh féin, a'dol am mugha a' dh' easbhuidh eòlais. Gairmihl air gach criosduidh leis am miann ar Sion teachd gu bli 'na cliù 's 'na moladh air an talamb, "thighin a nall agus cuideachadh lein." Cumamaid a ghnàth an cuimhne gu'n bhuilich an Tighearn iomadh tàlann a's giblit oirnne, agus gu'n d' thug e 'ghairm shòleimte sin san dealachadh, "cuiribh iad so gu buil mhaith gus an tig mise rìs"; tha aimsir a 'dol seachad le luathas na h-iolaire air astar roi' n ealtuinn; tha siorruidheachd neo-chriochnach a' tarruing dlùth; tha agaim uile còmhail a chumail maille ri ar Dia. A'bheil sinn uidheamaichte cùnnatas a thoirt as ar stiùbhàrdachd le aoibhneas, agus cha 'n ann le amhluadh agus masladh siorruidh? Ghuidheamaid air Tighearn an fhogharaidh luchd-oibre ullmhachadh agus a chur a mach a' dh' ionnsuidh a' chearna so d'a fhionlios, oir tha gu firinneach am fogharadh mó, ach tha 'n luchd-oibre tearc. An sin "dheanadh am fàsach agus an talamh tartmhòr gàirdeachas air an son; agus bhoidh an dithreabh ait agus thigeadh e fo bhìlath mar an ròs." S mise 'Chuairteir rànaich agus urramaich, ur caraid dileas,

GÀIDHEAL.

Iar abhuinn Phictou
America mu Thuath.

FRANCES SCLOCUM.

Air brnachaibh na *Susquehanna* ann an America, bha baile beag bòidheach d' a'm b' aimm *Wyoming*. Thainig huidheann de na h-Innseanaich a stigh air creach agus loisg iad am baile, agus mhort iad a' chuid bu mhò de na bha chòmhnnidh ann. Theich na chaidh fhàgail bed, agus dh' fhàg iad an t-àite. Ach an ceann tri no ceithir de mliosan thill aon an deigh aon o na beanntaibh, agus, bha iad a' togail thighean gus an robh baile beag a suas aca a rithist—ach cha d' fhàg na h-Innseanaich f'hathast a' choimhearsnachd.

Bha iad a' téarnadh an dràst 's a rithist, agus a' mort 's a' creachadh nan teaghlaichean a bh' air ùr ehruinneachadh—Bha aon teaghlaich ann d' am b' ainm *Sclocum*, ris an do bhuin iad ann an doigh eagalach an-iochdar. Aon latha agus na fir air falbh o'n bhaile, thainig na h-Innseanaich thun an tighe. Bha stigh a' mhàthair, nighean a bha naoi bliadhna, agus caileag eile bha còig bliadhna—mac a bha trì-bliadhna' deug, agus fear eile a bha dà bhliadhna gu lethi. Bha gille òg a stigh agus balachan do 'in b' ainm *Kingsley* leis, a' geurachadh sgeine. B'e chend ni rinn na h-Innseanaich an gille so a leagadh le urchair, agus mullach a chinn a rùsgadh dheth leis an sgithin a bha 'na làimh. Thug a' chaileag a bha naoi bliadhna am balachan beag leatha mach air dorus-cùil. Ruag na h-Innseanaich i astar beag agns bha iomad gàire cridheil aca ag amhare oirre a' teicheadh le 'bràthair! Thug iad an sin leò am balachan *Kingsley*, agus *Frances*, a' chaileag bheag a bha còig bliadhna. Bu chràiteach an sealladh sin do 'n nhàthair bhochd, agus cha b' urra dhi iomradh a thoirt air fad ioma bliadhna gun bhi sileadh nan deur. Chunnaic i Innseanach a' tilgeadh an leinibh thar a ghualainn—a h-aon làmh aice a' cumail a fuit as a sùilibh agus an làmh eile sinte thun a màthar, i'caoineadh agns aig iarraidh cuideachaidh. Chaidh an t-Innseanach a stigh do 'n choillidh agus b'e so an sealladh mu dhlereadh dhi, ach cha deachaidh e á beachd na màthar gu latha a bàis. Mios an déigh sin thainig na h-Innseanaich a rithist a dh' ionnsnidh an tighe, mhort iad an seann duine, seanair na cloinne, loisg iad air a' bhalachan bu shine agns chuir iad peileir 'na chois a bha innse fhad's bu bheò e. Rungadh an leanabh a b'dige beagan mhiosan an déigh so. 'S iomad bruidhinn a rinn a' mhàthair bhochd air *Frances*, 's iomad barail a thug i ciod bu chor di, ach mo thruaighe! cha 'n fhac ise i nì's mò.

'Nuair a chinn na balachain agus a thainig iad gu bli 'nan daoine, rinn iad rannsuchadhl anns gach àite airson am peathar. Chaidh iad air thurus ceithir uairean, feedh Chanada agus fàsaichean fiadhaich nan Innseanach, ach bha gach nile oidhrip a thug iad diomhain—cha chualas smid mu déibhinn fad thàri fishead bliadhna. Ann a' bhliadhna 1836—o chionn chòig bliadhna, bha duin-uasal de inhuinnfir America air thurus feedh fhàsaichean *Indiana*, thainig an t-anmoch air agus a chionn gu'n robh e fein agus 'each anabaraich sgith, smuaintich e 'n oidhche chur seachad ann am bothan Innseanach a thachair air. Bha 'n teaghlaich so air a mheas saoibhir leis na h-Innseanaich. 'Nuair a bha e greis a stigh thug e 'n aire gu'n robh falt na mnà agus a craicionn soilleir. Leis a so thòisich e air còmhراadh rithe, oir bhruidlineadh e cainnt nan Innseanach; dh' innis i dha gu 'm buineadh i do na daoine geala, ach gu'n deachaidh a toirt air falbh 'nuair bha i 'na caileig bhig—Bha cuimhne aice gu 'm he *Sclocum* a h-ainm—gu'n robh i 'chòmhnuidh ann an tigh beag air bruachaibh na h-aiblne *Susquehannah*, co mheud a bha ann an teaghlaich a h-athar agus an ainmean, ach cha robh cuimhne aice air ainin a' bhaile.

Nuair a thill an duin-uasal dhachaidh dh' innis e 'n naigheachd so

d'a mhàthair. Dh' iarr ise air a sgriobhadh agus a chur anns na paipeiribh-naigheachd. Rinn e sin, ach luidh am paipeir dà bliadhna gu a chur a mach—mn dheireadh chaidh a chlo-bbualadh agus fhollaiseachadh. An ceann beagan lathan thainig am paipeir-naigheachd gn làimh Mhr *Sclocum* a bha 'na bhalachan dà bhliadhna gu leth 'nuair a chaidh a phinthal a thoirt air falbh. Thug e leis a phinthal an té a chuidich leis teicheadh, agus sgriobh e a dh' ionnsnidh a blhràthair ann an *Ohio*, an coinneachadh agus dol leò a dh' iarraidh am peathar. Bha uis an dà bhràthair agus am piuthar air falbh a dh' fhaicinn *Frances*—cotlromach tri fishead bliadhna an déigh a giùlau air falbh. Choisich iad tri chiad mile romli 'n fhàsach gu dùthaich nan Innseanach. Fhuair iad am bothan mar a dh' innseadh dhoibh. 'Nuir a bha iad a' dlùthachadh air, thnirt a, phinthal ri 'bràthair "aithnichidh mise mo phinthal a chionn chaill i ionga na corraig' agus 's tusa a chuir dhi i le òrd anns a' cheardaich 'uuair a bha i ceithir bliadhua dh' aois." Chaidh iad a stigh, agus fhuair iad seana bhean air a làn-uidheamachadh a réir dòighean nan Innseanach. Cha robh ni ach a craicioneun agus a folt a dh' innseadh co dhà a blinieadh i. Fhuair iad eadar-thicangair agus thòisich iad air còmhchradh rithe. Dh' iunis i c' àite 'n d' rngadh i—a h-ainm, agus gach ni eile inn theaghlaich a h-athar. "Ciamar a chaill thu 'n ionga?" thàirt a' phiuthar bu shine. "Chuir mo blhràthair dhiom i le òrd 'nuair bha mi am chaileig bliog." Dh' fheoraich iad a ceud ainm dhi ach cha robh enimline aice air. "An e *Frances* e?" Rinn i gàire, agus thàirt i gu 'm b' è. B'i sin a' chiad uair a chnal i a h-ainm o chionn tri fishead bliadhna. Bha iad a nis làn chinnteach gu'm b'i am piuthar a bha aca, a bha o chioun fhada air chall—Bha iad làn chinnteach air gach taobh gu'm bn bhràithrean agus peathraichean iad; ach mo chreach! ciod an t-eadar-dhealachadh! Bha na bràithrean a' coiseachd feadh au tighe gun chomas smid a labhairt. Bha 'phiuthar bn shine a' caoineadh gu goirt—ach shuidh a' phinthal Innseanach bhochd gu deur air a sùil—cha d' thainig uiread agus tiomadh oirre. Bha i mar nach biodh dàimh idir aice dhoibh!

Feudar a h-eachdraidh inuseadh ann am beagan fhocal. Dh' fhan i leis na h-Innseanaich a thug air falbh i gus an d' thainig i gu mendachd—an sin phòs i aon dinbh. Fhuair esan bàs agus phòs i fear de na cinn-fheadhna aca. Tha dà nighin aice a tha le chéile pòsda, agus a' tighlin beò anu an uile chleachda nan Iunseanach. Tha iad air fad tur aineolach. Cha 'n eil focal Beurla aca. Chu 'n eil fios aca gu bheil latha sàbaid ann. Dh' fheuch na bràithrean iompaidh a chnr air am piuthair tilleadh leò, agus a clann a thoirt leatha; bheireadh iad i rìs gu brnachaibh na *Susquehannah* far an do chaith i tùs a làithean, ach cha rachadh; bha i riabh leis na h-Innseanaich. Bha iad ro chaoiunlneil rithe, agus gheall i do 'n fhear mu dheireadh a bh' aice nach fàgadh i na h-Innseanaich ri 'beò. Dh' fhàg iad an sin i fein agus a cuideachd ann an staid fliadhbaich aineolaich—sliochd nan daoine cràbhach a bha 'n Sasunn, a dh' fhuling arson a' chreidimh! Ach ged a dh'

fhàg iad i air an àm so bha iad a' eur rompa tilleadh a ritist g'a faicinn. Bha iad air an cràdh arson am peathar. Bha iad ris a' chùis a chur fa chomhair ard-chomhairle America, agus iarraidh nam b'e agus gn'a rachadh na h-Inseanaich sin fhògradh as an àite gu'n rachiadh fearann fhàgail arson am peathar agus a cloinne. Cha chualas focal riamlì mu'n bhalachan *Kingsley*—tha e ro-choltach nach 'eil e beò.

J. C.

Allt nam bràithrean
An ceathra' Mìos, 1841.

CHINA.

Tha'n seòrsa do chogadh ronaghach leasg a bha eadar Breatunn agus China air tighin gu crich, gun inbhòran onoir no buaidh, no rath, do thaobh seach taobh; agus air an àm, tha sìth agus réit air an gairm. Cha'n eil e furasda innseadh cia fhad's a leanas an réit so.

Thug na Chinese suas eilean ris an canar *Hong Kong* do Bhreatunn. Tha'n t-eilean so ann an abhuinn Chanton, agus fior dheas agus freagarrach air son malairt, ged nach 'eil an t-eilean aon fein luachmhòr.

Cha'n eil cùnnatas as am faodar móran earbsa chàrainh fhathasd, air gach cùis mu'n àdhar na réit so tha air teachd mu'n cuairt. A bharrachd air an eilean so, *Hong Kong*, tha muinntir China ri aon mhnillion agus dà cheud mìle punnd Sasunnach a dhìol do Bhreatunn chum costas a' chogaidh a phàigheadh. Chítéar ciamar thig a' chùis so gu crich—ach air ar son-ne fèin 'se ar n-amharus gu'n d' fhuair muinntir China air fuaradh air muinntir Shasunn, agus gu'n d' rinn sinn socruachadh riu as nach rnig sinn a leas a bhi bòsdail.

Ciamar tha bun na h-iorgaill uile, 'se sin malairt an *Opium*, ri bhi o'n am so mach, cha'n eil iad ag innseadh dhuinn. Ma dh' fhàgadh a' chùis so gun socruachadh, cha'n fhada gus am bi an dà rioghachd mhór so am badaibh a chéile. Tha sìth math do ghìnàth, ach o'n a thachair dhoibh idir tòiseachadh air cogadh, bu chòir dhoibh gach cùis-aimhreit a thoirt as an rathad.

GEARR DHÀN DO'N GHAOITH.

"*Tha' ghaoth seideadh far an àill leatha.*"

O! thusa fein a shiubhlas lnath,
Bho Dheas gu Tnath, bho Ear gu Jar;
Is coingeis leat tir-inór no cuan,
O! 'Ghaoth nam buadh, cia as do thríall?
Ri fuaim do chois-cheum għluais gach craobh,
A' deanamh aoraidh dhuit mar Dhia;
Chaidh luingéis rioghail air an taobh,
'S bhoc tonnan baoth á fiath nan ian!

Do chuairt ge fad' i air an t-saogh'l, !
 Gu saor a' séideadh mar do mhiann,
 Do dhachaidh cha'n fhiosrach do dhaoin',
 'S cha 'n fhacas leotha t'aogasg riamh !
 Uair eile thig thu'n cogar caomh,
 'Toirt crìdh' do'n raon a shearg le fiambh,
 Nis dùisg gach ribheid, le ceòl caoin !
 Tog iolach naomh, gach geug 's gach sliabh !
 'S ann ceart mar so tha'n Spiorad Naomh,
 A' rnith mar ghaoth bho'n Ear gu'n Iar ;
 A thoradh chi sinn air gach taobh,
 Tha 'shlighe saor, cò 'chuir ris srian ?

MACTALLA.

Eilean Chola.

A' CHUAIRT-SHAMHRAIDH.

(On "Fhilidh" le Seumas Munro.)

Fonn—"S i sid an deoch mhilis," &c.

Hug óro, mo leannan,
 Thig mar-rium air chuairt
 Do dh-ùr-choill' a' bharraich
 'S an tathaich a' chuach ;
 Hug óro, mo leannan,
 Thig mar-rium air chuairt.

Tha gruaman a' Gheamhraidh
 Iar fàgail nam beannta,
 'S e 'sruth anns gach alldan
 'Nä dheann-ruith a-nuas.

Hug, &c.

Tha aodunn nan sléibhteann
 A' dèarrsadhl gu céutach ;
 'S na lusana péucach
 Ag éirigh le buaidh.

Hug, &c.

Tha Samhradh an òr-chuil
 A' riaghlaidh le mòr-chuis,
 'S an saoghal ri sòlas
 Gu'n d' fhögair e 'm fuachd.

Hug, &c.

Na h-eòin 's iad ri coireal
 Feadh ghrianan na coille,
 'S na sóbhraichean soilleur
 'Cur loiun' air gach bruach.

Hug, &c.

Tha 'ghrian feadh nan glacagan
 Gormanach, fasgach,
 'S gu'm b'aoibhinn bhi leatsa
 A' dearc' air än snuagh!

Hug, &c.

'S do shnuagh féin cho greannor
 Ri gàire an t-Samhraidh
 Feadh fhlùran a' dannsadh
 'S na gleannta mu'n cuairt !

Hug, &c.

O ! tiugainn, a leannain,
 Do choille nam meangan,
 'S gu'n ùraich sinn gealladh
 'Bhi tairis gu buan.

Hug, &c.

SGEUL BEAG MU DHIADHAIR AINMEIL, DEÒRSA WHITFIELD.

Bha 'n duine so ainmeil 'na latha 's 'na linn féin. Bha e 'na mheadhon fo làimh Dhé chnm móran maith a dheanamh chum peacaich a dhùsgadh o'n suain, agns móran a tharruing chum Dhé, agns chnm cùram a thoirt do nithe siorruidh.

Thachair do 'n duine mhath so bhi aon uair ann an Albuinn, agus bha e ann an Dun-éideann, far an do ghabh jad ris le mòr thlachd, agus furan cridheil ; bha na miltean as a dhéigh, 'ga lean-tainn o àite gu h-àite far an robh e a' searmonachadh. Bha air uairibh fishead mile 'ga éisdeachd, agus bha guth aige leis an cluinn-eadh iad uile e. Bha e 'n Dun-éideann 'nuair a bha duine bochd a rinn mnr̄t gu bhi air a chrochadh, agns chaidh *Whitfield* do 'n àite 'n robh e ri tachairt, a thoirt fa 'near an dòigh air an giùlaineadh, an sluagh iad féin. Chunnaic móran e a dh' aithnich e, agus chuir e iongatas orra fhaicinn san àite sin air a leithid do chòmh-dhail. Air an la-màireach shearmonaich e do shluagh anabharrach mór air blàr dlùth do 'n bhaile ; bha sluagh do-àireamh a mach air an latha sin g'a éisdeachd. Labhair e riutha mu 'n duine thruagh a chnireadh gu bàs air a' chroich air an là-dé "Chaidh mi mach air an là sin" ars' esan, "a dh' amharc coslas muinntir na h-Alba air a leithid sin do chòmh-dhail, a dh' fheuchainn ciamar a ghiù-laineadh iad iad féin, agus da rìribh," ars' esan, "bha mi làn, thoilichte le 'n giùlan agus le 'n coslas. Thug an dòigh "ars esan, "air na ghiùlain iad iad féin deagh bharail domh air an cridheachan agus air an aignibh : Chunnaic mi coslas truais agus iochd anns gach aodann, mulad agns comh-flulangas air aghaidh gach neach, gu h-àraid" ars' esan " 'nuair a bha àm a' bhàis dlùth. 'Nuair thilg e an nèapaiginn á làimh, agns a thuit am bord air an robh e seasamh, 's a bha e crochte eadar athar agus talamh san-

spairn mu dheireadh, air leam” arsa’ esan, “ gu ’n cuala mi aon osna mhòr o gach neach a bha san làthair. Cha ’n fhaca mi,” ars’ esan, “ sùil air nach robh deur ; thionndaidh gach duine sa’ choimhthional mhòr so air falbh an sùilean, agus is gann gu ’n robh sùil tioram ’nam measg gu léir.. Bha” ars’ esan, “ na deòir sin prisail, agus cha leigear air dìchuimhn iad. O!” ars’ esan ’s e togail a ghuth, “ cha ’n ann mar sin a thachair ’nuair a chuireadh Iosa Criod gu bàs air a’ chrann-cheusda. An àite bròn no gul’s ann a rinn sluagh nan Iùdhach gàirdeachas, rinn iad uайл ’na fhlolangas, rinn iad sgeig agus magadh air le briathraibh bu ghéire na ’n domblas, agus am fion geur a thug iad dhà r’ a òl. Cha do thionndaidh a h-aon do na miltibh a bha ’g amhare airson air falbh a cheann, seadh eadhon a h-aon san àm anns na thilg e an deò. Tha mi am mearachd” ars’ esan “ bha a h-aon ann a thionndaidh air falbh a gnùis, a dhiùlt amhare air gnìomh co uamhasach—a’ ghrian ghlòrmhor ud shuas,” ars’ esan ’s e togail a làmh ’s ag amhare suas ionnsuidh na gréine bha smành gu glòrmhor o3 a cheann, “ an solus àghmhor glòrmhor ud, thainig smal air a ghluais fhlathail, agus dh’ imich e air aghaidh ann an dorchadas uamhasach!” Bha e car tamuill ’na thosd —cha robh cridhe nach d’ fhairich e—cha robh sùil nach d’aidich e —thog an sluagh mòr an osna thróm o dhoimhne an cridheachan, agus chaidh an duine naomh air aghaidh.

Bha cuid do na daoine b’ urramaichte san dùthaich a’ leantuinn an duine so o àite gu h-àite. Bha bràthair do mhiniesteir nrramaichte bha san àm sin an Dun-éideann, a lean e o àite gu h-àite, sean oifigeach ainmeil, duine saoibhir aig an robh fonn a’s fearann, agus a bha air an àm sin a’ cur chraobh air an oighreachd a blininedh dha, a’ togail ghàraidhnean agus a’ deanamh dhigean. Cha robh àite rachadh *Whitfield* nach leamadh an duine so e ; cha robh a bhràthair am ministeur uile gu léir toilichte le so, agus labhair e ris an cuideachd aon latha, ’ga chronachadh airson a bhi leantuinn ministeur fuadain cosmhnil ri *Whitfield*. “ Innis domh” ars’ esan, “ ciod tha toirt ort a ’bhi ’ga leantuinn ? Nach ’eil mise ’searmonachadh a h-uile latha co math ris-san ? c’ arson nach ’eil thu a’ fuireach san eglais againsa mar a b’ àbhaist duit ?” “ Matà, a bhràthair ghràdhach,” ars’ esan, “ innsidh mi sin duit. Tha thusa gun teagamh air bith a’d dheagh sgoilear, a’d dhnine tapaidh ionnsuichte foghluijmte ; ach ’nuair tha mi snidhie ’gad éisdeachd-sa, tha mi a’ cur chraobh, a’ togail thighean, a’ deanamh dhigean, gun stad gun tàmh—ach a thricead ’s a chuala mi *Whitfield* cha do leig e leam craobh a chur, no clach a leagail, no dig a chladhach riamh. A dh’ aindeoin mo chridhe, cha ’n urrainn domh dol a nùll no nall o’n aire shuidhichte a ghabhail do na h-uile facall tha ’tighin o ’bheul; cha d’ thug mi riabh fhatlast,” ars’ esan, “ sùil air m’ uaireadair fhad ’s a bha mi ag éisdeachd *Whitfield* ; ach, a bhràthair ’s minic a shaoil mi gu ’n do stad m’ uaireadair gu buileach fhad’s a bha thusa searmouachadh.” Cha d’ thuirt a bhràthair facall tuille ris mu dhol as déigh *Whitfield*.

“S CÀM 'S IS DIREACH AN LAGH.”

A Chuairteir Uiseil,

Cha 'n 'eil teagamh nach faca sibh anns na Pàipeara'-naigheachd bho cheann, a nis, mu thuaiream dà mhios, mu Ghael gasda, Niall Mac Illeain : a fhuair mar bhinn ann an Glascho, a chur thar chuan mar thràill re uile làithean a bheatha, arson buille thoirt do fhear a rinn suas ris air an rathad-mhór san oïche arson sábaid, agus a fhuair bàs beagan làithean 'na dhéigh.

Arson nan Gael gu leir, agus arson a chàirdean gu sònruichte, co cia air bith àit' am bheil iad, 's math an naigheachd gu'n do ghiorraich a' Bhan righ'n a bhinn gu ceithir bliadh'n deug. Tha'n sluagh a tha eòlach air a' chùis am barail gu'n robh Niall tur neò-chiontach : tha 'chùis coltach nach h-e 'bhuail am buille idir ach fear eile 'bha leis, agus a theich o cheartas ; agus cuid eile their, ged a b'e 'bhuaileadh nach robh e'n aghaidh an lagh e fein a dhion. Bha mis' an éisdeachd na deuchainn air là mór na cùirte, agus 's e mo bheachd nach d' fhuair e ceartas :—Cha robh de fbianuisean 'na aghaidh ach balach beag, aois sheachd bliadhna mac an fhira theich, agus a mhàthair (mu nach abair sinn a bheag) agus bràthair an fhira dh'eug.

Bha Bàilleanaich Ghlascho cho cinnteach gu'n robh e neo-chiontach 's gu'n do sgriobh iad 'na fhàbhar ; bha'n luchd-inòid cho dearbhta an déigh dha' bhinn fhaotainn, 's gu'n do sgriobh iad 'na fhàbhar—bha'n t-Olla Macleòid an Glascho cho cinnteach gu'n robh e neo-chiontach 's gu'n deach e far an robh e ann an Lunnuinn —gn'n do chrath e 'làmh, agus gu'n d' thug e òr dha ; ni 'nuair chuunaic na h-oifigich air an robh a chìram, a chuir ioghnadh orra.

A dh' aon fhocal cha 'n 'eil teagamh agam fein nach h'e so nì's fearr a thainig an rathad Nèill mhath a chunnaic e riamh—taing do Mhacleòid caraid nan Gàel ! gheibh e saor a thiota ach air a shon so faiceadh Gaeil eile an cunnart a tha ann a bhi mach feadh na h-oïche ; agus sin ann an companas nan amadan, agus foghlumadh iad gliocas.

'S mise ler cead

L. M'L.

EIRINN AGUS SAGART MATTHEWS.¹⁹

THA barrachd sìth agus suaimhneis sa' chearn so do'n rioghachd na bl' ann o chionn ioma bliadhna.

Cha'n eil teagamh air bith nach 'eil Comunn na làn stuamachd, no mar deir iad sa' Bheurla, *Total Abstinence Society*, a' deanamh móran maith. Theagamh nach do thachair 'nar latha 's 'nar linn ni is cìnntiche na soirbheachadh a' chomuinn so. Cha robh dùth-aich san Roinn-Eòrpa anns an robh uiread mhisg agus aimhlreit, a's tuasaid 's gach seòrsa do dh' aimlisg am measg dhaoine 's a bha ann an Eirinn. Cha robh coinneamh no cuideachd a b' urrainn cruinneachadh nach robh misg a's iorghuill, agus gu tric murt a's

marbhadh 'nam measg. Ciod air bith bu nàdhr do'n chruinneachadh, cia dhiùbhl bu phòsadhd no baisteadh, no faire nam marbh, no tòrradh, féill no trasg, di-dòmlhnuich no di-lnain, bha deoch a's daorach a's trod a's tuasaid 'na lorg. Cha b' urrainn do leth dusan duine dol a stigh do thigh-òsd gun an daorach a bli orra mun tigeadh iad a mach, mà bha aca do dh' airgiot no do chreideas na dheanadh e. Cha b' urrainn féill mhór no margadh a bhi ann an àit air-bith gun saighdearan a bhi ann, a chum au slnagh a chumail o chéile mharbhadh, ach a nis chaidh e o so; tha coimnnn stuamà air a shuidheachadh anns gach cearn do dh-Eirinn, anns gach baile agus àite; 'se sin comunn do dhaoine tha 'tighin fo ghealladh nach euir iad deur do spiorad no do dheoch làidir do sheors' air bith, fion no leann, 'nam beul, mur faic lighiche gum bi so feumail air sou an slàinte. Thainig so mu'n cuairt air dhòigh is airidh air 'innseadh, le saothair aon duine, Sagart endinhor ris an canar *Matthew*. Tha air an àm os ceann dà mhuillion gu leth do dhaoine sa' chomunn so, a sgnir gu bnileach do'n òl, nach gabh deur air chor air bith, agus anns an àireamhl mhór so, 's gann gu bheil leth dusan r'a fhaotainn a bhrist an gealladh. Tha so 'na chnis-iongantais co mór 's a chuala sinn riabh; tha 'n obair a' dol air a h-aghlaidh o chionn tri no ceithir a bhliadhnaichean; dhùineadh e h-uile tigh-òsd ann an cuid a chearnabh; agus faodar sinbhal tro' chuid mhór do dh' Eirinn agus gun duine air mhisg fhaiciun. Air féill mhór a bha ann am Baile-na-slò, an fhéill is mó ann an Eirinn uile, cha robh ach ochd galain uisgebhéatha air òl air a' bhliadhna so, far an robh eadar 800 agus 1000 galan air òl am bitheantas gach bliadhna roimhe so.

Feuchaidh sinn barrachd cùntais a thoirt mu'n chùis so san ath àireamhl. Cha 'n eil e coinasach a leithid so do dh-eachdraidh a chluinntinn gun sòlas. Soirbheachadh leis an t-sagart choir—buaidh a's piseach air! 'Se so dùrachd ar cridhe.

NA MORTAIREAN EIRIONNACH.

Shuidh ard-mhòd nam Morairean dearga sa' bhaile so, toiseach na seachduin a chaidh seachad. Air di-haoine-sa chaidh, dh' fleuchadh triùir Eirionnach a bha 'g obair air an t-slighe iaruinn, air son mort co uamhasach 's a bha riabh 'nar dùthaich, 'S ann mar thrì mile do Għlaschu a thachair so, ann an sgireachd Chadair. Bha duine d' àm b' ainm *Green*, a bha mar fhear-coimhidh thairis orrasan, a bha 'g obair san àite; 'b Eirionnaich a bh' anns na h-oibricean uile, ach bu Shasunnach *Green*. Cha robh an duine so, *Green*, ach air a chur thairis orra latha no dha romh àm a bhàis. Bha Eirionnach d' ainm b' ainm *Dennis Doolan* nach robh a' còrdadh ri *Green*, no a' deanamh na h-oibre ris na chuireadh e, mar bu chòir da. Thug *Green* a cheada, phàigh e a thuarasdal san anmoch, agus thuirt e ris gun tighinn air ais tuille. Dhùisg so corruiich an duine bhuirb so, agus chuir e roimhe dioghaltais a dheanamh air. Chuir e so an céill do Eirion-

naich eile bha 'fuireach san aon tigh ris ; chuir iad an comhairle r' a chéile, agus 'se thainig as gu'n deachaidh triùir dhiubh mach air an la-màireach, mun robh e soilleir, an coinneamh *Ghreen*, mar bha e 'tighin a dh' ionnsuidh na h-oibre. Thug fear dhiubh leis iarunn-teallaich, no *poker*, mar theirear sa' Bheurla, a bluineadh do 'n tigh anns an robh iad a' tuineachadh ; agus thug fear eile dhiubh leis gàd iaruinn as a' cheardaich. Thainig *Doolan* air cùlaobh *Ghreen*, agus buailear e sa' cheann leis an rong iaruinn so, agus spadar gu làr e. Leum an dithis eile an sin air, bhuail agus bhreab iad e, gus an d' fhàg iad e, do réir coltais, gun deò. Theich *Doolan* air a' cheart àm, agus an dithis eile air an la-màireach. Chaochail *Green* leth-uair an uaireadair an déigh dhoibh fhàgail. Cha do labhair e diog ; ghiùlaineadh dhachaидh 'na chorpa e do thigh 'athar, a dh' fhàg e tiota beag roimhe sin gu slan fallain.

Chaidh an ruaig air tòir nan Eirionnach ; spiol iad leò uaireadair an duine 'mhìurt iad ; agus o àite gu h-àite, lorgaicheadh iad, gus an d' fhuaradh greim orra. Thugadh do Glaschu iad, dh' fheuchadh iad mu choinneamh nam morairean, agus thugadh binn a' bhàis a mach 'nan aghaidh.

Mort uile gn léir na b' uamhasaiche, cha do thachair an àit air bith ; agus 's e 'chuid a's eagalaiche gu 'n robh móran do na h-Eirionnach eile aig an robh fios gu 'n robh so ri tachairt, móran a bha dlùth do 'n àit air an àm, agus gidheadh cha do għluais iad céum no làmh chum a bhacail ! Bha iad co suairach mu 'dhéibhinn 's ged bu mhadadh cuthaich a chaidh a' bheisd *Doolan* agus a chompanaich a mach chum a spadadh ! Tha iad so ri bhi air an crochadh air a' 14mh là do 'n mhios so, dlùth do 'n àite far an do thachair am mort. Gu 'n deanadh Dia tròcair air an anmannan !

'S cianail r' a smaointeachadh mar tha na h-Eirionnach a nis a' faotainu na h-uile h-obair san rioghachd, agus na Gàidheil bhochda cheanalta, air am fuadach do thiribh céin. Bidh so 'na chulaidh-geharain agus dhuitgheadais 'nuair a bhios e tuille 's anmoch.

Air dhuinn a bhi labhairt air mort, 'se ar barail gu 'n robh am mort a chuireadh an gniomh san taobh-tuath, ann an Cnocan-dò, le Pàruig Camron a bha air fheuchainn fa chiomhair nam morairean deurga ann an Ioubhar-nis, 'na mbort co grànnnda, co uamharra 's a b' urrainnear a smaointeachadh ; 'athair-céile féin a spadadh air an Rathad-mhór, agus an sin a thilgeadh san abhuinn le cloich mu 'amhuich ! Tha nì-eiginn ann co sgreamhail, eagalach, oillteil 's a b' urrainn tachairt.

Ciamar nach d' fhuaradh so 'na mhort, agus nach d'thainig binn a' bhàis a mach 'na aghaidh, tha e duilich a thuiginn.

AN LONG MHOR SMUID, AM PRESIDENT.

Tha fàth eagail nach cluinnear tuille mu thinnchioll na luinge móire so. Dh' fhàg i America nis o chionn fbada. Thainig soitheach agus soitheach a stigh, agus cha 'n eil cùnnatas air bith oirre. Tha e comasach gu 'n d' thug i Innsean na h-aird-an iar oirre ; cluinnear ann an latha no dha ma thachair so ; ach air an àm tha fàth imcheist mhóir. Cha 'n eil teagamh nach robh stoirm choimheach

ann fad thrì làithean an déigh dhi seòladh. Tha cuid air bharail gu 'n deachaidh an acuinn iaruinn air aimbreit, gu 'n do bhrist i, agus gun chomas air a càramh, gu'n do chaill i a croinn 's a siùil, agus gu bheil i nis, mur deachaidh i fodla, air faondra cuain, gun chomas aig na daoine mi-fhortanach tha innte a stiùradh aon taobh no taobh eile, acli air an 'udal sios no suas am mèinn gach sruth agus soirbheis a thig 'nan carabhl. Ged tha a' bharail so glé choltach, cha 'n eil ann am fear is urrainn innse ciod is staid doibh air an àm; ach tha iad ag iomradh air bàta-smùid a chur a mach a dh' aon obair g'a siredh, mur cluinn iad mu 'déibhinn an ceann bheagan làithean. Bha i 'na bàta anabliarrach mór eireachdail, agus a réir gach cùnntais, chosadh i os ceann leth-cheud mile punnd Sasunnach.

AM BRU-DHEARG A' GABHAIL FASGAIDH O'N DOININN.

EòINEIN blig bhòidheich! cia aoibhneach ait a tha thu ann an sin, a' suidhe agus a' seinn, agus a' togail gach criomaig blig a tha thu 'faotainn air an lär, gun fhios agad e' àite 'bheil thu, no c' àite 'm faigh thu an athlòn, agus 'nnair thig an t-anmoch cha 'n eil agad acli do leaba iarraidh anns a' cheud phreas a thig aon ad rathad, far, maith-dhaoite 'bheil an neas no an cat-fiadhaich no 'n t-seabhag a' feitheamh air do mhilleadh!. Tha mi 'gabhlail näire, mise le pailteas a'm thigh, le m' ghealbhan eridheil, sunndach, fasgadh agam o'n doininn, mo leaba sheasgair bhlàth, agus a dh' aindeoin so uile mi ri gearan, fo iomaguin, fo imcheist, gu tróm, muladach, bochd, brònach. Nam bithinn coltach riutsa, edin blig bhòidheich, air allaban gun tigh gun dachaich, gun fhios e' àite 'm faighinn mo lòn maidne no m' àite taimh san oidhche, cia truagh a blithinn! Cha togainn òran mar tha thusa 'deanamh. Cò stiùr an so thu, a choigrich blig? 'S cinuiteach mi gur h-e freasdal Dlié, a shearmonachadh dhòinhsa, chum mo theagasc agus mo chronachadh. Agadsa cha 'n eil tuigse no riasan as a' bheil mise co bòsdail; cha robh thu ann an sgóil—cha d' fhuair thu do theagasc; ach thng Dia dhuit tuigse. Seinn t' òran laoghach, eòinein blig—cha bhean mi dhuit—gabh do thàmh an nochd san t-seòinar so—se do bheatha—'s 'nuair thig a' mhadnium leigidh mi a mach thu air feadh an t-saoghal.

"Amhaircibh air eunlaith an athair, oir cha chuir iad sìol, agus cha bhuan iad, agus cha chruinnich iad ann an saibhlibh; gidheadh tha ar n-Athair nèamlaidh 'g am beathachadh. Nach fèarr sibhse gu mór ua iadsan?"

A' PHARLAMAID.

Do réir coslais tha mòd mòr no rioghachd go bhi air a dhùnadh, agus Parlamaid ùr go bhi air a gairm. Mur tachair so ann an latha no dha, 's éiginn gu'n dealaich a Bhan-righinn riusan a bha air ceann na cùise a nis o cheann àine fhada.

Chaidh an ceòl air feadh na fidhle orrasan a bha 'nan luchd-comh-

airle dhi. Dh-fheuch iad lagh ùr a dheanamh o cheann oidhche no dha a thaobl na h-Eirinn, ach dh-fhairslich a' chùis orra ; bha h-aon thar fhichead a bharrachd 'n an aghaidh na bha air an son. Do rèir cleachdadhl na Parlamaid anns na h-amannan a chaidh seachad, bu-chòir do so thoirt orra dealachadh ri 'n àiteachan, agus a chomh-airleachadh do 'n Bhan-righinn feadhain eile a thaghadh : Ach tha e dùilich a ràdh ciod a ni iad ; mo tha e 'nan comas fùireach a stigh s làdurra dhoibh an oidhirp a thoirt. Is leisg le daoine aiteachan maith, seasgair, tarbhach, a chur dhiùbh, ma tha idir' nan comas an cumail ; ach 'se air barail gnr eigin gu 'in bi atharrachadh a thaobh-eigin ann, gum bi an Rìdire urramaichte *Peel*'s a chairdean air an cur thairis air gnothuichean na dùthcha gun dàil air neo gu 'n sgaoil a' Bhan-righinn a' Pharlamaid.

'Se 's dòcha gu 'n sgaoil i a' Pharlamaid, 's gu'n gairm i air an dùth-aich a h-aon eile thaghadh. Mo thachras so faodaidh luchd nan tighean-òsda, na piobairean, na sgriobhaichean, na maoir 's na Bailli-dhnean a bli bogadhl nan gad ; cha 'n eil latha na h-aimhreit fad air falbh. Bithidh cùntas air a' chùis am màireach no 'nearthra ach 's éiginu do 'n Chuairtear so chur a nochd ro 'n chlò chum a latha fein a sheasamh.

FOCAL SAN DEALACHADH.

Fhuair sinn an litir thuigseach phongail a chuir Mr Iain MacNèill à *Charlotte Town* ann an cilean Phrionns' Iomhair no *Prince Edward's Island*, d'ar n-ionnsuidh, agus na sèa puinnd Shasunnach a' bha inute mar phris enid do na Cuairtearan tha e 'reic air arson.

'S ro-dhuilich leinn nach 'eil c 'nar comas cuid diubh a chur an nasgaidh chum ar cairdean ann an America ; ach so nì nach urrainn duinn a dheanamh. Bha cuid air an cur a mach an nasgaidh feadh Gàidhealtachd na h-Alba, ach cha.b' ann leinn, ach le daoin-naisle ann an Lunnuinn. Chuala sinn gu 'n robh cuid ann an cilean Phrionns' Iomhair agus ann an àiteachan eile sna cearna sin, a' smuainteachadh gum bu chòir dhoibhsan fhaotainn an nasgaidh. Maraon b' fhèarr leinn gu robh so 'nar comas.

'S ann le fior dhnilgheadas a fhuair sinn a mach, an déigh dha bhi tuille 's anmoch a leasachadh, gu'n deach pàirt do 'n àircamh mu dhcireadh a mach air dhòigh clearbaich, aon duilleag far am bu chòir do dhuisseig eile bhi, le coire muinntir a' chlò-bhualaidh. 'Se b' aobhar dha so a' chabhadh a bh' orra chum a chur air falbh do America le luing a bha falbh á *Liver-pool* dà latha 'na dhéigh sin. B' éigin am pasgadh a suas gun na dnill-cagan a bli 'nan àite fein, no a' leantuinn a chéile mar bu chòir dhoibh, 'nuair fhuardhl a mach am mearachd so, cha robin ùinc air a leasachadh gn h-àraidh o nach robh seadhain eile againn stampte, 's e sin seadhain a b' urrainn duinn a chur leis a' phost ;—Ach feuchaidh sinn an cur a nùnn fo chùram cuid do chairdean tha againn anns na h-àiteachan sin, seadhain eile 'n àite na seadhnae ecarbach a dh' shalbh. Chuir a' chùis so anabharra doilichinn oirnn—tha sinn ag iarraidh maitheanais air ar cairdean dealasach ann an America, agus a' gealltainn nach tachair an ni cendna a rithist.

Fhuair sinn litir chàirdcil Mhr Iain Stiùbhart ministeur Baile nuadh Ghlaschu ann am Pictou, America. Mile taing dhàsan agus d'a bhràth-aircan suairee ! Tha sinn da rìribh 'na chomain. Cha 'n cil cléir 'nar dùthach séin, air feadh na Gàidhealtachd uile, a rinn uircad air ar son ri cléir *Nova Scotia*.

Tha CUAIRTEAR NAN GLEANN air son na bhliadhna chaidh seachad, a nis air a chur r'a chéile agus air a cheangal suas mar aon leabhar, agus r'a reic leòsan a tha 'ga chur a mach. Cha 'n eil a nis ach fior bheagan diubh i ra fhaoatainn agus iadsan leis am mail an ceannach, mar a's tràithe chuireas a'd fios orra 's ann a's fèarr.

TRÀTHAN NA GEALACHE.

Mìos A' MHÀIGH, 1841.

Solus làn air a' 5^{mh} là.

Ceithreamh na li-earra-dhuibh air an 13 là.

Solus ùr air an 20^{mh} là.

A' cheud cheithreamh air an 27 là.

MARGAIDHNEAN.

Mairteoil, 6, 7, 8, 9, agus 10 sgillean am pùnnnd.

Muilteoil 8 sgillean.

Laoigheoil 3½ agus 4 sgillean.

Muiceoil 6 agus 7 sgillean.

Buillionn nan 4 pùnnnd 7 agus 10 sgillean.

Min-choirce 21 agus 22 sgillean a' chlach.

Buntàta 4 agus 5½ sgillean a' chlach.

Im-ùr 14 sgillean am pùnnnd.

Im sailt 12 agus 13 sgillean.

Uighean chearc 6 agus 7 sgilleán an dusan.

Uighean thunnag, sgillinn na's daoire na sin.

GLASGOW :

PUBLISHED BY THE PROPRIETORS,

J. & P. CAMPBELL, BOOKSELLERS AND STATIONERS,
63, ARCADE

Edinburgh : M'Lachlan, Stewart, & Co.; Aberdeen : George King; Dingwall : A. Keith; Dornoch : Wm. Muir; Thurso : Mrs Russell; Inverness : J. Bain, & Co.; Dundee : Wm. Middleton; Oban : J. Miller; Paisley : A. Gardner; Greenock : A. M'Iver; Grantown : A. Cumming; Abernethy : D. Gordon; Dunkeld : D. M'Donald; Portree : A. M'Donald; Balachulish : J. M'Innis; Lochgilphead : N. Gillies; Fortwilliam : Lachlan Cameron, writer; Laggan : J. M'Pherson; Port Ellen, Islay : D. Hunter; Portnahaven : Norman M'Lean; Kilchoman : Angus M'Leod; Strontain : D. Cameron; Tirorun, Mull : John M'Donald; Cawdor, Laird : J. Robertson; Ballendalloch : James Grant; Pitlochry : D. Robertson, Fortingall : D. Campbell; Weem : J. Menzies; Alness : D. M'Diarmid; Doune : D. M'Diarmid; Laggan : J. M'Pherson; Barra : A. M'Donald, Esq; Ormsary : G. Ross; Tayinloan : A. Sutherland; Glencarradale : J. M'Dougall; South Uist : A. Chisholm; Tullymet : D. Cameron; Callander : P. M'Kinlay; Balquhidder : J. Carlton; Dunvegan : D. M'Donald; Carbost : A. Cameron; Glendaruel : D. M'Lean; Fort-Augustus : J. Forbes; Stratherrick : J. Frazer; Kilmorack : J. Rose; Easdale : D. M'Intyre; Nova Scotia : Rev. R. Williamson, Pictou; General Agent for North America, John M'Neil Esq. Charlottetown, Prince Edward's Island.



AN LA A CHI'S NACH FHAIC.

CUAIRTEAR NAN GLEANN.

MÍOS-MEADHOIN AN T-SAMHRAIDH.

AN 16th AIREAMH.]

JUNE 1, 1841.

[PRÍS 6 SGILLEAN.

CONTENTS:—The Prophet's Guard, page 91.—London, Westminster Abbey, 93.—The British Dominions, 98.—Deer Hunt, Longevity of Deer, 100.—Upper Canada, 104.—The Heavenly Bodies, reflections on, 107.—Astronomy, Part III., 109.—The Tomb of The Chisholm, 112.—The Drunkard, 113.—Doolan and Redding, Execution of, 115.—News, Parliament, The General Assembly, The President Steamer, Death of General Harrison, 117.—To Correspondents, 119.—Phases of the Moon, 120.—Markets, 120.

FREICEADAN AN FHÀIDH.

SGEUL AIR SON ÒIGRIDH NA GÀIDHEALTACHD.

BHA an òg-mhaduinn a' bristeadh air an t-saoghal, cha b' ann le eadar-sholus fann agus doilleir, le ceotharaich uisge, agus neòil dhubha dhorcha 'siubhal air falbh, agus ciar imeachd na h-oidhche a' gabhlail seachad gu h-athaiseach, mar thachras gu tric san dùth-aich so; ach bha a' mhaduinn a' bristeadh air an t-saoghal mar is àbhaist ann an tir na h-aird-an-eas, gu h-obunn, gu soilleir, gu grianach, gu h-àillidh. Theich an dorchadas gu grad, cha robh leud na boise do neul r'a fhaicinn san iarmailt, agus dh' cirich a' ghrian mhòr gu h-uaibhlreach glòrmhor ri uchdach nan spéur, a' deanamh gàirdeachais 'na neart. Dhùisg sluagh a' bhaile bhig d'am b'ainm Dothan, gu beatha, gu deanadas agus gu saothair.—Thilgeadh fosgailte gach dorus;—thug cuid orra gu mullach nan tighean, agus chìeadh an sin iad ri urnuigh, air neo a' seanachas agus a' conaltradh r'a chéile—ach bha 'chuid bu lionmhoire'nan deann-ruith chum an obair a chur air aghaidh mun tigeadh an latha gu làn-theas. Bha mòran a' siubhal a dh' ionnsuidh nam fuaran a tharruing uisge 'nan soithichibh, agus a' giùlan nan cuinneagan làna dhachaidh air an guaillibh.

VOL. II. NO. XVI.

E

Ach ciod è an sealladh a tha 'm fear ud agus an fear ud eile a léursainn, air a' bheil iad a' beachdachadh le geur-mhothuchadh, agus tha a' dùsgadh an iongantais co mór? Chi mi h-uile fear ag amharc suas chum an t-sléibh gu h-ard osceann a' bhaile! Tha fear agus fear a' tional; tha a' bhuidheann a' meudachadh—tha nis sluagh mór cruinn, agus a h-uile sùil ris an t-sliabh—Sheas iadsan a bha a' siubhal far an robh iad—iadsan a bha 'giùlan an uisge, leig iad an soithichean air an t-sráid, agus sheas iad ag amharc suas chum na beinne.—Faic iadsan a th' aig an tobar, tha an t-uisge 'ruith thairis air beul shoithichean a bha loma-làn o chionn fhada, ach cha'n eil a h-aon 'gan togail! Ciod è an sealladh tha r'a fhaicinn air a' bheinn, a tha mar so a' dùsgadh iongatais co mór, agus air a' bheil gach sùil suidhichte?—Tha an sliabh làn do dhaoine fo airm—thainig cuid diubh ann feadh na h-oidhche, chruinnich iad ann gun fhios, am feadh 's a bha muinntir a' bhaile-mhóir 'nan suain—agus dìreach mar cheò dòmhail a dh' éirich o'n chuan mhór, agus a dh' iadh a suas gn h-athaiseach mu bhroilleach na beinne, tha an sluagh ud fo airm an déigh am baile a chuartachadh.—Amhairc mar is àill leat, deas no tnath, an ear no 'n air, tha gathan na gréine a' deàrrsadh air an sleaghan geura, air an sgiathan loinnearach, agus air an claidhean sgaiteach. Tha carbadan cogaidh làn do dhaoine air an éideadh le lùirichean iaruinn agus clogaidean àrd, air an ais 's air an aghart, air mhire-chatha, o cheann gu ceann do 'n fleachd lionmhòr.

Có iad am feachd mór a bha mar so a' cuartachadh a' bhaile? 'Si so a' cheisd tha 'm beul a h-uile fir—ach cha robh neach air bith deònach air an fhìrinn aideachadh, gum bu naimhdean iad, agus gu 'n dò chuartaich iad am baile chum a sgrios. Cha robh e comasach so a chleith na b' fhaide. Thainig oiteag ghaoithe a sgaoil a mach a' bhratach o'n chrann—bha i'nis a' snàmh sàin t'soirbheas, agus chunnacas gum b'i bratach an naimhdean a bh' intte. " 'S iad ar naimhdean a th'au'n!" arsa gach aon, "ar naimhdean guineach an-iocdhdmhor, 's iad na Sirianaich a th' ann, air tighin a nuas an aghaidh sluaigh Israel!"—Ach e' arson a chuartaich iad am baile beag so?—C'arsou nach do thòisich iad an aghaidh aon do na bailte-móra?—C'arson nach deach iad a mach an aghaidh Ierusaleim no Iericho?—C'arson a thug iad a' cheud deuchainn an aghaidh a' bhaile bligh so?

An sin sheas duine colgarra, gruamach, duaichni suas, neach air nach robh eagal Dé, no suim do mhuinntir Dhé, agus mar so labhair e. " 'S ann do bhrigh gn bheil Elisa a chòmhnuidh ann an so a thainig feachd Shiria nuas 'nar n-aghaidh. Dh' innis Elisa" ars' esan, "do rìgh Israel na bha dol air aghaidh am measg nan, Sirianach, agus nime sin tha iad air teachd chum am baile anns a' bheil an duine so a sgrios; agus thig milleadh agus bàs oirnne agus air ar mnathan agus air ar leanaban: nitear spùinneadh air a' bhaile, thig sgrios buileach air, agus air na bheil ann; agus bidh sinn 'nar tràillean aig righ Asiria. B'e so do glinàth mo bharail, nach feudadh ràthi no beannachadh no piseach, a bli'n lorg an duine so Elisa,"

'Nuair chuala 'n sluagh so, bha iad fo chorruiche mhóir an aghaidh Elisa, oir shaoil iad gur li-è thug an cunnart so air a' bhaile, agus gum b'è ceann-aobhair gach call agus sgrios a bha 'tighin orra.

Air an àm so dh' fhosgail dorus eile, agus b'e sin dorus an fhàidh Elisa.—Thainig òglach an fhàidh a mach le 'chuinneagabh air a ghuaillich a' dhol a dh' iarraidh uisge. Ghabh e iongantas 'nuair chunnaic e an sluagh cruinn, agus dhlùththaich e orra, a dh' fheòraich ciod air an robh iad a' dlùth-bheachdachadh co dian. B' fhurasd' fhaicinn gu'n robh nì-eigin a' cur imcheist agus eagail orra—ach ciod è cha robh fios aige, agus bha 'mhian air fhiosrachadh. 'S gann a labhradh a h-aon diubh ris—dh' amhaire iad air le feirg agus le tàir. "So" ars' iadsan, "a h-aon dinbh, 's feàrr dhuinn a thoirt thairis do làmhan nan Asirianach, agus sinn fèin a thèarnadh."

Chuir so mòran iongatais air an duine—cha b' urrainn da a thuigsinn ciomas a bha iad fo fheirg an aghaidh an Fhàidh. Bha am Fàidh iochdmhor seirceil, caoimhneil, truacanto; cha do dhiùlt e sochair riamh a dheanamh do dhuine thainig g'a iarraidh. Cionnas, matà, a bha iad a nis fo fheirg d' a thaobh? Ann an ùine ghoirid thuig e ciod a bha 'cur eagail orra: chunnaic e am feachd mór a bha 'cuartachadh a' bhaile. Ghabh esan mar an ceudna, eagal, agus chlisg a chridhe an taobh a stigh dheth. 'S gann a bha fios aige ciod bu chóir dha a dheanamh, cia dhiùbh bu chóir dha falbh no fuireach. Mu dheireadh ghoid e air falbh mar neach fo näire, gun uiread 's a chuid cuinneagan a lionadh aig an tobar. Ghabh e dhachaидh chum tigh an Fhàidh gu tróm-chridheach eag-alach, iarguineach. Chaidh e 'stigh do sheòmar an Fhàidh, a' smuainteachadh gu'n robh e fhathasd' na leabaidh, agus mar bu dòcha, 'na shuain.

Ach bha an duine le Dia air éiridh, agus bha fios aig an t-seirbhiseach c'ait an robh e r'a fhaotainn—gu'n robh e, mar bu ghnàth leis, air mullach an tighe a' gairm air ainm an Tighearna Dia a dh' fhair thairis air ré na h-oidhche chaidh seachad, agus a thug air solus na gréine éiridh a rithist air ann an slàinte agus ann an fal-laineachd. Lean e a mhaighstir gu mullach an tighe, agus ann an sin, mar bha fiughair aige, fhuair e an duine le Dia. Bha an seirbhiseach fo bhùaireas mór, air chrith le h-eagal, gun chomhas labhairt, a ghlùinean a'bualadh an aghaidh a chéile, an anal 'na uchd, fiamh a' bhàis le oillt air 'aodann;—am fear eile, a mhaighstir, ciùin, sàmbach, socrach stòlda, air a ghlùinibh ri ùrnuigh, a làmhan paisgte, a shùil ri nèamh, a ghuth iosal stéighichte, a' dórtadh a mach a thaingealachd do Dhia ann an urnuigh dhùrachdaich. Ghuidh e agus dh' asluich e Dia le dian-iarratus làdir, gun fhios gu'n robh duine beò 'ga eisdeachd, gun smuaineachadli gu'n robh cluas eile ach cluas an Ti àrd agus ghlòrmhoir sin a tha ghnàth fosgailte, a' toirt fa' near na bha e 'g ràdh.

Sheas a ghille air a chùl gu glas-neulach, eagallach, gealtach, gun a chridhe bhi aige stad a chur air ùrnuigh an duine naoimh, gus mu dheireadh na stad an duine le Dia. Thionndaidh e agus dh'-fheòraich e gu ciùin "ciod so a mhic a tha 'eur cùraim ort?" An

sin thuirt an t-òglach, "O! m' athair, beachdaich air an t-sliabh" Smuaintich e gu 'n cuireadh an sealladh sin iongantas, agus eagal, agus mùiseag air an Fhàidh mar a chuir e air fèin: ach cha 'n aùn mar so a bha 'chùis; cha d' thainig atharrachadh no caochladh air gnùis an Fhàidh—cha do ghabh esan eagal air bith, ni mò a chinn e glasneulach eagalach. "C' arson," ars esan, "a tha sud a' enr fiaimh ort?" "S ann air do thòir-sa, athair a tha iad, 's tua tha 'dhìth orra, agus tha droch dhaoine a' bhaile-mhóir ullamh gu tuiteam ort, agus do thoirt seachad do làmhan nan Asiranach air a' cheart àm so. Mar bha mi 'siubhal air feadh sràidean a' bhaile, dhearc iad orm le sùilibh feargach colgach, agus bhagair iad aùn an cainnt eagalaich, ag ràdh gur tua, athair, a thug so orra agus air an cloinn; agns bha eagal orm gnm mallaicheadh iad thusa agus Dia Israeil." Ach cha do chuir so càmpar no uamhas air Elisa—bha e co ciùin, shuidhichte's ged nach robh cunnart. "Na biodh eagal ort," ars' esan, "oir is lionmhoire iad a tha leinne na iadsau a tha léo-san." II. Righ vi. 16.

Chuir so iongatas mór air a' ghille; ach cha do labhair e diog. Cha bu léur dhàsan neach air bith air taobh Elisa; dh' amhaire e air an lär a' smuainteachadh leis fèin, "cha'n eil annainn ach dithis, agus tha ar naimhdean lionmhòr trenn."

'S math a bha fios aig an Fhàidh air na smuaintean a bha nis air an dùsgadh 'na inntinn; ghabh e truas dhe—oir bha cridhe an duine naoimh làn do thruacantas. Coma co dhiù, cha d' thubhairt e a bheag ris, ach rinn e ùrnigh air a shon, a' guidhe gum fosgladh Dia a shùilean, agus gu'n saoradh se e o eagal dhaoine. Chuala Dia an ùrnuigh, dh' fhosgail Dia a shùilean, dh' amhaire e, "agus feuch! bha 'n sliabh làn do dh-eachabh agus do charbadan teine mu 'n cuairt air Elisa! Bha feachd air muin feachd a suas gu àirdé na h-iarmait, fhad's a b' urrainn sùil an leantuinn, agus iad uile dlùth d'a mhaiglistir chum freasdal da agus a' dhòn.

Ach có iad so? có iad na h-eichi agus na carbadan-teine? Thà aingiibh Dhia nan dùl.

'S e fèin a rinn na h-aingil fòs
 'Nan spioraid làdir thréun;
 'S e rinn 'nan teine lasarach
 à theachdairean gu léir.

B' iad so freiceadan an Fhàidh—a' choimheadachd naomh a bha mu 'thimchioll. 'Nuair a bha Iacob air an t-slighe, choinnich aingil Dhé e, agus 'nuair a chunnaic e iad, thnirt e, "Se so feachd Dhé;" agus arsa 'n t-abstòl, "Nach spioradan frithealaidd iad uile, air an cur a mach chum frithealadh dhoibhsan a bhios 'nan oighreachan air slàinte?" Agus có 's urrainn a ràdh nach 'eil muintir an Tighearn air an eàrtachadh leò do ghnàth, ged nach urrainn sinn an faicinn le'r sùilibh corparra? Nam biodh Dia air faicinn gu robh so feumail dhuinne, b' fhurasda dhàsan cnmhachdan móra eile thoirt duinn leis am bn léur dhuinn nithe spioradail, agns leis an feudamaid còlas a ghabhail air an t-saoghal spioradail—mar tha sinn

le'r sùilibh 's le'r cluasaibh corporra a' gabhail air an t-saoghal fhaicsinneach so air a' bheil sinn a chòmhnuidh, Tha fuaim agus gleadhraich san t-saoghal so ged nach cluinn iadsan a tha' bodhar e — tha dathan bòidheach so' bhogha-bhraoin ged nach léur leis an dall iad. Nach feud aingil Dhé agus spioradan a bhi m'ar timchioll ged nach d' thug Dia dhuinne air an àm cumhachdan clum an faicinn no an éisdeachd? Tha aingil Dhé a' freasdal d'a mhuinntir féin. A Dhé fosgail sùilean ar creidimh clum gum bu léur dhuinn an dlon a tha mu'r timchioll! O gu'n uidheamaicheadh Athair ar spiorada sinn air son saoghal nan spiorad! Faiceamaid o'n sgeul bheag thaitneach so tha air a thogail air focal Dhé, cia tèaruinte shona 's a tha pobull an Tighearna am meadhon gach cunnairt. Tha Dia 'na bhalla teine mu'n cuairt doibh. Thugamaid an aire gur h-esan ar Dia agus gur sinne a shluagh; cuimhnicheamaid a ghealladhpriseil; ma tha Dia maille ruinn có 's urrainn a bhi 'nar n-aghaidh?

Tha aingil Dhé a' campachadh
mu'n dream do'n eagal e;
'Gam fuasgladh a's 'gan teasraiginn
o'n trioblaidibh gu léir.

Có 's urrainn le làn chreidimh earbsa as a' ghealladh so, agus gach gealladh eile do'n t-seòrsa, nach feud le dealas diadhaidh an t-òran binn buadhdmhor sin eile a thogail?

Ged champaicheadh a'm aghaidh feachd,
cha'n eagal le mo chrìdh';
Ged dh' éireadh cogadh 'm aghaidh fòs,
air m' anam geilt cha bhì.

CÙNNTAS AITHGHEARR AIR LUNNUINN.

EARRANN II.

AN ABAID MHÓR. (*Sa' Bheurla Westminster Abbey.*)

THA e air a ràdh gu'n robh tigh-aoraidh far a' bheil an aitreamh eireachdail so air a càramh, eadhon o linn nan Abstol; agus tha sean eachdraidh, ach cha 'n eil sinn a' cur mòran earbsa innte, ag ràdh gu'n robh an Abaid so air a coisrigeadh leis an abstol Peadar féin: ach blia 'h-uile clach do'n t-sean eaglais sin air an togail air falbh, agus bha an eaglais mhór a tha nis an so, air a cur suas leis an rìgh iomraiteach sin *Edward the Confessor*, mar tha e air ainmeachadh ann an eachdraidh Shasunn. Chosd e anabharr òir agus airgid an togail na h-eaglais so: thug e an deicheadh cuid do na bh' aige féin air aghaidh an t-saoghal, chum na h-oibre so. Chriochnaicheadh i sa' bhliadhna 1065. Tha dlù air ochd ceud bliadhna nis o'u àm sin. Chaochail an rìgh a thog i, seachduin an déigh dhi bhi air a fosgladh agus air a coisrigeadh; agus thiodhlaiceadh e le àrd urram agus ghreadhnácas fo chobhan lic na h-

altarach; agus anns an aite cheudna tha 'chuid bu mhò do rìghribh nan linn sin air an càramh.

'S ann a stigh san eaglais so bha rìghrean Bhreatunn gu léir air an crùnad; ach a h-aon; agus 's ann ann a chaidh a' bhan-rìgh òg a tha nis thairis oirnn a chrùnad mar an ceudna.

Tha an eaglais eireachdail dhreachmhor so air a togail air chumadh crois; tha i ceithir cheud agus sèa deug do throidhean air fad, dà cheud agus trì troidhean air leud, agus tha 'n tùr dà cheud agus tri-troidhe-fchead air àirde. Bha i air a cumail suas o linn gu linn le rìghribh Shasunn, anns an òrdugh a b' fhèarr; ach thog rìgh Eunraic an seachdamh eaglais r'a taobh, nach eil a leithid r'a faicinn air an t-saoghal, air son obair shnaighe agus chlachaireachd, agus àilleachd do gach seòrsa.

Tha an Abaid mhór fosgailte a h-uile latha, agus cha chosd e ach còigsgillean-déug gach nì tha innte fhaicinn; agus da rìribh 's airidh e air beachd gach aon; b' fhiach do dhuine dol air bonnabh a chas suas fad an rathaid do Lunnuinn g'a h-amharc. Cha 'n eil e comasach cùnntas ceart a thoirt air an aitreabh eireachdail aosmhòr so—ghabhadh so leabhar, agus cha bu leabhar beag. Cha tuig neach nach do sheas riabh air ùrlar na h-eaglais so na smuaintean àrda, stòlda, faodaidh mi a ràdh tòrsach sùdhichte, tha air an dùsgadh san anam le gach nì tha r'a fhaicinn innte.

Am measg gach nì iongantach eile tha r'am faicinn innte tha a' chlach ainmeil sin air an robh móran do rìghribh na h-Eirionn agus na h-Alba air an crùnad, agus a thugadh a suas á h-Albainn leis a'cheud rìgh Iomhar. 'S iomadh sgéul tha air innseadh mu dhéibhinn na cloiche so. Tha cuid ag ràdh gur h-i a' cheart chlach, air na leag Iacob a cheann san oidhche sin sam fac' e am fàradh suas gu nèamh, agus aingle Dhé a' direadh agus a' téarnadh air. Thainig i o rioghachdabh na h-aird-an-Ear do dh-Eirinn, agus thugadh á sin i do Ghàidhealtachd Albuinn; bha i fada ann an Dunstaithinis. 'S ann oirre chaidh Fearghus, ceud rìgh Albainn a chrùnad. Tha i air a suidheachadh ann an seana chathair mhóir, agus da rìribh, 'nuair a shuidh sinn oirre, dhùisg iomadh smuain 'nar n-inntinn.

Ach 'se an nì tha 'fagail na h-Abaid mhóir so co ainmeil, agus 'tha 'toirt co liughad aon g'a h-amharc, gur i cladh mór rìghrean, mhorairean àrda, fhlathaibh urramaichte, sgoilearan, shaighdearan, mharaichean ainmeil, air am bheil iomradh againn ann an eachdraidh na rioghachd. Tha 'chuid a's mò do na daoine iomraiteach so mu 'bheil sinn a' leughadh ann an eachdraidh Bhreatunn, air an tiodhlacadh an taobl a stigh do bhallachan aosmhòr an tighe so, agus carraighean-cuimhne dreachmhor thairis orra, air an snaigh-eadh as a' mharmor a's gile, agus leis an luchd-oibre a's innleachdaiche anns gach cearn do'n t-saoghal. Cha'n urrainnear an ainmeachadh fa leth—tha na ceudan, seadh na miltean ann is airidh fhaicinn agus ainmeachadh.

Tha lag a's làidir, beag a's mór
Co' shìnte 'n so le chéil'

Tha naimhdean sàmhach taobh ri taobh,
A's luchd na comhstri réidh.

So a' cheart smuain a dhùish 'nar n-inntinn mar sheas sinn aig
uaigh ban-righ Ealasaid Shasunn, agus a' bhan-righ Muire againn
fein a chuir i gu bàs—Uilleam Pitt agus Tearlach Fox taobh ri
taobh—sgoilearan ainmeil a bhà 'caineadh a chéile 'nan latha fein,
an so tosdach balbh, a' cadal san aon ùir; agus da rìribh 's truagh
leinn neach is urrainn seasamh air na leaca-lighe so fein, gun
smuaintean àrd a bhi air an dùsgadh. Tha Newton, an sgoilear a
b' ainmeala bha air aghaidh an t-saoghal, Inchd-riaghlaidh na
rioghachd 'o àm gu h-àm, ceannardan airm Bhreatunn a thug
buaidh anns gach blàr agus cogadh air feadh an t-saoghal, ainme-
annan air an robh sinn eòlach an àm ar n-òige, gach filidh agus
aòsdana, gach diadhair urramaitche—ann an aon fhacall, a h-uile
h-aon a b' iomraitiche na chéile o chionn ochd ceud bliadhna, tha
iad an so an suain a' bhàis. Ma tha àite air thalamh tha na's
cumhachdaiche na àit eile chum tróm shoilleireachadh a thoirt do
duine air amaideachd agus faoineis glòir an t-saoghal so, 'se so
an t-àite. Si so sgoil na h-irisleachd agus a' ghliocais! 'S ann
an so tha buaidh Righ-nam-fiamh air a leigeil ris. Tha iomadh
gaisgeach 'na luidhe san àite so, ach tha esan, gaisgeach an eagail,
a' riaghlaidh an so. Tha an eaglais so mar àit aige anns a' bheil e
a' leigeil ris a chumhachd—ann an so tha e 'tilgeadh tair air
mòrehuis agus glòir agus greadhnachas rìghrean! 'S ann a stigh
an so a chì sinn cia faoin an ni uaill na beatha! cia suarrach clù
dhaoine, ainm àrd—amaideachd nan amaideachd!

'S beag suim an diugh do dh-ùir na feadhnaich so sig an robh
rioghachdan aon uair fo'n smachd! Tha no h-eachdraidhean a bha
air an deargadh air an uaighean an déigh tuiteam gu h-ùir—cha'n
urrainnear eadhon ainmeannan nan daoine móra air son an do
thogadh iad a leughadh—tha an cuimhne agus an eachdraidh air
dol seachad, díreach mar gùm biodh iad air an sgriobhadh air
gaineamh mhín tràigh a' chladaich. Tha cuid do na togalaichean-
cuimhne bu dreachmhoire san àite so air tuiteam gu smùr! Agus
igidheadh tha daoine eile a' strìgh gu aium àrd a chosadh, agus
uaigh fhaotainn san àite so am measg muinntir urramach na talm-
hainn, anns a' bharail ghòraich ged dhìchuimhnichear càch, nach
leigear an cnimhne fein ga dilinn an dìchuimhn! Tha cuid an
so a chaochail o chionn seachd ceud bliadhna, cuid o chionn inhlòs;
ach air an aon latha, éiridh iad uile suas le chéile! C' àit a' bheil
ciste-mhairbh nan rìghrean uaibhreach sin a thòg barrachaoil na
h-Eiphit mar àiteachan tiодhlacaiddh dhoibh fein? Tha an ùir
air a sgapadh a mach air coithir ghaothaibh nan spéur, agus an
cisteau-mairbh air an giùlan do thigh nan iongatas mi Sasunn!
Tha na h-uaighean agus na h-àiteachan tiодhlacaiddh a's costala
air a' bheil cùnntas ann an eachdraidh an t-saoghal, 'nan làraichean
briste, air spealgadh as a chéile, gùn fhios cò thog iad! agus an
saoil sinn nach éirich an nì ceudna do'n Abaid mhóir sin air a'
bheil sinn a nis a' labhairt. Tha 'n t-àm a' tighin 'nuair thuiteas i' na

smùr gu làr—an t-àm 'nnair nach bi fuaim an orgain àrd—téis nan clag—ceileadaradh nan Salm, r'an eisdeachd innse! An àite sin bidh a' ghaoth le moumhur tòrsach r' a h-éisdeachd air feadh a làraichean briste—bidh a' chomhachag bhrònach thiamhaidh a' togail a crònain mhuladaich air a' chloich a's àirde dhi—bidh an eigheann uaine a' dìreadh suas ris na ballachan briste—bidh an eauntag, lus nam ban sìth, meuran nan cailleach marbh, a' fàs am measg nan leacan briste!

Mar so tha mac an duine, gloir an t-saoghal so, agus gach greadhnachas cruthaichte a' seargadh as, agus a' dol seachad—tha 'eachdraidh agus a chuimhne mar sgeul a dh' innseadh!

RIOGHACHD BHREATUNN.

'Si so an rioghachd a's cumhachdaiche tha air uachdar an t-saoghal mhóir. Ma bheacbdaicheas sinn air dealbh an domhain, 's gann a' clitear an t-eilean beag ris an canar Breatunn—tha e mar dhùrdan faoin, mar sgeir bhig air druim a' chuain mliòir; air a chuartachadh le rioghachdan co farsning 's nach ionndraicheadh iad meud an eilean so ged robh e air a ghoid á cirb dhiubh. Ach ged tha an t-eilean fèin beag agus snarrach ri amharec air, thug an Tighearna dha ainm agus uachdranachd agus cumhaichd, nach d' thugadh do dh-aon dùthaiich no rioghachd eile air a' bheil eachdraidh, Ged tha 'n t-eilean so beag, 's iomadach eilean mòr agus dùthaiich fharsuing a bhuineas da; agus tha na dùthchannan a bhuineas da na h-uile latha 'dol am mendachd a thaobh sluaigh agus beairteis. O chionn cheud-gu-leth bliadhna cha robh sluagh Breatunn, agus gach eilean agus cearn a bhuineadh dli os ceaun seachd muillean air àireamhl. O chionn leth-cheud bliadhna, bha uachdranachd aig Breatunn thar tri-fichead-muillean sluaigh; agus air an am-sa tha dlù do dh-ochd-cead-muillean do shluagh, (800,000,000) ag aideachadh uachdranachd, agus fo riaghlaidh na dùthcha so! So àireamh a tha duilich do'n inntinn a thuigsinn.

Tha ann an Sasunn agus Albuinn ceithir fichead agus ochd mile do mhiltean ceithir-chearnach, (88,000) gach aon dinbh so mile air fad agus air leud; ann an Eirinn deich-mile-fichead (30,000) mile do'n tomhas cheudna; ach faiceamaid farsuingeachd nan dùthchannan, agus lionmhoraichd an t-sluaigh a bhuineas do Breatunn. Tha againn.

| | Mìltean ceithir chearnach. | Aireamh Shluagh. |
|-------------------------------|-------------------------------|---------------------|
| San Roinn-Eòrpa | 120,800 | 28,000,000 |
| Ann an Africa | 200,000 | 400,000 |
| — Asia, na h-Innsean an Ear . | 1,000,000 | 140,000,000 |
| — Australia | 1,500,000 | 500,000 |
| — America mn thuath . . . | 3,000,000 | 2,000,000 |
| — Innsean na h-airde 'n iar . | 10,000 | 1,000,000 |
| — America mu dheas . . . | 120,000 | 100,000 |
| | | |
| An t-iomlan | 15,950,000 | 172,000,000 |

Cha'n eil cànan air a labhairt air aghaidh an t-saoghal le uiread do shluagh 's a tha a' Bheurla. Tha i a' sgaoileadh o latha gu latha air feadh an domhain. Tha iad ag innseadh dhuinn gu bheil i air a labhairt air an àm le leth-cheud millean (50,000,000).

Faodar a ràdh gur i Breatunn ceardach, àit-oibre, agus bùth, an t-saoghal. 'S anu au so tha àireanh mhór do shluagh an domhain a' faotainn an aodaich agus gach goireis—agus tha beairteas an t-saoghal air a ghiùlan do'n rioghachd so. Tha iomadh cainnt eile air a labhairt anu an rioghachdan a tha 'g aideachadh uachdranachd Bhreatunn. Tha iomad seòrsa cànan diubh so nach urrainnear innseadh; ach bheir na leanas seorsa do bheachd dhuinn air cuid diubh.

Aireamh shluaign.

| | |
|--------------------------------------|------------|
| Tha a' labhairt na Cuimric | 500,000 |
| na Cànan Mhanainnich | 20,000 |
| na Gàilig Albuunaich | 250,000 |
| na Gàilig Eirionnaich | 4,000,000 |
| na Beurla | 31,000,000 |
| na Cànan Dùidsich | 200,000 |
| na Fraingis | 50,000,000 |
| na Cànan Spàinnich | 70,000 |
| na Portuguese | 200,000 |
| Cànan na h-Eadailte | 200,000 |
| Cànan nam Maltese | 100,000 |
| na Gréigis | 50,000 |

a thuilleadh air mòran do chànanibh tha air an labhairt ann an cearna far nach d' fhuaradh cothrom air an t-sluagh aireamh, ann an Africa—Arabia—China—na h-Innsean—Australia—tìr nam Malays—agus America mu dheas agus mu thuath.

Cha'n eil e comasach cùnnatas pongail a thoirt air gach seòrsa aidmheil agus creidimh, agus gach gnè iodhol-aoraidh, fa leth, a tha air a' cleachdadhbh anns gach ceann a bluineas duinn. Cha mhór nach 'eil na seòrsachan creidimh co lioumhòr ris na Cànainean. Ainmichidh sinn cuid dinbh :

Aireamh shluaign.

| | |
|--|------------|
| Tha ag aidmheil creidinh Easpuigeach Shasunn | 15,900,000 |
| Eaglais na h-Alba | 3,000,000 |
| a' chreidimh Phàpanaich | 10,000,000 |
| Ghrèugaich | 6,000,000 |
| Iùdhaich | 20,000,000 |
| Mhalomedanaich | 15,000,000 |
| Creidinh Innseanach nam Bramins | 90,000,000 |
| Parsees | 36,000,000 |

ach tha iomadh seòrs 'eile ann a bharrachd air na dh' ainmich sinn.

Tho teachd a stigh, no a' chìs tha Breatunn a' togail, os-ceann ceithir fichead millean (£80,000,000) punnd Sasunnach sa' bhliadhna; agus costas, no fiachan na rioghachd dlùth do cheud

muillean (£100,000,000). 'Nuair a thainig an cogadh mòr mu dheireadh gu crich, bha aig Breatunn sèa-cend agus da-fhlichead mile fear (640,000) fo armaibh; agus bha muillean fear fo armaibh ann an pàigheadh Bhreatunn, air feadh an t-saoghail. Tha dlùth do mìle long-chogaidh agus do gach seòrsa, againn air a' bheil naoi fisheadh mìle (180,000) sedlàdair. Tha aig a' chuideachd mhòr Innseanaich amhàin, tri-ceud mìle (300,000) fear fo armaibh.

Bheir so seòrsa do bleachd dhuinn air cumhachd uamhasach Bhreatunn. O l nach mòr a tha aig an riogachd so ri freagairt air a shon do Dhia? Thug Esan dhuinn uachdranachd agus ceannas thar nam miltean de shluagh—tha beairteas an domhain mhóir air a ghiùlan d'ar calachan—tha luingis Bhreatunn a' snàmh air gach fairrge, agus a bratach bhuadhor a' srannraich 's gach gaoth tha séideadh. Cha'n eil a' ghrian a' dol fodla air na dùthchannan a bhuineas duinn; cha lnaithe tha i 'dol fodha air aon chearn do ar rioghachd na tha i 'g éiridh air cearn eile! C'arson a thug Dia dhuinn a leithid do chumhachd agus do dh-uachdranachd, mur h-ann chum 'ainme féin, agus an t-Slànuigheir a chuir e uaithe, a dheanamh aithnichte anns gach àite? Rinn Breatunn móran, ach tha móran fhathast gun deanamh.

THOGAINN FONN AIR LORG AN FHÉIDH.

A Chuairteir rùnaich,

Fhuair mi ur litir, agus bha sodan air mo chridhe 'nuair thuig mi nach do dhìchuimhnich sibh Ailean-na-Beinne. 'S minic a ghiùlain mi sibh air mo ghuaillich, 's a dh'innis mi dhuibh sgeul mu thìr nam beann. Tha mi nis aosmhòr, osceann ceithir fishead bliadhna; ach tha mo thùr 's mo thoinisg agam, mo chiall 's mo mheodhair mar a bha riamh; tha da riribh a' cholunn air fàs breòite, ach tha 'n inntinn beothail, togarrach agus ait. Cha dirich mi bruthach 's cha siubhail mi möinteach, tha mo cheum goirid, agus is beag a bheir an anail do'n uchd; ach tha mo chridhe fhathasd sa' bheinn, agus aisling na h-oidhche am measg nan stùcan àrda—dùisgidh an smior a'm chìnàmhan aosmhòr 'nuair chlninneas mi "tailmrich dhos a's chon, a's shreang;" 'S minic 'nuair shuidheas mi ri gréin tra nòin, fo dhuhhar a' bharraich, no a'm shìneadh air na neònain àillidh, thig cuimhne nan làithean a dh' fhalbh mar aisling na h-òige air m' anam.

"'N sin chì mi ar leam an gadhar
A leanadh mi anmoch a's moch;
'S na sléibh bu mhiann leam bhi taghal,
'S na creagan a fhreagrach do'n dos."!

Bha mi fhìn còrr agus da-fhlichead bliadhna 'm fhorsair aig Mac'ic-Alasdair, agus bha m' athair, agus 'athairsan 'nam forsairean maraon, air chor 's gur dù dhomh seòrsa do dh-eòlas a bhi agam air eachdraidh nam fiadh agus faoghaid nam beann. Fiachaidh mi na ceistean a chuir sibh orm 'nur litir a fhreagairt mar a's fearr is urrainn mi.

A thaobh na h-aois a ruigeas cuid a dh-fhéidh 's duilich labhairt gu poncail. 'Si mo bharail fein o na chnala mi o dhaoine fiosrach mu dhéibhinn so, agus o Mhac-ic-Alasdair féin, a tha eòlach air each-draidh nam fiadh anns gach cearn do'n t-saoghal, gu bheil cuid diubh a' ruigsinn aois mlior. Tha làn-dearbhadh againn gu'n robh cuid diubh ann am frith Athull agus Ghlinne-garaidh, a bha ceithir fichead bliadhna, agus os a cheann; agus tha daoine eòlach ag ràdh gu 'n ruig iad sèa fichead no seachd fichead bliadhna! Annas a' bhliadhna 1826, bha Mac-ic-Alasdair le moraire Dhùinmhóir a' sealg air Tórr-na-corra, agus ghrad leum damh mòr cròcach a mach as a' choille. Loisg Mac-ic-Alasdair air, agus thuit e. 'Nuair ràinig iad e fhuaradh comharra-cluais àraig air. "Thig an so," arsa Gleannagara ris an fhorsair, "agus innis domh ciod an comharradh cluaise th' air an damh so." "So," arsa 'm forsair "comhiarra'-cluaise Eóghain-ínhic-Iain-Oig; bha cóigeart a làthair a thairg am moraire thoirt an so." B'e Eóghan-mac-Iain-Oig forsair ainmeil a chaochail ceud-gu-leth bliadhna roi 'n àm sin. Tha cabair an fhéidh so air an gleidheadh ann an teaghlach Mhic-ic-Alasdair gu ruig an latha diugh.

Tha iomadh eachdraidh eile do 'n t-seorsa cheudna againn 's cha 'n eil teagamh nach cuala sibh féin na sean fhacaill Ghàilig do thaobh so, mu aois an fhéidh

Tri aois coin, aois eich ;
Tri aois eich, aois duine ;
Tri aois duine, aois féidh ;
Tri aois féidh, aois firein ;
Tri aois firein, aois craobh-dharaich.

Sin agaibhse barail nan daoine 'dh 'fhalbh, agus cha bhreugaicheadh an sean fhocal. Tha fios cinn teach gu'n robh aon agh geal ann am fàsach Lochréig fad chuimhne thrì linntean. Bha uile shealgairean na dùthcha eòlach oirre. Bha i co geal ris an t-sneachda, ach co furachail sheòlta 's nach d' fhuaradh riabh urchuir oirre; agus tha eachdreibh air damh a' mhonaidh liath 'am Bàideanach air na loisgeadh leis na sealgairean a b' fhearr cuimse chaidh do'n bheinn, fichead agus fichead uair, agus dh' fhairtlich orra fuil a tharruig as. Fad leth-cheud bliadhna bha muinntir na dùthcha sin eòlach air; agus 's iomad duine tapaidh a chaill cadal na h-oidhche agus craicionn nan cas air a thòir, gus mu dheireadh an do leònadh e le duin' uasal a Chlann Dòmhnuill; thuit e, ach coma co dhiùbh, dh' éirich e, agus thàr e as. Deich-bliadhna-fichead 'na dhéigh sin, mharbhadh a' cheart danh so bràigh Bhàideanach, agus fhuaradh am peileir a chuireadh ann leis an Dòmhnuillach deich-bliadhna-fichead roimhe sin 'na ghualainn! Cha b' urrainn do dhamh mór a' mhonaidh liath bhi fo sheachd fichead bliadhna dh' aois. B'e an damh bu truma chunnaic mi riamh air a mharbhadh aon a thuit fo làimh Mhic-ic-Alastair féin, a bha deich-clacha-fichead—ach 's fiadh math a thig osceann scà-clacha-deug.

Tha sibh a' feòruich mu na coin a b' àbhaist a bhi aca ri linn m' òige, a ruagadh nam fiadhl, miolchoin air neo Gadhair, oir b'e 'n t-aon seòrs' iad. Bha na miolchoin ann ri linn Fhinn Mhic Cumhaill, mar thuirt Oisean :

Chluinnte fuaim nan arm 's gach ceum,
Meaghail mhiolchon cleasadh àrd.

Tha na coin, no na gadhair fhiadh so mór làdir, anabharrach luath misneachail; cha'n eil an seòrsa so nis furasd' fhaotainn—ach b'eireachdail iad ri ainharc orra :

Sud mar thaghadh Fionn a chù,
Sùil mar àirneig, cluas mar dhuilieig,
Uchd mar ghearran, speir mar chorran
'S an t-alt-lùthaidh fad' o'n cheann.

Tha fios cinnteach againn gu 'm b' àbhaist doibh le gadhair làdir na féidh a shealg o shean, gun bhogha-snigheid no idir acuinn theine— Tha sibh fein, a Chuairteir, na's eòlaiche na mise air eachdraidh na rìoghachd, anns a' bheil sinn a' leughadh gu'n deachaidh Ban-righ Ealasaid a mach a shealg sa' bhliadhna 1595 ann am frith fharsuinn shuas an Sasunn, le miolchoin, agus gu'n do mharbh iad sèa-daimh-dheug gun saighead gun urchair. Cha'n eil seòrsa madaidh idir ann a's misneachala na miolchu an fhéidh, do'n t-seòrsa cheart. Tha'n seòrsa so nis duilich fhaotainn; tha corr flear, tha iad ag ràdh, ann an Eirinn agus an Sasunn; agus theagamh gu bheil air an àm mu thuaiream deich no dusan diubh ann an Albuinn. 'S dòcha gu bheil an seòrsa 's firinniche 's a's fearr dhiubh so a nis r'a fhaotainn ann an Oronsa aig Captein MacNéill, oighre òg Cholonsa, agus tighearna Ghiogha. 'Se's ainmean dhoibh sin Busgar agus Bran, dà mhiolchu gun an coimeas san rìoghachd. Cha'n eil fhios 'am an cuala sibh riabh sgeul tha fios agam tha fior mu dhèibhinn an dà mhadaidh thréin so. Mu latha Lùnasdail sa' bhliadhna 1835, 'se sin o chionn sèa bliadhna, chaidh uaisleean òg o Cholonsa do cheann-uachdrach Dhiùra a shealg fhiadh. Bha iad ann seisear shealgairean, sgioba bàta, Douncha MacCarmaig am piobaire, agus Fionnlà còir, am forsair. Ràinig iad Diùra san anmoch air feasgar àillidh; dhìrich iad a suas uehd na beinne, agus aig bun cas-chraighe ard, bha dorus uamha mhór dhomhain far an deach iad a stigh a chur na h-oidhche seachad fo fhasgadh. Las iad gealbhan cridheil do chonnadh tioram —sgaoil iad raineach a's luachair, 's am fraoch badanach donn air na shuidh iad fhad's a bha lòn an anmoich 'ga dheasachadh. Thog am piobaire suas port, agus fhreagair Mactalla o mhile creig. Gu liosail aig an tràigh bha a' bhirlinn leis an sgioba, an cuan mór a' sgaoileadh a mach uapa, fiath nan ian air, agus gidheadh chluinnteadh an 'onfha' thróm. Bha a' chorra-ghriobhach agus an guilbneach a' sgriachail o chraig gu craig—chluinnte géum nam bà shios air an t-srath bùirich nan tarbh—fead a' bhuachaille—agus gu h-ard sa' chreachuin, langan an fhéidh. Chaidh na sealgairean gu tàmh, an déigh dhoibh an lòn ithe, a dheasaicheadh dhoibh leatha-se nach do leig le sgioba bàta Colonsa fhàgail riabh gun an cliabh làn. Chaidh an t-slige chreachainn mu'n cuairt—chluich Donncha MacCarmaig cuairt an anmoich—thilg gach aon e féin air an fhraoch 'na bhreacan, agus bha iad 'nan suain—mar bha am fiadh cabrach donn mar an ceudna 'na

leabaidh luachrach, gun fhios gu'n robh Bran agus Busgar co diùth. Fada mun d' éirich a' ghrian air Beinn an Oir, bha Donncha piobaire aig beul na h-uamhla; thog e caismeachd Chlann-Néill, 's bha h-uile h-aon air bonn. Thug cuid an tràigh orra gu snàmli—thug cuid am suaran orra gus iad féin a nigheadh ann an uisge glan nam beann—thòisich càch air an lòn-maidne 'sgaoileadh a mach, 's cha robh sin fada 'ga ghabhail. Thugadh a mach na gadhair, a bha air lomhainn, ach cha bhlaiseadh iad greim ged nach d'ith iad a bheag o mhaduinn an latha chaidh seachad, co togarrach iasgaidh 's a bha iad air an t-seilg, agus fios math aca c' àit an robh iad a' dol.

"Thog a' chuideachd orra 'n àird ri uchd na beinne—bha 'mhaduinn àillidh—a' ghrian ag èiridh gu dearg glòrmhor san aird-an-ear—an ceò ag èiridh air an leacainn—mullach nam beann fhathast a' támh anns na neòil—an fheadag a' feadraich o thóm gu tóm, agus an coil-each-fraoich a' goguil le h-iongatas có iad na coigrich a bha co tràth air an araoen.

"Ràinig iad guala ard, o'n robh sealladh farsuinn air a' choire gu h-losal—dhlùthraig iad gu fòil athaiseach air craig—ghabh iad a' ghloin'-amhairec, ach cha robh fiadh san t-sealladh. Thionndaidh iad gu àit eile, a' leantuinn Fhiounlai mar thogair e an treòruchadh. Bha esan ag imeachd romhpa—cha robh diog air a labhairt—Mu dheireadh stad Fionnlaidh—sméid e orra stad far an robh iad—leig e e féin air a bheul 's air a shròn air an raon, ag iadhadh mu thimchioll uchdaich a bha roimhe air mhàgaran, air a lamhan 's a chasan, gun ad gun bhoineid. Tharruing e air ais agus smèid e orra—lean iad e gu h-athaiseach faicilleach, eadar seasamh agus falbh air mhàgaran: chunnait Fionnlaidh cròc eadar e 's faire, ach cha robh sùil ann a thog e ach a shùil féin. Dh' amhairec na h-uaislean leis a' ghloine mar a dh'iarr e orra 's iad 'nan sineadh air an làr, agus mu dheireadh mhothuich iad damh mòr cabrach, donn, 'na luidhe air tolman rainich, agus a chròcan ard a suas, e 'cnàmh a chir agus ag amharc mu'n cuairt da le sùil fhurachail. Theirinn na sealgairean gu aigeal a' għlinne, air slighe air an robh iad air an cleith o'n fhiadh—lean iad Fionnlaidh o àite gu h-àite 'romh ainar aibhne—romh mhòintich—romh choille—romh fhéithean agus bhoglaichean, a' seasamh air uairibh 's a' màgaran air uairibh eile, gun smid á beul. Ràinig iad àite far an d'iarr Fionnlaidh orra stad. Chaidh e féin air aghart gu furachail—luidh e air an fhraoch, agus shlaod e e féin air aghart mar gum biodh e 'tolladh a stigh ann an àite cumhann aimhleathan—leag e a smig air an làr, cùl a chinn r'a dhruim, 's a shròn gu h-àrd san t-soirbheas—sméid e orra dlùthachadh. Cha b'e nis an fħala-dhà Bran 'us Busgar a chumail air lomhainn—cha b'i h-uile h-iall a chumadh iad. Ràinig iad an t-àite. "Fuasgħalibh na coin!" arsa Fionnlaidh e 'g éiridh. Għrad chunnaic sinn am fiadh! bha e 'deanamh a chas, sħeas e mu thri fishead céum o'n àite 'n robh iad, agus dhlù-bheachdaich e orra 'n clàr an aodainn, ach għrad thionndaidh e uapa agus thàr e as. Leig iad Bran 'us Busgar 'na dhéigh, thog iad iolach bhrosnuchaidd, agus shin iad air! A mhic chridhe, 's ann an sin a bha 'n sealladh—a chròcan cabrach air a dhruin, a chuinnean fosgħilte ri spéur, 's e 'cur nan con gu dulan. Dħirich na sealgairean an cnoc a b' airde a dh'

fhaotainn seallaidd air an fhaoghaid. Thug am fiadh air chum na beinne; ach cha deanadh sin féum; phill e gu leathad o choire gu 'coire, o ghleann gu gleann, suas bealach-nau-agh, a stigh ro'n àiridh-ghlais, a mach gu sgàirnich na gaoithe. Sud iad sios a rithist gu iochdar a' ghlinn mhóir, 's a nùnn gu taobh a' cheart chnuic air an robh na sealgairean 'nan seasamh. Thogadh a rithist iolach ard a bhrosnuchadh nan con! Bha iad a nis dlùthi aig a shàil. Ghabh e gu Creag-nan-gobhar far na sheas e tamull—bha sgàirneach clreagach fodha, ach cha robh àm stad—sios ghabh e air a mhàsan, clachan 'us gainmheach a' tùirleadh gu fuaimneach 'na dhéigh. Ràinig e 'n còmhnard—ach ma rainig bha na deagh choin dlùth—Bran 'us Busgar cùl a shàlach—ach faic! tha grabadh air tighin air—tha Bran an sàs, crochte r'a shliasaid—tha e 'ga shlaodadh 'na dhéigh ach có sud eile? an cù gleusta Busgar, thng e dui-léum seachad air Bran, agus bha e ann am broilleach an fhéidh, le greim-bàis aige air gu gramail teann 'na sgornan. Bha nis an dà ghadhar crochte ris, ach shlaod e leis iad! Bu shoilleur cia dhiùbh gu'n robh e 'fàilneachadh—thuislich e—ach ghrad dh' éirich e 'rithist, a' gearradh leum le langan gearanach—Fadheòidh thuit e, car mar char 's cha d' éirich tuille, 's an dà mhiotchu thréun air 'uachdar.

'Nnuair a ràinig na sealgairean far an robh e, fhuair iad marbh e gun sgrid, a h-aon d'a chasan as an alt, agus a sgòrnán air a ghearradh o thaobh gu taobh. Bha na coin 'nan sìneadh air an réilean a' plosgadh gu tróm, air an claoih gu buileach 's cha b' iongatach è; ach 'nuair a thòisich nà daoine air an fhiadh a laimhseachadh, theab iad a bli 'n sàs annta a thiota, agus b' eiginн an cur air lomhainn 's an iall earbsadh ri Fionnl.

Chàirich iad am fiadh air guaillibh nan gillean—shíeid Donnchadh a' phìob, agus ghabh iad an t-slighe bu ghiorra dh' ionnsuidh na h-uamha. Chaidh am biadh 's an t-slige mu 'n cuairt—thug iad an sin an cladach orra—dhùisg fanna sgar teil do ghaoith 'n ear, sgaoil iad na siùil gheala—chuireadh a mach na ràimh fhada righin, thogadh an iorram shùrdail, agus ann an trì uairean an uaireadair ràinig iad tràigh bhàin Cholonsa; agus mur robh oidhche shùnnadach aca ag innseadh eachdraidh na seilg, luathas agus treuntas Bhrain agus Bhusgair, tha mise meallta.

Ma chaomhnar mi cuiridh mi litir no dhà d' ur n-ionnsuidh mu shealg an fhéidh, agus cuid do na chuala 's a chunnaic mi a'm òige an tìr nam beann.

Air an àm, slàn leibh! a Chuairteir rùnaich.

'S mi ur caraid dileas

AILEAN RUADH NA BEINNE.
Forsair Ghlinne-Garaidh.

UPPER CANADA.

CANADA UACHDARACH.

Tha do dh-iomradh air imrich do 'n tìr so 's gu bheil e iomchuidh na h-uile fiosrachadh a thoirt mu déibhinn a tha 'nar comas. 'Si

'cheisid tha mhiann oirnn air an àm a chur agus a fhreagairt mar a's fearr is urrainn duinn, ciod an seòrsa dhaoine's freagarraiche chum, dol a mach do'n tir ùr so, a rèiteachadh nan coilltean, agus air tòir dachaidh?

Freagraidh sinn a' cheisid air tùs le ràdh, gur luchd-cosnaidh ann an aird an làithean, daoine òga lùthor làidir, eusgaidh sunndach, an t-aon seòrsa's freagarraiche agus a's cinntiche air soibheachadh: daoine's urrainn an làmh a chur ris gach obair a thig san rathad, agus is urrainn cur suas le iomad cruadal agus amhrath sa' cheud dol a mach. Tha iad so cinnteach á cosnadh math fhaotainn, leis nach e amhàin am faod iad féin agus an teaghlaichean a bheathachadh gu cothromach, ach leis am faod iad, ma tha iad féin dichiollach stuama, beagan o àm gu h-àm a chur cùl an làimhe leis an ceannaich iad fearann saor. Mur ruig iad air beairteas, tha iad gun teagamh air bith, cìnnteach air deagh chothlrom,—pailteas r'a ithe, 's na's leòir airson gach seas-gaireachd a b' urrainn luchd-cosnaidh iarraidh, agus nachl b' urrainn doibh gu bràth fhaotainn san dùthaich so.

Iadsan is urrainn beagan airgid a thoirt leò, na cheannchas fichead no leth-cheud acair, agus is urrainn pòr agus eairneis-tighe a cheannach, agus an teaghlaichean a chumail suas fad da no trì bhliadhnaichean, cha'n eil dùthaich san t-saoghal anns an usa do neach do'n t-seòrsa so éiridh o cheum gu ceum gu cothrom àrd, na ann an Canada: 'se sin ma chuireas e mach a chuid airgid le faicill agus aire. Neach air bith is urrainn ceud, no dà cheud punnd Sasunnach a thoirt leis, agus a chuireas a mach e ann am fearann, le túr, cha'n eagal da, 's eigin gu 'n éirich e gu cothrom agus gu saoibhreas. Ach tha móran a' dol thairis do America agus do chearnaibh eile, nach d' rinn math riabh 'nan dùthaich féin—'s cha mhò nì iad math ann an dùthaich eile. 'S minic a chuala sinn "Am fear a tha Carrach sa' bhaile bhos bidh e Carrach sa' bhail' ud thall :" am fear a tha leisg lùnndach an Albuinn, 's nachl do shoirbhich an so, cha mhò theid a' chuis leis thall. Tha seòrsa do dhaoine sa' Ghàidhealtachd tha 'cur seachad a' chuid a's fearr d' an làithean ann an amайдeachd—sealgaireachd air monadh, gunnaireachd air chladach—le abhagan 'nan déigh air tòir bhéisde dubha, chat-fhiadhaich agus shionnach; a' luingearachd air bhàtaich-ean, ag òl leth-bhodach an so's leth-bhodach an sud, nach dùraichd an làmh a chur ri obair air bith, mur gabb iad ràchdan feòir car tiota san fhogharadh, no speal car treis sa' mhaduinn—a cheannchas air uairibh gamhain firionn an sud 's an so—lethi dhuin-uasal agus leth-dbròbhair—'na fhleasgach air gac'h banais—a thogas òran math, agus a dhannas gu gasda, agus an sin a phòsas. Tha a' bhochduinn a' tighin gu grad air—'s eigin dol do America no do Australia. Nis deir sinn riù so ann an clàr an aodainn, cha'n i sin an dùthaich idir a fhreagras doibhsan; cha'n eil Canada a' toirt mil a's bainne do gach neach gun saothair, mar a bha tir na h-Eiplit o shean. Tha cuid a dhaoine mar gum biodh dùil aca gu 'n robh spàin airgid air a cur an làimh gach neach 'nuair ruigeas e tir chein; agus nach'eil dad aige r'a dheanamh ach suidhe sios, ithe agus òl, agus a bhi subhach. Cha'n ann mar sin idir.—Do'n duine eusgaidh stuama, shaothaireach,

dheanadach, chruadalach, tha Canada, 'na àite math; ach do 'n lunn-daire cha 'n eil ann àite 's miosa.

Tha e 'toirt droch ainm air America-mu-thuath, agus do chearn-aibh eile, gu bheil móran a' dol ann nach cinnicheadh ann an àit air-bith. Chunnaic sinn an diugh féin móran fhighheadairean a mhuinntir Ghláschu a' falbh le 'n teaghlachaicean, agus bu bhochd an sealladh e—daoine nach urrainn ruamhar no cur no cliathadh—daoine nach do laimhsich tuadh, no tàl, no speal, no corran riabh—am basan comhnis an t-sioda—daoine bochda lag, nach gearradh dithis diubh craobh ann an seachduin, nach b' urrainn aon oidhche chur seachad fo fhasgadh craige gun bhi air am meileachadh le fuachd; agus innathan bochda fann leò, nach do chuir cas air cuibhle riabh, nach do bhleodhain mart o 'n àm an d' rugadh iad. Co cinnseachadh 's a dh' fhàladh iad so, 's ann gu bochduinn agus truaighe ni 's nios a dh' fhàg iad. Chuir e da rìribh mulad oirnn na daoine bochda so fhaicinn a' falbh do choilltibh America.

Tha iomad ni is còir dhoihlsan air a' bheil miann dol thairis, a thoirt leò, ma tha 'n cothrom aca, acfhuinn do gach seòrsa air son saorsainneachd, agus obair am measg chraobh agus fearainn—aodach-cuirp—agus caiseart; agus gu h-àraig aodach leapa blàth càrann, ni tha anabharach daor san àite sin, agus duilich ruigheachd air. Ach do na h-uile ni 'se nì a's prìseala 's urrainn duine thort leis do 'n àite sin no do dh' àit eile, *deagh bhean*. Tha so 'na bheannachadh mór anns gach dùthaich, ach as eugmhais bean mhaith ann an tìr ùr do 'n t-seòrsa so, 's gann gu bheil e comasach do neach cinneachadh no éiridh gu cothrom. 'Si luideag bhochd uasal, chuideil, leisg, spòrsail do mhlnaoi, té nach cuir a làmhlis ann gach fearas-tighe thig 'na rathad, an aona clach-thuislidh a' miosa 's urrainn teachd an slighe duine san àite so.—Na mnathan sin a thogadh gu h-uasal. feadhain eile 'freasdal doibh, a chleachd aodach riomhach agus lòn sòghail, 'nan sìneadh air uirighean sioda, a' leughamhlis leabhairchean, le 'n làmhain-nean geala leathraich air an basan mìne—b'e 'n amaideachd do dhùine le gòraig chuideil do 'n t-seòrra sin dol do thàir ùr: bha e cho math dha dol do 'n choille le cloich-mhuilinn m'a mhuineal. 'Si a' bhanachoisniche sgairteil, thapaidh eusgaidh, an t-aon nì a's prìseala 's urrainn duine thoirt leis—'s luachmhoire i so na a cudthrom do dh'òr—té gun uaill gun stràic, is urrainn a bhi aighearach sùnnach, ged nach 'eil e comasach dhi dol air chéilidh o thigh gu tigh—té a laimhsicheas, ma's éiginn e, caibe no gràp, no corran no tuadh, a bhleódh-nas bó, a ni 'n t-im 's an càise, a bheathaicheas mucan agus eunlaith, a spealgas connadh ma's éiginn, agus a leagas craobh. 'S iomad nì is éiginn do mhlnaoi mhaith an tuathanaich ann an Canada a dheanamh. Imridh i bli eòlach air siùcar agus fion-ubhall (*Cyder*) a dheanamh, siabunn, coinnleán, aran, agus ioma nì eile, gu tighin air clàdadh agus sniomh. 'S éiginn di bhi eòlach air feòil agus iasg a shailteadh—tha e feumail gun bi i eòlach air clò agus aodaeh a dhath a' mìcheal, màdar no scàrlaid, gu 'n luadh i e; gu 'n gearr i e, gu 'm fuaigh i, cha 'n e amhàin cota-bàn a's clia'-beag dhi féin, agus aodach dh na caileagan agus do na balachain, ach 's éiginn gu 'n cum, gu

'n gèarr 's gum fuaigh i briogais d' a fear, agus cota-mór agus osain ; ann an aon fhocal gu 'nì bi i cosmhul r'a sin-seanmhair, comasach air a làmh a chur risgach nì. 'Séiginn gu'm bi i aoidheil cridheil, gun ghruaim gun ghearan ged noch robh cupa tea r' a fhaotainu, no aran cruineachd, ach gabhail mar a thig. An duine aig a' bheil bean do'n t-seòrsa so, ma tha e féin mar bu chòir dha, 'na chosuaiche math, a' gearradh chraobh, a' réiteachadh an fhearainn, a' ruamhar, a' cur's a' cliathadh ; ma chì e sean aois, chì se e féin ann an cothrom air nach ruig fear-cosnайдh gu dilinn san àite so. Tha h-uile páisde mår thig e air aghart 'na chulaidh-stòrais da, 'na bhuaunnachd agus 'na bheannachd. Ma tha 'n teaghlaich so cuimhneach air an Dia, ag iarraidh a bheannachd, a' cur onoir air a latha naomh, air 'òrduighean naomh, is sona iad ; bithidh piseach an déigh an saothaireach, bidh beannachadh Dhé fò aon fhàrdaich leo.

Bidh piseach air an fhìrean chòir,
Mar phailm-chranu ùrar glas ;
Mar sheudar ard air Lebanon,
A' fàs gu dìreach bras.

BEACHD-SMAOINEACHADH AIR OP'CHE FHOGHAIR.

"Nuair a dh' amhairceas mi air do nèamhaibh, obair do mheur ; air a' ghealaich agus na reultaibh, a shuidhich thu ; có è an duine gu'm biodh tusa cuimhneachail air, agus mac an duine gu'm fios-raicheadh tu e ?"

'S tusa 'thuirt an fhìrinn, a Shalmadair bhinn Israeil ! Am shìn-eadh aig bun craobh e air oïche Fhoghair—an t-arbhar 'san duilleach a' ciùin-luasgadh—na tonnan a' mion-bhriseadh air an tràigh, a' ghealach ag 'eirdh gu h-àillidh air chùl meall-na-h-iolaire—na ciadan trèun a' gairsinn, agus na miltean saoghal an crochadh os mo cheann, feucham ri féum a dheanamh de d' chainnt àird agus mhòraich.

Ach mo chreach ! c' àit an tòisich mi ? Ciod mar dh' éireas mi ? Feumaidh mi fanadh a dheanamh, mar gu'm b'eadh, arson in' inutium air an dirich i ceum air cheum gus an caill mi sealladh air an talainh so, arneo, air a' char a's lugha, gus nach faic mi e ach mar an rionnag a's lugha tha' priobadhl os mo cheann a nis.

Amhairceam mata, mu'n cuairt domh cho fad 's a chi an t-sùil—tha 'n so cnoc a's machraighean ; beanntan a's coillteach ; aibhnichean a's lochanna ; cuan agus tràigh ; acli cia beag na 's urrainn mise fhaicinn mu'n cuairt domh an coimeas ris an t-saoghal ! Tha' chuid nach 'eil mi 'faicinn de'n t-saoghal so fein corr a's naoi ciad mile uair ni's mò na na tha mi nis a' faicinn. Ged a chaithinn ceithreamhl na h-uaire a' beachdachadh air na chi an t-sùil ó làrach nam bonn, agus an sin dol imrich do àite ùr, bhiodh e ciad bliadhna mum faicinn an saoghal so féin gu léir, le deich uairean 'san latha chosg air ; oir cha bheag idir an ni dlù' do dha chiad muillein de mhìltean ceithir-chèarnach !

'S mór so 'nam shùileansa, ach ciod e an coimeas ris na tha mi nis a' faicinn os mo cheann a dh' aon sealladh-sul, 'nuair tha e dearbhta gum faoidte an saoghalsa, agus mu naoi ciad saoghal eile d'a inheud-

achd a chàramhair uachdar a h-aoin diubh, mar gu'n càirinn breacag, an oir ri oir, air bòrd, agus 'nuair tha fior chinnt againn ged bhiodh còig ciad saoghal do mheudachd an t-saoghal-sa, oir ri oir, gu'n ruigeadh crios na reull ris an abair sinn *Saturn* mu'n cuairt orra mar chearcall. An iad so na cuspairean a b'abhaist dòmhsha mheas, 'nuair bha mi òg, mar thuill criathair?

Tha so mórr, ach dìream ceum eile anns an fhàradh agus ciod a chì mi! chì mi 'ghrian, "rigli nam *planet*'s nan reull" a tha deich ciad uair nas mò na na dli' ainmich mi, air an cur cuideachd, agus tri chiad diag mile ni's mò na 'n saoghsa 'tha cho mlior 'nam shùilean-sa. Ghabhadh e leth-cheud mile bliadhna mum faicinn a' ghrian bho chrìch gu crìch ged gheibhinn sealladh air còig mile mile ceithir-chearnach gach uair de'n àine sin! O Dhe! "De t'oibre cha leir dhuinn ach cuid, 's cha tuig sinn iad sin féin."

A' ghrian! Dìream ceum eile. 'S mòr i gu dearbh, agus is mòr a feum dhuinne; mar biodh i cha'n fhàsadhb fiar no fochunn; cha'n fhàsadhb craobh no duilteach; ach ciod i ach pluc príne an coimeas ris na tha os a ceann, agus an taobh thall dhi? cha'n iognadh ged tha iad ag amharc beag do'n t-sùil chorparra 'nuair a ghabhadh peileir air a losgadh bho bhial canain corr a's ceithir muillein bliadhna mun ruigeadh e 'h-aon diubh! Ach tha e làn-dhearbhte gu bheil cuid diubh so ciadan uair ni's mò na' ghrian, agus gu bheil na miltean saoghal so ag itealaich gun tàmh a là 'sa dh'oi'che corr a's ciad-mile-fichead mile san uair, ciod tha mi 'g ràdli? cha'n eil mi fathast ach air stairsnich a' chruinne-ché: tha fichead mile uair tuilleadh de reultan r' am faicinn leis a' ghloine-amhairec na tha mise 'faicinn an nochd. Tha e dearbhte gu bheil ann an *sgriob chloinn uisne** e fein 20,191,000 reull, gur grian gach aon diubh so, leth chiad saogbal eile a' buntainn do gach aon de na 20,191,000 grian so, air chor 's ann an *sgriob chloinn uisne* gu bheil againn, air fad, corr a's ciad muillean saoghal!

'S tusa thuirt an fhìrinne, a Shalmadair bhinn Israel! có è'n duine —có mise, gum biodh an Dia 'labhair iad so uile gu bith, agus a tha an toiseach 'gan riaghlaigh ann an nèamh nan speur le sealladh a' mhòrachd, cuimhneachail orm?

Am bheil mi ullamh? Cha'n eil 's cha bhitheadh gu là bhràth. Os ceann *sgriob chloinn uisne* chi mi miltean rionnag† an dràst 's a rithist a' priobadh mar shùil bigein, agus a chuire h-aon diubh, mar tha ard Theallsairean a' deanamh a mach, 'nan *sgriob chloinn uisne* eile. Chithear leis a ghloine-tharruing corr a's tri mile dhiubh so; ach abram dà mhile fein, agus gu bheil gach aon a' co-fhreagairt do *sgriob chloinn uisne*, tha againn dà mhile uair 20,191,000, 'se sin corr a's da fhichead mile muillein de réultaibh, agus abramaid, gu bheil aig gach aon leth-cheud saoghal a' snàmh mu'n cuairt di, tha againn 2,019,100,000‡ de shaoghal! 'S beag mo mheas-sa air eòlas na h-eisire a tha 'tighlin beò eadar dà shligidh—'s beag mo inheas-sa air teallsaireachd na bàirnich a tha fuairte ris an sgeir, ach 's

* The Milky Way.

† The nebulae.

‡ Two billions nineteen thousand one hundred millions.

fheudar dhomh aideachadh nach eil m' eòlas féin air rioghachd Iehobhah a leth cho mór 's a tha 'n eòlas-san air an t-saoghsa air a' bheil mo chòmhnuidh dhiombuain ! Ach ciod e ma's e 's an déigh dhomh siubhal gu'm bi mi greis anns gach aon diubhl ? Ma bhithreas, sin far am bi 'n t-ìoghnadh 's cha 'n e dol do dh-Irt, no eadhon do *Lunnuinn*, ma gheibh mi eadhon aon uair an uaireadair de gach aon de na saoghsail so, gabhaidh e dlù do thlì ciad muillein bliadhna mun ruith mi orra uile : ach abram gum faigh mi leth-cheud bliadhna anns gach aon diubh, mar nach beag a fhuair mi anns an t-saoghal-sa cheana, gabhaidh e 100,955,000,000,000* bliadhna, mun ruith mi orra ; ach cha 'n e sin, ach ged ruitheam orra so cha 'n 'eil mi fathast, a theagamh, ach air stairsnich cruitheachd Dhé : oir 's éigin gur faoin a' chuibhrioun d'a rioghachdsan air an ruig stàil mhic an duine, ged bhiodh aige beanntan de ghloineachan meudachaидh. Innseadh sibhle, aingle 'tha 'g itealaich a theagamh o shaoghal gu saoghal, a' deanamh a thoil : oir ciamar is urrainn mac duine innseadli ? Duine nach 'eil ach cóig 'troidhean agus beagan òirleach air àirde—duine nach urrainnear fhaicinn thar mile no dà mhill air astar—duine nach faiceadh eadhon an saoghal air am bheil e' chòmhnuidh bho *Jupiter*—duine aig am bheil a chòmhnuidh air *frid* nan saoghal, ciamar is urrainn esan innseadli ?

B' fhaoin mo bheachd-sa ort a Dhe ! b' fhaoin mo bheachd air oibrigh do làmh ; air cumhachd do ghàirdein 'nuair bha mi'm bhalach-an 's a b' àbhaist domh dearcadh air a *ghrioglachan*, 's air a' *chrann-air* : 's beag a shaoil mi san àm sin gu'n robh aon chrann-tarunn de'n chrann-air so—aon reull dheth, 2,200,000,000,000,000,000† ni's mò na 'ghrian, agus a' ghrian mu thimchioll muillean uair ni's mò na an saoghal-sa gu h-iomlau, le thìr-mór 's le 'chuan ; le 'bheanntan, 's le 'aibhnichean : le 'bhailtean s le'n luchd-àitich coirbte, uaibhreach !

Tha mi nis a' téarnadh agus tha'n t-àm ann,—tha'n inntinn a' fail-neachadh—tha tuainealaich a' tighin sa' cheann—có 's urrrainn siorruidheachd a thomhas ?

Nach h-è 'dheanadh an eachdraidh nam biodh iognadh nam muilleana saoghal so air a chur ann an leabhar—dreach agus beus an luchd-àitich—am beanntan 's an cuantan—an cogadh 's am feachd !

'S tusa thuirt an fhirinn a Shalmadair bhinn Israel.

MACTALLA.

AIR CRUINN-MHEALLABH SOILLSEACH NAN SPÉUR.

Earrann III. -

An uair a bheachdaicheas sinn le càram air na nèamhaibh os ar ceann, far am bheil na milte grian, rionnag, agus reult, a' tilgeadh a mach an soluis air feadh na cruitheachd, agus far am bheil iad

* A hundred billions nine hundred and fifty-five thousand millions.

† Two trillions two hundred thousand billions.

gu léir air an suidheachadh gu h-eagnaidh, agus a' sinbhal gu riaghailteach 'nan enairtibh eug-samhlà fein, is ceart a dh' fheudas sinn éigheach a mach maille ri Salmadair binn Israel—"Cia lion-mhor t'-oibre, a Thighearna! ann an gliocas rinn thu iad gu léir," "agus molaidh t' oibre gu léir thu." Tha cumhachd neo-chrioch-naichte Iehobhaih air 'fhoillseachadh d'ar sealladh, agus d'ar tuigse, air mhodh miorbhuileach, leis na solusaibh a ta triàll gu neo-mhearachdach 'nan cuairtibh sònruichte, agus a ta, mar sin, a' co'-lionadh na criche air son an d' rinneadh iad air tùs! Cò, uime sin, aig am bheil comus amharc air na comharaibh mòr' agus soillseach so, gun a bhi a' beachd-smuaineachadh air bith, air lâthaireachd, agus air cumhachd an Ti sin, trìd am bheil gach ni anns na nèamhaibh, agus air an talamh, a' co'-sheasamh? Air an aobhar sin, "Biodh àrd chliù Dhé ann am beúl nan uile, moladh iad e air son a ghuiomhara trenna—moladh iad e ann an spenraibh a chumhachd."

Air duinn cunntas a thoirt 'san earrainn mu dheireadb, air an réult *Mercuri*, on is i a's dlùithe do'n ghréin, làbhraidh sinn, a nis air *Bhénus*, an ath réult ann an ordugh. Tha'n reult dhealrach so a' cuairteachadh na gréin, ann an cearcall a ta ochd agus tri fichead muillean do mhiltibh air astar uaipe; agus tha i a' triall air a slighe mu thimchioll ceithir fichead mìle do mhìltibh anns an uair! Tha i seachd mìle agus ochd ceud do mhiltibh troipe, a' cur car di air a mìl fein ann an ceithir uairean-fichead, agus a' criochnachadh a turnis mn'n ghréin ann an dà chend agus ceithir latha fichead gu leth do na làithibh agaun-ne, ùine a ta 'deanamh suas na bliadhna aice-se. 'Si *Bhénus*, do gach uile reult, a's faigse do'n talamh againn-ne, air an aobhar sin chithear mòr agus dealrach i an coimeas ri aon air bith eile do na reultaibh! Theirear, mar a's trice, an reult-inhaidne, agus fheasgair rithe so. An uair a bhios i an iar air a' ghréin, chithear anns a' mhadainn i, agus an uair a bhios i an ear air a' ghréin, chithear air an fheasgair i, còrr agus leth-bhliadhna m'an seach!—Cha'n 'eil *Bhénus* a bheag ni's lugha na'n talamh air am bheil sinne a' gluasad, ach air di a bhi ni's faigse do'n ghréin, tha barrachd teas agus soluis a' bualadh oirre, na tha air an talamh! Ged nach 'eil an reult mhaiseach so, aig astar co fad uainu-ne ris na reultaibh eile, gidheadh tha a deàrsadh agus a soilleireachd co mòr, 's nach soibrh an ni amharc oirre leis na gloineachaibh, eadhon a's fearr, chum gach ni a bhnineas di a chur an céill le fior chinnteachd. Air do na cuairtibh aig *Mercuri* agus *Bhénus*, a bhi edar an talamh agus a' ghrìan, chithear iad a' fàs agus a' caitheamh, cosmhnil ris a' ghealaich! Air uairibh tha iad erinn, làn, agus dealrach, agus air uairibh eile, càol agus soilleir mar a chithear a' ghealach ùr! Tha na cuairtean anns am bheil iad a' ruith, co cumhann, an coimeas ri cuairtibh nan reult eile, 's gu'm bheil iad a ghnàth air am faicinn am fagus do'n ghréin, agus air uairibh tha iad eo fagus di 's gu'm bheil a deàrsadh 'gam foluch gu h-iomlan o'r sealladh! Nach leòir na nithe so chum gliocas neo-chriochnuichte an Ti a dhealbh iad a dheanainli follaisearch do na h-uile? agus nach leòir iad chum toirt

oirnne a ràdh, maille ris an abstol—"Tre chreidinlh tha sinu a' tuigsinn gu'n do chruthaicheadh na saoghail tre fhocal Dé, air chor do nach d'rinneadh na nithe a chithear, do nithibh a bha r'am faicinn."—Eabh. xi. 3.

Labhairaidh sinn, a nis, mn'n talamh, a ta 'na reult cosmhuil riun-san a dh' ainnich sinn agus a' sinbhal mu'n cùairt do'n ghréin ann an àm suidhichte! Is bàll cruinn an talamh, a ta dlùth air ochd mile do mhìltibh troimhe, agus cùig thar flichead mile do mhìltibh mu'n cuairt. Tha e 'siubhal mu'n cuairt do'n ghréin ann an clear-call, a tha ceithir fichead, agus cùig muillean deug do mhìltibh air astar uaipe: agus gabhaidh e tri cheud, tri fichead, agus cùig làithean, agus teann air sea uairean ùine, chum aon chuairet a chur air a' ghréin, agus tha'n ùine so a' deanamh suas na bliadhna againne —Ged is bras a ta'n talamh mar so a' siubhal sea fichead uair ni's hnaithe na peileir gunna-mhòir gidheadh, cha 'n 'eil e idir co lnath ri *Mercuri*, a cheann nach 'eil e 'deanamh ach mu thrí fichead agus ochd mile do mhìltibh anns an uair, am feadh 'sa ta *Mercuri* 'deanamh còrr agus ceud mile do mhìltibh! Tha'n talamh, mar an ceudna a' tionndadh air a mhul fein, gach uile cheithir uaire fichead agus mar so tha ceithir nairean fichead air fad anns an latha againn-ne! Tha na nithe so uile iongantach anna fein; ach an déigh sin tha iad fior! Cha soirbh, gidheadh, le daoinibh aineolaich a thuigsinn, gu'm bheil an talamh idir a' carachadh, no' gluasad as an aon àite! Tha iad mar a's trice sa' bharail, gu'm bheil e neo-ghluasadach, am feadh 'sa ta a' ghrian, na riounagan, agus feachd nèimhe gu léir, a' cur char diubb mu'n cnairt da!—Is iongantach leò, mar an ceudna, r'a smuaineachadh, gu'm bheil an talamh so 'na reult, a ta 'nam beachd-san, ni's mò na aon air bith do na rionnagaibh beaga, drilinneach sin, a chithear 'nam miltibh anns na speuraibh, air oidhche shoilleir! Ach tha e fior, gu'm bheil an talamh a' gluasad air a mhul fein, gach là; agus ann an clearcall mu'n cuairt do'n ghréin, gach bliadhna; ceart mar a ta *Mercuri*, *Bhénus*, agus na reultan eile! Tha móran an dùil, gn'm bheil a' ghrian agus na reultan, a' ruith gu luath anns na spéuraibh mu'n cuairt do'n talamh, nach 'eil a' carachadh as 'àite; ach tha iad air am mealladh an so'naim barail, ceart mar a ta iad, an uair a ghiùlaineas iad seachad gn luath air luing an cois fearainn; oir an sin, tha iad an dùil, nach 'eil an long a' carachadh; ach gu'm bheil am fearann a' ruith gn grad seachad orra!

Dh' ainnich sinn a cheana, gur i a' ghrian a ta toirt soluis agus teas do na reultaibh uile, agus air do'n talamh so a bhi 'na reult, tha e 'mealtuin buannachd an t-soluis agus an teas so, mar an ceudna! Tha dàrna leth na talmhainn a ghnàth air a shòillseachadh leis a' ghréin, agus tha'n leth eile ann an dòrchedas. Ach o'n tha'n talamh a' tionndadh air a mhul fein, o'n iar gus an ear, gach uile cheithir uaire fichead, tha solus agus dòrchedas a' teachd oirnne mu'n seach, anns an ùine sin. Mar so, tha là agus oidhche a' leantuinn a chéile; agus an uair a ta an taobh air am bheil sinne

do'n chruinne-ché, air a shòillseachadh, tha 'n taobh eile dhieth ann an dorchadas! Air an aobhar sin, an uair a bhios an là againn-ne 'san Eilean Bhreatunnach, bithidh an òidhche aca 'sna h-Innsibh an àird an ear—ann an *China* agus ann an *Australia*! Tha mar an ceúdua, claonadhl sònraichte aig mul na talmhainn, trid am' bheil solus na gréine a' bnàladh aig amannaibh do'n bhliadhna, air earr-ainn ni's lugh a chearnaibh tuatha na talmhainn, na aig amann-aibh eile; air an aobhar sin, tha na làithean againn fada agus goirid, a réir sin! Agus feudaidl sinn a nis ainmeachadh nach 'eil na cuairtean, na cearcaill, no na slighean farsuing sin, anns am bheil na reultan a' siubhal mu thiomchioll na gréine, gu h-iomlan cruinn, ach air cumadhl uibhe; air an aobhar sin, tha e furast fhaicinn, an uair a ta a' ghrian air a suidheachadh ann am meadhon nan cuairt sin, gu'm bi na reultan a ta 'gluasad annta, ni's faide o'n ghréin, aig amannaibh àraigdh do'n bhliadhna, na aig amannaibh eile! Ceart mar so, ma ta, tha'n talamh a' siubhal mu thiomchioll na gréine, ann an cearcall a ta ni's mò ann am fad, na tha e ann an leud; uime sin, tha e air uairibh do'n bhliadhna fad o'n ghréin, agus air uairibh eile ni's giorra uaipe; agus tha so, maille ris a' chlaonadhl a ta 'na mhul fein, a' deanamh samhraidi agus geomhraidh, a cheann do thaobb nan astar eug-samlila a ta'n talamh o'u ghréin, nach 'eil a cheàrnan iomallach a' mealtuinn a soluis agus a teas, ann an tomhas co'-ionann! Tha gach cuairt, agus gach caochladh dhiubh so, air am faotuinn a mach co cinn-teach, agus co eagnuidh le reulatairibh, agus air an tomhas co càramach leo, 's gu'm bheil fios aca air a' cheart uair agus mhionaid anns an criochnaich gach reult a turus, agus cia co fad 'sa ta an làithean, agus am bliadhnaichean fa leth! Gu cinnteach is iomadh innleachd a fhuaire an duine a mach; ach an déigh sin cia faoin a dhichioll, agus cia co neo-iomlan a chotnas, chum slighean, agus oibre an Ti ghlòrmhoir sin a rannsachadh a mach," A ta 'na shuidhe air cuairt na talmhainn! (Is. xl. 22.) "An urrainn sinne le rannsachadh Dia flaghail a mach gu h-iomlan?" (Iob. xi. 7.) "Feuch is iad na nithe air an robh sinn a' labhairt," cuid d'a shlighibh; ach cia beag a' chuibhrionn a chuala sinn deth? (Iob xxvi. 14.)

Ann an earrainn an deigh so, bheir sinn cùnnatas air a' ghealaich, agus air na réultaibh eile a dh' ainmicheadh.

SGIATHANACH.

Cillmhuire,
Ceud mhios a' Gheamhraidh, 1840.

CARAGH-CUIMHNE AN T-SISEALAICH.

Air an lic-lighe so tha 'n eachdraidh ghéarr a leanas air a sgriobhadh.

Mar chuimhneachan air Alasdair Uilleam, an Sisealach, a' chaochail agus a chaidh a steach do ghlòir, anns an ochdamh-bliadhna-

fichead d'a aois, air an ochdamli latha do'n t-seachdamli mìos do'n bhliadhna 1838; tha an caragh so air a chur suas le 'bhràthair gràdhach.

Bha an t-òg-fhlath nasal so comharrachaichte 'na linn 's 'na latha fèin, airson gach bén agus subhail a b' àirde agus a b' fhiachala; aige-san bha an aigne bu cheanalt: agus fo chumhachd a' chreidimh bù neo-chealgaiche, agus bu dealasaiche, glìnàthaich e am fiughantas a bu bhlàithe, agus an t-seirc bu gnìomhaiche. Bithidh 'ainm agus a bhuidhean air an gleidheadh gu fada ann an cuimhne chaidreach nan iomada neach air son an do sholair e sochairean spioradail, agus air an d' fhuasgail e 'nan nireasbhuidhean saoghalta. B' aithghearr a cheilidh air talamh; ach fhad's a bha e air a chaoïnhnad ann, cha d' rinn e dearmad air crìch àraig mhic an duine. Chaochail e, ach b'e sin dhàsan caochladh an àigh! Trid earbsa fhìrinneach ann an toillteannais Iosa Criod, Slànnigliear anamannan, tha nis air a cheann-san coron na beatha, ann an flaitheas Dhé.

“Faigheam-sa bàs an iouracain, agus bitheadh mo chrioch dheireannach cosmhuil r'a chrìch-san.” oir,

“Is beannaichte na mairbh a gheibh bàs san Tighearna.”

AM PÒITEAR.

Ciod a theireadh am Pòitear nan deanadh neach air bith, mar bha e ag imeachd air na sràidean a tharruing a stigh a dheòin no dh' aindeoin, do tholl salach dorcha, a thoirt air a bheul fhosgladh, agus an sin an dubh phuinnsean a chur ann, 's a thoirt air a ghìrad slugadh, air alt agus ann an tiota gn 'n cailleadh e comas nan cas agus a thnígse, agus an sin a chur a mach air an t-sràid 'na chulaidh-fhocaidh 's 'na bhall-magaidh do gach aon; gu bhi buailteach do gach cunnart agns tuiteamas agus tubaist do'n dù do neach anns an staid sin a choinneachadh? Nach biadh corruiuch' air? Nach tugadh e duine air bith a dheanadh mar so ris gu cùirt agus gu ceartas? Agus nach h-ann ceart mar so tha e 'deanamh air féin, a h-uile uair a tha e 'dol a stigh do'n tigh-leanna, no do'n tigh-òsda? Nan deanadh a h-aon eile air a' Phòitear mar tha'm Pòitear a' deanamh air féin, chuireadh an Siorram san toll-dubh e, agus bu ro-mhaith a thoilleadh e a leithid.

Ciod a theireadh an Pòitear nan tigeadh neach air hith a stigh air a dhorus, agus esan, an tigh, agus a chuid aodaich, eairneis a thighe, a phlaideachan, agus gach nì thigeadh 'na charabli a thoirt air falbh, agus a bhean's a chlann fhàgail bochd, brònach, rùiste—nach feòraicheadh e có'rinn aleithid so air, an eucoir mhór, agus nach tugadh e gu ceartas e? Agus gidheadh, nach i so a' cheart ghiullachd a tha 'm Pòitear a' toirt dha féin? Nach 'eil e a h-uile latha a' milleadh a chodach féin, agus a' toirt bochduinn agus dìth air a theaghlaich?

Ciod a theireadh am Pòitear ri neach a bhiodh a' falbh o àite

gu àite g'a choinneachadh 's g'a dhiomoladh, a' togail droch iomradh agus aithisg 'na aghaidh, ag ràdh nach robh ann achi duine tuasaideach, misgeach, ruidhtear geòcach gun näire? An e nach iarradh e fianaisean a chual' e a' labhairt mar so 'na aghaidh—nach tagradh e aig lagh e?—agus a dh' aindeion so, nach 'eil am Pòitear fèin 'ga ghairm so o latha gu latha, 'na aghaidh féin? a' dol mu'n cuairt o àite gu àite ag ràdh, "amhaircibh ormsa nach mi an ruidhtear truagh?"

Ma 's è 's gu bheil thusa a'd fhear-ceairde no a'd fhear-oibre dileas, seòlta, glic, grùnnail, agus obair agad mar is urrainn duit iarraidh—ma tha meas aig do mhaighstir ort, agus meas aig do luchd-eòlais ort, agus gum bu mhiann leat do mheas agus t' obair agus do chosnadhl a chall—iùnsidh mi dhuit an dòigh—an t-ath-ghoirid chum so a ruigheachd—*Foghlum a bhi a'd Phòitear*.

Ma tha thu slàn fallain, fo dheagh choltas, dearg ruiteach san aghaidh, le cèum làidir lùthor, agus cuisle shlàn riaghailteach, agus ma tha 'dhìth ort fàs gu grad, glasneulach, lag, turramanach, le cuisle fhiabhruis agus céinn goirid neo-chìnnteach—iùnsidh mise dhuit ciamar a choisneas tu na tha 'dhìth ort—theagamh nach 'eil fios agad ciod an dòigh a's cinnliche, no an rathad a's giorra.—*Foghlum a bhi a'd Phòitear*.

Ma tha dachaidh bhlàth, sheasgair, thaitneach agad—deagh leaba—deagh theine—crioman feòla 'n dràsd 's a ritist—deur *tea* air uairibh agus sliseag chàise le t' aran 's le t' im, no, math-dh' fhendta, sliseag do mhuiceil chroclite—agus beagan cùl do làimhe air son là a' mhàil; ma tha toil agad dealachadh riutha so uile, tha iomad dòigh a dh' fhaodas tu fheuchainn; ach creid mi 's i 'n dòigh a's cinnliche 's a's luaithe—*Foghlum a bhi a'd Phòitear*.

Ma tha deise mhath dhòmhlnach agad leis am faod thu dol gu féill no Clachan, co tlachdmhor a'd choltas ri d' choimhearsnaich—ma tha aig na balachain bheaga aodach math làidir, agus aig na cailleagan cliabh-beag agus cota-bàn glan iomchuidh, agus aig do mhnaoi currachd àrd a's boineid as nach ruig i leas näire 'ghabhail, agus deagh chleòca thairis oirre, agus ma's miaunn leat 'fhirosrachadh ciamar a shealladh tusa agus iadsan ann an droch aodach luideagach salach, cha 'n eil nì a's usa na so—*Foghlum a bhi a'd Phòitear*.

Ma tha do chreideas math, mur 'eil sgillinn aig duine ort, ma tha do chàirdean deònach còmhlnadh agus cuideachadh leat, agus seasamh ri d' thaic anns gach duilgheadas; agus mur 'eil so a' còrdadh riut 's gu bheil a mhiann ort do chreideas a mhilleadh, ainfhiach tròm a bhi 'nad aghaidh, agus a bhi air t'fhàgail gun aon charaid air uachdar an t-saoghail mhòir, tha so furasda agus 's e an dòigh—*Foghlum a bhi a'd Phòitear*.

Ma fhuair thu deagh chadal, ma tha sith a'd inntinn, ma tha do dhòchais àrd, ma tha meas agad air a' Bhòbull, ma tha thu 'toiseachadh air tlachd a ghabhail ann an nithe spioradail—ach ma tha thu 'fas sgith dhiubh so, ma's miaunn leat do chadal a bhi buaireasach, t' inn-tinn a bhi neo-shuidhichte, do dhòchais a bhi air am milleadh, do Bhòbull air a dhìchuimlineachadh, agus dol air t' ais o gach nì math

a bha riabh a'd bheachd, iñnsidh mise dhuit ciamar—an t-seana chomhairle—*Foghlum a bhi a'd Phòitear*.

Ann an aon fhocal, ma tha 'mhiann ort thu féin a dheanamh a'd chreutair bochd, truagh, lag, dìbli, suarrach, a bhi beò ann an eagal, agus bàs fhaotainn ann an eu-dòchas, cha 'n eil dòigh eile ann a's cinnichte chum so a bhuidhachadh na—*Foghlum a bhi a'd Phòitear*. Ach air an làimh eile, an àite so, ma tha 'dhith ort math a dheanamh, olc a sheachnad, a bhi beò an deagh-ghean Dia agus dhaoine, a bhi sona san t-saoghlalsa, agus sona anu an siorruidheachd—ma 's e so do thoil agus do mhiann, le uile-chuinhachdaibh do cholunn, t'anaim, agus do spioraid, guidh agus asluich o Dhia neart agus gràs chum t' fhàgail comasach air seasamh an aghaidh buairidh, chum 's nach tig an latha auns am *Foghlum thusa bhi a'd Phòitear*.

DENNIS DOOLAN AGUS REDDING, NA MURTAIR-EAN EIRIONNACH.

BHA 'n dà dhuine so air am feuehainn fa chomhair nam Morairean-dearga air an treas-la-fichead do mhios-deiridh an earraich. Fhuaradh ciontach iad do mhort, agus bha-iad air an diteadh gu bàs. O'n latha an d'thugadh a mach binn a' bhàis 'nan aghaidh, ghiùlain iad iad scéin sa' phriosan gu siobhalta socruch. Dh' aidich iad gn'n d'rinn iad am mort; ach nach robh a mhiann orra ach ciorram a dheanamh air an duine, gun a chur gu bàs. Bha an t-Easbuig agus na sagairt gu riaghailteach maille riutha, oir bu Phàpanaich a bh' annta; agus ghabh *Doolan* gu h-àraid móran aire do no chual 'e uapa. Bha, do réir coltais, aithreachas air; labhair e gu tuigseach ris gach aon a chaidh a chainnt ris, agus thaisbean e móran misnich agus fearalais. "S math dhòmhhsa," ars' esan, "gn'n d'fhuair mi àm gu aithreachas—'s minic tha mi a' cuinhneachadh air a liughad, cunnart ro'n d'thàinig mi ann an Sasunn agus an Eirinn—"s iomad aon do m' chompanaich a chunnaic mi a' bàsúchadh gu h-obunn, gun ùine gairm air an Cruithear! Nam bithinn-sa an sin air bàs fhaotainn, bha mi air mo ghairm do shiòrruidheachd gun uidheamachadh air bith, agus bha m' anam priseil neo-blàsmhor, cailte gu dilinn. Ach taing do Dhia a dheònaich dhomh àm gu aithreachas! Tha dòchas agam gu 'n d'rinn mi deagh fheum dheth, agus gum faigh mi maitheanas. Nam biodh a' chroich a nis air a togail, rachainn a mach gu misneachail, gun eagal gun sgàth." Tha dòchas againn gu'n robh earbsa 'n duine thruaigh so far am bu chòir dha—cha 'n eil sinne ach ag aithris a bhriathran féin.

Bha fear eile comhla riù ris a' mhort oilteil so do'm b' ainm *Hickie*, a fhuair maitheanas, 's e sin an àite chur gu bàs, tha e r'a fhògradh do *Bhotany Bay* ré fad a làithean—duine cho fuileachdach bhorb ri h-aon diubh, agus a thoill a chrochadh co math ri càch. Thugadh an duine so a dh' amharc *Dennis Doolan* sa' phriosan. Bha an t-Easbnig agus na sagairt san làthair. Shìl an duine so a dheòir gu frasach. Thuirt *Doolan* ris "na dean mar

sin a *Hickie*—tog do d' chaoineadh—bi duineil—thoir an aire dhuit fein, seachain au t-olc as a so a mach—giùlain thu féin gu math 'na dhéigh so, agus cha 'n eagal duit—na dìchuimhnic mar a dh' éirich dhòmlsá! ” Chaidh iad air an glùinibh agus phòg iad a chéile. “ So,” arsa *Dennis*, “ an dealachadh deireannach, cha choinnich sinn tuillidh air thalamh, ach tha dòchas agam gu'n coinnich sinn ann an nèamlí.” Fhreagair *Hickie*, “ An Dia uile-chumhachdach gu d' bheannachadh, a Dhoolain, an Tighearn a bhí maille riut !”

’S ann air maduinn an 14 là do'n mhìos so chaidh, a bha iad air an toirt a mach as a' phrìosan gu bhi air an crochadh a réir binn nam Morairean-dearga, goirid o'n àite san d'rinn iad am mort, trí míle taobl mach a' bhaile-mhóir so. Chruinnich sluagh anabhairrach mn dhorus a' phrìosain. Thugadh a mach iad aig ocht uairean ait uaireadair air carbad fosgaité, le glas-làmh air gach aon diubh, agus air an ceagal r'a chéile le slabhruidh iaruinn. Bha iad air an éideadh gu tlachdinhor ann an aodach bròin; an t-easbuig *Murdoch* agus dà shagart 'nan suidhe maille riù, a léughadh dhoibh á leabhar-ùrnuigh, agus a' conaltradh riù mar bha iad ag imeachd. Bha mòran Shàighdearan a mach—agus luchd-riaghlaidh a' bhaile, an Siorram, agus a' chuid bu mdò do mhuinnitir a' *Police*. O'n àm an d' fhàg iad am priosan gus na dhlùthraig iad air an àite 'n robh a' chroich, cha do thog an dìthis mhortairean an sùilean, ach ag eisdeachd ris na bha an t-Easbuig agus na sagairt ag ràdh riù. Bha sluagh gun àireamh a mach air na sraidibh, a h-uile uinneag, agus eadhon mullach nan tighean lóm-làn. Cha robh diog r'a chluinntinn o'n t-sluagh mhór so.—Ràinig iad an t-àite. Bha làmhan nam mortairean air an ceangal gu teann air na cùlaobh—dhùricli iad suas na ceumannan chum na croiche—chuireadh na buill mu'n amhlachannan. An sin thog an t-Easbuig suas ùrnnigh sholeinte dhùraclidach, agus bha an dìthis thruagh ag aithris gach focal mar a bha e 'labhairt. Chuireadh na curracean an sin air an cinn agus a nuas thar an sùilean; agus 'nuair thubhairt an t-Easlrug, O Dhia gabh ri 'n anamannaibh! chaidh an crann a tharruing air ais, agus thuit iad an crochadh ris a' chrann. Bba an deò am príbeadh na sùl à *Redding*, ach bha *Doolan* fada an doruinn agus an spàирn eagalaich: bha spàирn a' bhàis co uamhasach 's gu'n robh a ghilùinean gu tric a suas r'a uchd! An déigh dhoibh a bhi da fhichead mionaid crochte thugadh a nuas an cuirp, chuireadh'nan cisteachan-mairbh iad, agus ghiùlaineadh iad air an ais do phrìosan Ghlaschu, far a' bheil iad air an tiодhlacadh, a rèir cleachidadh an àm so a thaobh mhortairean. Tha e air a ràdh gu'n robh os ceam leth-cheud-mile sluaigh a mach! —Cha chuala sinn gu'n d'éirich giorag no tuiteamas do dh-aon, agus cha mhò bha facall ard no tuasad ann.

Ged is uamhasach eagalach a leithid so, bitheamaid taingeil gu bheil lagh agus riaghailtean san rioghachd; 's gu bheil sinn a chòmhnuidh ann an dùthaich far nach faodar fuil a dhòrtadh gun dioladh air a shon! Tha dòchas againn gu'n dean an gnothuch

uamhasach so feum; agus gum faic Eirionnaich agus Albannaich gu bheil lagh na dùthcha làidir, agus nach faodar a bhristeadh gun fhulang air a shon.

NAIGHEACHDAN COITCHIONN.

A thaohh Mhic Leòid ann an America mu'n robh an dà rioghachd mhór gu dol a chogadh, cha 'n eil a' chùis air a socruchadh f hathast; ach cha 'n eil teagamh air bith nach fhaigh an Leòdach cead a choise. Ge bòsdail muinntir America cha 'n eil a chridhe aca a chur gu bàs.

O'n chaidh an àireamh mu dheireadh do'n Chuairtear a mach, chaochail ard-uachdaran Staidean-Aontaichte America—an ceann-feadhna urramaichte agus an duine math, *President Harrison*. Bha e dlùth air ceithir fichead bliadhna 's a deich. Cha robh e ach aon mhòs 'na oifig àrd; agus thainig am fear a bha fodha agus bu dlùithe dla ann an urram, a stigh 'na àite. Dhùisg bàs an duine mhaithl so anabharra mulaid air feadh na dùthcha. Cha robh ann an America gu léir duine air na h-uile dòigh bu mheasala na e—cha robh tuaileas riabh 'na aghaidh, agus air son a bhàis tha an dùthaich mhór sin uile fo bhròn. Bha e 'na dhuine cràbhach diadhaidh. Bha e gu riaghail-teach air latha na Sàbaid anns an Eaglais; agus cha deachaidh e riabh air turus no air chéilidh air là an Tighearna. Cha robh cuirm no fleagh 'na thigh-sa air latha Sàbaid mar is tric tha 'tachairt ann an tighean ard-uachdarain an t-saoghal so. Thog e Eaglaisean air a chosd féin, agus bha e 'na charaid dileas fiughantach do mhinisteiribh an t-soisgeil. Dh' éirich e na h-uile latha geomhraidh agus samhraidh mu shèa uairean, agus an déigh earrann do dh-fhocal Dé a léughadh, choisich e mach mìle 'no dhà air son a shláinte. Cha robh tigh an duine so riabh gun charaid no coigreach leis—bha a dhorus fosgulte do na h-uile duine math a thigeadh an rathad. B' ann do na *Presbyterianach* e féin, ach bha a chàirdeas ri gach aon do 'n robh Criod luachmhor, ge b'e ainm no aidmheil air an robh iad air an gairm. Tha deagh chliù air an uachdaran ùr, *Tyler*, a thainig 'na àite. Cos-mhuil ris an duine mhath a chaidh roimhe, tha e deònach air sìth bhi eadar na rioghachdan, agus deagh chàirdeas a chumail suas eadar Breatunn agus America.

A' PHÀRLAMAID.

Thubhairt sinn san àireamh mu dheireadh gu'n robh ùpraid san àite àrd so, gu 'n deachaidh an ceòl feadh na fidhle orrasan a tha air an àm 'nan luchd-comhairle do'n Bhan-righ.

Bha air an àm sin a h-aon thar fhichead a bharrachd 'nan aghaidh na bha air an taobh, ach tha nis thar seo deug 'ar fhichead a bharrachd 'nan aghaidh na tha leò. Cha 'n fheud so seasamb. Tha e soilleur gu'n imir a' Pharlamaid an dara cuid a sgaoileadh agus Parlamaid ùr a ghairm, air neo, gur h-éigin dhoibhsan a tha air ceann a' ghnothuich dol a mach, agus stiùir na bìrlinn mhóir a chur an làmhan ùra. Tha sporan mór na rioghachd cha 'n e amhàin falamh, ach tha ain-

fhiach agus fiachan ùr a' meudachadh o àm gu h-àm, agus an cosdas fada os ceann na tha tigh 'n a stigh. Tha e soilleur nach 'eil morair *Melbourne* agus a charaid morair *Russell*, déigheil air na frògan seas-gair anns a' bheil iad fhàgail. Nan cuireadh tathunn 'us smàdadh 'us tàir a mach iad, cha robh iad ann co fada ; ach tha e soilleur gu'n imrear dòigh eile 'ghabhail doibh. Chunnaic sinu seann Domhull Brocair a' cur boitean còinlaich ri beul a' chùirn anns an robh feòcullain 's cait-fhiadhaich, leis an smùideadh e a mach iad 'nuair nach deanadh tathunn a's gleadbraich feum. Tha e soilleur gu bheil an dùthaich sgìth dhuihh, 's cha 'n iongatach è. Tha iad a nis, ar leinn, deich bliadbna air ceann na cùis, agus auns an àm sin chuir iad iomad muillean tuille ri ainfhiach na rioghachd na bha air roimhe sin ; agus air an àm tha iad féin ag aideachadh gu bheil cosdas na dùthcha aona mhuiillean agus seachd ceud mìle puind Sasunnach na's mò na tha aca do theachd a stigh. So an aidmheil féin. Air an làimh eile, 'nuair bha càch a stigh, phàigh iad ficehead muillean punnd Sasunnach do dh-ainfhiach ua rioghachd ; agus 'nuair chaidh iad a mach bhà aona mbuilean agus sèa ceud mìle pùnd Sasunnach a' tighin a stigh, agus cul na làimh na's mò na bha 'dol a mach. So nithe tha air an aideachadh sa' Phàrlamaid féin, agus nach urrainnear àicheadh. Cha dean a' bhaothaireachd so cùis na's fhaide. Tha na Sasunnaich thuigseach sgìth do bhòilich agus do spagluinn nan daoine so. Cha 'n eil fiosachd againn, ach tha sinn fo bharail gu 'n toir iad aon deuchainn eile, an àite tighin a mach mar bu chòir dhoibh 'nuair nach 'eil e 'nan comas nì air bith a dhleanamh, 's 'nuair tha 'chuid a's mò do'n Phàrlamaid 'nan agħaidh, gu 'n iarr iad air a' Bhan-righ a' Phàrlamaid dhiorrasach so a sgaoileadh, cead an cas a thoirt doibh, agus Pàrlamaid ùr a ghairm. Cia dhiùbh a bhitheas no nach bi an te ùr nì's ûmhaile dhoibhsan na bha an t-seana Phàrlamaid, cha 'n urrainnear a ràdh—ach chì sinn.

ARD-SHEANADH EGLAIS NA H-ALBA.

Tha 'chùirt mhór Chléire so nis air suidhe. 'S eiginn duinn ar duilleagan a chur sa' chlò mun urrainnear innseadh ciod a nítéar a thaobh nan nithe tha air an àm a' roinn na h-Eaglais. Tha eagal mór oirnn nach 'eil na nithe sin ri bhi air an réiteachadh co luath 's co furasda 's a tha cuid air bharail : tha àirc na h-Eaglais ann am fainge bhuaireasaich. 'Si ar u-ùrnuiġ dhùrachdach gu 'n deanadh Esan a tha amhàin murrach gach cùis a réiteachadh, a ghaoth 's an stoirm a cheannsuchadh, agus a stiùradh gu tèaruinte do chala ciùin agus siochail.

AN SOITHEACH SMÙIDE MÓR, AM PRESIDENT.

Tha eagal oirnn nach cluinnear tuilleadh iomraidl air an luing mhóir so. Tha nis tri ficehead agus cóig lathan o'n a dh' fhàg i *New York*; bha sèa ficehead pearsa air bòrd oirre—chosd i ceithlir ficehead mile punnd-Sasunnach. Cha 'n eil teagamh air bith nach do chaill-eadh i—ach ciamar, có 's urrainn innseadh? Tha aon nì cinnteach, nach fhacas riabh uiread do mhìll mhór eige sa' chuan eadar so agus

America's a bha ann air a' bhliadhna so. Bha cuid do na mill mhóra so a chunncas le soitheach a thainig thairis beagan làithean an déigh do'n Phresident America fhàgail, mile air fad dà cheud troidh air àirde os ceann an uisge, mar eileanan a snàmhl air a' chuan, agus tha daonnan dà thrian do mheall eige fo'n uisge. Tha e glé choltach gu'n do bhual an long mhór so air aon do na mill mhóra sin, agus gu'n do dhochunnadh i co mór's gu'n deach i fodha. Bha móran do dhaoine measail a' gabhlail an aisig inntebhuineadh cuid do na seòladairean do'n Ghàidhealtachd. Mo thruaighe! ionndrainidh na h-uile h-aon an càirdean féin.

FOCAL SAN DEALACHADH.

Cha'n eil e iongatach leinn gu'n chuir am mearachd a bha san àireamh mu dheire do'n Chuairtear mu thimchioll tigh-taisg mór an Tombaca ann an Lunnuinn iongatas a chur air ar càirdean. 'Se'n nì thug so mu'n cuairt gu bheil fior dhroch làmh-sgriobhaidh aig an duin'-usal à sgrìobh an cùnnatas sin—tha a lamh-sgriobhaidh co dona's gur tric a dh' fhairtlicheas e air. féin a leughadh. Cha'n iognadh mar sin ged nach leughadh fear eil'i 'S ann san 69 duilleag agus an 20 sreath tha am mearachd so. 'Se nì bu chòir a bhi ann, "gu bheil aon àite anns a' bheil iad a' tasgaidh, air neo 'cur suas, no' gleidheadh an Tombaca gus am pàighear a' chis do'n Bhan-ri' inn. Chuir iad losgadh an àite tasgaidh; agus 'se so a rinn am mearachd. Tha àiteachan ann a bhuineas do na tighean-cuspuinn, anns a' bheil iad a' losgadh gach scòrsa bathair nach gabh reic air son luach na cise; agus 's fhurasd' a thuiginn gu'n do chuidich an t-eòlas so chum a' mhearachd.

Fhuair sinn an jitir cheanalta chàirdeil, a chuir ar seana charaid agus ar fear-eòlais measail, ministeir na h-Eaglais Albannaich ann an *St Andrew's New Brunswick*, d' ar n-ionnsuidh. Thug an litir na làithean a dh' fhalbh d' ar cuimhne—mòran taing dha! Rinn sinn mar a dh' iarr e—Cuireadh e thugainn cùnnatas air an dùthach anns a' bheil e—cùnnatas air cor nan Gàidheal tha air dol ann—an cothrom agus an t-anacothrom a tha 'gan coinneachadh—a' chulaidh-mhisnich a th'aig an càirdean chum an leantuinn. Cuireadh e so d' ar n-ionnsuidh am Beurla no an Gàilig agus bidh sinn fada 'na chomain.

Bha cuid do mhiniesteirean ann an Canada uachdarach air an robh sinn eòlach aon uair: 's iongatach leinn nach 'eil iad a' sgríobhadh d' ar n-ionnsuidh!

Fhuair sinn an litir thioram, chrosda, chuir "Dòmhull a' Phinn" á Lochabar d' ar n-ionnsuidh. B'e sin am peann sgaiteach, peann Dhòmhull—nam biodh a clumhachd a réir a thoile! Nach modhail, iriseal, cuideachd, an t-ainm a ghabh e dha féin, "Dòmhull a' phinn!" a' eiallachadh gun teagamh gur h-ann dàsan a bhuineas am peann osceann gach Dòmhull cile tha beò! An cuala "Dòmhull" riabh an rann 'so?

A mhic a' bhodachain lachduinn,
O bhun Lochabar nan eraobh;
Cleas a' chait a dh' òl an t-uachdar,
Theid a' chluas thoirt dhòl o'n mhaoil.

'Si'choire th'aig an òganach spailpeil so do'n Chuairtear, gu bheil sinn a' cur tuille's a' chòir do dh-fhacaill Bheurla 'nar duilcean, gum bu chòir dhuinn ainmeannan àiteachan agus dhaoine thoirt ann an Gàilig.—Am burraidh! Am b' àill leis 'nuair tha sinn a' labhairt mu'n duine ainmeil sin, Uillcam Pitt, a ràdh, *Uilleam an t-Sluic?*—no Tearlach Fox, gu'n

abramaid *Tearlach Sionnach?*—an àite *Robert Pcel* gu'n abramaid *Rob-nan-Rùsg?*—agus an àite *Fox Maule* gu'n abramaid *An Sionnach Maol?* Faodaidh peann géur a bhi aig Domhull-Abrach, ach tha e sín anabhairach *maol*.

Na gabhadh ar càirdcan gu h-ole ged chuireamaid 'nan cuimhne gu'n robh móran againn r'a phàigheadh air a' Bhealltuinn air son pàipeir agus cosd eile do dh-iomada seòrsa. Mur cuir iad prìs a' Chuairteir a mach, cha'n urrainnear a chumail suas:—mùr cumar an t-uisg air a' mhuiillon, stadaidh an clabar.

Tha luchd-ullachaидh a' Chuairteir air dol imrich do'n bhùth 24 GLASSFORD STREET, goiried o'n Phost-thigh ùr;—ach tha sinn ag iarraidh maithleanais air "Domhull a' phinn" airson an ainm Bheurla so—gun teagamh b' fhèarr le-san sinn a ràdh, *Sràid na h-àtha-gloine*.

TRÀTHAN NA GEALAICHE.

MÍOS-MEADHON AN T-SAMHRAIDH, 1841.

Solus làn air a' 4^{mh} là.

Ceithreamh na h-earra-dhuibh air an 12 là.

Solus ùr air an 19^{mh} là.

A' cheud ceithreamh air an 25 là.

MARGAIDHNEAN.

Cha'n eil atharrachadh air bith is fliach ainmeachadh air prìsean teachd an tìr o'n thug sinn cùnnas ùmpa san àireamh mu dheireadh. Ma tha dad idir ann, 's an saoiread tha iad a' dol,

GLASGOW:

PUBLISHED BY THE PROPRIETORS,

J. & P. CAMPBELL, BOOKSELLERS AND STATIONERS,
24, GLASSFORD STREET.

Edinburgh: M'Lachlan, Stewart, & Co.; Aberdeen: George King; Dingwall: A. Keith; Dornoch: Wm. Munro; Thurso: Mrs Russell; Inverness: J. Bain, & Co.; Dundee: Wm. Middleton; Oban: J. Miller; Paisley: A. Gardner; Greenock: A. M'Iver; Grantown: A. Cumming; Abernethy: D. Gordon; Dunkeld: D. M'Donald; Portree: A. M'Donald; Balachulish: J. M'Innis; Lochgilphead: N. Gillies; Fortwilliam: Lachlan Cameron, writer; Laggan: J. M'Pherson; Port Ellen, Islay: D. Hunter; Portnahaven: Norman M'Lean; Kilchoman: Angus M'Leod; Strontian: D. Cameron; Tiroran, Mull: John M'Donald; Cawdor, Nairn: J. Robertson; Ballendalloch: James Grant; Pitlochry: D. Robertson, Fortingall: D. Campbell; Weem: J. Menzies; Alness: D. M'Diarmid; Doune: D. M'Diarmid; Laggan: J. M'Pherson; Barra: A. M'Donald, Esq; Ormsary: G. Ross; Tayinloan: A. Sutherland; Glencarradale: J. M'Dougall; South Uist: A. Chisholm; Tullymet: D. Cameron; Callander: P. M'Kinlay; Balquhidder: J. Carlton; Dunvegan: D. M'Donald; Carbst: A. Cameron; Glendaruel: D. M'Lean; Fort-Augustus: J. Forbes; Stratherrick: J. Frazer; Kilmorack: J. Rose; Easdale: D. M'Intyre; Nova Scotia: Rev. R. Williamson, Pictou; General Agent for North America, John M'Neil Esq. Charlottetown, Prince Edward's Island.



AN LA A CHI'S NACH FHAIC.

CUAIRTEAR NAN GLEANN.

MÍOS-DEIRIDH AN T-SAMHRAIDH.

AN 17^g AIREAMH.]

JULY 1, 1841.

[PRÍS 6 SGILLEAN.

CONTENTS:—Familiar Dialogue (Dissolution of Parliament), page 121.—London (Greenwich Hospital, &c.), 127.—Deer Hunt, 129.—Remorse, a Dream, 133.—The Isle of Lovers, an Irish Legend, 136.—A Poem, and Legend connected with it, 140.—The Emigrant's Song (original), 143.—Hong Kong, 144.—Interesting Story of a British Soldier in North America, 145.—The Bitter Bit, 148.—Notices to Correspondents, 149.—Phases of the Moon, 150.

CÓMHRADH EADAR EACHUNN AGUS AN CUAIRTEAR, MU SGAOILEADH NA PARLAMAID.

Each.—Fàilt air a' Chuairtear rùnach! ag iomairt a phinn mar a b'abhaist.

Cua.—Bu tu fein an Cuairtear, Eachuinn, 's cha mhise, nach deachaidh ceum a mach as a' bhaile-mhòr so bho'n a chunnaic mi thu—nach cuala guth na cuthraig am bliadhna fhathast.

Each.—Da rìribh, 's ann ágaibh tha 'chulaidh-ghearin, nach cuala sibh guth na cuthaige, a' bhan-tùchanach għlas għrannda. 'S mi tha suarach ge nach cluinn mi a guth searbh gu diliñ—an òinseach għlulgach o thóm gu tóm, mar gum biodh duine air bith a' gabħail tlachd dhi.

Cua.—Ciod so, Eachuinn, a thainig eadar thu 's a' chuthag lagħach? Theagħam gu'n cual' thu gu moħi i, muu d'ih thu do ghreim maidne? Am fac' thu seilcheag air lic luuim?—am fac' thu searrach 's a chūl riut?

Each.—Air ur n-athais, a Chuairteir; cha 'n fħaca mi. Ach sud rud is math a dh'fheudta chì mi mun tig latha Lùnasdail—na seilcheagan sleamhain snàgħi sin, ur càirdean féin, na *Conservatives*, air

lic luim; agus ma chuidicheas mise le m' fhacall so a dheanamh, an sin chì mi an Cuaireann's a chùlaobh riùm.

Cua.—An d'thainig thu mar so orm, Eachuinn? Cha chuir mise mo chùlaobh ri seana charaid air a shon sin. Nach faod daoine dealachadh 'nam barailibh gun chur a mach air a chéile? Tha rathad agadsa, Eachuinn, agus rathad agamsa; cha ruig an dara fear a leas a shiùn a sparradh an sùil an flir eile. Fhad 's a bhi os an saoghal 'na shaoghal, bidh eadar-dhealachadh bharailibh am measg dhaoine; agus an cead tha mise 'gabbail, mo bharail féin àrach agus a sheasamh, c'arson nach tugainn an cead ceudna do dh-fhear eile? Bhithheadh e co reusonta bhi 'trod 's a' càineadh a chéile do brìgh nach robh an t-aona chumadh air an srònabh, no an aon dath air falt an cinn, 's a bhi ann an naimhdeas agus mì-run a chionn nach 'eil iad san aona bharail mu ghnóthuichean coitchionn na rioghachd. Tha thusa 'm barail gum bi na Gléidhlichean, air neo na *Conservatives*, air lic luim mun tig latha Lùnasdale; ach 's aithne dhòmhaisa feadhain air am bi an leac lóm air a càramh ro'n àm sin, agus iad féin ann an slochd as nach tog iad an cinn an dà latha so.

Each.—Air ur n-athais; cha 'n eil am bonnach beag bruich fhathast.

Cua.—Ma tà, 's fada 'ga dheasachadh e. Nach robh iad ri falach-feadh a nis o chionn deich bliadhna? Ach chuireadh as am frògabhl iad mu dhiereadh. An cual' thu riabhl an t-òran Sgiathanach—

“O hó, Gillean nan car, bheirear dhiùbh an còta;
Gillean nan car guineideach, crochar ann an ròp iad.”

Each.—Seadh, seadh! Bha ar càirdeansa glé mhath air crochadh—na sàr chrochadairean. O'n fhuair sibh Gàilig air son *Conservatives*, na *Gleidhlichean*—'s e sin tha mi 'deanamh dheth—feadhain a ghleidheas na's urrainn doibh—an toir sibh dhomh Gàilig air son nan *Liberals*?

Cua.—'S duilich dhomh, Eachuinn; cha robh iad ann ri m' linn.

Each.—Gu firinneach, cha robh; ach cuiridh mise geall nach 'eil am facall sin, *Conservatives*, r'a fhaotainn san Fhoclair Mhór Ghàilig, ach gu bheil *Liberal* ann—'s e sin, uasal fialaidh, aoidheach, suairce. Nach faod sinn, ma ta, á so a mach, na Suaircich, no a' mhuinntir suairce, thoirt orra?

Cua.—Na daoine suairce!—fhearabhl 's a ghaoil!—suairceas a's eanaltas air an teangaidh—saorsa! saorsa! 'nam beul. 'S e sin saorsa do dhaoiu' eile iadsan a leantuinn—deanamh mar a ni iadsan; ach cuir thusa 'nan aghaidh, agus biodh a dhàandas agad do thoil féin a dheanamh, agus do bharailean féin a leantuinn—c'ait an sin a' bheil an t-saorsa? Tha saorsa fhathast a' donnalaich 'nam bilibh, ach tha dòirneagan chlach agus cuaille do bhata math darach 'nan làimh; agus 's i sin an t-saorsa bheir iad dhuit, teicheadh le t'anam, air neo sgailc a ghabhail o na daoine suairce so 'an taoblì an lethchinn, no am bun na claise. Bheir mise dhuit aimm gu mór a's fearr a fhreagrach dhoillh na na *Suaircich*—'s e sin, na *Gealltanach*—feadhain a gheallas na thogras tu iarraidh, ach a tha suarrach mu choimhlionadh.

Each.—Cha'n eil fhios 'am. 'S i mo bharail gur co-ionann doibh taobh air thaobh air an dòigh sin, na Gléidhthean agus na Gealltanaich, gu'n geall iad 's gu'n gléidh iad mar fhreagras doibh—a' bhò mhaol odhar, 's a bhò odhar mhaol—sèa glaisein air an dara gad, agus leth-dusan air a' ghad eile;—gabh do roghainn—buinidh iad le chéile do'n aon tréud—tha'n aon teàrr air an dronnaig, agus an t-aona choinharra-cluaise—clann an aon t-seanar. Ach dearbhadh sibhse gu bheil na *Liberals*, no na *Whigs*, a tha nis a stigh, ni's fèarr air geal-laidhnean a dheanamh, agus ni's miosa air an coimhlionadh na càch.

Cua.—Eisd, Eachuinn, 's na gabh fearg, ged robh [an fhìrinn searbh.

Each.—Fearg! 'n e mise?—an domhagan mise!—Tha mi 'g iar-raidh maitheanais; rachaibh air ur n-aghiart.

Cua.—Nach aidich thu, matà, 'nuair thugadh a stigh an *Reform Bill*, no Reachd an Leasachaidh, gu'n do gheall iadsan a thug a stigh e gum biodh e mar iocsblaint ionlan—na làn-leigheas airson uile uile agus thruaighean na dùthcha? Nach robh an rioghachd ri bhi air a h-ath-ùrachadh gu buileach? Cha robh fàth-bochduinn, no crualal, no anacothrom, nach robh ri bhi air a thoirt as an rathad—bha lón a's cosnadh ri bhi aig daoine gu saoibhir pait—bha a' bhullionn chruineachd ri bhi air a dùblachadh am meudachd, 's gun sgillinn a bharrachd air a prìs—cha bhiodh cogadh ann ni's mò—bhiodh eis na rioghachd air a h-isleachadh, uigh air uigh, gus nach biodh eis idir ann—bhiodh ainfhiach na dùthcha air a phàigheadh! So na gheall iad. Thogadh a' chaithream,—“Thoir dhuinn an *Reform Bill*!—am *Bill*!—am *Bill* uile, 's gun dad ach am *Bill*!” Fhuair iad e—am *Bill* nile; ach cha d'fhuair dad achi am *Bill*, agus geallaiddhnean mòra. Bha'n tombaca rì bhi co saor ri puinneag chàil—an tì's an snoisean co pait ri stùr na mòine—an siùcar co saor ri gainmh a' chladaich! Cha robh duine àig an robh mac, 's a sheasadh iad, nach b'i 'cheisd—“Cia dhiù 's fèarr leat *Gàidsear* a dheanamh dheth, no a chur a stigh do'n Tigh-Chuspuinn?” 'S ann an sin a bha'n odhail 's a' ghleadhraich, a' ghuinneireachd, 's a' phìlobaireachd, 's a' ghlaodhaich—na breugan agus na geallaiddhnean mòra!

Each.—'S mì bha thall 's a chunnaic e. Cha'n urrainn mi cur an aghaidh aon diog a thubhaint sibh.

Cua.—A nis, Eachuinn, o'n tha *vote* agad, 's e sin facall sa' chùis, innis domh gu firinneach ciod a choisinn thu 'na lorg?

Each.—Choisiùn mi urram agus modh! Cha d'thnirt duine riabh Mr. *Hector* riumsa, no idir Mrs. *M'Shirie* ri m' mhnaoi, gus an d'fhuair mi facall sa' chùis so. Coma leibh ciod a choisinn mi; cha'n innis mi sin duibhse, ach innsidh mi cui'd do na chaill mi. Chaill mi ioma latha do m' ùine—chaill mi an uair mu dheireadh, seachduin gu buileach; chaill mi craicionn nan làmh ag iomram do'n àite 'n robh an cruinneachadh mór, agus bliadhna eile craicionn mo chas a' coiseachd; chaill mi mo chlaisteachd, ach beag, le'n gleadhraich, agus mo shùilean leis an stùr; agus air latha'n taghaidh, là a' mhòid mhóir, chaill mi m' ad ùr nodha, a chosd seachd a's sèa sgillean; agus, a bharrachd air sin, chaill mi mo nàire.

Cua.—Ciamar ?

Each.—Matà, innsidh mi sin duibh. Chaidh sinn an sud uile, mar aon dròbh do mbuilt bhàu a' Mhoraire, suas a' dh'ionnsuidh na coinneimh, am Bàilli's a Mhaoir'gar saodachadh rompa. 'Nuair ràinig sinn am bùth san robh an Siòrram, bha ar càirdean, na Gléidhitch, 'nam buidlunn làidir mu'r coinneamh, a' feedail 's a' séidil mar nathraichean. Fluair sinn ordugh ar n-adaichean's ar boineidean a chrathadh gu h-ard inu'r cinn, agus iolach a thogail le 'r n-uile neart. Rinneadh so. Ach ciod an tubaist a thachair, ach mar bha m' ad ùr shuas a'm làimh, thainig caoran cruaidh móine nall o na Gléidhitch, agus tilgear m' ad as mo làimh. Dh'fhalbh i, 's bha e co math dol as déigh iteig an latha na gaillinn—dh'fhalbh i, 'na ball-iomain, o cheann gu ceann na sràide; agus b'éiginn dòmhisa dol le m' cheann cólom mbaol ri ceann ròin, do'n bhùth, 's a h-uile h-eon a' cur dhiùbh a' niagadh. Gheall am Bàilli ad ùra b'fliach dithis di a chur 'na h-àite; ach coma có dhiùbh.

Cua.—An d' fhuair thu i, Eachainn ?

Each.—Coma leibh cia dhiù fhàil air no nach d' fhuair—rachaibh air ur n-aghart.

*Cua.—Bha Morair *Melbourne* agus Morair Iain *Russell* a stigh fad dheich bliadhna, 'nan Stiùbhardan air gnothnichean móra na rioghachd, agus 'nan Inchd-comhairle aig a' Bhan-ri'nn—bha inchair na rioghachd, agus sporan na rioghachd'nan làmhan :—comas cisean a thogail, no an lughdachadh, mar a b' àill leò—dà thrian do bheul na Parlamaid air an taobh, air chor's gu'n robh sàr chomas aca na gnothnichean a shocruchadh mar a b' àill leo—faiceamaid ciamar a ghiùlain iad iad féin.*

Each.—Tha sibh a nis a' tighin dìreach a dh' ionnsuidh na bha 'mhiann orm—oir creidibh mi, tha mi saor gu m' fhacall a thoirt do'n aon taobh no do'n taobh eile, mar a chì mi ceart—agus tha eòlas a dhùth orm—leigeamaid gach fala-dhà seachad, agus cluinn-eamaid a' chùis.

*Cua.—Mar sin bitheadh e, Eachuinn. Bha iad so, a nis a stigh fad dheich bliadhna o'n bhliadhna 1831 gus a so, 1841. Mun eàirich mi giùlan na feadhnaich so mu d' choinneamh, amhaireeamaid air giùlan na feadhnaich a chaidh rompa—*Wellington* agus *Sir Robert Peel*, fad dheich bliadhna mun deach iadsan a mach, 'se sin o'n bhliadhna 1821 gu 1831, 'nuair a chuireadh a mach iad 's a thainig càch 'nan àite. Mar so tairngidh sinn suas cunntas dheich bliadhna, taobh air thaoblach; agus chì sinn có na stiùbhardan bu dilse, agus lu chùramaiche inu sporan na dùthcha.*

Each.—Sin sibh—tha sin pongail, agus 'se sin tha dhùth orm, lán earbsach nach innis "sibh achi an fhìrinne.

Cua.—Cha labhair diog, ach na tha air 'aideachadh, nach urrainnear 'àicheadh, a tha air a thoirt á leabhraichean móra na rioghachd; agus nach 'eil an comas duine cur 'na aghaidh.

Nis anns na deich bliadhna mu dheireadh san robh na *Conservatives* a stigh, Inghdaich iad eis na rioghachd, na *taxes*, mar deirear sa' Bheurla, 15,880,000 puund-Sasunnach,—dlùth air sèa-muillean-deug.

Each.—Co dheth a thug iad a' chìs sìn?

Cua.—Thug do dh-iomadhù nì, a thuit, 'na lorg, ann am prìs—mar tha Salunn, Braich, Uinneagan agus tighean—Gual—Clóimh á rioghachdan céin—Sìoda—Caimb—Tombaca—Leathar—agus iomadachù nì eile nach ruigeár a leas àireamh. Lughdaich iad a'chìs a bha na nithe sin a' diol, an t-suim anabhairrach a dh' ainmichi mi. Bha cìs na dùthicha fad nan deich bliadhna sin a' tuiteam mu thimchioll air muillion-gu-leth sa' bhliadhna; agus a bharrachd air so, ged a lughdaich iad a'chìs, phàigh iad do dh-ainfhiach na rioghachd 477,772,000 punnd Sasunnach, dlùth air ochd's da fhichead muillion! agus an latha chaidh iad a mach, a dh'aindeoin lughdachadh na cìse, agus na phàigh iad do dh-ainfhiach mór na rioghachd, bha aca cùl an làimhe, ann an ciste-ionmhais na rioghachd, do dh-airgiot ullamh dà-mhuillion-gu-leth, 's os a cheaun, a dh' fhàg iad san sporan mhòr—2,667,000 punnd Sasunnach! A nis, Eachuinn, ciod do lharail air so? Nam biodh an caomhnadh so, agus na riaghaltéan a cliteachd iadsan a' dol air aghaidh gus an là diugh, nach e'n rioghachd a bhiodh ann an staid chothromach?

Each.—Air m' fhacall tha sibh a' cur iongatais orm—faiceamaid a nis taobh eile na duilleige.

Cua.—Tha mi toileach, 's ma gheibh thu gn bheil facall a tha mi 'g ràdh nach 'eil fior, na leugh duilleag do'n Chuirtear fhad 's is beò thu. Thainig a' bhuidheann eile, na Cuigsiech, no *Whigs*, air neo, ma thogras tu, na *Liberals*, a stigh sa' bhliadhna 1831. Tha iad a nis deich bliadhna os ceannu ghnothuichean na dùthicha. Gheall iad mòran, ach cha d' islich iad do chisean na rioghachd fad na h-ùine ach 3,124,000 punnd Sasunnach, an àite nan séa-muilleana-deug a dh' islich càch san ùine cheudna. An àite 'bheag no mhòr do'n ainfhiach a dhìol, no a lughdachadh, 's ann a chuir iad ris gn mór: air alt agus gu bheil riagh an ainfheich a nis 1,127,000 punnd Sasunnach sa' bhliadhna na's mó na bha e'nuair thainig iad a stigh; agus an àite dà muillean-gu-leth agus barrachd, a bhi aca do dh-airgiot cùl an làimhe, an ciste 'n ionmhais, tha i co falamh ri sporan feannraig air tràigh—cha'n e ann àmhàin falamh, ach tha iad air deirideal £2,421,776 dhùth air dà muillion gu leth punnd Sasunnach, agus, gun bhònn-a-séa aca g'a shreagairt! Ciod do bharail air so? e' àit a nis a' bheik na geallaidhnean mòra?—an iognadh ged robh an dùthaich sgìth dhiubh?

Each.—Tha mi 'g aideachadh gu 'n do thill an sruth—agus cò a' charraig air nach caochaili sruth uair-eigin?—ach nach bu nàr d'an càirdean an tréigsion, agus dol a nùll gu taobh na feadhna eile a dh' aona mheall mar rinn iad?

Cua.—Air t' athais, Eachuinn, a dh-aona mheall, an d' thubhaint thu? Cha b' ann mar sin idir a bhà; bha 'n càirdean 'gan tréigsinn, uigh air uigh; o'n àm an d' fluair iad an stiùir a chur 'nan làimh—chùinmeic iad nach robh earbsa r'a chur annta—nach seasadh iad an geallaidhnean, agus bha fear 'us fear 'gam fàgail, gus mu dheireadh an robh iad air an tréigsinn leis a' chuid bu mhò, agus nach b' urrainn doibh nì air bith a dheanamh achi geallaidhnean a thoirt seachad.

Mar so anns a' bliadhna 1831 cha robh air taobh an Diùc agus an Ridire Peel ann an Tigh na Cumanta

| | | |
|-------------------------|------------------------|-----|
| Ach - - - - 145 | Agus air an taobh eile | 513 |
| Sa' bhliadhna 1833, 190 | | 466 |
| _____ 1835, 280 | | 378 |
| _____ 1837, 300 | | 358 |
| _____ 1838, 313 | | 335 |
| _____ 1841, 332 | | 236 |

Mar so tha thu 'faicinn mar bha an càirdean fein 'gam fàgail o àm gu h-àm, agus a nis nach 'eil cas aca air an seas iad, ach geallaidhnean! Ach coma có dhiùbh, théid iad a nis a mach feadh na dùthcha, iad séin 's an cairdean, le'm piobairean s' l'em brataichean 's le'n geallaidhnean a mhealladh 'dhaoine' a rithist—agus gheibh iad mòran a bhitheas air am mealladh leò, a chreideas iad, agus a thogas caithream 'nan déigh mar a b' àbhaist doibh! Geallaidh iad na's urrainnear iarraidh orra—sluigidh iad gach nì a chuirear mu'n coinneamh.

Each.—Tha a' Bhan-righ fad' air an taobh.

Cua.—Thà, 's cha 'n iongatach è. Thug iad £300,000 (tri ceud mile punud Sasunnach) dhi, a thogail thighean g'a cuid each agus chon; agus thairg iad leth-cheud mile sa' bhliadhna d'a companach, Prionns' Albert, ged nach do leig a' Pharlamaid leò ach deich-mile-fichead thoirt dá. Cha 'n iongatach ged robh iad mórr 'na beachd, 's gu h-àraid o nach leig iad a h-aon eile 'na làthair; agus a' cheart fheadhain a chosd tri cheud mile ann an tighean each agus chon do'n Bhan-righ, agus a tha toirt deich-mile-fichead sa' bhliadhna do dh-oiltigh ann an Eirinn a dh'àrach shagartan Pàpanach, cha tugadli iad peighinn seachad, no eadhon gealladh féin, air son cuideachadh leis na Gàidheil bhochda dol thairis do America, no a thogail eaglaisean air feadh ar dùthcha! Sin agad, Eachuinn, smior na firinn; ach 's eigin dealachadh.

Each.—Innsibh so dhomh. 'Bheil comhstri ann an siorramachd Inbhirnis am bliadhna? no ann an siorramachd Earraghaidheal?

Cua.—Cha 'n eil. Tha an sean fhear a' faireach a stigh air son siorramachd Inbhirnis, Mr. Baillie. Cha 'n eil Tighearn Ille 'tighin air aghart idir air an àm so; agus tha Tighearna Mhonì (no Mhogheadh, mar their iad 'na dhùthaich féin) ri suidhe gun chomstrij idir.

Each.—An ann mar so a tha? Matà, bu shuairce Tighearn Ille; b'e féin an duin'-uasal glan, 's cha b'e 'cheannach a rinn e! Ach có tha 'strigh air son an Òbain, Ionaraora, agus Ceanuloch-Chille-Ciarain?

Cua.—Thà an sean fhear, bràthair Jarla Bhoid, agus uasal òg eile, meangan ùr do chraoibh co maiseach, a' giùlan toraidh co paitl ann an gniomharaibh iochdmhor ri aona chraoibh ann an Albuinn uile, Mr. Stirling, oighre òg Chéir agus Cheannmhuir, aig am bi, ma chaomhnar e, ann an àine bhig, barrachd beairteis na th'aig aon duine òg san dùthaich—neach aig nach 'eil dad r'a iarraidh—agus neach, cia dhiùbh sheasas no nach seas iad e, a dh'ùinseas an fhìrinne—nach dean gealladh nach coimhlion e.

Each.—Cuin a sgaoileas a' Phàrlamaid ?

Cua.—Tha a' Bhan-righ air a' cheart àm so 'gan sgaoileadh, mar tha thusa 's mise 'labhairt ; agus tha mi cìnnteach gur h-e do ghuidhe dùrachdach, agus mo ghuidhe-sa, gu'n cuirteadh a suas daoine matha do'n Pharlamaid ùir—daoine glic—daoine air a' bheil eagal Dia, agus aig nach 'eil miann a's airde na math coitchionn na dùthcha chur air aghaidh.

Each.—Mar sin. Slàn leibh !

LUNNUINN.

AN III. EARRANN.

TIGH-EIRIDIANN GHREENWICH, AGUS AN DUN.

Cha'n eil àite dlùth do Lunnuinn a's fearr is airidh air fhaicinn na Greenwich, baile beag tha mu astar cheithir mile sìos o Lunnuinn, air bruach na h-aibhne. Tha rathad iaruinn eadar an t-aite so agus Lunnuinn, aùn am bheil anabharra sluaigh air an giùlan o mhoch ga anmoch, air an còig-mionaide-déug. 'S e nì tha 'fagail a' bhaile bhig so co ainmeil agus co airidh air fhaicinn, an Tigh-eirdinn eireachdail a th' ann airson sheòladairean aosmhòr—tigh nach 'eil a leithid eile do 'n t-seòrsa san t-saoghal nile. Is àillidh, stàdail an aitreasbh mhór so, air a togail le clachan snaighte, air chor agus gur coltaich e gu mór ri Pàilliun rioghail na ri Tigh-eirdinn air son sheòladairean bochda. 'S ann air son Pàilliun do bhan-righ 'nn Ealasaid a thogadh e air tùs ; ach 's ann ri linn Uilleim agus Mairi a thogadh a' chuid a's mò dheth. 'S e'n duine ainmeil sin, Sir Christopher Wren a thog an tigh ordheirc so. Tha e ochd ceud tri fishead agus còig troidhean air fad. 'S ann sa' bhliadhna 1694 a rinneadh tigh-eirdinn aeth. Tha air an àm tri mile fear saor-dhuais a' tàmh ann, agus còrr agus ochd fishead ban-altrum a' feitheamh orra san tha tinn no uireasach ; agus tha dà mhile dhéug 'ar fhishead (32,000) do sheann seòladairean air feedh na rioghachd a' tarruing saor-dhuais, no pension as. Tha costas an àite agus na tha air a phàigheadh do 'n 32,000 sin air a chruinneachadh o chìs tha air a thogail o gach seòladair tha mach á Breataunn. Tha h-uile seòladair a' fràigheadh sèa sgillean sa' mhìos as a thuarasdal, agus tha so a' togail snum co mór 's gu bheil nile chosd an tighe air a dhìol leis. Tha uile gu léir, dlùth do cheithir mile pearsa a' tàmh san tigh-eirdinn eireachdail so. 'S enaigh-iongatais mothuchadh dhoibh—is seann seòladairean loingeas-chogaidh iad nile—cuid air aon chois—cuid le aon sùil no aon làmh—cuid gun chas gun làmh. Thug iad d' ar cuimhne facaill an òrain.

“'S iomadh rudha coimheach targ
Thug an leabas as an gràidh.”

Tha 'n t-aon seòrsa aodaich orra uile—casag fhada ghorm, ad chocte, bucuill 'nam brògan, agus tha na h-uile coltas orra bhi cridh-

eil sùnndach: tha biadh 'us aodach 'us cairtealan aca co math 's a b' urrainn duine iarraidh; agus a bharrachd air na 's urrainn iad a chaitheanadh do bhiadh 's do dh-aodach, tha leth-chirrun san t-seachduin aca do dh-airgiot-pòca, air son tombaca agus ghnothuichean beaga eile. Chìtear iad 'nan suidhe, buidheann an sud 's an so, a' seanachas, a' gabhail òrain, a' lenghadh, agus a sràidimeachd mar thogras iad. Tha páire fharsuing aea air son coiseachd, agus na h-uile cothrom a b' urrainn an eridheachan iarraidh; ministeirean gu searmonachadh dhoibh, leabhraichean maith do gach seòrsa r' an leughadh, lighichean agus banaltruman 'gu feitheamh orra, agus cead dol a mach feadh a' bhaile mar thogras iad. Air uairibh tha connsnochadh agus tuasaidean eadar na bodaich, a' tighin thairis air na chunnaic iad, na blàrau san robh iad, na loingeis air na sheòl iad, agus na ceannardan àrda bha tharpa.

Dlùth do 'n àite so tha seann long chogaидh mhlòr a bha ainmeil 'na latha 's 'na linn féin, an *Dreadnought*, air acair, agus tha ise mar thigh-eiridiunn aig gach seòladair a bhuiteas do rioghachd eile agus a bhios tinn no nireasach, agus tha na h-uile ni air a dheasachadh air an son a b' urrainn doibh iarraidh.

Cha 'n urrainn do neachl na h-ionadaibh iochdmhor tròcaireach so fhaicinn gun sòlas agus taingealachd do Dhia a dhùisg daoine gu 'leithid do charantachd a thaisbeanadh do dhùireasaibh nam bochd.

Suas o'n àite so tha **DUN** no **TUR** mór Lunnuinn, ris an abair iad sa' Bheurla *The Tower of London*. 'S iomadh linn a nis a chaidh seachad o'n thogadh an dòn-àit ainmeil so. Tha ballachan làdir mu, thiumchioll, agus dìg dhomhain làn uisge; agus air bràigh nam ballachan, air gach tùr agus baideal àrd, tha gunnacha-móra ann an lionmhorachd. Tha dusan acair fhéarainn an taobh a stigh do bhallachaibh an àite so. Tha osceann mile bliadhna bho 'n thogadh an Dùn so air tùs, ach bha righ an déagh righ a' cur ris; tha e nis mile, agus tri fíchead troidh air chuairt. Ghabhadh e leabhar mór dad do chùnutas ceart a thoirt air an àite so. An taobh a stigh do bhallachan an dùn so tha 'n t-àite sam bi iad a' cùinneadh an òir agus an airgid, ris an can iad am *Mint*. So àite 's airidh air flaicinn, anns a' bheil an aefhuiuin a's cumhachdaiche air an t-saoghal airson òr agus airgiot a chùinneadh, agus far a' bheil iad air an àm a' deanamh buinn òir is fliach cóig *sovereigns*, no cùig puiund *Shasunnach*. Tha na h-uile seòrsach do ghunna-mór no beag a chleachdadh riabh air fairge no tir r' a fhaicinn san àite so, agus cha 'n eil innleal-cogaidh a tha aon rioghachd air thalainh a' cleachdadh nach faicear an so. O blàraighean seómraichean àrda tha na brataichean a ghilacdadh sa' chogadh; agus cha'u eil blàr anns an robh an t-arm *Breatunnach* riabh, no anns an d' fhuairean iad buaidh, nach eil nì-eiginn an so a ghleidheadh mar cluimhneachan air buaidh an latha. Tha ann an aon seòmar airm-chatha air son deich mile seòladair, deas agus réidh airson an eur gu fèum; agus 'ann an àit eile airm airson cend gu leth mile saighdear; as nach do loisgeadh urchnir riabh. Cha 'n eil innleachd a flinaradh a mach

airson cur as do mhac an duine (agus is lìonmhòr iad) nach faicear an so. Tha gach seòrsa lùireach iarninn acli leachdadhl san rioghachd r' am faicinn ann, agus samhladh nan laoch's nan each fad inhile bliadhna bha 'gan giùlan. Tha e duilich a chreidsinn nach 'eil na h-eich's na marcaichean heò; agus tha beachd co math air fhaotainn uapa air cleachdaidhnean nan limitibh a dhi' fhalbh's ged a robh sinn beò san am.

Tha r'a fhaicinn ann an seòmar san àite so an coron rioghail fo 'n do chrùnadhl nile rìghrean Bhreatunn fad ochd ceud deng bliadhna. Tha an coron so do dh-òr air 'oibreachadh gu h-àillidh, le anabharra do chlachan lnachmhòr. Tha an ann t-slat rioghail òir, mar an ceudna a chnireadh an làmh nan rìghrean 'nuair a chrùnadhl iad; tha i so costail, fiach mòr do chlachan lnachmhòr air an oibreachadh a stigh innte. Tha móran do shoithichean òir an so tha aosinhor luachmhòr, agus air an gleidheadh le anabhaara càraim. Tha euid diubh air an deanamh le dreach agus eireachdas nach 'eil e comasach a chleachdadhl a nis. Tha na soithichean òir an so as a' bheil an Teaghlach rioghail air am baisteadhl; agus móran do shéudan prisail nach nrainnear ainmeachadh fa leth. Faodaidh e seòrsa do bheachd a thoirt dninn air an luach, gn bheil aon chlach ann a tha air a meas air dheich mìle punnd Sasunnach, (£10,000). Tha móran do sheann leabhairaichean air an gleidheadh an so—seana chòraichean, agus paipeirean prisail, agus daoine ris a' bheil iad an earbsa air am páigheadh airson càraim a ghabhail diubh. Tha an so an tuadh's an ealag air na chuireadu gu bàs ionadh Banriinn agus moraire, agus ionadh duine ainmeil; agus chithear an leac fhathast air am b' àbhaist dhoibh daoine a losgadh, agus an enr-gn bàs na genleanmhuinn.

Ann an aon fhacall, ghabhadh e seachduin do dhnine an t-àit iongatach'so a raunsuchadh no beachd ceart air bith a bli aige air. Airson ochd-sgillean-deug chìtear na bheil r'a fhaicinn ann, agus daoine glie, siobhalta tuigseach gn gach nì a mhineachadh gu socrach, daoine tha co modhail do 'n duine's isle's a bhiodh iad do'n duine sàirde san tìr.

Theid sinn air ar n-aghaidh 'na dhéigh so gu cùnnatas thoirt air enid do nthihl eile ann an Lunnuinn.

SEALG AN FHÉIDH.

EARRANN II.

"O ! céum an t-sealgair ri mo chluáis,
Le sranna ghath a's chon feadh sléibh !
'N sin deàrsaidh an òig' air mo ghruaidh,
'Nuair dh'éireas toirm air sealg an fhéidh !"

A Chuairteir Rùnaich,

Chuir sibh móran meas air sean Ailean-na-Beinne le a litir a chur a mach san àireamh fa dheireadh do'n Chuairtear. 'S ionadach sgéul neònach a dhi'fhaodainn a thoirt duibh mu Shealg an Fhéidh; oir

chuir mise seachad a' chuid bu mhò do m' làithean am measg chreag, agus air feadh a' cheò; agus 's ioma cunnart a ruith mi air lorg an fhéidh—air seacharan gu tric ann am m'onaидhnean farsuing an àm cur a's cathaidh, a' cur seachad na h-oidhche fo sgàil craige, no ann an uaimh ùdlaidh. Ma tha daoine-beaga, no sìthichean, ann, bu chòir dhòmhsa eòlas a bhi agam orra. 'S iomadh bruth a's tolman uaine air na shuidh 's na chaidil mi, anns a' bheil iadsan, ma's fior, a' tàmh; ach cha'n fhaca 's cha chuala mi a h-aon diubh riabh. Choinnich orm iomadh saighead-shìth, ach cha'n fhaca mi riabh iad air an tilgeadh, agus cha mliò a dh'fhirosraich mi gu robh buaibh no feart air bith annta; ach, o'n thuit domh tighin thairis air a leithid so do sheanchas, innsidh mi dhuibh sgeul beag mu nì àraidh a thachair orm, agus a chuir seòrsa faiteachais orm air an àm.

Tha nìs còig bliadhna-déug-'ar-fhichead o'n thachair dhòmhsa agus do dh-lain Ruadh a' Choire, forsair a bha aig Diùc Athull, a bhi 'mach air a' bheinn air tòir fhiadh. Thog sinn oirnn gu moch. Bha 'mhaduinn dorcha duaichni. Ràinig sinn guala na beinne, far na shuidh sinn greis, gus an deach fras thróm shneachda seachad. An sin ghabh sinn air ar n-agħaidh gu aisrith chorraħ chas, far an robh dùil againn lorg nam fiadh fhaicinn, agus seòrsa do bharail fhaotainn ciod a' taobl do'n bheinn air an robh iad. Chunnaic sinn a' ghreiraigh ann an aigeal a' ghlinne, agus ghabh sinn sios gu h-athraiseach. Cha'n eil fios agam ciod a chuala no chunnaic iad, ach thàr iad a nuas, dìreach glan a dh-ionnsuidh a' cheart àite san robh sinn. Chaidh sinn cùl craige, as an t-sealladh. Ghabh iad gu socrach, a' chuid bu mbò dhiubh, seachad oirnn; ach thainig aon damh donn, cabrach mòr, eo dlùth 's gu'n do loisg sinn air. Chunnaic sinn gu robh c air a leònadh, ach cha do thuit e. Lean sinn an lorg. Thòisieh an sneachda, cur 'us cathadh anabharach tróm. Bha'n fhuil r'a faicinn air uachdar an t-sneachd, agus thuig sinn air a luirg gu'n robh e leonta gu tróm. Lean sinn e o àite gu h-àite. B'e deireadh an fhogħaraidh e, agus tha fios agaibh mar tha'n sean-fħacall ag ràdh: "Mar chlach a' ruith le gleann, feasgar fann fogħaraidh." Chaidh sinn air seacharan—cha robh fios c'àite 'n robh siu—cha robh còlas againn air stùc, no craig, no monadh, air an robh sinn a' siubħat. Cha robh fémin a bhi 'strigh na b'fhaide. Ami measg għarb-h-ċħiroch 'us chreagan àrda, fluair sinn slochd far an robh fasgadh o'n għallinn. Chaidh sinn a stigh air mhàgaran; agus air dhuinu aran 'us càise, agus dileag bheag dhibhe bhi againn, agus deagh breacana glas anns an do shuain sinn sinn féin, chuir sinn seachad an oidhche 'nar cairtealabhi fiadhaich gu ro-mhath. Thàinig a' mhaduinn, ach cha dō sguir an sneachda; shéid a' għaoth —chluiñteadh onfha tróm agus għalbinn air a' bheinn. Cha robh snim againn a nis do'n fhiadħi leðinte, ach bha sinn fo iomaguin ciod a dheanamaid. Bha fios againn gu robh a' għaoth as an airde-tuath. Thionu daidh sinn ar cùlaobh ris an stoirm, agus għabb sinn air ar n-agħart, a' téarnadh gu faċilteach. Cha robh greimi r'a ittheadh, no deur dibhe r'a ol, sa' mhàileid; ach choisich sinn war a b'fħearr a b'urrainu duinn, agus gun fħios gu ro-mhath c'ait an robh sinn a' dol. Mu thuiteam na h-oidhche, chunnaic sinn gleann ûdlaidh domhain,

seòrsa do choire creagach, romhainn. Theirinn sinn sìos ; agus, mar bha sinn ag amharc a mach air son fasgaidh am measg nan creag, mhothuich sinn bothain-àiridh agus cròithean chaorach air lèanaig bhig chòmharnard taobh aibhne ! Cha robh dùil no-dóchas againn gu robh duine no créutair beò san àite. Ghabh sinn a dh-ionnsuidh an aoin bu sheasgaire coltas. Dh'fhosguil an dorus gun bhuelle bhualadh, agus sheas seana bhoirionnach duaichni gruamach air an stairsnich. "Gabhaibh a stigh," ars' ise ; "bha dùil againn ribh—bha fios agam gu'n robh sibh air a' bheinn—'s e ur beatha—tha ur biadh 's ur leaba deas." Agus mar thubhairt, bhà ! Bha bòrd mu choinneamh a' ghealbhain, agus anart glan—aran cruaidh coirce agus mulchag chàis' air a' bhòrd—agus, mar dh'fhiorsaich sinn 'na dhéigh sin, poit air ghoil, anns an robh eanaraich do shithionn co math 's a chuireadh riabh ann am meadar ! Cha b'urrainn domh mo shùil a thionndadh o bhi 'g amharc air aodann preasach na caillich—a h-eugsamhul cha 'n fhaca mi riabh :—aodann fada glas ; falt fada, seang, tana, sìos mu 'guaillich ; suilean beaga glas, air an leth-fhalach ann am frògan dorcha, le mailthean mòra dubha. Cha 'n fhaca mi aodann riabh anns an robh barrachd do choltas seòltachd, agus foille, agus droch-bheirt. Bha céuni crùbaich innte. Bha seòrsa do chrònán òrain 'na beul mar bha i 'taomadh a mach na h-eanaraich ann an dà chuman bhòidheach leth-chluasach a chuir i mu choinneamh gach aon againn. Thainig sgàth oirnn le chéile ; agus ged a bha sinn sgith, claoidechte, acrach, 's gann gum b'urrainn duinn ithe. O'n ghualainn aice, cha robh mulchinn no léine ; agus làmh co fhada, righin, chaol, cha 'n fhaca mi riabh. Bha facaill agus cainnt aice, air uairibh, nach b'urrainn duinn a thuigsinn. "Ithibh," ars' ise, "'s e ur beatha." Thig i connadh air an teine, agus an sin sheas i suas mu'r coinneamh—sreang chaol chruaidh 'na làimh, air an robh trì snaimean. "Thug mise," ars' isè, "fuasgladh an nochd do ghaillinn na beinne. Agamsa tha cumhachd thar na siontaibh ; 's an t-sreing chaol chruaidh so tha a' bhuaidh. Ma dh'fhuasglas mi aon snaim, séididh fathan a réir miann an t-sealgair ; ma dh'fhuasglas mi 'n ath shuaim, séididh gaoth àrd agus gaillionn ; ach ma dh'fhuasglas mi an treas snaim, séididh stoirm nach seas duine no beò-chréutair. Thig an doinioniù an sin a nuas ro' choire 's ro' ghléann—craobh no crann cha chomas seasamh. Thig an tuil gu ruadh, dorch, air bàinidh, o gach sgàirnich ; agus an gàirdean seargte sin, stiùraidh e an tuil 's a' ghaoth. 'S i mo chathair binnein a' chreachainn àird ; 's e mo ghille-freasdaile torrunn nan spéur. Dh'fhiorsaich sibhse an diugh mo chumhachd—nuair a shéid a' ghaoth, 's a thainig an sneachda 'na chuairt eagalaich mu'r timchioll. Agus nach léur dhuibh gu robh dùil agam ribh ? Cha d'thug sibhse sithionn leibh ; ach ma's niann leibh coinneachadh, thig sibh fhathast le fiadh cabarach, no aghl seasg o bhràigh Athull, air a 'mheadhonoidhche. Thigibh a nuas o Charn-na-fala ; cha dean taibhse 'n Fhriosealaich cron oirbh, agus fios aige c'àite 'bheil sibh a' dol. Ma ni sibh dearmad air so," ars' ise, 's i 'togail a gàirdein fada seargte suas os ceann a cinn, "thig tubaist oirbh—glacaidh an tuil sibh san abhuinn, no bàsaichidh sibh ann an cuithe sneachda—togaidh am fitheach ur

luinneag bhàis, agus bidh 'ur feòil 'na lòn aig an fhìrein!" Air dhi so a ràdh, thiounndaidh i air a sàil, agus chaidh i a mach.

"Nì-math eadar mi's tu!" arsa mise a'm chridhe féin, oir bha eagal orm labhairt. Thainig uamh-chrith agus uamhunn orm, agus crith air m' fheòil. Chuir Iain Ruadh a' Choire a bheul ri m' chluais, agus, ann an eagar iosal, thuirt e, "'S i so buitseach Beinne-ghlò!" Chaidh sinn a laidhe—chaidil sin gu tróm—dhùisg agus dh'ëirich sinn; ach sealladh eile do'n t-seana mhnaoi cha'n fhaca sinn tuillidh. Ach chuala sian có i—boirionnach bochd a bha as a beachd, agus tha a' caitheamh móran d'a h-ùine o àiridh gu h-àiridh, agus aig an robh, gun teagamh air bith, anabharra fiosrachaидh agus eòlais mu dhéibhinn gach nì bha 'dol air aghart san tir.

'S ann dhù do'n cheart àite so bha dñine 'bba aimmeil 'na latha féin a' tàmh, d' am b' aium Iain Mór. Bha baile beag fearainn aige air mhàl o'n Mhorair MacAoidh. Cha robh cead aige, 's cha mhò a dh'iarr e cead, féidh a mharbhadh. Ach coma có dhiùbh; chuir e seachad a' chuid bu mhò d'a aimsir a' sealg; agus cha robh latba sa' bhliadhua air am b'nrainnear sithionn ithe, nach robh slinnean no sliasaid mhath ann an tigh Iain Mhóir.

Chaidh am Morair MacAoidh, d'am b'aum Dòmhnull, a choimhead Iain Mhóir, a dh'fheuchainn am b'urrain da thoirt air sgur do shealg. Dh'fhàg e a ghilleann cùl na beinne, 's thainig e gu tigh Iain gun duine leis. Bha Iain Mór 'na sheasamh san dorus; chunnaic e am Moraire 'tighin, agus chaidh e 'na chòmhdbail. "An toir thu dhomh mo lòn-maidne?" arsa 'm Moraire. "'S mise ni sin gu toileach," ars' Iain. "Ceud mìle fàilt air m' uachdar an àrd! Thig a stigh, a Dhòmhnuill," ars' Iain Mór, oir b'e so ainm a' Mhòraire, agus urram na b'airde cho tugadh Iain dà; "thig a stigh, a Dhòmhnuill. Sin agad furm; dean suidhe, agus gheibh thu r'a ithe na chosd dhòmhsa beagan saothreach a thoirt dachaidh." Dh'fhosguil Iain ciste bha taobh an teine, agus thug e mach tubhailte għian do dh-anart caol. Chuir e so air bòrd daraich a chuir e 'mach am meadhon an t-seòinair, agus sgaoil e anart eile air glùn an duin'-uasail. Għluais e 'n teine. Thug e mach gealag bhoidheach blradain a bha déas air son na grìosach. Cha b'fħada bha 'n t-iasg 'ga uidheamachadh; agus an sin thug e mach slìnneag do shithiunn co eireachdail 's a chunnaic am Moraire riabh; agus chàirich e so air a' bhòrd, le arau, 'us ìm, 'us càise, m'a choinneamb. "'Bheil sgian idir agad, Iain Mhóir, no salunn?" arsa 'm Moraire. "'S maith na sgonan na corrigan 's na fiacian," ars' Iain; "'s a thaobh saluinn, cha d'ionndrain mi riabh e le sithiñn. Tha sithiunn mar ìm àiridh, 's milse i gun saluinn." Thug e 'n sin a mach searrag an robh deur do'n fħiex Thòiseach, agus cha'n fhóghnadh leis gus na għabli am Morair aon sgaille chridheil deth.

Thòisich am Moraire 'n sin ri labhairt ri Iain Mór. "'S math lean," ars' esan, "Iain Mhóir, ged tha thu a' marbħadli fhiadh nach buin duit féin, nach 'eil thu 'ga chleith; oir thug thu dhomh bradan o m' linne féin, agus sithiunn o m' bheinn. A nis, Iain, ċisd riuum. Bheir mi dhuit cead fiadh a mharbhadh air Fiouna Bheinn, an dràsd 's a rithist, ma għeallas tu nach bean thu do dhainb, no eilid, no aghi,

ann an àit eile air m' flearann. 'S éigin duit togail do'n mhèirle so."

"A Dhòmlmuill," ars' Iain Mór, "an eunal' thu riabh—'Maid' á ceille—fiadh á doire—iasg á linne—trì seòrsa mèirle as nach ruig neach beò näire 'ghabhal gu bràth.' A nis, móran taing dhuit, a Dhòmlmuill, gu'n do chuir thu do dh-onoir orm do lòn-maidne 'ghabhal a'm bhothan bochd. 'S e do bheatha uair air bith a thig thu 'n rathad. Ach a thaobh do thraigse air 'fiadh an dràsd 's a rithist air Fionna Bheinn,' na cluinneam facall tuille mu 'dhéibhiun. Thoir còir na beime sin do dh-aon fhear eile 'thogras tu; ach cia air bith àite, air monadh no srath, ann an gleann no air beinn, air feadh na dùthcha, anns am bi na féidh a's fearr eulaidh a' taghall, 's an àite sin gheibhbear Iain Mór."

Thuig am Moraire nach robh math dha 'blii 'labhairt, agus dhealaich e ris.

Slàn leibh, a Chuaireir rùnaich. 'S mise ur seana charaid,

AILEAN-NA-BEINNE.

AM BRUADAR.

Bha'n oideche mu dheireadh do'n bhliadhna a' grad rnithi seachad, —dh' flias na gaothan ànradhach gu h-ealamh ciùin, bha 'n talamh air a' shioillseachadh le gathairbh òr-bhuidh' na gealaich, a bha 'dealraochadh mar gu'm b'ann le-li-ùr-ghàirdeachas, agns bha na rionnagan drilinneach, mar shendaibh boillsgeach, a' breacadh na h-iarmait! Le tròm-bhùillibh tiamhaidh, bhuaileadh aon nair deng air nairdeadair mòr na scan eaglais! Aig a' mhionuaid sin, dhlùthaich seann duine ri unneig bhig a bha ann an aon do sheomraichibh tighe snarach, anns an robh e rè iomadh bliadhna, a' gabhal còmhnuidh 'na aonar! Sheall e inach air an unneig, agus thog e a shùilean trom, an toiseachl suas ris na spenraibh, agus a' ris, sheall e sios air an talamh, agns ghnidh e nach faiceadh a shùilean aon chuid na spenran' no an talamh, tuilleadh ui's mò! Bu truagh agus dòruinneach da rìreadh an seann duine sin, —seadh, truagh gun choimeas, agus dòruinneach thar tombas! Chuunaic e 'naigh fein air a cladhach ri' thaobh, agus a' fosgladh a beòil gu farsuing chum a shlingadh suas! Air leis gu'n eunal e guth, ag ràdh ris, "Seall, O! a dhùine pheacaich, air do leabaidh fhuar, oilteil, agns dhiorcha—faic an seòmar enmhau a dh' òrdui cheadh do gach uile bhed!"—Cha b'rrainn da cur snas leis an t-sealladh ni b' fhaide,—dh' fhalbh e o'n unneig,—dhùin e a shùilean, agns ranusaich e a chridhe fein! Chuunaic e nach d' thug an saoghal fada a fhuaire e, toradh sam bith naith, ach peacannan, eneartan, agns truaighean gnn àireamh! Chuunaic e a chorpdiblidh fein a' turamanaich air bràich an léir-sgrìos,—anaim air a thrnailleadh le plàigh a' pheacaidh,—a chridhe làn searbhadais agus aingidheachd, agns a shean aois air a claoiadh gu h-lomlan le h-agartas cognis! Ghrad smuainich e air laithibh sòlasach 'oige fein, a theich air falbh mar neùlaibh a chaidh as an t-sealladh!

Chuimhnich e air gach deagh eisimpleir a chuir a phàranta gràdhach roimh a shùilibh, agus mar a thug iad oidhearp air a chur air an t-slighe cheart, agns an droch shlighe a sheachnadh. Dh' innis iad dha gu robh dà shlighe ann; aon diubh a' dol chum na làimhe deise, agus a' treòruchadh an luchd-turuis gu tìr na subhaile agns na slàinte; agus an t-aon eile chnm na laimhe clì, gu tìr na dubhaile agus na dòrninn, tìr a ta làn do nathraichibh nimh-neach, agus do phlàighibh millteach, far am bheil gul agus giòsgan fhiacal gu sìorruidh!

Mo thruaighe! chunnaic an seann duine truagh so gu'n d'rinn e roghainn do shlighe an Uile.—Bha na nathraichean 'gan toin-neamh féin mu'n cuairt da, agus bha an nimh marblitach aca, a cheana, 'gluasad 'na chuislibh! Le h-àmhghar, le cràdh, agus le li-éudochas, nach comas do bhliathraibh a chur an céill, thog e a làmhan seargta suas ri nèamh,—phaisg e gu teann iad, agus ghlaodh e gu h-àrd, "O! Athair, thoir air ais domh m'oige,—thoir air ais domh na bliadhan a dh' fhalbh, chum gn dean mi roghainn do rathad aimhleathan na Subhaile."—Ach bha e 'glaodh-aich gn diomhain, oir cha chual 'Athair e,—dh' fhalbh làithean 'oige, agus air an ais cha bu chomas an tabhairt! Bha fios aige air so, agus ghnil e,—seadh, ghuil an seann duine àmhghharach gu frasach; ach cha tng a dhénran lasachadh sam bith dha! Sheall e mach an dara h-uair, agus chunnaic e boillsgean solnis a' erith-gluasad air na raointibh, agus air an smàladh as mn dheireadh anns na h-aitibh-adhlaic; agus tbubhairt e, "Och! cia cosmuil ris na solusaibh luaineach so, bha làithean amaideach ní' òige-sa." Sheall e mach a rìs, agus chunnaic e reult a' triteam as na spéurlaibh chum na talmhainn, far an d' fhàs i gn h-ealamh 'na meall dorch agus eagallach; agns thubhairt e, "Is mise fein an reult so,"—agus ghrad dh' fhosgail na lotan gràimeil sin 'na chòm, a rinneadh leis na nathraichibh-nimhe a bha 'ga theannachadh mu'n cuairt!

'Nàm dha a bhi 'g amharc a mach air an t-saoghal aingidh, bha sàmhlaidh an déigh sàmhlaidh, mill theine, lasraichean eagallach, agus crètairean òillteil do gach gnè, a' dol seachad fa chomhair! An nair a bha e mar so a' beachdachadh air gach nì a bha toirt barrachd air a chéile le'n uamhas agus goirisinn, thug uaireadair mòr na h-eaglais caismeachd dha, gn'n robh a bhliadhna air a crìochnachadh, agus bliàdh'n' eile air tòiseachadh!—Bha meadhon na h-òidhche air teachd! Smuanich e air gach cothrom a chaill e,—air gach rabhadh a chuir e suarach, agus air gach deadh eisimpleir air an d'rinn e riamlì tàir agus magadh! Chuimhnich e air càirdibh 'oige féin,—air sonas gach aon diubh fa leth oir bha iad ionraic, subhaileeach, agns naomh. Thug a fa'near mar a bha euid dinbh 'nan luchd-teagaig urramach,—euid 'nan aithrichibh theaghlaiche beannuicht—euid eile 'nan solusaibh do'n t-saoghal, agus gu'm b'e sonas an cnibhlionn ann an àm agus ann an sìorruidh-eachd!—Ghlaodh e mach, "Och! nam bithinn-sa glic, dh' fheudainn a bhi an nochd co sona riù-san! Dh' fheudainn a bhi gn

chùram gun eagal, gun sùilean deurach, agus gun chridhe àmhigliarach, a' faicinn na bliadhain'-ùir a' teachd, agus na seana bhliadhna air a co'-chnur ri linntibh na siorruidheachd! Och! is duine trnagh mi! O Athair agus a mhàthair ghràdhaich, cia sona, sona a bhiodh mo chor-sa air an oidhche so, nam bithinn riamh ùmhal do gach comhairle a thug sibhse orm! Cia liòn beannachd, a phàrranta mo ghràidh, a ghuidh sibh air an Ti Naomh a bhuiileachadh orm, cia minic a chomharaich sibh a mach dhomh an t-slighe air am bu chòir domhimeachd? ach chuir mise gach nì a ghnàthaicheadh chum mo leas siorruidh ann an suarrachas, agus ghabh mi mo chomhairle, agus mo sbliche aingidh fein."

Cha b' urrainn da amharc a mach ni b' fhaide! Chòmhdaich e a ghnùis phreaságach le 'làmhaibh, agus air do na deuraibh a bhi 'sruthadh 'nan tuiltibh o a shùilibh, thuit e sìos gu lnath air a ghlùinibh agus le guth fann, briste, màll, ghuidh e, ag ràdh, "O! a làithean m' òige, thigibh air ais,—thigibh, thigibh am' ionnsuidh-sa a ris."—Cha do ghuidh e, gu diomhain,—thàinig làithean 'òige air an ais, oir cha deachaidh iad fathast seachad! Dhùisg e—leum e as a leabaidh,—bha solns na gealaiche soilleir 'na sheòmar, agus mhothuich e le gàirdeachas gn'm b'iad a pheacan, agus bruadar eagallach a chunnnaic e!—Bha e fathast 'na òganach, agus cha robh e sean ann an aingidheachd.—Le denraibh an aithreachais, chaidh e air a ghlùinibh gu grad ri taobh a leapach, agus thug e buidheachas de Dhia a chionn a leithid do shealladh a thoirt da air a pheacaunaibh fein, agus a chionn gu'n do chomharaich e mach dha, eadhon ann am bruadar, uamhas na crìche sin, chum an treòraicheadh a għiulan aingidh e, mur deanadh e aithreachas! Ach trid gráis Dé, rinn e aithreachas, agus riamh an déigh na h-òidhche sin, bha e 'na dhniue nuadh, "aig an robh tlachd ann an lagh an Tighearn, ayus a bha 'smuaineachadh air a lagh-san a là agus a dh' oidhche."

Fhìr-leúghaidh a Chuaireir! Có do'n dà shlighe a dh' ainn-micheadh, air am bheil thusa a' triall? Ma's ann air slighe na làimhe deise, i mich romhad le beannachd do Chruitheir,—"na bi fo eagal, agus na biodh faitcheas ort; oir tha'n Tighearna do Dhia leat, agus maille riut, anns gach ionad d'an téid thu."—Ach, feudaidh e tachairt gu bheil thu a' triall air slighe na laimhe clì;—ma tha, O! stad gu h-ealamh—gabh rabhadh—dean aithreachas,—pill an uair a ta sin a'd chomas,—oir, tha 'n t-slighe leathan sin a' treòraichadh sios chum sgrios siorruidh! Guidh air an Tighearna, nach éirich uamhasan a' bhrnadair eagallaich so ann am breith-eanas a'd aghaidh!—Mo thruaighe thusa, ma thig an t-àm anns an glaodh thu, le h-àmhghar an en-dòchais, "Thigibh air ais, O! a làithean sòlasach m' òige"!—Eu-cosmhnil ris an t-seann duine anns a' bhruadar, nithear fochaid ort le fuaim thiamhaidh do chaoiadh agus do ghearin fein, oir a chaoiadh nan cian, cha tig làithean aoibhneach t' òige air an ais dhuit a ris!

SGEÚL AIR LOCH NAN LEANNAN AN ÉIRINN.

Tha 'n Loch-uisge aillidh so a' dealachadh o chéile an tìr a bhluineadh o chionn fhada do dh-O'Ruaire mór na làimh-ciotaich agus MacDhiarmaid àrd a' chinn duibh. B'iad sin ainmean nam flaithean arda cumhachdach d' am bnineadh an dùthach air gach taobh do Loch-nan-Leannan ann an eilean glas na h-Eirionn. Fad iomadach linn bha naimhdeas, gamhlas agus mì-run eadar an dà chinneadh so—dh' fhuathaich iad a chéile le anabharra gràin, agus ghabhli iad na h-uile cothrom a b' urrainn iad air gach olc a bha 'nan comas a dheanamh, an dara h-aon air an aon eile. Cha robh cothrom a b' urrainn doibh a ghabhail air àr agus sgrios, agus losgadh agus fòirneart an agaidh a chéile nach do ghabhli iad. Thainig an droch spiorad so 'nuas mar dhùilib d' an sliochd—dheoghailean iad e mar gum b' aon á ciocchar am màthar—cha [b' urrainn do Chloinn O'Ruaire tachairt air Cloinn Diarmaid air féill no aig eill, nach biodh tuasadid 'us caonnag 'ns cogadh 'us bàs.

Bha aig O'Ruaire mór na laimh ciotaich, mac, agus cha robh leanabh eile aige ach è—Connar donn nam mìle buaidh—flath òg, eireachdail, dreachmhòr, lùghor làidir. Cha robh eadar dà cheann na h-Eirionn mìle gu léir a choimeas. Thogadh esan o 'òige le suath an aghaidh Chloinn Diarmaid; ach ged a dh' amhairec e orra mar naimhdean-nàdurra a thighe agus a theaghlach, gidheadh bha e ao-comasach air brath a ghabhail orra, no gniomh an-iochdmhòr dorcha, foilleil fuitteach, a dheanamh 'nan aghaidh. Bha cridhe co blàth 'sa bhualil riabh ann an cóm, aig Connar òg nam mìle buaidh—cha robh sùil an clàr aodainn bu chaoimhneala—chailleadh e 'fhlùil a dhùion an fhéumaich—agus foill cha deanadh e air MacDhiarmaid àrd a' chinn duibh, nàmhaid a theaghlach.

Bha Connar anabharach togarrach air sealg. Bha am madadh-alluidh san àm sin lionmhòr ann an Eirinn, 's bha 'n torc fiadhaich 's gach doire 's gach beinn. Bha a' chuid sin do dh-Eirinn fo choille, agus làn do dh-fhéidh chabarach mhòra.—Bha Connar 'nn shealgair ainmeil—aun an tìr na h-Eirionn cha robh gadhair a's miolchoin co ainmeil 's a bha 'n tigh 'athar. Bu chileachdadh leis dol a machi 'na aonar le 'dhàchu-sheilg air lorg an fhléidh. Latha do na làithean mar bha a miolchoin ri sealg, leau e damh cabarach mòr o dhòire gn doire—o choire gu coire, gus an robh e air fonn agus fearann Chloinn Diarmaid. Bha abhuinn mhòr dhomhain agus leathan, cedar fearann agus tìr an dà theaghlach chumhachd-aich so. A mach air an t-snàmh ghabh am fiadh, na gadhair a' donnalaich 'na dhéigh; agus gu luath Connar sruim do 'n chunnart a bha nis dlùth, leis cho dian thogarrach 's a bha e air lorg an fhléidh. Mar astar beag do thighe MhicDhiarmaid a' chinn duibh, sheas am fiadh, na gadhair an sàs, agus an tiota beag thuit e fo shleagh gheur Chonair dhuinn.

Bha moit air, an damh cabarach a mharbhadh mar gum b' aon aig dorus tigh a nàmhaid—thill e dhachaidh, agus thòisich e nis,

ri smuainteachadh air a' gluionmh chunnartach a rinn e—tighiu leis féin air fonn agus fearaun MhicDhiarmaid, agus an tāmaitl a chuir e air le fiadh a mharbhadh aig dorus a chaisteil.—Bha 'u t-annoch a' ciaradh—chaidh a' ghrian fodha; 's mar bha e a' gabhlail air aghart chunnac e cruth aotrom geal, mar charragh faoin do cheò, co geal ri cobhar na h-aibhne, ag imeachd gu h-athaiseach ri taobh an loch-uisce.—Ged bu neach Connar donn nach d' fliosraich eagailean, gidheadh cha robh fios aige gu ro-mhath ciod a bh' ann. Chual e iomadach sgéul mu spioradan, mu thaibhsean agus nithe do'u t-seòrsa sin, ach cha b' urrainn da a chreidsium gum bu taibhs a bha 'u so, no nì mi-nàdurra sam bith—ach coma có dhiùbh rinn e ùrnúigh aithighearr 'na inntinn féin, agus thòisich e air togail beagan suas o thaobh an loch, agus fuireach mar so air ais tiota beag o'n chruth cheòtar, aotrom, spioradail, a bha 'g imeachd roimhe. Chunnaic na gadhair an sealladh agus ghrad thug iad as. Chuala Conuar seòrsa do sgríach leis na thuig e gum b' òigh a blànn. Ruith e co luath 's a b' urrainn e 's chuir e casg air na gadhair. Có bha 'n so ach àilleag na h-Éirinn, Norah an leadain dir, nighean MhicDhiarmaid mhóir. Bha diombadh àrd 'na sùil—thionndaidh i, agus le tàir naibhreach 'na sealladh, thuirt i. “‘Ne gaisge Chloinn O’Ruirc” arsise, “òigh aonarach a shealg legadhair? Ard fhilath òig tha 'nad sheasamh air fonn Chloinn Diarmaid, cha 'n eil agam ach aon fhead a dheanamh!—Stad i—oir bha i nis ag amharc air an aon aodan agus air an aona chruth a b' eireach-dala, bu phriounsal a' bu għaisgeala air na bheachdaich a sùil riabh—chunnaic i m' a coinneamh fear nach do bheachdaich i riabh roimhe air a choimeas.—Sheas Connar donn nam mìle buaidh—bha 'chòmhach-cinn le it an fhilein san dara làimh, agus sleagh fhada chaol na seilg san làimh eile.—Focall cha do labhair e—“‘Ne so” ars' ise 'na h-iuntinn féin 's i 'g amharc gu tosdach air an làr “‘ne so Connar, esan an gaisgeach air an cuala mi co lintha sgeul—nàmhaid mo theaghlaich, culaidh-eagail Chloinn Diarmaid?” Chual' i gu tric mu 'dhéiblinn, chunnaic i e roimhe so, ach gus a nis cha robh i dlùth dha, ni mò an eunal' i a ghuth.—Mar so thachair e mar an ceudna do Choniar—chual' e gu tric mu Norah, an àilleag thlàth—chunnaic e air nairibh i a' seasamh eadar e 's faire air énoc àrd—chunnaic e i astar fad air falbh a' sealg an fhéidh, agus a mach air an loch-uisce sa' churraich fhaoin air feasgar samhraidh, mar eala bhàn aonarach—agus bha i aonarach, pinthar cha robh aice, 's b' e a sòlas a bhi siubhal ro' choille 'na h-aonar ag éisdeachd ri coireal nan ian, no taoblh an uisg a' beachdachadh air chnich' an éisg as déagh cuileig an annoich. Chunnaic esan Norah, ach cha robh e riabh dlùth dhi—chunnaic e i, agus smachdaich sin féin agus lughdaich e 'fhuath air Cloinn Diarmaid—oir cha b' urrainn da smuainteachadh air MacDhiarmaid a' chiun duibh, gun chuijmheachadh 'na chridle gum b' è athair Nòraibh. Bha iad le chéile òg ard-iuntinneach, blàth-chridheach—am measg airde naim beannata gorua, feadh chraobhan 'us choille dhorchá na h-Éirinn—ri bruachan nan allt croma tormanach, dheoghail iad o'n òige

an t-aon ghaol air dànochd agus air ceòl agus àilleachd na h-Éirionn. 'S minic a chuir cleachdaidhnean na dùthicha mulad orra—'s minic, le osna thròm a thuirt iad far nach cualas iad, "Nach truagh gum biodh nainhdeas siorruidh eadar teaghlaich O'Ruire agus teaghlaich Chloinn-Diarmaid!" Sheas iad a' seanchas—phill ise leis, agus cha do dhealaich iad gus an robh reulta ruiteach na h-oidiche a' dealradh os an ceann, agus a' ghealach a' tilgeadh am faileis air uisgeachan an lochain chiùin.—Dhealaich iad, ach cha b' ann gus na gheall iad a chéile 'choinneachadh a' ris.—Choinnich iad uair a's uair—agus bhóidich agus gheall, beatha no bàs, nach cuireadh an saoghal eatorra.—Cha robh a chridhe so innseadh do MhicDhiarmaid, no idir do dh-O'Rnirc 'mar a bhà. Cha robh ann am MacDhiarmaid ach aintighearua borb, dorcha, cruaidh-chridheach, eadhon do Nòrah, an àilleag chaomh.—'S minic a mhallaich e 'na làthair an tubaist thruagh a thàinig air, nach bu mhac a bh' innte 'n àite nighin—mac a sheasadhl onoir a theaghlaich, 'na cheann-cinne d' a dhaoine, agus a chuireadh an eath an aghaidh a naimhdean. Nnair a labhradh e mn Chonnar donn, oighre O'Ruire, lasadh fearg 'us cuthach 'na ghruaидh nach robh mac aige féin a b' urrainn strìgh ris. Cha do thaisbean e air àm sam bith móran bàigh do Nòrah. Bha ise dleasdanach gràdhach, ach 's eiginn aideachadh gu'n robh barrachd eagail aice ro' a h-athair na bha aice do ghaol leanabail d'a thaobh. Bha uamhas air a h-anam gu'n cluinneadh e an t-eòlas agus an gaol a bha eadar i fein agus Connar òg—ach gu truagh, so nì nach b' urrainnear a chleith na b' fhaide. Bha eilean beag am meadhon an loch-uisge, eilean àillidh, anns an robh làraichean briste sean eaglais, cill agus cladhl, anns an robh gach aon a chaochail air gach taobh do'n loch air an tiodhlacadh. San eilean so bha sean chraobhan àrda móra; bha ann craobhan inthair agus dararich a bhaceudan bliadhna dh' aois, cuid dinbh air an cur, do réir beul-aithris na dùthcha, le làmhan Phàdrug féin. Air oidhche àraighe thachair do dh-aon do Chloinn Diarmaid a bhi mach air faire, agus chunnnaic e currach beag a' tighin a mach o thir O'Ruire a dh' ionnsuidh an eilein, aon duine innte, it ard an fhìrein 'na cheann; agus san àm cheudna mhothnich e òigh fo chleòca bha air fhilleadh m' a timichioll, chum a cleith, a' falbh o thir agus o chladach Chloinn Diarmaid, agus an dà eithear bheag a' deanamh air son an aon àite, gu Eilean na cille! Luidh e gu sàmhach san raineach gus am fac' e an dithis a' dol air tir, a' failteachadh a chéile; agus le 'chridhe soeuchte air duais agus air gamhlas, ghrad ruith e gn caisteal MhicDhiarmaid agus dh' innis mar a bhà—"Seadh" ars' esan "tha aon mhac O'Rnirc, Connar donn, ann an Eilean na Cille, agus 's e nis an t-àm gu cur as da—Chunnaic mi e, agus chunnnaic mi òigh o'n taobh so'ga choinneachadh—tharrning iad an dà churrach gn tir, agus làimh air làimh dh' fhalbh iad le chéile air feadh nan craobh." "Oigh o'n taobh so!" arsa MacDhiarmaid. Léum an seana churaidh o'leabaidh—ghrad chuir e 'aodach 's a lùireach air—thug e nuas a shleagh—bhuail e a sgiath, agus ann an pribeadh na sùl bha dusan ceatharnach, làidir, dàna, curanta r'a ghualainn!

Mar chaidh e seachad air uinneag an t-seòmair am b' àbhaist do Nórah cadal, thainig a' chend amharus tar suinn air 'anam—"Oigh o'n taobh so!" Dh' amhaire e air an ninneig—bha i fosgailte—ghlaodh e, ach cha do fhreagair Nórah! Phill e air ais, rannsnich e gach àite—ghlaodh e o àite gn àite, "Norah!" ach chad' thainig freagairt ach gnuth fann Mhictalla ag ràdh—Norah! Thainig ceatharnach a nuas o'n tràigh ag ràdh, "chunnaic sinn a' bhean-uasal òg ag imeachd gn taobh an lochain o chionn uair a dh-ùine, ach o'n a bha fios againn gum b' e so bu chealachdadh dhi gach feasgar, cha do gabh sinn omhail air bith, oir's àbhaist di mu 'n àm so a' churrach bheag uaine iomram gn Eilean na Cille 'na h-aonar, agns nime sin, cha do chuir e iongatas oirnn an nochd." Chunnaic agus thuig MacDhiarmaid mar a bhà—chriothnaich e le feirg—"A mach!—a mach gach bàta!" ars' esan, "grad leumaih a stigh, air sgàth m' onoir agus m' ainm, tàirngibh agus ruigibh Eilean na Cille, agus thugadh dhòmhsha ceann Chonnair dhuinn, oighre òg O'Ruirc!"

'S beag a bha fios aig Connar donn agus aig Nórah, àilleag an fhuilt òir, na bha nis a' dol air aghaidh. Bha iad 'nan snidhie taobh ni taobh air bun seana chraoibh dharaich ceann na sean Eaglais, 's a' ghealach għlas a' smàmh gu ciùin sàmhach os an ceann. Chuala Nórah fuaim!—sheas i—"se fuaim ràmh," ars' ise "tha ann." "Na biodh eagal ort" ars' esan, "cha'n eil ann ach oiteag fhann na h-oidche am measg dhnilleach uan craobh, agus lnasgadh fann nan touna beaga 'm measg dòirneagan na tràighe." Shuidh i a rithist ri taobh Chonnair, agus tharrning e i na bn dlùithe r'a thaobh—ach an tiota beag chualas fuaim nau eithear, an torman a rinn an druim a' ruith snas air an tràigh! Chualas a nis tailnrich chas agus slogan Chloinn Diarmiad!—Dh' éirich Connar donn—"Teich, a Nórah" ars' esan, "O! 'chuisse mo chridhe, teich!—fag mi—mo chuid do'n t-saoghal mhór, seachain thusa'n iorghuill agus fag Connar." "Mo Chonnar, mo Chonnar! cha'n fhaig do Norah thusa gu dlínn!" agus le so, thuit i air 'uchd. Cha robh do dh-arm aig Connar ach sleagh seilge. Thog e so 'na làimh dheis, ach crochte air a làimh chli bha Norah! Leum e 'mach 's thug e'n tràigh air, a' giùlan a leannain leis—ach bha Cloinn Diarmaid dlùth—an sean aintighearna borb e féin, air an ceann, le 'thuadh-chogaidh 'na làimh, agns enthach agus mallachadh 'na bheul Sheas Connar. "O! eaomhain ni' athair" arsa Norah. Cha d'rinn Connar ach an tuadh-chogaidh a spionadh uaithe agus a tilgeadh a mach air an loch—Rinn e slighe dha fein—thog e slogan O'Rnire—thuit Clann Diarmaid thall 's a bhos—an am pribh na sùl bha Norah aige sa' churaich—ach mo thruaighe! bha i tioram air a' ghainmheich agus Clann Diarmaid aig a shail! Phill e riutha—bhail e iad le 'shleagh, bhail e euid diubh gu bàs—chuir e a dhruim ri toiseach na curaich—dh' fħalbh i—lénū e 'stigh—thog e slogan O'Ruirc! bha na ràmh chaola 'mach—Leum MacDhiarmaid mòr a' chinn duibh as a dhéigh gu 'mheadhon, ach bha làmh an t-seann laoch leòinte leis a' bhuiille fhuair e, agus cha robh 'chridhe aig a h-aon d' a cheatharnaich tighin dlùth air currach

Chonair, agus bha 'n eitbear féin taobh eile 'n eilein. Ach mo thruaighe Connar donn agus Nórah, àilleag a' ghràidh! - Bha craobh mhór dharaich dìreach os ceann an àite 'n robb bàta beag Chonair, aon do ghengan na craoibhe sìnte mach fada os cean an uisge. Chaithd ceatharnach do Chlainn Diarmaid a suas sa' chraoibh gun fhios do Chonair agus clach mhór aige 'ga giùlan. Bha e nis dìreach oseann an eithear bhig anns an robh Connar agus Nórah. "Strioc, a Chonair" ars 'esan "air neo tha so air do cheann!" "Leig as a' chlach" arsa MacDhiarmed mór a' chinn dnibh, "air neo crachar thusa ris a' cheart chraoibh air a' bheil thu nis a'd shmidhe!" "An saoil sibh gum marbh mi Nórah?" arsa 'n ceatharnach, am mill mi am bàta beag sa' bheil mo dhalt' òg?" "Bnail l'" arsa MacDhiarmaid, "ged rachadh am bata faoin fodha tha na leòir an so gu Nórah a theasraiginn!" — Thuit a' chlach—bhñail i Connar sa' ghinalainn, bhrist i a ghàirdean trem, agus chaidh a' chlach tromh na bòrda tana—Chaidh i fodha—Tannll beag agus thainig Connar an nachdar, aon làmh teann mu chrios Nórah, agus an làmh eile, mo thruaighe 's i briste! a' feuchainn ri snàmh. Bha 'n t-nisge san àite so domhain—"Téarnaibh mo leanabh!" arsa MacDhiarmaid—Chunnacas ise mar eala leòinte, chualas sgriach lag fhann,—chaidh iad le chéile as an t-sealladh. Air an la-màireach fhñaradh iad—theugadh gu tir iad—Connar donn agus Nórah, an ailleag òg—agus greim bàis aige le aon làimh m'a meadhon!

Riug so, 's cha b' iongatach è, cridheachan nan daoine borb d' am bnineadh iad—thaisich an cridheachan crnaidh an-iochdmhor. Chàireadh air lic iad taobh ri taobh, fad latha nò dha sa' chrnisle aosmhòr, agus rinneadh faraire blhrònach, orra. Tháinig latha an tòrraidh mn'n enairst.—Chrinnich an dà chinneadh bhorb.—Sheas MacDhiarmaid borb air an dara taobh, agus O'Rnire na làimh ciotaich air an taobh eile. Ghuil iad mar leanaban. Chuireadh an aon leac mhór thairis orra—thòisich coranach a' blhròin, agus bas-bhualadh nach cualas a leithid riabh ann an Eilean na Cille. 'Nnair stad a' choranach agus a bha obair a' blhròin seachad, dh' amhaire an dà sheann laoch air a chéile—Shìn O'Rnire a lámh thairis air an naigh, agus ghlae MacDhiarmaid i le osna thróm—Rinneadh an t-sith—dhicchuimhnicheadh mi-rnn agus gamhlas.—A mach 'o'n àm sin cha robh naimhdeas truilleadh eadar an dà theaghlach, agus o'n latha sin thngadh ainn ur air an àite; cha'n e Eilean na Cille e ni's faide, ach Eilean naine nan leannan àillidh.

MALI BHEAG OG.

Chunnaic sinn an dara h-earraunn do "SUÀR OBAIL NAM BARD GÀIDHEALACH." Cha d'fhuair sinn àine fhathast air amhare troimhe, air chor agus nach nrainn duinn, sau àireamh so, ar barail a thoirt air an obair so. Ma thachras dàn no òran oirnn nach 'eil freagarrach no ceart, no tha air dhoigh air bith draosda salach, cha cheil siun. Ach air dhuimh an leabhar so fhosgladh, chionnach ioina seannu d'anag

bhòidheach sinn, agus 'nam measg sin an t-òran tiambaidh a leanas,—
“Mo Mhali bheag òg.”

O àm ar ceud chnimhline, chuala sinn an t-òran so air aithris; agus ged tha sinn fo chomain inhór do MhaeCoinnich, a chruinnich na h-òrain so, agus a thug dhinn gach eachdraidh tha fuaighe riutha, euiridh sin sìos briathran an òrain so mar a chnala sinn iad 'nar n-òige. Cha'n eil dealachadh mór eadar iad agus an dòigh air na chuireadh a mach iad le MacCoinnich; ach 's éiginn a ràdh, gur h-i ar barail gur fonn Éirionnach, agus nach fonn Albunnach, air a 'bheil an t-òran so air a sheinn. 'S heag nach e an t-aon fhonn e ris an òran Éirionnach, *Gramachree Molly*, no *Molly Ashtore*.

'S i an eachdraidh a chuala sinn 'nar n-òige mu'n òran so, gu'n robh e air a dheanamh le fleasgach òg a mhuiutir Éirinn, d'am h'ainm Lachunn Ógai, o chionn cheud bliadhna. Chaill e a chridhe le òigh àillidh, nighean do Cheann-teaghlaich àrd. Cha robh a ghaol gun làn philleagh air a taobh-se. Choinnich iad gn tric; dh'aidich iad an gaol d'a chéile; agus gheall iad a bli ñileas, rachadh an saoghal mar thogradh e; no ciod air bith duilgheadas a b'urrainn tighin san rathad, nach-tréigeadh iad a chéile gu diliun. Ach, mo thruaighe! bha esan bochd, agus cha robh a chridhe labhairt r'a càirdean mu phòsadh. Ghabh an t-òganach gasda san arm; agus cha h'fhada gus na dheairbh e gu'n robh fuil ghaisgeil a' ruith 'na chuislibh. Dh'éirich e geum air cléum, gus an robh e 'na oifigeach àrd measail. Bha e thairis air tir-mór na h-Eòrpa, a' cogadh aon am Flàuras; ach fhuair e cead dhachaidh a choimhead a' chairdean an toiseach a' gheamhlaidh, 'nuair bha 'n cogadh, car tamuill, seachad. Ràinig e 'n t-àite 'n robh an àilleag rùnach do'n d'thug e gaol 'anma. Ma bha i àillidh 'nuair a db'fhalbh e, bha i deich uairean na b'àille nis—cha robh boinne-sala san tir a b'urrainnear a choimeas rithe. Bha ise co ñileas ris féin;—dhiùlt i gach taigse—choinnich i e le bàigh agus gaol a cridhe. Chuir iad romlpa ruith air falbh, oir cha robh math guth a thoirt mu phòsadh. B'ann air oidhche shathuirne 'dh'fhalbh iad. Dhiùndraich a muinntir i gu moch, agus chuireadh cuideachd air an tòir. Lorgaich iad a' chàraig òg gu gleann uaigneach, far na stad iad a leigeil an anail. Chuir an saighdear roimhe nach dealghadh e i'a leannan fhad 's bu bheò e. Bha e 'na fhear-claidheimh comharrachite, agus uile gu léir 'na ghaisgeach gasda. Anns an iorghuill a thachair, an déagh do chàirdean na h-òg mlinnà greim a dheanamh oirre, 's iad'ga h-eigneachadh air falbh, thainig buille a dh'aom e air aon dhiùbhsan a bha 'ga toirt bhuaithe nuas air ceànn a leannain, agus thuit i marbh air an lèr!

‘Nuair a chunnaic e so, strioc e. “Chaill mi nis,” ars' esan, “mo chuid do'n t-saoghal mhór; tha mi suarrach ciod a thachras.” Chuir-eadh a'm priosan e; agus 'sann san àite sin, fo bhiun bàis, a rinn e an t-òran blasda so. Cha'n fhiosrach sin gn bheil a choimeas r'a flaoitainn—tha e uile gu léir co tiambaidh blàrnach, ag éiridh a suas o chridhe bha 'n impis sgàineadh. Tha am fonn ris a' bheil na briathran so air an seinn anabbarrach nilis, acaineach, tòrsach. An duine truagh, Lachunn, cha do chuireadh gn bàs e—chaidh e as a bheachd. Thainig e 'nall do dh-Albuinn; agus bha e fada air feadh Chinntire,

bho àite gu h-àite. B'aithne dhuinn feedhain a bha eòlach air. Bha e 'na shàr dhuin'-usal ; agus labhradh e Laidiunn agus Fraingis co teom ri Beurla no Gàilig. 'Na shean aois, bha e 'na dhuine anabharach dreachmhor, eireachdail 'na dhealbh. O chionn leth-cheud bliadhna, bha iomadh eachdraidh agus sgeul mu dhéibhinn an daine so air feedh Chinntire agus Earraghàidheat, ach a tha nis air dol air dichuimhn.

MALI BHEAG OG.

Nach cruaidh leat mi bhi 'm priosan, mo Mhali bheag òg ?
Am màireach a' toirt binn orm, mo chuid de'n t-saoghal mhór !
A bhean nam basan mìnè 's nan gruaidhean dearga lionta,
Is tù nach fágadh shìos mi le mì-run do bheòil.

Di-dòmhnuich anns a' ghileann duinn, mo Mhali bheag òg ;
'Nuair thòisich mi ri caint rint, mo chuid de'n t-saoghal mhór !
'Nuair dh'fhosgail mi mo shùilcan, 's a sheall mi air mo chùlaobh,
Bha marcaiche 'n eich chrùthaich 'tighin dlù air mo thòir.

Is misc bh'air mo bhuaireadh, mo Mhali bheag òg,
'Nuair thàin' an sluagh mu'n enairst dminn, mo rìbhinn għlan ḫur ;
Is truagh nach h-ann san nair ud a thuit mo làmh o 'm ghualainn !
Mun d' amais mi do bhualadh, mo Mhali bheag òg.

Nach bòidheach leibh mar dh'fhàs i, mo Mhali bheag òg ?
Mar lili anns an fhàsach, mo chend għraddh 's mo rùn ;
Mar aiteal ciùin na gréine, 'dol seachad anns na speuraibh ;
Mar sud a bha mo chéud għraddh, 's i Mali bħeqag òg.

Do mheura fada caola, t'fħalt euachach mar an t-òr,
Do dhà chaol mhala mhùne, mar ite dħeas an flireoin,
An t-suil bn ġħlaine l-eirsinn, am b'ċul bu bhinne leughadh,
'S na h-uile math a réir sin air Mali bheag òg.

Cha'n iarrainn leat crodh-bailgionn, no airgiod, no òr,
No deagh-għean do chàirdean, ge laidir an seòrs' ;
Dh'iarrainn bhi co dearbhte 's a chaoidh mum faicinn fearg ort,
Gu'n siubbilainn leat an fħairrge, gun dealg ach dà bhòrd.

Shiubbilainn leat an saogħal, mo Mhali bheag òg,
Co fada's eùl na gréine, a għeug a's àille gnūis ;
Ruithinn agus léumainn, mar fhiadh air bhàrr nan sléibhtcan,
Air għaol guin bi' tu réidh rium, mo Mhali bheag òg.

Is truagh a rinn do chàirdean ! mo Mhali bheag òg,
'Nuair thoirmisg iad do għraddh dhomh, mo chuid do'n t-saogħal thù ;
Nan túgadħ iad do làmh dhomh, cha bhithiñ air an àmsa
Fo bhinn air son mo għraddh dhnit, mo Mhali bheag òg.

Cha téid mi do na bhnaile, mo Mhali bheag òg,
Far am bi' na euachagan sior a seinn le céol ;
Ged bhithleah iad 'gam luaidh rint, cha eharaich a's cha għluais thu ;
Och ! misc 'nochd, mo thruaighe ! mo Mhali bheag òg.

Nach cruaidh leibh féin mar dh'éirieħ do m' Mhali bheag òg ?
A cur an eiste chéireach ? mo chuid do'n t-saogħal mhór !
Ged lionainn-sa Loch Éirionn, le dédir mo chinn 'ga réubadh,
Cha għluais thu chaoidh, 's cha'n éirich mo Mhali bheag òg.

Ged bheirte mi bho'n bhás so, mo Mhali bheag òg,
Cha'n iarrainn truille dàlach, mo chend għraddh 's mo rùn ;
B'annsa 'n saoghals fl-ħaqġaj 's gum faicinn t'aodann gràdhach,
Gun chuimhn bhi air an là sin 's an d'fħaq mi thu ciurrt'.

ORAN UR.

LUINNEAG :

*Thùg oho làill oho
Thùg oho-ro 'n àill leibh?
Thùg oho làill oho
Seinn oho-ro 'n àill leibh?*

Moch sa' mhaduimn 's mi 'dùsgadh,
'S beag mo shùnnnd 's mo cheol-gàire ;
'S mór mo mhualad 's mo bhuaireas
O'n là fhuair mi a' bhàirlinn.

'S mór mo mhulad 's mo bhuaireas
O'n là fhuair mi a' bhàirlinn,
'Us nach leig iad dhomh fuireach
Ann am Muile nan ard-bheann.

'Us nach leig iad dhomh fuireach
Ann am Muile nan ard-bheann,
Ach a mach o thìr m' òige
'Bhi air m' fhògradh mar mheàirleach.

Ach a mach o thìr m' òige
'Bhi air m' fhògradh mar mheàirleach,
'S ann am feasgar mo làithean,
Falbh thar sàile chuain ghàbhaidh.

Ann am feasgar mo làithean,
Falbh thar sàile 'chuain ghàbhaidh ;
Ach tha gillean ri m' ghuaillean
Nach leig cruas air mo chàramh.

Ach tha gillean ri m' ghuaillean
Nach leig cruas air mo chàramh,
Mo ghillean geal gaolach,
Chaoidh cha chaochail an gràdh-san.

Mo ghillean geal gaelach,
Chaoidh cha chaochail an gràdh-san ;
'S luath a choisneas iad fearann
A' gearradh chraobh àrda.

'S luath a choisneas iad fearann,
A' gearradh chraobh arda ;
Fearann saor bhios mar oighreachd,
'S cha bhi foighneachd air mál ann.

Fearann saor bhios mar oighreachd,
Cha bhi foighneachd air mál ann,
Cha bhi eagal ro'n imrich,
No imcheist mu 'n bhàirlinn.

Cha bhi eagal ro'n imrich,
No imcheist mu 'n bhàirlinn ;
Cha bhi Bàilli le 'mhaoir ann
'Tathunn daonnan g' ar sàruch'.

Cha bli Bàilli le 'mhaoir ann,
 'Tathunn daonnan g' ar sàruch' ;
 Fhad 's a shireas uillt còmhuard,
 Bidh ar càraicheau sabhailt'.
 Fhad 's a shireas uillt còmhuard
 Bidh ar càraicheau sàbhailt' ;
 Mile taing do na h-uaislean
 'Chaidh a suas chum na Ban-ri'nn !
 Mile taing do na h-uaislean
 'Chaidh a suas chum na Ban-ri'nn !
 'S chuir an céill, mar bu chòir dhoibh
 Cor brònach nan Gàidheal.
 Moch sa' mhaduinn 's mi 'dùsgadh,
 'S mór mo shùnnnd 's mo chèd-gàire ;
 Gun mi tuille fo bhuaireas,
 Ged fhuair mi a' bhàirlinn.

HONG KONG.

'Se so is ainm do'n eilean a fhuair Breatunn o na *Chinese*. Tha barrachd eòlais air a nis, na bha agaínn 'nnair a chaidh an àireamh mu dheireadh do'n Chnairtear a chnr a mach.

Tha e mnì dheich mile air fad, agus mu'n tonhas chendna air leud san àite 's leotha, ach cha'n eil an leud anns gach àite dhe co'ionann. Cha'n eil acarsaid air bith a's feàrr na Cala *Hong*, air a chuartaichadh le beannatabh àrd, agus fasgadh ann o gach gaoth is urrainn séideadh, agus air gach dòigh a' toilltùm a' mhór-mheas a th'aig maraichean air. Tha 'n doimhneachd far a' bheil na soithichean a' tighin gnacair mnì dheich aitheamh. Tha an cala prìseil so cosmhuil ri loch-nisge tiorrail. Aig ceann ard a' chala, 'se sun aig ceann loch a tha 'rnith a stigh do'n fhearrann mnì dha-mhile-gn leth, tha 'm baile ris an canar *Coroloon*; àite tha o chionn fhada ainmeil airson cairdeas, agus modh, agus caoimhneas nan daoine tha a chòmhnuidh ann ri coigrich. Tha an t-àite so, mar an ceudna co fallain 's gur h-ann tha coigrich a tha 'chòmhnuidh ann an tìribh fad as, agus air feadh China, a' tighin air sou an slàinte; agus tha iad am bitheantas a' dol am feabhas.

A thaobh an eilean féin, cha'n eil a h-aon sa' Ghàidhealtachd a's corraiche 's a' s'caise na e; beannntan àrda creagach air an gaun a' bheil nì air bith a' fas. Tha mullach nam beannnta so co chorragh chreagach ri mullach Arainn no Beinn-Nibheis. Cha'n eil ach còrr chraobh an sud 's an so ri fhaicinn san eilean so, a chionu gu bheil a' ghaoth o 'n airde 'n ear thuath a' séideadh gu h-anabhlarrach sgaiteach air na beannatabh, agus is gann seòrsa chraobh is urrainn fhlàng. 'Se seòrsa craoibhe a's lionmhoire tha air na beannnta, craobh a tha coltach ris a' ghiuthas Albannach againne, agus 'si so a's feàrr a sheasa, an aghaidh an t-soirbheis.

Tha glinn bhòidheach flasgach r'am faotainn air feadh an eilein;

agus an t-nisge 's fearr agus a's blasda, agus a's fallaine, anns gach cearn deth—ni tha 'na bheannachadh mòr anns no cearna loisgeach sin, agus gn h-àraidh do na lningis a tha 'go thaghail. Tha bailtean beag air feadh an eilein far a' bheil daoine 'chòmhunnidh, feadhain a tha auabharach siobhalta, ceanalta, aoigheil ri coigrich, agns a tha tighin suas air iasgach, aig a' bheil beagan spréidhe, agus a tha 'saothaireachadh an fhuinn.

Cha'u fhaodh an t-eilean so, creagach corrach mar a tha e, gun bhi anabbarrach luachmhor do Bhreatunn, airson a' chala thèarninte phasgach a tha ann, agus an uisge tha ann an pailteas co mòr. 'S dòcha mun teid mòran bhliadhnaichean seachad gn'm bi *Hong Kong* 'na äite mòr agus beairteach.

SGEULA FIOR AIR DEUCHAINN IONGANTAICH A THACHAIR DO SHAIGHDEAR BREATUNN- ACH ANN AN TAOBH-TUATH AMERICA.

Anns a' bhliadhna 1779, 'nuair bha an cogadh a' dol air aghart gn dian eadar Breatunn agus America; champaich bnidheann de'n arm Shasnnach ri taobl aibhne. Le nàdur an àit' auns an do shnidhich siad iad féin, cha robh e furasda do fheachd air bith tighin orra gnn fhios.

Ann an America, bu sheòrsa seilg, a's cha bu chogadh, a bha 'dol air aghaidh. "Ma'se agus gu'n còmhraig sibh do réir gnàs Airm," arsa *Washington* r'a shaighdearan, "tha sibh ciunteach as bhi air blur rnagadh. Faighibh làn-fhòghlum air féin-dhion, agns anns gach oidhrip bithibh dileas d'a chéile 's cha chìram nach toir sibh bnaidh." Bha cainnt a t-seanalaир Americanach cho fior s nach mòr gn'n robh aig na saighdearan Sasunnach ni tuillidh ri 'chathachadh ach céilg agns cuilbheartachd. Bha na h-lunseanaich ann an comh-bhoinn ris na h-Americanach, do'n robh iad ro-fheunnail anns an t-seòrsa chogaidh ris an robh iad féin air an cleachdadhbh re am beatha. Thigeadh iad a mach á h-ionadan-dlon agns á coiltean dorcha nach b' urrainnear a ranusachadh, le'u saighdean 's le'n tnadhan-catha, a' milleadh an airm Bhreatunnach gach latha, a' tighin gunn fhios air an luchd-faire, a' enr as do gach aon air am faigheadh iad cothrom, agus 'nuair rachadh caismeachd na tòir a chur orra', theicheadh iad do'n choillidh le luathas an fhéidh, gu creagan agus ionadan-dlon far am biodh e cnuartach an leantuinn.

A chum an seòrsa cogaidh so a chriochnachadh eo lnath s'a b' urrainn iad, anns an robh niread do chall agus cho beag do dh' onair, bha e mar ghnàs aig gach réisimeid, luchd-faire a chur astar mòr o'n àite an campaicheadh iad; freiceadan a shuidheachadh àireamh mhiltean anns, a' choille, agns faire dhileas a dheanainh timchioll na mòr bhuidhne. Bha réisimeid de' dh-arm coise san àm so suidhichte aig leth-oir réidhleu mhóir. 'Se bu drenchd dhoibh gach slighe air am faoidte teachd a dh' ionnsuidh na mòr chnideachd a dhion; bha an luchd-faire aig an robh an 'ionad-

freiceadain anns a' choillidh, air an enr a mach o'n réisimeid, agus air an aobhar sin, bha an t-àon so ni bu blhnaitliche do chunnart na réisimeid air bith eile. Bha a call mor, bha an luchd-faire daonna 'g an glacadh gun fhiös, leis na h-Innseanaich, agus air an giùlan air falbh bhàrr an àite gun sanns air bith thoirt seachad, no cluinntinn ùmpa 'na dhéighl.

Cha robh comharradh air fhàgail air an doigh an d' thugadh air falbh iad, ach gu'm facas uair no dhà braonadh fala air an duilleach a bha far an robh iad. Bha móran am beachd gu'n robh cealgair-eachd 'ga ghnàthachadh mn'n ghnothuch iongantach so, agus a chum a dhearbhadh, ag radh nam b' ann gun fhiös a thigte air na daoine gu'm faodadh iad air a' chuid bu Ingha nrchair a losgadh len gunnaichean, agus sanas a thoirt do'n luchd-faire 'bha dlù dhoibh. Bha muinntir eile ann, nach b' urrainn a chreidsinn gur ann le cealgaireachd a dli' fhàg iad an àite, 'gan deanamh fèin toilichte le bhi 'g ràdh gnr diomhaireachd a bha ann a thigeadh am folluis ri ùine.

Air maduinn àraidih, an déigh do'n luchd-faire bli air an suidheachadh mar a b' àbhuist s an oidhche, mu éiridh na gréine chaidh buidheann gn àite fir a bha astar maith anns a' choille. Ach 'nuair a rèinig iad cha robh am fear-faire r'a fhaotainn ! Bha so 'na aobhar-ioghnaidh; ach thachair a leithid roimhie. Dh' fhàg iad duine eile, agus dli' fhalbh iad, a' gnidhe gu'n tachradh na b' fhearr dhàsan. "Na biodh eagal oirbh," ars' an duine, le dealas, "cha teich mise."

Phill a' chnuideachd do'n tigh-fhreiceadain. Bha an luchd-faire 'g an atharrachadh an ceann gach ceithir uairean, agus, aig an àm ghnàthaichte dh' fhalbh iad a rithist gn aon eile fhàgail san àite. Ach air dhoibh teachd bha an ioghnadh ro-mlór 'nuair nach robh an duine r'a fhaotuinn ! Dh' iarr iad mn'n cuairt an àite, ach cha robh ni r'a fhaicinn a bheireadh fiosrachadh dhoibh mu chor an duine. Bha nis aobhar ni bn mhò aca 'bhi air an dlù fhaicill mu'n àite so, agus faire a dheanamh ni bu chùramacha na rinn iad riamh; b' eigin doibh fear eile fhàgail agus pilleadh do'n tigh-fhreiceadain. Dhùisg saobh-claireideamh nan saighdearan, agus ruith ball-chrith agus uainhinn feadh na cath-blnidhne nile.

Air do'n Choirneal fios fhaotuinn mar bha 'chùis, chuir e an cùill gu'n rachadh e féin leis an luchd-freiceadain 'nuair thigeadh an t-àm dol a shealltuinn an fhìr a dh' fhàg iad ri faire. Aig an uair shuidhichte dh' fhalbh iad le chéile; agus le h-ioghnadh do-labhairt, fhuair iad an t-ionad falamh, agus an duine air falbh ! Leis mar bha dol do'n chuis, bha an Choirneal an imcheist co dhiù chnuideadh e an réisimeid nile do'n àite so, no dli' fhàgadh e aon fhear ann. Dh' fhenmte fhaotuinn a mach ciod an t-aobhar mu'n robh na daoine misneachail agus trèibhdhireach so 'dol as an t-sealladh; agus tha e coltach nach faighe soilleireachd air bith air a' chùis le leanailt ris an t-seann dòigh. Chaidh a nis triùr dhaoine tréuna a chall de'n chnuideachd, agus ged a dh' fhàgte an an ceathramh fear san àite, bha e coltach gu'm biodh esan air a

mhilleadh mar bha càch. Thainig crith o mhullach a chinn gu bonn a choise air an duine thrinagh a bha iad gu fhàgail ged bu churaidh treun agus foghuinteach e anns gach éuchd. "Tha fios agam gu'm feum mi mo dhleasnas a dheanamh," 'deir esan ris a' Cheannard; "Ach bu mhaith leam mo bheatha chall le tuille clù." "Cha 'n fhàg mi duine an aghaidh a thoil," ars' an Coirneal. An sin leum fear a mach as an t-sreith, agus dlh' iarr a dol a sheasamh 'na àite. Mhol gach beul a shàr-mhisneach. "Chaghlarcar beò mi," deir esan, "agus cluinnidh sibh mi air a' chais-meachd as lugha. Air gach uile chor loisgidh mi urchair ma chluinneas mi an nì a's faoine. Ma ni eun càrnran, no ma thuiteas duilleag bhàrr craobhle, cluinnidh sibh mo mhusg. Faodaidh sibh sanas fhaighinn 'nuair nach 'eil aobhar air, ach cuimhnichibh gur ann chum an gnothuch ðiomhair so thoirt gu solus a blitheas e." Chliùthaich an Coirneal e airson a threnbhantais, agus thubhlairt e ris gu'm biodh e ceart da losgadh, air dha 'n flhnaim bu lugha sam biodh teagamh aige a chluinntinn. Ghilac a chompanaich air làimh e, agus dh' fhàg iad e a' cur air mhanadh nach faicte tuillidh e. Thainig a' chluideachd air an ais, agus stad iad san tigh-fhreiceadain a dh' éisdeachd ciod a thachradh.

Chaidh nair seachad, agus bha gach cluas 'na seasamh gu fuaim a' ghunna 'chlùinntinn, 'nuair, air ball, chual' iad an làmhach. Ann an tiota dh' fhalbh an luchd-freiceadaín; leis a' Choirneal, agus le' ard oifigich na réisinneid. Mar a dhliùthaich iad ris an àite, chunnaic iad àn duine a' teachd 'nan coinneamh, a' slaodadh aon eile air 'fhalt as a dhéigh. 'Nuair thainig iad d'a ionnsuidh, mhothuich iad gum b' Innseanach air na thilg e 'bha ann. Agus air þall, dh' iarr iad air a' chùis a mhineachadh dhoibh.

"Dh' innis mi dhuibh," deir an duine, "gu'n loisginn nan 'cluinninn an fhuaim bu lugha. Se an rùn suidhichte sin a thèar-uinn mo bheatha. Cha robh mi fada san àite 'nuair a chuala mi starbhanaich astar beag uam; dh' amhaire mi agus chunnaic mi muc de an t-seòrsa tha cumanta 'sna coilltean, ag èaladh mu'n cuairt, agus a réir coltais a'g iarrnidh chìò am measg an duilleich, fo na craobhan. Leis gu bheil na h-ainmidhean so cho tric sa' choille, cha robh mi 'gabhlail suim dhithi car beagan ùine; ach bha mi daonnan a' cumail sùil fhurachair a mach, agus dùil agam gael mionaid ris an nàmhaid; ged nach robh mi 'faicinn ni air bith a bha 'na chuis-eagail, chum mi mo shùil gu dlù air a' mhùic, agus thug mi an aire d'a gluasad am measg nan craobh; fathasd cha robh feum air sanas a thoirt, agus b'e mo bheachd gu'm b' ann o chearn, eile thigeadh cunnart air bith. Ach bha e 'cur beagan ioghnaidh orm an t-ainmhidh so fhaicinn le rathad cuairteach, a' deanamh air preasaruaiich dhùl 'bha air mo chùlaobh. Thug so orm mo shùil a chumail na bu dùrachdaiche oirre, agus leis gu'n robh i nis mar bheagan sklat do'n choille bha mi 'sinaointeachadh losgadh. Theirinn an sin gu'n deanadh mo cho'-shaighdearan fanoid orm airson eaismeachd thoirt dhoibh le tilgeadh air muic! Cha mhòr nach do chuir mi romham leigeadh leatha,

'nuair mar a theann i air a' phreas, shaoil leam gu'n do mhothuiech mi i 'toirt leum na bn mhò na b' àbhaist di. Cha d' éisd mi na b' fhaide : ghabh mi cuimse ; thilg mi an urchair ; agus ann an tiota bha 'n t-ainmhidh sinte fa m' chomhair le gearan a thuig mi gn'm be duine bha ann. Chaidh mi suas d'a ionnsuidh, agus thoiribh barail air m' ioghnadh, 'nuair chunnaic mi gur h-Innseanach a bha mi air a mharbhadh.

Chòmhlich se e fein le craicionn aon de nà Mucan fiadhaich so cho innleachdach agus cho coimhlionta : bha 'lamhan 's a chasan gn buileach air ain falach ann, agus bha 'choiseachd 's a choltas a' co-chordadh ri coiseachd agus coltas an ainmhidh cho mór 's gur gann a b' urrainnear aithneachadh gur còmhlich meallta bha ann. Bha e air armachadh le biodaig agus le tnaidh-chogaidh.

Thuig iad a nis an t-aobhar mn'n d' fhalbh a' chuid eile de'n luchd-faire. Bha na h-Innseanaich, air an dion leis a' chòmhlich so, ri feall-fholach sa' choille a' feitheamh rì àm iomchuidh gu a ehmh-dhiùbh, dui'-leum a thoirt air an luchd-faire gnu sanas air bith thoirt doibh, agus, num biodh iad comasach air urchair a losgadh bha iad air an troimh-lot, no còmhlich a' chlaiginn air a thoirt diùbh ; agus dh' fholaicheadh iad an cuirp fo 'n duilleach. Bha na h-Americanach a' toirt duais dhoibh airson gach ceann Breatunnach a bheireadh iad d'an ionnsuidh.

TEARLACH A' MHARSANTA.

Creag Illeain,
Am Mìos Màigh, 1841.

AM CLEASAICHE AIR 'FHIOSRACHADH LE PEANAS.

Is lioninhor cleas agus innleachd, a ta mi-ionchuidh annta fein, agus uime sin peacach, 'a dhealbhar le òganaich. Tha e fior gu'm bheil cleasan ann a dh' fhéudas a bli air an gnàthachadh gu neo-chiontach chum sugraidih agus cridhealais, do bhrigh gu 'm bheil iad ag athleasachadh slàinte, neirt, agus tapachd na h-ògridh. Ach tha mar fhiachaibh air pàrantaibh a bhi anabarrach faicilleach a thaoblh an cloinne fein, air eagal, uair air bith, gu'm bi iad ciontach do chleasaibh a ta aon chuid cunnartach, no mi-bheusach. Tha 'n ògridh gu nàdurra eutrom agus amaideach. Tha Dia le beul an duine glie ag ràdh gu'm bheil "amaideachd ceangailte ann an cridhe leinibh;" agus gu'n "aithnichear eadhon leanabh le a bheusaibh, am bi a dheanadas glan, agus am bi è ceart." Agus air do 'n chùis a bli mar so, tha 'n Tighearna fein a' toirt àithne do gach pàrant, ag ràdh, "Teagaig leanabh a thaoblh na slighe air an còir dha imeachd ; agus an uair a bhios e sean, cha tréig e i." Tha e soilleir, tha sinn an dùil, nach deachaidh na h-òganaich, air am bheil sinn a nis gu ionradh a thoirt, a theagast a réir na h-àithne so, do bhrigh gu'n robh am beusan a' dearbhadh nach robh an deanadas air chor sam bith ceart no ciatach !

Am measg uile chleachdanna nan Gàidheal, cha 'n e an t-aon bu chliùitiche an seòl air an robh iad gu tric a' deanamh cuirm, aighir, agus sùgraidih gun seadh 'nan tighiùll aire. An uair a bhàsuicheadh duine, chruinnicheadh làn an tighe do na coimhersnaich, chum faire

a dheanamh air a' chorp rè na h-òidhche; agus cha luath' a thigeadh iad cuideachd na thòisicheadh cleasau do gach gnè, cluiche air chairtibh, daunsa, agus òl! Tha cachdraidh a' cur an céill duin gu'n robh e 'na chleachadh aig na h-Iùdhaich, a bhi 'deanamh mòran caoidh agus gul 'nan tighibh-àire, agus a bhi faotuinn luchd-ciùil chum a bhi cluicheadh gu tiambaidh an làthair a' chuirp! Tha e iongantach, mar an ceudna, gu'm bheil treubhian lionmhor fathast 'san àird-an-ear, aig am bheil cleachdannan anabarrach cosmhuil riù-sau, a bh' aig na Gàidheil o shean 'nan tighibh-àire; agus tha so gu soilleir a' feuchainn gu'm bheil na Gàidheil, maille ri'n càin agus an cleachdannabh, comharrachte air sheòl air leth, agus gur tréubh shlnaigh iad a tha edar-dhealaichte o gach tréubh eile mu'n cuairt doibh.

A réir a' chleachdaidh air an robh sinn a' labhairt, bha faire 'ga deanamh air duine a fhuair bàs ann an àite sònraichte 'sa Ghàidhealtachd. Bha dithis òganach an sin, a chuir an cinn ri chéile chum eagal a chur air a' bluidhinn, a bha cuideachd mu mheadhon oidhche 'san tigh-aire! Rìnu iad sin air an t-seòl a leanas. Fhuair a h-aon diubh innleachd air a' chorp atharrachadh as 'àite, agus e féin a chur 'na shìneadh air a' bhòrd-ruighidh far an robh an duine marbh: agus bha e gu grad éiridh suas aon an scalladh an t-slugaigh, an uair a dheanadh a chompanach feed! Dheasaicheadh gach ni mar a chuir na h-òganaich rompa, bha 'n dannsa a' dol air aghaidh leis gach cridhealas, thàinig an t-àm auns an do smuainich an t-òganach gu'm biodh e freagarrach sanas a thoirt do'n fhear cile, agus iinn e feed bhicag chum gu'n leumadhl a chompanach suas gu eagal a chur air na h-uile a bha làthair! Ach bha e air a lionadh lc h-iongantas, an uair nach do għluais am fear eile, ged nach b' urrainn e, a réir a bharail-sa gun an fhead a chluinntinn! Rinn e feed cile, ach cha do charuich esan a bha fa'n bhòrd! Rinn e feed làidir an trcas uair, agus a ris agus a ris—ach dh' fhan a chompanach neo-ghluasadach gun suim, gun chûram do gach sanas agus comharradh a thugadh dha! Ghabh an t-òganach eagal—ghlaodh e—leum e—ruith e suas a dh' ionnsuidh na leapach—thilg e sios an t-cudach, agus feuch an t-ùamhas leis an do bhuaileadh e! Fhuair e a chompanachi gun lùth, gun deò, gun mhothuachadh, agus ceart co fuar, marbh, ris a' chorp a bha 'na shìn-eadh 'san ionad cheudna beagan roimhe sin! Leuni an sluagh uile dh' ionnsuidh na leapach, ach is luath a dhearbhadh gun d' thug an t-òganach mi-chìallach suas an deò, agus gu'n robh e aon an siorruidh-eachd!

SGÌATHANACH.

FOCAL SAN DEALACHADH.

Fhuair sinn an litir chheanalta 'chuir ar caraid an t-EILTHIREACH o iar-abhuinn Phictou d'ar n-ionnsuidh. Bha i tuille 's anmoch air son na h-aircimh so, ach chithear an "Seana Bhìobull Tcaghlaich" san ath Chuairear. Rinn sinn mar a dh'iar c. Seachd mìle taing dha!

Fhuair sinn litir a' PHÌOBAIRE. Cha robh dos na piob an òrdugh, air neo cha robh gaoth 'na mhàl, 'nuair a shéinn c a phort. Cha'n uarrainn duinn àite thoirt dà. Tha sinn fada 'n comain a Phìobaire, ach cha taitneadh a

phuirt idir ri luchd-leughaidh a' Chuairtear. Cha'n eil teagamh againn nach e a mhiann's a dhùrachd cuideachadh leinn; ach, da rìribh, cha fhreagair na chuir e mach.

‘S math a sgrìobhas CAILLEACH-NAN-CEARC—’s ann aice fèin, an t-seana bhean, a tha ’n deagh lamh-sgrìobhaidh; ach tha an cùnnatas a tha i ’toirt, mu'n dòigh air a' bheil iad a' toirt 'mach eòin anns an Eiphit ann an sedm-raichean, le teas, tuille 's fada. Có 's urrain a leithid sin do thighean a thigail? Cuireadh a' “Chailleach” uibhean foidhpe fèin, agus ’nuair thig an gur òg, cuireadh i fios duinn, agus cluinnidh sèa rioghachdan deug an t-saoghal e. Mur 'cil sinn mcallta, phòs a' “Chailleach” o chionn ghoirid; agus cha bhodach no fleasgach, ach eaileag ladhach, bhòidheach, òg. Soirbheachadh leò!

Fhuair sinn litir a' fèdruiich “Có iad na h-*Odd-Fellows*? ” Thà daoine neònach tha fìor chumanta san t-saoghal, agus fìor liomhor, a thig mìle air astar a chur dragh air feedhan eile, ach naeh rachadh fad an coise 'dhecanamh sochair dhoibh—daoinc aig a' bheil barrachd tlachd ann an cùl-chàineadh, na ann am moladh.

Cha'n e h-aon do chleir *Phresbytery* Mhile a sgrìobb am pàipeir air a' bheil PARA BEAG a' gearran. Cha do sgrìobb aon do chleir na *Presbytery* cendna facall air son a' Chuairteir riabh. Tha iad a' brath toiseachadh.

Fhuair sinn an litir a chuir “*The Friend of the People*” (Caraid an t-Sluaigh) d'ar n-ionnsuidh. Mo thruaigne na daoine tha 'n carbsa r'a chairdeas-san! “Tha mise,” ars' esan, “a' faire thairis air sochairean an t-sluaigh.” Hùgò! lùgò! bò-bò-bò! b'e sin faire a' chlamhain air na clearan—a' seasamh 'na dhorus fosguilte; mar tha 'n damlian-alluidh a' faire nan cuileagan—a' sgaoileadh a lìn chum an glacadh. “Ma chuireas tua, a Chuairteir,” ars' esan, “a mach aon fhacal mu dhéibhinn na Parlamaid ùr, agus ma dh'fheuchas tu do bharail innseadh do na Gàidheil, cha chur mi mo shùil tuillidh air a' Chuairtear.” Nach cuir? Do shùil ghlogaich reasgach, cuir a'd phòe i ma-thogras tu—no ann an àit eile thogras tu.” “Cha leig mi,” ars' esan, “an Cuairtcar, no aon a léughas e, gu dìlinn a stigh air mo dhorus, ma dh'flosglas e a bheul mu na nithe so.” Nach leig? ‘S tù ni sin—’s coma có è—dubh, no geal, no grìsonn—òg no scan—firion no boirionn,—aon uair a thogras iad—moch, annoch, no air mheadhon-oidhche—Diluain no Disathurnc—seadh, no Didòmhnuieh,—ma thig iad le 'sea sgillean 'nan làimh; agus eò ni gàire co modhail rutha? Slan le “Caraid an t-Sluaigh!” Leughadh e 'n còmhراadh tha san àire-imh so, agus cnàmhadh e a chìr thairis air.

TRÀTHAN NA GEALAICHE.

MÌOS-DEIRIDH AN T-SAMHRAIDH, 1841.

Solus làn air a' 3^s là.

Ceithreamh na li-earra-dhuibh air an 11 là.

Solus ùr air an 18 là.

A' cheud ceithreamh air an 25 là.

GLASGOW:

PUBLISHED BY THE PROPRIETORS,

J. & P. CAMPBELL, BOOKSELLERS AND STATIONERS,
24, GLASSFORD STREET.



AN LA A CHI'S NACH PHAIC.

CUAIRTEAR NAN GLEANN.

CEUD MHÌOS AN FHOIGHARAIÐH.

AN 18th AIREAMH.]

AUGUST 1, 1841.

[PRÌS 6 SGILLEAN]

CONTENTS :—Death-bed of a Repentant Socialist, page 151.—Emigration, Report of Select Committee on, 155.—History of a Freebooter (Allan-nan-Sop), 157.—Natural Small-pox and Cow-pock, 163.—The Old Family-Bible, 166.—History of Grace Scott, 170.—The Laird of Coll's Messenger, Anecdote of, 172.—Competition of Pipers in Glasgow, 173.—News (Parliament, America, France, China, Canada, Australia), 174.—New Gaelic Publications, 176.—Inverness Sheep and Wool Fair, 178.

EACHDRAIDH FHÌRINNEACH AIR AITHREACHAN NEO-CHEALGACH AIR LEABA-BÀIS.

Chuala mi gu'n robh duine bochd, d'an toir sinn air an àm mar ainm Cailean Friseal (oir cha tig e dhuinn 'ainm fein innseadh), do réir gach coltais ann an staid chunnartach, gu'n robh e fior lag, agus gu'n robh a theaghlaich ann am bochduinn mhór. Chuir mi romham dol g'a choimhead a' cheud chothrom a gheibhinn; ach 's culaidh-nàire agus aobhar aithreachais gu'n do leig mi latha agus latha seachad mun deachaidh mi, mar a bha 'mhiann orm, 'ionnsuidh a thighe: bha'n nì so agus an nì ud eile 'tighin san rathad. Ach, gun teagamh, nam biodh fios agam an staid anns an robh Cailean bochd, cha d'rinn mi dearmad air co fada. Thainig a bhean mu dheireadh gu m' amharc, agus dh'fhiorsaich mi uipe gu'n robh iad bochd—gu'n robh triùir phàisdean aca—gu'n robh an t-aon a b'òige air a' chlich; agus chunnnaic mi air a h-aodan fein dearbhadh brònach air dìth, iomaguin, agus bròn. "Nan tigeadh Cailean bhuaithe," ars' ise, "cha b'eagal duinn fo làimh Dhé." Lean mi i tamull beag an déagh dhi falbh o m' dhorns. Cha di-chuimhnich mi a' chend sealladh a fhuair mi air an duine thruagh

so, agus air a theaghlach. Bha e fèin 'na shineadhl air uirigh chònlach ann an oisinn an t-seòmair bhig, gun chomas, le giorrad-analach, luidhe air leabaidh. Bha e eadhon san àm anabharach lag, agus air caitheadh as co mòr 's gur gann a dh'aithlinghinu e. Bha 'ghruaidh deárg, laiste le fiabhrns tróm—"uchd a' luasgadh gn mór—casadaich eagalach, gnn stad gun tàmh. Bha taic a chin air bord beag a bha r'a thaobl, agus a bhean bhochd air snidheagan iosal mun 'choinneamh. 'S gann a mhothuich iad dhomhl 'nuair chaidh mi a stigh. Slinidh mi làimh rinthia, agus shil mi mo dheòir, oir tnille cha robh a'm chomas a dheauamh.

Mu dhereadh, dh'fheòraich mi do'u duine òg so, oir cha robh e deich bliadhna fishead a dh'aois, ciamar a bha e 'ga mhiothuchadh fèin. Bha 'chasad cho tróm 's gnr ganu a b'urrainn da mo fhreagairt. Chunnac mi gu soilleir gu'n robh barrachd triobluid agus buaireis air Cailean ua bha e a' fulang o euslain chorporra. Dh'fhairtlich orm, sa' cheud dol a mach, seanachas fhaotainn uaithe; ach chaidh mi air m' aghart le caoimhneas a labhairt ris. " 'Bheil," arsa mise, " nì air bith a' eur càram air t'inntinn? Dean, a Chailein; fosguil do chridhe rinn." Fhreagair e mi gu fuar, gidheadh le mór mhodh. " Gu robh math agaibh," ars' esan; " tha mo cholunn lag, 's cha dù do'n inntinn gun bhi lag maraon." Thionudaidh e an sin a shùileau gorma làn air a mhnaoi le ana-blarra gràidh agus caomhalachd, agus ise 'gul gu tróm. " O Mhàiri!" ars' esan, " na bris do chridhe; be ciùin, éudail! Ciod an stà dhinit a bhi mar sin a' caoidh co mór?"

Labhair mi 'n sin le uiread bhàigh agus caoimhneis 'sa bha 'm chomas riù mu uithe spioradail, agus mu dhéibhinn an t-suainneis tha 'feitheamh air sluagh Dhé. Cha d'thuit esan no ise diog. Cha do thog esan a cleann ach air nairibh; ach 'nuair thog, mhiothuich mi gu'n robh na deòir mhór a' sruthadh sìos air gach gruaidh.

Dh'fhàg mi e air an àm; ach cha deach e as mo smuaintean fad an fheasgair, no 'chinnid bu mhò do'n oidhche. Bha a chasadaich agus 'osnaichean tróm a'in chluasaibh—a chuing-analach, am bnair-eas ard anama fo'u robh e 'fulang, agus au spàirn eagalach agus au iomagniu a bha ri fhaicinn 'na shùil. Chuir mi fios air aon do floirbhich na h-eaglais a bha èdlach air Cailean, agus dh'fheòraich mi dheth mu 'thimchioll. " Saithne dhomhl e gu math," arsa 'n foirbheach, " agus 's fhad' o'u a b'aithne dhomhl e—òganach co modhail, shnaicce, thugseach 'sa bha dol a stigh air dorus eaglais. Ach, mo thruaighe I thachair dhà tuiteam ann an droch cuideachid, agus le droch còmpanaich. Cha misgeir e, agus cha'n fhaodar a rádh idir gur encorach gun onoir e; ach thog e leis an fheadhain sin ris an cauar na *Socialists*—mì-chreidich shèòlta, dhalma, uaibhreach. Ghabh e gu leughadh an euid leabhraichean, agus riun e dearmad air an Leabhar Mhór agus an leabhar math. 'S fear-dùthicha dhòmlis' e," arsa 'n foirbheach, " agus tha seòrsa do chàird-eas eadaruin. Tha mi fo mhòrau eagail agus càram mun 'thimchioll. Dh'fhairtlich orm seanachas a tharruing as, ged tha e

soilleir nach éirich e gu bràth as an tinneas so ; gidheadh, cha'n urrainnear a thoirt air so a chreidsinn. Tha e o là gu là a smuainteachadh gu bheil e 'fàs ni's fearr, ged tha e soilleir gu bheil oidhche a' bhàis, mar tha, a' ciaradh mu 'thichioill."

Chaidh mi g'a choimhead gu tric. Air uairibh, fhuair mi e ciùin, sàmhach, socrach ; air uairibh eile, fhuair mi e 'na shuidhe san dorus, agus ann an deagh spiorad misneachail, ag ràdh gu robh e móran na b'fheàrr, agus nach fhad' aig am biodh e eo làidir 'sa bha e riabh. Labhair mi ris gn dileas ; leugh mi dha nithe 'shaoil mi 'bha freagarrach, ach cha labhradh e féin diog. Bha e modhail, ciùin, ach anabarrach fuar agus seachnach air conaltradh. Dh'fheòraich mi dheth, uair agus nair, "A' bheil ni sam bith, a Chailein, is urrainn domh 'dheanamh air do shon, no a tha dhìth ort is urrainn dòmhsa fhaotainn'duit ? Ma thà, na ceil e," arsa mise. Ach 'se 'li-uile freagradh a fhuair mi, "Tha mi 'nur comain, cha'n eil ni air bith."

Ach, ged nach b'urrainn domh a tharruing gu seanachas, mhothuich mi gu'n robh e 'g éisdeachd rium le barrachd agus barrachd aire agus foighidinn. Cha chuala mi gearan riabh uaithe, no facall crosda, ged bha a leanaban beaga anabarrach gluasadach, agus do ghnàth a glaoedhaich s'a' sgreadail mu thimchioll a leapa.

Labhair mi ris gu tric mu luach an anama—mu naomhachd, gloine, agus ceartas Dhé—mu thruaillidheachd ar nàduir—uamharrachd agus gràinealachd ar peacaidhnean—agus mu thròcair agus ghràdh an Ti ard agus ghlòrmhoir a thainig chum ar tèarnadh. Dh'fleuch mi nàdur na h-iobairt a thug e seachad a mhìneachadh, agus mu'n dòigh shaor agus ghràsinhor anns an robh an t-slàinte àghmhor sin air a taigse do pheacaich bhochda. Dh'fleuch mi dreuchdan àraidi an Spioraid Naoimh a leigeil ris da—an dòigh anns a' bheil esan a' dùsgadh agus a' tarruing anamanian chum an t-Shluaigngeir ; agns bhrosnuich mi e gu gairm airson cumhachd éifeachdach an Spioraid, le ùrnuigh agus asluchadh. Thug e cead dhomh ùrnuigh a dheanamh ; ach an àite co-aontachadh leis na bha mi 'g ràdh, 'sann a chuir e gu pongail 'am aghaidh, ag innseadh dhomh nach robh e idir, idir, a dh-aona bharail rium. Tharruing mi e, mion air mhion, gu uiread sheanachais a dheanamh 'sa leigeadh a chasadaich leis.

Cha b'urrainn domh fhaicinn fad deich lathan 'na dhéigh sin. Thaghail a bhean uair 'ns uair aig an tigh agam, agus dh'fhàg i fios gu robh fadal air Cailean m' fhaicinn. Bha i 'feitheamh orin 'san dorus air a' cheart àm anns an cnal' i gn robh dùil aca rium. "Tha Cailean," ars' ise, "gu mór ni's laige ; cha'n urrainn da nis a chas a chur fodha, no eiridh as an leabaidh." "A' bheil e," arsa mise, "a' labhairt mu bhàs agus shiùrruidheachd ni's mò na bhà e ?" "Matà," ars' ise, "cha'n fhaod mi ràdh gn bheil ; ach tha e gu tric ag ràdh gu bheil fadal air sibh féin fhaicinn." "'S math an comharradh," arsa mise ; "bi'dh mi snas air do dhéigh gun dàil." Chaidh mi suas a' gnidhe gu dùrachdach gu'n deanadh Dia tròcair air, agus gu'n stiùradh an Spiorad mo smuaintean agus mo

chainnt. "O!" arsa mise rinn féin, "gn'n chnuinn aon fhacall—seadh, a h-aon—o'n tairngiunn an co-dhùnadh nach 'eil 'anam agimeachd do shiornnidheachd gu suarrach, aineolach, agus gun dòchas!"

Ràinig mi taobh a leapa. Cha robh neach san t-seòmar maille ris. Chaidh a bhean a mach car tamuill. Co luath 'sa chaidh mi 'stigh air an dorsus, shin e a dhà làimh a chur fàilt orm. Bha móran caoimhneis agus bàigh 'na shùil chiuin. "Tha 'm bàs ni's dlùithe," ars' esan; "thà, thà; cha'n fhaodar a chleith ni's faide. Och!" ars' esan, "tha sac móir air mo cholúinn—pian anabharrach a' losgadh mo bhroillich. Cha'n fhaod so seasamh fada." Dh'fheuch mise 'n sin labhairt ris mu dhenchainnean an t-saoghal thruaigh so. "Cha'n eil do'n fhìor Chrìosdnidh," arsa mise, "'san t-saoghal so, air a' chuid a's fearr, ach maduinn an latha siorrnidh." "An latha siorrnidh!" ars' esan, 's e 'togail a shùl ri mullach an t-seòmair, 's e 'pasgadh a dhà làimh—"an latha siorrnidh!" ars' esan, le osna thróm. "O! thig, thig!" thuirt e le ard-dhealas anama; "ach," ars' esan, 's e 'stad, "tha neòil na h-oidhche eadar sinn 's e —fada, dorchá. C'nin a bhristeas an latha!" Ghabh mi misneach; rinn mi ùrnigh taobh a leapa. Bha a bhilean a' gluasad; bha e ri ùrnigh. Stad e, agus le guth slàn fallain, a dhà làimh paisgte, 's a shùl ri nèamh, ghlaodh e mach, "Thà, thà! O Dhé! glòir do t'ainm! tha mi sona—thà, sona, sona; tha sith ann am anam!"

Ged bhiiodh e air éiridh o'n uaigh, agus a' chainnt cheudna a chleachdadadh, cha b'urrainn domh barrachd iongatais a bhi orm. Bha mi tosd—cha robh comas cainnt agam—ghníl mi gu tróm—bha mo chridhe làn—thug mi buidheachas do Dhia. Bha e 'n sin a nis 'na shìneadh gn ciùin, stochail, toilichte, gun ghearan gun eagal. "Air Criod," deir e, "tha mo thaic; 's esan carraig mo dhòchais—mo ghrian—mo sgiath—fear togail mo chinn. Ged shiùbhlainn tre ghleann dorchá sgàil a' bhàis, cha bhi eagal uilc orm, oir b'rdh esan maille rium.

Fhuair e fiosrachadh agus èolas math 'na òige, agus bha so a nis r'a fhaicinn—bha an siol math air a chur gn trath, agus a nis thòisich e ri tighin. "Tha m'uile earbsa air Criod," deir e. "Am bheil earbs' air bith agad," arsa mise, "air do rùnabh math?—air t'aitheachas?—air do ghiùlan onorach ionraic an làthair Dhé?" "Cha'n eil, cha'n eil," ars' esan, "a' chàiliginn a's faoine do earhsa!" Bha a phàisdean beaga 'nan suain, dithis diu san aona chreathail. Dhùisg an naoidhean mar a bha a mhàthair a' tighin a stigh. "Dia," ars' esan, "a' bheannachadh mo bhanntraich bhochd 's na dilleachdain!" Ghnil e. "Agus beannaichidh Dia iad," deir e; "seasaidh esan iad—bithidh esan 'na athair dhoibh—cha chaochail esan—cha tréig e iad gu bràth!" Bha móran seana-chais agam ris, ged nach b'urrainn esan móran a labhairt. Thuit Màiri air a dà ghlùn, taobh a leapa. Phòg i a bhathais nair 'os nair. "Tha mise nis," ars' ise, "strìochdta. Do thoil, a Dhé, gu robh deanta!"

Chunnaic mi gu tric 'na dhéigh sin iad, agus dh'fhàiltich i mi le furan. Bha esan a' fas na bu laige. Chuala mi air maduinn Di-màirt gu'n robh e direach a' tilgeadh na deò. Chaideh mi g'a amharc. Bha e bed, agus b'e sin uile e. Bha a shùilean dùinte, agus thoisich spàирн a' bhàis. Bha a bhràthair cróm os a cheann san leabaidh, agus 'na thosd—a bhean air fum, a' caoidh gn ciùin sàmhach. Labhair mi nì-eiginn r'a bhràthair a chual' e. Thug e có bh'ann. Dh'fheuch e a làmh a shineadh, ach cha b'urrainn da. Chuala mi osunn. Thog mi a' phlaide, agus ghlac mi a làmh fhuar eadar mo dhà làimh O l b'i sin an làmh fhuar, an làmh gun chì. Chuir mi mo bheul r'a chlnais. "Fhir mo ghràidh, ars' esan, " bha thusa ann ad charaid math dhòmhsa. Dia g'ad bheannachadh! Tha mise 'falbh—tha mi sona—tha mi subhach. Faicibh Mairi bhochd eo tric 's is urrainn duibh; agus, "ars' esan, 's e 'g amharc air a bhràthair, " labhraibh ri Eóghan." Labhair mi ris. Dh'fheuch mi nithe sòlasach a chagar 'na chluasan Bha'n deò a' falbh, gidheadh bha e mothuchail. Cha chuala m na bha e 'g irraidih a ràdh. 'S iad facaill mu dheireadh a thuig mi, "Buidheachas do Dhia!" Stad an anail, ach thainig osna thróm—dhùin a shùilean—thug mi aon sealladh eile air, agus dh'fhàg mi'n tigh. Thainig mi mach air an t-sràid. 'Sann an sin a bha'n t-atharrachadh mór—gleadhraich, agus stairirich's ùpraid, misg 'us mionnachadh. Bha mo chridhe làn; agus ged a thuit mo dheoir, bha sith ann am inntinn; agus gu tric thainig a bhriathran deireannach a'm chuimhne, agus a mach gu sàmhach o m' bheul—"Buidheachas do Dhia!" Mhothuich mi mi féin mar dhuine bha mothuchainn, o stùc ard, bàta beag air udal a mach air a' chuan mhòr air latha na gaillinn, am falach air uairibh eadar na h-uisgeachan, agus air uairibh eile air a giùlan gn h-àrd air bhàrr nan sùmainne móra—fios agam gu robh fear mo ghraidh innte—i 'siubhal ro' dhoinninn shalaich. Ach fhuair i 'stigh do chala na sith; agus a rithist thubhaint mi, "Buidheachas do Dhia!"

AM MINISTEIR GALDA.

IMRICH MHÓR NAN GÀIDHEAL DO AMERICA AGUS DHÙTHCHANNAN CÉIN EILE.

A Chuairteir Uiseil,

Le so tha mi 'cur 'ugaibh beachd agus imittinn buidheann thaghta na Pàrlamaid mu chor nan Gael, agus an dòigh a mhol iad gus an cor a leasachadh, air eadartheangachadh mar a b'fhear a b'urrainn mi. Tha fhios a'm gn bheil cluasan nan Gael 'nan seasamh, fiach ciod a chluinneas iad mu'n chùis; agus faodaidd sinn dóchas altrum, 'nuair a chruinnicheas a' Phàrlamaid ùr, gu'n dean iad mar a mhol comunn taghta dhiu féin, agus gu faigh na laoich rùm a réir an spionnaidh. Taing do Ni-Math, thuit lannan cheana bharr an sùl. B'fad' air an sgeir iad, a stri ri deanamh maoraidh. Thug an cairdean a b'fhèarr rabhadh dhaibh gu'n do chaochail an seòl-

sruth; ach ged a chunnaic iad a' muir-làn a' tighinn mu'n cuairt air an sgeir, agus a' dìreadh uigh air nigh, cha chuidhticheadh iad!

Iadsan a ghabh rabhadh, 'sann ac' an diugh nach 'eil fà-aithreachais. Chunnaic mi'n diugh féin fear (Niall Mac Illeain) a dh'fhàg Eilean Chola, dìreach a dheich bliadhna na taca so, gun deich puínd-Shasunnach de'u t-saoghal aige. Chaidh e gu *Port Philip*. Thòisich e ri malairet, mar a b'fhearr a dh'fhaodadh e. Tha e'n diugh 'na Thighearna ann am baile mór *Mhelbourne*, agus na chaipín agus na fhear-pàirt de *bhrig mhór*! Tha'n long an ceart uair ann an Lunnainn, 's thainig e féin léum a shealltann a chairdean—'na òganach deiseil, enimir, smearail; 's na h-igheanan nach sealladh roimhe air an taobh de'n rathad air an robh e, a nis a' briseadh an eridhe as a dhéigh. 'S iomadh naigheachd, darriearnih, a tha e 'toirt mu'n dùthaich sin; agus, gu dearbh, cha'n ann bho bheul nam breug a thàinig iad. Innseam dhuibh aon ni a chuireas, a theagamh, iognadh oirbh. A chiad £16 a choisinn e, cheannaich e acair fhearainn leis ann am *Port Philip*. Chum e'n t-acair so air a làimh fad ceithir bliadhna; agus, mìos no dhà mun d'fhàg e, reic e'n ceart acair air £1,500.

A' guidbe buaidh 'ns beaunachd leibh féin agus leis a' Chuairtear, 'smi ur caraid dileas,

MACTALLA.

Dh'aontaich a' bhuidheann thaghta, de Bhuill-Pàrlamaid a shòn-raicheadh chum mion-fhiosrachadh fhaotainn mu staid Gaeil Alba, agus a dh'fhaicinn an robh e comasach an cor a leasachadh, le chuideachadh a thoirt dhaibhsan a bha toileach dol thairis, leis na naoi puincean a leanas:—

1. Air dhuinn fianaisean measarra, poneail, agus fiosrach, a cheasnachadh taobh air thaobh, cuiridh sinn a uis fa chomhair àrd-chomhairle na rioghachd crioch ar saothreach. Chaidh a dheanainh a mach gu soilleir, a réir teistis, gu bheil barrachd shuaigh sa' Ghaeltachd na's nrrainn an dùthaich a bheathachadh, gu h-àraig ann an cnid de shioramachd Earra-Ghæl, Inbhernis, agus Rois, a' gabhail a stigh àireamh mhór de na h-eileanan; agus gu bheil an t-anbar so a tha 'fulang dì, gach bliadhna, mu thuaiream 45,000 gu 80,000 anam.

2. Chaidh a dhearbhadh, le fiannisean, gu'n robh gorta nam bliadhna 1836 agus 1837 cho ioma-sgaoilteach, agus cho cruaidh, 's gu'n d'fhuair iomada bàs le eion, mur bhi na rinn a' Phàrlamaid agus na coimhbearnsaich air an son; gu'n deach £70,000 a chruinneachadh, agus a roinn ann am biadh 's an aodach; agus gu bheil na cearnaibh a chaidh a chuideachadh buailteach d'a leithid eile de ghaione an àm ri teachd.

3. 'Si ar barail gu faighear an t-anbar sluaigh so cho fad air ais ris a' bhliadhna 1745, agus nas faide. Gur h-e b'aobhar dha, an dòigh tighin-beò bl'aig na fineachan, a' meas an staidibh do réir an àireamh de shaighdearan a thogadh iad an àm feuma. 'Na lorg so thainig fearanu gu bhi air a mhion-roinn 'na chroitean beaga,

agus iad so a rìs eadar mac 'us athair. Cha robh a' chuis cho dona fhad 'sa inhair prìs air *ceilp*, 's a bha 'Phàrlamaid a' toirt *bounty* airson sgadan iasgach; ach dh'fhalbh iad so, 's cha'n eil a nis cosnadh aon.

4. Bha'n t-anbar sluaigh-sa, 'thuilleadh, air an cuideachadh, agus air an cuir an lionmhorachd, leis a' Phàrlamaid a bhi togail cnid-eachda lionmhor de *volunteers* agus *fencibles*. Chaidh móran de chroitean beaga air tìr-mór a thionndadhl gu gabhalaichean farsnuinn —ni 'dh'fhudaich na daoine bochda bho na gleanntaibh gu cois na fairge, clùm a bhi goireasach do iasg agus do *cheilp*.

5. Chaidh, mar an ceudna, 'dheanamh 'mach nach do chuidich cion foghluim agus aineolas air a' Bheurla 'chùis; oir chnm so móran de'n t-sluagh bho dhol gn Galldachd, far am faigheadh iad cosnadh, agus duais d'a réir. Chaidh a thoirt snas duinn, cnid-eachd, gu bheil eion rathaide-móra, 'na ghrabadh nach beag air soirbhlieachadh na dùcha.

6. Thug sinn 'cheana mar ar beachd-ne do'n Phàrlamaid, gur h-e'n t-anbar sluaigh so 'chnideachadh thar chuantaibh dòigh a's fearr gn faochadh a thoirt dhaibh féin agus do'n dùthaich, agus stad a chur air gainne agus bochduinn. Agus a nis theirimid, le dearbhachd, nach 'eil e cothromach no comasach, a réir ar barail-ne, so a dheanamh, air choir as eugmhais cuideachadh o'n Phàrlamaid fo riaghailtean reachdimhor agus fallain.

7. Chaidh innse dhùinne, le fianaisean teisteil, gn'n "gabha Canada Uachdrach e féin, gn' ghuth a ràdh mu'n chnid eile de America mu Thuath, 10,000 fear-oibre; gn'n deach, air chinnt, 30,000 do Chanada an uraigh féin, de mhuinitir a bha, 'n dar leth dhiu, nan diol-deire, agus gn'n d'fhuair a chuile mac màthar dhin cosnadh !

8. Cha bu mhìst a' chùis nan cuireadh a' Phàrlamaid fan comhairle ris na Stàtan thall, feuch ciod a ghabhadh iadsan os-làimh a dheanamh airson gach buidhinn mar rachadh thairis, ann an obair fhaotainn dhaibh, no an seòladh far am faigh iad i.

9. Chaidh a dhearbhadh dhùinne, gu bheil a' chuid a's mò de'n t-sluagh a tha gn h-ole-dheth, iad féin a nis toileach an dùthaich fhàgail, oir tha iad a' faicinn gu faod gort agus gamtar tighin a ris; agus gn dearbh mholamaid gn dùrachdaeh do'n Phàrlamaid na tha 'nan comas a dheanamh as an leth, mun bi e tuilleadh 'us annoch.

Lunnuinn, 24 latha de'n mhìos Mhàigh, 1841.

AILEAN NAN SOP.

EACHDRAIDH FHÌRINNEACHI AN DUINE AINMEIL SO.

'S IOMADACH sgeul tha air innseadh mn 'n duine so ann an eachdraidh na Gàidhealtachd; agus tha iomadh eachdraidh mhearrachdach air a thoirt mu 'dhéibhinn ann an leabhraichean. Dh' fheuch sinn gach aon dinbh a rannsuchadh; agus tha sinn a nis a' toirt eachdraidh as am faodar earbsadh.

Bu mhac Ailean-nan-Sop do Lachunn Catanach, triath Dhubhairt, ceann-feadhna Chloinn-Illeathain—an t-aona cheann-feadhna suarrach, tàmailteach mi-chliuiteach a blia riabh thairis air a' chinneadh ainmeil mheasail sin, duine air nach 'eil aon sgeul math air aithris—aintighearna cho garg, fhuitteach, ghealtach 's air a' bheil iomradh againn ann au eachdraidh ar dùthcha.

Bha 'n droch dhuine so air tùs pòsda ri Baintighearn Ealasdaid Chaimbeul, nighean do MhacCailein-mór, iarla Earraghàidheal. Cha robh a' bhéisd dhuine so achi dà bhliadhna pòsda rithe 'nuair a dh' fheuch e a cur bàs le 'fagail air Sgeir-na-Bainteghearna. Cha ruig sinn a leas an eaeldraidh oillteil sin innseadh an so—tha cùnnatas fior mhath air a thoirt mn 'thimchioll anns an "Teachdaire Ghàidhealach. Bha mac eadar Lachunn Catanach agus a' bhaintighearna so, Eachunn Mór Dhubhairt—duine air na h-uile dòigh eu-cosmhuil ri 'athair—ard fhlath co urramach air son gach deagh bheus agus bnaidh 's a bha riabh sa' Ghàidhealtachd. An déagh do Lachunn Catanach dealachadh ri nighean MhicChailein, phòs e bean eile d'a chinneadh féin, nighean do dh-fhear Threisinnis, agus b'i so màthair an flir so air a' bheil sinn a' sgrìobhadh, Ailean nan Sop.)

'S ann ann an caisteal ann an eilean beag cùlaoblì Mhuile bha Lachunn Catanach a chòinchnuidh 'nuair bha Ailean-nan-Sop 'na òganach. Tha'n t-eilean so aiumeil ann an eachdraidh na rìoghachd; bha e 'na dhaingnich aig righean na h-Alba fad ioma ceud, bliadhna; bha caisteal aca ann a bha nnabarrach làidir. Tha aon chreag ard, chorraoch, chas, ceithir thimchioll an eilein, air nach streipeadh gabhar, gum tighlin air daoine; agus tha muir bhuaирte agus sruthan bras mu 'thimchioll, air chor's nach 'eil e comasach, cha mhór, a ghilacadh. Tha a' t-àit anns an robh na saighdearan a' fuireach air a ghearradh no air a shnaigheadh o'n chreig.

So an t-àit aims an d' àraicheadh Ailean-nan-Sop. Ghilac 'athair an daingneach so le foill, agus chum e i le fòirneart. 'Se 'cheud iomradh th'againn air Ailean-nan-Sop, oidhrip a thug e air nighean do MhacNéill Bharra, a bha 'n tigh 'athar—Theich i chum i féin thilgeadh thar stachd ard gu i féin a theasraiginn uaithe; ach thachair ceatharnach làidir oirre a thug upag do dh-Ailean leis an deach e thar a' chreig, agus thèarnadh ise bho 'innleachdan mallaichte.—Tha a' chreag thar nà thuit e air a h-ainmeachadh air gus an latha diugh, "Urraigh Ailean-nan-Sop." Bha tèarnadh caol aige, ach thanig e bhuaирte. Bha san àm sin móran loingeas air an ais 's air an aghart ri réubainn agus mèirle—spùinneadairean, le sgioha làidir bhorb. Dh' fhalbh Ailean le h-aon diubh so, 'scha b'fhabda bha e imuit 'nuair a dhearbh se e féin 'na shèòladair agus 'na chreachadair comharrachte. Fhuair e uachdranachd na luinge, agus chaidh e bho eilean gu h-eilean, a' creachadh, a' losgadh agus a' spùinneadh gach àite, gus an robh 'ainm 'na chulaidh-oillt agus eagail air feadh na dùthcha. Le 'iàimh féin b' àbhaist da sop a chur ris na tighean agus an losgadh; agus 's ann uaith so a thogadh Ailean-nan-Sop mar ainm air.

Thainig an creachadair so le luing a stigh cùl Mhuile aig Leithead

Thorloisg ; chaidh Ailean le 'chuid gillean air tìr, nihurt e caraid da féin, tighearna 'n Leithir. B'e so ceaun an teaghlach urramaich d' am b' ainnm Sliochd a' Chlàidheimh iaruinn—seann duine gun lochd—chuir e gu bàs e, agus ghlac e an tigh 's an oighreachd dha féin. Tha e 'toirt duinn beachd brònach air staid na Gàidhcheatachd san àm sin, 'nuair a fhuair an duine fuiteach so an oighreachd a ghleidheadh, agus e fein a shocruchadh mar a rinn e, le murt agus mèirle ; achi bha e 'na ghaisgeach co curanta, thireun, dhalma 's gu'n robh eagal orra làmh a thogail 'na aghaidh. Bha na cinn-fheadhma san àm sin a 'murt s a' milleadh a chéile ; agus sheasadh Ailean-nan-Sop am fear a b' fhèarr a cheannachadh a chàirdeas.—Bha e air uairibh air taoblh a bhràthar, Eachunn Mór Dhubhairt, agus air uairibh eile a' cath 'na aghaidh. Cha 'n eil ni air bith a's mó tha 'leigeil ris duinn sòltachd agus treuntas an duine so na gu'n do cheannaich Mac Dhòmhnuill Èile a chàirdeas le Eilean Ghiogha thoirt dha mar oighreachd, agus bailtean eile ceann Loch Tairbeart. Chuir an ceatharnach, no an spùinneadar so seachad móran ùine ann an eaistean Tairbeart a fhuair e bho Mhae Dhòmhnuill ; agus cheannaich MacCailein Mór a chàirdeas le oighreachd a thoirt dà ann an Cnapadal, àite tarbhach d' am b' ainnm Cille-charmaig.

Le cairdeas nan daoine móra sin, MacCailein, MacDhòmhnuill, agus a bhràthair, Eachunn Mór Dhubhairt, bha Ailean-nan-Sop ana-bharrach cumhachdach, agus 'na chulaidh-eagail d'a nàimhdean ; ugus ged a bha a liuthad oighreachd luachmhòr aige, cha do sguir e do chreachadh agus do mhilleadh. A mach o Chaisteal an Tairbeart b' àbhais da dol do Chòmhall agus do thaobh Loch Laoinnunn, agus air feadh mhachraighean na Galldachd, a' togail chreach o gach àite. B' àbhais da le'loingeas dol mar an ceudna do dh-Eirinn a losgadh agus a mhilleadh, agus a thogail chreach ; air chor 's gu'n robh Ailean-nan-Sop co ainneil ann an Eirinn 's a bha e ann an Albainn. Chaidh e' thogail chreach aon nair do 'n Eilean Bhòdach ; chuala 'n Siòrram gu 'n robh e 'tighin, agus chruinnich e a dhaoine, ach cha seasadh iad na ceatharnaich bhorb a bha aig Ailean ; thug e air falbh làn a luinge do 'n spréidh a b' fhèarr a bha i' a fhaotainn.

Chuir giùlan Ailean mór-dhùilgheadas air an duine 'ard-inntinneach, onorach; Eachunn Mór, a bhràthair, agus air 'fhear-cinnidh Tighearna Chola. Chual' Ailean nì-eigin a thuirt Tighearna Chola 'na aghaidh, agus thug e Cola air gu aicheamhail a ghabhail. Bha Tighearna Chola 'sràidimeachd air an tràigh—ghlac Ailean e agus thug e air bòrd air a bhìrlinn e, rinn e priosanach dheth, agus cheangail e ris an toblt' e ; thog e 'shiùil agus thug e an Tairbeart air.

Bha Tighearna Chola 'na bhard urramaichte, agus thòisich e air òran a dheanamh do dh-Ailean-nan-Sop. Sheinn e an t-òran—fhuair so a' chuid a b' fhèarr do dh-Ailean—dh' fhuasgail se e, agus thug e 'chead da, ag ràdh ris, "thoir an aire ciod a their thu 'na dhéigh so mu m' thimchioll-sa—tha eun beag ann an Cola tha 'tighin a dh' innsoadh dhòmhsa do chainnt aig do bhòrd féin—leigidh mi as thu, achi bi a'd'earalas á so a mach."

'Nuair bha Ailean air fàs aosmlor thog e d' a dhroch cleachdaidh-

nean, agus sgnir e do chreachadh agus do réubainn; ach cha do thaitinn so ris ua ceatharnaich a bha 'na chaisteal—cha robb an fheòil cho pailt's a b' àbhaist di. Air latha àraig bha cuirm aige, agus bha fear d'a dhaoine a' creim cnàimh feòla air nach robh móran r'a fhaotainn. " 'Sann air an tigh so" ars' esan, " a thainig an dà latha 'nuair tha na cnàmhan co lòm." Chual' Ailean e, thuig e mar a bhà—" Biodh gach bìrlinn a bhuineas duinn deas an nochd, ar gillean 's ar daoine, agus fiachaidh sinn beagan feòla chur a stigh air son a' gheamhraidh." Thog iad orra troimh na Caoil Bhódach, agus ràinig iad suas air abhuinn Chluaidh dlùth do Ghlaschu—thog iad creach mhór, agus phill iad le làn gach bìrlinn a bhuineadh dhoibh. So a' chreach a's mó agus a' chreach mu dheireadh a thog Ailean-nan-Sop; agus thugadh mar ainm oirre creach-na-h-aisne.

Ràinig Ailean aois mhór. Chaidh e do dh-I Chalum-Chille, rinn e réit ri Cléir an àite sin agus ann an tìne bheag 'na dhéigh sin bhàsaich e, agus thiodhlaiceadh e ann an I, auu an Reilig Órain maille r'a shìnusearra, teaghlaich Dhubhairt.

Dh' fhàg Ailean-nan-Sop aoua mhac agus nighean. Chuireadh a mhac gu bàs airson oidheirp a thug e air Eachunn Mór, brathair 'athar a mhurt; agus phòs an nighean Murcha Gèarr Lochabuidhe. Thainig an oighreachd a thug Ailean o Shliochd a' chlaidheimh iarquinn, teaghlaich an Leithir, air a h-ais an déigh a bhàis, a dh' ionnsuidh Mhic Illeathan Dhubhairt, agus thugadh i do Lachunn òg, mac do Shir Lachunn Mór Dhubhairt, agus uaithe-san thainig teachlaich Thorloisg. Chaochail Ailean-nan-Sop mu'n bhliadhna 1555, eadar sin agus 1560. Tha leac an duine so air a comhar-rachadh a mach fhathast ann an I Chalum-Chille.

AIR CRUINN-MHEALLABH SOILLSEACH NAN SPEUR.

EARRANN IV.

Tha oibre an Tighearn Ichóbhailh òirdheirc agus seasmhach. Gheall e féin, do nach comus bréug a dheanaunh, gu'm buanaich na beannachdan agus na tròcairean, a ta 'sruthadh o theas agus o sholus na gréine co fad 's a bhuanicheas au talamh feiu. Tha e ag ràdh, " Am feadh a mhaireas an talamh, cha sguir àm an t-sil-chuir agus foghar, agus fuachd agus teas, agus sàmhradh agus geomhradh, agus là agus oidhche."—(Gen. viii. 22.) Ge' be taobh air an auhairc sinn air feadh na cruitheachd, cha chomas duinn gun mheur a' Chrùitheir fhaicinn anns gach nì! Shuidhich e a' ghriàن agus na reultan ann an speuraibh nèimh, air chor is gu'm bheil ceithir ràidhean na bliadhna a' teachd gu riaghailteach an déigh a cheile agus a' cur aghaidh a' chruinne-ché fo chaochladh dreach! 'Sau earrach, tha feur agus luibhean a' briseadh a mach as an talamh, agus a' còmhachadh a luime! Tha an tuathanach a' sgapadh rogha sil 'na fhearann, a bheir a mach toradh ioma' fillte ann an àm iomchuidh. 'San t-sàmhradh tha'n talamh 'na làn

ghlòir,—gach luibh agus craobh fo bhlàth, agus gaeli toradh luachimhor 'ga thoirt a mach leis a' ghréin! "Tha na enuic ri gairdeachas air gach taobh, na cluainean air an sgendachadh le tréudaibh, agus na glinn air an còmhdaichadh le h-arbhar."—San fhogharadh, fasaidh na h-achian geal,—sàthaidh am buanaiche a stigh a chorrau, lionar an tamar fiona, agus eniridh am dabbach thairis!—"Iadsan a chuir le deuraibh, bainidh iad le gairdeachas! Esan a chaidh a mach agus a ghnil, ag iomchar sil luach-mhoir, thig e a ris le gairdeachas, a' giùlan a sgnab."—Mar so, lionar eridhe an dñine le gean agus subliachas, agus nì e aoibhneas 'na shaothair nile! 'S a' gheainhradh, caochailidh an talamh a shnuadh agus rùisgear dheth a bhreaghadh!—"As an àirde-deas thig joima-ghaoth, agus fuachd as an airde-tuath! Le h-anail Dhé bheirear reodhadh! Bheir e sneachda mar dainn; sgaoilidh e an liath-reodh mar luathre! Tilgidh e a mach eigh mar ghreamanna; có dh' fheudas sensamh roimh fhachda."—Mar so, tha co-shuidheachadh na talmhainn ann am fochair na gréine, a' toirt air ráidhean na bliadhna aon a' chéile a leantuimi! Air uairibh, tha 'ghriàin a' tilgeadh a gathan laga air saoghal reòta, ach air uairibh eile, tha i a' cur a mach a soluis agus a teas air ionadaibh tuatha na talmhainn, agus a' cò-roinn beatha agus maise riu! Mar so, tha Dia air a ghildrachadh 'na oibribh!

Labhair sinu roimhe air na reultaibh MERCURI, BHENUS, agus an TALAMH, agus nochd sinn gun robh an làithean agus an òidhchean aca maraon. Tha teallsanaich an dùil, gu'm bheil gealaichean aig Merenri agus Bhénus, chum an oidehean a shioillseachadh; ach air do na reultaibh sin a bhi co teann air a' ghréin, cha'n eil innleachd air an gealaichean fhaicinn, ma tha iad aca. Ach tha sinn cinnteach, gu'm bheil aon ghealach mhòr, bhnidhe, againn fein, chum dorchadas ar n-òidhchean fhògradh air falbh; agus nì sinn dìchioll, a nis, air cùnnatas goirid a thoirt oirre. Cha'n eil a' ghealach 'na reùlt, mar a ta Mercuri, Bheuns, an talamh, agus reultan eile, ach is ball cruinn i, a ta 'cuairteachadh 'na gréine! Tha ochd gealach deùg, gu léir, aig na reultaibh a bhuiteas do'n ghréin agáinn; agus diubh so tha aon aig an talamh, ceithir aig Inpiter,—seachd aig Saturn, agus sea aig Uranus. Tha a' ghealach againne 'cuairteachadh na talmhainn ann an seachd là fishead, seachd uairean, agus tri agus da fhichead mionaid; ach o chaochladh gu caochladh, tha i 'gabhail naoi là fishead, dà nair dheng, agus ceithir agus dà fhichead mionaid, chum a cnairt a choimhlionadh. Tha i beag an coimeas ris an talamh; oir cha'u 'eil i ach dà mhile, aon cheud, agus tri fishead do mhìltibh troipe, an uair a tha au talamh dlùth air ochd mìle do mhìltibh troimhe! Tha'n talamh uime sin, còrr agus tri fishead uair ni's mò na 'ghealach. Tha i ni's faide o'n talamh air uairibh seach a' chéile, ach tha i mar a's trice mu dhà cheud, agus da fhichead mìle do mhìltibh air astar uaithe! Tha i a' siubhal 'na cearcall mn'n cnairt do'n talamh dà cheud, ceithir fishead agus deich 'do mhìltibh ann an uair! Tha'u talamh a' cuairteachadh na gréine ann am beagan

a thuilleadh air tri chéud, tri fishead, agus cùig làithean; tha 'ghealach, níne sin, a' cuairteachadh na gréine 'san ùine chéndna; ach tha i 'deanamh mòran astair a bhàrr air an talamh, do bhrighli gu'm bheil i 'ga chnairteachadh gach mios, agus a' cumail suas ris, a thuilleadh air sin, 'na chuairt mu'n ghréin! Air an aobhar sin, tha e soilleir, gu'm bheil a' ghealach a' deanamh cuairte na talmhainn mu thimchioll na gréine ann am bliadhna; ach osbàrr, tha i an taobh a stigh do'n ùine sin a' enairteachadh na talmhainn 'na cearcall fein tri uairean deug! Tha 'ghealach cosmhul ris an talamh, 'na meall cruinn, dorch, innti fein, a ta soilleir a mhàin trid ghathannaibh na gréine a bhi 'bualadh oirre! Air an aobhar sin, tha'n leth sin dhith a ta fa chomhair na gréine a ghnàth soilleir, agus an leth eile ann an dorchadas. Cha'n fhaic sinne i aig àm a caochlaidh, do bhrìgh gu'm bheil i dìreach eadar sinn agus a' ghriàn, agus an taobh dorch a dhi rninn. Ach air di beagan astair a dheanamh 'na slighe, chì sinn earrann bheag do'n taobh shoilleir aice, a ta sìor mhendachadh, gus am bi i fa chomhair na gréine, air an taobh eile do'n talamh, an uair a chì sinn an taobh soilleir aice gu léir, agus an sin, tha i làn, cruinn, agus deàlrach. Air an dòigh cheudna, tha i a' eaitheamh, gus an ruig i, a ris, eadar sinn agus a' ghriàn, an uair nach fhaicear idir i. Tha i cosmhul ris na reultaibh a' tionndadh air a mul féin, agus tha e anabarrach iongantach, gu'm bheil an ùine a ta i 'gabhlach chum sin a dheanamh co'-ionaun ann am faidead ris an ùine a ta i 'toirt a mach, chum enairst a chur air an talamh! Agus air do'n chùis a bhi mar sin, tha e 'tachairt gur e an aon taobh dhi a ta'n còmhnuidh ruinne, ge b'e àite d'a cuairt anns am bi i! Tha'n taobh so a ghnàth soilleir; oir an uair nach bi a' ghriàn 'ga shoillseachadh, tha'n talamh a' toirt soluis da, tri uairean deng nì's deàlrache na'n solus a ta 'ghealach a' tilgeadh air an talamh! Tha'n taobh do'n ghealaich, gidheadh, nach 'cill sinne idir a' faicinn, soilleir rè cheithir là deng, agus dòrcha rè cheithir là deng eile! Air do'n ghealaich a bhi co fagus do làimh, an coimeas ris na reultabh, tha cothrom nì's fearr aig na reultairibh air a faicinn le'n gloineachaibh. Tha iad, uime sin, a' deanamh a mach gu'm bheil i, cosmhul ris an talamh, air a còmhlichadh le beanntaibh, gleanantaibh, agus machraichibh! Chaidh cuid do bheanntaibh na gealaich a thomhas, agus tha iad mar a's trice dà mhive air àirde; tha iad cruinn, agus corrach, agus anabarrach lionnigh! Cha'n fhacas a' bheag do choslas uisge anns a' ghealaich, agus cha'n 'eil adhar aice, no neòil mu timchioll, mar a ta aig an talamh! Femnaidh aimsir na gealaich a bhi anabarrach iongantach, agus caochlaideach, air di a bhi, rè cheithir là deng eile air a claoïdh leis an reodhadh a's teinne a dh' fheudas a bhith! Ma tha creatairean a' gabhlach, tàimh oirre, nì nach 'eil neochomhsach do'n Ti Uile-chnumhachdaich òrduchadh, tha e eìnnteach, gu'm bheil iad air an dealbhadh leis-san, le nàdar freagarraich air a son; oir, a réir ar beachd-ne, cha b'urrainn do chréutairibh na talmhainn so a bhi bed oirre!

Ged tha solus na gealaich dìblidh agus fann, an coimeas ri solus

deàlrach na gréine ; gidheadh, tha e fénmail agus taitneach, chum dòrchadas 'nan òidhchean fada geomhraidh fhògaradh air falbh ! Shuidhich an Cruithear a' ghealach ann an spéuraibh nèinn, mar "an solus a's lugha a' riaghlaadh na h-òidhche," agus rinneadh i "air son chomharan, agus air son aimsirean, agus air son làithean, agus bhliadhna chan," co math ris a' ghréin ! Air an aobhar sin, tha ach beag, gach uile chinneach a' tomhas ùine le cuairtibh na gealaich ! Tha enid do chinneachaibh ann, nach 'eil a' tomhas na h-aimsir le bliadhnaibh idir, ach a mhàin le gealaichibh ;—agus mar so, ged robh daoine 'nam measg cend bliadhma dh 'aois, inn-sidh iad an aois, cha'n ann le bliadhnaibh, ach le àireamh nan "gealaichean," a bh' ann o'n là air an d'rugadh iad ! Thugadh àithne do na h-Israelic iobairtean-loisgte, agus tabhartais-bidh a thoirt snas ann an toiseach am mìosan, agus tha sinn a' faicinn gu'm bheil "gealaichean ùra,"—"Féillean suidhichte," agus "Sàbaidean," air an ainmeachadh mar amannaibh a bha naomh do'n Tighearna!—(Aireamh. xxviii. 11. Is. i. 13, 14.) Bhuan-aich na h-Iùdhaich ann a bhi séideadh an tràmpaidean aig àm an gealaichean ùra, gus an do sgupadh iad air feadh an t-saoghail ; agus a réir a' chleachdaidh so, thug an Salmadair seachad an àithne a leanas.—(Salm. lxxxv. 3.)

Seidhbh an stoc sa' ghealaich nuaidh
Air làithibh òrduicht' feill ;
Bu lagh sud aig Dia Iacoib fòs,
'S bu reachd do Israel.

Théid sinn air ar n-aghaidh le'r cùnnatas mu na reultaibh eile anns an ath earrainn.

SGIATHANACH.

Cillmhoire, Ceud mhios a' Gheamhraidh, 1841.

A' BHREAC BHOGLACH (NÀDURRA).

[Air a leantuinn bho'n 7mh Àireamh, 164.]

Fhuaradh agus dhearbhlaadh leis an lighiche Shasunnach, Jenner, nach gabh neach a' bhreac-nàdurra, an déigh breac-a'-chruidh, ach ainmnic. Thugadh fa'near ann am inòran do shiorramachdaibh Shasunn, roimh àm Jenner, do bhric air ùithean agus sineachan a' chruidh ; ach b'esan a rinn a' cheud deuchainn gus a cumhachd a dhearbhadh. Shoirbhich e'n déigli móran do chùl-chàineadh, naimhdeas, a's chomhstri, fbulang bho lighichean eile.

A leigeadh ris a' mheas mhòr a bh'aig an rioghachd air, thug a' Phàrlamaid Bhreatunnach £10,000 dha aig aon àm, agus £20,000 aig àm eile. Chuir muinntir Innsean-an-Éar còrr agus £7,000 d'a ionnsuidh ; agus fhuair an Ceannard Breatunnach an taing a leanas bho Innseanaich America mu Thuath, air dhà leabhar Jenner a thabhairt doibh :

"A Blàthair,—Liuthair ar n-Athair duinn an leabhar a chuir sibh d'ar n-ionnsuidh, a theagast na h-innleachd sin a thug an Spiorad

Mór duibh, leis an ruaigear a' bhreac nàdurra, nàmhaid nan treubhan, bho aghaidh an talmhainn. Liuthair sinn do leabhar do'n fhear-sgile a tha ar n-Athair a' cur a fhrithealadh oirnn aig àm tinneis no leoìn. Cleachdaidh sinn d'ar cloinn ainm *Jenner* aithris, agus buidheachas a thabhairt do'n Spiorad Mhòr airson meud a' ghliocas a's na seirc a thug e dha. Tha sinne, na cùig dùthchannan Innseanach, a' cur a' chrios agus na sraing (*Wampun*) d'ar n-ionnsuidh, mar chomhar air ar taingealachd airson na gibhte phriseil; agus tha sinn a' guidhe air an Spiorad Mhòr càram a ghabhail duibh anns an t-saoghal so, agus ann an tir nan spiorad."

Ann an iomadh rioghachd a' bharrachd air Breatunn, thilgeadh cùintean (*medals*) mar onair dhà; agus rinneadh aon, le òrdugh *Napoleon*, air an robh dealbh a' cheud lighiche, *Aesculapius*, a' dionadh Bhenus; agus bha 'ainm co ard 's gu'n do leig *Napoleon* agus Rìgh na Spàinn priosanaich fa sgaoil tre mheadhon *Jenner*. A thuillidh air so, thugadh urram dhà leis gach ard thigh-oil 'san Roinn-Eòrpa; 's cha b'iongantach sii, oir chuir e as do'n aon ghalar a's gràineile d'am bheil duine buailteach.

Tha cuid a' dearmad breac-a'-chruidh, am beachd nach 'eil feum inntu—gu bheil i cunnartach, no ana-goireasach. Cha mhòr dhaoine th'aun a nis nach 'eil a' creidsinn 'na cumhachd. Cha'n fhaicear gairdean 'ga mhilleadh gun mhìghnàthachadh, agus cha'n eil leithsgeul aig neach a nis a bli 'ga dith; oir ma tha sgìreachd gun lighiche, cha'n eil gun mhinisteir, ge air bith co iomallach; agus dhàsan cha chost litir ach sgillinn g'a cor a dh'ionnsuidh Tigh-Eiridinn na Brice ann an Lunnuinn—Tigh-Cur na Brice, ann an Sraid *Hutcheson*, Glaschu—no an Léigh-Lann Ghàidhealach (*Celtic Dispensary*, 190, *Trongate*), Glaschu; agus ruigidh breac-a'-chruidh e le tilleadh a' phuisit.

Tha cuid gun ag a' gabbail na bric-nàdurra bliadhnaagan an déigh breac-a'-chruidh, ach 's tearc iad; agus tha iadsan daonnan fàbharach. Chumnaic sinn iad a' gabbail na bric-nàdurra dà uair. Tha lighichean a nis a' cleachdadhl a bli 'g ath-chur breac-a'-chruidh, seachd gu deich bliadhma an déigh a' cheud chuir.

Is duilich leam a radh gnr Gàidheil trì-cheathramhnan do luchd na bric ann au Tigh-Eiridinn Rìoghail Ghlaschu. 'S ainmic a' bhreac-nàdurra chòir nan Eirionnach, oir acasan tha léigh-lainn agus lighichean hhochd, leis am bheil gach aon air an gearradhb. Tha an riaghait so a nis ann an Sasunn, agus tha dòchas agam gum bi i thiota ann an Albain. Tha sgàth mòr aig na Gàidheil dol do'n Tigh-Eiridinn, ach tha so a' dol ni's lugha—cuid a bhios a' gearan nach faigh iad an leòir bìdh. 'S cuimhne leam maighstir-sgoile aig an robh mi uaireigin, a bha ag innseadh dhomhl gu'n robh e 'na òige san tigh nd le fiabhrus. "Cha robh mi," ars' esan, "ach beagan làithean a stigh, nuair a fhuair mi na b'fhearr do'n fhiabhrus, agus thaimig toil do bhiadh dhomhl, ionnus gu robh mo milionach air a tholladh leis an acras. Bha mi faighinn cuach bhrochain a's bhainne 'moch a's annnoch, a thuillidh air dinneir; ach bu bheag air urlar mo stamaig iad. Bheirinn da-bhliaidhnach muilt, no gambainn, air

chùmhant a' chuach bli 'inheud eile.' 'S beag a shaoil e gu'n deanadh a bheag no mhór a gheòcaireachd aig an àm so an t-acras a chur deth, agus làn a dhroma do'n fhiabhrus a chur 'na àite.

A thuillidh air an Tigh-Eiridinn Rìoghail so, tha mòran do léigh-lainn (*dispensaries*) anns sa' blaire airson daoine bochda; ach feumaidh neach a bhi trì bliadhna a chòmhnuidh ann mum bheil còir aige air sgil no cungainnean fhaighinn uapa so. Is glé bhitheanta e tachairt gur e'n Gàidheal a th'air ùr thighean do'n Ghalldachd a tha tachairt air tinneas a's sgorradh. Aigesan cha'n eil còir air na sochairean ud. Air a shonsan dhifhosgladb, bho chiunn beagan bliadhna nach, Léigh-lann Ghàidhealach (*Celtic Dispensary*), as am faigh Gàidheil nach 'eil trì bliadhna a chòmhnuidh sa' bhaile sgil agus cungaidh-leighis an nasgaidh, air dhoibh litir fhaotainn bho aon do thirì ministeirean Gailig a' bhaile, no bho aon do na daoine suairce a tha páigheadh airson nan nithe ud. Tha iadsan nach urradh teachd a dh'ionnsuidh an àite 'gam faicinn 'nan tighibh fein; agus tha iadsan aig nach 'eil tighean, no tha ro fhalamh, 'gan cur do'n Tigh-Eiridin gu bitheanta. B'e àireamh nan euslan a bh'aig an Leigh-lann Ghaidh-calaich sa' bliadhna

| | Euslan. |
|---------------------|---------|
| 1837, | 110 |
| 1838, | 323 |
| 1839, | 303 |
| 1840, | 261 |
| 1841, (sèa miosan,) | 130 |
| <hr/> | |
| | 1,127 |

Tha 'Ghàilig ro fheumail san àite so, oir 's iomad neach nach urradh focal Beurla a labhairt; agus 's iomad diubh, ged a labhras beagan, nach tuig gu ro mhath; 's cha mhò thuigeas an lighiche Gallda iadsan. Thachair do bhoirionnach air bheag Beurla a bhi gu h-olc le greim-cuirp (*inflammation*). Dh'iarradh oirre, le lighiche Eirionnach, plàsd do na cuileagan Spàinteach a chàradh ri corp ("Let a fly-blister be applied to her belly"). Ciod a thachair, ach gu'u do sparradh mu bilibh am plàsd, thugadh gach rib croicinn bhàrr a beòil; 's cha b'urradh i deur a chur 'na beul ré uine ach nisge an fhuarain. 'S ged nach deachaidh am plàsd a chur san àite cheart, gidheadh rinn e mòran feum d'i aig an àm; oir bha i ro dhéigheil air an òl, an ni a thog a galar bho thoiseach.

Gabbaidh Gàidheil air bheag Beurla comhairle agus cungaidh ni's h-ealamh tre mheadhon na Gàilig. Air do sheann bhean choir as na h-Eileanaibh, nach robh ach beagan ùine sa' bhaile-mhór, bli tiùm, chuireadh fios air lighiche bochdan a' bhaile. Cheasnuich agus labhair e rithe gu tlusmhòr, agus dh'orduich e dhi purgaid do'n *chastor oil*. Thuit do charaid di fios a chur air lighiche Gàelach, ris an do labhair i'na cainnt fein. Ars' ise, "Nach ann a dh'orduich e dhomh purgaid, rud nach deachaidh am chorpsa riabh." An déigh mòran comhairleachaidh, dh'aontaich i gus a ghabhail. Fhuaras an t-ùille, ach ma fhuair! "Ni-math eadar mise agus e," ars' ise; "'s iomadh latha

bho na chuala mi gur h-ann á sùligh na daoine marbh tha iad ris, agus gus an cur sibh as a' bheachd so mi, cha'n eil beò air ar cinneadh a bheir orm a ghabhail." B'eigin bhi foighidinneach, agus reusonachadh gu dhuineil rithe. " Matà, ghraidh, bho'n is sibh am fear a th'ann, ma bharantaicheas sibh dhomh nach ann do shùgh nan daoine marbh e, gabhaidh mi e, ioe air *naca*." Ghrad ghabh i e.

Sparramaid air gach Gàidheal breac-a'-chruidh a chur air an cuid cloinne ; 's ma tha cearn iomallach air bith ann, far nach 'eil lighiche, cuireadh Ministeir, Easpuig, no Sagart, fios-puist do dh'aon do na li-àiteachan a dh'ainmich mi, agus cuirear d'a ionnsuidh breac-a'-chruidh ; 's cha'n eil bean chòir san dùthaich nach 'eil comasach air a cur.

ROB RUADH.

AN SEANA BHIOBULL TEAGHLAICH.

'Se 'm Biobull an ceud leabhar, an leabhar a's féarr, agus an leabhar a's sine, a tha san t-saoghal. 'Se Dia féin ughdair an leabhair naomha so, agus is ann le Spiorad neo-inhearachdach Dhé a ta gach earrann fa leth dhe air an deachdad. Trid nan Sgriobtuiribh naomha, tha beatha agus neo-bhàsmhorachd air an toirt gu solus ; tha na rùintean gràidh agus tròcair a bha foluicht' ann an uchd Dhé ann an Criosd, a thaobh inileachd iongantach na slàint, air an toirt gu soilleireachd. 'S iad so cairt-iùil a' Chriosduidh, ann a bhi seòladh air aghaidh cnain bhuaireasaich na beatha so chum cala na glòire, trid am feud e deanamh air a' chala so a dh'aindeoin gach gaillinn a's doinninn a d'fheudas seideadh 'na aghaidh. 'Se so an tiomadh glòrmhor a chuir Dia nam Flathinis 'nar làimh, anns a' bheil air an tiodhlacadh thairis do shaoghal caillte ionmhas do-rannsaichte do ghràs agus do ghlòir—anns a' bheil oighreachd ni's luachmhoir agus ni's mairionnaiche na uile oighreachdan an t-shaoghail so, air a deanamh cinnteach do oighreachan na slàinte. Ann an leabhar naomha so tha r'am faotuinn laghan airson rìghrean, reachdan do luchd-riaghlaidh, teagastg do phàrantan, earailean do sheirbhisich agus do chloinn—ann an aon fhocal, ciod sam bith an inbh no'n daimh fa leth anns am feud sinn seasamh a thaobl ar comhchréutairean sa' bheatha so, tha na " Sgriobtuir tarbhach chum teagaisg, chum spreige, chum leasachaiddh, chum oilein ann am fireantachd, chum na naoimh a dheanamh coimhlionta, làn deas chum gach uile dheadh oibre." Cia luachmhoir, uime sin, bu chòir an leabhar naomha so a bhi 'nar beachd ! Thigeadh dhuinn féum a dheanamh dlieth mar ar comhairleach agus ar fear-iùil, mar riaghait ar creidimh 's ar cleachdaidh, re ar n-oilthireachd 's ar cuairt troimh fhàsach an t-saoghail so ; agus tha e 'na aobhar mhór-shòlais muinntir a choinneachadh an sud 's an so, tha 'nochdadh am mòr-inleas, agus urram, a's cubhaidh a nochdadh do'n leabhar sin tha neo-chriochnach, ni's luachmhoire na na h-uile leabhar eile tha ri'm faotninn san t-saoghal. Agus is cuimhne leinn, an àm bhi siubhal air feadh Gaidhealtachd a's Eileanan na h-Alba ann an làithibh ar n-òige, liomhhorachd do'r luchd-duthcha ionnhiuin fhaicinn a' nochdadh a' mheas luachmhoir a bh'aca

air focal na beatha, a tha comasach air ar deanamh glic chum slàinte ; agus tha luirg na meoir a chunnac sinn aig bonn gach taoibh duilleig do'n "t-Sheana Bhiobull-Theaghlaich" 'na dhearbhadh soilleir air a' ghuàth-fheum a bha air a dheanamh dheth.

Chum am barrachd soilleireachaidh a thoirt do chuid deth luchd-leughaidh a' Chuairteir, mheas mi iomchuidh an sgeul a leanas a chur d'ar n-ionnsuidh :—

O chionn beagan bhliadhnaichean, bha, ann an ceárna àraidh do'n Ghàidhealtachd, fear a's bean-phòsda bha air teachd a dh'ionnsuidh flor shean àois, ann an seilbh air tomhas cuimseach do mlàfain an t-shaoghail so, iomchuidh gu'n coimhead o gach gairne a's uireas-bhuidh ; agus bha aca, mar an ceudna, aon nighean, ainur cho àillidh 's air 'n do dhearc sùil riabh, agus ro ghealltanach air a bhi 'na h-aobhineas agus 'na cul-taic d'a párrantan 'nan sean aois. Bha fleasgach òg deadh-bheusach do thuathanach sa' choimhairsnachd a chinne air gaol a thoirt do'n ghruagaich eireachdail so ; agus, an ceann ùine ghèarr, dh'inntrinn iad air dàimh a' phosaidh, an deigh do'n t-seana chàraid an làu aontachadh a thoirt gu'm biodh an t-snaim sin air a cur eatorra nach robh gu bhi air a fuasgladh ach le laimh fluair a' bhàis. An ceann tearc do bhliadhnaichean, bha'n t-seana mhuiuntir air an gearradh sios le speal a' bhàis, agus an duslach air a ghiùlan a dh'ionnsuidh tigh tosdach na li-uaighe.

Air do'n tuathanach òg cùnnatas maith fhaotuinn air an dùthaich mbaith sin thar a' chuan, agus air dha na h-uile ni a reic air nach robh feum aige, thrus e na h-uile ni b'urrainn da smuaineachadh a bhiodh féumail san dùthaich chèin a dh'ionnsuidh an robh è 'trall. Air do chuid eile de 'luchd-dùthcha a bhi togarrach air tir am breith a threig-sinn, thog iad orra gu teachd maille ris a' chàraid òig gu America. Air doibh beagan airgid a thoirt leò, cha robh iad so mar tha aireamh do'r luchd-duthcha, a' teachd gu cladaichean America gun airgiod, gun òr, gun chairdean ; ach gu sona, sòlasach, le'n cridheachan làn do dhòchais dhealasach àrd. B'e 'cheud ni a rinn iad an déigh an cois a shocruchadh air cladach tir-mór America, an seana Bhiobull mór eireachdail a bh'aig an athraichean sna bliadhnaichean a dh'fhalbh fhosgladh suas, chum cuibhrinn a leaghudh dheth, agus iobairt a mholaidh sa' bhreith-bhudheachais iocadh do Dhia airson dion agus coimhead a Fhreasdail mu'n timchioll air uehd a' chuain mhòir, 's airson an toirt gu tèaruinnt do'n chala bu mbiannach leo.

Mar is i 'chrioch àraidh a bh'aig an tuathanach òg so ann an teachd do America an tuathanachas a leantuinn, an déigh dha seilbh-fhearrann a cheannach, cha d'fhan e ach uine ghèarr anns a' bhaile mhòr far an d'thainig e gnìr ; agus mar a rinn càch de 'luchd-turuis suas an inntinn a thaobh an dreuchd 's a' ghairm fa lethi a bha iadsan gu leantuinn, ghabh e slàn leo ; agus, le cridhe sùintach aigeantach, chuir e 'aghaidh ri aird dol fodha na gréine. Mu'n àm so, bha liòn mhòrachd slòigh a' dòmhùchadh gu Indiana ; agus air do'n duine òg so a chluinntinn mu'n fhearrann mbaith a's shàor a bha sa' chearna-sa, rùnaich e socrachadh an so. Thog e fearann, uime sin, an cois abhuinn *Wabash* ; agus air dha luach lethi an fhearrainn a phàigheadh, thug e

geall-dioluidh airson an iomlan a bhi pàighe an ceann bliadhna. Air da 'nis an t-àite a stocachadh, agus am pòr a chur sau talamh, d'fheith e nis gu foighidneach gus an tigeadh an t-àm anns am feudadh e dol a mach a dh'abachadh luach a shaothair san fhogharadh. Ach, mo thruaighe léir ! chunnaic am Freasdal iomchuidh nach faiceadh esan cinneas 'fhearainn no luach a shaothair. Bhuail fiabhrus marbliteach na dùthcha e ; agus 'nuair a bha na h-achaidean air an còmhduchadh le arbhar a bha cosmhuil ri saothair an tuathanaich ath-dhioladhl iomadhl fillte, thainig am bàs gu 'ghairm air falbh ; agus dh'fhàgadh a' bhean 'na banntaich, agus an t-aon leanaban a bh'aca 'na dil-leachdan.

Cha leudaich sinn ni's fhaide air a' bhearn a rinn am Freasdal air an teaghlach bheag so, ach théid siun air ar n-aghart gu beachdachadh air na deuchainnean 's na cruidh-chàsan a choinnich a' bhantrach bhochd an ath-bhliadh an déigh so. Air do'n àm a nis a bhi aig làimh anns am féumadh an geall-diolaiddh a bhi air fhuasgladh, thog i an t-airgiot an coingheall o choimhearsnach a bha ro chaoimhneil d'a fear-pòsda nach mairionn, agus di fhéin—neach a shuidh a rìs agus a rìs maille ri fear-a-gràidh agus i fein aig bord comunachaidh, chum cuimhne a chumail air gràdh an Fhir-shaoraidh. Is cruidh agus is foighidneach a shaoithrich i chum an t-iomlan do na fiachan a bh'oirre a phàigheadh aig an àm a gheall i ; ach d-fhàirtlich cùisean oirre : bha gnothuichean a' dol 'na h-aghaidh ; agus mu dheireadh cha b'urrainn i cumail suas fuidh gach trioblaid a's denchuinn a bha 'teachd 'na carabh. Le inì-mhisneachd a's briste-cridhe, thug i seachad am fearann san stoc airson suim na bu lugha na bha aice r'a phàigheadh da coimhearsnach, nach robh toilichte le so, ach a thug ordugh gum biodh airneis a tighe air a reic.

Air an t-Shàbaid roimh latha na ruip, glac i misneachd a's neart, o fliosrachadh a bhì aice nach d'rinn i cròn no éucoir do neach sam bith. Chaidh i suas do thigh an Thighearna ; agus le cridhe làn do ghràdh as do iorioslachd, thaom i mach a h-anam ann an làthair an Tì sin aig a' bheil a chluas fogailte ri osnaichean uam bochd 's nam feumach ; agus air di sàcramaid na suipearach a ghabhail maille ri 'coimhearsnach mar bu ghnàth leatha, dh'imich i dh'ionnsuidh a dachaidh, a bha nis air fàs ro-aonaranach, chianail.

Cha mhór, a nis, nach do dhibhir a misneachd i ; ach air di sùil a thoirt air an t-seana Bhiobull-teaghlaich, le urram naomh, agus le sùil a's cridhe togta suas gu nèamh, phòg i an leabhar uaomh ; agus dh'iarr i, o gheallanna prisail a' Bhiobuill, an sòlas agus an comhfhurtachd a tha e comasach a thoirt do'n anam sgìth. Ruith a nis na deòir sìos gu frasach o 'sùilean, mar a bha a h-anam làn do aoibhneas thar labhairt, agus làn do ghlòir.

Thainig a nis anu latha air an robh na bh'aig a' bhanntaich bhochd do'n t-shaoghal gu bhi air a reic do'n neach a bheireadh an taigse a b'airde. Gun mhonmhur, gun ghearan, chunnaic i gach ball do'n eaørneis air a char suas san ruip, gus an do thog maor an t-shiorraim suas 'na làimh am Blòbùll teaghlaich. Thog so reachd 'na cliabh, agus mhothuich i a cridhe an impis bristeadh. Cha b'urrainn i cumail

oirre féin ni b'fhaide. Ruith a nis na deòir ghéur sios gu frasach o 'sùilean. Dh'asluich i do'n mbaor gu'n gleidheadh e an cuimhneachan so air a pártan gràdhach nach bu mhairionn. Bha'm maor toileach gu a li-iarrtus a thoirt di; ach thuirt am fear-fiacha ainiochdmhor gum feumadh na h-uile maoin a bhi air a reic, a chionn 's gu robb an rùn suidhichte aige a chuid fhéin fhaotuinn gus an fheorluinn mu dheireadh. Bha'n leabhar a nis air a churr suas, agus gu bhi air a thoirt seachad air beagan do thasdanan, 'nuair a glachd i e o laimh a' mbaoir, agus ag ràdhainn gu'm féumadh i cuimhneachan a bhi aice air a' mhuinnutir a dh'fhalbh 's a b'ionmluinn leatha; agus bhris i an snàthain a bha 'ceangal còmhdaich eudaich an leabhair, le rùn so a ghleidheadh gu càramach. Thuit còmhdaich an leabhair 'na làmhan, agus air a thasgaidh suas ann bha dà chriman do phàipeir salach. Ghabh i móriongantas ri so; agus air dhi sealltainn riu le ro-aire, ciod a nis meud a li-aoibhneis 'nuair a d'fhiosraich i gur h-e a hh'annta so dà *bhilla* air Banc Shasuinn airson mìle punnd! Air cùl aoin do na *bilaichean*, ann an laimh-sgriobhaidh a màthar, bha na briathran a leanas:—“Nuair a ghlacas trioblaid thu, falbh a dh'ionnsuidh a' Bhiobuill.” Agus air cùl a' *bhilla* eile, ann an laimh-sgriobhaidh a h-athar—“Tha cluas t'athar a ghnàth fosgalte.”

Chaidh stad a chur air an *ruip* air ball, agus bha'm Bhiobull teaghlaich air a thoirt d'a shealbadair. Bha an eàirneis a bha air a reic air a thairgse dhi leis an luchd-ceannaich, ni 'ghabh i air ais gu tâingeil. Air di am fear-fiacha ainiochdmhor, cruaidh-chridheach, a phàigheadh a dh'ionnsuidh an sgillinn mu dheireadh, agus air di tigh beag freagarrach a ghabhail air mhàl, shocruich i an t-iomlan do'n airgiod air dhòigh 's gu'm faigh i *riadh* ionchuidh gu cuinail suas gu cothromach; agus feudaidh i a nis an seana Bhiobull-Teaghlaich a ghnàthachadh airson oideachadh a's leas a h-anama, gun eagal, gnn sgàth. Tha earrann mhór de 'h-ùine air a chur air leth anu an scoil a's oideachadh a thoirt do nìonaig na suil-ghuirm, bha air a fàgail air a càram le fear-a-gràidh; agus, ma dh'fheudas sinn sealladh tlà suilbhír na gnùise a mheas mar shàmhlaadh do'n chridhe, 's coltach gu'm bi an nighean òg so 'na réull dheàlrach sa' cheàrua sa' bheil i.

Anns an eagluis am meadhon a' bhaile sa' bheil i chòmhnuidh, feudar fhaicinn air gach Sàbaid, 'na suidhe am meadhon an ionaid aoraidh, bainntighearn uasal eireachdail, mu dheich bliadhna fishead a dh'aois, air a còmhdaich an éididh bròin, le éugas anns a' bheil maise na naomhachd a' déàrrsadhbh, ach mu'm faicear combharan domhain a' bhròin air lorg na h-aimsir a dh'fhalbh. Aig tigh-òsda a' bhaile chéudna, feudar a choinneachadh duine truagh a ghnàth fo bhuaidh mhìlltich na dibhe-làidir, agus an cupan puinnseanta r'a bhéul. 'Si 'bhanntrach a chithear gu riaghailteach san eagluis, agus 's e'm fear-fiacha ainiochdmhor a chithear air co beag céill ri brùid an achaidh, air lorg buaidh na dibhe-làidir.

EILTHIREACH.

SGEULA FIRINNEACH MU GHURSAL SCOTT,
CAILEAG OG ANN AN SIORRAMACHD PHEAIRT.

O chion beagan bhliadhnuachan, thachair do chaileig òig, d'am bainm Beurla *Grace Scott*, nighean banntraich bhochd, dhìchiollaich, choir, a bha 'chomhnuidh ann an Bail-Gobhainn ann an Athull, fasda ghabhail air féill na Bealltunn aig tuathanach beag fearainn ann an *Logie Almond*, a bhnachailleachd a chuid cruidh, gu ruig an Fheill-Màrtuinn. Cha robh i riabh roimhe sin oidhche mach á tigh a màtar, no air falbh o'n àit anns an d'rugadh's na thogadh i. 'Nuair dh'fhairich si i fèin ann an tìr choimheich, am measg choigreach, far nach robh cainnt bhlasda a dùthcha fèin air a labhairt, no aon neach a b'aithne dhi, chaill i a misneach—bha gach latha mar bhliadhna. Cha b'urrainn di luinneag no òran a thogail—bha a eridhe tràm, agus bha'n osunn do ghnàth san uchd, agus an déur a chaoidh air an t-sùil. Shuidheadh i am fasgadh craige, no air brnach na h-aibhne, a' gul 's a' caoineadh. Mu dheireadh, chuir i roimhpe rnith air falbh—a mhinntearras a bhristeadh, agus teicheadh dhachaidh gu brnachan bòidheach tìr a h-òige. Ach ciamar a bha so r'a dheanamh, cha robh fios aice; cha b'aithne dhi eadhon an rathad air ami bu chòir dhi falbh.

Latha do na làithean, mar a bha i a' giùlan cuinneag nisge o thobar a bha cùl ennic dlù do thigh an tuathamaich, mhothuich bana-cheard a bha 'gabhair an rathaid i. Chumnaic si i a' gul 's a' caoineadh. Dhìlùthaich i oirre, agus dh'fheòrnich i ciod a b'aobhar d'a bròn. Dh'innis a' chaileag dhi mar a bha 'chùis, gun nì air bith a chleith no chumail air ais—gu'n robh a eridhe a' sgàineadh le fadal gus a màthair flaicinna, agus pilleadh d'a dùthach fèin. "C'ait a' bheil do mhàthair a chòmhnuidh?" arsa 'bhana-cheard, ann an Gàiiig mhilis bhlasda na h-Athull. "Thà dlùth do Mhaolan-earn," arsa 'chaileag, le mór thoil-inntinn. "Maol-an-earn!" arsa 'bhana-cheard. "Tha mise dìreach a' dol dlù air a' cheart àite; agus ma's urrainn dnit pilleadh 'ionnsnidh an tighe, agus do chuid aodaich a ghoid leat, fuirghidh mise riut cùl an tuim ud shuas, agus treòrnichidh mi dhachaidh thu."

Cha robh tnille ri ràdh. Ann an tiota beag thainig a' chaileag le 'cuid aodaich; agus ghabh i 'n rathad maille ris a' bhana-cheard, mar a shaoil ise, dh'ionnsuidh dachaidh a màtar.

Mu thuiteam na h-oidhche, ràinig iad coille; agus ghabh iad a stigh do'n choille air cénm-rathaid, gus an d'ràinig iad far an robh buidhionn làidir do chèaird, le'n asail 's le'n leanaban, le 'm bùth-ean beaga iosal agus gealbhain, a' cur dhiù, le fala-dhà, òrain, gleadhraich, agus aighear. Thug a' chaileag có i bha maille rithe, agus có iad a' chuid eachd a choimhich i. Chuir i roimhpe gun choltas sgàth sam bith a bhi oirre, agus fnireach gu sàmhach maille riù gu latha. Chuir iad a laidhe i maille ri leth-dus an do phàisdean beaga fo sgàil craobh, agus seòrsa do phlaide thairis orra. Cha ruigear a leas a ràdh nach d'fhuair i móran cadail—cha do dhùin i a sùil.

Sa' mhaduinn, bha camp nan ceard air bonn. Thog iad orra—na mnathan, 's na pàisdean, 's na h-adhaircean, 's na bnilg, air na h-asail—enid a' coiseachd—agus an Ceard Ruadh a' seinn na pioba, air an rathad chum Dunchaillionn.

Ghabh *Grace Scott* aithreachas gu'n do bhrist i a muinntearras; chuir i roimhpe pilleadh agus maitheanas iarraidh air an tuathanach, agus a h-àm a ruith mar a gheall i. Ach ciamar a bha so r'a dheanamh? Bha i 'trusadh bhlaithcean bòidheach taobh an rathaid-mhóir, a' fuireach do ghmàth air deireadh, gus an robh na ceaird as an t-sealladh; agns an sin thàr i as air a h-ais chum an àit as an d'fhalbh i. Dh'innis i mar thachair—fhuair i maitheanas—sheas i a muinntearras—rinn i mach a h-ùine; ach air an Fheill-Màrtuinn, ghabh i a tuarasdal, cheangail i gu gramail e ann an enid d'a h-aodach, thog i na bl'aice air a drnim, agns ghabh i an rathad dachaidh gu tigh a màthar. Ghabh i a cead do *Logie Almond*, agus thug i Dunchaillionn oirre, far an robh dùil aice bhi mun tuiteadh an oidhche. Choisich i gu cridheil sùndach air a h-aghart, gns an d'ràinig i monadh air an robh aice ri dol thairis; agns dh'fheuch i seòrsa ath-ghoirid a ghabhail, air nach robh i ro-eòlach. Bha féill an latha sin ann an Dunchaillionn; agns bha i anabarrach deònach air ruigheachd, agns a càirdean a choimheadh ann, mum fagadh iad am baile. Ach chaidh Gursal truagh air seacharan—chaill i an rathad—cha robh fios aice c'ait an robh i. Thàinig an oidhche. Chual' i tailmrich chas, agns mar gnum biodh daoine 'seanachas dlù dhi. Thàinig iad far an robh i, agus dh'aithnich i có iad—ceard agus bana-cheard do'n cheart chuid-eachd leis an robh i 'nuair a theich i o thigh an tuathanach! Bha i nis fo eagal mór, air a h-oillteachadh, agus gun fhios ciod a dheanadh i. "Na chaill thu 'n rathad?" arsa'n ceard. "Chaill," ars' ise. "Cà bheil thu dol?" "Tha mi," deir ise, "'dol dachaidh do Dhunchaillionn." "Bha thu 'gad chosnadhl," arsa'n ceard; "a mach air a' mhionaid do thuarasdal, agns thoir dhomh e!" Cha robh comas air, thng i dhà na h-nile peighinn a bha aice air aghaidh an t-saoghail; agus an déigh dha so fhaotainn, cha'u innseadh e dhi c'ait an robh i, no ciod an rathad bu chòir dhi a ghabhail. Ghabh i air a h-aghart; agns mn dheireadh chunnaic i seòrsa do sheann tigh briste, gnum tuthadh gun sioman, roimhpe. Chaidh i 'stigh chum fasgadh a ghabhail ann gn maduinn. Mhothuich i clùdan, agus fuighleach adhaircean, agus criomanan do dh-iarunngeal, agns nithe eile a dh'innis di gnum bu chleachdadhl leis na ceaird euid d'an ùine 'chur seachad san t-seann làraich so. Bha i air a claoidlì le sgios—luidh i sìos air an ùrlar, agus clach fo 'ceann. Cha robh i 'n sin fada gus an enal i fnaim ni-eigin a dlùthachadhl air an tigh, agus an ath-mhionaid cainnt agns connsachadh. Dh'oilltich i—rnith i snas gn ceann ard an tighe. Thníg i gur seana mhnillionn dubh Gàidhealach a bli'ann. Bha euid do'n t-sean acfhuinn fhathast san àite—bha'n treabhait fhathast 'na seasamh. Streap i stigh ann, agns dl'fhalaich i i féin am measg càth agns sadaich. Cha luaithe rinn i so na thainig an ceard a thug uaire an

tuarasdal, agus bana-cheard, a stigh. Thòisich an ceard air inn-seadh mar a thachair dha air a' mhargadh—mar a ghoid e'n t-snìm so bho mharsant ann an Dunchaillionn, agus an t-suim ud eile bho thuathanach, "agus so," ars' esan, "na thig mi o'n chaileig òig." Thòisich iad ri mionnachadh, 's ri mallachadh, 's ri comhstri. Dh'fheuch Gursal sealladh fhaotainn orra, agus air a tuarasdal beag fèin; ach auns an deuchainn so chuir an treabhait car dhi, agus thuit an t-seann acfhuinn le stroighlich mhòr! Theich na ceaird; ghabh iad eagal, agus thàr iad as, a' fàgail na bh'aea air an ùrlar. Dh'éirich a' chaileag; thug i leatha na dh'fhàg iad air an ùrlar—a cnid fèin, agus na ghoid iad o fheadhain eile; agus, roimh mheadhon an ath-latha, ràinig i gu tèariunte tigh a màthar.

J. G.

MAOTHRAN THIGHEARNA CHOLA.

Bha, san àm a chaidh seachad, duine làidir aig Triath Chola ris an abradh iad aon Maothran, a bhiodh a' giùlan ghoireasan dhachaidh a dh'ionnsuidh a mhaighstir á Glaschu air a dhruim, 'nnair a bheireadh e leis do dh'eallaich ochd clachan air cudthrom, do na h-uile seòrsa a chuireadh iad air a mhui. Air dha bli 'tighin dhachaidh aon uair, agus eallach air a mhui, thachair do dh'fhear (Pàraig MacBheathain, a bha chòmhnnidh ann am bràigh Ghlinn-Aora, ann am baile ris an abrar a' Chàrnach) a bhi leis, is iad a' tighin roimh Ghleann-Crò. Air dhoibh a bhi 'seanachas mar a bha iad a' tighin air an aghaidh, dh'éirich e mach gu'n robh na fir a' còrdadh gu ro-mhaith. Bha 'm Maothran a' cumail cenn beò ann, air chor 's, mn dheireadh, gu'n do thòisich MacBheathain ri tarruinn air deireadh, ag radh—"S éigin dhòmlsa slàn a ghabhail leat, oir cha'n urrainn mi cumail suas na's fhaide." "Cha'n e sin a nì thu," arsa 'm Maothran; "ach coisich beagan mar a th'agad, gns am faigh mise m' eallach a leigeadh air sorchan." Rinn e so, agus thnirt e—"Tha na h-uiread thlachd agam do d' chuideachd, air chor 's nach 'eil toil again dealachadh rint; agus, air an àm chendua, tha e sennail dhomh faotainn air m' aghaidh. Thig thusa agus suidh air muin na h-eallecha; agus 'nuair a leigeas tu t'anail, coisichidh tu treis eile." Mar so cho-éignich se e gu so a dheanamh; agus air dhà a ghiùlan càirad mhìltean, leig e sios e, air chor 's gn'n deachaidh aige air cumail suas ris tacan maith 'na dhéigh sin. Mar so rinn am Maothran agus MacBheathain gus an d'thàinig àm dealachadh, agus an do ghabh gach fear a Rathad fèin. 'S iomadh latha 'n déigh so mu'n do smaointicheadh air bàta-smùide air nuir, no carbad-sinnide air tìr, air chor 's gum b'èigin do'n Maothran coiseachd air a chasan a mach a's dachaидh, fhad 'sa bha e 'na urrainn a dheanamh.

Cha b'aithne dhòmlsa 'm Maothran, ach b'aithne dhomh MacBheathain, agus bha mi oidhche no dha na thigh, ann am bràigh Ghlinn-Aora. Cha'n e fèin a dh'innis dhòmls' e, achi flmair mi e o aon d'an d'innis MacBheathain e. Ma's á breug uamsa e, is breug a'm ionnsuidh e.

M.

DEUCHAINN NAM PIOMAIREAN AN GLASCHU.

A Chuairtear Uiseil,

'Sann an dè 'bha 'mheodhail sa' bhaile so ! Co math's fichead de na piobairean as fearr an Albin a fiachinn a cheile ! Choinnich na gilleann anns an Tigh-Chluich Rioghail air dà-uair-eng, an lathair làn an tighe de Thighearnan's de Bhantighearnan. Ceol a b'aille, cha chuala cluas ; chuir e 'u t-anam air ais gus na laithean a dh'fhalbh ! Bha, 'san am chendna, denchainn airson danns' ann. 'S iad féin a bhreabadh an t-ùrlar, 's a thionndadhi gu brisg. Cha b'ionnan is dannsa leibideach nan Gall !

'Nuair bha'n othail thairis, dh'eirich Prothaist a' bhaile, agus, an ainm nan breitheamh, thng e 'chiad phrize (piob dheich punnd-Shasunnach) do Dhonnnull Cameron, airson mar chluich e port-mór ; an dara prize do Dhonncha Caimbeul ; an treas prize do Ghilasbuig MacFhionlai' ; agus an ceathramh prize do Iain MacThabhis.

AIRSON CEÒL-DANNSA.

A chiad phrize do Iain MacBheathain, an dara do Dhonncha Caimbeul, agus an treas do Uilleam Gunn.

AIRSON DANNSA.

A chiad phrize do Aonghas MacAoidh, an dara do Dhonncha Caimbeul, agus an treas do Phàrnic Comrie.

AIRSON AN ÉIDIDH A B'FHEARR.

A chiad phrize do Aonghas MacAoidh, an dara do Iain Ralston, agus an treas do Ghilasbuig MacFhionlai'.

A thuilleadh orra so, chaidh prize barraicht' thoirt do Phàrnic Comrie, airson mar dhànn's e "Gille-Callum;" agus do Aonghas Domhnallach, airson mar dhànn's e "Tullochgorin."

Ciod a th'agaibh air, a Chuairtear ? Ged a phàigh a chuid bu mhò crùn airson faotainn a stigh, nam biodh a leithid eile 'maireach ann, phàigheadh na ciadan dà chrùn airson an t-seallaidd cheudna.

" Be sud caismeachd àrd mo rùin,
Crònan gàircach, barr gach ciuil ;
Bràs-phuirt mheara 'leanadh dlù,
Cliath gu luthor grad-mheurach ! "

'S mise, a Chuairtear uiseil, ann an cabhaig, ur seirbhiseach, &c.,

AN GAEL ANNS A' BHAILLE.

Glaschu, Iuli 28, 1841.

Dhi-chuimhnich mi 'ràdh gun tug an deagh Ghael, Uilleam Cainbeul (brathair a' Phrothaist), Thighearna Thulaicheoin, enirm do'n chuille h-aon dinbh 'san fleasgar, 's e féin air an ceann. Eba Mactalla an sin cuideachd, 's thug e dà leabhar Gaelic do gach ceannu din' ; agus thng MacAoidh, piobaire Tighearna Ilia, dhàsan leabhar piobaireachd a chuir e féin 'mach—lnach £1 15s. Gu dearbh, cha be 'n crùnadhl 'chuid bu mheasa de'n latha.

N A I G H E A C H D A N .

'S gann gu bheil naigheachd eile r'a císdeachd air feadh na rioghachd ach a' Phàrlamaid ùr. Tha an taghadh a nis dlùth air bhi seachad; agus tha aobhar-taingealachd gu'n deach a' chùis seachad ann an Albuinn gu sàmhach, agus as eugmhais móran iorghanill no aimhreit. Ach cha b'ann mar so ann an Eirinn. Bha móran do'n dùthaich sin mar gum biodh cogadh folluiseach a' dol air aghaidh eadar an dà bhuidhinn. Mur bhi gu'n robh armaitì làidir ann an Eirinn air an àm, bha móran air am murt; agus gu truagh, eadhon leis gach armaitì a bh'ann, bha iomadh aon air am murt, agus móran air an leònadh 's air an milleadh, air dhòigh 's nach faigh iad a' chuid a's fèarr dheth fhad's is beò iad. Ann an euid a dh'aiteachan, bha muinntir na dùthcha air éiridh mar aon duine—sean 'us òg, firionn 'us boirionn. Leag iad na droch-aidean—chladhaich agus mhill iad na rathaidean-móra—chàirich iad creagan, 'us clachan, 'us craobhan, air gach slighe, chum iadsan nach robh taitneach leò chumail air an ais! Cha robh a chridhe aig na *Conservatives* (na *Gléidhich*, mar thuirt sinn san àireamh mu dheireadh) dol air an aghaidh gun bhuidhionn làidir shaighdearan a bhi maille riutha, chum an dion! Ann an aon àite, bha os-ceann fishead mìle (20,000) do mhuinntir na dùthcha air cruinneachadh, chum a h-nile h-aou a bha air an taobh eile 'chumail air an ais, agus mìle dhiubh so le lannan genr aca; ach bha bñidhionn làidir do'n arm-dhearg ann, a choinnich iad, agus d'am b'éiginii losgadh orra mun do sgaoil iad. Mharbhadh cnid, agus leònadh móran! Bha beagan do'n mhiriaghait bhorb so ann an Sasunn; ach ged a bha càineadh, 'us trod, 'us glaodhaich, 'us gleadhraich, ann an Albuinn, cha robh murt, no marbhadh, no losgadh ann.

Chaill Daniel O'Connell an t-àit airson an robh esan a' suidhe sa' Phàrlamaid—'se sin ceann-bhaile na h-Eirionn, Baile-Chia. Sgiùrsadh a mach á sin e, agus b'èiginn da teicheadh; ach fhuair e àite eile—àit anns a' bheil iad, ach beag, nile 'nam Pàpanaich. 'S math a b'aithne dha far an seasadh iad e; ach bha muinntir a' cheann-bhaile sgìth dheth—air an gràineachadh le giùlan cealgach an trusdar dhuine so, a tha 'tighin beò air na's urrainn e 'chruinneachadh am measg nam Pàpanach a's isle, a's aineolaiche, 's a's bochd ann an Eirinn air fad—an t-aona bhuidhionn sluaigh a's bochduinniche 's a's tràilleala san Roinn-Eòrpa gu léir. Mar dhearbhadh air a' chumhachd mhór a tha aig an duine so thairis air na h-Eiriounaich, thainig sluagh na dùthcha uile mach ann an siorramachd *Charlow* chun seasamh leis, agus chum iadsan a bha 'na aghaidh a phronnadh. Bha cnaille bata 'n làinbh gach aon do na miltibh a bha cruinn, agus iad deas airson tuasaid a's àr; ach chuir Daniel mór a mach pàipeir, fo a làimh féin, ag ràdh, "Tilgibh air fabh 'nr bátaichean;" agus air ball cha robh bata r'a flaicinn am measg an t-sluaigh gu h-uile!

Cha'n urrainnear a ràdh fhathast, gu cìnnteach, ciamar a bhios a' chnis; ach tha'n uiread so cinnteach, gu'n tig Sir Robert Peel a

stigh gu bhi 'riaghlaigh gnothnichean na dùthicha; agns tha e soilleir gu bi eadar ceithir fichead agus ceithir fichead 's a deich air an taobhsan thar na bhios air an taobh eile. Tha so 'na atharrachadh mór; agns clà'n eil teagamh againn nach bi am barrachd so a' meudachadh o àm gu àm. 'S dñilich a ràdh càit am faighear airgiod chnm na fiachan mór a dh'fhàg càch an aghaidh na dùthicha a dhìol. 'S éiginn gu'n cnirear cisean ùra air an dùthaich, agus so nì nach 'eil taitneach le neach air bith. Nam biodh eagar againn 'na chluais, chomhairlicheamaid cisean tròm a chnr air na daoine saoibhlir sin a tha 'togail màl mór san dùthaich so, agns 'ga chosd thairis ann an rioghachdan eile. Tha mòran uaislean a nis a' tarruing deich agus fichead mile sa' bhliadhna, agus cnid a dha uiread so, bho flearann agus oighreachdan ann an Breatunn, 'ga fhàsgadh a mach o'n cuid tuath, agus 'ga chosd 's 'ga chaitheamh anns an Fhraing, 's ann an rioghachdan eile. Nach b'airidh iad so air a thoirt orra cisean tròm a dhìol? Mur 'eil iadsan a' cosd an cuid stòrais ann am Breatunn, nach bn chòir a thoirt orra earrann d'an saoibhlreas a thoirt seachad chnm costas Blreatunn a phàigheadh? Bn chòir a leagail orra gn math, 's gn ro-mhath. Cha'n eil punnd-Sasunnach a tha iad a' toirt as an dùthaich nach bu chòir leth-chrun a thoirt deth, chnm cuideachadh le eis na rioghachd; agus ged bheirte crùn do na h-uile punnd-Sasunnach, 's math a thoilleadh iad e. Mur fhiach leò fuireach san rioghachd aca fein, cha'n eil iad 'nan airidh air beathachadh a tharruing aisde. Nach h-ann a tha iad a' creachadh an dùthcha fein, 's a' inendachadh saoibhlreis dbùthchannan a bhuineas d'ar naimhdibh?

AMERICA.

Cha'n eil naigheachd air bith o Staidean America is fhiach aithris. Cha d'fhuair MacLeod fhathast cead a choise. Tha e ann am priosan, agns 'na chulaidh-iongatais ciamar tha a chridhie aca 'chuinail an déigh an fhios a chnr Breatunn d'an ionnsuidh! 'S mór ar n-eagal, leis an iùine tha 'chùis so a' gabhail g'a socruchadh, gum bi iorghuill mu 'déibhinn air a' cheann inn dheireadh.

AN FHLAING.

Tha na Frangaich a' glaodraich airson cogaidh, agus gun flios c'arson—a' smàdadh na dùthcha so, 's a' toirt na h-uile tàmailt is urrainn iad do Bhreatunnaich. 'S truagh nach d'fhuair iad aon deagh sgiùrsadh, a chumadh sàmhach iad. Cha'n fhearr iad na cù croisda air slabhruidh, a' tathnnn 's a' comhurtaich ris a h-uile h-aon, 's gun chomas air dad a dheanamh.

CHINA.

Tha na naigheachdan o'n dùthaich chéin so taitneach. Tha dòchas againn nach fhada gus am bi gach culaidh-iorghuill air a shocruachadh, agus sith sheasmhach dhaingionn air a suidheachadh. Bu chòir so tachairt o chionn fhada; ach tha eagal oirrin nach robh iadsan ris an d'earbadh an cogadh sin, co tapaidh, eusgaidh, threun, 's bu chòir dhoibh.

CANADA.

Tha sinn an dochas, agus 'si ar barail, 'nuair a choinnicheas a' Phàrlamaid ùr, gu'n téid cor nan Gàidheal a tha feumach air dol imrich a chur fa'n comhair; agus gu'n gabh iad comhairle na bniadhne sin a thaghadh chum a' chùis so a ranisuchadh, agus a ghabh niread shaoithreach inn 'dhéibhinn; agus gum faigh iad aiseag saor, agus fearann saor 'nuair a rnigeas iad thall. Mur toilich so iad, 's math an airidh iad a bhi air a' bhochduinn. Air chinnte, tha mòran mùghaidh eadar daoine bhi 'g oibreachadh am fearainn féin, gum mhàl gun cheannach, 's a bhi 'g oidhirpeachadh mhàl a sgròbadh á croit shnarraig, as nach urrainnear aona chuid, mhàl no teachd-an-tìr teaghlaich, a thabhairt. Gus an coinnich a' Pharlamaid, cha'n urrainnear dad a dheanamh sa' chùis so.

Tha mòran a' falbh air an t-samhradh so as an Eilean-Sgitheanach agus an Eilean-Fhada do America-mu-Thuath, gu h-àraidi New-Brunswick agus Eilean Eòin; ach tha sinn an dòchas, an athbhliadhna, gum bi'n gnothuch so nas usa dhoibh. Cnaimdh sinn beachd air na bhithear a' deanamh o àm gu àm, agus bheir sinn d'ar luchd-leughaidh am fiosrachadh a's tràithe 's urrainnear fhaotainn.

AUSTRALIA.

Tha na daoine suaire sin, na *Handysides* ann an Glaschu, a' cur nam miltean thairis do'n dùthaich so. Tha air an àm dusan mile (12,000) a dhìth orra do luchd-cosnайдh do na h-uile seòrsa—sgalagan, ciobairean, buachailean, agus luchd-cèairde; agus 's iad na Gàidheil seòrsa 's taitniche leò. Iadsan air a' bheil miann falbh, cha'n urrainn iad dol le daoine 's fearr, no anns aìn faod iad barrachd earbsa chàramh—uaislean a ni na h-uile cothrom agus ceartas a thoirt doibh.

LEABHRAICHEAN ÙRA GAELACH.

CEANN JÌUL AN FIR-IMRICH DO DH-AMERICA MU THUATH.
Le Rob MACDHÙGHAILL. Glasgow: J. and P. Campbell.
1841.

CHA'N eil ach trian de'n leabhar so fathasd as a' chlò. Air an aobhar sin cha'n urrainn duinn labhairt ach mu na thainig fa'r comhair deth. A' baralachadh mu na tha' tighin o na thàinig, cha'n eil ag againn nach cuir an t-òganach suairee 'sgriobh e, deadh chomain air gach Gàel leis am miann mion-fhiosrachadh fhaotainn mu America mu thuath. Gus am faic sinn an t-iomlan de'n leabhar, cha'n eil e 'nar comas ni's fhearr a dheanamh na leigeil leis an Ùghdair labhairt air a shon féin. An déigh dha an fheadhain tha freagarach air son na dùcha sin a chomharachadh amach, tha e'dol air aghaidh mar a leanas ;—

" Ach, mo chrudal ! tha aon flear eile fhathast do'n fheudar dhomh comhairle 'thoirt. Ach ciod a ruigeas mi leas, 'snach mòr nach d' thug mi dùil-thairis-dheth cheana ? Sann a chuimhnecheas e dhomh

bò chaol a's t earrach air dol am féithe, 's a bheir oidheirp no dhà an toiseach air a' chruadh-blach a bhuidhinn, ach 'nuair nach teid a' chùis leatha gu 'miann, ni i osnadh throm; bheir i sealladh ciamaill air aghaidh an tuini a tha fa comhair, agus, an sin, ni si i fein co rèidh ri 'staid 's is urrainn d'i. Se so, gun atharachadh, am fear a tha'n sùs an criomaig bhochd fhearainn sa' Ghaeltachd, a' paigheadh, abair, o dhà phunnd-shasunnach gu leth-chiad de mhàl; agus, eadhoin gu ceithir-fichead 'sgu ciad an cuid a dh' àitibh. 'Se so a' cheart fhear air am beil feum aig America, agus si' America a cheart dùthaich air am bheil feum aig an fhear so. Tha e, gu cinn-teach, 'na ghnothach fior mhuladach a bhi 'faieinn a chlaidreachaidh chlaoidh-tich a th' air mòran de 'n t-scòrsa so feedh 'nan Gleann,' gun dad aca, faodaidh mi ràdh, air-son an saothreach; iad fhéin 'san teaghlachean ag àiteachadh mìre de droch fhearaunn nach fuiling tuarasdal luchd muinntreach ás; 'scha nè sin amhàin, ach nach paigheadh tuarasdal sheirbhiseach ged nach iarrta màl idir air a shon; agus os-barr, nach cumadhi teaghlach suas ann an dòigh cheairt ged bu leò fhéin ás a' ghrunnd è. Tha an dream so air an sàrachadh a' togail an cloinne an toiseach; tha a rìs, an clauin, a' call an ùine maille riusan, agus mu dheireadh air an sàrachadh, gan cumail-san suas, gun-sion-saoghalta ac air-son na h-uile car goirt agus trioblaideach a rinn iad riamh. 'S ann a bhios nitheana fàdheòidh cho bochd is nach comasach dhoibh an dùthaich fhàgail ged a bhiodh iad deònach; am mac a' saothreachadh ni's déime na 'n t-athair; gidheadh, e mòran, ni's àimbeartaiche. Cia euoltach ri so, tha còr teaghlach 'an America! far nach ruig am mac a leas fadal a ghabhail a' còmhnaidh an athar, 'nam b'ann mar sin a bhitheadh, ach cha'nann; 'sann a tha'n t-athair a' còmhnaidh a mhic, oir sealbhaichidh am mac, cha'nè mhàin fearann an athar ach a shaothair mar an ceudna. Tha tolinntinn aig an fhear a tha 'togail teaghlach an America nach eil tuath na Gaelteachd a' tuig-sinn. Gad thòisicheadh e air an ana-cothrom, bi'dh e 'sior dhol am feothas agus neartaichidh so a mhisneach gu buadbhaehadh air gach cruaidh-chas a dh' fhaodas a chòmhlichadh. Ged thig e dha-chaidh gu fann airsneulach air feasgar di-sathuirne, 'nuair a theid e 'shealltuinn m'a ghnothach an ath dhi-luain, 'sa chì e na rinn e air an t-seachdain a dh' fhalbh, ás-ùr mar gu'm b-eadh, 'sa their e ris fhéin, nach toir fear eile so uaithe san ri 'lhéò, no bho shlioc an déigh a bhàis; cha tuig fear gun fhein-fhiosrachadh sa' chùis a smuaintean. Thig a liuthad latha fada 'bha e 'g obair air fearann dhaoin'eile an toiseach 'na bheachd, agus an t-suim a hba e 'g iocadh dhoibh sa 'bhliadhna chiou gu'm faigheadh e 'chead a hbi 'g obair air. Treorai-chidh so e gus cuimhneacbadh air an droing a dh' fhang e 'na dhéigh ris an obair cheudna, agus air an iomsgobadh thruagh 'sa bheil iad,— a' gabhail eagail mur leasaich iad a 'chroit gu math, nach bi aca na chumas lòn geàmhraidh riu; a' gabhail eagail ma leasaicheas iad í, gun taig fear eile crùn a bharrachd oirre, is gu'm bi an saothair-san caillte: ni e osnadh, an toiseach, a' gabhail truais dhiubh; an sin, ni e faite beag gàire, a' fanoid orr' air-son an góraiche, agus tòisichldh e ri fathaman 'san latha mhath," air a ghnothach fein."

FAIGHIR CHAORACH AGUS OLLA INBHIRNIS.

Bha i so 'na faighir mhaith, an dà chuid a thaobh phrisean agus meud na malairt a rinneadh. Bha déigh mhór air meanbh-chrodh am bitheantas, ged a chaidh còrr dhròbh mér dhachaidh gun reic. Bheir na leanas beachd air na prísean:—

Muilt (*Cheviot*), 31, 30, 28, 27, 26, sgillean Sasunnach.

— am bitheantas, eadar 23 agus 26 s. S.

Caoraich, 22, 20, agus sios gu 14 s. S.

Uain, 12, 11, 10 s. S.

— am bitheantas, eadar 8 tasdain agus leth-gini.

Ghabh a' chuid bu mliò do'n mheanbh-chrodh Ghàidhealach reic gu h-ealamh.

Muilt, 22, 21, 18 s. S.

Caoraich, eadar 9 agus 11 s. S.

Uain, 8 s. S.

Thug án stoc measgta, eadar na *Cheviots* agus na caoraich Ghàidhealach, deagh phrisean; ach cha deach nióran diubh a reic.

Muilt, 25 s. S.

Uain, 7 s. S. 'us 6 sgillean.

Airson Olla, 's iad prísean a b'áirde chuala sinn—

Cheviot (nighte), 16 s. S. 'us 9 sgillean. Bha cuid di so air a smiùradh le teàrr gheal. Thug euid eile 16 s. S.; agus euid eile nighte, a chaidh smiùradh le teàrr dhubbh, 15 s. S.

Bha Clòimh Ghàidhealach eadar 6 s. S. agus 7 'us 6 sgillean.

GLASGOW :

PUBLISHED BY THE PROPRIETORS,

J. & P. CAMPBELL, BOOKSELLERS AND STATIONERS,
24, GLASSFORD STREET.

Edinburgh : M'Lachlan, Stewart, & Co.; Aberdeen : George King; Dingwall : A. Keith; Dornoch : Wm. Munro; Thurso : Mrs Russell; Inverness : J. Bain, & Co.; Dundee : Wm. Middleton; Oban : J. Miller; Paisley : A. Gardner; Greenock : A. M'Iver; Grantown : A. Cumming; Abernethy : D. Gordon; Dunkeld : D. M'Donald; Portree : A. M'Donald; Balachulish : J. M'Innis; Lochgilphead : N. Gillies; Fortwilliam : Lachlan Cameron, writer; Laggan : J. M'Pherson; Port Ellen, Islay : D. Hunter; Portnahaven : Norman M'Lean; Kilchoman : Angus M'Leod; Strontian : D. Cameron; Tiroran, Mull : John M'Donald; Cowdor, Nairn : J. Robertson; Ballendalloch : James Grant; Pitlochry : D. Robertson, Fortingall : D. Campbell; Weem : J. Menzies; Alness : D. M'Diarmid; Doune : D. M'Diarmid; Laggan : J. M'Pherson; Barra : A. M'Donald, Esq; Ormsay : G. Ross; Tayinloan : A. Sutherland; Glencarradale : J. M'Dougall; South Uist : A. Chisholm; Tullymet : D. Cameron; Callander : P. M'Kinlay; Balquhidder : J. Carlton; Dunvegan : D. M'Donald; Carbost : A. Cameron; Glendarnel : D. M'Lean; Fort-Augustus : J. Forbes; Stratherrick : J. Frazer; Kilmorack : J. Rose; Easdale : D. M'Intyre; Nova Scotia : Rev. R. Williamson, Picton; General Agent for North America, John M'Neil, Esq. Charlottetown, Prince Edward's Island.



AN LÀ A CHI'S NACH FHAIC.

CUAIRTEAR NAN GLEANN.

MÍOS-MEADHOIN AN FHOGHARAIDI.

AN 19th AIREAMH.] SEPTEMBER 1, 1841. [PRÌS 6 SGILLEAN.

CONTENTS:—Elijah, page 179.—The Earthquake at Aleppo, 182.—The Isle of Eigg Murders, 185.—Lachlan M'Lean of Duart (Life and Exploits of this Chief), 191.—The Withered Leaf (a Poem), 196.—Hymn, 197.—The Highland Shearers, 197.—Interesting Letter from New Zealand, 199.—The Tinker's Marriage, 202.—The Ways of Providence, 204.—The Ready-Witted Beggar, 205.—Short Maxims, 205.—New Gaelic Publications, 205.—News (Parliament, China, America), 207.—The Harvest and State of Labour, 207.—Cattle Markets, 208.—Phases of the Moon, 208.

ELIAH, AN DUINE LE DIA.

SGEUL FIRINNEACH, AIRSON NA H-ÒIGRIDH, O FHOCAL DHÉ.

Mo chàirdean òga, innsidh mi dhuibh sgeul beag mu thimchioll Elijah, duine le Dia. Bhagair droch bhean, da'm b'ainm Iesebel, a chuir gu bàs; agus ghabh an duine math eagal, mar a chì sinn ann an 1 Righ, xix., 1, 2, 3, 4:—“ Agns dh'iunis Ahab do Iesebel na h-uile nithe a rinn Elijah, agus cionnus a mharbh e na faidhean uile leis a' chlaidheamh. Agus chuir Iesebel teachdair a dh'ionnsuidh Elijah, ag ràdh, Mar sin deanadh na dée *riumsa*, agus tuilleadh mar an ceudna, mur dean mise mu'n àm so am màireach t'anamsa mar anam aoin diùbhsan. Agus bha eagal air, agus dh'éirich e, agus dh'fhalbh e air sgàth 'anamia, agus thainig e gu Beer-seba, a bhuineas do Iudah, agus dh'fhag e 'oglach an sin. Ach chaidh e féin astar latha do'n fhàsach, agus thàinig e agus shnidh e fuidh sgàil craoibh-aiteil, agus dh'iarr e dha féin bàs fhaghail, agus thubhairt e, Is leòr e ; a nis, a Thighearna, thoir leat m'anam ; oir cha'n fhéarr mise na m' aithriche.” Mo thruaighe ! C'ait a nis an robh a chreidimh ? Faic e 'na shuidhe 'na aonaran brònach fo fhasgadh na craoibh-aiteil—tha 'chridhe fo dhùbheil misnich—tha 'anam fo

bhuaireas mór. 'S miann leis a bhi ann an uaigneas. Tha deich mìle teagamh agus amliarus a' dùsgadh 'na chridhe—tha e mar long gun stiùir gun seòl, air muir dhiorcha bhuairete, gun chlàdach no tir r'a fhaicinn—air udal gu truagh, 's gun ach aon cheum eadar e agus en-dòchas—'na fhògarach brònach ann an tir aineoil. Tha a chnuimhne 'machi air làithean subhach sòlasach a chaidh seachad, agus nach pill a chaoidh, gun fhios aige ciod bu chòir dha 'dheanamh, no ciod an taobh air am bu chòir dha gluasad. 'Sann an sin a thubhairt e, Is leòr e nis, a Thighearna!—thoir leat m'anam, oir cha'n flièarr mise na m' aithricle. Ach an e Elijah a thubhairt so? Cha'n ann mar so a labhair Simeon aosmhòr 'nuair thubhairt e, "A nis, a Thighearna, leig le d'sheirbhiseach bàs fhaotainn ann an sith;" agus cha'n annu mar so a labhair Pòl 'nuair thubhairt e, "Tha toil againimeachd, agus a bhi maille ri Criod." "Is leòr e," arsa Elijah. Có 's nrrainn so a ràdh? Aig Dia a mhàin tha fios ciod tha 'feitheamh air duine—ciod a tha roimhe. 'S leòr e 'nuair a chì Dia iomchuidh.'

Chaidil Elijah fo fhasgadh na craobh-aiteil—fhuair e suain agus faochadh 'na thrioblaid—thainig sìneadh air an stoirm bhuaireasach a bha 'na anam. Agus is math da rìribh a dh'fhaodadh a a chadal a bhi sàmhach. Feuch, bhean aingeal da; agus thubhairt e ris, "Eirich agus ith." Cia glòrínhor an luchd-frithealaidh a tha aig muinntir Dhé.

Tha aingil Dhé a' cuartachadh
Mu'n dream d'an engal e;
'Gam fuasgladh a's 'gan teasraiginn
O'n uiresabhair gu lóir.

Cha'n eil mae no nighean aig Dia air aghaidh an t-saoghal co aonarach, bhoclid, nireasach, lag, nach 'eil 'na chulaidh-aire agus chùram do ainglibh Dhé. 'Nuair tha an saoghal so a' dùnadhl an aghaidh sluaigh Dhé, tha na nèamhan àrd a' fosgladh dhoibh. Innis dhomhl an t-àite 's urramaichte air thalamh. An can thu rium falbh do phàlliunan nan rìghrean, do lúchuirtean arda an t-saoghal so, no do thighean-oilein nan sgoilearan agus nan teallsauch a's urramaichte, no do na h-àiteachan òirdheire sin anns a' bheil am beairteas agus an greadhnachas a's riomhaiche uaibhricle? Cha'n ann an sin a dh'iarrainn ort dol. Ma's e an t-àite 's onoraiche air thalamh tha 'mhiann ort a rnigheachd, snidh maille ri' Muire Magdalén aig casan Chriosd, agus maille rithe dean gàirdeachas ann an tròcair an Fhir-shaoraidh. Iinich do thighe Lasaruis le Muire agus Martha, ged is bothan bochd e do réir coltais—tigh-tobhta, air a chòmhduchadh le luachair. Ach coma có dhiùbh, bochd mar a tà e, 's rioghal e—tigh anns a' bheil Dia, far a' bheil aingil a' frith-ealadh, agus gràdhl a' lionadh gach eridhe.

"Eirich," ars' an t-àingeal, "agus ith;" agus, feuch, breacag a blruicheadh air a' ghriosach, agus soitheach uisge. Dh'ith e, agus dh'òl e, agus laidh e sios a ritist. Agus thainig aingeal an Tighearn air ais an dara h-uair, agus bhean e ris, agus thubhairt e, "Eirich, ith; oir tha 'n turus mór air do

shon." Agus dh' eirich e, agus dh'ith agus dh'òl e, agus dh'imich e ann an neart a' blìdh sin. Bheathaich briathran an aingil 'anam, mar a bheathaich an lòn a cholunn. Thuig e nis gu robh Dia maille ris—leum e snas mar eilid òg, agus ann an ainm an Tiglearna Dia ghabh e air aghart air a thurus. Dh'imich e fad dà fhichead là agus dà fhichead oidhche, gu ruig Horeb, sliabh Dhé. Ghabh e a thurus romh'n fhàsach thioram, thartmhior, theith; agus cha robh e 'na aonar, oir bha Dia maille ris. Cha robh cùram no iomaguin air bith air—dh'earb e gach cùis ri Dia. Fad dà fhichead là agus dà fhichead oidhche, choisich e air aghart gu sunndach ro'n fhàsach ùdlaidh thosdach!—turns mòrbhileach, air a dheanamh air neart an lòin leis na bheathaich Dia e. Cha robh feum aige air biadh no lòn—cha do cluir an oiteag loisgeach dragh air san là, ni mò bha faiteachas air san oidhche.

B'e sin aìn fasach ceudna air an robh sluagh Dhé ag imeachd fad dà fhichead bliadhna; agus is cìnnteach mi gur minic a chnuimhnich e orra, 's a thainig iad fa'near dha. Mar théarnadh e do ghleannan bòidheach naine, "An so," deireadh e, "shuidh muintir Dhé, thog iad salm, agus leig iad an sgios." Mar a shuidheadh e fo sgàil craige, "Math dh'fheudta," ars' esan, "gu'n do shuidh Maois anns a' cheart àite so—air a' bhìlair so chruinnich iad am mana—agus anns an àite so eile thogadh a snas an nathair phrais." A h-uile ceum mar rachadh e air aghaidh, thigeadh nì-eiginn ùr ann an eachdraidh a' phobuill sin d'a chnuimhne. Làn-chìnnteach gu robh an t-aon Dia a threòruich iadsan maille ris-san, rachadh e air aghart le gairdeachas.

O a chreidimh! a chreidimh! companach beannaichte sluaigh Dhé! agus tha na feartan mòrbhileach a bheir air an fhàsach fèin a bhi subhach agus ait—'s tusa, a ghràis luachmhoir, culaidh-shòlais an oilthirich an fhainn,—a dh'fiosglas snas nithe dorcha, agus, am measg uile dhenchainnibh an t-taoghail thruaigh so, tha 'fosgladh a snas sealladh àglimhor air saoghal a's fearr. Trid creidimh, tha nithean a thachair o cleann iomada mile bliadhna mu choinneamh ar sùl; tha iadsan a chaochail mar gum biodh iad beò; agus uile naoimh, agus aithrichean, agus fàidhean an Tiglearna, tha aon am Pàras, mar gnin biodh iad air ar deas-làimh, agus air an turus maille ruinn. Tha creideamh a' toirt duinn còir air na geallaидhnean a rinneadh do Abram, agus air na sochairean a bhlinneadh do Isaac. Tha creideamh a' cur bata an duine naoimh, Iacoib, 'nar laimh, agus le slat Mhaois 'gar deanamh comasach air a' Mhuir Rnaidh a sgoltadh. A Dhé nan uile ghràs, O neartaich thusa ar creideamh!

Bha an da fhichead là agus an da fhichead oidhche a nis an impis erlochnachadh. Chunnaic Eliah sliabh ard creagach, astar fad' air falbh, a' togail a chinn chum na neòil. B'e Sliabh Sinai a bh'ann, "ceann-feadhna nam mile beann;" agus dlù dha, agus r'a ghuala, sliabh eile nach robh co ard, ach a bha co creagach fliadhach. B'e so Sliabh Horeb. Có 's urrainn smuainteachadh a liuthad smuain a lion cridhe Eliah 'nuair fhuair e a' cheud sealladh

air na beannta mòra, ainmeil, iomraiteach so? Carson (deireadh e) chuir Dia fios orm g'a choinneachadh aig Horeb? Ciod tha aig Dia r'a ràdh riùm? Am faic mise glòir Dhè mar a rinn Maois? Am faic mi e mar rinn esan sa' phreas. Saoileam a' bheil a' chreag sin an so fhathast as na bhrùchd na h-uisgeachan, a thug fionnachd agus sòlas do phobull Dé?

Ràinig e bun na beinne. Thòisich e air dìreadh an uchdaich chreagaich, chorraich, chas, gun sgòs gun sàruchadh. B'e'm feasgar a bh'ann. Tha e nis 'na sheasamh air Horeb. Tha e nis ri urnuigh. Tha e làn do dhòchas agus do eagal. Tha fios aige gur e Dia a threòruich e do Horeb; ach c'arson a rinn e sin, cha b'aithne dha. Tha e nis am measg gharbh-chrioch na beinne—creag air muin craige—leacannan eagalach ann an aimhreit uamhasach—an droighionn agus corra-chraobh eile 'n sud 's an so. Cha robh fuaim no coltas beò-chreutair ann. Bha 'n oidhche 'tighin air—neòil an anmoich a' cruinneachadh mu'n cuairt da. Ciod a ni e?—imeachd air aghart cha'n urrainn da. Bha 'n da fhichead là agus an da fhichead oidhche nis dlùth air bhi seachad; agus theagamh gu'n robh e sgith, air a chlaoïdh, agus fo acras. C'ait an cuir e seachad an oidhche? Cha'n eil da ach am fasgadh a's fearr is urrainn da iarraidh am measg nan creag. Shuain e a thrusgan mu 'thimchioll; air mhàgaran chaidh e stigh do'n uaimh; agus an sin leig se e féin 'na shìneadh, air a dhilon o'n drùchd agus o shileadh na h-oidhche. 'S dòcha gum b'i so an oidhche bu mhulad-aiche 'chuir e riabh seachad. 'S dòcha nach do chaidil e lochd—bhiodh Satan, nàmhaid 'anama, 'ga bhuaireadh, agus a' tilgeadh a shlaighdean teiunteach 'na chridhe; ach is làn-chinnteach mi gn'n robh Dia maille ris an duine mhaith, agus 'na dhòigh féin ag ràdh ris,—*Na biodh eagal ort, tha mise maille riut; bi fò dheagh mhisнич, oir is mise do Dhia.* Ach cha'u eil e comasach do dh-inntinn smuain-teachadh a liuthad aobhar-cùram, agus eagail, agus dòchais, a bha nis a' falbh 's a' tighin ann an anam Eliah. 'S dòcha gu'n robh e 'n impis tuiteam gu dibheil misnich agus eu-dòchas, 'nuair thainig guth d'a ionnsuidh, ag ràdh,—*Ciod e do gnothuch an so, Eliah?*

'S e guth Dhé a bh'ann, mar a chi sinn, ma chaomhnar sinn gus an athi àireamh do'n Chuairtear a chur a mach. Air an àm, slàn leibh, digridh ghaolach! Leughadh sibhse focal Dé; 'sann an sin a tha na sgeulachdan taitneach, milis, tarbhach—na sgeulachdan fìrinneach, as a' bheil gliocas r'a fhaotainn, agus am fiosrachadh a tha luachmhor.

A' CHRITH-THALMHUINN.

Tha an doinioniù, an dealanach agus tairneanach 'nan dearbhliadhinean uamhasach air cumhachd Dhé; ach do gach seòrsa dos-guinn leis an urrainu an saoghal so bhi air fhiosrachadh, 'si a' Chrith-thalmhuinn an t-aon uile gu léir a's eagalaiche.

Tha cùnnatas againn air crith-thalmhninn a thachair aon an *Aleppo*, aon do bhailte-mòra [rioghachd an Turcaich, dlùth do bhailtean Dhamascuis agus Ierusalem] air am bheil iomradh co tric

ann am facall Dé. Bha Aleppo 'na bhaile-mór co àillidh eireachdail 's a bha ann an rioghachdan na h-aird-an-eas gu léir. B'e aobbar-uaill nan Turcach e, agus aobhar-ioghnaidh gach fear-tur-nis tha 'toirt duinn cùnntais mu na lùchairtean, na sràidean agus no liosan ciatach airson an robh e co ainmeil.

B'e Mr Parker, Sasunnach measail a chuireadh le Breatunn mar Theachdaire rioghail do dh-Aleppo, a sgrioblì an cùnntas a leanas air a' chrith-thalmhuinn a thachair san àite sin anns a' bhliadhna 1822. Chaighd e a luidhe air mullach am tighe (a tha 's na dùthchannan sin còmhnuar) fo sheòrsa do sgàil anns an robh fionnarachd o'n teas anabhairrach leis an robh an dùthaiich san àm sin air a losgadh. Cha robh è ach ùine bheag 'na luidhe 'nnair a mhothnidh e an tigh air chrith, agus an leaba anns an robh e air a h-udal air a h-ais 's air a h-aghart, mar gum biodh i crochta ri craoibh ann an lathà gaothar. Leth-uair an déigh a' cheud tulgaidh a dh' fhairich e, chual' e tighean agus ballachan a tuiteam air gach làimh, le fuaim agus bruansgail eagalach.—Cha chual' e riamh fuaim tàirneanaich a b' uamhasaiche na stairirich eagalach nan tighean mar bha iad à' tuiteam air muin a chéile air gach làimh dha; léum e 'mach á 'leabaidh 'na léine mar a blià e; ghrad fheuch e an t-sràid a ruigheachd. Bha na ballachan air gach taobh dhe a' tuiteam.—Cha robh do réir coltais dol as—bha bàs agus sgrios air gach làimh, agus dh' fheuch e a blià striocta—thiomain e 'anam thairis do Dhìa. ach air an àm chendna chuir e roimhe gach oidheirp a bha 'na chomas a dheanamh chunm e féin a theasraigninn. Fhuair e 'mach, agus gun fhios aige gu ro-mhath ciamar.—Bha 'n oidhche anabhairrach dorcha agus bha do smùid, stùr, agus luaithe m'a thimchioll, 's gun robh e air a dhalladh, agus 'an cunnart a bhi air a thacadh. Chaighd e air aghart, ach anns a' bluaireas agus an aimlireit, thuit e sìos ann an cuirt dhomhain dhorcha, car-air-char, agus dh' fhairich e gu 'n robh e am measg clorpaibh inarbha, a bha air am milleadh 's air am pronnadh leis na tighean a bha 'tuiteam.—Streip e suas as an àite eagalach so, agus mar dhuine as a bheachd, air bhreitheas le uamhas, dh' fheuch e geata a' bhaile-mhóir a ruigheachd.—Mar bha e 'siubhal troimli na sràidean chunnaic e na seallaidhnean a b' oillteala—mòran do thighean air tuiteam, a' leigeil ris ùrlair agus sailthean a bha fhathast 'nan seasamh; agus orra so bha r' am faicinn mòran dbaoine agus mhñathan agus leanaban rùiste, a' deanamh greimbàis air a chéile agus air gach nì a thigeadh san rathad, a' glaodhaich 's a' sgreadail, le bas-bhualadh oillteil, agus dùil aca ris a' bhàs gach mionaid. Cha robh céum a għluais e nach do shaltair e air corp marbh, no air daoine truagh a bha air an leònadh 's air am bruthadh san dòigh 'bu chianala—cuid 'nan sineadli fo chilachan agus leacan, a' glaodhaich air son cuideachaidh nach robh e comasach a thoirt doibh.

Thachair so, mar gum b' ann, ann am prioba na sùl. Tamull beag roimhe so bha luchd-àiteachaidh a' bhaile-mhóir so ann an

tèrrainteachd—móran diubh 'nan suain ; ach ann an leth-uair 'na dhéigh sin bha na miltean diubh air an greasad do shiornnidheachd agns miltean a bha beò an dùil gach mionaid ris a' bhàs a b' eagalaiche, a bli air an tiodhlacadh leth-bhleò fo' no làraichean briste. 'S ann an so a bha 'chulaidh-smnainteachaidh do chréntairean bochda bàsmhor.—Eisdeamaid rabhadh Chriosd, Bitheadh sibhse mar an ceudna deas, oir air a leithid a dh àm's nach bi dùil agaibh, thig mac an duine.

B' eagalach an oidhche so do mhinnutir Aleppo ; ach ciod e an t-aobhar eagail a thainig orrasan an coimens ri latha eagalach an Tighearna a chì gach sùil ? Thig an latha sin mar ghaduiche san oidhche, anns an téid néamhan as le toirm mhór, agus anns an leagh na le dian theas, anns am bi an talamh agus na bheil ann air au losgadh suas.

Ràinig an duin'-uasal a sgrìobh an eachdraidh geat a' bhaile, agus cha b' ann gun saothair mhór—bha 'chrith-thalmhuinn flathast ann, 's gach nì a' tñiteam 's a' failneachadh mu'n cuairt da ; bha e air a ghearradh, air a blruthadh 's air a leòn gu mór—ach bha aobhar taingealachd aige gu'n robh e beò. "Air mo mheileachadh," ars' esan "leis an fhuachd, air mo ghearradh 's air mo leòn gu bochd thuit mi sìos air mo ghlùinibh maille ri móran eile fhuair as, a thoirt buidheachais do Dhia nach do mbarbhadh mi maille ris na miltibh a choinnich bas obunn agus oillteil air an oidhche sin. Bha geata a' bhaile dùinte, dh' flench mi 'flosgladh, ach chaidh so am aghaidh—chaidh mi air tòir nan saighdearan ris an robh 'n geata 'n earbsa, ach dh' innseadh dhomh gu'n do bhàsaich gach aon diubh fo'n tigh anns an robh iad a chòmhnuidh, a thuit orra agus a thiódhlaic gach aon diubh fo na làraichean. "Cha robh," ars' esan, comes air, do réir coltais cha robh am bàs r'a sheachnadb, agus dh' oidheirpieli mi 'bhi strioch-dta. Chruinnich móran do na Turcaich mu m' thimchioll, agns thòisich iad air ùrnugh.—Ghuidh mi orra cuideachadh lean, agns aon oidheirp a thoirt air a' gheata flosgladh. Bha na croinn air lùbadh le neart na crith-thalmhuinn, ach ghlaodh mi orra as uchd Dhé aon spàирn mhath a dheanamh.—Thug Dia dhuinn neart agus misneach ; thog sinn clachan móra bha mn 'n cuairt an àite, agus ann an àine ghoirid chaidh againn air a' gheata mhór so flosgladh. Cha robh sinn tiota mach 'nnair a thuit am balla, agus na h-ursnaichean móra ris an robh a' chòmhla crochta, agns phrionnadh gn bàs móran Iudhach a bha air an àm a' siubhal a mach o'n bhaile. 'Nuair flünair sinn troimhe bha móran sluaigh 'nan sìmeadh air an lär, a' gul 's a' caoidh, a' cuimhneachadh air an eairdean 's an dilsean a dh' fhàg iad 'nan déigh sa' bhaile, agns air nach chuinneadh iad iomradh tuille san t-saoghal so. "Cha chuala mise," ars' esan, "agus tha dòchas agam nach chinn mi gn dìlinn bas-blànaladh agus bròn agus glaodhaich coltach ris na bha mi san àm sin ag éisdeachd. Bha mi" arsa 'n duin'-uasal suairce so, "a nis a' fulang gu mór le call fala, agus le péin anabharrach o

na créuchdan a fhuair mi. Ghabh na Turcaich truas mór dhiom.—Thug iad cleòca dhomh, agus deoch uisge, an nì bu phrìseala ann am bheachd air an àm sin a bha san t-saoghal mhór."

"Cha 'n eil am fear sin," deir a'm duin'-uasal so, "san t-saoghal a b' urrainn beachd air bith a thoirt air an t-sealladh nainhasach a bha uis r'a fhaicinn air gach taobl—seann daoine agus daoine òg—mnathan agus clann agus paisdean òga, agns gun aon nach robh air a leònadh gu tróm, agus móran a' call fola eadhon gu bàs. Tha oillt orm," ars' esan "smuainteachadh air; cha teid uamhisan na h-oidhche sin gu dìlinn as mo chuimhne. Chaith mi 'chuid bu mhò do'n oidhch' ann an ùrnuigh, agus ghiùlaineadh mi sa' mhaduinn do ghàradh no lios fionnar a bha dlùth do làimh, agus rinneadh leaba dhomh fo dhubhar nan craobh."

Mar so rinn Dia ann an ardcheanuas a thoile féin am baile mér ainmeil so fliosrachadh le dosguinn co sgriosail, anns na bhàsaich fiehead mile, (20,000) agus na leònadh agus na chiurradh uiread eile. Cia mend an uainhais a ghìlac eridheachan luchd-muinntir an àite so 'nuair a mliothuich iad an talamh a' criothnachadh fôdh-pa, 'nnair chual iad farum agus stairirich eagalach nan tighean a' tuiteam, agus glaodhaich agus sgreadail nam miltean air gach làimli! Eisd rium, thusa tha 'ga leughamh so, cha 'n eil fios agad nach 'eil, eadhon a nis féin, a leithid eile dlùthi dhuitse—Cha'n 'eil fios agad nach 'eil thu air stairsnich na sìorruidheachd! An d' thug tinneas na euslain mar chrith-thalmhuinn, sanas duit gu robh do làithean-sa mar an ceudna mi-chinn-teach? Gabh comhairle, agus a nis, gun dàil, càirich thu féin fo dhòn agus fo fhasgadh an t-Slànuighir chaoimh. Tha bàs dlùth, agus an déigh bàis tha breitheanas, àm anns am faicear nithe gu mór a's eagalaiche na na thachair do bhaile *Aleppo*. Am bheil thusa deas? a' bheil thu uidheamaichte? 'S eagalach an nì tuiteam ann an làmh an Dé bheò!

MORT NAN EIGEACH.

Anns a' bhliadhna 1490, bha Eilean Eig air àiteachadh le feadhain do Chlann-Dòmhnullinn—fine cho leòmhannail, làidir, ainmeil 's a thilg saighead, no 'tharruing claidheanh. Bha iomad baiteal agus cruidh-chaonnag eadar iad so agus Siol-Leòd—curaidhean garg, ainsgiannach, nach lùbadh an cinn do dhuine ach an rìgh o'n d'thàinig iad, agus nach sealladh an sàiltean do nàmhaid am feadh bu bheò iad. Cha robh iad so, gun teagamh, cho lion-mhor ris na Dòmhnullaich; ach, o'n a b'ann le feall-fholach agus fo sgàil na h-oidhche bu ghnàth leo, anus na llunntor, cian sin, ionnsuidh a thoirt air an nàimhdean, bha Siol-Leòd comasach air it-mu-seach a spionadh á ròcais na h-aimhlreit. Bha, os-bàrr, dluth-dhàimh eadar Clann-Torcuill (meur dheth na Leòdaich a fhreumhaich bho Thorcull, dara mac Rìgh Lochuinn) agus Clann-Choinnich, a thaobl pòsaidhean agus eadar-phòsaidhean; agus bha 'n aonadh so a' cnìmail srian ri aiinneirt nan Dòmhnullach.

Mar a dh'ainmich mi, anns a' bhliadhna 1490 (no uaireiginn teann air an àm sin), chaidh ceathrar Leòdach, a mhuinntir Dhunbleagain, air tìr le bàt' ann an Eilean Eig;—bha e leòir-shoilleir nach ann mar naimhdean—ceathrar—dìreach sgioba. Agus ged a bha armachd orra, 'dé b'urrainn iad a dheanamh 'nan aonar? Cha rachadh Gàidheal air bith, anns na làithibh sin, o'n bhaile gun armachd. Cha dò dhùisg astair nan Leòdach iomaguin air bith am measg an coimhearsnach; agus, da riribh, 's fhada mun e dòrtadh-fola bh'air an aire. Bha fear deth na sgioba, Iain Buidhe MacLeòid (òg-fhear cho smiorail, dhreachmhòr, 'sa sheas riabh faiche) ann an trom-ghaoil air Iseabal Nic-Dhòmhnuill (maighdeann eir-eachdail chòir); agus b'e fàth a thurris do dh'Eig air an àm mu'm bheil mi a' sgriobhadh, an dara cuid a pòsadh le toil a párandan, air neo a goid air falbh anns a' bhàta. Bha dearbhlì-fhios aige gu'n gabhadh so deanamh gu furasda, do bhrigh gu'm b'ann fo coinhairl' a leannain a thàinig e; agus far am bi dà chridhe ag aomadh fo chumhachd diomhair a' ghràidh a dh'ionnsuidh a chéile, is doirbh na bacaidhnean air nach faigh iad thairis.

Fhuair na Leòdaich gabhail riutha gn math. Dhù-chnimhnich-eadh gach borb-bhuelle bha eadar an dà fhine anns an fhialachd a nochdadh dhoibh; agus dh'fhnirich iad, ag ithe 's a 'g-òl là no dhà comhla ris na h-Eigich.

Bha sùil aig neart do ghillean Eilean Eig as déagh Iseabal. Bharaillich iad an t-aobhar a thug na Leòdaich do'n eilean, agus chuir iad romhpa féin nach rachadh an gnothuch leo. Bha fios aca, gidheadh, nach éisdeadh Iseabal riutha—gu'n robh a cridhe 's a h-inntinn aig Iain MacLeòid—agus gu'm b'ann le fairneart agus làmh-làidir a dh'fheumadh iad a camail gun phòsadh. Ach a rithist, bha e feumail gn'n cuireadh iad an comhairle ri'n ceann-feadhna, agus gu'n tugadh esan cead dhoibh na Leòdaich a ghràin-eachadh dhachaidh; oir nam bitheadh iad ciontach ann an nì air bith a dh'fhaodadh diùmadh Dhunbheagain a chosnadh dhoibh, bu mhath leo nach bitheadh iad féin r'a chòireachadh san ionlan.

Leis na dubh-blàreugan, thug iad air an ceann-feadhna 'chreidsinn gu'n robh na Leòdaich toillteannach air an sgiùrsadh as an-àit. Agus fhuair iad cead sin a dheanamh, ach dh'àithneadh dhoibh gun am marbhadh; “oir,” ars’ an Dòmlinnullach, “a dheanamh na firinn, cha'n eil toil again dranud a chluinntinn an dràsd mn'n bhrataich-shith; agus o'n fhnaidh mi siosair ùr” (cha robh réasaran aca 'san àm sin), “theid agam air an fheusaig a bhearradh, gun chuideachadh bho chlainneamh MhicLeòid l!”

Ge b'e air bith fàile a fhuair athair Iseabal, chomhairlich e do na Leòdaich teicheadh. Thug e làn-chead d'a nighin falbh leo; agus gheall e, ged 'am bitheadh esan air a' bhanais, gu'n òladh e gu suilbhean orra 'na thigh féin. 'Nuair a shuidh an oidhche gu math air a caithir dhoilleir chiar-dhuibh, thriall na suinn gu sàmhach, balbh-thosdach, le Iseabal, gu beul puirt. Cha robh fuaim ach tathunnach chianail, iarguineach, nan con, agus gàir nan tonn mar a bha iad a' bristeadh air garbh-chreagan na tràighe, a' ruigh-

eachd na cluaise. Bha solus na gealaich gu leth-shoilleir a' luidhe air broilleach a' chnain; agus b'äm e, da riribh, a ghoid mnatha. Ràinig na Leòdaich am bàta, gun smuain air bith ciod e 'bha gu tachairt orra 'n sin. Bha fishead fear dheth na Dòmhnullaich a' feall-fholach orra anns na creagaibh. Leum iad a mach mar choinfhola. Rinn iad greim air Iseabal, agus spion iad i a gairdeanan tairis, càirdeil a leannain. 'Sann an diomhain a shil i na deoir—'sann an diomhain a bhual i a basan—'sann an diomhain a spion i a falt. Tharruing Iain a chlaidheamh; ach chaidh e féin agus na bha leis a cheangal eadar làmhan a's chasan. Thug na Dòmhnullaich an sin na ràimh, an t-aodach, agus an stiùir, as a' bhàta. Thilg iad na Leòdaich innte, chuir iad a mach gu fairg' i, agus ghuidh iad oidhche inhath leo—mar so a' toirt cead dhoibh bàsachadh leis an acras, a bhi air am bàthadh, no air an sguabadh air falbh leis a' ghaoith! Faodaidh ainnir bhlàth-chridheach air bith, a shocrnich a cridhe air òganach smiorail, subhailceach, tapaidh, càileigin do bharail a bhi aice mu'n staid anns an robh Iseabal an oidhche sin; ach co i a' inhaighdeann Ghàelach an dingh a b'nrainn a smaintean a chur an céill ann an óran, mar a rinn ise? Tha aon rann de'n óran so ionchuidh, a chum firinn mo naidheachd a chur á teagamh:—

“ Ged a cheangail iad sa' bhàt' thu,
Tha mo dhùil-sa thu 'bhi sàbhait;
Fhir a' chùil-bhudhe 's lùghoir gàirdean,
B'e mo dhiùbhail, a rùin, do chàramh !”

Fad oidhch' agus latha bha na Leòdaich air an tonn-luasgadh air druim liath-ghorm na fairge, ann am bàta faoin, fosgailte. Bha iad air uairibh air an giùlain teann air tir; ach a rithist, agus ann am prioba' na sùl, inar gu'm biodh a' ghaoth a' daor-mhagadh orra, bha iad air an sguabadh a mach fada! fada á sealladh a' chala sin anns am bu mhiann leo dol air tir! Cha robh biadh aca—cha robh deoch aca—cha robh ràmh, na stiùir, na seòl aca; bha iad air an ceangal gu crnaidh cinnteach eadar làmhan a's chasan, agus a réir coltais air an òrduchadh gu bàs fhaotainn. Ach eadhon anns an t-seasamh oillteil, chrudalach sin, bha spiorad nan laoch oir-dhearg do-lùbte.

Mu chiaradh na gréine, dhearc iad, fada, fad' air falbh, bàta fo làn aodach a' ruith roimh an t-saoirbheas. Bha fios aca gu'n robh MacLeòid aig an àin ann an Lochlunn; agus, O! nam b'e 'thàrladh a bhi 'n sin, 'na thilleadh dhachaidh, cia sona 'blitheadh iad! Leis an eòlas-cuain sin airson an robh, agus a' bheil, na seòladairean tuathach comharrraighe, dh'aom an iùrach ni bu teinne 's ni bu teinne orra—a' slaod-leum gu h-uallach, inntiunneach, thar na tonna càirgheal, agus, mar each steudmhor, a' marcachd gu dlùth-astarach air a slighe—gus fa'dheòigh an d'aithnich iad gur i iùrach bhàn Dhunbheagain a bh'ann, agus MacLeòid féin air an stiùir! “ Taing dhuit, a mhic Mhuire, a shàbhail mi bho naigh fhliuch!” arsa fear dhiu. “ Taing dhuit, a MhicLeòid, a sheòl a'm Rathad i l!” arsa fear eile. “ A leo'air fhearabh!” ars' an treas fear. “ Cha toir

mi taing do *mhae* na do nighin, ged' bu *Nic-Dòmhnuill* i, gns am faigh mi air bòrd còmhla' ri m' cheann-cinnidh." Leig iad sgreardrabhaidh asda. Mhothuich MacLeod dhoibh. Chuir e'm bàta mu'n cuairt, agus an nine ghoirid bha iad ri taoblì birliam gheal Dhunbheagain.

Bha aig an àm sin cùram athaireil aig gach ceann-feadhna dheth 'fhine féin—b'iad a chlann—a mhic dhileas, àmhail, dhleasdanach, air dearg-fhaich' an lasgair. Is ann annt' a bha 'neart, a chliù, agus a chomas, mar bhall deth na cho'-chomunn a' co-sheasamh; agus bha e' faiciun mar fhiachaibh air féin tareuis no droch-bheart air bith a rachadh a dheanamh air aon din a phàigheadh dà-fhillte. Is ann le mór-ionaguin a chuala MacLeod an dì-meas a rinn na h-Eigich air Iain Buidhe's air a chionpanaich. Dh'eisd e'n aithris gu erich. Thog e'n ailm a bha 'na làimh gu h-àirde (caoin-shuarach mu'n chunnart anns na chuir e'm bàta), agus mhionnaich e nach bu cheangal sgadain air gad dhoibh a chuid daoine-sa.

Latha no dhà as déigh sin, thog MacLeod agus a chuid gaisgeach orra do dh'Eilean Eig. Bha sèa eathraichean aige, agus dà-fhichead dnine, fo'n làu armaibh, anns gach eithear—a' deanamh suas barrachd air dà cheud mili, no fear-catha, cho calma, neouisgidh, 'sa sheas riabh ri h-uachd catha. Chunnaic na Dòmhnullaich a' chabhlach bheag, bhréid-gheal a' tighin. Chunnaic iad bàta MhicLeod féin air thoiseach, agus a blàratach a snàmh gu li-uallach, àrd, sa' ghaoith. Chual' iad nuallan a phliob-mhóir gu lùghor, siùblach, ponnganach, air na tonnan liath-ghorm; thníg iad an prosnach-a-catha; agus ghlac uamhunn agus geilt-chrith iad. Fo bharail nach robh nì air intinn MhicLeod ni bu lugha na'n lom-ghearradh ás, thog iad orra; ach cha b'ann a chum greim a dheanamh air an armaibh, mar bu nòs. Tha 'n Eilean Eig uamh mhór, dhorchá, dhomhain. Tha dorus na h-uamha so cho fior chumhann, is nach nrainn neach dol a stigh innse còmhla ach aon-fhear; agus tha, os-barr, eas, no cas-shirnث nisg, a' tuirling calg-dhìreach fa chomhair an doruis, no'n tuill chaoil so—air alt gur gann a rachadh aig coigreach amas air an nainh, ged a dh'innseadh neach dha mn'n tuaiream an robh i. 'Sann san uamh so, mata, a shir na Dòmhnullaich an tèaruinteachd sin ris nach b'ion fiuthair a bli aca bho sheasamh ris na bha air an tòir. Chaidh gach beag agus mór—gach sean agus òg—firionn agus boirionn—seadh, gach anam a bha 'san-eilean—a's dh'fhalaidh 'siad iad féin bho dhian-chorruich nan Leòdach anns an uaimh. Thug na gillean òga 'cheart aire gu'n robh Iseabal Dhòmhnullach maille riutha. Bha i so 'na h-eun ro-bhriagh sgiamhach gu bhi air a fàgail an lion an eunadair.

Ràinig MacLeod Eig; ach ma ràinig, bha gach dorus air a dhruideadh—bha gach tigh fuar, lom, aonarach—cha robh smùid ag éiridh 'o bhòthair—bha sàmhchair a's dù-thosdachd a' righeachadh mu'n cuairt—bha'n spréidh ag ionaltradh gu faoin, fosgailte, seacharanach, anns an fhochann—bha na coin féin 'nan tàmli, agus gu slaod-earbullach a' ruith as an Rathad. "Ciod so?" arsa Dunbheagain, agus e' deanamh fiamh-glaire fuar. "Chaidh iad gu d'

shireadb, Iain Bhuidhe—thng iad a' mhuij orra as do dhéigh ; ach theagamh gu'n do phòs a' mhaighdeann—an gath-gréine's éibhinn déarrsadh sin—agus gu bheil banais ac' air móir-thir. 'Dén comas a th'air, a laochain ! Seall air na maighdeannan ud," agus e' comharrachadh a' chruidh dhoibh ; "bheir sinn dhachaidh iad, nà caileagan bòidheach, dò-bhliadhlnach, druimionn, adhairceach. Gach duine dh'obair, agus mise 'dh'oran :—

'Nuair chaidh sinn a dh'Eig a dh'iarraidh maighdinn
Chaoimhneil cheanalt,
'Sann a fhuair sinn crodh gun fhaoidhneachd—
Spreidh mhat dhruimionn ;
Gearranan, mur b'astar tuinn e ;
Leinn gun sgillinn ;
'S caoraich mhaol 'nan caol-chas *fine*,
'S saill na'm mionach."

Thòisich obair an dith-mliillidh aig tigh an uachdarain. Thrits iad leò gach dad air am b'fliach dhoibh greim a dheanamh ; agns an sin chuir iad gach tigh, bothan, àth, sabhal, agus gach nì cile bha 'san àite, r'a theine. Mharbh iad a' chuid bu mhodha deth 'n chrodh-sheasg. Rinn iad ceithreannan dhiù, agus Inchdaich iad an eathraichean leis an fheòil. Ach nam b'e so uile, cha bhithheadh mo sgeula cho ghairisinneach, namhasach, oillteil—cha bhithheadh m' fhuil a' ruithi fuar ann am chuislibh an àm dhoimh bruithinn air gniomhara mo shinseara—cha bhithheadh borb-dhealbh nan làith-ean o shean cho craos-fhuitteach, dhuaicelmidh, 's gu'n leumadh an leughadair air ais le h-namhunn an àm beachdachadh air.

Bha MacLeod's a chuid daoine dà latha ann an Eilean Eig mnn d'fhuair iad an càil a shàsachadh ann an lom-sgrios an àite. Rè na h-ùine sin, bha na h-Eigich (beul ri dà chend pears', edar bheag a's mhór) air an cleith anns an uaimh ; agus o nach do thàrladh dhoibh biadh a bli aca, bha iad air fannachadh leis an aeras, agns sàr-thogradh aca farsuingeachd an t-saoghal agus fàile èubhraidh na gaoithe fhaotainn. Air feasgair an dara latha, chuir iad duine 'mach a dh'fhaicinn an robh an Rathad réidh—an d'fhalbh muinntir Dhunbheagain. Bha MacLeod agns a bhuidheann chol-garra 'nan seasamh air an tràigh, a lös an t-àit fhàgail ; ach, gn tubaisteach, mhothuich iad do'n Dòmhnullach, agus as a dhéigh thng iad, a' caol-rnith le luathas do-chreidsinn. Chuir an trnaghan bochd ioma câr dheth, mar a ni 'n siounach a chum na coin a mhealladh ; ach, mo thruaighe ! cha robh tèaruinnteachd ann dhà. Thill e le dian-chabhaig do'n uaimb, mar a thill columan Noail do'n àirc ; ach cha b'ann le sgeula 'n t-sonais—bha na nàimhdean ri 'shàil i Chuaireach na treun-laoich choirbte dorus na h-namha. Bha fraoch-feirg air gach gnùis, amhuil a sheallas dubh-neòil roimh bhùirich nan tàirneanach. Bhruidhinn MacLeod le guth ernaidh oscarra ; mar fhuaim tuinn a' bristeadh air garbh-chreig, ràinig na briathran cluasan nam priosanach :—"A Dhòmhnullaich ! guidheam ort, sàbhail iarmad dheth do dhìlsean leis na slaoigheirean a riùn

ainneart air mo chuid daoine-sa 'bhreabdh as a' għaraidh. Cuir a mach iad, a chum gu'm mothuich iad gu bheil làmhan nan Leðdach fuasgailte. Cuir a mach iad; tha'n fheudail slàn, làidir, fallain, am bliadhna. Cha'n eil na fitħich a' faotainn pr̄is oħħaisg mħarbh; ach bheir mis' aon dinneir dħoibħ dheth chréubhagan do chuid cladh-airean cearc-cliridheach-sa! Cuir a mach iad gun dàil, air neo lüb do għlùn, iarr maitheanas airson do pheacaidhnean, agus gabli fēin agus na tha leat an cead gu siorruidh do sholus na gréine l" Da rīribli uamhasach ged a bhà na briathra so, cha do ghéill an Dòmhnullach—ni-sheadh, ach le briathra sgeigeil, sròn-aird, thug e dūlan do'n flear eile. Chunnaic iad maraon nach b'urrainn anam dol a steach do'n uaimh, no tighin a mach aisde, nach bittheadh air a spadadh gun teusraiginn. Bha Dunbheagain do-cheannsachte, do-riaraichte, 'nuair a dħi-eireadh 'fhearg. Thug e air a dhaoine 'n t-allt a bha 'tniteam mu chaol-dorus an t-slñic a chur a leth-taobh. Thug e orra möine, fraoch, maidean, seana bhàtaicħean, agus gach seorsa connaidh, a thrusadh. Chàirich e suas càrn mór ann an dorus na h-namha, agus, oh! uamhas nan uamhasan! chuir e r'a theine iad! Bha 'ghaoth a' séideadh aig an àm air aghaidh an dornis, agus a' cur na toit a stigh do'n t-sloċid gu h-iomlan.

Bha rà nail, sgreadail, agns éigheach uan Dòmhnullach a nis da rīribli cianail. Chluinnta na naoidheanan agus na paisdean òga 'g iaraidh air am pàrandan an dorus flosgladh mum bittheadh iadsan air an tachidadh—chluinnta na maighdeannan agus na leth-bħalaich a' caoineadh 's a' glaodhaich airson am beatha—chluinnta na gillean agus na laoich thogarrach gu domhain, domhain, a' bòideacheadħ diogħaltais—chluinnta na seana mhnathan agus daoine liath-cheannach ag ûrnuigh gu dùrachdach. Bha'n aon cho-ghàir mhuladach—bas-bħualadh—sgreadail chianail, ulfhartaich fliadhaichi—ospagan deireannach—osnайдhean bàis, a' rnigheachd na cluaise. Ach bha obair an dith-mhillidh thairis ann an uine ro ghèarr. Bha'n deathach cho làidir, dhòmhail, għenr, 's gu'n do thacadh mòran dhiu ann am beagan mhionaidean. Chaidh iad 'nam breis-lich—thuit iad seachad—thàinig clò-chadaf orra—bħru nadair iad—dh'flosgħail iad an sùilean aon uair eile—agus, mo thruaighe l chaidil iad cadal a' bhàis! Mar so, chuir MacLeòid timchioll air dà cheud d'a chomħi-chreutairean gu bäs ceart còmhla; agus dh'fħàg e Eilean Eig cho lom, flàsachail, aonarach—gun taigh, gun tuar, gun anam beò—sa bha e mu'n do sheas bonn coise air

A leughadair, an àm ath-shealladh a għabbail air a' ghnothu ħiġi sgreataidh, oillteil so, tog do shùilean a suas, agus, le cridhe gun ghò, thoir taing do Dhia nach 'eil borb-ionnsuidhean bàis r'an luaidh ann an Gaeldachd Albninn an diugh.

B. MACLEOID.

Obairreathain,
Ceud Mhlos an Fhogħaraidh, 1841.

LACHUNN MÓR DHUBHAIRT.

Cha robh duine air Gàidhealteachd Albuinn a b'ainmeala, 'na linn, na Lachunn Mór, Triath Dhubhairt.

Cha robh Lachunn ach òg 'nuair a chaochail 'athair, Eachunn Òg, mac Eachuinn Mhóir. Bha bàigh chairdeil aig an Teaghlaich Rioghail do Chloinn-Illeathain, agus gu h-àraidh do theaghlaich Dhubhairt. Agus, da rìribh, cha b'iongatach sin: cha robh ann an Albuinn uile fine a dh'fhuiling uiread ás an leith. 'Nuair a mbarbhadh Rìgh Seumas an V.^{mh} air blàr *Flodden*, anns a' bhliadhna 1513, bha callaid do chuirp Chloinn-Illeathain mu thimchioll an àite 's na thuit e, a chaidh a mach le Eachunn Odhar, Triath Dhubhairt, a thuit sa' blàr iomraiteach sin, a bha co sgriosail air maithibh agus air uaislean na h-Alba. Cha do dhì-chuimhnich an Teaghlaich Rioghail so; agus uime sin, 'nuair a chaochail Eachunn Òg, thug iad an t-oighre leò do Dhun-Éideann, far an d'àraich iad e mar mhac rìgh, agus far an d'fhuaire e an t-ionnsuchadh 's am foghlum a b'airde bha r'a fhaotainn 'san àm sin 'san rioghachd. B'e 'n cileadair a bha air an àm sin thairis air òighreachd Dhubhairt, Eachunn, mac Ailein-nan-Sop (air an d'thug sinn cùnnatas san àireamh mu dheireadh), mac bràthar-sean'ar Lachuinn Òg. Bha móran do chuibheartan an athar ann an Eachunn; agus dh'fhiach e an cinneadh a dhùsgadh gu Lachunn Òg a chur gu taobh, agus e fhéin a thogail gu uachdaranaichd an teaghlaich, mar cheannfeadhna 's mar thighearna Dhubhairt. Ach co luath 's a phìll Lachunn Òg, agus a chunnacas e aig caisteal a shìnnseara—flath co eireachdail, dhreachmhor, 's a sheas air bonn bròige—ghabh à dhaoinies; chruinnich iad mu'n cuairt da; dh'fhàiltich iad e le fnran mór; bhòidich iad a bli dileas da. Ghlacadh Eachnn, mac Ailein-nan-Sop; chuireadh bìrlinn agus sgioba leis do dh-Eilean Chola, far na chuireadh gu bàs e.

Bha nis ceann-cinuidh aig Clann-Illeathain nach robh a choimeas, airson neart, agus misnich, agus foghlum, agus eireachdais, is dòcha, ann an Albuinn uile; agus cha b'fhada gus na choisinn e dha féin an t-ainm air a' bheil e air a ghairm ann an eachdraidh na h-Alba,— "Lachunn Mór nan ioma' buaidh."

B'e Iarl Earraghlàidheal, MacCailein Mór, bràthair-a-mhàthar; ach ged a b'è, agus ged a b'è an duine bu chumhachdaiche air an àm sin 'san dùthaich, gidheadh thug Lachunn Mór gu cùnnatas e airson an dòigh anns na chreach e féin agus na Caimbeulaich cuid do dh'fhearann Chloinn-Illeathain, gu h-àraidh Eilean Luing, far na loisg iad gach tigh, agus na spùinn 's na mhill iad gach duine 's gach teaghlaich;—agus mór agus cumhachdach mar a bhà MacChailein, b'éigin da maitheanas iarraigheal air Lachunn Òg, mac a pheathar, agus làn diòd a phàigheadh airson gach millidh agus sgrios a rinn e.

Anns a' bhliadhna 1577, chaidh Lachunn Mór a mach do Dhun-Éideann a choimhead an Rìgh. Bha 'chùirt an sin cruinn, agus flaithean, uaislean, agus morairean na dùthcha, uile san làthair. Chuireadh urram anabarrach air Lachunn Mór. Cha robh sa' chùirt

uile a choimeas. Thachair do dh-Iarl Athull a bhi sa' chàirt, e féin agus a theaghlach. Bha naimhdeas coimheach eadar an teaghlach so agus teaghlach Mhic Chailein Mhóir. 'San àm sin, bha spéis ard aig Iarl Athull do Lachunn Dhubhairt, airson an tillidh a thug e á Mac-Chailein, agus mar a smachdaich se e. Chuir an Rígh roimhe, nam b'urrainn da, pòsadhl a dheanamh suas eadar Lachunn Mór agus nighean Iarl Athull. Cha robh so doirbh r'a dheanamh. Bha a' chàraig òg toileach; bha'n seann Iarla anabharach toileach, agus gheall e tochar mór. Thainig oidhche a' chòrdaidh, 's bha gach nì air a shocruchadh. B'èiginn do Lachunn dol dachaichd mum pòsadhl e; agus dh'fhág e 'chàirt, a' gealltann gu'm biodh e air ais á Muile co luath 's a b'urrainn da. Ach thachair dha gabhail rathad caisteil Iarla Ghlinne-Càrn, far na chuir e seachad latha no dhà. Bha nighean aig an Iarla so thug bàrr air baintighearnan na rioghachd ann an àilleachd. Ghrad dhì-chuimhnich Lachunn Mór nighean Iarl Athull, ris an robh e fo ghealladh pòsaidh. Ceart shuarrach mu gach gealladh, thaig e a làmh do'u àilleagan chiatach so; agus bha iad air am pòsadhl! Chuir so corruiach mhór air an Rígh, agus air Iarl Athull; agus cha b'iongatach è. Chaill Lachunn càirdeas an Rígh, agus bha Iarl Athull 'na nàmhaid da fhad 's bu bheò e.

Bha Aonghas Ìleach (se sin, "Dòmhnullach Mór nan Eileanan"); MacDhòmhnuill, pòsda ri piuthar Lachuinn. Bhuineadh Ìle agus Cinnìre, agus móran do dh'fhearann eile, do'n duine chumhachdach so. Bha an dithis dhaoine so, Aonghas Ìleach agus Lachunn Mór Dhubhairt, air ioma dòigh cosmhuit r'a cheile—dàna, misneachail, uaibhreach, àrdanach; agus is daor a dhìol an dà chinneadh air a shon so. Cha robh achi fuil, agus losgadh, 'us fòirneart, 'us creach, fhad 's a bha iad beò; agus chaill iad, le'n caisteil, a' chuid bu 'nhò do'n oighreachd mhór a thainig a nuas d'an ionnsuidh o'u sinnsearaibh. Lìonadh e leabhar, 's cha bu leabhar beag, mion-chùnnntas a thoirt air gach còmhstri bha eadar Cloinn-Dòmhnuill Ìle agus teaghlach Dhubhairt ri linn Lachuinn Mhóir. Innsidh sin an dòigh anus na thòisich an cogadh sgriosail eadar an dà chinneadh threun so—còmhstri bha anabharach cailteach dhoibh taobh air thaobh.

Anns a' bhliadhna 1585, bha Dòmhull Gorm Shléite, le móran do Chloinn-Dòmhnuill, a' dol do dh-Ìle ás an Eilean Sgitheanach, a dh'amhare a charaid Aonghas Dòmhnullach, tighearn Ìle, bha 'chòmh-nuidh 'na chaisteal ann an Dùn-Naomhaig. Thainig sìd choimheach, a thug air Dòmhull Gorm agus na bha maille ris fasgadh a ghabhail air ceann-mu-thuath Eilein Diùra, a bhuineadh do MbacIlleathain Dhubhairt. Air a' cheart là sin, bha dithis uaislean do Chloinn-Illeathain, a chaidh a stigh do chala eile ann an Diùra, dlùth do'n àite 'n robh Dòmhull Gorm agus a luingis—dithis dhaoine 'chuir a mach air an ceann-cinnidh, agus aig nach robh a chridhe tighin 'ua làthair. 'Se b'ainm do'u dithis dhaoine so, Ùisdean MacGhilliesbuig Chléirich agus MacDhòmhnuill Theirich. Chuir iad so roinhpà anbharra comh-stri a thogail eadar Dòmhull Gorm agus Lachunn Mór. Air feadh na h-oidhche, dh'èirich an dithis dhaoine so, agus chreach agus thug

iad leò spreidh Chloinn-Illeathain a bha air feurach dlùth do'n àite 'san robli Dòmhull Gorm agus a dhaoine. Thug iad leò iad, thog iad an siùil, agus dh'fhàg iad Diùra.

Thachair dìreach mar a shaoil an dithis dhroch dhaoine so. Cha luaithe 'dh'ionndrain Clann-Illeathain an cuid spréidhe, na thug iad Dubhairt orra, a dheanamh an gearain ri Lachunn Mór. Chruinnich esan a chuid daoine; bha gach birlinn fo uidheam; agus ràinig e Diùra, far an robli Dòmhull Gorm fhathast, agus a chàirdean. Gun fhacall a labhairt, no aobhar air bith thoirt seachd, ghrad bhual Lachiunn Mór agus a cheatharnaich air Clann-Dòmhnuill, aig àite ris an canar an Cnoc-Breac, far na cluireadh an ruaig orra, le mór àr. Mharbhadh trì-fichead do Chloinn-Dòmhnuill; agus bha Dòmhull Gorm féin, gun teagamh air bith, 'san àireamh so, mur bhi gu'n do thachair dha bhi 'na chadal 'na bliirlinn, agus gun flios aige ciod a bha 'dol air aghart.

Phill e do Shléite, a' bòideachadh dioghaltas a bhi aige air Lachunn Mór, a thàinig air mar so, agus gun fbios c'arson. Chuir e 'fios do gach teaghlaich do Chloinn-Dòmhnuill air feadh Gàidhealtachd Albuinn iad a bhi deas gu seasamh leis, agus aicheamhail a thoirt a mach airson na fala a dhòirteadh air Innis a' Chnuic-Bhric. Chruinnicheadh sluagh Ille, Chinntire, Shléite, Ardnamurchan, Shuaineart, Mhùideart, agus Uist, a' chinne deas 'us tuath; agus, do réir coslais, bha Lachunn Mór an impis a bhi air a sgrios. Ach sgrìobh an Rìgh litir a dh'ionnsuidh MhicLeòid Dhunbleagain, agus MacLeòid na b-Earradh, iad a sheasamh le Lachunn Mór; agus chuir e teachdaireachd a dh'ionnsuidh Chloinn-Dòmhnuill gu'n seasadh e Clann-Illeathain, a dheòn na dh'aindeion, an aghaidh gach feachd a b'urrainn doibh a thoirt 'nan aghaidh.

Chaidh Aonghas Dhun-Naomhaig le litir an Rìgh do Dhubhairt, a dh'fheuchainn am b'urrainn da a' chùis a shocruchadh le 'bhràthair-céile, Lachunn Mór. Dh'fhàiltich Lachunn Mór e gu cridheil, agus rinn e cuirm mhòr air a shon; ach 'nuair thainig iad gu gach cùis a shocruchadhl, thuirt Lachunn Mór nach riaraicheadhl nì bu lugha e na dara-leth Eilein Ille fhaotainn mar oighreachd dha féin agus d'a shliochd gu bràth. Cha robh math do dh-Aonghas Dhun-Naomhaig facall a ràdh. Sparradh e féin agus a dha mhac òg, a bha maille ris, anns an Toll-Dubh, priosan dorcha iosal ann an Caisteal Dubhairt, agus na h-uil' aon do na daoine blia maille ris!

Cha robli comas air, thug Aonghas dha na dh'iarr e—cha robh math a dhìultadh. Chuir e a làmh ris na còraichean; agus fhuair e mach as a' phrìosan, air chùmlbhanta gum fàgadh e a dh'ithis mac, agus cuid a dh'uaislean eile do Chloinn-Dòmhnuill a bha maille ris ann an Dubhairt, mar urrasan gum biodh an réit air a seasamh, agus gu'n tugadh Aonghas do Lachunn Mór seilbh an dara-leith Ille mar a gheall e.

Chaidh Lachunn Mór 'na dhéigh so a ghabhail seilbh anns an oighreachd 'an Ille, do reir a' chòrdaidh a rinneadh. Cha d'thug e leis armait air bith, ach buidheann thaghla do ghaisgich chàirdeil d'a chinneadh féin; agus thug e leis Seumas Òg, mac Aonghais, oighre

Ille, a dh'fhàgadh ann an Dubhairt le 'athair, mar bharantas airson coimhlionadh na réit a rinu iad.

Ràinig Lachunn Mór caisteal a bluineadh dha ann an Eilean Loch Guirm, anns an Ruinn Illich; agus an so dh'fhuirich e fad latha no dhà. Thainig litir air muin litir d'a ionnsuidh o 'bhrathair-céile, a' toirt cuireadh dha tighin do Chaisteal Mhaolantràigh g'a choimhead, agus Seumas Òg a thoirt maille ris, a thaobh gu'n robh fadal mór air a mhàthair fhaicinn. Chaidh MacIlleathain, le ceithir-fichead agus sèa pearsa maille ris, do Mhaolantràigh, a choimhead Aonghais Illich. Thachair so mu mheadhon an t-samhraidh, anns a' bhliadhna 1586. Rinn MacDhòmhnuill cuirm mhòr, agus thaisbean e gach gnè chàirdheis do MhacIlleathain; ach mhothuich baintighearn Aonghais, piuthar Lachuinn Mhóir, gu'n robh nithe 'dol air aghaidh nach robh a' còrdadhl rithe, agus dhùisg amharus 'na h-Inntinn gu'n robh foill ri dheanamh air a bràthair. Thug i sanas da. "Tha'n oidhche stoirmeil," ars' ise, "'s bu chòir do gach buachaille sùil a bli aige air a threud." Thuig Lachunn Mór mar a bha 'chùis. Cha chaidleadh e sa' chaisteal, mar bu mhiann le Aonghas; ach thug e sabhal feòir air, far an robh a chàirdean agus a ghilleann; agus thug e'n aire gu'n robh Seumas Òg, an t-oighre, leis. Air a' mheadhon-oidhche, chuitaich Clann-Dòmhnuill an sabhal anns an robh Lachunn Mór agus a chàirdean 'nan cadal, agus Aonghas Illeach air an ceann! "Leig a stigh mi," ars' Aonghas. "Dh'fhàg thu mi gun deoch-an-dorus a ghabhail leam; agus imridh tu òl orm a rithist mu'n caidil thu." "Cha'n ol," arsa Lachunn Mór. "Bha ar sàth dibhe againn le chéile. Ach ma tha tart ort air déigh fuil Chloinn-Illeathain, cha'n ann gun strìgh 's gun fhios c'arson a thaomas tu aon dileag dhi an nochd—'s éiginn gu'n coisinn thu gu daor i." Ghrad dh'éirich Clann-Illeathain—tharruing iad an claidhean sgaiteach. Thog Lachunn Mór Seumas Òg air a ghualtainn chli; dh'fhosguil e'n dorus; agus, le 'chlaidh-eamh buadh-mhor, bha e ann am prioba na sùl an sàs an Clann-Dòmhnuill. Ghlaodh an leanabh gu h-eagalach, aon uair ag asluchadh air bràthair-a-mhàthar, agus a rithist air 'athair a theasraigninn. Chunnaic Aonghas Illeach, mur cuireadh e stad air an iorg-huill, gu'n cailleadh e a mhac. Mu dheireadh, dh'iarr e maitheanas air Lachunn Mór. Gheall e, air 'fhascall 's air 'onoir, nach deanadh e tuille foille no lochd air, ach e a striocadh. Cha robh comas air; mhothuich Lachunn Mór gu'n robh fichead 'na aghaidh airson a h-aon a bha air a thaobh, agus strioc e. Cheangail Clann-Dòmhnuill na Leathanach fear ri fear, agus chuir iad 'am prìosan iad! Bha dithis ann nach striocadh—Leathanach a mhuintir na Morbheinne, agus MacDhòmhnuill Theirich, a b'aobhar do'n bhlàr a chuireadh annu an Innis a' Chluic-Bhric ann an Diùra. Chaidh iadsan a stigh do thigh a bha dlùth, agus chuir iad Clann-Dòmhnuill gu dùlan! An déigh iomadh oidheirp air an glacadh, chuireadh an tigh ri theine, agus loisgeadh an dà churaidh ghasda so.

Air an là-màireach, thugadh a mach na prìosanaich, air an ceangal gu cruaidh fear ri fear, agus chrochadh dithis diubh an làthair Lachuinn Mhóir. "An ann mar so," arsa Lachuinn, "a tha thu 'dol a chumail

t'fhacaill?" "Facall ann no ás," ars' esau, "tha thu nis a'm eisi-meil; agus cha dealaich mi ruit aig am bi mo làn aicheamhail agam." Mar so, chrochadh dithis agus dithis na h-uile latha, gus nach rohh a h-aon air an tèarnadh, do cheithir-fichead agus sèa, ach Lachunn Mór agus brathair-'athar, Iain Dubh na Morbheinne, duine co treun fhoghainteach 's a bha d'a chinneadh.

Air an latha anns an robh Lachunn Mór agus Iain Dubh na Morbheinne r'an crochadh, dìreach mar a bha Aonghas Ìleach a' dol air muin eich gu sealladh a bhi aige air a' chùis, ruith an t-each air falbh leis. Fhuair e droch leagadh, agus bhrist e a chas. Thèaruinn so air an àm beatha Lachuinn agus Iain Duibh na Morbheinne. Chuir-eadh air an ais do'n phriosan iad. Chuala 'n Rìgh mar thachair. Chuir e teachdaire do dh-Ìle—chaidh MacCailein Mór, ann an ainm an Rìgh, a dh'fhaotainn saorsa do Lachunn Mór, mac a pheathar. Dh'aontaich Aonghas a chead a thoirt do Lachunn Mór, air chùmh-nanta nach iarradh e gu bràth earrann air bith do dh-Ìle tuille—nach tigeadh e fein no a dhaoiue tuilleadh a chur dragh air Cloinn-Dòmhnuill; agus, mar Bharantas gu'n robh an cùmhnan so daingeann, bha an Rìgh agus MacCailein Mór ri ochdnar òganach urramaichte 'chur 'na chomas, mar urrais gu'n robh an réite seasmhach. Chòrdadh uime so; agus b'iad na h-urras a thug iad dhà—Eachunn, mac Lachuinn Mhóir; Alastair, bràthair MhicLeòid an Dùin; dà mhac do Mhac-Iomhuinn an t-Sratha; dithis mhac do MhacNéill, Bharra; Ailean, mac do Mhac-'ic-Eóghain, Airde-gaibre; agus Dòmhnuill, mac MhicIlleathain, Charn-bruth. 'Nuair a ràinig iad so Dùn-Naomhaig, fhuair Lachunn Mór chomas a chas; ach chuireadh Iain Dubh na Morbheinne gu bàs!

Bha mac aig Iain Dubh 'na chaisteal ann an Ardtoirinis sa' Mhorbheinne, Ailean Òg, sèa-bliadhna-déug a dh'aois; agus 'nuair a chual' e gu'n do chuir Clann-Dòmhnuill 'athair gu bàs, chruinnich e buidheann do Chloinn-Illeathain, agus thug e Ardnamurchunn air, gu aicheamhail a ghabhail air Cloinn-Dòmhnuill. Mhurt, agus loisg, agus chreach e Ardnamurchunn, gus an robh MacIain làn-thoileach réit a dheanamh—stròidh mhór do'n dùthaich a thoirt dà mar oighreachd, agus a nighean, Ùna, thoirt dà ann am pòsadh.

San àm cheudna, chruinnich Lachunn Mór a dhaoine. Thainig MacLeòid Dhunbheagain agus MacDhomhnuill-Duibh g'a chuideachadh le'n cuid armait—na ceudan birlinn làn dhaoine—agus ruigear Eilean Ìle; agus ma ruig, b'e sin ruigheachd na dunach do'n eilean thruagh! Chuir iad an ruaig air Aonghas Ìle agus a dhaoine. O dheas gu tuath, mhill iad an t-eilean àillidh. Chuir iad sèa ceud pearsa gu bàs—seadh, a h-uile duine comasach air airm a ghiùlan. B'i sin bliadhna na bas-bhualaidh agus a' bhròin do mhuathan Ìle! Theich Aonghas do Chaisteal Dhun-Naomhaig. Chuairtaich Clann-Illeathain, Clann-Leòid, agus na Canironaich, an t-àite; ach thainig a' bhaintighearn a mach, agus rinneadh còrdadh ùr. Fhuair Lachunn Mór còir air dara-leth Ìle. Rinneadh réit, agus phill Lachunn Mór air ais do Mhuile.

Tha so a' toirt seòrsa do bhicachd dhuinn air an staid thruagh anns an robh Gàidhealtachd na h-Alba 'san àm so. Cha robh ach losgadh, agus marbhadh, agus creach, agus fòirneart do gach seorsa 'dol air aghaidh anns gach cearna—gun lagh, gun cheartas, gun iochd, gun truacantas—an cinneadh uile fo smachd a' chinn-fheadhna, agus comas aige an gairm a mach gu murt agus losgadh mar a thogradh e, agus an cur gu bàs gun deuchainn gun fhianuis, ach direach mar thogradh e féin!

Chì sinn ciamar thainig a' chomhlìstri bha eadar an dà chinneadh ainmeil so gu crìeh 'san ath àireamh, anns an teid sinn air ar n-aghaidh gu bruadar Fhir-Bhorora, blàr Loch Ghruinard, agus bàs Lachuinn Mhóir.

AN DUILLEAG SHEARGTA.

Sgaraichte bho'n stoc, a's reubta
 O'n a gheig ri'n robh thu crocht',
 A dhuilleag chrionta, sheargta, blrònach,
 C'ait am bi do chòmhnuidh 'nochd ?

FREAGAIRT.

Thùirling dealanach nan speuran,
 Reub e leis na gengan àrd ;
 Sgealb e'n darag as a chéile—
 Sgap e 'céutaehd air a' bhlàr.
 Shéid an doinionn as an fhàsach,
 Bhrùchd i làidir bhàrr nan enoc ;
 Thaosg i 'm fad air uehd an t-sléibhe,
 'N duille, 'gheug, an fhreumh, 's an stoc.

'S cianail sgìth, gun sìth gun sòlas,
 M' ioman bhrònach-sa, gun shois ;
 Tha gach osag 'ga mo threòrach,
 Mar is déòin leath', thall 's a bhos.

Tha mo thurus dians' a' slor-ruith
 'Steach do thàr na dì-chuimhn' bhuan ;
 Tuitidh 'n duille, 's seargaidh as
 An ròs a's bòidheh 's a's dreachmhor snuadh.

Oighean ait is àillidh snuadh,
 Na deanaibh uaill á geal 'us dearg ;
 B'aluinn mis' measg dhuiileach uaine—
 'Nochd, mo thruaighe ! 'measg nam marbh.

'Chlann an anbharra 's na mòrchuis,
 'Cuim an dean sibh bòsd dheth 'r cuid ;
 'Si 'n osag 's àirde thogas suas mi,
 'Bheir a nuas mi anns an dus.

'Fhearaibh òg, làn treòir is slàinte,
 Dòeas ard 'us càileachd bhras ;
 'S tric bha latha grianach meallt', 's tha
 'M foghar air a' gheamhradh faisg.

'Sheanairean nan ciabha sncachd-gheal,
Beachdaichidh an so le'r sùil :
Tha 'ur foghars' dol 'na dhicann-ruith ;
Faicibh greamhradh air a chùl.

M.

Taobh Loch-Nis, 1841.

L A O I D H!

"Air tròcairibh an Tighearna gu bràth seinnidh mi : o linn gu linn, foillsichidh
mi t'fhìrinn le m' bheul."—Salm lxxxix.

'Se do thròcair, Iehobhah, tha dhomh 'na bun sgéil—
'Na h-aoibhneas do m' chridhe, 's na h-uail ann am bheul ;
Do shaor-ghràs a mhàin o thoiseach gu crìch,
Air m'aigne thug buaidh, 's chuir mo chrìdh' fo chìs.

Gum do thròcaircean milis, cha'n fhaodainn bhi bed,
Oir peacadh mi-rianail rinn m' fhàgail gun treòir ;
Ach trid do shaor-mhaithis gu'n chùm thu mi suas,
'S an ti sin a dhealbh mi gu'n toir e dhomh buaidh.

Tha dorus do thròcair-sa fosgult gach là
Do'n bhochd 'us do'n fhéumach a bhuaileas gach trà ;
Agus peacach thruagh falamh á Iosa ni bun,
Cha do chuir e uaith falamh, 's am feasda cha chuir.

'Si do thròcair an Ios' ni mo shaoradh o thruaigh ;
Air a ghlòir bidh mi 'séinn, a's air 'ioghnadh nì luaidh ;
'Se Iosa nì' fhear-tagraidh, chaidh 'chéusadh a'm àit ;
'Sè 'n t-slighe, 'sè 'n flìriùn, nach dìbir gu bràth.

A. S.

An t-Eilein Iileach,
Ceud Mhìos an Fhogharaidh, 1841.

NA BUANAICHEAN.

A Chuairteir Urramaich,

Tha fhios a'm nach 'eil aon d'an aithne cor nan Gàidheal nì's fhearr
na sibhse, no aon a's deònaiche gu'n cuideachadh, agus deagh chomh-
airle thoirt orra. O'n tha sibh a' cuartachadh nan gleann, chì sibh na
tha 'tachairt ; agus tha cothrom agaibh air sanas a thoirt seachad 'nuair
a bhios fàth earail, no rabhadh, a thoirt d'ar luchd-dùthicha. Ach ged
a tha sibh fiosrach agus foghlumte, ceadaichidh sibh dhomh a ràdh nach
'eil sibh uile shoirfe 's na feartan sin. Cha'n urra' dhuibh a bhi anns
gach àite, no na h-uile nì a Léirsinn. Uime sin, ge nach urrainn sinne
nithe 'chur sios co fhileanta, shnasníhor, no dealbhach, faodaidh sinn
nithe thoirt fa' near a bhios chum féum dhoibhsan a ghabhas comhairle ;
agus tha fios againn, a thaobh meud ur gaoil air na Gàidheil, agus air
fìrin, gu'n toir sibh àite sa' Chuairtear do nithibh a shaoileas sibh
anns am bi féum.

Tha e teann air dà mhìos o'n bha mi a' dol mu dheas, ann an
soitheach a bha làn do bluanaichean. Fhuair iad an t-aiseag fior

shaor, airson an astair. Bha na h-uile aon ag innseadh dhoibh gu'n robh iad a' dol air an aghart tuilleadh 'us luath. Bha mi uaithe sin mu-dheas, agus a' tilleadh air an t-seachdnuin so 'chaidh, bha na buanaichean a' tilleadh dhachaidh 'nam buidhnean. Bha'n soitheach 'san robh iad co làn 's gu'n robh i 'n impis dol fodha. Bha iad 'nan suidhe 's 'nan seasamh innte, anns gach àite, iosal agus àrd. Mar a bha 'n t-sid math, cha robh cunnart bàthaidh; ach bha beagan toile-achaidh acasan a bha 'paigheadh daor, o nach b'urrainn iad tighin a nìos, no coiseachd air clar na luinge. An àite bhi cliùthachadh nan Gàidheal, mar is minic a chualas, 'sann a bha Goill agus Sasunnaich fior dhiombach; agus bha aobhar aca. Ge nach bu toigh leinn an còmhradh a chluinntinn, cha b'urrainn duinn a ràdh nach robh iad ceart.

Ach biodh gach duine 'gearan a bhochduinn fèin; 's ann a bha na buanaichean a' gearan gu robh iad fada gun fhalbh, 's gu robh beag tuarasdail aca. 'Nis, tha sin duilich dhoibhsan a b'éiginn dol fada gu cosnadh, 's nach toir air ais ach fior bheagan. Ach tha cuid diubh a dh'fhaodadh tàmh 'nan àite fèin. Nan gabhadh iad gu cosnadh suidhichte, tha fios againn gu'm faigheadh iad tuarasdail chuimseach. Ach an gabh iad sin muinntearras? an ceangail iad iad fèin gu ceann aimsir? 'S mór a's fearr leo mìos no dhà thoirt air falbh, 's a bhi 'nan tàmh fad a' gheanhraidi—seadh, agus caid do'n earrach. Their iad, an àm falbh, gu'n toir iad tuilleadh as an taobh-deas na gheibheadh iad aig baile gu Féill-Màrtuinn. Feuchadh iad a nis ciod a th'aca 'n déigh tilleadh.

Ach, a Chuaireoir, 'sann a tha 'rùn orm gu faiceadh iad 'nur duileagan a' bharail a bha aig daoine eile orra, a dh'fheuch an smuain-ticheadh iad ciamar bu chòir dhoibh a bhi 'gabhair an rathaid, agus gum biodh fios aig daoine eile cianar a tha iad a' caitheamh a chuid eile do'n bhliadhna aig an tigh.

Cha chuala mi nì nàr sam bith 'ga chur as an leith, 's cha mliò a chunnaic mi misg air neach, a mach o aon no dhà; ach bha mòran do mhi-dhreach ùmpa, na boirionnaich gu sònruichte. Nach fhaodadh iad a bhi glan? Tha uisge gu leòir an Cluith; ach ged a thà, 's gann, tha dùil agam, gu'n do nigh iad iad fèin o'n a dh'fhàg iad an tigh.

Chuir mi nìos mo cheann sa' mhaduinn, agus sinn a chòir tìr, gu faile cùbhraidi fhaotainn; ach 'sann a theabas mo thacadh le toit pioba 's tombaca. Thuirf mi ri dithis a bha 'cath-shéideadh a mach an anail bhreothach thoiteach, nach robh e ceadaichte bhi 'gabhair pioba san àite sin. Dh'imich iad ceum no dha o'n dorus. "A nis," arsa 'h-aon diubh, "faodaidh sinn a gabhair an so."

Bha do thóchd, do theas, agus do dhroch àile san t-soitheach, 's gum b'fhèarr a bhi 'g astar air rathad glan na bhi innte. Gidheadh, 'nuair a thaimeas a steach do'n amar uisge, an saoil sibh an coisich-eadh iad an cala, am feadh a bha ise dol tre na glasan, air àilghios an luchd-frithealaidh!

Ach ciamar tha 'mhinnntir sin a dh'fhaodadh cosnadh fhaotainn aig a' bhaile ré na cuid eile do'n bliadhna? Ni bheil sion aca r'a dhean-

amhl aig an tigh—’se sin is math leò. Ciod a thug iad dachaidh?—fior bheagan airgid. Chì sibh na gruagaichean gach latha féille ’tighin do’n aifrionn le nithe riomhach, ’s na fleasgaich ann an éideadh nan Gall. Có ach iadsan! ’Am beagan ùine, bidh iad a’ bleid, air a’ bhochduinn; agus ma bhios dùil ri min fhaotainn á Glaschu, cha nàr leò tighin a dh’iarrайдh cuid a ghileidheadh dhoibhsan!

Ciamar tha iad a’ caitheamh an ùine fad na dùdlachd?—Thà, a’ dol o thigh gu tigh, gun char a dheanamh, gun ghniomh ’s am bi feum. An toir iad làmh air leabhar?—’S leòir leò sin a dheanamh san sgoil. Ciod, ma tà, ris a’ bheil iad?—Cainnt dhìomhain agus tuaileas. Inn-sidh mi dhuibh an fhìrinn, a Chuairteir, ’s na ceilibh i. Ged fhuair iad na sgriobhaidhnean naomh, cha’n eil iad r’ a fhaicinn. Tha iad a’ call a’ bheagan sgoil a fhuair iad; agus cha’n iognadh, ’nuair tha leisg air an ceangal co mór ’s nach dean iad an car a’s lugha mur faigh iad diòladh na’s mò na dh’iarradh iadsan tha ’m freasdal cos-naidh ’s na bailte móra, far nach faigh iad ni sam bith gun cheannach. Agus ciod tha ’leanailt an lorg gach nì dheth sin?—Tha iad a’ toirt ioma gne thinneis dhachaidh, a tha iad a’ faighinn ’s na bailte móra, agus far a’ bheil iad a’ taghall; tha cuid dhiubh féin a’ creanachadh air, agus feedhain eile ’ga ghabhail dhiù. ’S diomhain do léigh féin a sparradh orra bhi glan; an creid iad gur h-ann o òtrach agus o bhréine tha teasach ag éiridh? ’Sann ’an tighean iosal, bochd, salach, a tha easlaintean; agus bithidh móran ’gan gabhail sin o chéile.

Tha na Gàidheil cruadalach tapaidh, ach an toir iad ach sgobadh? An lean iad bunailteach air obair? ’S math leò bhi ’gam moladh, ged tha barrachd feum aca air an fhìrinn innseadh dhoibh. Foadaidh i bhi searbh leò; ach mo bhios i chum an leas, bithibh co math ’s a leigeadh a mach dhoibh.

D.

Mios-Deiridh an Fhogharaidh, 1840.

LITIR BHO FHEAR DHRUIM-AN-TORRAIN,
A NEW ZEALAND, a chum an Olla Leòdaich, Ministeir Sgìreachd
Chalum-Chille, ann an Glaschu.

WELLINGTON, PORT-NICOLSON,
15th February, 1841.

’Uasail Ionmhuinn,

A réir mo gheallaidh, tha mi ’nis a’ dol a’ sgriobhadh chugaibh. Ràinig sinn an dùthaich so gu sàbhailte air an 27th de’n mhìos-dheirionnach. Thàinig, tha e fìor, loingeas ni b’aitghiorra na thainig sinne; ach riamh cha d’tainig long-imrich thar cuan bu thugaidiche agus bu sheasgaire. Cha do ghabh an long tonn a stigh bho na dh’fhàg i Clnaidh, ’s cha robh uiread agus facall de aimlireit no de thuasaid air bòrd. Fhuair triùir chloinne bàs, agus rugadh seisear. Chum mi leabhar, a thoirt mion-chùnnatas air

gaeli ni a thachair bho na thog sinn acair. Tha aon de na balachain dìreach ag obair air 'ath-sgriobhadh, gu a leth-bhreac a chur chugaibh. 'Nuair rnigeas e, chì sibh nach ruig neach air bith a leas eagal a bhi air an cuan a mharcachd.

Thainig a' chuid a's mò de dhaoine do'n dùthach so tuilleadh a's tràth. Tha'm fearann doirbh r'a thomhas, agus an luchd-tomhais cho tearc, 's gu bheil cuid auu a tha nis ré bliadhna a' feitheamh, agus nach d'fhuair aon fearann fathast. Chuir so, agus an seasamh a mach a rinu a' Phàrlamaid an aghaidh a' chomuinn, grabadh car tammill air gach guè de leasachadh; ach a nis tha togail aitreibh, Icasachadh agus réiteach-fearainn, agus pàircéadh, a' dol air an aghaidh gu foirmeil. Tha'm fearann a thugadh dhuinne mu thuaiream ceithir-fichead mile as so, àite ris an can iad *Wanganui* (*Aungamhna?*), far am bheil baile-mór ùr r'a shuidheachadh. 'Sè fearann a's tioraile na so, ach cha'n eil uisge aig soithichean chuige a thairugeas os-eanna trì-fichead tunna'sa deich. 'Si'n acarsaid a' chuid a's fèarr de'n àite so. Tha i dìreach coltach ri Tobar-Mhuire, na'm biodh Eilean-a'-Chalbh iunte. Tha i mu dheich-mile-fichead mu'n cuairt, agus bho sheachd gnà-dà-attheamh-dheug air doimhnead. Tha anns a' bhaile so (*Port-Nicolson*) cheana 2,800 bho'n Roinn-Eorpa, agus 500 de naistinne na dùcha; agus air mo shon féin dheth, bhithinn làn thoilichte far am bheil mi-cho toilichte 's gu'n do ghabh mi aonta thrì bliadhna de thigh le leth-acair flearain, gus am faigh mi in' flearann féin, suas an Auin, ann an gnè de òrdugh. Bha'n tigh, 'nuair a ghabh mi e, seach na chunnaic sibh riamh, maesainhailt nan taighean-cleito 'chunnaic sibh anns a' Ghaeltachd—dà-fhichead troidh air fad, agus ochd-troidhe-deug air liad, gnn bhalla-tarsuinn guu chailbhe; achr, le cuideachadh nan saor Gàelach a thaiuig leinn, tha nis ùrlar-clàraidh agus gach goireas ann.

Fhuair mi àite ann an seirbhis a' Chomuinn cho luath 'sa ràinig mi, a chuidich mo theaghlach a chumail gu measail. Tha mi'n ceart uair ag amharc air rathad-mór a tha an Comunn a' deanamh bho'n bhaile gu taobh eile na h-acarsaid, chum obair a thoirt do na thig a nall, gus am faigh iad ni's fhearr. Tha iad a' faotainn puund-Sasunnach 'san t-seachdnin, agus am biadh; agus a leigeadh fhaicinn dnuibh a' miagh a th'air na Gàeil, cha'n eil thar dusan diubh an dingh ris an obair so; agus cha bliodh iad so féin ris, mur bhi nach 'eil anat' ach balachain agus seann daoine. Gu fortanach, fhuair sinn còrr a's mile de'n rathad a chriochnachadh anns an fhasan Ghàelach mun d'fhàg na làmhan a b'fhearr sinu; agus, gu dearbh, cha bheag an t-ioghnadh a chuir e, cha'u ann air na naistinean anfhàin, ach mar an ceudba air muinntir a thainig do'n dùthach roimhinn. 'Se so an ceud leasachadh coitcheann a thòisich ann an *New Zealand*, agus, ge neànamh r'a innse, le Gàeil na h-Alba! Tha iadsau a dh'fhàg sinn a' deanamh a nis bho 6s. gu 7s. san latha;—saoir agus sàbhadairean, 10s. san latha. Tha searbhan tan a' faotainn bho £14 gu £25 sa' bhliadhna, le biadh, 'us aodach, 'us leaba. Tha'n t-iomlan de na Gàeil ann an so mu'm

thimehioll-sa. Thog iad tighean beaga air làraich a gheibh iad an nasgaidh, le fearann mar is urrain iad a réiteach, fad dà bhliadhna. Na dheigh sin, theid mál a chur air le luchd-meas.

Tha searmoin againn bho Mhaighstir Macphàrlain gach dara Sàbaid. Air Di-dòmhnaich so 'tighin, tha e ri searmoin Ghàelie a thoirt dhuinn. Ann an aon fhaeall, tha ar suidheachadh cho seasgair agus eho sona 's a b'urrainn ar cairdean a's fèarr iarraidh no 'ghuidhe.

Tha mi 'feòraich dhiubh an dràst 's a rithist am bu mhath leò til-leadh do'n Ghàeltachd, agus 's éiginn domh aideachadh nach 'eil a h-aon leis nach bu mhiaunnach dùthaich an gràidh fhaicinn a ris aeh daoine Ardnamorechuan. Thnirt seann fhigheadair bho Chille-chòmhain ri:um, a bha ré iomadh bliadhna 'faotainn a' bhàis leis an aeras, gu'n robh e 'm barail gu'n do dli'ith e de fheòil 'na theaghlaich, o'n thainig e gu *New Zealand*, barrachd 's na dh'itheadh ann an Ardnamorechuan gu léir 'san ùine chendna! Bha fear, Iain Cameron bho Achroinich, a làthair 'san àm—dnuine measail, do'n d'thug 'ur bràthair teisteanas gasda, agus aig am bheil teaghlaich laidir. Ars' esan, "Tha déigh mhór agam air Ministeir na Morbhainn, agus an Siòrrain, *Gregorson*, fhaiciun; airson na dùcha, tha mi suarrach uiinpe." Thòisich e 'n sin, agus thilg e suas tighin-a-stigh a theaghlaich; agus, 'nnair chunnaic e gu'n d'ràinig e còrr a's £300 sa' bhliadhna, ars' esan, "Tha mi eho mhath dheth ri euid de thighearnan na Gàeltachd."

Theagamh gu'n abair sibh 'nur n-inntinn féin gu' bheil mi 'cur suas na dùcha;—cha'n eil mi ach ag innse na *fìrinn*. 'San àm cheudna, bheirinn rabhadh do m' luchd-dùeha gun iad a tighinn an so gun phailteas airgid, mur nrrainn iad obair le'n làmhan. Arson na slàntinnean dheth, cha'n eil air uachdar an t-saoghail na's fearr. Tha gaothan àrd againn, ach gun anbharra fuachd no teas. Tha sinn a nis sèa seachduinean ag obair air an rathad mhór ùr so, gun aon latha bristeach. Cha robh againn fathast thar dà phaidhir phlaideachan san oi'che, agus tha iad ag innse dhuinn nach bi e dad ni's fuaire re a' gheamhlraigdh. Cha'n fhaea mi fathast teine 'san dùthaich, ach anns a' chidsin. Tha'm bàgh air chrith le iasg de'n t-seòrsa a's miaghaire; agus airson eiserean, coilleagan, faochagan, agus an leithide sin, cha'n eil tomhas orra. Tha'n tuarsasdal cho math, 's gu bheil sinn a' fàgail an iasgaich do na nàistinean; agus tha iadsan a' nis suas ri luach-a-peighiùn cho math, 's nach li-ann an nasgaidh a cheannaichear bl'uatha. Tha sinn a' pàigheadh air, faodaidh mi a' ràdh, a' phris tha sibh a' pàigheadh an Albainn. Tha'n fheòil bho 10d. gu 1s. am punnd; mult-fheoil, bho 8d. gu 10d.; im, bho 2s. gu 3s.; càise, an t-aon ni; tea, 4s.; siùcar, bho 4d. gu 6d. am punnd; nibhean, 6s. an dusan, aeh cha'n fhada gus an tuit iad so a'm pris; eunlaith, bho 10s. gu 14s. a' phaidhir. Cheannaich mi dà mhart, air na phàigh mi £20 an t-aon; làir agus loth air £80. Cheannaich mi iad so, agus odhaisg, bho chaitin na luinge; agus 'se so, le dà nircein, eeithir clearcan, agus eoileach, a ghiblit e do m' mhnaoi, mo stoc an eearc uair.

Gheibh sibh beachid air ar n-eagal roimh na nàistinean, 'nuair dh'innseas mi dhuibh, na trì gunnachan agus na dagachan a cheanaich mi ann an Glaschu, gu'n do reic mi iad, air chor's nach 'eil a nis gunna no daga againn. 'S éiginn aideachadh gur h-ann a chuireadh iad näire air iomadh d'ar luchd-dùcha, buidheachas do na daoine diadhaidh a thug dhoibh an comas. Tha mu thuaiream leth-cheud dhiubh dlù dhuinne, aig am bheil ùrnuigh agus sailm 'nan teaghlaichean gach maduinn agus feasgar.

'S éigin domh nis crìoch a chur air an litir chabhlachaich so, le m' mhile beannachd chugaibh féin, agus gu'r baintighearna 's ur teaghlaich gràdhach—guidhe leis am bheil mo bhean a' co-chòrdadh le 'h-uile chridhe.

DÒNULL DÒNULLACH.

Fairbheanadh.—Ma chluinneas sibh long a bhi 'seòladh bho Chluaidh, fiach an cuir sibh chugainn àireamh no dhà de “Chuair-tear nan Gleann.”

D. M'D.

Air eadar-theangachiadh le

MACTALLA.

PÒSADH A' CHEAIRD.

'Nuair a bha 'n Eaglais Easbuigeach air a cur sìos ann an Albuinn, agus nach robh comas pòsaidh no baistidh aig na ministerean a bhuiねadh dhi, gun chunnart a bhi air an tilgeil ann am priosan, agus ùladh tròm a leagail orra, bha duine fiachail, tnigseach, deas-chaiunteach do'n t-seòrsa so a' gabhail an rathaid sa' Ghàidhealtachd, agus choinnich e buidhionn cheard air an rathadhmór. Dh'aithních iad gu math có è. Chuir iad stad air. Dh'innis iad da gu'n robh càraid òg sa' chuideachd aig an robh toil pòsadh, 's gu'n robh iad air tòir ministeur. Cha robh math dha diùltadh—chnartaich iad e, agus thuirt iad ris nach faigheadh e céum air aghart gus an ceangadh e an t-snaim.

“C'ait a' bheil a' chàraid òg?” ars' esan. “Seasadh iad suas.” Le so, thainig balach òg, robach, luideagach—gun bhoineid, gun ad, gun chaiseart—seòrsa do luideig stròdicte, bha uaireiginn na chota-goirid, air a dhruim—agus lùireach bhroineagach do sheana bhriogais, nach d'ràinig a ghìlùn. Ach, 'na dhéigh sin uile, bha e 'na bhialach aoidheil, iasgaidh, luaineach; agus bean-na-bainnse cho coltach ris féin, air gach dòigh, 's a dh'fhaodadh bith—caileag òg mu thuaiream ochd-bliadhna-deug a dh'aois—a falt fada, co dubh ri it an fhirein, a sìos air a h-amhaich 's air a h-uchd 'na dhùala tròm—a sùil mar dhearcag a tuim—a h-aodann air a losgadh leis a' ghréin, agus le breaca-sionain—seòrsa do chlia'-beag oirre, agus cota-bàn nach robh 'toirt móran fasgaidh dhi o'n fhuachd no bho'n ghaillinn—gun bhròg gun osan, ach dà chois foidhpe, agus aobrain cho cuimir sgiobalta 's a lùb feòirnein. Phòs am ministeur iad an

làthair fliannisean—am párantan, am bràthairean, 's am peath-raichean san làthair.

'Nuair a bha 'm pòsadh seachad, thàinig an seana cheard mór, rìgh na cuideachd, air aghaidh, agus thug e, ann an ainnm nan ceard 's nam bana-cheard, mìle taing do'n mhinisteir. "Ach," ars' esan, "tha trè nithe fhathast r'a dheanamh, agus cha'n fhaodar leibh an diùltadh. Air tùs, thugaibh dhuinn, fo ar làimh, teisteannas gu'n do phòs sibh a' chàraig òg, air eagal gu'n abair iad 'na dhéigh so nach robh iad idir air an ceangal r'a chéile le pears'-eaglais." Cha robh e comasach do'n mhinisteir so a thoirt doibh air an dòigh chumanta, agns' ainnm a chnr' ris; ach thug e mach páipeir agns' peann, agus thug e dhoibh an teisteannas a leanas:—

"Tha mise 'n so a'm shuidh' air cloich,
A' pòsadh Esan ri Ise, 's Ise ri Esan.
Cha'n eil leud mo bhoise do dh'aodach air Ise,
'S cha'n eil falach a th—ne air Esan;
Ach fòghnaidh Esan do Ise, 's Ise do Esan."

Chuir e 'ainm ris an telsteannas so, agus bha 'n ceard-mór toilichte. "Ciòd tuille tha 'dhì ort?" arsa 'm ministeir; "nach leig thn leam triall a nis?" "Cha leig," arsa 'n seana cheard; "cha bhliodh sin sealbhach, gun òl air a' chàraig òig." Cha ghabhadh an ceard diùltadh, agus b'éiginn do'n mhinisteir sgaile dhrama ghabhail, agus greim do'n bhonnach-bhainnse; agus theagamh nach robh so 'na chruadal mór, air monadh Gàidhealach. "A nis," arsa 'n ceard, "mo mhile, mile taing! Séid suas do bholg, Eachuinn Ruaidh," 's e 'smèideadh air giullan-beag a bha dlùth dha, agus piob fo 'achlais. Sheas a' chuideachd gn taobh. "Ciòd so a nis?" arsa 'm ministeir. "Cha'n eil ach aon nì eile, 'dhuine ghaolaich—gu'n imir sibh 'Gille-Calum dà pheighinn' a dhannsa le ban-rìgh nan ceard." "Ne mise?" arsa 'm ministeir. "Da rìribh, sibh féin dìreach a dh'imreas sin a dheanamh," arsa 'n ceard. "Fosglaidh mi féin an dannsa le bean-na-bainnse—bean òg mo dheagh mhic; agns so agaibh màthair fir-na-bainnse, mo bhan-rìgh féin; agus chunnaic mi latha nach amhairceadh pears'-eaglais féin sìos oirre." Rinn am ministeir na b'urrainn da chum dol as o'n dannsadh; ach cha robh math dha labhairt. Thòisich a' phìob. Dh'éirich an ceard-mór agus bean-na-bainnse; agus thainig an t-seana bhana-cheard, agus thog i am ministeir, le 'chasaig dhuibh 's le 'ghrnaig. Cha do chum iad fad' e a' dannsadh; ach coma có dhiù, chuir an t-seana bhana-cheard mu'n cuairt's mu'n cuairt e, gns an robh tuainealaich 'na cheann, agns' anail 'na nehd.

Fhuair e as mu dheireadh; ach, fhad 's bu bheò e, cha robh àm air an d'thàinig na ceaird an rathad, nach do thaghail iad, agus nach d'fhàg iad leth-dusan do na spàinean a bh'fhearr a b'urrainn iad a dheanamh, aig a' mhinisteir chóir. 'S iomadh latha a dh'innis e féin an sgéul, a' call a lùis le gàiricich.

MU DHÒIGHEAN AN FHREASDAIL.

A Shiar,

A chionn an urrainm shònruichte th'agam fa chomhair dòighean iongantach an Fhreasdail, ann an rathad breitheanais am measg a' chinne-daonna, innsidh mi seann sgeul lùdhach a dh'aithriseadh le *Addison*—gu'n do cheadaicheadh do Mhaois aon uair, ann an co'luadar ri Dia, ceisdean fheòraich a thaoblì riaghlaidh an t-saoghail; agus gu'n do dh'aithlueadh dha, aig an àm cheudna, amharc sios fodha air a' chòmhnràd, far am fac e saighdear a' teachd a bhàn bhàrr eich a dh'òl á tobar a bha 'sruthadh a nuas o'n bheinn. 'Na dhéigh thainig balachan beag, agus fhuair e sporan òir a chaill an saighdear. Thog e'n fhaodail, agus dh'imir e gun aon neach g'a fhaicinn, aona chuid a' falbh no 'tighin. Thainig a rìs seann duine a dh'ionnsuidh an tobair; agus an déigh dha 'iotadh a chasg, shuidh e 'leigeil a sgios. 'Nuair a dh'ionndraich an saighdear a sporau, phill e air a thòir; agus fhuair e'n seann duine 'na shuidhe aig taobh an tobair. Air ball leag e amharus, agus dh'iarr e air an sporan a fhuair e a ghrad thoirt air lom; ach air do'n t-seann duine dol as àicheadh nach fhac' esan a dhùbh no dbath, marbh se e air bheag seamsain. Dh'fhàs Maois air uile bhall-chrith le eagal agus iongnadh; agus bu mhiann leis reusanachadh, 'nuair mar so a chronaich an guthi naomh e:—"Na gabh iongantas, a Mhaois, agus na bi fo bhuaireas; ni mò a dh'fheòraicheas tu do dh'àrd-bhreitheainh na talmhuinn c'arson a cheadaicheadh an gniomh oilteil a rinneadh, agus air an robh thu fianuiseach. B'e'n leanabh-gille, gun teagamh, bu chion-fà an seaun duine chall a bheatha; ach thoir fa'near gu'n do mhort an seann duine ceudna athair an leinibh roimh."—Bha freumh na cùis folaithe air Maois, ach lom, nochdta do'n t-sùil air nach aom codal no suain. Ann an riaghlaidh an t-saoghail, amhul 's mar ann am frìthealadh nan gràs, tha Dia mar so air uairibh a' dealachadh o'n dòigh ghnàthaichte, a dh'fhoillseachadh glòir a cheartais, ann a bhi 'cur an gniomh breitheasan folluiseach air luchd deanamh an uilc, air seòl a blirosnaicheas aire agus iongnadh. 'S dearc dhòmhsa innseadh an cumhachd leis an d'thainig ceud leughadh na beul-aithris roimh-sgrìobhite dhachaidh dh'ionnsuidh m'inntinn; cha'n e gu'm bheil mi 'toirt géill mar làn fhìrinn do'n uirsgeul e fein, ach a chiou gu'n do dhearbh e orm, mar tha làmh neo-fhaicinnach an Tighearna ag oibreachadh ann an gnothuichean diomhair an t-saoghail, air mhodh nach urrainn sinne idir a bhreithneachadh no 'thuigsinn. Ma riaraicheas e ur leughadairean-sa mar a riaraich e mise, tha mi deònach a thairgseadh, ann an dòchas gu faigh e àite sa' Chuar tear.

Ag guidhe soirbheachaidh math leibh, 's mi, le mór irioslachd, ur seirbhiseach fior ùmhail,

J. K.

AM BAIGEIR DEAS-CHAINNTEACH.

Mar a bha mi aon uair (arsa *Mr Ritchie*) air mo thurus roimh bhaile mór àraidh, thug mi sgriob, mar is gnàth leò-san a bhios air tòir iongnaidh, a dh'fheuch ciod a chìthinn. Mhothuich mi do dh'aon duine bochd, coltas fior dhiol-deirce, 'na shuidhe 's a dhruim ri balla, a' feitheamh sineadh na làimhe. Bha 'eudan eugnaidh glas-neulach, agus cha robh do dh'eudach slàn uime na dh'fholaincheadh a nàire. Cha d'thubhairt e smid, agus ghabh nise seachad; ach air dhomh dol beagan air m'aghaidh, thaisich mo chridhe, agus phill mi air m'ais, oir b'iongnadh leam nach do labhair e. "Ma tha thu aimbeartach," arsa mise, leth-chrosda, "c'arson nach 'eil thu 'baigeireachd?" "Nach 'eil mi ris a sin?" fhreagair e. "Cha d'iarr thu dad ormsa, matà." "Nach d'iarr l 'N ann ri fala-dhà no fechaid orm a tha sibh? Seall an sin," 's e truisealachadh nan ragan a bha làthair do chòta bha uair-eiginn fasanta; "nach fhaic thu mo chraicionn ag eubhach troimh na tuill a th'air mo thriùblisair? agus mo chnaimhean ag eubhach roimh m' chraicionn? Seall air mo ghruaidh sheachdta, agus aogas na gorta 'am ghnùis l Nach ann a' baigeireachd da rìribh tha mi le mile teanga?"

Ead. le

IAIN DILEAS.

Gleann-Nibheis, 1841.

COMHAIRLEAN AITHGEARR.

IS AIRIDH EISDEACHD AGUS AN LEANTUINN.

'Se an nì a's fèarr do dhuine san t-saoghal so, dearbh chinntreas a bhi aige air saoghal a's fèarr.

'S iad na trì nithe a's mò tha a dhith air mac an duine sa' bheatha so, a thaobh na column, lòn, aodach, agus tàmh.

Nam b' àill leat tlachd a ghabhail ann ad lòn, agus blas taitneach a bhi air do ghnàth, gabh mo chomhairle agus saothairich air a shon.

Nam b' àill leat tlachd a bhi agad ann ad aodach, pàigh e mun cuir thu ort e.

Nam b' àill leat cadal agus tàmh agus suain shocrach fhaotaun, thoir deagh choguis ghlan leat do d' leabaidh.

Dean na nithe so uile, agus bidh tu gu math dheth san t-saoghal so, agus a thaoblh an t-saoghal ta ri teachd—Ma 's miann leat a bhi sona ann gu siorruidh, lean ESAN a thubhairt, 'S mise an t-slighe. Earb 'na iobairt—lean 'eisimpleir—gluais 'na chéumannabh; agus mar so bha thu sona tèaruinte air son aimsir agus air son siorruidh-eachd.

LEABHRAICHEAN ÙRA GÀILIG.

CEANN-IÙIL AN FIR-IMRICH DO DH'AMERICA MU THUATH; or,
The Emigrant's Guide to North America. By Robert Mac-
dougall, Esq. Glasgow: J. & P. Campbell, 24, Glassford Street.
1841.

DHOIBHSAN a tha 'g ràdh gu bheil càinain nam beann a' fàilneachadh agus a' dol aog, tha anns an leabhar so cnaimh ùr aca gu

chagnadhl. A' dol aog ! Cianar a their neach 'na inntinn shuidh-ichte gu bheil a' chànan sin a' dol aog, nach robh bho cheann bheagan bhliadlinachan 'ga labhairt ach ann an Gàeltachd na h-Alba, ann an Éirinn, agus anns an Eilean Mhanainneach ; ach a tha 'n diugh 'ga labhairt leis na ciochrain an America, agus 'ga searmon-achadh an *New Zealand* agus an *Australia Felix* ?

“ Mhair i fós, 's cha teid a glòir air chall,
A dh'aindeoin gò 'us mìrun mór nan Gall.”

Chaidh an leabhar a tha air ar bòrd a nis, agus a leugh sinn gu cùramach, a chur a mach le dnin'-uasal Gàelach, a bha e fein iomadh bliadhna aon an America, airson fiosrachadh a thoirt do na Gàel mn'n dùthaiich sin ; agus theirimid, a dh'aon fhocal, nach 'eil Gàel aig a' bheil smaoin air a' chuan mhór a threabhadh, luath no mall, nach bu chòir dha aon diubh 'bhi aige 'na phòca. Tha staid gach cearn de'n t-Saoghal Ùr—a' ghoireasan agus a' mhì-ghoiresan—air an cnr fa chomhair an leughadair gu mion, pongail, tuigseach, le fear a chunnaic agus a dh'fhaireadh iad uile ; agus sin ann an cainnt liobha, bhrioghar, thoirteil. Tha'n “ Ceann-Iùil ” so, cha'n ann mar chomharra-rathaid, a nochdas dhuit an t-slighe chum a' bhaile so 's a' bhaile ud eile, gun diog a ràdh mu'n tiunchioll ; no mar chlach-mhile, a dh'innseas dhuit cho fada 'sa tha thu bho ceann t'nighe, gun uiread agus seòladh-corraig a dheananamh air an rathad a's giorra agus a's fèarr. 'Sann a tha 'm fear-iùil so a' dol leat e fein gach ceum de'n rathad ; agus cha'n e sin, ach, air dhuit ruigheachd, tha e 'nochdadhl dhuit ciod is còir dhuit a dheanamh chum 's gu'n soirbhlach thu anns an dùthaiich ùr. Ma's e mar leagas tu 'chraobh—mar a ni thu 'n siùcar—mar thogas tu taighean —mu chrodh 'us caoraich—eich 'us mucan—tha e an so air a chur sios gu mionaideach.

‘Se Canada Uachdarach, a réir a' choltais, a mholadh an “ Ceann-Iùil ” do Inchd-teaghlach, ach na Staidean do dhaoine òg fuasgailte, fuasgailteach ; ach chomhairlichemid do na Gàidheil a cheannach, 's leigidh sinn leis fein labhairt.

‘Se 's mò tha cur do eagal oirnn, na tha'n “ Ceann-Iùil ” ag ràdh mu fhuachd na dùcha. Ma chuirear gach nì 's na meighean, theagamh nach 'eil bealach ann cho taitneach ri *New Zealand* agus *Australia*. Labhraidi sinn tuille mu'n leabhar thapaidl so an aithighearr. Cha'u eil teagamh againn nach bi miagh air am measg nau Gàel.

ADHAMH AGUS EUBHA ; NO, CRAOBH-SHEANACHAIS NA GÀILIG.

An dara cur-a-mach.

THA'N dara mile de'n leabhar ainmeil so air a chlo-bhruthad hairson Gàeil America. Tha barail againn nach mór de Ghàeil na h-Alba aig nach 'eil *copy* dliethi cheana. Bheir sinn sgeòd as, a theagamh, air an ath mhìos, mar tha “ Cuairtear nan Coilltean ” an America 'deanamh. Tha e nis r'a reic air tastan—fiach leth-blodaich !

NAIGHEACHDAN COITCHIONN.

Tha 'Phàrlamaid a rithist air cruinneachadh, agus chaidh òraid na Ban-righ a labhairt; agus mum bi an àireamh so as a' chlò, cha'n eil teagamh nach bi luchd-riaghlaidh ùr air gnothnichean na riogachd. Bi ar barail o chionn fhada, 's cha do cheil sinn i, gum b'èiginn do'n chùis tighin gu so.

Anns an ath àireamh bheir sin oidheirp air cùnnatas a thoirt air na thachras, agus gach gnothuch a dh'éireas o'n mliughadh mhór so a mhineachadh mar a's fèarr is urrainn sinn.

CHINA.

'S duilich leinn a ràdh nach 'eil an iorglmill eadar Breatunn agus an dùthaich sin fhathast air a socruchadh, agus is mór ar n-eagal gu'n teid tuille fala 'dhòrtadh mun gabh so deanamh. Is cogadh fior mhi-fhortanach e; ach 's ann bu chòir dhoibh, fada roimhe so, a bhi air cur crìch air. Tha air an àm so luach chòig muillion punnd-Sasunnach do bhathar a bluinneas do Bhreatunn anns an riogachd sin; agus tha móran cunnairt, mur faighear a mach dòigh shiocail air a' chùis a réiteachadh, gu'n caillear a' chuid a's mò dhieith sin.

AMERICA.

Tha na gnothuichean eadar Breatunn agus Staidean America fada bho bhi taitneach. Tha denchainn MhicLeòid ri tachairt ann am baile *Utica*, air an 19 là do'n mhìos so. 'Si ar barail gu'n teid a chur saor; ach mur teid, cha'n urrainnear cogadh a sheachnad.

Ach ged a bhitheadh an gnothinch so mn MhicLeòid air a shocrnchadh, tha gnothuichean eile r'an cur ceart, a dh'fhaodas móran iorghuill a chumail snas. Cha'n eil na criochan eadar Canada agus cuid do na Staidean air an comharrachadh a mach co mion 's bu chòir dhoibh. Bi'dh feum aig *Sir Robert Peel* agus a chàirdean air gach gliocas agus seòltachd a th'aca mun socr nich iad na guothuichean sin gun chogadh; ach tha móran earbsa againn ann an gliocas agus teómachd an duine aiumeil so.

AM FOGHARADH.

Bi'dh am fogharadhl, gun teagamh, anmoch. Tha anabharr uisg' air tuiteam—tuiltean móra. Tha'm buntàta air fàilneachadh ann an iomadh àite, agus tha droch choltas air a' chruineachd an Eirinn; ach ma blios an aimsir fàbharrach, tha deagh bhàrr air an talamh am bitheantas, agus faodaidh gach gnothuch a bhi ni's fèarr na tha iad a' sealltainn air an àm so; ach tha prìsean teachid-an-tìr ag éirdhl gu mór.

COSNADH AGUS MALAIRT.

Cha robh na gnothuichean so riabh na bu mhiosa ann an Glaschu—móran mharsantan a' bristeadh—na miltean a' dol mu'n cnairt, nach urrainn obair fhaotainn—móran do na figheadairean, agus an teaghlaichean, an impis dol bàs leis an acras. A dh'aon fhacal,

tha gnothuichead a' bhaile mhóir so ann an staid fior dhona; ach chì siùn ciod a' mhisneach a bheir a' Phàrlamaid ùr dhuinn.

MARGADH NAN UAN AIG FORTINGALL.

Bha'n fhaidhir so air an 20th là do'n mhìos so chaidh. Bha mòran uan ann; agus b'i barail nan dròbhairean gu'n robh na prìsean ni b'fhèarr na bha iad an uraiddh. Bha seotachan am bitheantas eadar 4s. agus 5s. 6d.; topaichean, eadar 6s. 6d. agus 7s. 9d.

MUIR OF ORD.

Bha'n fhaidhir so air an 25 agus 26 làithean do'n mhìos cheudna. Air an dara là, bha mòran spréidhie ann; ach cha robh na ceannichean Sasunnach idir cho lionmhòr's bu mhaithi leis na dròbhairean Gàidhealach, agus bha prìsean beagan na b'isle na bha iad air a' mhargadh mu dheireadh san àite sin. Bu mhisd' iad, cuid-eachd, gu'n robh faidhrichean san Eilean Sgitheanach air a' cheart àm sin.

TRATHAN NA GEALAICHE.

MÍOS-MEADHOIN AN FHOGHARAIDH, 1841.

Solus làn air a' 1 là.

Ceithreamh na h-earra-dhuibh air an 8th là.

Solus ùr air an 15th là.

A' cheud cheithreamh air an 22 là.

Solus làn air an 30 là.

GLASGOW:

PUBLISHED BY THE PROPRIETORS,

J. & P. CAMPBELL, BOOKSELLERS AND STATIONERS,
24, GLASSFORD STREET.

Edinburgh : M'Laeilan, Stewart, & Co.; Aberdeen : George King; Dingwall : A. Keith; Dornoch : Wm. Munro; Thurso : Mrs Russell; Inverness : J. Bain, & Co.; Dundee : Wm. Middleton; Oban : J. Miller; Paisley : A. Gardner; Greenock : A. M'Iver; Grantown : A. Cumming; Abernethy : D. Gordon; Dunkeld : D. McDonald; Portree : A. McDonald; Balachulish : J. M'Innis; Loegilphead : N. Gillies; Fortwilliam : Laelian Cameron, writer; Laggan : J. M'Pherson; Port Ellen, Islay : D. Hunter; Portnaliaven : Norman M'Lean; Kilehoman : Angus M'Leod; Strontain : D. Cameron; Tiroran, Mull : John M'Donald; Cawdor, Bairnsdale : J. Robertson; Ballendalloch : James Grant; Pitlochry : D. Robertson, Fortingall : D. Campbell; Weem : J. Menzies; Alness : D. M'Diarmid; Doune : D. M'Diarmid; Laggan : J. M'Pherson; Barra : A. M'Donald, Esq.; Ormsary : G. Ross; Tayinloan : A. Sutherland; Glenearraddale : J. M'Dougall; South Uist : A. Chisholm; Tullymet : C. Morris; Callander : P. M'Kinlay; Balquhidder : J. Carlton; Dunvegan : D. McDonald; Carbost : A. Cameron; Glendaruel : D. M'Lean; Fort-Augustus : J. Forbes; Stratherrick : J. Frazer; Kilmoraek : J. Rose; Easdale : D. M'Intyre; Nova Scotia : Rev. R. Williamson, Pieton; General Agent for North America, John M'Neil, Esq. Charlottetown, Prince Edward's Island.



AN LA A CHI'S NACH FHAIC.

CUAIRTEAR NAN GLEANN.

MÍOS-DEIRIDH AN FHOGHARAIDH.

AN 20th AIREAMH.] OCTOBER 1, 1841. [PRÍS 6 SGILLEAN.

CONTENTS :—Elijah, page 210.—The Profligate's Dream, 212.—Sir Lachlan M'Lean of Duart, 219.—Flora M'Donald and Prince Charles, 224.—Sea-Sickness (Cure for), 228.—The Highland Drover and the Robber, 229.—The Fool and his Watch, 230.—Hymn on Prayer, 231.—The First Lord Breadalbane, 231.—John O'Great's House, 232.—Diamonds (their value, &c.), 233.—News, 234.—Violation of Rob Roy's Grave, 234.—Loss of the Ship India, 235.—Ossianic Meeting, 237.—Railway Accident, 238.

ELIAH, AN DUINE LE DIA.

EARRANN II.

Dh'fhág sinn an duine math so am measg gharbh-chriochan Beinn Horeib, a' cur seachad na h-oidhche ann an uaimh dhorchá, far na leig se e fein 'na shíneadh, ag iarraidh dion o dhrùchd agus o shileadh nan spéur; agus theagamh gum b'i so an oidhche bu mhuladaiche chuir e riabh seachad. 'S cinnteach sinn gur h-iomad aobhar-cùraim, agus eagail, agus dòchais, a bha ré na h-oidhche so a' falbh 's a' tighin ann an anam Elijah; ach, 'nuair bha e'n impis tuiteam gu dìbheil misních agus eudòchais, thainig guth d'a ionnsuidh, ag radh, "Ciod è do ghnothuch an so, Elijah?"

Thuig Elijah có è a labhair. B'e guth an Tighearna Dé bha ann; agus dhùisg e iomadh smuain chudthromach ann an eridhe an Fhàidhe. Chuir a' cheist e gu fein-cheasnachadh, agus mar so fhreagair e :—"Bha mi ro-eudmhor airson an Tighearna, Dia nan slògh; oir thréig Clann Israel do choimhcheangal, thilg iad sìos t'altairean, agus mbarbh iad t'fhaidhean leis a' chlaideamh, agus dh'fhàgadh mise amhàin; agus tha iad ag iarraidh m' anma, chum a thoirt air falbh."—1 Rìgh, xix. 10.

An sin thubhairt Dia ris, " Falbh a mach, agus seas air an t-sliabh an làthair an Tighearna." Ma tha thusa tha 'ga leughamh so ann an dorchadas, ann an amharus, ann an teinn, thig a mach as an naimh anns a' bheil t'anam, agus iarr Dia. Seas 'na làthair-san a bha anns gach dòigh air a bhuaireadh mar tha thusa, gidheadh as engmhais peacaidh ; agus chì thu gn bheil e comasach air cuid-eachadh leat ann an àm na deuchainn. Giùlain leat, agus cairich m'a choinneamh na h-nile nithe tha 'cnr campar no duilgheadais ort. Fosguil do chridhe dha. Tilg t'uallach air, agus cumaidh e suas thu—bi'dh misneach agus neart air an deònachadh dhuit, agus gheibh thu buaidh an aghaidh an t-saoghal, an Diabhoil, agus na feòla. A' bheil thu fo bhròn ?—ann am bochduinn, trioblaid, enslainte ? 'Bheil tonnan an t-saoghal so a' bnaladh agus a' bristeadh thairis ort ? An àite bhi 'g amharc air an stoirm, mar rinn Peadar, amhaire air-san is urrainn an stoirm a cheannsachadh le facall. An àite bhi 'g amharc air uaigh agus fòid do charaid a chaochail, mar rinn Martha, amhaire air-san a tha 'g ràdh, "'S mise 'n aiseirigh agus a' bheatha.'" Falbh a mach, thoir a' bheinn ort, sgaoil sgiathan an dòchais, cairich thu féin fa chomhair an Tighearna le cridhe tréibhdhireach neo-chealgach, agus thig faochadh, agus fois, agus sìth.

Cha luaithe chuala Eliah guth Dhé ag radh ris, *Imich, agus coinnich do Dhia air a' Bheinn*, na thog e air gus an uamh fhàgail ; ach air ball thachair nithe thug sanas da gu'n robh Dia a' dlùthachadh air. " Feuch ! ghabh an Tighearna seachad, agus réub gaoth mhór làidir na beanntan, agus bhrist i na creagan 'nam bloighdibh." Roimhe so, bha sàmhachair mhór am measg nan garbh-chrioch farsuing ; ach ann am prioba na sùl, tha doinionn agus ionaghaothi eagalach air teachd, a tha 'réubadh nam beanntan, agus a' bristealbh nan creagan 'nam bloighdibh. Tha na creagan móra a' spealgadh as a chéile, le farum co àrd ri tàirneanach nan spénr. Tha na neula dorcha air an sgiùrsadh feadh an athair le luathas agus boile namhasach. Tha'm fàsach gainmleice mar a' mhuihir bhuaирte. Tha Sinai air chrith, mar gum biodh an lagh a ritheist gu bli air a thoirt seachad o 'bhràighe ! Tha uamhas air anam an Fhàidh. 'Se ceumannan an Tighearna th'ann, mar thubhairt an Salmadair :—

Do lùb e fòs na nèamha suidh,
 'S a nuas do thurling e
 Fior dhorchadas a's dubh-aigein,
 Bha sin fo chasaibh Dhé.

 Air cheruib mharcaich e gu h-ard
 Air iteig fòs do chaideh ;
 A's bha e luath ag itealaich
 Air bharraibh sgiath na gaoith.

Chaith a' ghaoth làidir a mach ; ach tha sinn a' leughadh nach robh an Tighearn anns a' ghaoith. An déigh na gaoithe, bha erith-thalmhuinn. Tha stéigh nam beannta mòr a' gluasad—tha garbh-chriochan Horeib uile a' criothnachadh 's a' luasgadh—tha

enuic a's creagan a' tuiteam 's a' dol fodha as an t-sealladh—tha glinn ag at 's ag éiridh—tha sluic uamhasach a' fosgladh! Ach ged thachair so uile, cha robh an Tighearn auns a' chrith-thalmhuinn. Agus, an déigh na crith-thalmhuinn, bha teine. Feuch! lasraichean dearga, sgaiteach, a' boillsgeadh air gach làinlh. Tha Eliah air a lionadh le iongatas agus le uamhas; ach fhathast cha robh an Tighearn auns an teine. Dh'fhalbh a' ghaoth làidir, 's a' chrith-thalmhuinn, agus an teine, agus feuch sàmhchair mhór! —nèamh agus talamh, spéur agus fonn, heinn agus gleann, ann an sìth-thàimh, ann au sàmhchair chiùin, fa chomhair Dhé. Tha na beanntan mar gum biodh iad a' deanamh aoraidh dhiàsan a ebruthaich iad. Tha sìth agus fois air gach taobh; "agus an déigh an teine, chualas guth ciùin, caol;" agus 'nuair a chnala Eliah e, chòmhduich e 'aghaidh le 'fhalluinn, agus claidh e mach agus sheas e am beul na h-uamha. Ghabh e nis misneach, agus dhùisg dòchas 'na anain. Rinn e gàirdeachas a nis, ann an sinuainteachadh gn'n robh Dia dlùth. O! cha'n e fuaimennan eagalach agus tairneanach uamhasach Shinài a ruigeas an cridhe, agus a dh'aomas an t-anam clum misneach a ghabhail gu Dia a choinneachadh, ach gràs agus ciùinead. 'Se so amhàin is urrainn an cridhe 'thàladh, agus an t-anam iompachadh. 'Se trècraig amhàin aig a' bheil cumhachd thairis air anam an duine. Cia tric tha Dia 'ga thaisbeuadh féin d'a phobull, dìreach mar rinn e do Eliah air Horeb! Na dh'friosraich thusa so, a tha 'leughadh na h-eachdraidh? An d'fhairich thusa a' ghaoth làidir a tha 'crathadh agus a' leagail nam beanntan? An d'fhairich thusa riabh a' chrith-thalmhuinn a tha 'criothnachadh, 's a' leagail, 's a' milleadh gach smuainte tha 'gan ardachadh féin an taobh a stigh dhiot? An d'friosraich thu a' bheag no mhór do'n teine sin tha Dia a' fadadh air uairibh san anam roimh theachd latha glòrmlhor na sìth? 'Bheil do chridhe creagach cloiche fhathast slàn, gun a bhi air a spealgadh, gun a bhi air a blristeadh? An d'thugadh air falbh an stéigh mheallta bhréugach, air an robh thu a' togail do dhòchais? Tha thu, faodaidh e bith, air bharail, o nach eual' thusa ach guth ciùin, siocail, sàmhach, gu bheil thu ann an staid gràis; ach am bheil cuimhne agad gur minic a ta athair nam bréug a' tighin a dh'ionnsuidh dhaoine mar aingeal soluis, agus a' cagairt nithe ciùin, siocail, ann an clasaibh dhaoine? 'S tric leis an nathair lùb-aich teachd mar so troimh chluanaibh uaine agus bhilàithean böidheach, a mhilleadh dhaoine. 'S ainuamh le Iosa teachd le 'ghlinth iosal, ciùin, sàmhach, gun aimhreit, agus àmhghiar, agus ionaguin, agus eagal, a bhi roinhe sin air a dhùsgadh san anam. Tha an cruitheachd ùr gu tric air a thogail air làraiehibh briste an t-seann nàduir thruaillidh choirbte. Cha'n eil àit air bith air a' bheil gràs a' togail, nach 'eil e air leagail roimh làimh, agus a' réiteachadh lárach ùr agus stéigh ùr dha féin. Tha sàr-mhilleadh mum bheil an ùr-thogail.

Feuch! am feedh a bha Eliah 'na sheasamh aig beul na h-uamha, chuireadh a' cheist air an dara li-uair, "Ciod è do ghnothuch an

so, Eliah?" Thug e an fhreagairt cheudna 'thug e roimhe sin. Dh'iaradh air imeachd agus pilleadh air a shlighe chum fasach Dhamasenis, agus dli'innis Dia dha ciod a bha e r'a dheanamh; agus anns na dli'earbadh ris le Dia, fhuair e làn-fhreagairt air gach gearan a rinn e; agus chuir Dia an céill da an sgrios a thigeadh air Samaria, airson an cùl-shleamhnachaidh agus an dì-chnimhn air Dia.

Ghearin Eliah gu'n robh ainm Dhé air a dhì-chuimhneachadh —gu'n robh iad nile air claoadh air falbh—nach d'fhàgadh achi e féin amhàin—agns gu'n robh cuid ag iarraidh 'anaima-san, chum a chur gn bàs. B'i so barail Eliah; achi bu léur do'n Dia tha againn fathast ann an Israel seachd mìle nach do lùb flathast an glùn do Bhaal. Tha aig Dia anns gach linn a inbhirntir thaghta agns fholuicht. Cha léur do'n t-saoghal iad, achi's léur leis féin iad. Cha léur dhuinne achi meall mór do'n mholl, achi's léur leisan gach gràinne cruiteachd a th'ann. Ged is liomhior naimhdean Dhé san t-saoghal, tha càirdean agus clann aig Dia air nach 'eil an saoghal eòlach. Anu an so, tha'n t-òr, 's an smùr, 's a' ghainmh, air am m.easgadh feadh a chéile; achi thig an t-àm anns am bi an dealachadh; agus, shuas ann an nèamh, chithear cuid o gach rioghachd, agus dùthaich, agus tir; agus do gach cànan, sluagh mór nach urrainnear a chunntas a' seasamh am fianuis Dhé.

Cia dealrach glòir a' mhaith-sliuaigh ud !

An trusgain ùr, cia geal !

Cionnas a thainig iad gn soills' ?

Có dh'ionnlaid dhiùbh gach sal ?

Feuch ! sud an drèam a ràinig nèamh

Troimh fhuchainn ghairbh 'us chruaidh,

'S a nigh an trusgain ann am fuli—

Fuili ocschlainteach an Uain.

BRUADAR AN DUINE AINGIDH.

Cha'n eil sinn air an àm a' dol a labhairt mu dhéibhinn aislingean —cia dhiù thà no nach 'eil earbsa air bith r'a chàramh annta. Gun teagamh, tha 'chuid a's mò do na nithe sin air a' bheil daoine 'bruadar 'na bhaothaireachd gun tuigse, gun chiall, gun toinisp; achi tha cuid do nitibhl air a' bheil daoine 'bruadar nach urrainnear guu aire agus beachd a ghabhail diùbh, a dheòin no dh'aindeoin; agus is truagh leinn esan is urrainn an aisling a leanas éisdeachd gun i 'dhlùghadh air a chridhe, agus gun iomada smuain thròm shòleinite 'bhi air an dùsgadh 'na anam.

A dh'aona chuid, tha i fìor—chunnacas an aisling. 'S fliad o'n a chuala siuin i. Chleachd sinn na h-uile dìchioll chum a faotainn dìreach mar a dh'innseadh i leis an duine thruagh a chunnac i, agus gidheadh nach do ghabh suim do'n rabhadh eagalach a fhuair e. Bha 'm Bruadar so air 'innseadh leis mìos no dhà an déagh dha tachairt. Sgriobhadh ann an leabhar e; agus tha iomad fianuis r'am faotainn a dhearbadh an dòigh anns na bhàsaich esan a chunnac e.

O chionn ceithir fichead bliadhna 's a deich, eadar sin agus ceud bliadhna, bha buidhionn ann am baile-mór Ghlaschu do dhaoine beairteach, fo ainm uaislean, a b'abbhaist coiuneachadh san aumoch ann an tigh àraidi, a chluich air chairtean, a ghabhail òrain dhraosda shalach, agus a labhairt gach seòrsa do chaoint bu mhiosa na chéile; agus b'e an t-ainm oillteil a ghabh a' bhuidhionn so, "An Comunn Ifrinneach."

Rinn iad uaill san ainm eagalach so. Cha robh e'n comas neach air bith faotainn a stigh mar bhall do'n chomunn so, ach neach a bha comharrachte airson gach gnè do pheacadh, agus teòm ann an labhairt cainnt ifrinn.

Chòmhlaich an comunn so uair san t-seachduin; ach, a bharrachd air so, bha coinneamh mhór aca 'n ceann gach bliadhna, anns an d'fheuch iad gach aon bàrr a thoirt air gach aon eile ann am misg agus mi-stuamachd—draosdachd, toibheum, agus gach seòrsa aingidheachd!

Bha aon fhear sa' chuideachd so thug bàrr air càch. Cha robh 'nam measg gu léir a choimeas ann an uamhas cainnte, agus ann an gniombhra peacach. 'Na òige, bha e comharrachte airson sgoilearachd ard agus fiosrachaiddh—bha e eireachdail 'na phearsa—anabhar-rach snasmhor 'na chumadh—maiseach, àillidh ri amharc air; agus bhuineadh e do theaghlach a bha co measail 's a bha san àm sin an Glaschu uile. Bha an t-òganach so air a thugail agus air àrach le màthair amaidlich. Thug ise d'a leanaban a thoil féin—cha dùraichdeadh i a smachduchadh, no a ràdh ris gum b'olc. Mun robh e còig-bliadhna-fichead a dh'aois, cha robh san tir uile neach a thug bàrr air anns gach gnè mhìdhìadhachd, olcas giùlain, agus uamhas cainnte. Ciod e dhàsan nèamh, no ifrinn, no sìorruidheachd?—facaill, 'na bharail-san, gun seadh—aobhar-àbhachdais—culaidh-mhagaiddh agus feasras-chuideachd!

Tha cuid do na teaghlaichean a's measala air an àm, sa' bhaile mhór so, ann an càirdeas dlù do'n duine mu' bheil sinn a nis a' labhairt. Cha'n eil iad ag àicheadh aon fhacall do'n sgeul a leanas. Sgrìobhadh am bruadar sìos, tamull an déigh dha 'fhaicinn, le dithis a chual' e o 'bheul féin; agus tha'n leabhar anns na sgrìobhadh e fhathast air mhairionn; agus tha dearbhadh ni's leòir gu'n do bhàsaich e, mar tha e air innseadh san eachdraidh a leanas, air a' cheart oidhche, mar a bha e 'dol dachaiddh o chomunn an oillt.

Cha bhiodh e ceart, math dhi'fheudta, ainm an duine so innseadh. Ach 's coma ciod a b'ainm dha; innsidh sinn am bruadar, gun fhacall a chur ris no 'thoirt uaithe, dìreach mar fhuair sinn e:—

Air oidhche àraidi, an déigh do'n òganach thruagh so pilleadh o'n chomunn oillteil far na chuir e seachad am feasgar anns gach gnè mhi-stuamachd agus ruidhtearachd, chaidh e d'a leabaidh; agus air dhà tuiteam 'na chadal, bhruadair e gu'n robh e, mar bu ghnàth leis, a' marcachd air an each dhùibh, a roghaionn air gach steud air na shuidh e riabh—gun robh e tighin daehaidh dh'ionnsuidh a thighe féin, a bha air an àite sin, bràigh Ghlaschu, ris an canar air an àm so *Blythswood Hill*, air a chuartachadh le craobhan àrda; agus ar leis gu'n d'thainig

fear-eiginn nach d'ainnich e san dorchedas, agus gu'n do ghlac 'e'n stéud air shréin, agus, le guth làidir smachdail, gu'n d'thuirt e ris, "S éiginn duit falbh maille riumsa." "Agus có thusa?" arsa 'n t-òganach, 's e 'mionnachadh 's a' mallachadh mar a b'abbhaist da. "Leig as an t-srian," ars' esan, "air neo sgoiltidh mi do chlaigionn le cas na cuipe." "Air do shocair," arsa 'm fear eile; "cha teic dhuit a luathas a thuigeas tu có mì. Thig maille rium air ball," ars' esan, le guth a.chuir uamhas agus oillt air an òganach. Chuir an t-òganach an spuir an cliathach an eich, agus ghabh e a' chuip g'a sgùirsadh air aghart. Dh'éirich an t-each aintheasach air a chorriboda; an sin thug e stàdag eagalach air aghaidh, agus air falbh ghabh e 'na làn-luathas. 'S ann le fior éiginn a b'urrainn do'n mharcach an diollaid a ghleidheadh; ach ged a thàr an t-each as le luathas na gaoithe, gidheadh bha'u urra eagalach r'a chliathaich, a' ruith r'a thaobh, agus dh'fhairtlich air 'fhàgail 'na dhéigh! Bha uamhas air a' mharcache. Spàrr e na spuirean le 'dhià shàil an cliathaichean an eich, le mianu dol as, agus an urra so fhàgail 'na dhéigh; ach thug an steud aon leum-taoibh—dh'éirich e air a chasan deiridh. Chaill am marcaich an dlollaíd, agus bha dùil aige gu'm biodh e air a spadadh air an lär; ach lär no talamh cha d'ràinig e, ach bha e 'tuiteam, 's a' tuiteam, 's a' tuiteam a sìos, le luathas eagalach! Mu dheireadh stad e; agus có bha 'na sheasamh r'a thaobh ach am fear ceudna a ghlac sriau an eich, agus a thuirt ris, *Thig leamsa air ball!* Chriothnaich e le oillt. "C'ait a' bheil thu 'gam thabhairt?" arsa 'n t-òganach. "Có thù? Nach labhair thu? Cean tha thu 'gam thabhairt? C'ait a' bheil mi? C'ait an àill leat mo thabhairt?" "Do dh'ifrinn," arsa 'm fear eile, le guth an uamhais! O! 's iomad latha rinn e fochaid air an fhacall 's air an àite, ach a nis thàinig ball-chrith agus oillt air 'anam. "Air t'aghart!" arsa 'm fear-iùil eagalach—"air t'aghart do dh'ifrinn iochdrach!" Ann an ùine ghoirid, chunnaic e solus, agus an sin teine mór lasrach; ach mar a dhlùthach e air an t-solus bhoillsgeanta so, an àite osnaichean, agus sgriachail, 'us glaodhaich, cha robh, ar leis, r'a eisdeachd ach ceòl a's mire.

Ràinig iad dorus àrd a bha air pàilliun eireachdail, na bu dreach-mhoire gu mór na aon phàilliun a chunnacas le sùil chruthaichite riabh air aghaidh an t-saoghal so; agus 's ann taobh a stigh do'n aitreatbh ard so bha na seallaidhnean! Cha robh faoineis, no fala-dhà, no gnothuch tha 'dol air aghart air thalamh, nach robh, do réir coltais, a' dol air aghaidh san àite sin, le déine agus togradh bu dealasaiche na chunnaic e riabh san t-saoghal so. Ann an sin, bha an òigradh amaideach air mheadhon-oidhche—cuid a' dannsadb—cuid a' marcachd air steudaibh iasgaidh, air machraigibh farsuing—cuid ag òl, le glaodhaich, 'us misg, 'us ruidh tearachd, 'us mionnachadh, 'us mallachadh, agus gach gnè chainnt dhraosda agus uamhasaich—cuid a' saoibhreachadh airson òir agus airgid, le ciocras co neò-shàsuichte, neo-riaraichite, 's a bha iad riabh air an talamh. Chunnaic e cuid a' cluiche air chairtean, a' cur gheall mar a b'abbhaist doibh san t-saoghal so. Mhothuich e mu dheireadh gu'n robh e air a chuartachadh le cuid air an robh e eòlach air an talamh—feadhain a chuimhnich e

fhaicinn, agus a chaochail o chionn fhada ; ach a h-uile h-aon diubh gu dian a' leantuinn nan ceart àbhaistean agus chleachdaidhnean d'an robh iad 'nan tràillean air an talamh so—a' leantuinn nan ceart dòigh-ean leis na mhurt iad an aimsir phriseil a thug Dia dhoibh san t-saoghal-sa gu deasachadh agus uidheamachadh trà a dheanamh airson siorruidheatichd !

Dh'f'hang am fear-iùil e a threòruich e do'n àite. Chunnaic e bean-uasal uaibhreach air an robh e tuille 's eòlach san t-saoghal so, agus chuimhnich e gu riochdail pongail gun do bhàsaich i o chionn iomad bliadhna. Chaidh e far an robh i, agus chuir e fòilt oirre. “ ‘Saoil thu,” ars’ esan, “ nach d’innis fear a thug mise do’n àite so an nochd gum b’e so ifrinn ? Ma’s e so ifrinn,” ars’ esan, “ cha’n iarrainn a bhi ann an àite bu taitniche. Eirich,” ars’ esan, “ ‘s thig maille rium air feadhli nan cearnabh farsuing tha ’sgaoileadh a mach mu’r coinneambh. Dean stad, guidheam ort,” ars’ esan ; “ fois ghoirid o chluiche nan cairtean, agus thig maille rium.” “ Fois !” deir ise, le sgrìach a ràinig doimhneachd ’anma—“ fois ! cha’n eil fois an ifrinn !” agus a nuas o mhile agus mile slochd agus uamh thàinig guthan oillteil, mar ghuthan deich mile tairneanach, ag éigheach leis an fhuaim a b'uamhasaiche le chéile, “ Cha’n eil fois, no stad, no tàmh, au ifrinn ! ” “ Amhaire ! ” ars’ ise ; “ beachdaich ! ” Le so dh’fhosguil i a broilleach—tharruing i gu taobh an éideadh riombach shioda bha oirre, agus leig i ris dha cuartagan lasarach teinntidh do nathraichean beò a bha ’n taobl a stigh d’a broilleach, mar aona mheall do theine dearg-theth, goileach. “ Faic,” ars’ ise, “ a’ chnuimh nach bàsaich, agus an teine a chaoiadh nach mùchar ! ” Bha r’am faicinn san uchd sin na nathraichean lùbach, loisgeach, nimheil, a’ gluasad, ‘s a’ lot, ‘s ag itheadh, ‘s a’ cnàmh a cridhe, gun tàmh gun stad, a dli’oidhche no latha. Chrioth-naich e le h-oillt—thionndaidh e air falbh. Bha sluagh anabhairrach a nis ’na bheachd ; agus air dhoibh samhladh aodaich a bha air an uchd a tharruing gu taobh, chunnaic e gu’n robh gach aon diubh mar a bha ise—an uchd mar aona chaoir dearg-theithi do theine lasarach. Bha na míltean agus na míltean ann, agus a pheanas féin ’ga fhlolang aig gach aon fa leth. Bha cridheachan euid diubh rùiste mu choinneamh a shùl ; agus bu léur dha mar gum biodh braonadh do stuth leaghta caoir-theinnseach a’ tuiteam orra, mar dhealt do luaidh leaghte, leis an robh an cridheachan air an cnàmh ; agus gidheadh, cha chinàmar, ‘s cha loisgear, ‘s cha searg iad as gu dilinn no gu bràth ! Leis an dòruinn do-lahairt a bha iad so a’ fulang, bha iad a’ cur char dhiubh air an ùrlar, le uspagan uamhasach, le teinn chràdh agus spàirn, a bha air a thaisbeanadh le gul agus giòsgan fhiacal. Anns gach uchd chunnaic e nithe nach ’eil e comasach do chainnt a chur an céill—nithe nach ’eil intinn chruthaichite is urrainn eadhon an smuainteachadh ; agus so uile toradh abuich an droch shil a chuireadh air an talamh—na h-ana-miannan aindiadhaidh ifrinneach d'an d'thug iad caidreamh fhad ‘s a bha iad air chéilidh san t-saoghal so bhos. Bha gàiricich a’s sùigradh oillteil ann ’nuair bha iad air talamh ; bha òrain dhraosda, shalach, thoibhleumach ann, ’nuair bha iad air thalamh ; bha mallachadh agus mionnachadh mór ann ’nuair bha iad air thalamh. Chuireadh

sìol nan nithe sin a bhos an so, agus a nis bha am pòr uamhasach abuich ann an ifrinn.

"Sin agad," arsa guth neo-thalmhuidh, a labhair mar le fuaim tairneanaich—"sin agad sòlais agus aoibhneis ifrinn." Theich e air falbh; ach mar a theich, choinnich buidhionn agus buidhionn ùr e. Chunnaic e cuid a chuimhnich e a dh'fhàg an saoghal so bho chionn mile bliadhna—chunnaic e iad a' cur seachad an aimsir mar a b'abhaist doibh ain feadh a bha iad beò—a' saothreachadh ann an seirbhis an uilc—a' cur air aghaidh peacadh sìorruidh, an roghainn féin air talamh, agus a nis am binn ann an ifrinn!

Chunnaic e còmpanach air an robh e fìor eòlach san t-saoghal so, a' marcachd air stéud na bu luaithe na gaoth nan spéur, a' siubhal seachad air, a' leantuinn na seilg 's na faoghaid nach tig a chaoidh gu crich. "Stad, stad!" ars' esan; "oh! nach dean thu tàmh car prioba na sùl, 's nach labhair thu rium? Dean fois aona mhionaid." 'S ganu a bha 'm facall a mach air a bheul, 'nuair a chual' e a rithist na briathran eagalach, agus an aon sgriach uamhais air a freagairt mar le deich uairean deich mìle guth, 's gach guth mar fhuaim an tairneanaich, "Fois! cha'n eil fois no tàmh an ifrinn!"

Dh'fheuch e a shùilean a dhùnadh; ach cha robh so 'na chomas. Thilg se e féin air an làr, air leaca teinnteach ifrinn; ach thilg na leacan dhiùbh e: agus air a chasan, a dheòin no dh'aindeoin, b'éiginn da seasainh; agus cha robh comas aige car aona mhionaid a shùil a thionndadh air falbh o'n tuil shiùbhlaich, théinn Dich, do pheasanan sìorruidh ifrinn, a bha r'am faicinn san ionad eagalach. Agus b'i so ifrinn—culaidh-fhochaid an amadain—culaidh-ghàire a' pheacaich mhì-dhiadhaidh!

Thug e fa'near gu'n robh am fear-iùil neo-shaoghalta a threòruich e do'n àite nis r'a thaobh. "Och, thoir as a so mi!" arsa 'n t-òganach truagh; "leig as a so mi!—as uchd an Dia mhóir sin air an d'rinn mi toibheum, agus fochaid, agus tàir, agus dìmeas co tric—as uchd an Dia bheò, leig a mach mi as an ionad uamhasach so!"

"Am bheil e a'd chomas an t-ainm sin a ghabhail fhathast ann ad bheul?" arsa 'n droch-spiorad a bha maille ris, le fochaid agus sgeig tharcnisich an diabhoil. "Éisd rium," ars' esan. "Falbh, imich air an àm; ach, latha 's bliadhna o'n oidhche nochd, coinuichidh, agus cha dealaich sinn gu dìlinn."

Dhùisg an t-òganach, agus dh'fhaireach e mar gum biodh na briathran deireannach a labhair spiorad an uamhais ris, air an deargadh le teine beò air a chridhe agus air 'eanchainu!

Cha b'urrainn da a leaba fhàgail fad latha no dhà, agus cha mhò a leig e le 'sheirhhiseach aon neach a legeil a stigli air dorus a sheòmair. Laidh e latha as déigh latha. Cadal cha b'urrainn da fhaotainn. Bha uamhas agus oilt air 'anam. Bha an sealladh a chunnaic e mu choinneamh a shùl do ghmàth, agus na briathran a chual' e ri fuaim eagalach 'na chluais a dh'oidhche 's a là.

'Se nì thainig as a so air an àm, gu'n do chuir e roimhe, le rùn làdir 'anma, an Comunn mallaichte fhàgail—a chuiditeachadh gu dìlinn; agus, a dh'aona chuid, chuir e roimhe nach robh air aghaidh

an t-saoghal mhóir na bhuaireadh e chum a bhi làthair air an ath choinneamhl an ceann na bliadhna, nam biodh e air a chaomhnadh gu ceann na bliadhna fhaicinn.

Chuir a ghiùlan mór-iongatas air a chompanaich ghòrach. Chruinnich iad mu 'thimchioll, agus dh'fheuch iad na h-nile saothair agus innleachd a bha 'nan comas chum a tharruing gu a sprochd's a liunn-dubh a bha air a thilgeadh dheth. Bha eagal mór orra gum fàgadh e iad, oir b'e rogha na cuideachd e; ach sheas e mach gu duineil car tamuill 'nan aghaidh. Thainig fear do na companaich amaideach, pheacach so, a stigh d'a sheòmar air latha àraig, mar bha e 'leughadh a Bhiobuill. Ghlac seòrsa do näire agus sgàth an t-òganach truagh, agus cheil e an leabhar fo 'chlusaig. O gniomh gun túr!—O amaid-eachd nan amaideachd! Nam biodh e nis air misnich a ghabhai, agus a leabhar beannaichte a leughadh, agus soilleireachadh iarraidh o Spiorad Dhé, cia beannaichte sona bhitheadh e! Cha robh innleachd a b'urrainn doibh a chleachdad, no a b'urrainn an mac-mallachd fein a dhùsgadh 'nan cridheachaibh, nach d'fheuch iad chum an t-òganach truagh so a tharruing air ais. Mu dheireadh leig cealgair mallaichte do'n Chomunn Ifrinneach air gu'n robh e féin fo iomaguin inu chor 'anma—leig e air gu'n robh e air fàs diadhaidh, suidhichte, cràbhach, muladach—leig e air gu'n robh a chridhe an impis sgàineadu le eagal agus imcheist mu dhéibhinn a pheacannan. Mar so tharruing e suas ris an òganach air a' bheil sinn a' labhairt, agus chinn iad 'nau cairdean móra. Mu dheireadh dh'innis au t-òganach am bruadar a chunnaic e —cha do cheil e 'bheag no mhór. Dh'aidich e gur h-e am bruadar so a thug e gu smuaintean, agus gu eagal, agus gu rùnachadh dealachadh ris a' Chomunn, agus pilleadh o dhroch giùlan gu léir. So na bha 'dhith air a chompanach. Dh'innis e na chual' e. Chruinnich iad mu 'thimchioll. Rinn iad fochaid air agus fanoid; agus is soirbh a chreidsinn, esan a cheil am Blòbuill, gu robh e furasda dhoibh a' chuid a b'fhèarr fhaotainn de.

Ciod an feum a bhi 'g aithris na thachair? Uigh air uigh, bha e 'di-chuimhneachadh nan rùntean math a rinn e. Bhrist e na gealaidhnean math a rinn e do Dhia. Dh'fhàs na h-ùrnuighean a dh'fhàisg an t-eagal uaithe fuar, tioram, ainneamh. Thòisich e air tlachd a ghabhai a rithist ann an cuideachd nan droch cómpañach a thréig e. Chùl-shleamhnaich e; ach cha b'ann gun spàirn mhór, gun strìgh, gun eagal, gun tagradh, agus diomb a choguis. Cha robh ann am baile mór Ghlaschu aon neach eile ann an tuaigneadh anama co mór.

D'fhalbh an deirge o 'ghruaidh—thainig neul a' bhàis air—claiell e a dhreach's a choltas—cha robh a làthair dhe ach faileus an fhìr a bha o chionn dùine ghoirid co aoidheil, eireachdail, dhreachmhor; agus an ceann ochd mìosan a dh'ùine 'n déigh dha am bruadar fhaicinn, cha robh ròinne fuit 'na cheann nach robh cho geal ri canach an t-sléibh, no ris an ite bu ghile an sgiath na faoilinn!

Bha'n t-àm a nis a' dlùthachadh anns an b'abbais doibh a' choinneamhl mhór a ghleidheadh—a' choinneamhl bu ghnàth leo bhi aca 'n ceann gach bliadhna, agus o'n do phill esan dachaidh air an oidhche 'm fac' e

an aisling eagalach. Chuir e roimhe nach robh cumhachd air thalamh a b'urrainn thoirt air dol ann. Bha fios aig a chompanaich gun do chuir e so roimhe; agus chuir iadsan romhpa gu'm bitheadh e 'làthair, math no olc mar bhiodh a' chùis. O cia aghartach, dichiollach, inn-leachdach, spiorad an uile!—cia lag, anfhann, mì-sheasmhach, tuis-leach, mac an duine, as eugmhais neart agus gràs Dhé!

Ciamar thainig a' chùis mu'n cuairt, cha'n eil fios againn, agus theagamh nach mò bha fios aige féin; ach 'nuair thainig an latha mu'n cuairt, chruinnich a' chuideachd—an Comunn Ifrinneach; agus cò bha sa' chuideachd ach a cheart duine air a' bheil sinn a' labhairt, agus a thubhairt nach robh air aghaidh an t-saoghal na b'urrainn a bhuir-eadh gu bhi làthair!

Bha gaoir 'na chluasan, tuainealaich eagalach 'na cheann, 'nuair a chual' e a' cheud nì thuirt ceann-snidhe na cuideachd, 's e 'g éiridh 'na chathair. "A dhaoin'-uaise," ars' esan, "sibhse buill a' Chomuinn Ifrinneach, tha nis latha agus bliadhna bho'n chruinnich sinn an so roimhe—" 'S gann a chuala 'n t-òganach facall tuille. Chrioth-naich e o mhullach a chinn gu bonn a choise—bhual a ghlùinean a chéile, 'nuair a chual' e na facaill eagalach "latha 's bliadhna;" oir chuijmhnich e an rabhadh a fhuair e latha 's bliadhna ro'n àm sin—*'Coinnichidh sinn a rithist, agus cha dealaich sinn a chaoikh no gu bràth.* 'Se 'cheud togradh a dhùisg 'na anam, éiridh agus teicheadh dhachaidh; ach fochaid agus fanoid na cuideachd, cha b'urrainn da a sheasamh. Cia liuthad mìle 'n diùgh air aghaidh an t-saoghal, co math ris an òganach thruagh air a' bheil sinn a' labhairt, a tha 'reic an anama san dòigh cheudna, air a' bheil barrachd eagail romh ghàire agus fanoid chompanach pheacach na tha aca romh fheirg an Dé bheò! Dh'fheuch a' chuideachd na h-uile dichioll chum a dheanamh eridheil, agus fala-dhà fhaotainn as mar a b'abhair doibh; ach dh'fhairtlich so orra. Leagh a chridhe 'na thaobh. Bha reachd 'na muineal. Dh'fheuch e uair agus uair gaire 'dheanamh; ach chaidh so 'na aghaidh. Bha nì-eiginn mì-nàdurra 'na ghuth 's 'na ghàire. Chuir a choltas agus a ghàire neo-shaoghalta eagal air a chompanaich.

Bha'n oidhche doilleir, dorcha—bha fuaim bhrònach, thiamhaidh, neo-shùnnndach aig oiteig nan speur—bha dealanach a nis agus a rithist ann. Dh'iarr an t-òganach air gille bha 'frithealadh a' bhùird òrdugh thoirt an t-each aige thoirt a mach, ag ràdh ris a' chuideachd nach robh e 'ga fhàireachdainn féin 'na shlàinte. Thug e aon sealladh eagalach air a' bhord 's air a' chuideachd mar a dh'éirich e. Bha'n t-each a thiota aig an dorus. Leum e san diollaid. Thàr e as dachaidh. Ach, anns a' mhàduinn, fhuaradh an t-each, le 'dhiollaid air a dhruim, 's e 'g ionaltradh gu sàmhach air achadh a bha dlùth do dhàite-còmlinuidh an duine so; agus, tiota beag o'n dorus, fhuaradh corp an òganach—fuar, fuar marbh, gun phlosg gun deò!

A leughadair, an d'fhuair thusa riabh sanas no rabhadh? Na chuireadh riabh eagal ort mu dhéibhinn t'anma? An d'rinn thu rùna math, agus na gheall thu atharrachadh, agus na sheas thu do gheallaidhnean? Thoir an aire! Mun teid *latha 's bliadhna* seachad, aodaidh a' ghairm tighin.

A leughadair, an àbhais duit cuideachd dhroch companach a lean-tuinn?—snidhe leò, òl leò, 'bhi subhach leò? Dùisg o shuain a' bhàis! Eirich; fág iad; dealaich riu air ball. Tréig iad, mun fosgail do shùilean anns an àite thruagh sin anns a' bheil gul agus giosgan fhiacall gu sìorruidh!

LACHUNN MÓR DHUBHAIRT.

EARRANN II.

Bu trnagh cor na Gàidhealtachd ri linn an duine ainmeil so. Thug sinn cuid do dh-eachdraidh Lachuinn Mhóir seachad anns an àireamh mn dheireadh, agus theid sinn a nis air ar n-aghaidh mar a gheall sinn.

Chuir giùlan borb Lachninn Mhóir agus mnrt nan Ìleach corruiich air Cloinn-Dòmhnuill uile, agus bhòid 'us mhionnaich gach teaghlaich do'n chinneadh threnn sin gu'n deanadh iad làn aicheamhail a ghabhail air Cloinn-Ìlleathain—nach cnireadh iad dhiùbh an cuid airm gu bràth gus an deanadh iad dioghaltas comharaichte air a' chinneadh sin a thug sgrios co lóm air Ìle. Chuir Clann-Dòmlinnill Chinntìre, an Eilean Sgitheanaich, Ardnamurchunn, Mhùideart, Arasaig, agus mar an cendua Clann-Nèill Ghiogha, Mac-'ic-Alastair na Luibe, Clann-Afì Cholonsa, agus iomadh teaghlach cumhachdach eile, an ainm ris a' bhoinn so, gn'n seasadh iad a chéile an aghaidh Triath Dhùbhairt: agus 'nam measg so bha MacIlleathain Bhororai, a b'éiginn éiridh le 'chnid daoine air taobh nan Dòmhnullach, air dha 'fhearrann a bhi aige bho MhacDòmhnuill Shléite, agus nième sin nach b'urrainn da a dhiùltadh. Thug Fear Bhororai leis a mach á h-Uist agus na h-eileanan eile buidhionn làidir do cheatharnaich thréuna, chruadalach. Thainig Clann-Dòmhnnill, le feachd lòninhor agus enmhachdach, air tìr ann am Muile, mun gann a bha fios aig Lachunn Mór gn'n robh iad a' smuainteachadh air a leithid, agus 'nuair nach robh e idir deas air an son. Chnir e fios air feadh na dùthcha, gach aon do'n chinneadh a dh'fhàgail an Leithir, agus na beanntan a thoirt orra, le'n euid spréidhe; agus an sin chnir se e féin air an ceann.

'S ann a stigh do Loch nan Gall a thainig Clann-Dònuill; agus chaidh iad air tìr aig Doireghuaig, dlù do'n Chnoc Mhileach, aig bun na Beinne Mòire. Chaidh iad air an agaighd gn Sròn-na-Cranalaich, mar thrì mile do'n Lic-lighe, far an robh Clann-Ìlleathain cruinn. Thug Lachunn Mór ordngh seachad nach cairgheadh a li-aon d'a dhaoine seachad air bealach cumhann cas, far na chuir e roimne Clann-Dòmhnuill a chasg, nam fenchadh iad dìreadh; ach bha curaidh dàna, miseachail. 'nam measg, Iain Òg Ionarsgathadail, d'an d'thug Lachunn Mór uachdranachd na feadhna a chuir e 'dhlon a' bhealaich air an robh dùil aige an tugadh Clann-Dònuill a' chéud oidheirp. Ach ged a dh'iarradh air a' ghaisgeach òg so gun chéum a għluasad gus an tigeadh a nàmhnid air, cha b'urrainn da fuireach air ais, no a' bhuidhionn a bha 'n earbsa ris a chumail

fo smachd. Ghrad léum e féin 's na bha inaille ris a sios gu Sron na Cranalaich, far an robh Clann-Dònuill, agus dh'éirich e orra ; ach b'ann dàsan, agus dhoibhsan a bha maille ris, bu mhiosa. Cha mbór gu'n do phill a h-aon diubh air an ais a dh'innseadh mar thachair.

Air an là-màireach, chruinuich Clann-Dònuill comhairle mhór do na daoine bu mheasala, bu ghlioca, 's a b'ainmeala san fheachd air fad, clum a shocruchadh 'nam measg féin ciod bu chòir dhoibh a dheanamh. 'Nam measg so bha Fear Bhororai—duine anabharach tuigseach, ciallach, agus misneachail leis a sin uile. 'S furasda 'smuainteachadh nach robh esan fior thogarrach sa' chogadh so, an aghaidh a chinnidh féin. 'Nuair thainig e 'stigh do'n Chomhairle, thug iad fa'near gu'n robh e tróm, stòlda, inuladach—nach robh facall a' tighin as a bhéul, ach e 'sior amharec air an làr le aghaidh chianail. "Cha'n urrainn an strìgh so bhi taitneach leatsa, Fliir Bhororai," arsa MacDhònuill. "Cha'n fhaod e bhi 'na chùis thaitlich leatsa dol a mhurt 's a mliarbhadh do chinnidh féin. Uime sin, cha'n iarr mi ort a bhi 'm broilleach na cuideachd an diugh. Fuirich thusa air deireadh, anns a' chùlchoimhead." "Tha mi," arsa Fear Bhororai, "fada 'd choimain, a MhicDhònuill ; ach sin nì nach urrainn dòmhса 'dheananu. Cha'n e anntogradh fuil Chloinn-'Illeathain a dhòrtadh a tha 'dùsgadh mo thromad-inntinn air an àm, na idir sgàth dol san iorghuill ; ach nì-eigin eile tha 'na bhuaireas air m'anam, agus 'gam lionadh le cùram." "Innis domh ciod è," arsa MacDhònuill ; "guidheam ort, na ceil e." Dhiùlt Fear Bhororai so a dheanamh, car tamuill ; ach mu dheireadh dh'innis e do MhicDhònuill gu'u do bhruadair e aisling an oidhche 'n raoir, a bha 'cur smuairean agus cùram air. "Och ! an aisling eagalach!—tha an sealladh a chunnaic mi mu choinneamh mo shùl, agus na briathran a labhradh ri um am chluasaibh air an àni, mar gum b'ann air a' cheart àm a thachair e ; ach b'flièarr leam gun innseadh." Na diùlt mi," arsa MacDhònuill. "Eisd, matà," arsa Fear Bhororai. "An déigh dliomh tuiteam ann a seòrsa do chlòshuain, mu mheadlion-oidhche chuala nii na briatlra so gu pongail, mar o neach a bha 'na shìneadh ri m' thaoblh :—

"A Lic-lí' sin, O 'Lic-lí' !
 'Sann orts a bhcirear nis an dìth ;
 'S iad Clann-'Illeathain a bheir buaidh
 Air an t-sluagh a thig air tìr.
 "A Ghearna dhubbh, 's i Ghearna dhubbh ;
 'Sann innte dhòirtear paitl an fhuil !
 Marbhar an Ridire Ruadh
 Mun till claidheamh do thruaill duibh."*

* The above lines may be thus translated :—

Thou dark and dismal *Leckalee*,
 The fatal fight befalls on thee.
 The race of Gillean shall prevail ;
 The strangers' strength this day shall fail.
 Thou, lofty, towering *Gearnadu*,
 Shalt yield the eagles plenteous food.
 Ere swords to their black sheaths return,
 The Red Knight's blood shall stain the Burn.

Chuir aisling Fir Bhorrai uamhas air Cloinn-Dòmhnuill! Theich iad. Thug iad an cladach orra. Mhothuich Clann-'Illeathain iad. Thainig iadsan a nuas o'n bheinn mar eas o sgàirnich. Bhual iad air Cloinn-Dònuill. Tha'n eachdraidh ag ràdh gu'n do thréig Fear Bhorrai iad, agus gu'n do thionndaidh e le Cloinn-'Illeathain; ach cha'n eil sin fior. Nam biodh e air sin a dheanainh, chailleadh e ann fearann a bh'aige bho Thighearna Shléite. Ach 's nì cìnnteach gn'n do mharbhadh móran do Chloinn-Dònnill mun d'fhuair iad a mach gu fairge. Cha'n eil e ro chinnteach cia dhiùbh a mharbhadh no nach do mharbhadh an Ridire Ruadh. Thug Clann-Dònuill Eilean Thirithe orra, far na loisg iad gach tigh, na chreach iad an spréidh, agus na mhurt iad a' chnid bu mhò do Chloinn-Illeathain a bha 'tuineachadh an eilean sin agus Eilean Í-Chalum-Chille!

Bha boile agus cuthach air Clann-Dònuill. Chruinnich iad feachd ùr, gu oidhearp a thoirt air Lachunn Mór 'na chaisteal an Dubhairt. Chruinnich iad air eilean a tha dlù do cheann inn dheas Clearara, beul Loch Faochann, ris an canar am Bachd; ach cha'b'ann gun flios do Lachunn Mór. Chruinnich esan a dhaoine's a chàirdean, a chinneadh féin uile, agus Chlann-Nèill Bharra, Clann-'ic-Ionnhuinn an t-Sratha, agus Clann-'ic-Cuaire Ulbha. Dh'fhàg iad Dubhairt 'nam bìrlinnibh, le sgaist do ghaoith tuath agus toiseach tràghaidh; agus cha b'f liada blia iad a' ruigheachd a' Bhachd. Bha boghachan-saighde aig a' chnid bu mhò do'n fheachd so. Chruinnich Clann-Dònuill air an tràigh; ach leig Clann-Illeathain frasan do shaighdean 'nam measg, a thug orra an tràigh fhàgail. Chaidh iad air tir. Leig iad air Clann-Dònuill le'n claidheannan, gus na mharbhadh trì cheud gu leth dhiubh; agus bha a' chuid bu mhò do na bha beò air an leòn's air an réubadlu gu truagh.

Phill Lachunn Mór do Dhùbhairt, agus MacDhònuill Shléite, MacIain Ardnamurchunn, MacLeod Leòghais, agus MacAfi Cholonsa, aige 'nam priosanaich. Mu dheireadh, b'éginn do dh-Ard-Chomhairle na rioghachd dol san eadraiginn, agus geallaidhnean fhaotainn taoblh air thaoblh, o Chloinn-Illeathain agus Chloinn-Dònuill, sgur do'n mhurt eagalach so a bha dol air aghaidh, agus sìth agus réit a dheanamh, air neo gn'n cailleadh iad le chéile an oighreachdan. Rinneadh sìth, ach bha fnath agus naimhdeas 'nan cridheachan. Leigeadh na priosanaich fa sgaoil o Chaisteal Dhùbhairt. Thug Lachunn Mór urras seachad air a shon féin agus airson a chuid daoine, gu'n giùlaineadh iad iad féin gu siochailt o sin suas.

'Nuair bha, mar shaoil leis an Rìgh, gach cùis socruichte, chuir e urrain air Triath Dhùbhairt, agus rinn e Ridire dheth—Sior Lachunn Mór Dhùbhairt.

Ach cha b'fhada gus an d'fhàs e sgìth do'n chùmlinanta fo'n d'thàinig e. Cha b'urrainn do'n ghaisgeach fhùileachdach so a bhi 'na thàmh. Bha MacIain Ardnamurchunn, a dh'éirich le Clann-Dònuill 'na aghaidh, a nis a sniridhe air màthair Lachuinn Mhóir.

Bu pliutliar i do Iarl Earraghàidheal, MacCailein Mór. Bha dubhairidh, no teachd-a-stigh, mhlór aice ; agus dh'íarr e a pòsad. Cha do chuir Lachunn Mór 'na aglaidh so, ged bha làn fhios aige gum b'e 'm beairteas a bha 'dhìth air MacIain, 's nach b'e aon a ghaol a bha aige air a mhàthair. Shuidhicheadh latha na bainnse. Choinnich cuideachd mhór aon an tigh Thorloisg, far an robh bean-na-bainnse a chòmhnuidh. Bha móran chàirdean cruinn taobh air thaobl. Bha am pòsadli seachad. Chaidh a' chàraig òg a luidhe. Bha na càirdean ag òl. Thòisich an connsuchadli. Bha deoch air a' chuid bu mhò a bha 'lathair. Thuit fear do Chloinn-Dònnill nach b'e a gaol féin a thug air Mac-ic-Iain a' chailleach, màthair Lachuinn Mhóir, a phòsad, ach gaol an airgid. Bha so ni's leòir. "Tha'n flùirinn agad," arsa fear do Chloinn-Ileathain ; agus, le sin, shàth e a bhiodag ann an eridhe 'n fhir eile! Bha'n tnasaid air bonn. Mburtadli a' chuid bu mhò do luchd-leanmhuinn Mhic-ic-Iain. Chaidh fear-eiginn a stigh far an robh Lachuinn Mór 'na luidhe, a dh'innseadh dha mar thachair. "Fhalbh!" ars' esan ; "cha'n eil comas air. Ma ruitheas am mada-ruadhl am broilleach nan gadhar, 's gum millear e, có 's coireach ?"

Chaidh na murtairean a stigh do'n t-seòmar far an robh a' chàraig òg 'nan luidhe ; agus bhiodh fear-na-bainnse air a ghrad chur gu bàs, mur bhi glaodhaich agus sgreadail a mhàthar air seòrsa do thruas a dhùsgadh ann an eridhe Lachuinn Mhóir.

Mu'n àm so, thainig aon do na luingis Spàindeach a bha air faondradh air feadh nan Eileanan, a bhuineadh do'n chabhlaich mhór ris an abradh iad *The Armada*, a stigh do Thobarmhoire. 'Se 'm *Florida* a b'ainm do'n luing mhóir so. Thachair so anns a' bhliadhna 1588 ; agus 'se *Don Farëia* b'ainm do'n sgiobair a bl'aig an luing ainmeil so.

Chuir an Spàindeach mór, uaibhlreach, fios gu Triath Dhubhairt crodh, 'ns caoraich, 'us aran, a ghrad chur a dh'ionusuidh na luinge ; airneo, mur deanadh e so gun dàil, gu'n loisgeadh e 'n t-eilean. Chuir Lachunn Mór gu dùlan e ; acli rinn iad réit. Thug Lachunn Mór dha, 'na dhéigh sin, na bha 'dhìth air, airson nan dolaran matha Spàindeach a fluair e an iomlaid.

Bha MacIain Ardnamurchunn a nis a' cruinneachadh a chàirdean, chum a bhi 'm bad Lachuinn airson mar a għiùlain Clann-Ileathain iad féin oidhche na bainuse, agus airson murt a chuid daoine. Chuala Sior Lachunn Mór na bha 'na bheachd. Thug e Tobarmhoire air ; agus, o'n Spàindeach, fluair e cuideachadh gu dol a mach an aglaidh Chloinn-Dòmlinuill. Fluair e ceud saighdear naithe ; agus, leò sin, thug e Eig, a's Cana, agus Eileannam-Muc air, a bhuineadh do Chloinn-Dòmlinuill, agus chreach agus loisg e iad ; agus, 'na dhéigh sin, chaidh e air tir ann an Ardnamurchunn, chnm Caisteal Mhiongairidh a losgadh, nam b'urrainn da. 'S gann a dh'fhìag e tigh 'na sheasamh aon an Ardnamurchunn o cheann gn ceann. 'S ann am feadh a bha Lachunn Mór a' feuchainn Caisteal Mhiongairidh a mhilleadh, a loisgeadh

an long mhlór, am *Florida*, ann am bàgh Thobarmhoire. Ach lionadh e leabhar móر, eachdraidh a thoirt air na nithibh oillteil a rinn an dà chinneadh ainmeil so an aghaidh a chéile. Cha do thachair àr, no murt, no losgadh, bu neo-iochdmhoire am measg nan daoine fiadhaich taobl eile 'n t-saoghal, nach cuala riabh iomradh air Dia.

Mu dheireadh, fhuair Lachunn Mór agus MacDhònnill Ille sumanadh 'gu seasamh an làthair an Righ agus na Cùirt, ann an Dùnáideann. Fhreagair iad an sunmanadh. Chuir Righ Seumas fichead mìle punnd Sasunnach ùlaidh air Lachunn—suim anabhar-rach san àm sin—an déigh dha urras a thoirt seachad, agus a ghealltainn, nach tugadh e tuillidh oidhirp an aghaidh Chloinn-Dònnill. An déighi sin, fhuair e a chead. Chuireadh an t-snini cheudna mar ùladh air MacDhònnill Ille. Chuir iad ceithir mile punnd a dh'ùladh air MacDhònnill Shléibhte. Thug iad so, mar an ceudna, urras airson an giùlan math; agus fhuair iad an cead.

Cha luaithe fhuair Lachunn Mór dhachaidh, na thog e ochd-ceil-deug (1800) saighdear; agus leò so chaith e nùnn do dh'Éirinn, gu cuideachadh le *Elizabeth*, Ban-righ Shasunn, na fineachan borb Éirionnach a cheannsúchadh, a bha air éiridh suas an ceannaire 'na li-aghaidh. Ach cha b'fhada gus na ghairm Righ Séumas air ais e o Éirinn, oir bha cogadh ùr air bristeadh a mach ann an Albuinn. Bha mòran do na teaghlaichean Pàpanach san taobl tuath air éiridh suas an aghaidh an Righ; agus dh'éirich na Caimbeulaich fo MhacCailein Òg, agus Iarl Athull, agus Moraire *Foulis*, suas as a leith,—agus maille rintha so, Lachunn Mór Dhubhairt. Thugadh uachdranachd armait an Righ do Mhac-Cailein, nach robh ach ochd bliadhna deug a dh-aois! Choinnich an dà arm a chéile aig Gleann-Livet, far na chuireadh blàr fuilteach. Chuireadh an ruraig air na Caimbeulaich, agus thàr Mac-Dhònnill-Duibh agus na Camronaich 'nan déigh; ach sheas Lachunn Mór's a chinneadh misneachail. Bha dà cheud deug fear an earbsa ris; agus leò so chuir e 'n taobl eile gu dùlan, ged a theich na Caimbeulaich. Nam bitheadh an t-arm uile fo nachdranachd an duine fhoghuintich so, cha'n eil teagamh air bith nach do choisinn e an latha. Mar a bhà, choisinn e mó-r-chliu dha féin 's d'a chinneadh, ged a mharbhadh mòran diubh sa' bhlàr so.

Ged a bha nis sìth agus réit, car tamuill, eadar Clann-'Illeathain agus Clann-Dònnill, dh'éirich aobhar ùr chum grabadh a chur air an cairdeas. Ach cha'n urrainn sinn eachdraidh an duine so a chriochnachadh san àireamh so. Theid sinn air ar n-aughart leatha 'na dhéigh so; agus feuchaidh sinn cunntas a thoirt, cha'n e ainhàin air bàs Lachuinn Mhóir, ach cuid do na nithe tre an d'fhuair na Caimbeulaich greim air mòran do dh-oighreachd Chloinn-Dònnill, agus air fearann Chloinn-'Illeathain maraon.

F I O N N G H A L ,
NIGHEAN RAONUILL MHIC-AONGHAIS ÒIG,
AGUS PRIONNSA TEARLACH.

Fhad 's a bhios meas air gaisge, tréubhantas, agus subhaile, bheirear ionradh cliùiteach ann an eachdraidh, air an ainnir uasail agus thréubhanta, Fionnghal Dhònullach, nighean Raonuill Mhic-Aonghais Òig an Airidh-Mhuilinn, ann an Uisit a' chinn-deise. Có riamh a chuala mu Phrionnsa Tearlach, nach cuala mar an céudna mar a theasairgeadh e, 'n àm dha bhi ann am mór-chunnart, leis an òigh ghaisgeil agus mliainsich a dh'ainmicheadh. Is cinnteach aú ni, ma ta, gur airidh eachdraidh ghoirid mu'n òigh uasail so air àite fhaotuinn ann an " Cuairtear nan Gleann."

Cha do mliothuich Prionnsa Tearlach rìamh a chunnart féin gus an do chuireadh as d'a dhòchas air faiche fhnilteich Chùilfhodair. An sin chunnaic e gu'm b'éigin da teicheadh le a bheatha! Ach c'ait aú rachadh e, an uair a bha e air a chuairteachadh le nainhdibh a bha araon lionmhòr agus leanailteach? Smuainich e, nam biodh e 'na chomas an t-Eilean Fada a thoirt a mach, gu'n tachradh lóng Fhrangach air a bheireadh as an rioghachd e. Leis an rùn so, dh'fhàg e Mac-Shimidh na h-Airde, agus cairdean eile, aig tigh Ghoirtleig, agus thug e na beanutan air. Is lionmhòr cruaidh-chas a dh'fhuiling e, agus caol-thèarnadh a rinn e, troimh choilltean, chreagan, agus gharbhlaichean, mun d'ràinig e Arasaig; agus cha'n e 'mhàin sin, ach bha deich mìle fichead punnd Sasunnach airgid-cinn as, agus bha so 'na bhrosunnachd mór chum a bhrathadh. Bithidh e 'chaoi dh'na urram do Ghàidheil na linne sin, nach robh a h-aon 'nam measg nile a blàrathadh e, ged bu bhochd aú staid, agus ged bu mhòr aú duais a ghealladh. Aig fàgail Arasaig dha, ann an ochd-ràmhach flosigailte, dh'éirich doinioinn uamhasach—shéid na gaothan gu fiadhaich, shil na h-uisgeachan 'nau tuiltibh, dh'fhàs na tonnan anabarrach buaireasach, agus bha Tearlach òg agus a sgioba air an luasgadh air a' chuan ànradhach! Thuit an òidhche; agus fendar a ràdh d'a taobh, mar a thubhaint Oisein do thaobh ua h-òidhche air an do "chruiunich an Fheinn, gu h-aoibhinn an talla Flìnn,"—

"Bha'u òidhche doilleir, duaichnidh—
 Torman spéur mar chreig troimh sgairnich;
 Uillt a' bêucaich, taibhse 'sgreadail,
 'S boillsge tein' o'n adhar bholg-dhubh."

Ach an déigh gach allaban agus àmlighar a dh'fhuiling e, agus gach gàbhadh agus cunnart troimh aú deachaidh e, air muir 's air tir, rinn e mach an t-Eilean Fada; agus fhuair e fasgadh car tamnill bhig o Mhac-'ic-Ailein agus a bhaintighearn, aig Ornameit ann an Uist a' chùn-deise. Cha b'fhada, gidheadh, gus an d'fhuaradh a mach c'ait a thug e air; agus, chum 's nach biodh e 'na chomas dol as, chuireadh mu dhà mhìle saighdear do'n arm-dhearg a dh'ionnsuidh an eilein sin, a ràmnasachadh gach creige, slníchd, agus

bothain, o cheann gu ceann deth! Os bàrr, bha longan-cogaidh air an suidheachadh anns gach àite, chum nach rachadh sgoth no eithear do ghnè sam bith a mach o thir, anns am feudadh am fògarach rioghail an t-aiseag a ghabhail gu àit eile. Dh'fhàs cùisean co cruaidh 's nach b'urrainn am Prionnsa bhi ùine sam bith gun ghréim a bhi air a dheanamh air, mur rachadh innleachd éigin a ghrad dhealbhadh chum a theasraiginn! Is iomadh innleachd air an do smuainich a chàirdean; ach bha tubaist éigin dlùth-cheangailte ris gach aon diubh, air chor 's nach freagradh iad! Ach, mu dheireadh, dhealbh baintighearna Mhic-'ic-Ailein innleachd a shoirbhich. Dh'aithin i am Prionnsa a sgeudachadh ann an eiddidh boirionnaich, a' smuaineachadh gu'm feudadh e bhi gu'm faigheadh e mar so as an eilean, ann an riocdh ban-òglaich mnà uasail! Ach, chum soirbheachadh, bha dà nì cudthromach rì'm faotuinn; agus b'iad sin, bean-uasal a ghabhadh os làimh gnìomh co ro chunnartach a choimhlionadh, agus a rìs, cead fhaotuinn o aon do cheannardaibh an airm-dheirg chum an t-eilean fhàgail. Bha dà bhaintighearn òg san àm maille ri teaghlaich Mhic-'ic-Alein, ach dhiùlt iad cuid no roinn a ghabhail sa' ghnothuch. Ach có thainig chum an tighe ach an òigh cheanalta Fionnghal, nighean Raonuill, á Baile-Mhuilinn, a dh'fhaicinn Mhic-'ic-Alein, a caraid féin; oir cha d'rinn i ach tiglin dachaidh beagan roimh sin á Dun-éidin, far an robh i a' faotuinn gach èolais a bha iomchuidh air a son mar mluaoi' uasail. Chaochail a h-athair roimh an àm sin, agus bha a màthair pòsda an dara uair aig Uisdean Càm Mac-Shoirle, mhic Shéumas Mhór, mhic Dhònuill Ghuirm Òig, ann an Armadail 'san Eilean Sgiathanach; agus bha e aig a' cheart àm sin ann an Uist, 'na cheannard air cuideachd do Chloinn-Dòmhnuill as an Eilean Sgiathanach, a bha mach an aghaidh Thearlaich. Dh'innis baintighearna Mhic-'ic-Alein do'n ribhinn òig uasail an nì sin a bha 'na beachd, chum am Prionnsa a thèarnadh o a nàimhldibh; agus chuir i a' cheisd oirre, an rachadh i ann an cunnart air a shon. Fhreagair an òigh mhisneachail, agus thuibhaint i—"O nach bàsuich mise ach aon uair, tha mi uile-dheònach air mo bheatha a chur an cunnart chum am flath rioghail a shaoradh o'n ghàbhadh anns am bheil e." An uair a chuala baintighearn an tighe so, bha i toileach air gu'm faiceadh Fionnghal am Prionnsa gu h-ealamh, chum cùisean a mhìneachadh dha; agus air an aobhar sin, chaidh ceannard àraidi, d'am b'ainm O'Neill, mar cheann-iùil maille ris an òigh churanta gu Corrodail—aité creàgach, fiadhaich, agus uaigneach, far an robh an ùamh anns an robh am Prionnsa 'ga fholuch féin! An uair a ràinig iad sin, fluair iad e 'na aonar, agus a' deasachadh àirnean uain air na h-éibhlibh! Chlisg e an toiseach le h-eagal, an dùil, gus am fac e có a thàinig, gu'n robh na saighdeirean-dearg air a mhuin! An déigh beagan còmhraidh a dheanamh ris a' Phrionnsa, dh'fhàg Fionnghal e. Thaghail i aig tigh a bràthar, an Airidh-Mhuilinn; agus, gu h-ealamh, thug i á sin Ormacleit oirre, clum gach deasachadh iomchuidh a dheanainh airson a turuis. Chaidh gille òg sgairteil maille rithe o thigh a

bràthar, d'am b'ainm Niall Mac-Eachainn, a chaidh an déigh sin do'n Flraing maille ris a' Phrionnsa ; agus b'athair e do'n Dònullach ghaisgeil sin a choisinn urram co mór ann am blàraibh Bhonaparte, 's gu'n d'rinneadh e 'na "Dhiùc Tharentium!" Fhuair Fionnghal an sin triall-choimas chum Uist fhàgail, o làimh a h-òide féin, Uisdean Càm Mac-Shoirle—air a son féin—airson a gille, Niall Mac-Eachainn, agus trùir eile, gu sgioba a dheanamh suas —agus, mar an ceudna, airson a ban-òglaich, *Betti Burke*, ban-Eirionnach mhór, a fhreagradh, nam b'fhior i féin, gn ro mhaith mar bhean-snìomhaidh d'a màthair ann an Armadail ! Cha rnigear a leas innseadh gu'm b'i a' bhan-Eirionnach so am Prionnsa féin. Tha cuid sa' bharail gu'n robh fios aig Uisdean Cam air na cùisibh —gu'n robh e 'na chridhe air taobh Thearlaich, agus gu'n do sgriobh e litir uaigneach chum a mhina le a nighiu, a' toirt deagh, chliù air *Betti Burke* mar bhean-snìomhaidh.

An uair a bha nithe mar so 'gan cur au òrdugh, ràinig Ailean a Chnoic agus buidheann do'n arm-dhearg Ormacleit. Cha robh mionaid a nis ri chàll, oir dh'fheudadh dàil aon latha eile gach nì a thilgeadh bun os ceann ! Thug Fionnghal a rìs ionad-foluich a' Phrionnsa oirre, agus sgèudaich i e mar a b'fheàrr a b'urrainn i ann an éididh ban-Eironnaich ! Air feasgar Disathuirn, an t-ochdamhlà fishead do mhìos meadhonach an t-sàmhraidi, 1746, dh'fhàg a' bhuidheann Uist, chum an t-Eilean Sgiathanach a dheanamh a mach. Cha deachaidh iad ach goirid o thàigh, an uair a shièd a' ghaoth gn gailbheach 'nan aghaidh, air chor 's gu'n robh iad ann am mór-chunnart ! Bha iad air an luasgadh a nùll agus a nàll air feadh na fairge, agus bha eagal orra maraon gu'n tilgteadh air an ais iad air an fhearrann a dh'fhàg iad 'nan déigh ! Cha do chaill, gidheadh, aon chuid am Prionnsa na Fionnghal am misneach ; ach, a dh'aindeoin àuraidh, doininn, agus cunnairt, bhrosnuich iad an sgioba gu bhi tréun agns crnadalach ! Aig glasadh an latha, mhothuich iad fearann teamn orra. B'e so Rutha-Bhaternis 'san Eilean Sgiathanach ; agus, an àm dhoibh a bli 'dlùthachadh ris, chunnaic iad bnidbeann do na saighdeiribh-dearg air tir, ullamh agus ealamh chuin an glacadh ! Ghrad thug iad an cuan orra ; agus air do na saighdeiribh so fhaicinn, loisg iad 'nan déigh, agns bha na peileirean a' feedail agus a' srannraich mu'n cluasaibh ! Stiùr iad an sin chum na h-àird-an-eas ; agus, beagan roimh mheadhon là na Sàbaid, thainig iad gu tir aig Cillblride, goirid o thigh Mhognstait, ann an sgìreachd Chìllmuire. B'e Mogustat, 'san àm sin, àite-còmhnuidh an Ridire Alasdair, Triath Shleibhle. Dh'fholuich am Prionnsa e féin ann an còs creige an cois a' chlad-aich, agus thug Fionnghal tigh an nachdarain oirre, dh'fhéuchainn ciod a chitheadh agus a chluinneadh i. Dh'fhàiltich baintighearna Mhic-Dhònnill a beatha le caoimhnealachd ; ach féin an t-uamhunn leis an do bhuaileadh i, 'n àm dhi dol a steach, an uair a chunnaic i làn an t-seòmair do cheannardaibh an arm-dheirg a stigh roimpe ! Gidheadh, chùm i oirre féin gu sèolta, agus cha d'aithnich aon neach gu'n robh càram no iomaguin sam bith air a h-inntinn. Cha

robh Mac-Dhònuill féin aig a' bhaile ; agus ged a bha fios aig Fionnghal gu'n robh e san àm sin an aghaidh Thearlaich, gidheadh, le mór-mhuinghin agus mliisnich, dh'innis i do'n bhaintighearna cait an robh am Prionnsa! Ged bha a' bhaintighearn ann an deagh rùn do Thearlach, gidheadh cha b'nrrainn i a thoirt chum an tighe ; ach bha Alasdair, mac Dhònuill-'ic-Alasdair, ('se sin, Fear Chìngsburgh) baillidh Mhic-Dhònuill, an là sin ann am Mogustat; agus chuir a' bhaintighearn e dh'ionnsuidh a' Phrionusa le beagan fiona, agus nithibh eile a bhiodh féumail da. Chomh-airlich a' bhaintighearn, a thuilleadh air sin, gu'n rachadh am Prionnsa agns Fionnghal maille ri Alasdair Mac-Dhònuill do Chìngsburgh, air di a bhi cìnnteachd gu'm biodh e dileas doibh, agus càirdeil riu. Ghabhadh a comhairle; agus, gun dàil, bha Fionnghal agns *Betti Burke* air an t-slighe maille ri Alasdair Mac-Dhònuill a dh'ionnsuidh Chìngsburgh, a bha dà mhile dhéug air astar as. Eadar sin agus feasgar, bha iad a' còmhlaichadh muinntir na dùcha air an t-slighe dhachaidh o'n eaglais; agus, 'nan dol seachad, bheireadh iad sùil, le mór-ioghnadh, air a' ghrùagaich mhóir, luidich, neo-sgiobalta, agus fhad-chasaich, a bha maille ri Fear-Chìngsburgh! Chuir iad an oidhche sin thairis ann an Cìngsburgh, far an do bhuineadh riu air gach seòl gu fial! Air an ath là, dh'fhàg am Prionnsa Cìngsburgh; agus chaith Fionnghal maille ris gu Portràigh, far an do dhealaich i ris. Aig àm an dealachaich, phög e i, agus, leis na déuraibh'na shùilibh, thubhaint e rithe—"Tha mi an dòchias, ainnir ùasail agns fhìrinnich, gu'n còmhlaich sinn a chéile fatlast ann an lùchaint an rìgh." An sin, ghabh e an t-aiseag do Ràsaidh; agus, as an eilean sin, chaith e do Shrath Mhic-Ionmuinn, maille ri duine bochd d'am b'ainm Calum Mac-Leòid, mac Iain 'ic-Iain; agus rè na slighe, bha'm Prionnsa 'na ghille-màileid aig Calum! As an t-Srath, sheòl e nùll gu Arasaig; agus lionadh e leabhar iomradh a thoirt air gach deuchainn, cruidh-chas, agus àmhíghar a dh'fhuiling e air feadh Arasaig, Mhuideirt, agus gharbh-chriòch na Gàidhealtachd, gu meadhon an fhogharaidh, an uair a thàinig soithichean a thug e féin agus na h-uiread d'a chàirdibh a nùll do'n Fhraing!

Ged a thàr am Prionnsa mar so as le 'bheatha, gidheadh cha robh an òigh dhileas a chuir a beatha féin ann an cunnart air a shon ach ann an toiseach a trioblaidean. Is ionadh àmhíghar agus cruidh-chas a bha an dàn di fhulang an déigh sin. Cha b'fhada gus an do glilacadh i, agus gns an d'thngadh i féin agus Cìngsburgh, Mac-Ionmuinn an t-Sratha, agus Calum mac Iain 'ic-Iain, 'nam prìosanaich do Luñnuinn; agns dhùrnideadh a stigh 'san Tùr iad, clum an cur fo dheuchainn! Bha mór-mheas aig maithibh na rioghachd air an ribhinn eireachdail agus dhealaidh a theasaig am Prionnsa le tréibh dhireas co mór; agus, am measg chàich, chaidh am Prionnsa Frederic (seann-seanathair ar Banrighinn, Bhictoria) do'n phriosan 'ga faicinn, agus ghuàthaich e a mhór-chumhachd clum a cur fa sgaoil. Shoirbhlich a' clùis leis. Fluair Fionnghal cead a coise; oir có, aig am biodh meas air ionracas agns air fior dhìlseachd, a b'urrainn an òigh uasal a dhiteadh? Ghabh i

còmhinnidh car tamuill ann an Lunnuinn ; agus bha'n tigh anns an robh i air a chuariteachadh gach là le carbadaibh lioumhior uan àrd-uaislean, a thainig a chur urraim oirre ! Phill i a ris gu eilean a breith ; agns, ceithir bliadhna an déigh sin, phòs i Ailean, mac Fhir-Chingsburgh. An uair a dh'èug Cìngsburgh, chaidh Ailean, a mhac, 'na àite ; agus an sin, bha Fionnghal 'na bean-tighe anns a' cheart àit anns an do chuir am Prionnsa a' chéud òidhche thairis 'san Eilean Sgiathanach ! Chaidh i an déigh sin do America maille r'a companach, far an do ghabh i co'-roinn anns a' chogadh a bha san àm sin co sgriosach 'san tìr sin ! An déigh iomad crnadal fhìnlang anns an dùthaich sin nan coigreach, phill iad a ris do'n Eilean Sgiathanach. An uair a bha iad mi leth-cuain, thachair long Fhrangach orra, a thòisich air losgadh orra ! Bha'n cath gu h-ealamh air bonn ; agns chaidh Fionnghal gu grad suas chun clàr-nachdair na huinge, far an robh i gu gaisgeil a' brosnuchadh nam maraichean gu bhi trénn agus énchdach ! Bhriseadh a làmh sa' choimh-strith ; gidheadh cha do thréig a misneach i, agus cha do lughdaicheadh a gaisge ! Cha d'fhàg i an t-Eilean Sgiathanach tuilleadh an déigh sin. Bha seachdnar chloinne aice (cùignear mhac, agns dithis nighean), a thnílleadh air cuid a bhàsaich 'nan òige. Bha a mic uile nan ceannardaibh 'san àrm, agus bha iad dileas d'an Rìgh agns d'an rioghachd ; agus bha a cuid nighean pòsda aig ceannardaibh, mar an céudna. Cha'n eil fiù a h-aon do'n teaghlach so a nis ann an tìr nam beò ! Ràinig Fionnghal sean aois ; agus gus an là mu dheireadh, bha i aoidheil agus uasal 'na gìulan ! Air a' chùigeamh là do'n Mhàrt, 1790, thug i snas an deò ; agus dh'adhlaiceadh i ann an Clachan Chìllmuire, 'san Eilean Sgiathanach ! Cha bu lughna trì mile snaigh chaidh maille ris a' ghiùlan do'n chill ! Phaisgeadh a corp (a réir mar a dh'àithn i fein, iomadh bliadhna mun d'èug i) anns a' cheart lìon-eùdach sin anns an do choidil am Prionnsa an òidhche a bha e ann an Cìngsburgh ! An ceann dà bhliadhna an déigh sin, thaisgeadh a fear-pòsda ann an ùaigh r'a taobh ; far, mar an céudna, am bheil a sliochd gu tosdach 'nan suain.

Mar so, tha Fionnghal, nighean Raonuill Mhic-Aonghais Òig, a bha uaireigin sgìlamhach mar bhlàth na maidne, a nis 'na sineadh fo tholman uaine, gun chuspair sam bith a bhi fathast air a thogail d'a cuimhne, d'a tairisneachd, no d'a mór-ghniomh ! Mar so théid sgiamh an t-saoghal so seachad !

SGIATHANACH.

Clachan Chìllmuire,
Mìos Meadhonach an Fhogharaidh, 1841.

LEIGHEAS AIRSON TINNEAS-FAIRRGE.

Biodh agad làn botuil do thì làidir ('s i 'n tì uaine 's feàrr), agus na biodh mòran siùcair innte. 'Nuair a bhios an tinneas a' tòiseachadh, gabh làn cupa dhi. Mur cuir so stad air an diobhaint, 's eòir leigeil leis dol air aghaidh gus am bi'n goile falamh. Gabh an sin làn cupa dhi, ma shaoileas tu gu'n luidb e air an stamaig ; gabh 'na dhéigh sin a dhà no trì chnpain eile ; agns, am bitheantas, cuiridh so stad air an tinneas.

AN DRÒBHAIR CRUINN AGUS AM FEAR-REUBAINN.

Dòrlach fhicheadan bliadhna roimh 'n àm so, bha gille smiorail, fiùdhail, a' tàmh am Braidealbunn, do'm bu nòs a bhi a' ceannach agus a' reic feudalach—ní on d'thugadh dha mar ainm, "An Dròbhair." Agus, air dha bhi *cruinn*, cuimte, curanta, 'na phearsa —agus *cruinn*, cuanta, cùramach, mu 'ghnothuch—chuir muintir na tire sin am facall *Cruinn* an deigh an *Dròbhair*; agus, mar sin, bha e 'na *Dhròbhair Cruinn*.

Dheanadh an Dròbhair Cruinn a ghnothuch e féin, agus cha d'earb e a' chùis riamh ri fear eile. Gun each gun sitir, gun ghille gun chleòca, le 'bhreacan ballach mu ghuailibh, le 'chlaidheamh liobhta nach dìobradh air a leis, agus le Bran buadhach nan cluas corrach ri 'shàil, dh'iomaineadh e a bhaidean beag taghta bhò o Chaol-Reithe mu thuath gu cabhsair féille Charlisle 'an Sasinn. Is ann a' pilleadh o aon de fhéilltean an àite sin a bha e an uair a thachair e sa' chunnart nach suail ri àireamh.

Dh'éirich an Dròbhair Cruinn, mar bu nòs leis, mu bhristeadh na faire, agus thug e an rathad-mór air. Chunnaic e fear-casaige greis roimhe, agus ann an tiota rinn e suas ris. Bha an so Gall mór, min, tlàth-ghuthach, cho siobhalta ri maighdinn, a thòisich gun dàil ri moladh nan Gàel airson an gaisge agus an rogha mis-nich. "Is e seachd ioghnadh an domhain, am bheachDSA," ars' esan ris an Dròbhair, "cionnas a ghabhas sibh an rathad, moch 'us anmoch, agus mu mheadhon-oidhche, le uiread a dh'òr Sasunnach agaibh ann 'ur pòcaibh!" "Tha sin againn gun ag, agus am pailteas deth," ars' an Dròbhair Cruinn; ach ged a tha òr Sasunnach anns na sporain againn, tha cruidh Albannach anns na truaillean againn," a' cur a làimhe air an àm chendna air an lainn a bha air a leis. "Le Andra Ferràra an so, agus le Bran an sin," ars' an Dròbhair, a' tomhadh a chorraige ri Bran, "cha bhiodh eagal orm roimh fhear-reubainn a shiubhail riamh air dà sheirean Shasunnach am briogais Ghallda." "Ciod é!" ars' an Gall; "'n e Ferràra da rìribh tha ad chlaidheamh? Gu cinnteach, is ainneamh an seòrsa sin r'a fhaotuinn a nis!" "An creid thu do shùilean?" ars' an Dròbhair, is e 'ga thoirt as an truail, agus 'ga shineadh do'n Ghall, los gu'n leughadh e an t-ainm a bh'air. "Tha a' chùis direach mar a tha thu 'g ràdh," ars' an Gall, a' togail na lainne, agus a' sgaradh cinn Blàrain o 'choluinn leis a' cheud sguidseadh. "'Nis," ars' esan, "dhòinlisa do sporan, air neo do bheatha! Tha thu 'faicinn gu'm faigh eadhon Gàel a leth-bhreac." Bha an Dròbhair bochd aig iomall nan cleas. Chunnaic e gu'm bu bhàs obunn dha a dhiùltadh; agus is e 'rinu e, shìn e thuige an sporan, leis na bh'ann. "Ach," ars' esan, an uair a thug e dha an t-airgiod, "co a chreideas am Braidealbunn gu'n spùnn-eadh Sasunnach mi, is rogha nan gaothar agus rogha nan claidhean am fhochair?" "Na cuireadh sin cùram idir ort," ars' an Gall, a' fanoid air. "Bheir mi dhòt am masladh sin; oir tha shannt orm comharradh a thoirt duit, leis am feuch thu dhoibh gur ann le

neart dòideachais a thugadh do chuid uat. Sìn a mach do ghàirdean air an stoc dharaich so." Bha so cruaidh, ach cha robh dol 'na aghaidh. Shìn an Dròbhair a mach a ghàirdean. Thog an Gall an lann, ghìlac e a bhil-iochdrach fo 'dheud uachdrach, chruinnich e a mhalaidhean 'nan aon dos air bun a shròine, agus thàinig e a nuas le buille tràm, tàbhachdail; ach, gun taing dha, tharruing an Dròbhair Cruinn a ghàirdean thuige mar a bha am buille a' tighin a nuas, agus is ann a chaidh an lann gu 'cùl-cuirce 'san stoc dharaich. Mus an enacadh sibh enò, bha an Dròbhair Cruinn 'na ugan. Shad e air slaisnich a dhroma e, chnir e a ghìlùn air a ghoile, agus thng e dheth a chuid féin. Cha d'fhoghain sin leis, ach cheangail e caol a dha dhuirn air cùlaobh a dhronnaig, agus dh'iomain e roinihe e, mar gu'm bitheadh laos-boc air spearraich ann, gus an d'thng e dh'ionnsuidh an luchd-ceartais e—daoin'-naisle nach d'rinn dearmad air an urram dhligheach a chur air a' Ghall, le 'àrdachadh moch an la'r-na-inhäireach, le dula de hhall cainbe mu'n amhaich aige.

Chaidh an Dròbhair Cruinn dhachaidh sàbhailte le 'chuid airgid. Gen nach d'thug e a chù leis thng e 'chlaidheamh leis; agus tha e glé choltach leam gur ann mu'n cheart chlaidheamh so a thnirt Donucha Bàn—

"Ghearradh e ubhall air uisge,
Le flòr ghéiread."

GIULLAN NAM BÒ.

AN T-AMADAN AGUS 'UAIREADAIR.

Bha duine bochd gòrach, aig an robh uaireadair-pòca, air àm àraig air a shiubhal; agus blia e anabhairach bòsdail as an uaireadair. Ach thachair do'n uaireadair a bli fad' air deireadh air feasgar àraig. "Gun teagamh," arsa 'n t-amadan, "chaidh a' ghrian fodha an nochd uair na bu tràithe na bu chòir dhi. Tha i ro chabhagach au nochd. Chaidh i 'luidhe, air a' chuid a's lugha, uair ro'n àm."

Bha duine tuigseach a chual' e, agus a thuirt ris,—"Nach mò gu mór a's coltaiche gu bheil an t-uaireadair agadsa am mearachd na a' ghrian—gu bheil esan uair air deireadh? Gabh mo chomhairle," arsa 'n duine glic ris an amadan, "agus suidhich thusa 'n t-uaireadair agad a réir na gréine, an àite bhi 'suidheachadh's a' riaghadh gluasad na gréine a réir an naireadair. 'S dòcha gu mór gur e 'n t-uaireadair agadsa tha 'm mearachd, 's nach i a' ghrian." "'S math a dh'fheudta gur li-è," arsa 'n t-amadan.

O! cia liutha h-aon, 'nar mesg féin, do na daoine bochda, amaideach, uaibhlreach, guu tuisge, ris an can iad na *Socialists*, agus mì-chreidich eile, tha dìreach 'gan giùlan féin mar a rinn an t-amadan so! Nach math a thigeadh e do chrétairean bochda, truagha, dall, ain-eolach, mar a ta mac an duine, smuainteachadh gur dòcha gu mór gu bheil gliocas, cumhachd, maitheas, agus ceartas an Dia bheò ceart—'fhascall féin fior agus neo-mhlearachdach;—agus, mur 'eil an tuigse, 's an tùr, 's an t-eòlas acasan a' co-chòrdadh ri facall an Tighearna, gur h-iadsan tha am mearachd, agus nach h-esan! Tha an giùlan a cheart cho faoin ri giùlan an amadain mu'n uaireadair.

LAOIDH AIR URNUIGH.

Tha sùil ann, cadal air nach tuit,
 Fo sgrathan dorch na h-oidhche ;
 Tha cluasan ann, gu bràch nach druid,
 'Nuair sguireas gathan soils'.

Tha gairdean ann, gu bràth nach sgith'ch,
 'Nuair dh'f'hàiluicheas neart dhaoin' ;
 Tha gràdh ann, nach teid bàs a chaoi'dh,
 'Nuair chrionas cairdean gaoil.

Tha'n t-shùil sin dearct' air aingil ard—
 A' chluas sin tha le'u òrain làn ;
 Tha'n gairdean 'cumail suas a' ché ;
 Tha'n gràdh sin suidhicht anns an spéur.
 Ach tha ann feart, le'u urrainn daoin' ;
 'Nuair bhos an còmhnaidh talmhaidh faoin,
 An t-shùil, an lành, an gràdh a' ruighin—
 Na cluasan sin, gu h-éisdeachd, 'bluividhini.
 Si'n ùrnuigh 'chunihachd 'dhùrcas suas,
 'Sa bheathaicheas air sòlas ard nam buadh.

[Eadar. le MUILEACH.

CEUD MHORAIRE BHRAIDEALBUNN.

B'e a' cheud Mhoraire do'n teaghlaich so Sir Iain Caimbeul, agus rinneadh 'na Iarl e anns a' bhliadhna 1681.

Phòs e, anns a' bhliadhna 1657, ban-Sasunnach d'am b'ainm *Mary Rieth*. Bha aice so deich mìle punnd Sasunnach do thochar—suim anabharach san àm sin. Bha iomadh aon ag iarraidh a pòsadh ; ach roghnaich i an Gàidheal, Sir Iain Caimbenl Ghleannurchaidh. An déileigh dhoibh pòsadh, dh'fhàg iad Lunnuinn, agus thug iad orra Tigh Bhealaich, àite-còmhnuidh an teaghlaich ; ach cha'n ann an carbad cheithir each, no idir air sligie iaruinn, ach esan agus ise air an aon ghearran ! Air gearran eile chàirich e na deich mìle, punnd Sasunnach ann am buinn òir, agus Gàidheal math làdir fo làn armabh air gach taobh do'n each air an robh an eallach luachmor, g'a dhòn, agus a' coiseachd a h-uile céum á Lunnuinn gu Tigh Bhealaich. Ràinig iad gu tèaruinte. 'San t-seana chaisteal bha ri fhaicinn an seòmar anns am b'abbais do'n chàraid so an dà chuid cadal agus ithe. Cha'n ionann 's an caisteal ard eireachdail tha nis aig an teaghlaich so !

Chaochail am Moraire so 'nuair bha e os-ceann ceithir ficead bliadhna dh'aois. 'S ann mu'n mhór-fhear so thuirt neach àraid ann an litir tha fhathast air mhairionn—"Tha e co stòlda, shuidhichte, chiallach, ri Spàinteach—co teóm, sheòlta, charach, lùbach, ri sion-nach—co glic ri nathair—agus co sleamhuin ris an easguinn."

Thogadh a' cheud chaisteal, ris an abradh iad Tigh Bhealaich, a nis *Taymouth*, anns a' bhliadhna 1580, air fior oisinn na h-oighreachd. "C'arson," arsa neach àraid ris-san a thog e, "nach do chuir thu do thigh am meadhon na h-oighreachd, an àite chur air iomall an fhearnainn?" "Air t-athais," ars' esan ; "se'n t-iomall e air an àm, ach cha'n fhada gus an sìn mi an oighreachd an rathad eile. Agus rinn e sin, mara dh'fhiorsaich Clann-Ghriogair thruagh, agus iomadh cinneadh eile.

TIGH IAIN GHROAT.

'Se an tigh iomraiteach so an t-àite-comhluidh a's fhaide mu thuath tha ann an Albuinn. 'S iomadh aon a chual' iomradh air Tigh Iain Ghroat, ach a tha aineolach air an dòigh air an d'fhuair e an t-ainm so.

Ri linn Righ Seumas an IV., thainig triùir bràithrean—Calum, Gabhin, agus Iain *De Groot*; oir 'se so an dòigh air an robh an sloinneadh air a sgrìobhadh san àm sin. Thainig iad so do Ghallaobl o'n taobh deas, le litir o'n Righ, air a sgrìobhadh ann an Laidinn, do mhuinnitir an taobh tuath, g'am moladh, agus ag asluchadh caoimhneis as an leith o uaislibh na dùthcha. Cheannaich iad fearunn san àite. Bha an oighreachd eatorra, agus bha an càirdeas bu làidire aca d'a chéile. Ach mheudaich Clann-Ghroat gus an robh ochd teaghlach-ean dhiubh ann air fad; agus an sin thòisich connsuchadh agus farmad eatorra mu thimchioll roinn an fhearaninn, agus gu h-àraig mu dhéibhinn an fhir 'nam measg bu choir a bli air a' chùnntas na cheann-cinnidh, no 'na cheann-teaghlach thairis orra.'

Oidhche do na h-oidhchean, bha seòrsa do chonnspoid 'nam measg có bu choir suidhe aig ceann a' bhùird, agus a bli 'na cheann-stuic air gach còmhla. Bha connsuchadh làidir eadar na fir; agus theab gun tigeadh facaill gu buillean. San àm sin, dh'éirich am fear dhiubh d'am b'ainm Iain—duine làidir, misneachail, sgairteil, aig an robh an t-aiseag air an àm o'n chearna sin gu Eileanaibh *Orkney*. Labhair e gu ciùin, càirdeil. "Deanaibh réit," ars' esan, "'s na biodh droch cainnt na idir tuasaid 'nar measg; oir," ars' esan, "bheir mise m' fhacall duibh, an ath uair a choinnicheas sinn, gu'n socruich mise a' chùis so mu 'bheil sibh a' cur a mach air a chéile."

Thòisich e gun dàil, agus thog e tigh air an rutha 'b'fhaide mach, air an robh ochd taoibh—'se sin, bha'n tigh ochd-oisneach; agus air gach taobh bha uinneag agus dorus. Agus am meadhon an tighe so chàirich e bàrd, do'n aona chumadh ris an tigh—bord ochd-oisneach. Agus an ath uair a choinnich an ochdnar chàirdean, thuirt e riutha a h-huile fear a dhol a stigh air a dhorus féin, agus suidhe air an àite-shuidhe dìreach mu cloinneamh an doruis. Chaidh iad a stigh. Bha 'dhorus, agus 'uinneag, agus a chathair, agus 'àite féin, aig gach fear. Cha robh urram aig fear thar fear eile. Cha robh 'nam measg ach càirdeas agus carannachd, sìth agus caoimhneas, agus toileachas-inntinn. Tha stéigh an tighe ochd-oisnich so fathast r'a fhaicinn; agus theagamh nach 'eil tigh anu am Breatunn uile a's iomraitiche na e.

'S airidh so air àite sa' Chuairtear, mar shoilleireachadh air tuigse, foighidiun, agus deagh-lìthùr Iain Ghroat, air an robh an tigh so air ainmeachadh. Tha cuid do'n t-seana bhàrd dharaich fathast à làthair; agus o chionn leth-cheud bliadhna, bha cuid do'n litir Laidinn a sgrìobh an Righ a làthair. Bu Dùidsiech a bh'ann an teaghlach Iain Ghroat; agus tha e air a ràdh gu'n do chuir an Righ mu thuath iad, chum eòlas a thoirt do mhuinnitir na dùthcha mu na dòighean a b'fhèarr air iasg a ghìladh sna cearnaibh sin.

A N D A O I M E A N.

So a' chlach, agus faodar a ràdh, an ni a's prìseala 's a's luachmhoire air aghaidh an t-saoghal. Bha an seud so luachmhor ann am beachd dhaoinibh anns gach linn, 'Se is dath do'n chloich àillidh so, geal, no glas, agus air uairibh, seòrsa do shnuagh dearg, agus gorm, agus uaine. 'Nuair tha a' chlach so air a gearradh, cha'n eil neamhnaid na seud eile ann is urrainnear a choimeas rithe, airson loinnearachd agus dealradh bòidheach.

Cha d'fhuadaradh an Daoimean fhathast ach ann an rioghachdan na h-airde-'n-ear, agus na dùthchannan taobh d' eas an t-saoghal. Ann an Innsibh na h-airde-'n-Ear, ann an Eilean Bhorneo, agus ann am *Brazil*, tha 'chuid a's mò dhiubh air am faotainn.

Tha cuid do na clachan Daoimein anabhairrach luachmhor. Tha na séudan Daoimein a's luachmhoire air an àm aig teaghlaichean rioghail Russia agus Phortugal. Tha aon chlach, no séud Daoimein, ann an coron rioghail Russia, a chosd anabharra airgid. Bha a' chlach so mar shùil, no an àite sùl, do dh-iodhol-bréige bha ann an Innsibh na h-airde-'n-Ear. Ghoid saighdear a mhuinnitir na Roinn-Eorpa i á clàr-aodainn an iodhoil, agus theich e leatha gu Madras, far na reic e i ri sgiobair luinge airson dà mhile punnd Sasunnach (£2,000). Reic am fear so i, air dha tighin dachaidh, airson fichead mile punnd Sasunnach (£20,000). Reiceadh 'na dhéigh sin i, ri teaghlaich rioghail Russia, airson ceud mile (£100,000), agus ceithir mile sa' bhliadhna dhàsan a reic i, fhad 's bu bheò e! Tha e air a mheas gur fhiach a' chlach so ceithir muillionan, ochd ceud 's a ceithir mile, punnd Sasunnach (£4,804,000)—dluth do chòig muillion punnd Sasunnach! Tha aon eile sa' choron cheudna tha air a meas aig trì ceud 's trì-fichead mile punnd Sasunnach (£360,000).

Tha clach Dhaoimein aig teaghlach rioghail Phortugal nach 'eil fathast air a gearradh; ach tha iad 'am barail gur h-i 's mò 's a's prìseala san t-saoghal uile—'se sin, a fhuarus fhathast le daoine. Tha e air a mheas gu bheil a' chlach so muillean punnd Sasunnach na's luachmhoire na'n Daoimean mór a th'ann an Russia. 'Sann an America mu Dheas a fhuaras a' chlach so.

Tha séudan prìseil do'n t-seòrsa so ann am Persia; agus tha dithis anns an Fhraing a tha, mar an ceudna, air an cùnnadh prìseil. Cheannaich Sassunnach aon diubh so 's na h-Innsibh airson £20,000, agus reic e ri teaghlaich rioghail na Fraing i airson £135,000. Tha e air a ràdh gur fiach i £400,000—'se sin, ceithir cheud mile punnd Sasunnach.

Tha cuid do chlachan prìseil Daoimein ann am Breatunn, ach cha'n eil iad r'an coimeas riùsan air na labhair sin. 'S fhiach iad, cuid diubh, fichead mile, eadar sin agus dà fhichead mile, punnd Sasunnach.

Bheir an cùnnatas so seòrsa do bheachd dhuinn air a' mheas tha daoine 'cur air séudan Daoimein.

NAIGHEACHDAN COITCHIONN.

'S gann gu bheil naigheachdan coitchionn ann. Cha d'fhuair luchd-riaghlaidh ùr na rioghachd fhathast ùine gu soernchadh ciod a nì iad.

Tha mòran aimhreit san Fhraing an aghaidh an teaghlaich rioghail. Loisgeadh air mac an Righ o chionn ghoirid, ach cha-d'amais iad a bhualadh. Tha'n dùthaich sin ann an staid fior neoschuircichte.

Cha'n eil tuille cùnnatais againn á CHINA, no á li-Innsean na h-airde 'n ear.

A thaobh AMERICA, cha'n fhiosrach sinn gu bheil nì air bith ùr is fhiach aithris air tachairt. A réir nan cùnnatas a bh'agann roimhe so, 's éiginn gu bheil deuchainn MhicLeòid a nìs thairis, ged nach d'ràinig an cùntas an dùthaich so. 'Se ar barail agus ar dòchas gu'n cuirear saor e sa' chìùrt; ach 'se ar n-eagal gu'm murt muinntir na dùthcha esan, agus iadsan a chuireas saor e. Nam biodh an gnothuch so socruichte, theagamh nach cuireadh na cùisean beaga eile mòran dragh oirnn, agus gum biodh sith fad iomadh bliadhna eadar an dà dhùthaich chumhachdaich so—nì a tha iad 'nan dithis ag iarraidh, nam b'urrainn iad a stéigheachadh air dhòigh cheart.

Tha mòran litricheann againn o AUSTRALIA, NEW ZEALAND, agus America-mu-Thuath; ach cha'n urrainn sinn a ràdh gu bheil gnothuichean air bith ùr 'nam measg is fliach aithris. Tha iad am bitheantas, a' dol air an aghaidh gn math, 's gu ro-mhath.

Ràinig an luchd-imrich a dh'fhàg an t-Eilean Sgitheanach agus an t-Eilean Fada, an uraidh, ceann an turuis ann an Eilean Èdin agus New Brunswick, gu sàbhailte; agus chuala sinn gu'n robh iad anabhairrach toilichte leis a' mhùghadh a rinn iad. Bha mòran forghais air luchd-eosnайдh. Fhuair gach aon, a dh'iarr i, obair; agus gunn aithreachas orra, ach nach deachaidh iad thairis iomadh bliadhna roinnhe sin.

UAIGH ROB RUAIDH MHIC-GRIOGAIR.

Thachair o chionn ghoirid, ann an Clachan Bhochuidir, seòrsa do mhèirle tha da-rìribh nàr ri aithris.

'S aon sa' chladh so a bha 'n duine iomraiteach Rob Ruadh Mac-Griogair air a thiódhlacadh, ceann na h-airde 'n oir do'n chladh, fo lic-lighe mhòr chudthromaich, air an robh dealbh a' chlaidheimh a b'abhaist da ionmairt air a ghearradh, agus craobh ghiuthais agus réull, mar shnaicheantas agus mar chuimhneachan air urram agus àirde an duine. Fo'n lic-lighe so chaidh iomadh aon do Chloinn-Griogair a thiódhlacadh o linn an duine ainmeil so, agus euid dinbh gunn ach o chionn beagan bhliadhna chan. Bha ainm Rob Ruaidh air a thogail gu cliúiteachd àrd leis gach sgeul (euid dinbh fior, agus euid diubh brengach) tha air an aithris mu dhéibhinn ann an leabhraiclichean a chuireadh a mach o chionn ghoirid, gu

h-àraidh le *Sir Walter Scott*. Thug an t-iomradh chaidh mar so a mach air mòran dol o àm gu h-àm a dh'amhare na lice fo'n robh an enraidh trénn 'na shìneadh ; ach, o chionn mhìos, smaointich trusdair o thaobh-eigin, a thainig an rathad, gum bn ghasda 'n nì dhoibh claiseann an duine so 'ghoid as an uaigh, no cnaimhean air bith eile 'thachradh orra, mar chuimhneachan air Rob, agus mar dhearbhadh air an tréuntas fèin ann an tir nam beann am measg nam marbh. Thàinig iad san oidhche, agus thog iad an leac, chladhaich iad an uaigh, agus cha'n eil ag nach d'fhuair iad lurga caillich no bodaich, agus is dòcha claiseann ; ach is cìnnteach sinn nach d'fhuair iad niread agus fiacaill no cnaimh-lùdaig do chorp Rob : ach, beag no mór mar fhuair iad, thàr na trusdair, na brùidean, as. Cha'n eil teagamh air bith nach robh tnille 's fear no dithis mu'n cuairt a' ghnothuich so, oir cha b'e 'n fhaoineachd an leac a thogail—cuid do na peasain leibideach, na garraich ghràndha, ghlaisneulach, a tha siubhal na dùthcha air tòir nithibh iongatach. 'S truagh nach b'urrainnear greim fhaotainn orra ! Dhùraichdeamaid am faicinn air an tunadh gu inath, 's gu ro-mhath, 'an lub nan giadh ; 'na dhéigh sin, air an glasadh anns a' Bhràngus, agus mar fhiachaibh air na h-uile caillich do'n chinne' Ghriogarach a tha mar fhichead mile do'n àite smugaid a thilgeadh air gach aon diuhb ann an clàr an aodainn—na spùinneadairean salach l trusdair gun tlus, gun daontachd, gun tuigse ! Bu choir do na h-uile h-aon oidhearp a thoirt air greim a dheanamh air na mèirlich a thng tàmailt co mór air an dùthaich !

LOSGADH NA LUINGE INDIA,
A SHEÒL O GHRIANAIG, A DIOL DO AUSTRALIA,
MIOS-MEADHOIN AN T-SAMHRAIDH, 1841.

Tha fear a bha air bòrd air an àm a' toirt a' chùnntais a' leanas air a' ghnothuich mhuladach so :—

“ Air Di-luain, an 19th là do mhìos deiridh an t-samhraidh, bha ar soitheach goirid bho dheich ceud mile an taobh mu dheas do chearcall-meadhoin na talmhuiinn. An déigh àm braiceis, thainig aon do'n luchd-aisig a dh'innseadh gu'n robh long nach b'aithne do'n sgioba san t-sealladh ; agus o nach fhaca sinu soitheach sam bith o chionn ceithir-là-déug, bha gach aon gu grad air clàr na Luinge. Bha i tuille 's fad' air falbh chum aire thoirt air na sannsan a thàirg sinn ; ach o'n a bha i a' seòladh air an aon slighe ruinn, chum sinn sealladh air a chéile fad na maidne ; agus aig dà-uair-dheng, mhothuich sinn gu'n robh sinn beagan na bu teinne air a chéile.

“ Chaidh mi sìos do'n t-seòmar-luinge ; agus an ceann leth-uair, chuala mi treas-oifigeach na luinge a' glaodhaich airson uisge, le mionnan agus inallachadh oillteil ! Ghrad léum mi suas, agus chunnaic mi mòran toit agus lasrach a' tighin o'n tigh-thaisg. Cha robh mionaid r'a chall. Dh'orduicheadh an sgioba gu ceann-deiridh

na luinge, leis gach seòrsa soithich a b'urrainn iad fhaotainn, a thogail uisge. Rinn iadsan an dleasnas mar is gnàth le maraichean Breatunnach, gun tiomadh gun athadh; ach ged a dh'oibrich iad gu foghainteach, agus le'u uile neart, cha robh e 'nan comas ni bu leòir a dli'uisge 'thogail. Bha inneal-taosgaidh againn deireadh na luinge; ach bha a' phìob tuille 's cumhann, agus cha d'rinn e ach beag feum. Fad na h-ùine so, bha'n teine 'meudachadh agus a' buidhinn oirnn gu h-uamhasach.

"Bha e nis soilleir nach robh e comasach an long a shàbhaladh, agus bha gach aon a' smuainteachadh ciamar a thèarnadh e a bheatha féin. Thug mi ceann-toisich na luing' orm, agus 's ann an sin a bha'n sealladh muladach—na boirionnaich a' bas-bhualadh, 's a' caoineadh, 's a' sgreadail, air an dòigh a b'eagalaiche; agus cha b'iad a' chlann òg bhochd bu lugha eagal. Bha nis na gunnachamóra a' losgadh shanas-teinn, an dòchas gu'm mothuicheadh an long eile dhoibh; agus chuir sinn air falbh còig maraichean ann am bàta g'a h-ionnsuidh, oir bha e cinuteach mur tigeadh i g'ar teasraiginn, gu'n cailleadh gach crèutair a bha air bord. Thòisich na lamhan an siu air mucan, agus gobhair, agus beathaichean eile bha 'm batamór na luinge a thilgeil thar bord. Bha'm bàta so làidir, tròm; agus cha b'ann gun spàирn a fhuair iad thar taobh an t-soithich i. Cha luaithe bha i thairis na lònadh i le cloinn agus a liuthad do na mnathan 's a thiochdadhl inuite, le ceithir maraichean g'an iomram chum na luing a bha san t-sealladh. Mhothuich sinn a nis le sòlas agus taingealachd, a thuigeas iadsan amhàin a bha 'na leithid so do chruaidh-chas, gu'n do thuig muinntir na luinge ar staid, agus gu'n robh iad a' greasad d'ar n-ionnsuidh leis gach luathas a bha 'nan comas, ged a bha iad fhathast, air a' chuid bu lugha, naoi mìle bhuainn; agus ged a bha i air an fhuaradh dhinn, bha aobhar-eagail nach snàmhadh an *India* gus an ruigeadh i sinn; oir bha iochdar an t-soithich a nis 'na aona mheall teine, agus na lasraichean a' bristeadh a mach troimh 'n dors, agus a' streip ris na croinn agus ris an acuinu le luathas uamhasach. Na bu lugha na uair an uaireadaidh o thoiseach an losgaidh, chaidh an crann-mór thar taobh-fasgaidh an t-soithich; agus thuit an dà chrann eile, ged nach deachaidh iad thairis. Bha nis cuid do'n sgioba agus do'n luchd-aisig, a b'urrainn snàmh, a' deanamh 'ionnsuidh na luinge coigrich; agus bha'n crann-spreòid cuirnichte le luchd-aisig, ag oidhirpeachadh an teas a sheachnad. Léum an sgiobair 's am mate thar an taobh gu snàmh, agus bha ao-dòchas anns gach gnùis; gidheadh, ge neònach r'a inns' e, chiteadh cuid a dhaoine bha, do réir coltais, gun smuairean gun ionaguin, gun nì a' cur dragh orra ach an teas!—ach am bitheantas, chite gu'n robh aire gach aon air an tèaruinteachd féin—athraichean, màthairean, agus clann, gach aon air leth ag iarraidh meadhon-tèarnaiddh dhoibh féin; agus chite mu'n àm so mòran a' grainachadh ri mirean fiodha a thuit no a thilgeadh thar bord. 'Nam measg so, chaidh crann a bha 'n caomhnadh aig an luing, a thilgeadh thar bord, agus ghramaich mu dhusan pearsa ris; ach, gu mi-fhortanach, o'n bha iad cha mhòr

uile air aon taoblì dhe, bha e daonnan a' tionndadh san uisge, agus bha iadsan a' tuiteam dheth; agus, a réir coltais, chailleadh iad so uile.

"Bha nis clàr-uachdair na luinge loisgte, agus bàtaichean na luinge-coigrich air ar ruigheachd. Bha na h-uile h-àite far am b'urrainn crèutair beò an teas fhulang làn do'n luchd-aisig, gu h-àraid na croinn a thuit tar-suing an t-soithich; agus 'nuair chunn-naic iad na bàtaichean aig taobh na luinge, leum gach aon mar a b'urrainn iad a stigh aunta. Air an dòigh so chuir iad aon do na bàtaichean thairis, agus bhàthadh leth-dusan fear. Ràinig am bàta fèin a nis iad; agus le cùram agus seòltachd dara-mate na luinge Breatunnaich, chaidh gach aon a bha'n crochadh rithe chur gu sàbhailte sa' bhàta."

'S ann do'n Flraiging a bhuineadh an long choigreach. Bha i 'dol gu iasgach nam inuca-mara sa' chnan mu dheas, agus bha pailteas bìdh aca. Bha i mu mheudachd an *India*, niu chóig ceud tunna; agus thaisbean iad gach caoïnhneas d'ar luchd-dùthicha mi-fhortanach a bha 'nan comas, ged a bha mòran diubh dearg-rùiste, 'chionn nach b'urrainn iad nì air bith a thèarnadh o'n teine. Bha air bòrd an *India* 214; dhiubh sin, chailleadh 18.

Thòisich an téine air an dòigh so:—Bha dara-mate na luinge agus aon do na balachain a' tarruing dibh-làidir á togsaid; agus a chionn gu'n robh a' choinneal a bl'aca tuille's goirid airson an lanntair, thug iad as i; agus thuit i eadar dà bhuideal, far an deach deoch a dhòrtadh, agus anu am prioba na sùl bha'n t-àite 'na lasair.

Thug an long Flirangach a stigh iad do chala *Rio Janeiro*, agus cha'n fhiosrach sinn dad tuille mu'n déibhinn air an àm; ach tha e soilleir, mur biodh am Freasdal air cur an t-soithich Fhrangaich 'nan carabh, gu'n caillteadh iad gu léir.

COINNEAMH OISIANACH.

Air Di-màirt, an 14th latha de'n mhios so chaidh, bha coinneamh mhór aig Gàeil Ghlaschu, ann an Tigh-Osd Earraghàel, a chnìn onoir a chur air Maighstir Iain agus Padruic Caimbeul, luchd-cur-a-mach "Cuairtear nan Gleann," airson an spiorad Gàelach. Chaidh am feasgar a chaitheamh cho sòlasach agus cho riaghailteach 's a dhùraichdeadh cridhe duine. Bha'n labhairt math, poncail, spreig-eil, làn do ghaol-dùcha agus chàirdean; agus ma bha eas-bhuidh ann, rinn an t-òran Gàelic agus a' chlàrsach Éirionnach suas e. Bha'n ceann-suidhe, agus fear-ionaid a' chinn-shuidhe, air an éideadh mar bu dual—le biodaig, 'us boineid, 'us breacan-an-'éile; agus cha bu chearbach a thainig e dhoibh. B'iad cuid de na deochannan-slàinte—"A' Bhan-righ"—"Sàr-Chomhairlichean a' Chrùin"—"Ar Càbhlach 's ar n-Armachd"—"Iain agus Padruic Caimbeul, na daoin'-uaisle dùchiasach, a ghabh orra fèin Cuairtear nan Gleann a chraobh-sgaoileadh airson math an luchd-dùch' air feadh an t-saoghlail"—"Fear-deasaich a' Chuairtear"—"Na Reisimeidean Gàelach"—"Ughdar Eachdrai' na Gàelic"—"Cailleagan na Gàeltachd"—agus mar sin sios. Bha'n labhairt 's gach nì ann an cànan nam beann. C'uin a chì sinn a leithid eile?

SGIORRADH MULADACH

AIR AN T-SLIGHE-IARUINN EADAR GLASCHU AGUS PAISLEIG.

Bha aon do luchd-frithealaidh na slighe, da'm bu dréuchd seasamh aig an *Tunnel*—'se sin, toll a chladhaich iad troimh theis-meadhoin cnuic, air ghaol an còmhnaid a ghleidheadh do na carbadan. B'e dleasnas an duine so sanas a thoirt do gach carbad a thigeadh dlùth dha, a dh'innseadh c'iù bhà no nach robh an t-slighe réidh.

Bha'n duine mi-fhortanach so 'na shuidhe a' gabhail a dhìnnearach air bruaich na slighe, agns a bhean 's a nighean 'nan suidhe r'a thaobh. Chual' e carbad a' teachd dlùth orra, agns leum e snas a chrosgadh na slighe, oir 's ann air an taobh eile bu chòir dha bhi. Ghabh a bhean eagal, agus rug i air sgiort a chòta g'a chumail air ais. Chuir so grabadh air, ach le 'uile neart thug e oidheirp air an taobh eile ruigheachd; ach, mo thruaighe! chaidh an carbad thairis air. Bristeadh a dhà shliasaïd 's a dhà ghàirdean, agus sgaradh a cheann o'n chorpa! Cha'n eil e coltach gu'n d'fhuiling esan mòran cràidh, achi bu truagh staid a mhathana's a nighin. Bha e 'na dhuine riaghailteach, béusach, agns fo dheagh chliù.

Tha luathas nan carbadan so anbharrach mealltach. Ged nach 'eil leud na slighe thar trì no ceithir do cheumannan, dh'fhénmadh neach a bhi, air a' chuid bu lugha, leth-cheud slat o'n charbad mum biodh e sàbhailte oidheirp a thoirt air crosgadh.

G L A S G O W :

PUBLISHED BY THE PROPRIETORS,

J. & P. CAMPBELL, BOOKSELLERS AND STATIONERS,
24, GLASSFORD STREET.

Edinburgh : M'Lachlan, Stewart, & Co.; Aberdeen : George King; Dingwall : A. Keith; Dornoch : Wm. Munro; Thurso : Mrs Russell; Inverness : J. Bain, & Co.; Dundee : Wm. Middleton; Oban : J. Miller; Paisley : A. Gardner; Greenock : A. M'Iver; Grantown : A. Cumming; Abernethy : D. Gordon; Dunkeld : D. M'Donald; Portree : A. M'Donald; Balachulish : J. M'Innis; Lochgilphead : N. Gillies; Fortwilliam : Lachlan Cameron, writer; Laggan : J. M'Pherson; Port Ellen, Islay : D. Hunter; Portnahaven : Norman M'Lean; Kilchoman : Angus M'Leod; Strontian : D. Cameron; Tiroran, Mull : John M'Donald; Cawdor, Nairn : J. Robertson; Ballendalloch : James Grant; Pitlochry : D. Robertson, Fortingall : D. Campbell; Weem : J. Menzies; Alness : D. M'Diarmid; Doune : D. M'Diarmid; Laggan : J. M'Pherson; Barra : A. M'Donald, Esq; Ormsary : G. Ross; Tayinloan : A. Sutherland; Glencarradale : J. M'Dougall; South Uist : A. Chisholm; Tullymet : C. Morris; Callander : P. M'Kinlay; Balquhidder : J. Carlton; Dunvegan : D. M'Donald; Carbost : A. Cameron; Glendaruel : D. M'Lean; Fort-Augustus : J. Forbes; Stratherrick : J. Frazer; Kilmorack : J. Rose; Easdale : D. M'Intyre; Nova Scotia : Rev. R. Williamson, Pictou; General Agent for North America, John M'Neil, Esq. Charlottetown, Prince Edward's Island.



AN LA A CHI'S NACH FHAIC.

CUAIRTEAR NAN GLEANN.

CEUD MHIOS A' GHEAMHRAIDH.

AN 21 AIREAMH.] NOVEMBER 1, 1841. [PRÌS 6 SGILLEAN.

CONTENTS :—The Prophet flying from God, page 239.—Sir Lachlan M'Lean of Duart, part III., 243.—The Powerful Parson, 246.—Laws of Nature, 250.—Halloween, Letter and Song on do., 252, 253, 255.—Be of good courage weary Pilgrim, 258.—What sort of Home have you? 259.—Listen a While, 260.—The Child's Dream, 260.—The Fairy, 263.—Recollections of a Pious Man, 265.—Anecdotes, 266 and 268.—New Gaelic Publication, 266.—News, 267.

AN DUINE DH'FHUCH TEICHEADH O DHIA.

SGEUL AIR SON ÒIGRIDH NA GÀELTACHD.

Chunnacas long mhór ann an cala farsuing dlùth do thìr, agus deas gu cur mu sgaoil, oir bha a luchd a nis innse, agus an sgioba uile air bord. 'Bha 'ghaoth air atharrachadh, agus bha i nis a' séideadh mar bu mhiann le sgiobair na luinge. Dhuisg caitean dubh soirbhis a mach o'n chladach, bha na tonnan beaga 'togail an cinn, ghlaodhadh gach fear g'a àite féin, agus thòisich an long ri enr fa sgaoil—bha ùpraid 'us deifir 'us gleadhraich 'nam measg. Chluinnte' fonn na trómpaid o'n sgiobair mar bha e nis a' brosnuchadh nan lamhan gu tapaich agus graide—chìte' na seòladair-ean a snas 'sa sìos o mhullach nan crann, a mach 's a stigh air na slatan-siùil—a h-uile fear mar gum biodh e 'fenechaion a' chnid a b' fhèarr fhaotainn do'n fhear eile. Bha na siùil gheala nis a sgaoileadh a mach, ag at leis a' ghaoith—bha 'n greimiche mór a stigh thar a' bheul-mhór—bha 'gheola air a togail a stigl, agus air a socruachadh air clar-uachdair an t-soitlich. Bha an long a nis a' tarruing air falbh, na siùil uile a' lionadh, 'nuair a chunnacas duine 'na ruith 's na dheann-ruith dh' ionnsuidh a' chladaich.

VOL. II., No. XXI.

K



stigh do gheola bhig a bha aig lamraig—"Cniribh air bord na luinge móir nd mi," ars' esan, "agus dìolaidh mi ur saothair gu fialaidh." Am prioba na sùl bha e ri clithach na luinge—leum e sinas gu sgiobalta calamh. "Tha mi 'g iarraidh mo thrus-cuain a ghabhail maille ribh," ars' esan ris an sgiobair, "'s na biodh cùram ort nach pàigh mi na chuireas tu mu in' choinneamh." Shocnicheadh a' chùis anu an tòine ghoirid—phill a' gheola bheag gu tìr, agus ghabh an lòng mhór an cuau f'a ceann. Shuidh an coigreach so ann an deireadh na luinge, gun fhacall á 'cheann, a' beachdachadh air ua tighean 's air beanntan na dùthcha, a nis a' fas ni's lugha 's ni's lugha, gus mu dheireadh na chaill e iad sa' cheò. Bha an tòraidh fhathast a' dol air aghart san Inning, a' socradhach gach nì 'na àite féin. Cha do ghabh iad anabharra snim do'n choigreach so thainig 'nam measg. Bha deise fhada do dh-flionnadh Chàmhla air—cha robh e coslach ri marsanta, na seòladair na saighdear. Cha robh e coltach ri bhi 'na dhnine mòr no saoibhir; ach bha nì-eigin comhairraichte mu 'thimchioll—cha robh e coltach ri daoin'eile—cha b' urrainn do neach gun mhothuchadh dha le h-iongatas. Bha e stòlda, suidhichte, socrach, somulta 'na ghlùlan, agus is ionadh clais dhomhain dhorcha bha 'na ghruaiddh:—agus bha mòran do chùram, iomaguin, agus càileiginn do mhnlad 'na shùil luainich; chluinnteadh osna throm an dràsd's a rithist—chíte' dénr a' tuiteam o 'shùil air clàr na Inning, bha a cheum goirid cabhagach. 'S gann a labhair e facall, agus is tric a bheachdaicheadh e air na spéirrabh àrda, 's air na neòil, mar gum biodh e 'faicinn nithe, nach bu léur do neach eile. 'Nuair a labhradh neach air bith dlùth dha, chlisgeadh e gu mòr; ach cha do ghabh an sgiobair no na seòladairean móran umhail de; bha h-uile fear 'na àite féin, agus b' esan amhàin an t-aon duine diomhanach a bha san luiug. Air uairibh, mar a ghabhadh e seachad air na seòladairean, dh' amhaireeadh iad air le seòrsa do sgàthi, agus chluinnteadh iad a' farcluas r'a chéile mar gum biodh amharus agus teaganh aca mu 'dhiéibhinn.

Fad a' chend latha bha'n soirbheas 'nan déigh, an long a' sinbhal air a h-aghart gu sùrdail—bha sgairt mhaith ghaoithe ann, ach cha robh barrachd na bu mhiann leo—bha gach aon toilichte, agus na h-uile fear 'na àite féin 's a' dol mu'n euairt gach gnothuich a dh' earbadh ris. Bha 'n sgiobair air ais 's air aghaidh, e féin agus marsanta bha air bòrd, a' seauchas is dòcha mn'n bhathar a bha san luing—mn chrnneachd, mu òr 's mu airgiod, mu shioda, 's gach seòrsa eile bathair a bha aca; agus air uairibh a' labhairt mu'n choigreach a thainig orra mar bha iad a' dol fo sgaoil. "Phàigh e 'fharadh" arsa 'n sgiobair, "'s gidheadh cha 'n eil e coltach ri marsanta—tha nì-eigin a' cur air, 's ganu a tha e 'g ithe na chumas an deò ann; agus air son cadail, tha na seòladairean ag ràdh riach do chaidil e lochd an raoir féin, agus mar dhnine bhiodh air bhreathas le nì-eigin a bha 'ga bluaireadh, agus a' dùsgadh cùram agus eagail 'na anam." Mar so bha iad a' seauchas—bha a' ghaoth a' séideadh, bha 'n long a' siubhal air a h-aghart 's gach aon do'n

sgioba fo dheagh mhisnich. Ach air feasgar a' cheathramh latha mar bha a' ghrian a' dol fodha, chunnacas̄ erios do neòil dhubha dhorcha a' cuartachadh nan speur—bha 'n erios so ag éiridh 's ag éiridh—bha na neòil a' fàs dnaichni eagalach—bha 'ghrian air dol fodha, agus bha'n oidhche dorcha. “ Bidh oidhche shalach againn,” arsa 'n sgiobair. Chluinnte, nis fead na gaoithe measg na h-acfhuinn —thòisich an euan ri rànuich àrd, chualas an glaodh. “ Gach fear 'na àite féin; aotromaichibh air an luing, a stigh na siuil àrd—islichibh an seòl-meadhoin—fhir na stiùrach bi furachail!” —agus mar a thubhairt b' fhior. Shéid a' ghaoth gu h-eagalach—dh' at an euan 'na bheanntabh 's 'na gheannabh—b'i oidhch' an eagail i—doinionn choimheach. Bha an long a nis air a luasgadh gu h-eagalach, air a sgiùrsadh roi 'n stoirm mar ite roimh oiteig shoirbheis. Mu dheireadh thainig glasadh an latha, ach cha d' thainig sìneadh air an stoirm; 'an àite sin 's ann a shéid e na b' eagalaiche's na bu chruaidhe na rinn e fhathasd—bha na spéuran dubhach làn do dh' oglachd—tharruing an euan a blirat dù-ghlas air gu h-uile. Bha an long air a luasgadh gn mór leis an stoirm—chuir i oitean mar gu'm biodh i 'n impis sgàineadh—thug an sgiobair òrdugh a luchd a thilgeadh thar bòrd, gach bathar daorpriseil a bha innse thilgeadh sa' chuan, a dh' aotromachadh air an luing—“ 'Is fèarr a chall gu h-uile,” ars' esan, “ na gu'n rachamaid gach mac màtar againn fodha 's gu'n caillteadh sinn.” Thug iad a nis a nìos an cruineachd a b' àille o thir Iudea, agus an t-aodach bu daoire 's bu riomhaicie o *Thyre*; agus thilg iad so agus mòran sioda agus auairt mhìn a mach air a' chuan. Bha na nithe so car tamuill a' snàmh air uachdar nan tonn, 'nan culaidh-flochaid aig an stoirm. Thogadh iad, thilgeadh iad, sgiùrsadh mu'n cuairt iad, agus an sin shluig an fhairge suas iad 's chaidh iad as an t-sealladh. Ach ged thilgeadh so nile mach air cliathach na luinge, cha do shin air an stoirm 's bha'n soitheach air a sniomh 's air a luasgadh mar a bha i roimhe, agus cha robh ach fàth-eagail gu'n rachadh i as a chéile h-uile mionaid.

Nis bu Chinnich an sgiobair agus na sedladairean agus bha iad aineolach air an Dia bheò—bha iomadh dia-bréige 'nam beachd, agus thòisich gach fear ri urnuigh d'a dhia féin. “ C' àit” arsa fear do na seòladairean, “ a' bheil an coigreach air an robh an t-aodach molach?—c'arson nach 'eil esan ag urnuigh maille ruin?” Chaidh iad air a thòir, agus fhuair iad e gu h-iosal 'na sbuain—chaidil e ré na h-oidhche ged robh an stoirm co eagalach—'s cha do chaidil neach eile sau luing ach è.

Dhùisg iad e. “ Ciod is ciall duit?” arsa maighstir na luinge, “ ciod is ciall dnit O! thusa tha 'nad chadal? éirich agus gairm air do Dhia.” Chlisg an duine truagh—dh' ainhire e mu 'thimechioll bha nis iarguin mhór 'na aodann; an sin ghairm iad uile gach aon air a Dhia féin, ach chunnacas̄ an coigreach ag ùrnuigh leis féin. Cha chuala neach an ùrnuigh a thog e, ach bha coltas air a bhi anabbharrach dùrachdach—ach cha do chìosnaich an stoirm—'s ann a shéid i na bu mhiosa 's na bu mbiosa.

Chualas an sin guth maighstir na luinge, "Thigibh agus tilgeamaid croinn chum gu'n aithnichteannaid c' arson a tha'n t-olc so a' teachlid oirnn." Mar so thilgeadh croinn agus thuit an crannchur air a' choigreach. Faic e an sud air a dhà ghlùn, a lamhan paisgte, a shùilean ri nèamh, 's e air bhall-chlirth, eagal agus oillt agus uamhunn 'na anam. Tha e mar gum biodh e a' léirsinn nithe dorcha eagalach nach fac'a h-aon ach e féin. Thuit an cranchur air. Thubhaint iad an sin ris, "Innis duinn, guidheamaid ort, có thu—ciod do dhrenchd—cia as a thàinig thu—ciod is dùthaich dhuit—no có na daoine d' am bheil thu?"

O! b' iongatach i'r a fhaicinn a nis an duine so, oir esan air an robh eagal co mòr, mar neach fo oillt agus uamhas—feuch! tha e nis ciùin, sàmhach, mar gum biodh gach eagal an déigh 'fhàgail. "Is Eabhruidheach mise," ars' esan, "agus tha eagal an Tighearna, Dia nèimh orm, an Tì a rinn an cuan's an talamh tioram." An sin dh' innis e dhoibh gach ni mar a thaclair, gu'n do dhiùlt e dleanamh mar dh' àithneadhr dha, mar theich e á tir Iudea, a' smuainteachadh gu h-amaideach gum b' urrainn da teicheadh o Dhia le dol a mach air turus-cuain air luing; ach thuig e nis nach robh c'na chomas teicheadh o Dhia, gu'n robh sùil an Tighearn air anns gach àite, an latha na feidh 's an àm na doininn, 'nuair a dh' eirich a' ghrian dearg sa mheduinn, 'nuair bha i an àirde nan spéur sa' mheadhon-là, agus ann an dubh-dhorchadas a' mheadhon oidhche bha Dia dlùth dha—cha b' urrainn da teicheadh naithe; agus a nis o'n chuir e an stoirm so 'nan déigh thuig e air ball gum bu teachdair e o Dhia, agus teachdair 'fheirg.

An sin bheachdaich na seòladairean air le h-eagal agus sgàth. "C' arson a rinn thu so?" ars' iadsan "ciod a ni sinn riut chum gum bi an fhairge ciuin?" oir bha onfha na fairge a' fàs na bu mhò 's na bu mhò.

An sin labhair e le guthi socrnach, suidhichte gun eagal gnn chùram. "Togaibh a snas mi," ars' esan, "tilgibh a mach mi air an fhairge, mar sin bitheidh an fhairge ciùin dhuibhse, oir tha fios agam gur h-ann air mo shon-sa thainig an doinionn mhòr so oirbh—mar gu'n canadh esan air mo dhléigh-sa thàinig an stoirm—'s mise bha 'dhith air an doininn—air mo shon-sa tha so uile."

Smuaintich na seòladairean nach robh comas a nis aca air, ach a thilgeadh a mach. Rinu iad ùrnuigh ri Dia. "Guidheamaid ort a Thighearn" ars' iadsan, "na leig dhuinne bàsachadh airson cionta an duine so, agus na leig dhuinn ful neò-chiontach a dhòrtadh, oir rinn thusa, 'Thighearna mar a b' àill leat féin."

An sin, ghlac iad e; agus b'iongantach an ni beachdachadh air-san a bha, am feadh 's a bha e 'teicheadh o Dhia, làn eagail agus uamhais, a nis co ciùin, shàuliach, shuidhichte, gun sgàth gun eagal air bith, ged bha iad 'ga thogail, agus a' bràthi a thilgeil sa' clman mhòr! Cha robh eagal air a nis, oir bha comas agus cead aige amhare suas ri Dia.

Mar so thilg iad sa' chuan e, agus dlùin an fhairge mu 'thim-chioll, agus cha'n fhac iad an ath shealladh dhe. Sguir an fhairge

bho 'boile, bha fè nan ian ann, shìn air an stoirm, agus bha'n cuan mór mar mhìr réidh gloine; agus chaidh an long air a h-aghart gu réidh siùblach.

Ach dh'uidheamaich Dia iasg mór a' snàmh fo na h-nisgeachan; agus 'nnair chaidh am fàidh fodha, shluig an t-iasg mór e. Bha am fàidh an sin beò am broinn an éisg; agus chaidh iad sìos gu doimhneachd na fairge, a' snàmh air falbh gun suim do stoirm na do dhoininn.

An sin ghuidh am faigh air Dia. O! b'e sin an guidhe iongatach—ùrnuigh o bhliòinn an éisg, o dhoimhneachd agus o iochdar a' chuain, ag éiridh ionnsuidh an Dé bheò! Agus dhùrich an ùrnuigh: c'uin a thairgeadh ùrnuigh riabh do Dhia, 's nach cuala Dia i?

Dh'amhaire Dia le tròcair air an fhàidh; chual' e a ghearan. Shnàmh an t-iasg mór gu tir, agus chàirich e fàidh an Tighearna gu tèaruint' air an tràigh, gun lochd gun bheud! Có's urrainn a smuainteachadh na dh'fhairich agus a mhothuich am fàidh 'nuair a fhuair se e fèin aon uair eile tèaruint' air tir-mór—a bheachdaich e air a' ghréin a' soillseachadh os a cheann—a chunnaic e gach craobh, gach beinn 's gach sliabh, agus creagan agus tighean—an saoghal mór a rìs fa chomhair a shùl! Nach robh e mar neach a phill air ais o thir an dorchadais, agus o rioghachd a' bhàis? Nach d'ionnsuich e aon leasan math?—'se sin, nach 'eil e comasach teicheadh o Dhia, no nì air bith a chleith o 'ghnùis—nach 'eil àite air tir na air chuan san t-saoghal so, na san t-saoghal eile, anns nach 'eil Dia.

Cia 'n t-àit air bith am faod mi dol
O d' Spiorad ghlic, a Dhē?
O d' ghnùis tha uile-léirsinneach,
Cia 'n taobh a thcicheas mi?

Air bharrabh sgiath na maidne fòs,
Nan siùblainn sad' o làimh,
Gu h-iomallabh na fairge móir,
Chum còmhnuidh agus tàimh;

Stiùraidh tu mi an sin, a Dhé,
Le d' làimh tha tréun an neart;
A's nithcar leat mo chumail fòs,
Le d' dheas-làimh mhòir gu beachd.

LACHUNN MÓR DHUBHAIRT.

EARRANN III.

Chia b'fada sheas an t-sìth a rinneadh eadar Lachunn Mór agus mac a pheather, MacDhòmhnuill Ille, Sir Seumas òg.

Thainig am flath òg so a stigh air an oighreachd an àite 'athar, agus bha fadal air brathair-a mhàthar, Lachunn Mór, a choinneachadh, agus aicheamhail a thoirt a mach airson gach losgaidh agus millidh a rinn e air a dhùthaich 's air a dhaoine. Fhuair Sir Lachunn eòir o'n

Rìgh air cui'd do dh-Eilean Ille, agus 'cha robh e am beachd Shir Seumas cur 'na aghaidh so; ach cha do chòrd iad mu na criochabh. Chùm Sir Lachunn a mach gum buineadh Port-Asgaig dhàsan, ach so àite ris nach dealaicheadh am fear eile 's e beò. Chaidh Lachunn Mór do dh-Ile chum so a shocruchadh, agus faodar an so ni aithris a thachair dha mun d'fhàg e Muile. Bu Phàpanaich teaghlaich Dhubhairt gus an d'thàinig Lachunn Mór a mach as an eaglais sin, agus an d'rinn e aidmheil sa' chreidimh Ath-leasaichte. Bha e 'na chleachdadhl roimhe so le-san, agus leis na daoine bho'n d'thàinig e, 'nuair bhiodh iad a' dol a mach gu cogadh no gu creach, coiseachd tìù uairean, deiseal, ceithir-thimchioll eilein bhig a bha 'n Loch-Speilbh, a' guidhe soirbheachaidh agus fortain air an turus. Air an àm so, cha b'e amhàin gu'n d'iinn Lachunn Mór dearmad air a' chleachdadhl ghnàthaichte so, ag amharc air mar shaobh-chràbhadh amaideach, ach chaidh e féin, agus thug e air a dhaoine a leantuinn, trì uairean ceithir-thimchioll an eilein o thuath gu deas, a' deanamh fochaid air an t-seana chleachdadhl. Chuir so corrui'ch agus duilgh-eadas mór air a chuid daoine, agus chaill iad am misneach. Dh'fhalbh e do dh-Ile le cabhlach mór, 's cha do phill e gu bràth air ais. Thainig droch shìl, agus b'éiginn da tarruing air falbh do Loch-Gruineaird, agus fasgadh ghabhail dlùth do'u eilein Shocruicheadh latha àraid anns an robh e féin agus mac a bhràthar ri coinneachadh, agus gach cùis a cheartachadh.

Chaidh Sir Lachunn air tir le dà cheud agus tri-fichead fear, a choinneachadh Shir Seumas. Dh'fhàg e a' chuid eile d'a dhaoine sna bìrlinnibh aig an eilein, fo Eachunn òg, a mhac bu shine. Chaidh am mac a b'òige, Lachunn, air tir le 'athair. Thainig Sir Seumas 'na chòmhail leis an àireamh cheudna do luchd-leanmuinn; ach dh'fhàg e buidheann mhór dhaoine cùl enuic, gu bhi dlùth, an earalas. gum biodh féum orra.

Mhòthuich muinnitir Ille gu'n robh luingis Shir Lachuinn air tràghadh an Loch-Gruineaird, ann an làthaich far nach robh e comasach do neart dhaoine an carachadh; agus mar so, bha a' chuid bu mhò do cheatharnaichi Lachuinn ann an eilean, gun chomas tir-mór a thoirt orra a chuideachadh leis. Fhuair Sir Seumas brath gur h-ann mar so a bha 'chùis. Rinneadh fead, agus gu grad thainig iadsan a bha air an cleith cùl na beinne air an aghaidh. Thug Lachunn Mór mar a bha 'chùis—thug e foill Shir Seumas; agus ged nach robh leis-san ach trì-fichead-deug fear, agus ochd ceud air an taobh eile, chuir e roimhe nach strìocadh e. Labhair e r'a dhaoine—tharruing e a chlaidhe-mòr, claidheamh a' chinn-iaruinn—thog e suas e 'na għlaic chumhachdaich. “Co air bith,” ars' esan, “a chì a' ghrian ud shuas a' dol fodha an nochd, bidh e 'na chomas a ràdh gu'n d'rinn an stàilinn so a dleasdannas!” Bha Clann-Dòmhnuill gu h-àrd air uchdaich os an ceann. “Leanaibh mise, fhearaibh!” ars' esan; “thugamaid urram mar is còir do mhac mo bhràthar 'na ionad àrd.” Ann an uine għo irid, bha'n dà fheachid am badabhb a chéile. Thuit mòran sa' cheud ionnsuidh, agus thugadh pilleadh air Cloinn-Dòmhnuill; ach coma, phill iad a rithist agus a rithist, ach cha robh e 'nan comas

Clann-'Illeathain a chumail o mhullach a' chnuic a ruigheachd. 'Nuair chuonnaic Sir Seumas nach b'urrainn da Lachunn Mór no a dhaoine 'chasg, leig e air gu'n robh e' teicheadh—thàr e as gu cnoc eile, an dòchas gu'n leanadh muinntir Mhuil'e; oir bha buidheann eile do mhuinntir Chinutire aig MacDhòmhnuill am falach, 's bu mhiann leis Lachunn Mór a blriagadh air aghart far an robh iad. Ach cha robh an seann laoch co socharach, no co furasda mhealladh. Chruinnich e a dhaoine mu 'thimchioll air mullach an àit a choisinn iad le'n claidhean, agus chuir e roimhe fuireach an sin gus am pilleadh air an t-sruth, agus gum faigheadh Eachunn òg 's a' chnid eile d'a dhaoine gu tir, gu cnideachadh leis. 'Nuair thuig Sir Seumas nach robh e 'na chomas bràthair-athar a mhealladh, agus eagal a chridhe air gum faigheadh a' chuid eile d'a dhaoine gu tir, ghrad phill e le naoi ceud fear, gus Clann-'Illeathain a chur gu bàs, no a thoil féin fhaotainn uapa.

Sheas Sir Lachunn air mullach a' chnuic, air ceann a dhaoine, gus an d'thainig Sir Seumas òg mar cheud slat do'n àite 'n robh e. "Leigibh á so mi, flearabh," ars' esan; "Islichidh mi it an flìrein òig ud, air neo tuitidh mi san oidhrip!" Léum e sios an còmhidaile Shir Seumas, agus a dhaoine 'na dhéigh. Dh'fhosguil e slighe dha féin le 'chlaidheimh. Thuit gach aon a thainig 'na rathad, gus an robh e mar fhad a' chlaidheimh do Shir Seumas. Stad e—bheachd-aich e air le sealladh colgarra, gidheadh le bàigh—"A Shéumais, a Shéumais, a mhic mo pheathar, fàg mo rathad!"

Air a' cheart mhionaid so, thainig urchair o làimh leibidich a bha 'm measg Cloinn-Dòmhnuill; bhual am peileir Lachunn Mór san uehd, agus thuit an laoch!

Chuir so boile cloimheach air Cloinn-'Illeathainn—chruinnich iad mu thimchioll corp Shir Lachuinn. Ghabh muinntir Shir Seumas misneach; ach ged bha triùir mar aon an aghaidh Chloinn-'Leathain, cha do strìoc iad. Air an àm so, thainig buidheann ùr a mhuinntir Arainn, a sheas le Cloinn-Dòmhnuill; ach ged a thàinig, sheas Clann-'Leathain fhad's a bha duine comasach air seasamh air bonn a choise. Mu dheireadh, 's gann a dh'fhàgadh duine beò dhiubh. Thuit air blàr Ghruineard dà-flichead-déug 's a deich dhiubh. Cha d'fluair ach fishead beò as a' chòmhrag! agus bha dà-fhear-dhéug dhiubh so a dh'fhalbh le Eachunn òg, g'a dhìon, 'ionnsuidh a' clàdach, mun do thuit 'athair. Bha sealladh acasan a bha air an Eilean Naomh air na bha 'dol air aghaidh, ach cha robh e 'nan comas tir-mór a ruigheachd chum cuideachadh le'n càirdean; agus bu chruadalach an sealladh so do na laoich glasda bha air a' chuthach le aimheal nach b'urrainn iad a bhi 'n sàs 'nan nàimhdean foilleil. 'Nuair phill an seol-mara, thog iad na siùil, shìn iad na ràimh, agus le cridheacha briste, cumhadh agus bròn, thug iad Dubhairt orra, far an cualas gaoir nam ban-Muileach; 's cha b'iongatach è.

Thuit mòran do Chloinn-Dòmhnuill, agus bha Sir Seumas air a leòn co goirt 's nach robh dùil gu'n tigeadh e bhuaithie.

Thainig boirionnach bochd a Chloinn-'Leathain, agus thug i leatha corp Lachuinn Mhòir air slaod gu eaglais Chillechomain, far na

thiòdhlaic i e. Le gluasad a' charbaid air an robh an corp, thainig atharrachadh mór air 'aogus; agus thòisich mac na mnatha so ri fochaid air, agus ri gàiricich. Bu Dòmlinullach an gille, achi chuir so uiread chorruich air a mhàthair's gu'n d'thug i ionnsuidh air a mac féin le bionaig; agus leòn i e, airson a bhi 'magadh air a ceann-ciunidh.

Beagan bliadlnaichean 'na dhéigh so, thog Eachunn òg armaiti mlior, agus dli'éirich mòran do na fineachan Gàidhealach leis, gu aicheamhail a ghabhail air MacDhòmhnuill airson bàs Lachuinn Mbóir. 'Nam measg so bha MacIomhnuinn an t-Sratha, MacLeod Dhunbleagain, MacNèill Bharra; agus le feachd làidir thug iad Ìle orra.

Rinn Sir Seumas uidheamachadh freagarrach air an son. Choinnich iad, agus chuireadh an cath. Bhuadhaich Clann-'Leathain 's an càirdean; leònadh Sir Seumas—is gann a bha'n deò ann, achi ghiùlain iad air falbh e. Chuireadh an ruraig orra gu buileach. Thug a' chuid bu mhò do Chloinn-Dòmlinuill Ceanntire orra, a' giùlan leò an ceannaird truagh, bu ghann a bha beò. B'e so àm na bochduinn do dh-Eilean Ìle. Fad thrì làithean, cha robh ach murt, a's àr, a's losgadh, a's creach. Cha d'fhàgadh tigh 'na sheasamh. Cha do chaomhnadh duine na bean, na'n leanabh air a' chìch, achi còrr aon a theichil do dh-uamhan agus àiteachan uaigneach air feadh nam beann. Cha do stad Clann-'Leathain gus nach robh deur tuille fala r'a dhòrtadh, na bothan eile r'a losgadh!

B'e so am blàr mu dheireadh eadar an dù chiuneadh so, 's am blàr a b'fhluitiche chuireadh led. O'n àm so cha robh, 's cha bhì, blàr eatorra. Cha'n eil nàimhdeas na fuath eatorra; agus, taing do'n Flreasdal chaomh, tha laghannan math a nis air feadh na rioghachd, agus sìth agus réit eadar luchd-àiteachaidh na Gàidhealtachd.

'S ann 'na dhéigh so a thug an Righ o MhacDhòmlnuill 'oighreachd mhòr an Ìle 's an Ceanntire. Thugadh Ìle do dh-Iain Caimbeul, triath Chalder, agus Ceanntire do theaghlaich Earraghàidheal. Chaill Clann-Dòmhnuill an cumhachd agus am fearann le chéile. Tha'm fearann a bliaca air an àm sin an diugh a' tarruing barrachd agus trifhead mile punnd Sasunnach sa' bhliadhna.

Chaidh Lachunn Mór a mharbhadh sa' bhliadhna 1598.

AM MINISTEIR LÀIDIR.

Bha'n t-Urramach Maighstir Seumas Robastan, inu 'bheil sinn air an àm gu eachdruidh ghèarr a thoirt do luchd-leughaidh a' Chuairteir, a mliuintir Athull, agus 'na mlinisteir an t-soisgeil ann an Sgìreachd Lochbhraoiu, ann an Siòrramachd Rois, ceann-tuath na h-Alba. Bha'n duine nasal, measail, urramaichte so, 'na dhuine calma, lùthimhor, làidir—anns na h-uile doigh ro fhreagarrach do'n linn 's do'n ghinealach san robh e, agus do staid agus chleachdaiunean luchd-àiteachaidh na sgìreachd san robh e air a shuidheachadh. Bha e 'na shearmonaiche ro-ainmeil, chumhachd-

ach, shoisgeulach, agus shaothraich e ré a bheatha le èud a's dìls-achd am measg a luchd-sgìreachd; agus is minic a b'fheudar dha ua peacannan bu shialaiche's bu sgreamhaile do'n robh iad ciontach fhirosrachadh le cuithrom a's neart a ghàirdein thréin, co maith is leis na h-airm-chogaidh spioradail a chuir an Ti'se ceannard na slainte 'na làinn chum gleachd ri uachdaranaachdaibh, ri cùmlachd-aibh, ri riaghlaireibh dorchadais an t-saoghal so, ri aingidheachd spioradail aon an ionadaibh àrda. Goirid an deigh do Mhaighstir Robastan a bhi air a shuidheachadh san sgìreachd a chaidh cheana ainmeachadh, agus air da a dhol a dh'fhirosrachadh aon de bhràithirean a bha sa' choimhearsnachd, bha e làthair san eagluis 'nnair a fluair am ministeir am frith-ainm sin a lean ris fhad's bu bheò e. 'Se bh'ann san eaglais so fior shean aitreibh, cosmlmil ris na tighean-aoraidh a dh'fheudt' fhaicinn air feadhl na Gàidhealtachd's na llunetean a dh'fhalbh. Bha mullach na h-aitreibh so air a chomhlichadh le leacan mòra leathann, an àite sgliata; agus air latha na Sàbaid, mar a bha'n co'thional air crinneachadh, agus am ministeir air dol an ceann seirbhis fhollaiseach an là naoiñli, thuit mullach an ionaid-aoraidh sios gu h-obann, a' tilgeadh a mach nam ballachan le mór-neart. Air do Mhaighstir Robastan a bhi ann an oisinn do'n tigh, far nach d'fhniling e dochunn no ciurradh sam bith, léum e air bàll a dh'ionnsnidh dorus-mór na h-eaglais; agus air dà an t-àrd-dorus fhaicium ullamh gu tuiteam air an dòmlhlachd sluaigh a bha stigh, chuir e 'ghnalann fo'n dàrna ceann di, agus sheas e an sin gnn glilnasad gus an do theich cho liutha do'n t-sluagh is a bha coinsach air gluasad. Chaidh e an sin a theas-airginn ministeir na sgìreachd, a bhràthair gràidh, a bha ionann agus air a mhùchadh fnidh mhullach na crannaig a bha air triteam air, a bhàrr air na leacan a bli'air mullach an tighe. Air lorg an éuchd chliùitich iomraidich so, ghoirte dhe mar fhrith-ainm riamh an déigh sin, "Am Ministeir Làidir."

'Nuair a bhris a' cheannairceas a mach an Albninn sa' bhliadhna 1745, dh'fhirosraich e le mór-dhuilichinn gu robh uachdarain a's maithean na dùthcha air taobh a' Phrionnsa òig; agus air lorg so, a dh'aindeoin gach comhairle's earail chaoimhneil dhùrachdach a thng e o àm gu h-àm do luchd-àiteachaidh a sgìreachd, bha earrann mhór diubh air éirigh leth nan uachdaran. Gidheadh, cha b'urrainn doibh a dhìlseachd's a rioghalachd fhéin atharrachadh; le 'chomhairle's le cheannas am measg luchd-dùthcha a chridhe's a ghaoil, chùm e iomadh dhiubh air an ais o'n rioghalachd's an ùmlachd do'n chaithir a thilgeadh dhiùbh gu h-ionlan.

Goirid an' deigh do blìar Chuilfhodair, chaidh e dh'amliarc Diùc Chumberland, a bha sa' cheart àm an Inbhirnis. Ghabh an Diùc ris gu ro-chàirdeil chaoimhneil, agus thug e mór-thaing dha airson 'end's a dhìlseachd do'n Righ; agus dh'orduich e dusan ball-airm a bhi air an toirt dà, gu bhi air am buileachadh air a' mhuinntir a mheasadh esan airidh orra.

Ach ciod sam bith an carbsa no a' mhuinglin a bha air a chur

san duine ainmeil urramach so, no fàbhar a dh'fheadadh e iarraidh air lorg a sheirbhis d'a Rìgh 's da dhùthaich, ghnàthaich e iad so uile, cha'n ann airson ardachadh a's mórachadh a theaghlach, achi airson maith a's leas a luchd-sgìreachd aineolach, ged bu tric a dhearbh iad iad féin reasgach, rag-mhuinealach, a's mi-ghnèitheil. 'Nuair a thòisich denchainn nan daoine truagh sin a ghlacadh mar phriosanaich sa' bhliadhna 1746, chaidh Maiglistir Robastan suas gn Lunnuinn, astar sheachd ceud mìle, air a chosdas féin, chum cùis an t-sluaigh a sheasamh 's a thagradh. Ràinig e baile-mór Lunnuinn mar bha cùis Eachainn Mhic-Choinnich fuidh dheuchuinn — fear-leanmuinn Iarla Chrombaidh, agus duine ro mheasail urramaichte; ach bu mhór a dhuilichinn fadheòidh, a dh'aindeoin mèud a chumhachd a's 'ùghdarrais am measg mór-fheara na rioghachd, agus an deigh gach oidheirp a thug e chum Mac-Choinnich, 'fhear-dùthicha ioninhuinn, a bhi air a leigeil fo sgaoil, 'nuair bha e air a dhiteadh gu peanas deireannach an lagha fhulang. Ach ged bha binn a' bhàis air a toirt a mach an aghaidh Mhic-Choinnich, cha robh am Ministeir Làidir gu cùis a charaid a thoirt thairis fathast. Chaidh e gunn dàil a dh'ionnsuidh Diùc a' Chaisteil-Nuadh, agus dh'asluich e gn dùrachdach dheth-san gn'n tagradh e cùis Mhic-Choinnich an làthair an Rìgh, naislean, a's àrd-fhlaithean na rioghachd. Ghabh an Diùc ris gn snilbhearr uasal, agus thug e dhà san dealachadh gealladh cìnuteach gn'm biodh a charaid air a leigeil fo sgaoil. Goirid an déigh dha dealachadh ris an Diùc, bha e air a chur fo mhór-iomaguinn o shanus a fhuair e o chnid de chàirdean, nach robh móran earbsa ri chur anns na h-uile gealladh a dh'fheadadh an Diùc a thoirt; agus dh'oidhriùich e aon nair fhathasd air faotuinn a stigh an làthair a' mhór-flir, far an d'asluich e ritist le barrachd do liosdachd gun dearmad a dheanamh air cùis a charaid; agus air a so dh'ath-nuadhaich an Diùc a ghealladh. le 'làimh a thairgse dha mar dhearbhadh air firinn a gheallaich, Ghreinich am ministeir air a làimh 'na dhòrn cumhachdach féin, agus thug e a leithid a dh'fhàsgadh oirre, a's gu'n ghlaodh e mach fo mhór-phéin, — "Gn dearbh, gn dearbh, a Mhaighstir Robastan, bitidh Mac-Choinnich air a leigeil fuidh sgaoil!" Cha robh an gealladh gu bhi air a dhearmad, agus bha'n duine air a shaoradh.

Ré denchainn ionadlu do na Gàidheil air an àm so, bha Maighstir Robastan air a shònruichiadh mar eadar-theangair 'nuair a bha dearbhadh nam fianaisean air a thoirt air aghart; agus anns an drènchd so, o'n eòlas agus o'n fhiosrachadh a bh'aige mu bheatha's mu chleachdainean nan Gàidheal, agus mu'n cheilg a bh'air a chleachdadhbh chum an sluagh simplidh aineolach a mhealladh, bha e 'na chomas cùrsa na dearbhaidh a stiùradh chum cùis na firinn a dhionadh 's a sheasamh, agus chum maith a's leas a luchd-dùthcha, agus mar so gu lionmhòrachd do na Gàidheil a shaoradh o bhàs pianail fadalach.

'Nuair a bha Maighstir Robastan ann an Luinnuinn a' tagradh mar so airson fuasglaidh a's saorsa do mhuinntir a sgìreachd, air

dha air latha àraidh a bhi gabhail an aisig air amhuinn mhór Lunnuinn, chnal' e guth labhar o thurlaidhning a bha 'na huidhe an cois na h-aimhne, anns na briathran so—"O! Mhaighstir Senmas, a' bheil sibh a' dol g'am fhàgail-sa an so?" Air do'n mhinisteir an duine aithmeachadh, fhreagair e—"A! Dhòmhnuill, a' bheil cuimhn' agad air là na biodaig?" "O! Mhaighstir Senmas," a deir an dnine trnagh, "cha mhaith an t-àite cuimhne so." 'Se bli'ann an so Gàidheal do'm b'ainm Dòmhnull Mac-Coinnich—duine borb, dùr, danarra, air an robh Maighstir Robastan ro-eòlach mar aon de luchd a sgìreachd. Thàinig am fear so, beagan bhliadhnaichean roimhe so, a dh'ionnsuidh a mhinisteir a dh'iarraidh baistidh d'a leanabh, nì bha gu ro-cheart air a dhiùltadh dha, air lorg aineòlais. Rùnaich an t-òlach neo-sgàthach so, an déigh eia lingha diùltadh a choinneachadh aig làimh a' mhinisteir, gu'm faigheadh e le ainneart an nì air nach b'urrainn da ruigheachd le dian-iarraidh. Bhuadh-aich e air coimhearsnach a bh'aige, dnine calma foghainteach mar e féin, dol maille ris, agus a chmideachadh sa' ghnothach aingidh a bl'air 'aire. Fhuair iad am ministeir astar beag o'n tigh, 'nuair a thòisich Dòmhnull air sochair a' bhaistidh ath-iarraidh d'a leanabh. Ach an déigh do'n mhinisteir a cheasnachadh ré ùine ghèarr air 'eòlas mu fhocal Dé, fhnaradh e co aineolach 's a bha e roimhe, agus dhiùltadh am baisteadh dha air an àm so mar air amannan eile. — Air a so, leig na ceatharnaich dhanarrn so làmh na li-ainneirt air a' mhinisteir chòir, a' mionnachadh 's a bòideachadh nach leigeadh iad as e gus am faigheadh iad an nì a bha iad ag iarraidh. Bha co-ghleachd a's co'-strì chruidh eatorra; agus air do Dhòmhnull fhaicinn gur e 'm ministeir am fear bu treise do'n triùir, thar-ruing e a bhiodag, agus lot e 'm ministeir gu doimhain sa' ghàirdean deas; ach ged fhair e an dochunn so sa' chomhlistri, ghabh e orra gu maith, 's gu ro-mhaith, agus chuir e Dòmhnull dhachaidh a ris a dh'ionnsuchadh leabhar-nan-ceist.

Bha là na h-ath-dhiolaidh airson ainneart na biodaig air teachd, agus cha d'rinn am ministeir moille, mar bu chubhaidh d'a ghairm naomha, ann an cùis a' phriosanaich thruaigh so a thagradh; agus bha e 'na mhór riarachas-iuntinn da gu'n shoirbhich leis. Flmair Dòmhnull maitheanas saor o làimh an Rìgh; phil e dhachaidh a dh'ionnsuidh "tìr nam beann;" agus bha e beò iomadh bhliadhna an déigh so, 'na flear-sgìreachd cho teó-chridheach, chàirdeil, thaingeil d'a charaid am ministeir, 's a bh'air aghaidh an t-saoghail. Fendar innse, sa' cho-dhùnad, gu'n phil am ministeir d'a sgìreachd féin, far an robh e air fhàilteachadh gu caoimhneil le 'shluagh fléin, sean a's òg, am measg an robh e beò deich bliadhna fishead an déigh so, ann an coimhlionadh gu h-éudmhor dileas na gairm urramaich a chaidh earbsadh ris.

EILTHIREACH.

Iar-Amhuinn Phictou,
Mios-Meadhoi an Fhogharaidh, 1841.

LAGHANNA NÀDUIR.

Tha sinn a' faicinn gu bheil e do-sheachnadh do gach creutair biadh a ghabhail bho àm gu h-àin, airson cumail a suas an cuirp. Tha 'chnid a's mò do'n bhiadh so air fhaighinn bho luiseanan, mar a tha buntàta, ti, cofi, eòrna, cruineachd, agus iomad rud eile. Aig na luibhean ud tha beatha, agus, airson an cumail-san snas, tha biadh do-sheachnadh mar an ceudna ; ach aig na rùdan a tha iadsan a' gabhail cha'n eil beatha, mar a tha ùir, inneir, salmuin, aol. An cuir e iongantas air an lenghadair gu bheil gach craobh agus luibh air an deanamh do cheithir nithean, ris an deir na cemisteir-ean *carbon, oxygen, hydrogen, agus nitrogen*. As na ceithir nithe so amhàin, ge beag an àireamh, tha 'fàs an darach 's an dubhchosach, an giubhas agus an raineach, an cuileann agus an canach, agus gach luibh air aghaidh an t-saoghal. Ceart mar so tha gach canain, cia air bith co farsuing, air a cruthachadh do bheagan litrichean.

1. *Carbon*.—'Se chend nì do na ceithir rùdan so, gual (sa' Bheurla, *charcoal*, no *carbon*). Tha 'chnid a's mò do gach craoibh 'us luibh air a dheanamh do ghual. Chìtear so gu soilleir ann an cearna sam bith far am bheil gual-coille 'ga losgadh. Aig àm losgaidh maide ann an teine mùchta, tha gach cuid deth ag éiridh do'n athar, mar smùid, ach an gual, (*carbon*). Ma chuirear criomag do shiùcar-geal air eibhlíleig, tha e grad a' fàs 'na ghual.

Feòraicheamaid a nis cia as tha'n gual so 'teachd ? B'i barail dhaoine ionnsuichte gu'n robh freumhan nan lusan 'ga shùghadh bho'n ùir, agus gu'n robh an ùir 'ga leaghadh le uisge an athair, ceart mar a leaghan salann no siùcar le uisge. Dhearbhadh leis a' chemisteir ainmeil Ghearmailteach *Liebig*, nach sùigh ceud mile pàirt do dh'uisge ach aon phàirt do dh'ùir bho'n talamh ; agus tha cuid mhór do'n aon phàirt so 'na shalunn, air chor agus gur beag an gual a's urrainn a bli ann. Tha iadsan ag ràdh, mar an cendna, gu bheil an t-aol a tha 'ga chur air an talamh mar leasachadh, a' leaghadh na h-ùir, agus mar so 'ga tabhairt gu staid ro fhàbharach gu bli air a sùghadh mar bhiadh do'n chraoibh no do'n lus. Le cuideachadh an aoil, leaghaidh dà mhile gu leth pàirt do dh'uisge aon tomhas do'n ùir ; ach is suarach an gual tha anns a' bheagan so do dh'ùir, agus is beag is urradh do na freumhan a shùghadh làimh ris na bheil r'a fhaicinn agus r'a fhaighinn do ghual anns na lusan, no craobhan ; air chor agus gu bheil e dù-àicheadh gu'n ionair rathad eile a bhàrr air na freumhan, agus nì eile a thuillidh air ùir, a bhi aig na craobhan bho'm bheil iad a' tabhairt a' ghuail, (*carbon*).

A chionn nach 'eil planntan a' trusadh a bheag do'n gual bho'n talamh, feumaidh e bhi gu bheil móran de a' teachd bho'n athar. Tha gach duine ag aideachadh gu'n d'fhàs ùir an tùs as na creagan a bh'air an sgàineadh agus air am pronnadh le uisge, gaoth, reothadh agus aiteamh. Orrasan chinn planntan a sheachd, a ghìrod,

agus a dh'fhàs 'nan ùir. Anns a' chreig cha'n eil gual, air chor agus gu'n do tharruing na seana phlanntan an gual bho'n athar.

Tha anns gach cend tomhas do dh'athar fior-ghlan, 21 tomhas do *ghas* ris an goir na cèmisteirean *oxygen*, agus 79 do *ghas* eile ris an deir iad *nitrogen*; ach, a thuillidh orra so, tha anns gach dà mhile tomhas do'n athar aon tomhas do *ghas* ris an canar *carbonic acid*, agus 's anns a' *ghas* so tha gual phlanntan a' teachd. Bithidh e glé dhuilich le cuid a chreidsinn gum bheil gual a' snàmh san athar, nì a tha do-léirsinu; ach tha so fior. Co lnath agus tha gual dearg-theth a' beannuinn ris an athar, nì a tha 'tachairt anns gach griosaich, tha e a' deanamh greim air an *oxygen*, agus a' fàs 'na *charbonic acid*.

Ma chuirear uisge-aoil fior-ghlan á searraig ann an troinnsear, fàsaidlì sgrath gheal a thiota air 'nachdar. Ma shéideas neach anail a bheòil tre bhairill iteig, no tre shop connlaich, do nisge-aoil, fàsaidlì an t-uisge geal; no, ma chuirear uisge-aoil làimh ri soitheach-masgaidh an limna aig àm oibreachaidh, fàsaidlì e gu grad geal air 'uachdar, a chionn gu bheil *carbonic acid* a' gabhail greim air an aol a tha anns an uisge-aoil. Tha an t-aol mar so a' leigeadh flaicium duinn gu bheil gual, aig àm a bhi 'ga losgadh, a' fàs 'na *charbonic acid*; gu bheil an sgainhan a' deanamh agus a' tilgeadh a mach as a' bhenl, air gach séideadh anail, *carbonic acid*; gur e so an seòrsa *gas* a tha teachd as an t-soitheach-bhracha; agus gu bheil e an còmhnuidh a làthair anns an athar, cha'n e 'mhàin a nis, ach bho thùs; oir fhuaradh a mach, le denchaunnibh, gu'n robh an t-athar a thugadh as na searragaibh a chlàdhachadh bho chionn beagan bhliadhnachan aig *Pompeii*, a dh'adblaiceadh milteau do bhliadhnaibh roimhe so, ceart mar an t-athar a tha againn au dingli.

Tha an *gas* so fior phuinnseanta do chréutairibh. 'S tric tha daoine a' call am beatha air dhoibh cadal ann an seòmraichibh 's nach 'eil na sinileirean a' tarruing gu math. Anns an uaimh *Grotto del Cano* sau Fheadait, tha an *gas* so ag éiridh an còmhnuidh, agus tha e co tróim 's gu bheil e 'cruinneachadh air àurlar na h-uamha; agus grad bhàsaichidh coin innte, 'nuair a dh'fhaodas duine, air dha bhi co àrd os-ceann an àurlair, dol a steach gun eagal. Ann an Gleann a' Bhàis san Eilean *Java*, tha an *gas* so an còmhnuidh a' cruinneachadh, agus bàsaichidh gach créntair a theid a stigh ann.

Ged a tha an *gas* so co sgriosail do dhnine agus do bheathach, cha'n eil e coinasach do phlauntan tighin beò as enginhais. Tha iadsan, ri teas na gréine, a' tarruing an *carbon* as a' *ghas* so air an son féin, agus a' leigeadh *oxygen* mar sgaoil airson beathachaidh chréutairean. As an anail, tha gach créntair a' tarrning *oxygen*, agus a' tilgeadh a mach *carbonic acid*. Dh'fhàsadh an t-athar co salach leis a' *ghas* so, a tha 'n còmhnuidh ag éiridh bho anail chréutairibh, bho theinntibh, agus bho iomad aobhar eile, 's nach maireadh neach beò ann. Tha 90,000 pùnnnd do *charbonic acid* ag éiridh gach là á tobraichean *Choblentz* amhlàin.

Nach soilleir a chìtheart mór-ghliocas a' Chruitheir, 'nuair a

dh'ionnsnuclear gu bheil an *gas* so eo do-sheachnadhl do phlanntibh agus a tha *oxygen* do chréutairibh, agus gu bheil iadsan ri àm na gréine a' dlù-tharruing *carbonic acid* as an athar, a dheanamhl *carbon* doibh féin, agus *oxygen* do chréntairibh. Mar is làidir teas agus solus na gréine, 's mò bheir na planntan *carbon* as an athar, agus is mò bheir iad seachad do dh'*oxygen*, air chor 's gu bheil an t-athar ni's glaine agus ni's fallaine 's na dùthchannaibh teth na tha e 's na cearnaibh fuar, far nach 'eil na planntan co làidir, agus am bheil a' ghrian ni's laige.

'S dona 'n cleachdadh a th'aig mòran, a bli 'gleidheadh phlanntan a tha 'cinntinn ann am poitean-phlùran ann an seòmraichean, agus gu sòrnichte ann an seòmraichean-cadail ré ua h-oidhche. Tha tuillidh do *charbonic acid* anns an athar tha àrd os-ceann na tha anns a' chuid tha dlùth do'n talamh. Ma sheallar air eigh air nachdar uisge, bho'm bheil luibhean a' cinntinn, air latha grianach geamhraidh, chìtear bolgain bheag ag éiridh uapa, agus a' cruinneachadh bho'n eigh. 'Se so an t-*oxygen* a tha 'teachd uapa, agus a thug iad as an athar a tha 'm measg an nisge.

Tha duilleagan nam planntan, mar sgamhan a' chréntair, feumail airson anail a tharrning; agus 's ann tre nan duilleagan so tha 'chuid mhór do'n lòn 'ga ghabhail. Nach minic a chìtheart luibh a' cinntinn gu grad agus gu h-àllidh ann an soitheach uisge, gun ùir 'ga chòir. Ann an earrach nam planntan, tha na frenmhan a sùghadh *carbonic acid* as an uisge agus as an ùir; ach 's ann tre nan duilleagan gu sòrnichte tha am fàs 'ga chur air aghaidh. Gu bheil cinneas a' teachd tre an athar, tha air a dhearbhadh dhuinn anns na coilltibh móra, far an bheil an talamh a' fàs gach là nì's tarbhaiche, agus gidheadh tha gach craobh a' cinntinn. Am measg gual-coille air a mhìon-phronadh, cinnidh lusan gu làidir, agus cha'n urrainn ùir teachd asdasan, oir gleidhidh e gun mhùthadh fad cheudan bliadhna; ach tha fios aig cemistearan gu bheil gual-coille ro ealamh air *carbonic acid* agus taisealdachd a tharruing as an athar, agus mar so a' tabhairt seachad do na freumhan ceart mar a ni ùir.

ROB RUADH.

[Ri bhi air a leantuinn.]

FÉILL NA SAMHNA.

'S aon ri linn nan Druidhean a fhnaidh a' cheud latha do'n gheamhradh an t-ainm so. B'iad na Druidhean, ré iomada linn, sagartan agus teallsaunaich na Roinn-Eòrpa.

Bha ionad latha-féill aca, ach b'iad an dithis a b'ainmeala an t-Samhuin agus a' Bheal-tainn. Air latha Bealltainn, mar tha am facall a' ciallachadh, (Beil-teine, no Teine Bheail), bha gàirdeachas mòr air a dheanamhl. Bha teinutean air an lasadh air gach enoc a b'airde na chéile, a chur fàilt air teachd na gréine 'na teas agus 'na blàs. A' ghrian bha aca mar shamhladh air an dia *Beal*.

B'e 'n t-ath latha-féill a bha aca an t-Samhuin, no an sàmh-

theine, no teine-na-sith. 'S ann air an latha so a choinnich na Druidhean anns an àite bu fhreagaraiche san dùthaich, a chumail mòd mór, a shocruchadh gach connspoid, agus a réiteachadh gach comhstri. Air an àpi so, bha gach teine san tìr air a chur as, agus bha e mar fhiachabh air muinntir an àite air fad teachd a dh'ionnsuidh nan Druidhean a dh'iarraidh eibheal-bheothachaidh o'n teine bha air a lasadh 's air a choisrigeadh leòsan.

Ma bha aon duine san dùthaich ciontach ann an gnothnich olc air bith sa' bhliadhna chaidh seachad, cha'n fhaigheadh e srad do'n teine choisrigte so gus an tigeadh e fo mheachainn nan Druidhean. Nan éireadh dha bhi co dàna 's cur an aghaidh so, bha e air a sgaradh a mach o bheannachd nan Druidhean—binn a b'eagalaiche na'm bàs. Cha robh e air a cheadachadh do neach air bith teine no fardach a thoirt doibh, no an caoimhneas a b'fhaoine 'thaisbeandh dhoibh, air chor 's nach robh ach am bàs mu'n coinneamh mur géilleadh iad do na Druidhean.

Ann an ioma cearn do dh-Albuinn agns do dh-Éirinn, tha na teinntean so air an lasadh, ris an abair iad Samhnagan; agns, ann an cuid do chèarnabh, ma thachras do theaghlaich air bith an teine 'leigeil as air an oidhche so, cha għnothu furasda dhoibh, air an ath là, an teine-maidne fhaotainn. Tha so a' leigeil ris duinn co deacair 's a tha seana chleachdaidhnean agus saobh-chràbhadh a' għlanadh a mach, cia air bith co amaideach agus faoin 's a thà iad.

OIDHCHE SHAMHNA.—ALASTAIR MAC-CLULLAICH.

“Có so shuas air ceann mo rùpain?”—
“Mise, Mac-Clullaich, am buachaille brònach.”

Tha ùine fhada bho'n thachair au għnothu mu 'bheil sinn a nis ag innseadh; ach 's eachdraidh fħirrinneach i.

Bu dilleachdan bochd Alastair. 'Na oige, dh'fhàg e tigh a mhàthar, agus chaidd e air astar o'n àite 'n d'rugadlı̄ e air tòir cosnaidh. Fhuair e so ann an sgħireachd Chromba, ann an tigh tuathan-aich chòir a bha ann an deagh chothrom. Fad mìos no dhà, bha Alastair 'na strūlle balaich co troma-cheannach, lùnudach, leasg, 's a b'urrainnear fhaotainn an astar latha; ach cha b'fħada gus an d'fbàs e lügħimhor, togarrach, briathrach. Bha e coslach ri Gàidheil eile, moiteil agus cuideil. Air latha na Sàbaid, chuir e suas an t-eile-beag 's am breacan, boineid ghorm air a cheann, agus biodag r'a thaobh; agus có ach Alastair!

Ged bha e sàmhach, tuigseach, glic, grunnail, bha mòran do dh'fħala-dhà agus fearas-chuideachd shàmhach ann. Bha fear-a'-bhaile far an robh e fuireach 'na dhuine ciallach, measail. Cha robh do theaghlaich aige ach aon nighean—caileag bhòidheach, mhireagach, bheadarrach, aois noai-bliadhna-déug. Bha barrachd leannan aice na aig uile mhaighdeannan na sgħireachd—iomadli fleasgħach eireachdail a' sniżidhe oirre, 's ag iarraidh a lāimhe am pòsdadh. Dhiùlt i għach aon diubh, a' taigseadh mòran taing dhoibh airson an caoimhneis agus an

deagh-rùin. Thug iadsan gràdh dhi, cha robh àrach ac' air; ach bha ise suarrach mu'n déibhinn, agus cha mhò bha comas aice se air. Mu dheireadh, thuit Alastair bochd an tróm-ghaoil air an òigh àillidh so—seadh, Alastair, am buachaille brònach! Cha robh comas aige air. Bha ise càirdeil, caoimhneil ris; ach cha robh amharus air bith aice gu'n robh e 'smuainteachadh oirre. Bha'n gille bochd an gaol, ach bha e gun dòchas; ach ged a bhà, cha robh e mì-shona. Bha a bhruadair, 'na chadal 's 'na dhùsgadh, mu'n nighin àilidh so; agus bha e sona, do bhrigh gu'n robh i mu choinneamh a shùl. Bha e modhlail, cridheil, sunndach, crònán òrain do ghnàth 'na bheul. Chuir e iongatas air Liliias òig e 'àit an d'fhuair e a mhodh, 's a shuaireas, agus 'uaise; agus c'arson a bha Alastair co freasdalach dhi féin, a' deanamh do ghnàth mar a b'urrainn da chum a toileachadh! 'San anmoch, 'nuair chruinnicheadh iad mu'n ghealbhan a sheanchas, shuidheadh e mu 'coinneamh, a' beachdachadh oirre le anbharra tlachd, agus gun fhacall as a cheann. Bha Alastair, am buachaille brònach, còig bliadhna na b'òige na Liliias, agus cha do smuaintich e riabh gu'n robh e an gaol oirre. Achi coma có dhiùbh, thainig oidhche Shamhna, agus chuir so a' chùis air a h-aghart. Chuala Alastair Liliias agus bana-chompanach eile a' seanchas mu chleasan na Shamhna, agus, am measg chàich, mu thilgeadh na ceirtle 'stigh do shùil na h-àtha. " 'Saoil thu," arsa 'bana-chompanach, "an gabh thu misneach dol do'n àth air oidhche Shamhna, agus a' cheirtle 'thilgeadh? Tha'n àth dorcha agus uaigneach, agus is iomada sgéul a chuala mi mu thilgeadh na ceirtle." " 'Ne mise?" arsa Liliias. " Gu dearbh theid mi do'n àtha, agus tilgidh mi a' cheirtle. 'S coma leam gach sgéul a chuala mi riabh mu na nithe sin. Feuchaidh mi, a dh'aona chuid, a' bheil no nach 'eil firinn anns na chuala mi mu thilgeadh na ceirtle. 'S miann leam ainm in' fhir-phòsda 'chluinntinn.

Bha Alastair, am buachaille, mar shaoil iadsan, 'na shuain taobh an teine; ach chual' e mar a bhà. Air feasgar latha Shamhna, dh'iarr e cead fir-a'-bhaile, an làthair Liliias, an oidhche sin a chur seachad ann am baile-monaidh a bha greis air falbh; agus fluair e cead. Tha'n oidhche Shamhna, agus thog Alastair air, nam b'fhlìor, a dh'ionnsuidh a' bhaile-mhonaidh; ach tiota beag an déigh dha falbh, phill e gu sàmhach air ais, agus thug e 'n àth air. Streip e suas ri stuaigh an tighe, agus chaidh e 'stigh air an luidbear. Leig e e féin sìos do shòrn na h-àtha, agus an siu shuidh e a dh'fheithreamh guis an tigeadh a leannan. Fad uair an uaireadair, shuidh e san t-sòrn a' feitheamh. Mu dheireadh chual' e céum aotram a' tighin; chuireadh an iuchair sa' ghàis; dh'fhosgladh an dorus; bha gathan na gealaich a' soillseadh gu fann. Mhothuich Alastair, am buachaille, có bliànn. Thilg i a' cheirtle; ghilac esan i. "Có sud shuas air ceann mo ròpain?" ars' ise, le gutli briste gealtach, 's ag amharc thar a gualainn air an dorus gu ruith a mach—"Có sud shuas air ceanu mo ròpain?" Fhreagair guth o shùil na h-àtha, "Mise, MacClullaich, am buachaille brònach." Cha luaithe chual' i so na 'ghrad theich i 'mach! Chual' Alastair tailmrich chas mu'n dorus, agus blia eagal a chridhe air gu'm faigheadh iad a mach có bha san àth. "An cual' thu 'bheag no

mhór?" arsa 'bana' chompanach. "'Ne mise?' ars' ise; "cha chuala diog," a' dùnadhl's a' glasadhl an doruis, 's a' toirt na h-iuchrach dhachaidhl. An anaideachd a's mò air na smaointich duine riabh! Dhùineadh agus ghilaiseadh an dorus; agus bha aig Alastair, am buachaille, ri faotainn a mach mar a b'fhèarr a b'urrainn da.

Bha'n teaghlach 'nan cadal mun do phill e mar gum b'ann o'n bhaile-mhonaidh; acli air an là-màireach chunnait e Lilias. Bha i fuar, uaibhreach, crosda. Cha do chuir i fält air, 's cha mhór gu'n do labhair i ris. Ach cha b'fhada bha i mar so. Cha do leig Alastair a' bheag air. Chaidh bliadhna 's bliadhna seachad. Thainig suiridhiche an déigh suiridhiche g'a h-iarraidh, ach dhiùlt i aid uile. Mu dheireadh, 'nuair bha i ceithir-bliadhna-fichead a dh'aois, tharruing i ri Alastair. Bha e nis 'na òganach eireachdail, dreachmhòr, àrd, calma, foghainteach, fearail. Bha e dileas, measail, làn earbsa aig a mhaighstiras anns gach nì. Dh'iarr e a làmh am pòsadhl. Fhuair e so, oir bha a cridhe aige. Phòs iad, agus clia robh san tir uile càraig bu mheasail 's bu shona na iad. Chaochail an seann-duine—bha a' ghabhail fhearainn aca fein; ach cha'n eil teagamh air bith nach d'thug cleachdaidhnean oidhche Shamhna am pòsadhl so mu'n cuairt.

LITIR MU OIDHCHE SHAMHNA.

A Chuairteir Rùnaich,

Aig an t-Samhain so chaidh, dh'eirich dhomhl dol beagan bho'n tigh, agus air an oidhche ainmeil so thainig mi gu tigh duine chòir air an robh mi féin eolach bho chionn greis, a thug dhomhl aoidh-eachd gu suilbh agus gu h-aoidheil.

Ach gun bhi dol nis faide air in' aghaidh mar so, 's eiginn dhomh innse an fhaoineachd 's an anaideachd air an do thòisich a' mhuinntir òg a bha san tigh, ni a dhuisg smuaintean ann am mu'n fhaoineachd a bha 'in measg nan Gàidheal.

Gheibh sibh earrann mhaith do na bha iad a' deanamh anns an oran a leanas, agus bheireadh e mor thoileachadh dhomhl nau d'thoireadh sibh àite dha 'nar dnuille, agaibh; a chum 's gum faiceadh muinntir òg cho ghòrach sa than deuchainnai Samhna (mar their iad ri).

ÒRAN OIDHCHE-SHAMHNA.

Air oidhche na Samhain bidhl ann, bidhl ann,
Buidsichean 's deainhain neo-ghann, neo-ghann,
Bidhl sichean le h-aighir a'mareaclid sau athar,
'Sa toirt leo mnathan, 'us clann, 'us clann.

Luinneag.

Seinn iur-ibh-inn o-ho ho-ro ho-ro,
Nach cluinn sibh a chaileagan, fanaibh aig baile,
Mu'm bi sibh nur fanaid 's nur spors, 's nur spors,
Seinn iur-ibh-inn cho ho-ro ho-ro.

Bidh moran do dhaoine fuidh sprochd, fuidh sprochd ;
 'S a' chilann bidh a' caoineadh gu goirt, gu goirt,
 Bidh mnathan a' glaoedhaich, 's cha bhi iad gun aobhar,
 'S na sichean 'gan slaodadh do'n chnoc, do'n chnoc.
 Seinn iur-ibh-inn, &c.

Ged bhios logaidean 's bodaich air falbh, air falbh,
 Tha'n oidhche sin sona gu dearbh gu dearbh,
 Gheibh fleasgaichean 's eaileagan brath air an leannain,
 Le faisneachd gun mhearrachd gun chearb gun chearb.
 Seinn iur-ibh-inn, &c.

Tha mo gheibh ribh a Cheolraidi, mo chaill, mo chaill,
 A ghleusadh gu ceol, is gu dàn, gu dàn ;
 Chum 's gu'n seinniuin mu'n ghòraich tha' measg na cloinn òige ;
 'S an aois cha 'n eil moran ni fearr, ni's fearr.
 Seinn iur-ibh-inn, &c.

Bidh fleasgaichean 's cailean gun tàmh, gun tàmh,
 A' falbh feadh gach baile 'goid eàil, goid eàil ;
 Cha bhi gàradh na callaid nach leag iad gu talamh,
 'S iad 'teicheadh leis dhachaidh gun näire, gun näir.
 Seinn iur-ibh-inn, &c.

Nuair thig iad leis dhachaidh air chrith, air chrith,
 Gun enir iad e seachad gun fhios, gun fhios ;
 Bràigh dornis an tighe, mun teid iad a laidhe,
 Is bidh e gu làth' ann an sin, ann an sin.
 Seinn iur-ibh-inn, &c.

A' chend neach thig a steach an t-ath là, 'n t-ath là,
 Bidh 'na chomhar gu beachd air an gràdh, an gràdh,
 Is dona na maith air an stoc ma bhios blas,
 Bidh an nrra sin ceart na gnn stà, gun stà.
 Seinn iur-ibh-inn, &c.

Mu leanas ris tobhtag no pleoc, no pleoc,
 Aig an aon sin bidh tochradh is toic, is toic ;
 Ach ma bhios an stoc geocach, crom, cam agus erotach,
 Bidh an dnine nis eolach 'na chorpa, 'na chorpa.
 Seinn iur-ibh-inn, &c.

Fasan eile tha aca gu dearbh, gu dearbh,
 Bhi mach feadh nam bailtean air falbh, air falbh,
 Ag eisdeachd, 's a' farclnais aig dorus gach aitreibh,
 'S gur comhar chend fhacal air, ainm, air, ainm,
 Seinn iur-ibh-inn, &c.

A mach do'n chruaich arbhair theid iad, theid iad,
 'S bidh a' spionadh 's a' tearbadh nan dias, nan dias ;
 An siol-mullaich ma dh'fhalbhas, cha bli ac' ach fànn earbsa
 Gun d'theid ceilidh leo shearman gu sìorruidh, gu slor.
 Seinn iur-ibh-inn, &c.

'S theid feadhain le faicill do'n àthaidh, do'n àth',
 Is bheir iad leò ceirsle do shnàth, do shnàth;
 G'a tilgeadh do'n lagan trì uairean, 's 'ga tachras,
 Feuch 'n teid oirre grabadh le'n gràdh, le'n gràdh.
 Seinn iur-ibh-inn, &c.

Cuid eile gheibh abhall gun fhios, gun fhios,
 'S theid iad gu gloin'-amhairec g'a ith, g'a ith;
 'S chì iad coslais an leannain 'ga spioladh gu h-ealamh,
 'S 'ga thoirt as an lamhan gu elis, gu elis.
 Seinn iur-ibh-inn, &c.

Is tha e do dh'fhasan aig cuid, aig cnid,
 Dol do'n t-sabhal a dh'fhasgnadh le guit, le gnit;
 'S chì iad samhla na tannasg 'dol seachad 'na dheannabh,
 'S a' dol as an t-sealladh 'na ruith, 'na ruith.
 Seinn iur-ibh-inn, &c.

'S theid fleasgaich a dh'aitheamh nan cruach, nan cruach,
 'S g'an tomhas le'n làmhaibh mn'n cuairt, mu'n cuairt,
 Dh'faighinn samhladh nan glacaibh air a' chéile bhios aca;
 Sin teichidh iad dhachaидh gu luath, gu lnath.
 Seinn iur-ibh-inn, &c.

Cuid a thumas an alltan an léin, an léin,
 Far an coinnich trì oighreachdan 'chéile, a chéil';
 'S ris an tein' fad na h-oidhch' theid a cur, gus am foillsich
 G'a geard tannasg, na taoibhse, na dreag, na dreag.
 Seiun iur-ibh-inn, &c.

'N sin theid aig an teallach air lic, air lic,
 Trì chuachagan geala do fhiodh, do fhiodh;
 Ann an aon bidh nisg' glan, san aon eil' uisge salach,
 'S an treas fhear bidh falamh, gun sile, gun sil'.
 Seinn iur-ibh-inn, &c.

Aon an sin theid a dhalladh gu seòlt', gu seòlt',
 'S gu'n teamn e 'nan caramh le 'chròig, le 'chròig;
 Air te thruailt, glan, na falamh, mu dh'éireas da amus,
 'Se leit sin ni a theannadh na chòir, na chòir.
 Seinn iur-ibh-inn, &c.

Gheibh iad an sin uachdar a' stòp, a' stòp,
 'S gu'n dean iad dheth fuarag 'bhios mór, 'bhios mór;
 Theid a cur ann an cuaiich, is theid fainne gu lnath innt,
 'S ge b'e gheibh e trì uairean, gu'm pòs e, gu'm pòs.
 Seinn iur-ibh-inn, &c.

Bonnach saluinn, na sgadan 'bhios goirt, 'bhios goirt,
 Gun ith iad le cabhaig, 's le'n toil, le'n toil;
 Chum's gu'm faic iad an leannan ('nnuir theid iad do'n leabaidh)
 Tìnn do'n ionnsuidh fuidh inhaduinn le deoch, le deoch.
 Seinn iur-ibh-inn, &c.

Oh ! 'sann 'their iad nach bi buaidh, bi buaidh,
 Mur dian iad gach diacháinn trì nairean, trì uair ;
 An aghaidh na Trianaid, 's Trì Pearsa na Diadhachd,
 O ! nach iad tha 'nam fiath-bheath'chean truagha, truagh ?
 Seinn iur-ibh-inn, &c.

'Nis sguiream do m' òran 's do m' dhuan, do m' dhuan,
 'S a dh'innseadh mu ghòraich an t-sluaigh, an t-sluaign ;
 Gheibh gach nrra ri phòsadhl an neach tha san ordugh,
 'S cha chum duine san Eorp' e bhuap, e bhuap.

Seinn iur-ibh-inn o-ho ho-ro, ho-ro,
 Seinn iur-ibh-inn o-ho ho-ro, ho-ro,
 Nach cluinn sibh a chaileagan fanaibh aig baihe ;
 Mum bi sibh 'nur fanaid 's 'nur spòrs, 'nur spòrs.
 Seinn iur-ibh-inn o-ho ho-ro, ho-ro.

AN GIULLAN NIBHISEACH.

Gleann Nibheis, 1841.

B I F O D H E A G H M H I S N I C H , O I L T H I R I C H B H R Ò N A I C H !

Oilthirich thruaigh, ciod so tha 'cur ort ? C'arson a tha thu fo dhùibheil misnich ? Am bheil thu a' fannachadh ann ad thurus chum Sion ? Am bheil t'uallach na's truma gu mór na 's urrainn duit a ghiùlan ? Bheir mise òran duit r'a theiun :—

Ach tilg-sa t'eallach thróm air Dia,
 'Se ni do chumail suas ;
 Cha leig e'm feasd do'n fhìrean chòir
 O shoehair féin gu'n gluais.

'Bheil a' ghaoth a' séideadh gu cruaidh sgaiteach, agus an e nach léur dhuit fasgadh air bith ? 'Bheil do chàil 's do lùs 'gad thréigsinn ? 'Bheil t'anam a' fàs fann, agus a' meatachadh ? — 'Se Dia do neart. 'Bheil triobluidean agus amlichair thruagh mar thrusgan 'gad chuartachadh, agus ni'm bheil caraid dlùth chum furtachadh ? Bheir mi òran eile dhuit :—

'Se Dia is tèarmunn duinn gu beachd,
 Ar spionnad 'us ar treis ;
 An aimsir carraig agus téinn,
 Ar cobhair e ro-dheas.

B I F O D H E A G H M H I S N I C H , agus gabh air t'aghaidh gu sùnnach ! A' bheil an abhuinn no an sruth air am féum thu dol thairis, a' bheil iad domhain, bras, siùbhlach, agus air at gu mór ? A' bheil na deathchaunan teinndeach ullamh gu bristeadh a mach 'nan lasraichean deurga ? Tog do chridlhe, oilthirich blàrònaich ! — éisid guth agus gealladh Dhé ann an Isa. xlivi. 2, 3. — "An uair a shiùbhlas tu troimh nan uisgeachaibh, bitibhb mise maille riut ; agus troimh nan aibhlinchibh, cha tig iad tharad. An uair a dh'imicheas tu troimh an teine, clia loisgear thu, agus cha dean an lasair greim ort. Oir is mise an Tighearna do Dhia, Tì naomh Iraeil, t'fhear-saoraidh."

CIOD AN SEÒRSA DACHAIDH THA AGAD ?

Ciod an seòrsa dachaidh a th'agad? Na smaointichear gur ceist mhi-mhodhail so. Feòraichidh mi a rithist, Ciod an seòrsa dachaidh a th'agad? Na can gu frionasach, mì-thlachidhmhor, "Ciod sin dhuit-sa?" ach freagair mi gu ciùin, réidh. 'Bheil do dhachaidh seasgair, taitneach, subhach, sona? Ma tha, 'se mo dhùrachd 's mo ghuidhe, gu ma fada bhitheas i mar sin!—ach ma tha i fada bho bhi mar sin, ach air a' cheart atharrachadh, bu toileach a dh'innssinn ciamar a dh'fhaodar a deanamh taltneach agus subhach. 'S truagh an nì dachaidh mhi-shona; 's truagh an nì e do dh'fhear-an-tighe, do bhean-an-tighe, agus do na pàisdean. An dachaidh sin anns a' bheil an t-sùil cholgarra, an teanga ghéar sgaiteach, an cridhie cruaidh,—cha'n fhaod sìth, no sonas, no beannachd, a bhi san dachaidh sin.

Cha'n aithne dhomh sealladh a's gràineala na tigh saiach, gun nigh-eadh gun sguabadh—leac fhuar gun teine, achi mòran luatha agus éibhilean fuara—deoch 'us daoraeh air an duine—agus bean shalach, chrosda, sgliùrach dhiomhanach, slaod mosach mnatha air ceann an teaghlaich;—a' chlann a' caoineadh, 's a' gul, 's a' gearan—casrùiste, agus a' chuid eile dhiubh leth-rùiste—gun chìr 'nan ceann, gun uisg' air an aodann o latha gu latha, a' léum air a chéile, 's am màthair chrosda 'gan cnapadh thall 's a bhos. Tha ioma dachaidh do'n t-seòrsa so ann; ach innis domh ciod an seòrsa dachaidh a th'agadsa? 'Bheil Dia air aideachadh ann ad thig?—'bheil eagal Dhé, gràdh Dhé, ùmhlichd do Dhia, onoir do Dhia, aoradh do Dhia, 'nad dhachaidh? Tha sìth agus glòir mu'n cuairt a' bhothain a's isle anns a' bheil aoradh agus eagal Dhé, nach fhaighean gu dìlinn ann am pàilliuinabh rìghrean far nach 'eil Dia air aideachadh. Ma tha Dia a' gabhail a chòmlainuidh ann ad dhachaidh, cha tréig e thu, a dh'aindeoin gach deuchainn no bochduinn is urrainn tighin 'nad rathad; agus mur 'eil csan ann, 's coma ciod na tha agad, cha'n urrainn dhuit a bhi sona. Ma tha do dhachaidh truagh, neo-chuanta, na smuaintich a deanamh seasgair, subhach, le bhi 'nigheadh 's a' sguabadh an ùrlair 's nam ballachan, agus a' glanadh na h-èairneis, le bhi 'càramh do chuid aodaich, agus a' fuireach air t'ais o'n tigh-òsda. Tha iad sin uile math agus ro-mhath, ach tha barrachd féumail. 'S éiginn duit tòiseachadh an àit eile. 'Se làthaireachd Dhé fhaotainn a' chéud nì, agus an nì a's cudthromaicche. Iarr e, sir e, guidh a làthaireachd a bhi maille riut; 'nad uile shlighibh aidich e, agus treòruichidh e do chéum. Ma tha dachaidh shona shubbach a dhìth ort, tuit air do ghlùinibh, dòirt a mach t'ùrnuigh ri Dia ann an ainm a Mhic; iarr air do bheannachadh, do chlann a bheannachadh, do shaothair a bheanachadh, t'uile dhìchioll, t'uile dheanadas a bheannachadh. 'Nuair tha Dia air aideachadh agus air a sheirbhiseachadh ann an teaghlaich, an sin bidh nàir' air mnaoi tigh salach truagh a bhi aice; bidh eagal air an duine bhi taghal an tigh-òsd, no deoch no daorach a bhi air; agus foghlumaidh a' chlann eagal Dhé a bhi orra, agus an Cruithear a cluimhneachadh ann an làithibh an òige.

As éugmhais làthaireachd Dhé, faodaidh tu saoithreachadh agus obair a dhéanamh mar thràill—faodaidh tu éiridh leis a' ghréin, agus dol gu tàumh air a' mheadhon-oidhche—faodaidh tu bhi air do claoidl's air do chlaidirt le sgios, ach cha choisinn thu leò so dachaидh shubhach gu dilinn; bidh eagal, agus sgàth, agus mi-shonas, agus truaighe ann. Ma's miannach leat dachaيدh shuilbhearra, chridheil, shùnnadach, thaitneach a bli agad, aidich Dia, asluich gum biodh esan maille riut, agus gu'n gabhadh e a chòmhnuidh ann.

ÉISD RIUM CAR TIOTA BEAG.

Cha'n eil ach fìor bheagan agam ri ràdh riut—labhrairdh mi e ann am facall no dhà; ach 's làn-airidh iad air suim agus mothuchadh.

Tha trì nithe anabhairrach féumail do mhac an duine san t-saoghal—'s iad so, BIADH, AODACH, agus CADAL. Nam bu mhian leat do lòn ithe le taitneachas, agus blas math a bhi air, saoithrich chum a chosnad; nam bu mbiann leat tlachd a bhi agad ann an aodach, páigh e mun cuir thu umad e; agus nam bu mhiann leat cadal math fhaotainn, thoir deagh choguis leat do d' leabaidh. Dean na nithe so, agus bidh tu a'd' dhuine cothromach, subhach, a thaobh an t-saoghail so, agus a thaobh an t-saoghail eile. Ma's miann leat a shealbhachadh ann an glòir, lean Esan a thubhairt, "Is mise an t-slighe." Earb 'na iobairt-réite, gluais 'na cheuinannabh, gràdhaich e; agus an sin bidh tu sona san t-saoghal so, agus anns an t-saoghal a tha ri teachd.

BRUADAR AN LEINIBH.

'M bheil fhios agaibh am bruadar neònach

'Chunnaic mis' an ràoir, Mhamà?—

Créntair maiseach, geal, ro-ghlòrmhor,

Mar òigh nèamhaidh shoills', Mhamà.

Choinnich i mi air an drùchd,

Is sheall i rium le fàilt', Mhamà;

'N sin, thainig i gu grad dhomh dlùth,

Is thuirt i rium, "Thig leam, a ghràidh."

Dh'amhaire mi, is thug mi gaol dh'i—

A diùltadh, cha'n fhaodainn, Mhamà,

Labhair i co milis chaomh rium;

Is chaidh mi leath' gu saor, Mhamà.

Oir mheall an gaol mo chridhe maoth;

Bha lasair nach robh faoin, Mhamà,

'Cuir fàdaidh ri m'aigne guin rian,

Bha m'aisling co bheag ciall, Mhamà.

Bha mi—ni'm fios dhomh mar a bhà;

Ach, Oh! nain biodh sibh ann, Mhamà!

Dh'fhosguil iongantais gach taobl,

Nach fhaic ach aingle naomh, Mhamà

Ar leam gu'n d'imich sinn measg chraobh ;
 Bu taftneach leam an raon, Mhamà ;
 Le aoibhneas a' gluasad le'r deòin,
 Mar ghleusas ceòl gach càil, Mhamà.

'N sin, thog i 'n airde mi gu grad,
 'S mi aic' na sneachd-ghil làimh, Mhamà,
 Ni's fhaide os-ceann muir a's tìr
 Na dh'éirich iolair riainh, Mhamà.

A' mhuiр a's tìr, 's gach nì ta annt',
 Gach coill a's beinn, gach srath a's càrn,
 Bu lugli' iad so gu léir, 'nar beachd,
 Na gràimne do chloich-shneachd, Mhamà.

'N sin, sheall mi, agus sheall mi rìs,
 'S cha d'fhuair mi'n oighreachd aig Papà ;
 An saoghal gu léir cha bu mhò
 Na peileir gunna-mhóir, Mhamà.

Bha 'ghrian mar rionnaig bhig 'nar beachd.
 A' ghealach 'na ròs crion, Mhamà ;
 Sinn dìreadh mar Elias snas,
 Mar dhealanach aig luath's, Mhamà.

O 'n turus aoibhneach ! luath mar smuain,
 Os-ceann nan spéur dol suas, Mhamà ;
 Gu h-obann chuairt'cheadh sinn le ceòl,
 Is Flaitheanas na glòir, Mhamà.

Cha chuala cluas, cha'n fhaca sùil,
 A leithid a shluagh 's a dhù'ich, Mhamà ;
 Na scann nithe chaidh 'n cur air cùl,
 Gae'h uile ni ann ùr, Mhamà.

Is cha'n cil bàs an sin, no bròn,
 Ach aoibhneas sìorruidh 's sòlas làn ;
 Am bàs, am peacadh, ifrinn, 's bròn,
 Chaidh 'n adhlæeadh san doimhù' gu bràth.

'N so cha'n eil geomhradh crauntaidh fuar,
 Ach samhradh buan gun cheann, Mhamà ;
 Oir Grian na Glòir tha 'dealradh ghnàth,
 'S na fircana 'na làth'r, Mhamà.

Chumnaic mi mo phiuthar Anna
 'Na h-òigh shoillsich ghil, Mhamà ;
 Cha'n ann mar iadsan bhios mar ribhs'
 An éididh rìomhach shiòd, Mhamà ;
 Ach còmhdaichite le trusgan rìomhach,
 Dh'airgiod tumta 'n solus àigh ;
 Ach ah ! gu'n dhuisg e mi o m' bhruadar,
 'N lainnear bha mu'n cuairt, Mhamà.

M.

CIA FHAD'S A THA E DO THÌR CHANÀAIN ?

“ Cia fhad's a tha Canàan uaimh ? ” arsa'n creidmheach amharusach fiambhach, “ oir tha eagal mòr orm nach ruig ini e gu dilinn. Tha mo pheacannan 'nan uallach tròm orm ; tha fadal orm saorsa fhaotainn uapa—’se siu ri ràdh, ma tha dòchas airson neach air bith cosmhul riomsa, co peacach, co mi-thoillteannach.”

Gabh air t'aghart, a chreidmhich amharsaich ; gabh misneachd ùr ; beothaich do cheum. Cha'u eil Canàan co fad' air falbh 's nach ruig thu e faidheòigh ; agus nam biodh fios agadsa co deònach 's a tha caraid a' pheacaich gu gabhail riut, thilgeadh e gath-gréine sòlasach air t'anam brònach. Tha facall sòlais agam air do shon, culaidh-bheathachaidh do t'anam. Éisd ! “ Is mise, mise féin, esan a dhubhas t'euceartan as, air mo sgàth féin ; agus do lochdan cha chuir ini air cuimhne.”—Isa. xlvi. 25.

“ CIA FHAD'S A THA E DO CHANÀAN ? ” arsa'n creidmheach buadhachail, “ oir tha fadal air m'anam a ruigheachd, agus a bhi ann am dhachaidh shiorruidh. Tha fios agam gu bheil in'fhear-saoraidh beò ; agus do bhrìgh gu bheil esan beò, bithidh mise beò mar an ceudna. Tha fadal air m'anam a ghnùis ghràsmhor fhaicinn l' ”

Gabh air t'aghart, a chreidmhich bhuadhaich ; le fainne glòrmhor, làn-dhearrbhadh a' chreidimh air do mheur ! Na tilg air falbh t'earbsa. Ach stad ; éisd riùm ; tha sanas agam ri thoirt duit—tha focal agam air do shonsa, mar an ceudna ; thoir fa'near e. “ Thugadh esan a tha, 'na bharail féin, 'na sheasamh, an aire nach tuit e ! ”

“ CIA FHAD'S A THA E DO CHANÀAN ? ” So cainnt a' chreidmhich bhrònaich mar an ceudna. Mar a's truime 'n crann-ceusda r'a ghiùlan, 's ann a's taitniche bhios an coron. Ma dh'fhuingeas sinn maille ri Criod, bithidh sinn mar an ceundna air ar glòrachadh maille ris.

Éisd ! thusa a bhròinein thùrsaich ; tha focal agam dbuitse cuid-eachd. “ Tha mi a' meas nach àiridh fulaungais na h-aimsir a ta làthair a bhi air an coimeas ris a ghloir a dh'fhoillsichear annainn.”—Rom. viii. 18.

“ CIA FHAD'S A THA E DO CHANÀAN ? ” arsa'n creidmheach fo gheur-leanmuinn. “ Tha mise 'm fhear-suadainn o m' theaghlach, a'm choigreach san tìr. Mar a bha mo Thighearna romham, tha daoine 'deanamh dìmeas agus tàir orm. 'S lionmhòr iad a tha 'g éiridh suas a'm aghaidh ; agus tha fuath mòr aca orm.”

Gabh air t'aghaidh, a dhuine ; na biodh eagal ort ! Cùm suas do chridhe ; rinneandh dìmeas agns tàir air do Thighearna. 'Bheil feum agadsa air focal sòlais ? Bheir mi dhuit e ; gabh e, agus taisg a suas a'd chridhe e. “ Is beannaichte sibh 'nuair a bheir daoine fuath dhuibh, agus a chuireas iad as an cuideachd sibh, agus a bheir iad caaint mhaslach dhuibh, agus a thilgeas iad a mach bhur n-ainm mar olc, airson Mhic an duine. Deanaibhse gàirdeachas san là sin, agus léunaibh le h-aoibhneas ; oir feuch, is mòr blur duais air nèanh : oir is ann mar sin a rinn an aithriche air na fàidhibh.”—Luc. vi. 22, 23.

"CIA FHAD'S A THA E DO CHANÀAN?" arsa'n creidmheach truagh leònte, fear a' chridhe bhriste. "Tha mise 'm oilthireach bochd aoniarach; gach aon a bha toigheach le m'anam, chaochail iad; bha mo dheòir mar mo lòn a latha's a dh'oidhche; agus tha fadal mór air m'anam an tìr beannaichte sin a ruigheachd, far nach bi bàs, no bròn, no gul, gu sìorruidh."

Gabh air t'aghaidh, oilthirich bhrònach! Mèr is tùrsache do thurus a nis, 'sann a's milse an fhàilte tha 'feitheamh ort. Tha cùram agus faire shònruichte aig an Tighearna thaobh do leithid. Èisd! tha focal agam air do shon; thugadh e fionnachd do t'anam; sgriobhadh air do shon e. "Mar so pillidh muinntir shaorta an Tighearna, agus thig iad gu Sion lo h-iolaich; agus bithidh aoibhneas bith-bluan air an ceann, gheibh iad aoibhneas agus subhachas, agus teichidh mulad agus caoidh eir falbh."—Isa. li. 11.

"CIA FHAD'S A THA E DO CHANÀAN?" arsa'n Crìosduidh air 'leaba-bhàis. "Tha abhuinn Iordan ag at mu m'anam; thainig crith agus uamhas orm; tha ogluidheachd a' bhàis air tighin thairis orm. Mo thruaighe mì! tha mi'n impis dol fodha anns na h-uisgeacha domhain. Cha'n fhaic mise gu dilinn an tìr a tha 'sruthadh le mil agus bainne."

Tog do mhisneach a Chriosduidh; ged tha thu air leaba-bhàis, gabh misneachd. Faic an'sud reull deàlrach na maidne!—tha mòran do'n oidhche seachad, agus tha'n latha sìorruidh dlùth. Am bheil do ghairdean ro-lag gu leabhar Dhé a thogail?—togaidh mise e; cumaidh mis' e fa chomhair do shùl. Amhairec air na briathra sin, 's na cuireadh teine na sruth eagal ort. Bi fo dheagh mhisnich, oir 's iad briathran an Ti àrd agus naomh, a gheall, 'nuair a dh'fhaillnicheas do chridhe agus t'sheòil, gu'm bi esan 'na neart do d' chridhe, agus 'na chuibhrinn do t'anaim. "An uair a shiùbhlas tu troimh nan uaisgeachaibh, bithibh mise maille riut; agus troimh nan aibhlничibh, cha tig iad tharad. An uair a dh'imicheas tu troimh an teine, cha loisgear thu, agus cha dean an lasair greim ort. Oir is miae an Tighearna do Dhia, Ti naomh Israel, d'fhear-saoraidh."—Isa. xlvi. 2, 3..

BEAN SHÌTH.

Tha gach amaideachd a b'abbais do dhaoine aithris mu dhéibhinn nan sìthichean, agus bòcain, agus daoine-beaga, agus gruagaichean, ùruisgean, tàibhsean, mu'n t-sac bhàn, agus mu bhodach-a'-chipein, a nis a' dol air dichuimhn; agus bu mhithich dhoibh. Tha nithe ni's feàrr, agus sgeulachdan a's taitniche, aig na Gàidheil ri'n aithris mn thimchioll na cagailt gheamhraidh. Ach tha cuid do na seann sgenlachdan sin iongatach; agus 'se ni a's iongataiche, gu bheil sgeulachdan do'n aon t-seòrsa r'am faotainn anns gach tìr agus dùthaich. 'S iomada sgeul amaideach a chuala sinn mu dhaoine-beaga; agus ged nach 'eil sinn a' creidsinn a h-aon diuhbh, tha cuid diubh air an innseadh air mhodh co taitneach 's nach urrainnear an leughadh no an Éisdeachd gun seòrsa do thlachd.

Tha àit àraid san taobh-tuath, dlù do Chromba—àit uaigneach, leth-oireach—far a' bheil e air aithris ann am beul-eachdraidh gu'n thachair, ma's fior, an nì tha siun a' dol a dh'innseadh.

Air maduinn là na Sàbaid, bha duine còir do thuathanach a' buachailleachd a chuid caorach san àite sin. Bu duine aosmhòr, liath e, a chaill a chlàisneachd gu tur, a bha co bodhar ris a' chreig air an robh e a' suidhe. Ach ged nach robh e comasach air seanachas no conaltradh a dheanamh ri duine fo'n ghréin, gidheadh cha robh e gun chuideachd no gun chonaltradh. Bha e 'na dhuine diadhaidh, tuigseach, fiosrach—anabhairrach eòlach air a Bhìobull, agus air iomada leabhar math eile. Chuir e seachad a' chuid bu mhò d'a aimsir ann an léughadh.

Chuir e na buachaillean do'n eaglais air an latha àraid so, agus dh'fhuirich e féin aig a' bhaile, a' bhuauchailleachd a chuid caorach. Bha an tréud ag ionaltradh gu h-iosal air lagan bòidheach uaine; agus leig esan e scén 'na shìneadh air tolman beag uaine bha os an ceann,—air cùl gaoithe, 's ri aodann gréine—far am faiceadh e gach neach, 's nach faiceadh neach è. Bha'm Biòbull fosguilte mu 'choinneamh; agus bha e gu càramach, stòlda, ciallach, 'ga leughadh, 'nuair chual' e seòrsa do dh'fhuaim, mar oiteag ghaoithe, air a chùl—a' cheud fhuaim a chual' e o chionn iomada bliadhna. Thog e a shùilean o'n duilleig; mhiothuich e air an fhraoch, 's air an rainich, 's air na seilisdeirean a bha san t-sealladh, gu'n robh gaoth làidir a' séideadh, a dh'éisrich am prioba na sùl; agus an déigh dha amharc tamall mu'n cuairt da, thòisich e a rithist ri leughadh. Cha deach e fad air aghaidh 'nuair a chual' e an fhuaim cheudna a rithist; agus air dhà amharc mu'n cuairt da, chunnaic e òigh àillidh, mhaiseach, 'na seasamh dlù dha! Cha'n fhac' e riabh roimhe a coimeas airson eireachdais, agus maisealachd pearsa, agus àilleachd gnùis. Bha i air a h-éideadh ann an culaidh co aotrom thana ri ceò nam beann—earrasaid do shioda uaine m'a timchioll, air a shuaineadh a sìos o'n dara gualainn thar a leasrabh, agus sìos gu 'sail; ach a h-ambach, a h-uchd, a broilleach, 's a gàirdeanan àilidh, bha iad sin rùiste, gun éideadh air bith, agus iad geal mar chanach an t-sléibh—a falt òrbhui a' tuiteam 'na dhuala fada réidh sìos air a druim.

Chuir an seann duine a làmh air an duilleig, shuidh e suas air 'uilinn, agus dhilù-bheachdaich e air an ainnir chiataich. "A sheann duine," ars' ise, le guth co ciùin, mhilis, 's a thainig riabh a mach á béul; agus, ged a labhair i gu h-iosal, màlda, chual' e gach facall! "A sheann duine," ars' ise, "tha thu a léughadh an Leabhair. Innis domh a' bheil tairgse slàinte air a thoirt ann *dhuinne?*" Fhreagair an seann duine, agus thubhaint e,—"Tha tairgse na slàinte air a thabhairt, san Leabhar so, do na h-uile h-aon do chloinn chaillte Adhaimh; ach cha'n eil an tairgse cheudna air a thoirt do chréutairean air bith do sheòrs' eile." Thng an àilleag mhaiseach sgreuch eagalach 'nuair a labhair e mar so, agus, ag iadhadh air falbh le luas na circ-fraoch air sgéith, chaill e sealladh oirre am measg gharbh-chriòchan a's chnoc os a cheann; agus cha d'fhuair e an ath shealladh dhi tuilidh fhad's bu bheò e.

SGEUL TAITNEACH.

Bha Diadhair urramach car iomadhl bliadhna 'g ùrnuidh gu dian gu'n deònaicheadh Dia duine 'chur g'a ionnsuidh a theagaisgeadh e ann an slighe na firinn. Gu moch air maduinn àraidh, chaidh àithneadh dha'am bruadar dol do'n eaglais, agus gu'm faigheadh e neach a theagaisgeadh dha slighe na firinn. 'Nuair thainig e gu dorus na h-eaglais, choinnich e duine ann an éididh luideagaich, dha'n do bheannaich e le "Maduinn mhaith dhuit." "Cha d'fhuair mi riamh droch mhaduinn," fhreagair an duine bochd. "Tha sin iongantach; 's maith leam a ghnàth thu fortanach." "Cha robh mi riamh mi-fhortanach," deir esan. "'S maith leam a ghnàth thu sona," deir an Diadhair. "Cha robh mi riabh mi-shona," ars' am fear eile. "Bu mhìan leam gu mìnichieadh tu do chainnt," deir an Diadhair. "Ni mi sin gu toileach," fhreagar an duine bochd. "Thuirt mi nach robh riamh droch mhaduinn agam; oir air gach maduinn, ma tha mi air mo bhioradh le ocras, tha mi 'moladh Dhé. Ma's uisge, no sneachd, no clach-mheallain a t'ann, co aca 'ta'n latha ciùin no stoirmeil, tha mise 'moladh Dhé; agus air an aobhar sin, cha'n eil, aig àm sam bith, maduinn dhubbhach agam. Ma tha mi truagh folamh do thaobh nithe 'n t-saoghal, 's air mo chur suarach, tha mi fathast a' moladh Dhé. Ghuidh thu dhomh 'bhi fortanach; ach cha'n fheud mi bhi mi-fhortanach, do bhrigh nach éirich ni sam bith dhomh ach sin a bhios a réir toil Dé; agus tha mi 'creidsinn gu'm bheil a thoilsa do ghnàth maith anns gach ni 'tha e 'deanamh, no 'gealltuinn a dheanamh Ghuidh thu dhomh 'bhi sona; ach cha'n urrainn dhomh 'bli mi-shona, do bhrigh gu'm bheil mo thoilsa a ghnàth strìochdta do thoil mo Dhe." "Ach ciod a theireadh tu nan tilgeadhl Dia sios do ifrinn thu?" "Tha dà ghairdean agam, Irioslaich agus Gràdh, le'n cumainn gu-teann mo Dhia-duine agus mo Shlànuighear, 's nach leiginn as e; agus bu roghnuiche leam a bhi 'n ifrinn maille ri Dia, na bhi 'm flaitheanas as easbhnidh."

D'fhiorsraich an Diadhair, fo mhór iongantas ri freagraibh an duine bhochd, cia as da. "Thàinig mi o Dhia." "C'ait' an d'fhuair thu e?" "Far an do thréig mi 'n saoghal." "C'ait' an d'fhàg thu e?" "Maille riu'san a ta glan 'nan cridhe." "Có thu?" "Is rìgh mi." "C'ait' am bheil do rioghachd?" "Ann mo chridhe féin; d'fhogh-lum mi mo chàileachdan 's m'an-tograidhean a cheannsachadh, agus is feàrr sin na bli riaghladh os-ceann rioghachd sam bith fo'n ghréin." "Cionnus a ràinig thu air an t-suidheachadh shona sin?" "Le tosd, beachd-smuainteachadh spioradail, agus aonadh ri Dia. Cha robh nì sam bith ach Dia a b'urrainn m'iarrais-sa a riarrachadh. Fhuair mi a nis e, agus annsan fhuair mi sìth agus fois."

M.

Gleann-Urchadainn, taobh Loch-Nis,
Mòs-Meadhonach an t-Shamhraidh, 1841.

NAIGHEACHD BEAG SPURTAIL.

Bha o chionn ghoirid ann an *Normandy*, san Flhraing, cosnaiche bha air ùr-phòsadhl, duine calma sgairteil, agus bha e fèin 's a bhean, mar bu chòir dhoibh a bhi, auabharrach cайдreach. Tha-chair dhàsan a bhi 'g obair ri latha uisge 's gaillinn o mhoch gu annioch, agus thainig e dhachaidh air a chlaidreadh gu goirt le h-obair 'us droch-shìd. Bha 'bhean 'na suidhe aig an teine. "An d' thàinig thu 'ghaoil?" ars' ise, "nach e sin an latha! tha e air a bhi cho fliuch 's nach b' urrainn mise dol a dh' iarraidh uisge, agus leis a sin cha d' fluair mi do dhìnneir a dhesachadh; ach o'n tha thusa nis *co fliuch 's is urrainn duit a bhi*, bhithinn a'd chomain uan rachadhl tu 'dhl' iarraidh cuinneag uisge." Thog e 'n dà chinnneig, agus thug e'u tobar air; bha 'n tobar greis air astar, achi cha b' fhada gus na thill e; chuir e aon do na cuinneagan air an ùrlar, agus thilg e na bha sa' chuinneig eile air mullach cinn a mhùnathan, agus a' chuinneig eile air an dòigh cheudna. "Sin, a ghraidh," ars' esan, "tha thusa nis *co fliuch 's is urrainn duit a bhi*, agus tha mi 'n dòchas nach misd' thu dol a dh' iarraidh an nisge."

Tha deagh fhios againn nach 'eil a h-aon do na mnathan Gàidhealach a dheanadh a leithid so; ach mar thuirt am Frangach, tha sinn "an dòchas" nach misd' iad an sgeul beag so a chluinnntinn. Bha 'm Frangach bochd 'na dhuine spurtail, tuigseach: cha b' ionann agus ioma trusdar a bheireadh gleadhár an taobh an leth-chinn di.

LEABHAR ÙR GÀILIG.

AN COGADH SPIORADAIL: Searmon Gàilig. "Abair ri cloinn Israeil dol air an aghaidh."—Ecs. xiv. 15.

So searmon a shearmonaicheadh ann an Eaglais Chalum-Chille, an Glaschu, le Tormaid MacLeod, D.D., ministeur na h-eaglais sin, o chionn a nis còrr agus dà bluiliadhna, air feasgar Sabaid-comanachaiddh. Air dian-iarrtus mòran do'n luchd-éisdeachd, tha e nis air a chur a mach, agus r'a reic airson *tri sgillean*, prìs a' phàipeir agus a' chlò-bhualaidh. 'S dòcha nach tig e gu ro-inhaith dhoibhsan tha 'cur a mach a' Chuairteir barail a thabhairt air an t-searmon so, a thaobl gu bheil ministeur Eaglais Chalum-Chille e fèin do'n àireamhl; achi do bhrigh nach ann airson airgid a dheanamh a tha e air a chlò-bhualadh, ach ann an dòchas agus ann an rùn gu'm bi e air a bheannachadh chum maith dhoibh a leughas e. Chomhairlicheamaid do gach Gàidheal fhaotainu, agus a leughamh; agus ma nì e sin le aire agus ùrnuigh, tha sinn meallta mu chunnaic e luacha-peighinn riabh airson *tri sgillean* is feàrr.

Tha a' Ghàilig anns a' bheil an searmon so air a sgriobhadh, co

blasda, mhilis, thaitneach, ri aon nì chainig riabh o pheann an flir a chuir a mach e. Tha an teagast fallain fìrinneach, soisgeulach; agus cha'n fhaod sinn gun a ràdh gu'm b'fhèarr gu'n robh barrachd do'n t-seòrsa aig Gàidheil bhochda r'a leughainh. Tha aobhar-dòchais, ma ghabhas e so sgaoileadh co farsuing 's bu chòir dha, agus a tha e 'toilltinn, gu'n cuir an diadhair suairee a sgrìobh e iomad aon do'n t-seòrsa cheudna a mach, agus mar so gu'n cuir e a luchd-dùthcha fo chomainean ùra.

Tha an Searmon Gàilig so r'a reic ann am bàthi nan Caimbeulach, tha 'cur a mach a' Chuairteir.

N A I G H E A C H D A N .

'S gann gu bheil naigheachd ùr ann. Tha e fior gun d'fhuair am feachd Breatunnach buaidh thar muinntir CHINA. Ghlaic iad baile-mór Chanton, agus tha'n dùthaich sin ri suim mhòr airgid a phàigheadh do Blreatunn, chum cosdas a' chogaidh a dhìol; ach cha'n eil luchd-riaghlaidh Bhreatunn idir toilichte leis an dòigh air na shocruicheadh an gnothuch so. Tha iad air bharail gn'm bu chòir do'n cheannard Bhreatunnach a bhi na bu chruaidhe orra na bhà e. Air an àin, tha linthad dòigh-innsidh air, 's nach biodh e eeart dhuinne tuilleadh a ràdh mu 'dhéibhinn gus am faigh sinn fios cinnteach.

A thaoblh MHIC LEÒID a'nn an AMERICA, chainig cùnnatas gu'n do thòisich an deuchainn aige. 'Nnair dh'fhàg na pàipeirean mu dheireadh America, bha'n deuchainn an déigh mairsinn trì lathan; agus cha robh fiughair aca bhi réidh dhe ann an ùine bu Iugha na ceithir no cóig-là-deug. Cha'n eil e comasach do dh'aon air bith san dùthaich so innseadh ciamar theid a' chùis; ach, a réir nam pàipeirean, 'si barail a's bitheanta a'nn an America gu'n enirear saor e. Gn fortanach dhàsan, tha daoine tuigseach, measarra, agus àrd-inbheach, an dà chuid leis agus 'na aghaidh—'se sin, co fada 's a bheir nàdur an dréuchd fèin orra bhi 'na aghaidh; agus is taitneach leinn a chluinntinn nach robh mòran meas aig na breitheamhlana air teisteas nam fianuisean a chaidh a cheasnachadh 'na aghaidh. Cha robh an teisteas idir coimhlionta.

'S duilich leinn a ràdh gu bheil cosnadh flor ghann sa' bhaile so; agus chaidh mu mhile pearsa thilgeil á h-obair le teine sgriosail, a loisg obair-chotain mhór o chionn che'ir-là-deug. Ann am Paisleig, tha iad ann an staid anabhairrach truagh—na miltean gun turn oibre, 's gun ghreim a chuireas iad 'nam beul. Tha iad a' trnsadh airgid feedh na rioghachd air an son so; agus 'se ar guidhie 's ar dòchas gun soirbhich leòsan a th'air ceann a' ghnothuich iochdmhoir so.

F.S.—O'n a sgrìobh sinn so, chuala sinn gu'n deachaidh Mac-Leòid a chur saor, agus gn bheil e nis gun chioram gun chunuart. Cha'n urrainn so gun bhi taitneach d'ar luchd-dùthcha gu léir.

DEAS-FHREAGAIRTEAN.

I. Bha réisiimeid ann an aon do dh-Innsean na h-àirde 'n iar; bha mòran do na daoine 'bàsachadh, agus clà mhór gum b'fhèarr na h-oifigich. An déigh do'n iarmad tighin dachaiddh, bha duin'-uasal a choinnich aon do na saighdearan, a' feòraich dhe ciod bu choireach ris na daoine bhi 'sinbhal co lìonmhòr. "'Se bhi 'g òl an rum ùr a bha 'gam marbhadh," arsa'n saighdear. "Creididh mi sin mu na daoine," arsa'n duin'-uasal; "ach cha'n urrainn e blith gu'n robh na h-oifigich ag òl an rum ùr!" "Cha robh idir, le'r cead," arsa'n saighdear; "'se 'n seann rum a chuir as do na h-oifigich!"

II. Thachair do mhinisteir stòlda, agus oifigeach uaibhreach òg coinneachadh, agus a bhi 'seanchas; agus mu dheireadh, thainig an seanchas gu car beag connsuchaidh. Bha'n t-oifigeach ag at le feirg; agus mar thàmait do'n mhinisteir, thuirt e ris—"Nam biodh do mhi-fhortan orm gu'n biodh àmpaidh mic agam nach b'urrainn ni eile dheanamh, gu cinnteach dheanaiun ministeur dhe." "Cha robh t'athair-sa sa' bharail riut," arsa 'm ministeur, gu socrach.

III. "Tha 'bhriegais so tuille 's goirid air mo shonsa," arsa fear a fhuaир briogais o thàilleir Éirionnach. "Ciod an sgil a th'agadsa air briogais, amadain?" arsa'n t-Éirionnach. "Cha'n eil a' blriogais tuille 's goirid, ach 's ann a chuir thusa do spògan grànnnda chas tuille 's fada roimhpe."

GLASGOW:

PUBLISHED BY THE PROPRIETORS,

J. & P. CAMPBELL, BOOKSELLERS AND STATIONERS,
24, GLASSFORD STREET.

Edinburgh: M'Lachlan, Stewart, & Co.; Aberdeen: George King; Dingwall: A. Keith; Dornoch: Wm. Munro; Thurso: Mrs Russell; Inverness: J. Bain, & Co.; Dundee: Wm. Middleton; Oban: J. Miller; Paisley: A. Gardner; Greenock: A. M'Iver; Grantown: A. Cumming; Abernethy: D. Gordon; Dunkeld: D. M'Donald; Portree: A. M'Donald; Balachulish: J. M'Innis; Lochgilphead: N. Gillies; Fortwilliam: Lachlan Cameron, writer; Laggan: J. M'Pherson; Port Ellen, Islay: D. Hunter; Portnahaven: Norman M'Lean; Kilchoman: Angus M'Leod; Strontian: D. Cameron; Tioran, Mull: John M'Donald; Cawdor, Nairn: J. Robertson; Ballendalloch: James Grant; Pitlochry: D. Robertson, Fortingall: D. Campbell; Weem: J. Menzies; Alness: D. M'Diarmid; Doune: D. M'Diarmid; Laggan: J. M'Pherson; Barra: A. M'Donald, Esq.; Ormsary: G. Ross; Tayinloan: A. Sutherland; Glencarradale: J. M'Dougall; South Uist: A. Chisholm; Tullymet: C. Morris; Callander: P. M'Kinlay; Balquhidder: J. Carlton; Dunvegan: D. M'Donald; Carbst: A. Cameron; Glendaruel: D. M'Lean; Fort-Augustus: J. Forbes; Stratherrick: J. Frazer; Kilmorack: J. Rose; Easdale: D. M'Intyre; Nova Scotia: Rev. R. Williamson, Pictou; General Agent for North America, John M'Neil, Esq. Charlottetown, Prince Edward's Island.



AN LA A CHI'S NACH FHAIC.

CUAIRTEAR NAN GLEANN.

MÍOS-MEADHOIN A' GHEAMHRAIDH.

AN 22 AIREAMH.] DECEMBER 1, 1841. [PRÍS 6 SGILLEAN.

CONTENTS:—John Brown, the Martyr (Account of), page 269.—Birth of the Prince of Wales, 277.—John De Courcy, Earl of Ulster (Account of), 280.—Battle of the Shirts, a Highland Legend, 282.—Insects (Account of), 284.—Highland Schoolmasters, 286.—Letter to the Editor, 288.—Prayer of the Islanders when going to Sea, from Bishop Carswell's Liturgy, 290.—Familiar Dialogue (Public News), 291.—Notices to Correspondents, 295.

SGEULA FIRINNEACH MU DHÉIBHINN AON DO NA CÙMHNANTAICH, IAIN BROWN.

'S ann an sgìreachd Eaglais a' Mhonaidh (*Muirkirk*), ann an siorramachd Ionaràir, a bhla'n duine so a' chòmhnuidh; agus thachair an eachdruidh a leanas o chionn seachd fichead bliadhna. Tha làrach an tighe anns an robh an duine math so a' fuireach fhathast r'a fhaicinn, air aodann bruthaich, am measg chreag agus gharbh-chriochan 'us mòintich, as a' bheil sealladh farsuing air seachd siorramachdan, agus air farsuingeachd mhór do'n dùthaich. Bha Iain Brown 'na bhalachan òg anns a' bhliadhna 1661, 'nuair a chuireadh a mach as an Eaglais, agus as an tighean, trì cheud do mhinisteirean dileas, ri linn an droch righ, an dara Tearlach.

B'e so àm na geur-leanmuinn thruagh do Eaglais na h-Alba. Bha Iain Brown san tigh-aoraidh air an latha 'shearmointaich ministoir na sgìreachd a shearminoindhealachaidh. Ràinig an caoineadh 's am bas-bhualadh a bha 'in measg an t-sluaign a chridhe, nì nach do dhicchuimhnich e gu latha a bhàis. Fhuair Iain Brown deagh,

chothrom, a thaobh sgoilearachd, 'na òige ; agus bha e 'na bheachd aon uair a bhi 'na mhiniesteir, mur bhith gu'n do thachair dha bhi mantach no liotach 'na dhòigh-labhairt. Ach ged a bha e mar so ann an cainnt chumanta, bha feartan mór aige ann an ùrnuigh. Bha 'chuid bu mhò do'n Bhìobull aige air a mheomhair, agus, nì bu luachmhoire, bha e air a dhéargadh air a chridhe ; agus, ann an ùrnuigh, labhradh e le cumhachd, dealas, gràdh, agns dùrachd, oscceann aon neach a bha san àite. Bha a chaithe-beatha's a ghiùlan do réir so, agus bha am meas sin air. Bu dhuine e air gach dòigh co measail, dhiadhaidh, co ciùin, iriosal, cheanalta, 's a bha 'na latha, no 'na linn, sa' chearna sinn do'n dùthaich. 'S i' chèaird a bha e 'leantuinn a bhi 'na charrier (mar their iad sa' Bheurla), a' giùlan gach seòrsa bathair eadar an t-àite sau robh e 'chòimnuidh agus na bailtean mòra ; agus bha e air a chùnntas co ionruic, onorach, dhiadhaidh, 's gu'n d'fhuair e mar ainm, *An Carrier Criodail*. Rinn an duine math so deagh fheum do'n ionnsuchadh a fhuair e. Cha robh san àm sin ministeir san àite, ach seòrsa do dhòganach faoin do'n Eaglais Shasunnaich ; agus b'abbais do Iain Brown a bhi 'cosg gach uair d'a ùine 'b'urrainn da 'sleachnadh ann an-teagasc agus ceasnachadh òigridh na sgìreachd. Bha coinneamh òg a h-uile feasgar Di-luain aige, airson seanachas Criodail, ùrnuigh, agus leughadh a' Bhlobnuill. San t-samhradh, b'abbais duibh coinneachadh ann an crò-chaorach gnì h-àrd sa' mhonadh ; agus auns a' gheamhradh, 'na thigh féin, mu thimchioll cagailt au teine shuilbhearra air meadhon an ùrlair.

Mar bha Iain air ais 's air aghart eadar a thigh féin agus baile-mór Ionarair, chinn e eòlach air òigh àillidh dhreachlinhor, d'am b'ainm Iseabal Weir, no Nic-an-Uidheir, a bhuiねadh do sgìreachd Shorn—boirionnacl tuigseach, ciallach. B'abbais di falbh leis air an rathad-mhór, a' seanachas mu chor brònach, mìladach, Eaglais na h-Alba. Dh'iarr e i mu dheireadh a'm pòsadh ; ach thuirt e rithe, "Tha nì-eigin ag innseadh dhomh gn'n cuirear mi gu bàs mar fhianuis air an fhìrinne ; agus tha mi 'toirt an rabhaidh so dhuit," ars' esan, "gu tràth." "Bitheadh e mar sin," ars' ise, "ma's e sin toil Dé ; ach tre àmhaghair agus bàs theid mi leat, agus bithidh mi dileas—bidh mi a'ùn chulaidh-shòlais dnit. Gheall Dia dhomh gràs, agus bheir e mi 'na àm féin gu glòir."

Phòsadh iad, tamull beag 'na dhéigh sin, leis a' mhiniesteir ainmeil siu, Maighstir Peden. Aun an gleann uaigheach, dlùth do'n tigh, bha cuideachd mhór crinn, a thainig a dh'éisdeachd Mhaighstir Peden, ged bha sin 'na ghnothach cunnartach dhoibh. An déigh do'n phòsadh a bhi seachad, smèid am ministeir air bean-na-bainne i'thighean a labhairt ris gu taobh far nach cluinneadh càch e. "Fhuair thu an diugh," ars' esan, "deagh chompanach ; bitheadh meas agad air—gràdhach e. Ach," ars' esan, "bitheadh a léine-bhàis agad do ghnàth deas. An latha a's lugha bhios dùil agad r'a leithid, bheirear uait e. Tha iomhaigh Chriosd 'na aodann ; cha'n urrainn da a' ghéur-leanmuinn tha mach air feadh na dùthche a sheachnadh. Ach na bi fo eagal ; seasaidh Dia thu."

Cha b'urrainn do bean-na-bainnse a chreidsinn gu'm murtadh iad a còmpanach gasda—duine co neo-lochdach agns co math.

Mu'n àm so, thòisich genr-leanmuinn fhuilteach, theinnteach, an aghaidh sluagh an Tighearn ann an Albuinn. B'éiginn do dh-lain *Brown* sgur o bhi 'falbh an rathaid le 'each's le 'chairt mar a b'abhais da, oir bha e 'na dhuine comharrachte, agus bha na Cùmhantaich a' taghal a thighe; agus bha fios aig na daoine fiadhaich a bha air an àm sin a' riaghlaigh na dùthcha gum b'ann diùbh Iain. B'éiginn da mu dheireadh 'àite féin, agus a thigh féin, fhàgail. 'S ann sna monaidhnean, agus feedh għarblilaiche nam beaùn, a bha e 'cur seachad a' chnid bu mhò d'a ùine! Ach a mach air feedh nam beann, agus 'ga chleith féin ann an uamhan 's a'm frògan, a' teicheadh o 'nàimhdean, bha bogha-frois a' Chùmhainte mu 'cheann, agus bha e 'sealbhachadh sòlais agus saorsainntinn nach robh e 'n comas a nàimhdean a thoirt uaithe.

Latha do na làithean, mar a bha'n duine naomh so 'ga chleith féin ann an slochd domhain dorcha, air nach robh eòlas aig neach air bith ach enid do bhnachaillean an àite, bha 'mhiann air an latha 'chur seachad san àite ùdlaidh dhorcha so ann an ùrnuigh, agus ann an conaltradh ri 'Dhia aùn an cainnt Ieremiah san iii. caibideil, agus sios o'n dà-fhicheadamh rann, 'nuair ràinig fuaim thiamhaidh, mhuladach, bhrònach e, air oiteig na gaoithe! Air tùs, bha i mar Shalm bhùnn a bhiodh cuid-eiginn a' seinn gu h-iosal, mar gum bu mhiann leò a chleith; ach aùn an ùine ghoirid dh'fhàs an fhuaim na bu shoilleire 's na b'airde, agus chual' e na facaill air an toirt a mach, agus an t-Salm air a seinn gu pongail, (Sailm vi. vii.)

Airson gu'n chlaoidheadh mi gu truagh,
Eisd-sa ri m' ghlaodh san àm;
Is saor mi o luchd m' shòirneirt mhóir,
Oir's treise leò na leam.

A prìosan m' anam buin a mach,
T'ainm-sa gu'm molar leam;
Is iadhaidh umam fìreana,
Oir ni thu pailteas rium.

"So," arsa Iain *Brown*, "cuid-eiginn a' seinn cliù do Dhia—a h-aon do m' chàirdean truagha ann an teinn, air a ruagadh air feedh nam beann." Dh'éirich e o 'ghluinibh, agus chaidh e a rann-suchadh a mach có bh'ann. 'Sann air a bha'n t-iongatas's an sòlais 'nuair fhuair e gum b'iad a choiñhearsnaich's a chàirdean dileas féin a bh'ann!—triùir dhaoine Criodail a bha 'teicheadh o nàimhdean Chriosd, mar bha e féin. Bha iad fada 'stigh ann am fròig dhorcha, a' séinn le chéile Sailm do Dhia. Dh'fhirosraich na càirdean gu'n robh Dia san àite sin, agus bhlaibh iad sòlais agus toileachas-inntinn nach b'urrainn an saoghal a thoirt doibh na 'thoirt uapa. Bha iad cosmhuil ri Maois—'nnair bn mhò bha'n saoghal 'na aghaidh, 'sann bu dlùithe a bha e air Dia. Ré fad an latha, bha fear-mu-seach dhiubh a' leughadh a' Bhiobuill; agus an dràsd 's a rithist, air feedh na h-oidhche, fear-mu-seach dhiubh ri ùrnuigh, agus a' togail Shalm.

Bha spéis mhór aca do'n lxxiv. Salm ; bha i anabharrach freagarrach do'n staid anns an robh iad.

C'arson a thilg thu sinne uait ?

An ann gu bràth, a Dhé ?

C'arson ri caoirich t'ionaltraidh

A las do chorruich ghéur ?

agns mar sin sios.

Sheinn iad an t-Salm le chéile aon uair air a' mheadhon-oidhche ; agus am feadh 's a ghiùlain oiteag na h-oidhche an fhuaim air feadh an raoin 's a' mhonaидh fhiadhaich, ghiùlain creideamh fonn an anamanna suas gu cathair Dhé. Ged bha iad 'nam fògaraich thruagh an làthair dhaoinibh, air an cùnnatas mar chaoraich chum an casgraiddh, bha iad ag ionaltradh air chluaintibh glas, agus ri taobh nan strutha sèimh ; agus ged a bha drìuchd an amhoich agus frasan uisge 'tuiteam air an cuirp, bha drìuchd agus ciùin-shòlais o néamh a' beothachadd an ammanna. Thug iad gu'n robh Dia maille riu. Bha iad leisg dealachadh ; agus air talamh a bhos, cha do chuir na daoine maithe so riabh seachad àm bu shòlasaiche na rinn iad anns an flòrig dhorcha, ùdlaidh, uaignich so, ann am monadh an fhraoch. 'Se b'ainm do fhear dhiubb, Uilleam Steel. So an t-aon fhear do'n cheathrar nach do chuireadh gu bàs mar fhianuis air a chreidimh ; agus is minic a chualas e ag ràdh, ma chuir e riabh seachad aon do làithean nèinh air talamh, gum b'e sin an t-àm a chuir e seachad san t-slochd fo'n fhraoch, maille ri Iain Brown agus a chàirdean.

B'e Uilleam Steel a' cheud fhear a thainig a mach sa' mheduinn as an flòrig, mu bhristeadh an latha, a choimhead gu furachail an robh nàmhaid air bith san t-sealladh. 'Nuair mhothuinch e nach robh, lean càch e. Fhad's a bha iad a' cur an comhairle r'a chéile ciod bu chòir dhoibh a dheanamh, chual' iad guth na bu bhinne gu mór, 'nam beachd, na aona cheòl a chual' iad riabh, a' seinn nam briathra so :—

Osna a' phrìosanaich a'd' làthair

Thigeadh, a Dhé nam feart ;

'S an dream a dh'orduicheadh chum bàis,

Saor-sa réir meud do neart.

Sheas iad car tannill—bha iongatas mór orra ; ach tiota beag 'na dhéigh so, chual' iad guth eile a' séinn, le dealas diadhaidh, anns na briathrabh a leanas :—

'Mcasg phota luidh sibh, ach bidh sibh

Mar sgiath nan calman luath,

Foluicht' le h-airgiot, is an cleit'

Le h-òr a's deirge snuadh.

Dh'amhairc iad air gach taobh ; ach cha robh neach r'a fhacinn, thall no bhos, shnas no shòis ! Rannsuich iad gach cearn do'n t-slochd, ach cha robh neach r'a fhaotainn. "Nach coma có dhiùbh," ars' Iain Brown, "có 'sheinn an t-Salm a chuala sinn ? Gabhamaid sólas agus misneach—'se Dia a labhair iad ; agus

labhradh iad air tùs airson co'fhurtachd a mhuinnitir fein, a phobuill dhilis féin, gu deireadh an t-saoghal. Ged tha sinn dubh mar ua pota an sealla dhaoinibh, tha sinn mar cholumain am fianuis Dhé. Theagamh gu bheil sinn air sgéith, ag itealaich ann an ùine ghoirid air falbh do shaoghal eile; agus tha a' choinneamhl so bha againn ann am Bethel g'ar n-nimeachadh air chionnimeachd. Do ghràs Dé gu robh an cliùl bith'maid fo mhisneachd?" Fhad's a bha e 'labhairt, las 'aodann le àilleachd agus beothalachd mhór. Ghabh e cead diubh, agus dhealaich e riu. Sheas iad ag amharc na dhéigh. Cha'n fhac' iad tuillidh e san t-saoghal-sa, ni mò a chual' iad a ghuth milis.

Fhuair an Rìgh Tearlach air an àm so bàs, agus thainig Seumas 'na àite. Chuir esan *Claverhouse* thairis air feachd na duthca; agus rinn e 'na mhorair', e, air ainn Morair Dhùinidèadh (*Dundee*) — duine eo fuileachdach, fhiadhaich, bhorb, 's a tharrning claidheamh riabh á trnaill, agus neach aig an robh naimhdeas uamhasach an aghaidh nan Cùmhnantaich.

Bha buidheann shaighdearan a nis air an càramh ann am baile ris an canar *Lesmahagow*, dlùth do dh'àite b'abbais do Iain Brown a bhi 'taghal. Thainig a' bhéisd dhuine, *Claverhouse*, do'n àite so air feasgar deireannach an earraich, sa' bhliadhna 1685; agus air dhà ionradh 'chluinnntinn mu chràbhachd agus mu ghiùlan Iain Brown, agus nach b'abbais da dol a dh'éisdeachd a' mhiniesteir Easbuigich a bha 'na sgìreachd, thog *Claverhouse* air mu thuiteam na h-oidhche; agus mu shèa uairean sa' mhaduinn bha e aig dorus tigh Iain, e fòin agus a chuid saighdearan, trì cnideachdan diubh, agus tart air airson fuil an duine bheannaichte.

Bha Iain air a chois fada mun d'thàinig iad, agus thairg e suas ùruigh-mhaidne. Bu mhiniic a chnulas a bhean ag ràdh nach do mhothuich i a cómpanach riabh a' seinn Salm le guth eo fonnmhòr, àrd, bhuadhar, 's a rinn e air maduian an latha sin; agus bi'n t-Salm a shéinn e an xxvii.^{mh}, 1, 2, 3, 4,—

'Se Dia mu sholus is mo shláint,
'S an euir aon nàmh orm fiann?
Ge lionmhòr mòrunach am feachd,
'Se Dia mo neart 's mo sgiath.

agus mar sin sìos.

'Se an caibideal a lengh e, an xvi. do Eòin—earrann do dh'fhacall Dé a blia anabharrach uile freagarrach. Ghleachd e air an latha sinu ann an ùruigh mar neach air an robh 'mhìann an saoghal so fhàgail, agus a bhi nis cheana maille ri Dia.

An déigh d'a aoradh-maidne bhi seachad, chaidh an duine beannachte do'n bhlàr-mhòine, a réiteachadh bachd, far an tòisicheadh iad air mòine a thilgeadh an ceann latha no dha. Bha na seirbhisich nile a mach, mar an ceudna, inn'n bhaile, ri obair, 'nuair thainig *Claverhouse* agus a chuid trupaiream; agus chnartaicheadh an t-àito 'n robh Iain Brown ag obair, agus sgiùrs iad romhp' e a dh'ionnsnidh a thighe. Cha d'fhnirt an duine beannachte gu'm b'olc. Bha caileag bheag san tigh, a dh'innis do'n mhnaoi gum

fac' i saighdearan air eachabh a gabhail 'ionnsuidh an àite 'n robh a h-athair ag obair ; agus gu'n robh e nis a' téarnadh dh'ionnsuidh an tighe, agus na saighdearan 'na dhéigh. Sheas Iseabal thruagh. "Thàinig," ars' ise, "an nì ris an robh dùil agam o chionn fhada. "O Thighearn!" ars' ise, "thoir dhòmhisa gràs agus neart chum so a sheasaini." Ghabh i Seònaid bheag, a dalta (nighean a bha aig Iain *Brown* le 'cheud mhnaoi), air làimh. Shuain i a mae ann am breacan, agus thog i air a gualainn e ; agus chaidh i mach gu ciùin sàmhach an còmhdbail nau saighdearan, a' guidhe air Dia, agus ag iarraidh neart agus gràs dhi féin agus d'a cómpapach, a nis an àm am féuma.

'Nuair ràinig iad ceann an tighe, sheas iad, agus labhair *Claverhouse* ri Iain *Brown* mar so :— "C'arson," ars' esan, "nach 'eil thu dol a dh'éisdeachd a' mhinisteir Easbuigich a chuireadh do'n àite ? agus c'arson nach h-àbhais duit guidhe ann an ùrnuigh airson Righ Seumas ?" Fhreagair esan gu ciùin, socruch, gun sgàth, gun eagal, gun ghrabadh— "Cha'n eil mise 'g aideachadh ceamtard air bith 'na nachdaran thairis air an Eaglais, ach Criod ; agus cha teid mi 'dh'éisdeachd na ministeirean Easbuigeach, do bhrigh gu bheil iad air an eur a stigh calg-dhùreach an aghaidh lagh Chriod ; agus do bhrigh gur Pàpanach an Righ, chain urrainn domh guidhe air Dia e a shoirbheachadh leis. Ach," ars' esau, "ma thionndas Dia a chridhe, agus gu'n atharraich e a ghiùlan, guidhidh nì as a leith, agus bheir mi 'umhlachd dha."

'Nuair chuala *Claverhouse* so, thubhaint e, le guth colgarra, coimbeach— "Air do ghlùinibh a thiota beag ; dean t'ùrnuigh dheireannach, oir 's éiginn do chur gu bas !" Rinn Iain so ; chaidh e air a dhà ghlùn. Ghnidh e le dùrachd a chuir namhas air na saighdearan. Bha cuid dinbh a' siabadh nan déura goirt o'n sùilibh. Bha a bhean tròn air an àm, agus a h-ùine dlùth. Bha a páisde aice 'ga ghiùlan, agus an nìonag aice 'na làimh ; agus sheas i gunn charachadh, gun ghlaodh, mar bha esan air a ghlùinibh a' guidhe air Dia gum beaunaicheadh e i, agus gum bitheadh gach beaunachd air a dheòuachadh dhi, agus do na h-nile bha beò agus a bha ri tighin. Bha oilt, agus corruiich, 'us cuthach, air *Claverhouse* ; agus le mionuachadh, 'us mallachadh, agus toibheum oillteil, chuir e stad air, agus dh'iarr e air éiridh o' ghlùinibh. Thnirt Iain *Brown* an sin r'a mhnaoi— "Iseabal," ars' esan, "so an latha air na labhair mi mun do phòsadhl sinu. Tha thu a' faicinn gu'n d'thàinig mo ghairm. 'S éiginn domh, an tiota beag, seasamh an làthair mo Thighearn agus mo Dhia—fa chomhair cùirt nèimh, mar fhianuis an aghaidh luchd-riaghlaidh Albninn. Am bheil thu toileach dealachadh rium ?" ars' esan. "Labhair, 'eudail 's a ghràidh do mhnathan an t-saoghail ; am bheil thu strìocta gu dealachadh rium ?"— "Tha," ars' ise, "le m' uile chridhe. Se sin toil Dhé ; a thoil-sa gu robh deanta. 'S è thug dhounh, 's è tha 'toirt uam—gu ma beaunaichte gu robh 'ainm !" "Sin," ars' esan, "na bha dhùth orm. O a bhàis ! c'ait a bheil do ghath ?—O uaigh ! c'ait a bheil do bhuaidh ?" Air dhà so a ràdh, chuir e a dhà làimh m'a

muineal, agus phòg e i, agus an sin a phàisdein beag a bha aice air a li-uichd. 'Na dhéigh sin, phòg e Seònaid bheag. "Slàn leat, a chnilean mo chridhe," ars' esan. "Thoir thusa do chridhe agus do làmh do Dhia; iarr air do stiùradh, earb thu féin ris, agus bi dleasnach do d' mhàthair." Thainig reachd 'na mhuineal. Shil a dheòir. Mu dhéireadh, thog e a dhà làimh ri nèamh, agus, ag amharec suas, thubhairt e—"Gum bu beannaichte gu robh thusa, O Spioraid Naoimh! a tha nis a' labhairt barrachd sòlais ri m'anam na dlífhiosraich mi riabh! Ciod è dhòinhsa a nis na's urrainn mo nàiumhdean a dheanamh?" "Bi tosd!" arsa *Claverhouse*; "na cluinneam diog tuille mach á d' bheul. A nall," ars' esan; "seisear agaibh!" 's e 'labhairt ris na saighdearan. "A nall air a' mhionaid! agus loisgibh air an duine so." Ach cha robh so 'nan comas; sheas iad air an ais le h-namhas. Ghabh *Claverhouse* eagal gn'n robh iad gu ar-a-mach a dheanaidh 'na aghaidh. Thar-ruing e dag a mach o 'chrios féin; tharrning e dlùth air an duine bheannaichte; loisg e air; chuir e peileir troimh 'eanchainn, agus thuit e marbh air an lèr !!

Thionndaidh na saighdearan air falbh an cinn o gliniomh co oilteil; ach esan, béisid nam béisdean! thòisich e ri fala-dhì dhéanamh dhe, agus ri fochaid agus fanoid air a' bhanntraighe thùrsaich, corp a fir a nis sìnte 'na fluil aig ceann a thighe féin, ach 'anam le *Criosd* anns na flaitheas àrda.

"Ciod a nis," arsa *Claverhouse* ri h-Iseabal, 's a dilleachdan maoth a' sgriachail leis an oillt—"ciod do bharail a nis air do chéile pòsda?" Bha ise, mo thruaighe! a' trusadh eanchainn agus fuil a fir, ag osnaich gu tróm, ach gun fhacall as a ceann. "Labhair!" arsa'n duine uanhasach; "labhair! Tog do cheann, agus innis doimh ciod a nis do blàrail air do chéile." Thog i a ceann. "Matà," ars' Iseabal, "bha barail mhath agam air riagh; ach a nis tha barail ni's àirde 's ni's fèarr again air na bha agam riagh roimhe." "'Ne sin a tha thín 'g ràdh?" ars' esan, "a bhean gun chiall, gun näire! 'S beag a bheireadh orm do leagail a'd chorpa marbh r'a thaohh!" "Matà," ars' ise gu ciùin, "nam biodh sin air a cheadachadh dhuit, is dearbh-chinnteach mi gu bheil do mhì-chneasachd agus do bhuirbe annad na leigeadh leat a dheanamh; ach eiamar a fhreagras tu airson guiomh na maidne so?" A dh'aindeoin a chridhe, bha olllt agus eagal air, ged a dh'fheuch e a chleith. "A fhreagras mi," ars' esan, "do thaobh so! Na biodh càram ortsa. 'S furasda freagairt air a shon do dhaoine; agus a thaobh Dhé, gabhaidh mi esan a'm làimh féin!" O! cainnt an uamhais!

Air dhà so a ràdh, chuir e spuir an cliathach an eichi air an robh e; thàr e as, agus a chnid saighdearan 'na dhéigh.

Chruinnich ise, a' bhanntreach thruagh, eanchainn agus fuil a fir mar a b'fhèarr a b'urrainn di. Shuan i tñthailte anairst mu 'cheann; nigh i a lamhan; agus shuidh i 'n sin, a' tuireadh 's a' bròn, gus an d'thainig na gillean dachaidh, 's an d'fhuair iad ise ri

turainn truagh ceann an tighe, agus corp an duine mhaith marbh m'a coinneamh.

Chruinnich na coimhearsnaich—chaidh sgéul a' blàròn a mach feadh na dùthche, a' dùsgadh oillt, agus namhais, agus eagail, anu an eridhe gach aon a chual' e. "Ma's ann mar so," ars' iadsan, "a thachair do'n chaonhan bheannaichte so, Iain Brown, có tha tèaruinte?"

Bha bnuidhionn do na coimhearsnaich a nis air cruinneachadh. Chunnacas bean eireachdail a' dlùthachadh orra, le cabhaig mhóir. Ghrad thilg i a dà làimh mu mhuineal Iseabail. B'i so bean aon do na fir a bha 'm falach maille ris na cómpanaich san t-slochd fo'n fhraoch, mu'n robh sinn a' labhairt. "O! Iseabal, Iseabal!" ars' ise, "ciod so thachair? 'Bheil Iain a nis an glòir? 'Bheil air t'fhear-sa nis coron a' mhairtirich? 'Bheil esan a nis ann an àros nam flath, maille ri Criod? Agus a' bheil Dia a nis an déigh thusa 's do dhìllteachdan a ghabhail fo 'chùram àraid fèin? ag ràdh, Bidh mise 'm fhear-tighe dhuit, a'm chéile phòsda dhuit, agus a'm athair do d' dhìllteachdan. Cha'n ioghnadh," ars' ise, "ged tha thu air chrith, fo iongatas air na nithe mòra rinn Dia as do leith!" Thug an fhàilté so misneach do Iseabal—thog e a cridhe; thiormaich i a sùilean; chuimhnich i nis na briathran a labhair Maighstir Peden rithe air là a bainse; chaidh i a stigh air tòir na léine-bhàis, a dh'uidhimich i a réir an rabhaidh a fhuair i. Thainig a nis dithis do na fir a bha maille ri Iain san t-slochd, Daibhidh agus Uilleam Steel; agus thug iad a chorpa stigh do'n t-seòmar, far an d'fhuair e gach cùram a bha gnàthaichte san àm.

Rinneadh so uile gu sàmhach, gun fhocal a labhairt. An déigh dha bhi seachad, shuidh a' chuideachd. Thugadh a nuas am Biobull, agus thogadh an t-Salm (xxvii. 5, 6)—

Oir ni e m' fholach 'n àm na h-àire
'Na phubull: dion do ni
An diomhaireachd a phàilliun dhomh,
Air carraig cuiridh mi.

Oscionn mo naimhde ta fa m' chuairt,
Nis togar suas mo cheann :
Glan-lobaile aoioblaneis uime sin
G'a phubull bheirear lean :

Is seinnidh mi gu togarach,
Seadh canam fòs gu binn
Ceòl agus moladh àrd do Dhia
Air feadh mo rè 's mo limn.

Iadsan a tha ann an trioblaid agus fo blàròn, seinnidh iad le eridhe, agus dealas, agns tograidhean arda, air a' bheil luchd a' ghairdeachais aineolach. Tha h-uile focal tha Dia a' labhairt a' tighin dachaidh mar gum biodh e air a labhairt 'nan cluasan.

Mar thachair do'n chend mhairtireach, Stephen, a ghiùlain daoine naomha a chorpa chum na h-naighe, mar so thachair do'n duine

mhath so ; oir muinntir Dhé, chladhaich iad 'uaigh, agus chàirich iad e san ùir, sa' cheart àite 's na thnit e, aig ceann a thighe.

O ! nach b'e an duine beannaichte so a' chulaidh-fharmaid 'na bhàs, agus cha b'e *Claverhouse* uaibhireach truagh ! 'S minic a dhi'aidich an duine borb so, nach deachaidh ùrnuigh dliùrachdach Iain Bhrown as a chluasan fhad's bu bheò e. Air an uaigh anns a' bheil ùir an duine mhaith so, tha leac-lighe r'à faicinn air an latha dingh, air a' bheil eachdraidh a bhàis air a gearradh.

"S beannaichte na mairbh a gheibh bàs anns an Tighearna ; seadh fòs, deir an Spiorad, gheibh iad fois o'n uile shaothair, agus leanaidh an oibre iad." C.

AM PRIONNSA OG.

Nar robh pìohaire sa' Ghàidhealtachd nach liòn a mhàl, 's nach séid a suas Fàilt a' Phriónns' Òig ! Tha sinn a' deanamh dheth nach 'eil fior Ghàidheal air feadh an t-saoghal do nach toir e toil-inntinn a chluinntinn gu bheil oighre òg air a bhreith do chrùn Bhreatunn. Ceud mile fàilt air an leanabh rioghail !

Thachair so air là Fhéill-Martuinn, an t-aon la-déug do'n mhìos a chaidh seachad ; agus is aobhar taingealachd gu bheil a' Bhan-righ agus an t-oighre òg so a' tighlin air an aghart co maith 's a b'urrainn do'n rioghachd iarraidh.

Chaidh a Bhan-righ a luidhe gu slàn fallain air oidhche Di-luain, beagan an déigh deich uairean ; agus mu shèa uairean sa' mliaduinn, dhùisgeadh an lighiche 's a' bhean-eòlais a bha 'feitheamh oirre. Bha lighich' eile dlùth anns a' phàilliun. Chuireadh fios gun dàil air luchd-riaghlaidh na rioghachd, luchd-comhairle na Ban-righ ; oir 's éiginn gum bi iadsan sa' phàilliun air a leithid so do dh'äm. Thainig *Sir Robert Peel*, agus *Wellington*, agus ard-imhorairean agus mhaitean na cùirte, mu naoi uairean, agus an t-Àrd-Easbuig agus Easbuig Lunnuinn.

Cha robh ann an sedòmar na Ban-righ, an àm a saoithreach, ach an lighiche 's a' mhuime, agus Prionns' Albert. Beagan roimh aon-uair-deug, rugadh am Prionnsa—naoidhean lurach, làidir ; agus an ceann ùine bhig 'na dhéigh sin, thugadh a stigh e an làthair nan àrd-uaislibh a bha cruinn. O'n àm sin, tha a' Bhan-righ slàn, fallain ; agus am Prionns' òg co lùthor, làidir, bheothail, iasgaidh, ri aon naoidhean-gille a bhanaltrumaich muime riabh 'na h-uchd.

Tha iomadh ainm, no (mar their iad sa' Bheurla) *title*, urramach aig a' Phriónns' òg. Cha'n eil e air ainmeachadh fhathast Prionnsa *Wales*, no Prionnsa na Cuimrich. So tiodal a gheibh e ri ùine, agus 'se so an t-ainm air an ainghear e.

Tha nis os ceann còig ceud bliadhna bho'n a ghabh oighre crùin Bhreatunn an t-aum so. Bha *Wales* 'na rioghachd saor, air a bonn féin, le a righribh, 's a laghanna, 's a cainnt, 's a cleachdaidhnean féin, mar a bha Albuinn ; ach bhuadhaich rioghachd Shasunn 'na h-aghaidh, agus chuireadh na Cuimrich thruagh fo chìs do Shasunn. 'Se an ceud

iomhar (*Edward I.*) a rinn so ; agus cha'n eil eachdraidh a's bròn-aiche r'a leughadh na an dòigh a ghabh an duine neo-iocdmhor sin air na daoine foghainteach sin a cheannsuchadh. Bha mòran Bhàrd san àm sin am measg nan Cuimreach. Chùm iadsan suas cuimhne nan làithean a dh'fhalbh, le'n òrain agus le'n dànaibh. Bha na bàrdan air gach còmhail agus cruinneachadh ; agus le'n ceòl agus le'n òrain, las iad spioradan na h-òigridh suas an aghaidh rìgh Shasunn, agus muinntir Shasunn. Chuir Rìgh Iomhar fios orra air fad, iad a thighein a chluicheadh dha, agus a dh'aithris an òran Cuimreach. 'Nuair fhuair e iad 'na mhèin 's 'na chomas, chuir e h-uile mac màthar dhiubh gu bàs ! Chruinnich e 'na dhéigh sin uaislean, agus maitean, agus ciun-fheadhna na dùthcha ; agus thuirt e riutha, o'n a bha leithid do ghràin agus do dh'fhuath aca do na Sasunnaich, gu'n tugadh e dhoibh prionnsa a rugadh 'nan dùthaich féin, aig nach robh uiread agus aon fhacall Beurla. "An còrd so ribh ?" ars' esan. Thog iad iolach-ghàirdeachais. Thàirngeadh a mach bann, agus chuir gach aon a bha làthair an ainm rithe le sòlas, a' mionnachadh gu seasadh iad dìleas do dh-aon plirionnsa, a mhuinntir an dùthcha féin, a thogradh rìgh Shasunn a chur thairis orra. Bha a' Bhan-rìgh maille ris air an àm, ann an Caisteal Charuarbhoin, anu an *Wales*. Dh'asaideadh i latha no dha roimhe sin. Rugadh mac òg dhi. Cha robh gu dearbh facall Beurla 'na cheann, na facall do chainnt air bith, ach ghairmeadh e Prionnsa *Wales* anns a' bhliadhna 1234 ; agus a nuas o'n àm sin, tha'n tiodal, no an t-ainm onorach so aig mac-mór an Rìgh, oighre na rioghachd.

Tha ainmeannan eile aige, mar an ceudna—Diùc *Chornwall*, Diùc Bhaile-bhòid, Iarla Charruig, Morair *Renfrew*, agus Morair nan Eileanan, maille ri Prionnsa *Bhreatunn* ; agus an ceann latha no dhà, gairmear e Prionnsa *Wales* agus Morair *Chester*. Ma ni ainmeannan no tiodalan féum dha, tha gu leòir aige dhiubh.

Chuir breith an leinibh rioghail so mór-shòlas air muinntir na dùthcha gu coitchionn. Bha cruinneachadh mór an Glaschu air a' 15 là—os ceann dà mhile do dh-àrd mbarsantan a' bhaile mhòir so ann an aon seòmar, a chruinnich a dh'òl deoch-slàinte na Ban-rìgh agus an oighre òig. Bha gach aon do'n chuideachd toilichte.

Tha e 'toirt mòran sòlais duinn a chluinntinn gu bheil luchd-riaghlaidh a' bhaile-mhòir so a' cumail cuimhne air na bochdan air an àm so—a' dol a thoirt cuideachaидh dhoibh, fhad's a tha 'nan comas, le gual, biadh, agus aodach. So an dòigh a's feàrr agus a's freagar-raiche air an taingealachd a thaisbeauadh do'n Fhreasdal chaomh airson a chaoimhneis agus a chàirdeis d'ar Ban-rìgh agus ar dùthaich.

Tha sinu fo bharail nach d'rugadh riabh oighre air rioghachdaibh co mór, co farsuing, co cumhachdach, agus air slòigh co lìonmhor riùsan air a' bheil am Prionns' òg ri riaghlaidh, ma chaomhnar e. Cha robh rioghachd na Ròimhe riabh co farsuing na cho cumhachdach. Cha luaithe tha 'ghrian a' dol fodha air aona chearn a bhuineas do Bhreatunn, na tha i ag éiridh air cearnabh eile a bhuineas duinn mar an ceudna. Cha'n eil mionaid anns na ceithir-uaire-fichead anns nach 'eil grian nan spéur a' soillseachadh air cearn—seadh, ioma cearn—do

na dùthchanna móra sin a bhuineas do Bhreatunn. Ge mór *Russia*, le 56,000,000 do shluagh, tha againn aon dùthaich (Innsean na h-àird-an-ear amhàin) anns a' bheil 130,000,000 do shluagh. Ma chuirear ri so shluagh gach cearn eile tha fo chumhachd Bhreatunn, 's ann a lionadh e duine le h-namhas—muilleanan agus na ceud muilleanan, anns gach cèarn do'n t-saoghal mhór, fo ùghdarras agus smachd aig aon eilean beag, nach 'eil ach mar dhùrdan suarrach sgeire air aghaidh a' chuain mhóir !

A rithist deir sinn, ceud mìle fàilt air a' Phrionns' òg, agus gu soirbhicheadh au Tiaghearna leis !—gu robh e air a chaomhnadh gu bhi 'na bheannachd do'n rlogbachd inlór so, 's 'na mheadhon an làimh Rìgh nan rìghrean, gu mòran maith a dheanamh 'na lùn 's 'na latha !

ITE SHUAICHEANTAIS A' PHRIONNS' ÒIG.

Tha fios aig mòran d'ar luchd-leughaidh gu bheil an suaicheantas fein, agus an gearradh-arm fein, aig gach teaghlaich àrd, agus gach fine san dùthaich ;—mar tha an leómhan 's an làmh-dhearg aig Clann-Dòmhnuill—na trì chasan, an caisteal, agus ceann an tairbh, aig Cloinn-Leòd—cabar féidh aig Cloinu-Choinninch, agus mar sin sìos. 'Se suaicheantas Phrionnsa *Wales*, trì itean àrd an eòin ris an canar an Sruth (*Ostrich*) ; a h-aon do na h-itcean so a' seasamh direach suas o chlàr an aodainn, air a' bheirt-chinn, agus a h-aon eile a' lùbadh air falbh o gach taobh dhi so ; agus 'se am facall suaicheantais, *Ich Dien* —dà fhacall Gheamailteach, a ciallachadh, “ Tha mise 'seirbhiseachadh,” no a' frithealadh, no fo ùghdarras.

So an dòigh air an d'fhuair an ceud Phrionnsa *Wales* so :—Anns a' bhùtar iomraiteach sin ris an canar Blàr *Chressy*, a chuireadh eadar rìgh Shasunn agus rìgh na Frainge, anns a' bhliadhna 1346, air machair fharsuing san Fhraing, far na chuir deich-mìle ficead Sasunnach an ruaig air ceud mìle Frangach, thachair e gu'u robh am prionns' òg, mac an rìgh, ann—Prionnsa *Wales*—esan d'an robh mar fhrith-ainm, “ Am Prionnsa Dubh,” a chionn gum bu deise dhubh a b'abhaist da bhi 'caitheamh. Chomharraich am flath òg so e fein gu mór air an latha sin. Cha robh àite 'n do thaisbean se e fein nach do theich na Frangaich roimhe ; leag e iad thall 's a bhos, agus thuit na gaisgich a b'ainmeala san Roinn-Eòrpa fo 'chlaindeamh cumhachdach. Bha aon seana ghaisgeach tréun sa' bhùtar, rìgh *Bohemia*. Bha e aos-mhor, dall ; ach thug e srian an stéud-eich air an robh e 'marcachd do shaighdear a bha r'a thaobbh, agus cha b'urrainn doibh a chumail a mach as a' bhùtar. Fhuaradh e am measg nam marbh, 'nuair bha'm blàr seachad. Bha na trì àrd-itcean geala 'na chlogaid mar shuaicheantas. Thug am Prionns' òg a chlogaid do'n t-seana ghaisgeach ; chàirich e a' cheann-bheirt so air a cheann fein, leis na facailt so air an deargadh oirre, *Ich Dien* ; agus riabh o'n àm sin, 'se so is suaicheantas do Phrionnsa *Wales*, oighre Bhreatunn.

Faodar, o'n tha sinn a' labhairt mu Blàr *Chressy*, a ràdh gu'm b'e so a' cheud bhùtar anns an robh gunnacha-mòra (*cannon*) riagh air an cleachdadh ; agus ains an teine mhór a bha ann an Tùr Lunnuinn (air a' bheil cùnnatas san àireamh so), loisgeadh, leaghadh, agus mhil-

leadh ceud do na gunnacha-mòra a ghlac na Sasunnaich sa' bhlàr so, agus a thug iad a nall 's a chuireadh san Tùr mar chuimhneachan air a' bhlàr ainmeil so.

C.

I A R L A U L S T E R.

SGEULA FIRINNEACH.

Tha còir, no sochair, no dlighe aig morair uasal Eirionnach nach 'eil aig aon neach eile san rioghachd. 'Se sin seasamh le 'chòmh-dach-cinn air an lèathair an rìgh, 'nuair tha uile fhlaithean na rioghachd 's an cinn rùiste, tha e air a cheadachadh do cheann tighe teaghlaich ard *Ulster*, seasamh le aid no clogaid air a cheann an lèathair na cùirte. Tha os ceann séa ceud bliadhna o'n choisinn teaghlaich Ulster an onoir so.

B'e *Iain de Courcy*, air an àm sin Iarla *Ulster*—rinn e nì-eigin a choisinn diomb agus corruiuch rìgh Shasunn—dh'orduich an rìgh a ghlacadh 's a thoirt 'na phriosanach do Lunnuinn, ach b' ñsa so a ràdh na a dheanamh; cha robh eadar dà mhaoil na h-Eirionn duine co làdir, threun mhisueachail ris an Iarla so. Dh'fhench iad uair agus uair priosanach a dheanamh dheth, ach dh'fhairtlich e orra. Mu dheireadh fhuaire iad so a dheanamh le foill, nì nach robh 'nan comas le strìgh agus oidheirp fholluiseach. Thug iad duais d'a ghillcan féin, agus blhrath iadsan e. Bha e air latha àraid a' deanamh peanais, a' coiseachd casruiste, a' dol o dheas gu tuath mu thimchioll eaglais agus cladh Dhùiu-Pàdraig an Eiriun —thaïnaig a naimhdean air gun fhiös—cha robh a chlaidheainh nò a chuid armachd aige, nam bitheadh cha bu toil leo tighin 'na dhàil—thog e maide bha sa' chìadh, agus le so chum e a naimh-dean car tamuill air an ais, ach b'ëiginn da striocadh mu dheircadh an déigh dha trì-pearsa-deng a inharbhadh dhiùbhsan a thainig 'na aghaidh. Thugadh an t-Iarla mar so 'na phriosanach do Shasunn, agus ghlaiseadh snas e anns an t-seòmar-iaruinn san Tùr, a tha o chionn ghoirid air a losgadh. Mu'n àm so thachair e gu'n robh comhstri eadar rìgh Shasunn agus rìgh na Frainge. An àite dol gn cogadh le'n armaltein, cho' aoutaich an dà rìgh a' chùis a bli air a socruchadh le dithis ghaisgeach, fear air gach taobh, rìgh Shasunn a shònruachadh aona ghaisgich, agus rìgh ua Fraing aon eile, agus an dara taobh a chur do'n ghnothuch, le comhstri an dà laoich so an lèathair an fheachd nhóir a bha ri bhi cruinn—nam faigheadh au Sasunnach a' chuid a b' fhearr do'n Fhrangach, bha 'chùis le rìgh Shasunn, ach nam buadh-aicheadh an gaisgeach Frangach, bhiodh a' chùis le rìgh ra Frainge. Dh'fheuch au dà rìgh an duine bu chalma 's a b' fhoghaintiche 'nan rioghachdan fhaotainn. Chmala rìgh Shasunn nach robh curaidd co tréun, no aon a b' urrainncar a choimeas ri Iarla *Ulster* a bha 'na phriosanach san Tùr; chuir e aon do mhaithean na cùirte d'a ionnsuidh uair agus uair, a dh'fheuchainn an rachadh e leis do'n Flraig, a chur a' chath an aghaidh gaisgich rìgh na

Frainge—ach 'se fios-freagairt a fhuaire “Cha téid, cha dóirt mi braon do m' fhuil as a leith, cha do thoill e uam e, cha chuir mi mo bheatha féin an cunnart air son righ co neo-airidi.” Ach inn dheireadh chnir an righ fios g'a ionnsuidh a ràdh ged nach déanadh e so air a shon-sa, math dh' fheudta air son onoir na rioghachd gu'n rachadh e 'mach, 's nach leigeadh e leis an Fhrangach a bhi, bòsd nach robh neach an Sasunn na 'n Eirinn a sheasadh ris. “Abair ris,” arsa *De Courcy*, “ged nach rachainn fad mo lùdaig air a shon-san, gidheadh airson onoir mo dhùthcha gu'n rachainn gu bás—tuigidh am Frangaichi leibideach nach 'eil Eirinn gun ghaisgich.” Chnireadh fios do dh-Eirinn air a chlaidbeamh féin, agus air 'airm chathla. Thàinig an latha, bha slnagh anabharrach cruinn, rìghrean Shasunn Aibuinn agus na Frainge, agus armaitean liomhlor. Thainig an gaisgeach Frangach air aghaidh a' marcachd air steud-each eireachdail, agus chuir e gu dùlan aon duine b' urrainn righ Shasunn a thoirt 'na aghaidh; ach 'nnair thainig Iarl Ulster air aghart agus a chunnaic am Frangach a choltas, co làdir, chalma lùghor 's a bha e, thainig oillt air, chriothnaich e, smaintich e gum b' fhearr teicheadh math na droch fhnireach—chnir e'n spuir an cliathach an eich, agus thug e rioghachd na Spàind air, as nach do phill e tuillidh.

Le so choisinn righ Shasunn an latha; ach air a bhi do na rìghrean agus do'n t-sluagh mhór a bha cruinn iomradh 'chluiintinn air tréuntas agus neart Iarl Ulster, bn mhiam leo. e thoirt doibh dearbhaidh air. Chuir iad eologaid stàilinn do'n t-seòrsa bu làidire air ealaig mhór dharaich, agus, le aon bhuille d'a chlaidbeamh, sgoilt e 'na dà leth i, agus chuir e an claidheainh co domhain sìos san ealaig 's nach robh duine a làthair a b'urrainn a thoirt air ais! Tha a' cheart chlaidbeamh leis an d'rinneadh so, lùireach agus airm an duine chumhachdaich so, r'am faicium ann an Tùr Luinnuinn, mur do loisgeadh iad san teine mhór leis na mhilleadh an aitreabh aosmhòr so bho chionn ghoirid.

Fhuair e 'oighreachd agus 'fhearann air an ais; agus thuirt an Righ ris—“Iarr ni's àill leat, agus bheir mise dhuit e.” Fhreagair *De Courcy*—“Or, no airgirod, no fearann, cha'n eil a dhùth orm. Rinneadh tàmait agus mi-onoir orm; 's ann a bha 'dhùth orm urram ùr, an àite 'n dimeas a rinneadh orm. 'Se m' iarrtas cead fhaotainn seasamh an làthair an Righ, mi féin agus ceann mo theaghlaich á so suas, le m' cheann-bheairt air mo cheann, 'nuair a bhios cinn nan cuirteirean eile rùiste.” Fhuair e so, agus tha an t-urram so mar dhlighe aig a theaghlaich gns an latha diugh. 'Nuair a chrùadh Righ Uilleain, agus mar an cèudna a' Bhan-righ a tha nis thairis oirnn, thainig Morair Cheannsàile (*Lord Kinsale*), agus sheas e an làthair na cuirte le 'chomhdach-cinn air, 'nuair a bha uile mhaithean na rioghachd gun ad, gun bhoineid, gun chlogaid. 'Se Moraire Cheannsàile ceann an teaghlaich urramaich so air an àm.

MAC-IAIN SHROIN AN T-SHÌTHEIN.

Air do na Caimbenlaich oighreachd Ardnamurchann a spionadh le fairneart o Chloinn Iain, bha ceann-teaghlaich do'n chinneadh sin, Raonull Glas, fear Shroin an t-Shìthein, a clùm a chuid fearainn aimsir an deothaidh d'a chàirdean gu léir géilleachdainn. Fadheòidh, chuireadh bnidheann lionar làidir gu cur as da. Fo dhubhar na h-oidhche, chnartaich iad an tigh. Bha an seann lanch gaisgeil 'na aonar, gun fhear-còmhnuidh dlùth dha—gun neach a b'urrainn cuideachadh leis, ach a mhac, Raonull òg, 's gun esan ach còig-bliadhna-deng a dh'aois. Bha dorus air gach taobh do'n tigh, agus chuir e 'mhac a dhion an doruis-chùil; ach cho luath 's a dh'fhag 'athair e, thng an t-òganach a chasan as. 'Nuair a chunnnaic an gaisgeach neo thiom-chridheach gu'n d'fhàgadh air a làimh fhèin e, mar a bha'n cèard sa' chaonnaig, smaointich e nach robh feum fuireach ni b'fhaide; ach ged bu chruaidhe a bli air fhògairt le ainneart bho làraich a shinnsear agus an tighe san deachaidh àrach, 'se 'chràidh a chridhe, gu'n do thréigeadh 'na théinn le 'mhac e, mar ghealtaire nach b'airidh air ainm nan tréun bho'u d'thàinig e. Ged a bha'n tigh air a chuartachadh le naimhdean gamblasach, ghlac e 'chruaidh-lann 'na dhòrn, 's a mach a bhà e. Ghèarr e 'rathad roi' Inchd mi-ruin, 's thog e air do Mhùideart, gu Mac-mhic-Ailein. Chaidh trì bliadhna seachad, 's cha chual' e ciod a thainig ri 'mhac, Raonull òg. Bha 'chridhe fo ionaguin mu 'dhéibhinn. Bha e 'còrionadh mar dharaig aosda 'na aonar, gun ueach dlùth dha a sheasadh ri 'ghualainn, a' cuimhn-eachadh nan làithean a dh'fhalbh—na làithean san robh a chàirdean 's a theaghlach inn 'thimchioll—san lasadh 'aigne le sòlas, a' smaoin-teachadh gun faiceadh e 'n trà san seasadh a mhac 'na àite, toillteannach air cliù agus onoir nan gaisgeach calm air an ainmicheadh e; ach, mo chreach! bha atharrachadh air a' chùis bho'n uair sin—bha e nis gun chàirdean, gun teaghlach, gun fhearaun, gun mhac.

Bha a' chùis mar so an uair a thainig Raonull Gallda a dh'agairt a chòrach an aghaidh a bhràthar, Iain Mùideartach. Chruinnich Clann-Raonuill as gach cearna gu Caisteal-Tioram, le làn rùn gu'n seasadh iad le Iain Mùideartach "a dh'aindeoin có theireadh e." Bha Raonull Glas sa' chòmhail mar chàch; agus air teannadh dhà ri dol fo armachd, thug e sùil mu'n cuairt, agus chunnnaic e òganach àillidh 'na sheasamh ri 'thaobh, a' ceartachadh a chuid arm mar an ceudna. Chlisg a chridhe 'na chliabh air toirt an aire có bh'ann. Air dhoibh dealachadh trì bliadhna roimhe sin, cha robh 'na mhac ach glas-ghille. Bha e nis 'na làthair, air fàs snas mar fliùran guu mheang; agus có 'n cridhe athar nach atadh le aoibhneas, nan tachradh dhoibh san t-sheasamh sin? Ach chuimhnich Raonull Glas air an oidhch' a theich a mhac, agus chum e air fliéin. Thng e 'u ath shùil air an òganach, agus thubhaint e—"S coma leam fhìn an rud a bhiodh ann, armachd a' ghill' òig, 's e 'teicheadh."

Tuillidh cha d' thubhairt e ; 's ged a b'fhuar an fhàilt i bho bhial 'athar, cha do ghabh an t-òganach air gu'n enal' e i. Thog Iain Müideartach 's a ghaisgich orra. Choinnich iad Raonull Gallda 's na Frisealaich aig Ceann-Loch-Lòchaiddh, far 'n do chuir iad an cath fuileachdach ris an canar Blàr Leithne. Thachair Raonull Galld' agus Raonull Glas air a chéile sa' chomhstri ; ach ged a b'ainneanh air cùl claidheamh làmh bu tréine na Raonull Glas, bha Raonull Gallda 'faighinn buaidh air. Leònadh sa' cheann e, agus theann e ri dol air ais. Chunnaic a mhac, Raonull òg, mar a bha 'chùis. Leum e far an robh iad, agus thnbhairt e—“*S coma leum fhìn an rud a bhiodh ann, ceum air ais an t-sheann duine ; ach so mar bu choir a bhith, am mac a dhol an ionad an athar,*” 's an ionad 'athar chaidh e. Bn ghoirt a' ghreis a thug na laoich ; an làmh bu taise, bu deacair innseadh. Cha robh a' mhiann air Raonull òg a nàmhaid a thorchairt ; ach leònadh leis an fhear eile e, agus bha 'fhuil a' taosgadh mu 'shùilean. Chunnaic e gu'm feumadh an dàrna fear tuiteam, agus, le rùn gun cheilg, thubhairt e—“*Cha bhi mi 'm foill dhut, a dhnine thall ; tha do nàmhaid air do chùl.*” Shaoil le Raonull Gallda gu'n robhas a' tighin a thaobl a chùil air, agus ghrad thionndaidh e mu'n cuairt ; ach, anus an tionndadh, chuir buille 'chlaidheanh Raonuill òig an ceann deth. Bhuaonnaich Clann-Raonuill an latha. Cha d'fhàgadh beò, de chòig ceud Frisealach, neach a dh'innse sgeòil ; agus de dhà chend Raonullach, cha robh beò ach aon-fhear-deug, agus gach aon diu leòinte ! Air an dol dachaiddh do Mhùideart, chuir iad seachad an oidhch' ann an Gleann Thionnaghainn, far an d'thàinig an càirdean 'nan coinneainh. Bha gach fear ag innseadh nan gniomh euchdach a rinneadh sa' bhlàr, agus ri connsuchadh mu dhéibhinn cò 'mharbh Raonull Gallda. Bha Raonull Glas agus a mhac 'nan laidhe air seid an ceann uachdrach an tighe, ag éisdeachd ris na bha ri ràdhainn. “*Éirich,*” ars' esan, “*a mhic, agus cuir an tuath air an t-shamhuich cheart.*” Dh'éirich an gaisgeach, agus labhair e—“*Togaibh dheth, fhearaibh ; so an làmh a rinn an gniomh. Si so lann an uasail sgairteil ; agus b'fhèarr leam dol a stigh air an dàrna ceann dhibh, agus a mach air a' cheann eile, na'n claidheamh sin a thoirt as an làimh san robh e mu'n àm so'u dé.*” Mo chreach l b'fhèarr nach robh na leanas r'a innseadh ; an ait a' chliù agus an urram a thoill e, 'sann a ghabh iad fuath agus gamhlas ris. Ged nach robh a' chridhe aca cur an céill gu fol-luiseach, sinaointich iad, nam biodh làithean aig fear cho dàna 's cho treubhach ris, gun tugadh e bàrr air a chinneadh gu léir. Cha bu Raonullach a bh'ann, ach Iaineach ; agus rinn iad suas cur as da. Thug iad air an lighiche bha 'leigheas a' chréuchd an gniomh oillteil so a thoirt gu crìch, le dealg a sparradh 'na eanchainn troi 'n lot a bha 'na cheann. Mar so mharbhadh am flath fearail ; agus beagan làithean 'na dhéigh, bhrist cridhe 'athar le bròn. Chuireadh an dithis san aon uaigh, ann an Eilein Thianain, far an robh clraigean Raonuill òig r'a fhaicinn, an eag a dh'fhàg faobhar a' chlainn 'na cheann, agus an toll a rinn an dealg ann, gus bho

cheann ro-ghoirid ; agus 'se mo bharail gu bheil e fhathast san àite cheudna, mar ehnimlineachan air gaigread sinnsridh na muintir a thia nis gun choimeas le siobhaltachd. Bu taingeil bu chòir dhoibh a bli, gu'n deachaидh na làithean seachad ains nach biodh neach earbsach, an àin laidhe, gum biodh a cheann air 'amhaich gu maduinn. Thainig mór atharrachadh air ioma cèarna de'n t-saoghal bho'n hair sin, agus gun teagamh cha'n i 'Ghàidhealtachd àite 's lugha air an d'thàinig de nìlùthadh.

AONGHAS BÀN.

Tom a' Choilich, an daira mìos deug, 1841.

AIR MEANBH-BHEATHAICHIBH NA CRUITHEADH.

Ge b'e àit air an tilg sinn ar sùilean, chì sinn mèur an Dé uile-làthairich air a nochdadhl ann an lìoumhoireachd do-àireamh do chréutairibh éugsamhla aig am bheil beatha ! Tha 'chruitheadh làn do chréutairibh beò, aig am hheil an nàdur agus an cleachdanna féin fa leth ; agus gheibhear iad do gach mèud agus dealbh. Rach do'n chuan, agus tha na miltean do bheathaichibh an sin, a' gluasad a réir an gnè am measg nan uisgeachan. Rach a mach air feadh na talmhainn, agus tachraidh mile do mhiltibh crèutair ort ains gach àite chum an téid thu ! Ceart mar sin tha èunlaithi éugsamhla an adhair lìoumhòr agus iongantach, ag itealaich os do cheann ann an spéuraibh nèimh, agus a' beiceadh mu'n cuairt duit o phreas gu preas. Mar so, tha'n talamh agus an t-adhar, an fhairge agus na h-àibhnichean, agus gach àit air an comas do shùil duine beachidachadh, làn do cbréutairibh beò ! Is diomhain an nì smuainteachadh gu'n gabhà cùnnatas toirt air àireamh nan crèutairean so, a ta lìonmhòr os ceann ar tuigse ; agus cha'n e mhàin sin, ach tha am buaidhean, am. mèud, an nàdur, an cumhachd, agus an cleachdanna, co ioma-gnètheach, 's nach urrainn an duine a's faide saoghal eòlas fhaotuinn ach air cuibhrioun ro bheag do na nitibh so ! Cia lòn mìle crèutair a ta ann an staid eadar an t-each agus a' mheanbh-chuileag, eadar a' mhuc-mhara agus an sgadan, agus eadar an iolair agus an uiseag !

A ris, faicibh an cinne-daoine ; thugaibh fa'near beathaichean na macharach, èuulaithi nan spéur, bìasda snaigeach na talmhainn, agus iasga na mara ; agus smuainichibh air an àireamh do-thuigseinn aca, agus féumaidh sibh aideachadh nach 'eil e 'n comas duibh ruigheachd ach air an earrainn a's lugha do na beò-chréutairibh sin a dhealbhadh leis-san a's Ughdar do na h-uile nitibh ! Mar a's mò a rànnsaicheas sinn na nithe so a mach, is ann a's soilleire a chì sinn ar n-aineolas féin. Tha earrann do'n chruitheadh os ceann ar tuigse agus ar rànnsachaidh, do thaobh a mèud agus a h-astair, agus earrann eile do thaobh a lughaid agus a neo-leirsinneachd ! Tha na teallsanaich, trid nan gloineachan-amhaire, a' toirt cùnnatas air mìltibh do mheallaibh soillseach a ta 'breacadhl na h-iarmait, agus air saoghalaiibh do-àireamh a ta air an suidheachadh air feadh farsuingeachd na cruitheadh ! Cha'n eil teaganadh sam bith nach 'eil gach saoghal diubh so air àit-

eachadh le créutairibh éugsamhla, a ta air an dealbhadh le nàdur freagarach airson an staide féin fa lethi, ceart mar a ta créutairean an t-saoghail againn féin air an dealbhadh le buaidhibh iomchuidh airson an t-seòil air am bheil beatha aca air 'uachdar.'

Ach, air an làimh eile, tha créutairean air an t-saoghal so féin nach urrainn sinn fhaicinn leis an t-sùil luim, a thaobh am meanbhaid! Mar nach urrainn sinn na muilleannan saoghal a ta ann am farsuing-eachd na cruitheadh a rannsachadh a mach leis an t-sùil luim, a thaobh am mòr-astair air falbh uainn, ceart mar sin tha na muilleannan meanbh-bheathaichach anns an t-saoghal so féin nach comas duinn fhaicinn leis an t-sùil luim, a thaobh an lughaid! Trid innleachd dhaoine, riuneadh gloineachan-meudachaiddh, leis am faicear an fhianag bheag ceart co mòr ri damh no each; agus le cnideachadh nan gloineachan sin, chìthearean gun àireamh do mheanbh-bheathaichibh nach fhaicear idir as an éug'ais! Cha'n eil éitean gaineimh air an tràigh, sinùirnean duslach air an rathad-mhòr, duilleag air craoibh, blàth anns a' mhachair, no braon beag uisce air an lus mhaothi, anns uach fhaicear, leis na gloineachaibh sin, muilleanan do-àireamh do chréutairibh beaga aig am bheil beatha! Cha soirbh le daoinibh neo-fhògbluimte a chreidsinn gu'm bheil na rionnagan beaga, boisgeach sin, a chithearean os an ceanu anns na spéuraibh, 'nan saoghalaibh a ta ceud, no mile, no muillean uair, nì's mò ann am meud na'n talamh so air am bheil sinn féin a' gluasad! Air a' cheart dòigh, cha soirbh leo creidsinn gu'm bheil muilleanan gun àireamh ann do mheanbh-chréutairibh gluasadach, nach fhaicear, a thaobh an lughaid, leis an t-sùil luim! Ach, gu cinnteach, tha'n dà chuid flor.; agus is ledir a bhi beachd-smuaineachadh air na nitibh iongantach so, chum toirt oirnn fior-mhothuchadh a bhi againn nach 'eil annainn ach créutairean dall agus gearr-sheallach, aig nach 'eil ach eòlas ro-bheag air oibríbhl miorbhuileach an Tighearna!

Mu ghabhar aon bhoinne beag uisce as an tobar—'se sin, uiread 's a thuiteas o rèinn na snàthaide—chìthearean glan agus soilleir e; agus có a shaoileadh gu'm bheil am boinne sin air snàmh gu tiugh le créutairibh beaga, gluasadach! Tha, gidheadh, muilleanan do mheanbh-bheathaichibh do gach dealbh anns an aon bhoinne sin; agus tha iad co anabarrach heag, 's gu'n gabh e mile muillean diubh chum aon òirleach ceitir-chearnach a lilonadh! Tha na meanbh-bheathaichean sin a' deanamh suas, mar gu'm b'ann, cruitheadh bheag dhiubh féin; oir cha'n eil am buaidhean agus an coslas air chor sam bith cosmuil ri buaidhibh agus coslas nan créutairean a chithearean leis an t-sùil, as éug'ais ghloineachan! Chìthearean iad do gach cruth a dh'fhaodas a bhith—cuid dhiubh cruinn mar pheileir, cuid eile mar roth cartach, cuid leth-chruinn, agus cuid caol-fada! Chìthearean iad do mhile cruth, agus bu diombain an nì ionnsuidh a thoirt air cùnnatas eagnuidh a thoirt umpa. Snàmhaidh iad so air feadh a chéile, anns a' bhoinne bheag, ceart co saor agus soirbh 's a shnàmhais na muca-mara agus na h-iagasan do gach meud agus dealbh anns a' chuan mhòr!

Ginidh na créutairean air am bheil siùn eòlach an òigridh 'nan cruth agus 'nan coslas féin, aon chuid trid uibhean no trid breith; ach cha'n

ann mar so tha 'chùis a thaoblì na meanbh-bheathach air am bheil sinn a' labhairt. Ginidh cuid dhiubhl an òigridh le bhi 'gan gearradh féin tarsuing, no air am fad, faodaith e bhith 'nam fishead earrainn, agus bithidh gach earrann 'na chréutair beag beò! Ginidh cuid eile an òigridh féin o bhioraibh a ta 'fàs a mach as an taobh; agus, ciod a's iongantaiche, cha bhi coslas sam bith aig an òigridh 'nan dealbh ris na párrantaibh! Ged is beag iad, tha cnàmhan agus croicionn, itean agus fiaclan, ceann agus sùilean, agus gach nì eile aca, ceart mar a ta aig mòr-bheathaichibh na macharach. Cuiridh iad an ruraig air a chéile, ithidh iad a' chéile, agus cogaidh iad an aghaidh a chéile, cosmhul ri beathaichibh na fairge!

Air an dòigh cheudna, tha gach smùirnean, luibh, agus duilleag, agus gach nì ach beag air an comas duinn an harb, làn do mheanbh-bheathaichibh neo-fhaicsinneach, a ta air an dealbhadh air sheòl freagarrach do'n àit anns am bheil iad! Tha sinn a' toirt a steach nam miltean meanbh-chréutair leis gach anail a tharruingeas sinn, agus ag itheadh na muilleanan diubh anns gach greim arain a chuireas sinn 'nar béal! Tha cuid do na créutairibh so annta féin boillsgeach mar lòchrain bheaga, agus dealraichidh an t-àit anns am bi iad mar le gathaibh soluis! Tha iad so, mar a's trice, anns a' chuan; agus 's iadsan is aobhar do'n mhuij a bhi air uairibh mar lasair theine, 'nuair a għluisear i le h-ionram nan ràmh!

Thubhairt sinn ni's leòir chum fios a bhi againe gur e cumliachd agus gliocas neo-chriochnuichte amhàin a b'urrainn nithe co mòrbhuileach a dhealbhadh, agus a chumail suas! Mar sin, "rinn Dia beatliaiche na talmhainn a réir an gnè, agus an spréidh a réir an gnè, agus gach nì a shnàigeas air an talamh a réir an gnè; agus chunnaic Dia gu'n robh e maith."—(Gen. i. 25.)

SGIATHIANACH.

Clachan Chìllmuire,
Ceud Mios a' Gheamhbraidh, 1841.

MAIGHSTIREAN-SGOILE NA GÀIDHEALTACHD.

Cha'n fhiosrach mi gu bheil seòrsa dhaoine san dùthaich uile a's miosa tha air an suidheachadh, air ioma dòigh, na na maighstirean-sgoile; agus is nàr, tàmailteach an dòigh anns a' bheil mòran do mhuinntir na Gàidhealtachd 'gan giùlan féin d'an taobh. Cha'n e so, da rìribh, tha na dhaoine còire, ris a' bheil sgoilearachd na dùthcha agus foghlum òigridh na Gàidhealtachd an earbsa, a' toilltinn. Tha iad am bitheantas 'nan daoine onorach, tuigseach, saothaireach, agus crìosdail. Ionruic firinneach iad féin, tha daoine 'abhair bràth orra, agus suarach mu cheartas a dbeanamh rinthia. Chaith na maighstirean-sgoile Gàidhealach a' chuid a b'fhèarr d'au tòine ann iad féin uidheamachadh airson na h-oifig anns a' bheil iad a' saoithreachadh. Chiosd iad mòran tòine, mòran airgiod, agns anabbhra soithreach, a' faotainn sgoilearachd—cuid diubh comasach air na h-ionadaibh a's àirde san dùthaich a lionadh, a dli'fhaodadh a bhi 'nam ministeirean urramaichte ainmeil—'nam marsandan àrda saoibhir—'nan tuathanaich clothromach, achi gu'n do thachair

dhoibh sgoil fhaotainn ; agus o àm gu àm, lean iad an dréncħ-saothaireach bochd so, gus an robh e tuille 's annnoch dhoibh smuainteachadh air cèird no oifig eile. Tha iad air uairibh air an suidheachadh ann an ionadabh iomalach leth-oireach, far is dòcha nach 'eil duine tuigseach mar mhiltean doibh, ris am faod iad conaltradh a dhleanamh, no co'chomunn air bith a chumail suas ;— gun uiread aca air an son féin, agus airson an teaghlaichean, 's a th'aig buachaille chaorach, no ciobair Gallda, oirean no sgalag—cuid diubh air shèa puinnd deug Shasunnach sa' bhliadlna, agus cuid air a dhara leth, le tigh gu dearbh agus gara-càil, agus cuid le seòrsa do chroiteig blig nach eumadh gamhain gu math, gun tighin air bò-laoigh, agus far nach urrainn iad uiread bhuntàta thogail 's a chumadh an tigh gu latha-Coinne ! Ach ge bochd so, dh'fhaodadh iad tighin suas air, nan dìoladh daoine dhoibh mar bu chòir dhoibh, nam faigheadh iad an t-airgirod-sgoile 'n ceann gach mìos, no gach ràidhe ; ach 's aithne dhuinn sgoilean far a' bheil ceud no ceud-gu-leth sgoilear, as nach faigh esan tha thairis orra còig puinnd Shasunnach an ceann na bliadlna ! Tha so anabhairrach mi-cheart, agus uàr r'a éisdeachd ; gidheadh tha e fior. Ged tha mòran do na Gàidhlieil bochd ('s ann againn tha fios), tha e nis 'na chleachdadh 'nam measg gun na maighstirean-sgoil a dhiol mar a ni iad daoin' eile. Bheir iad oidhisp air a' ghreusaiche, an tàillear, am figheadair, 's an gobhainn a dhiol ; ach airson a' mhaighstir-sgoile, cuirear air falbh e uair agus uair, diùltar e ; agus is minic a theid e mach feadh na sgìreachd, far a bheil deich puinnd Shasunnach aige 'n aghaidh dhaoine 'na leabhar, agus a philleas e air ais san fheasgar, air a losgadh leis an acras, gun leth-chrun a chruinneachandh. Tha mòran 'ga dheanamh so a shuidheas ann an cuideachd air latha féille—seadh, agus air là dòmlinach—san tigh-òsd. Có ach iadsan! spailpeanaich sparasadach chuideil, le sporaniall 'nan dòrn, a' glaodhaich airson leth bhodaich eile ; ach ma chì iad am maighstir-sgoile 'tighin a chruinneachadh airgirod-sgoile do'n bhaile, teichidh iad gu cùl tuim, no am measg nam mulan, g'am falach féin uaithe ; air neo 's aùn a sheasas iad suas g'a dhiùltadh gn buileach, agus nach diùlt e eadhon le modh, ach gu dàna, ladurna, mi-mhiodhail. Tha cuid diubh aig nach 'eil airgirod r'a thoirt seachad, ach 's iomadh dòigh air am faodadh iad an càirdeas a thaisbeanadh. Nan biodh meas aca air sgoil no sgoilearachd, 's ioma sochair a dh'fhaodadh iad a dheanamh dha, a bhiodh dhàsan co luachmhòr ri airgirod, agus nach li-ionndrainich-eadh iadsan. Dh'fhaodadh iad boitean cònlach a thoirt leo a thuthadh a thigh, feur 'ns fodar a chur a bheathachadh na bó-bhaine, sguab arbhair san droch gheamhlradh, sac mòine 'n dràsd 's a rithist, beagan éisg 'ns ùillidh, mulchag bheag chàise, 's cuachag beag ime. Ach cha chuir ; cha toir iad latha dha a chur fodha no a thogail a bhuntàta ; 's feàrr leo luidhe cùl nan enoc na uair an uaireadair a thoirt seachad a ruamhar a ghara-chàill ! Tha fios againn gu bheil a' chùis mar so, ach mar so cha bu chòir do'n chùis a bhi. Bu chòir do na ministeirean, do na foirbhlach, do na tigh-

earnan Gàidhealach, na bàillidhnean, luchd-ceartais, agus uaislean na dùthcha, anihare as a dhéigh so, agus ceartas fhaicinn aig na daoine còire so, na ministeirean gu h-àraig. Ma tha hanntraighean bochda, no daoine bochda aig a' bheil teaghlaichean lionmhòr, agus nach 'eil comasach air airgiot-sgoil a dhìol, tha e ceart gum faigh-eadh iadsan cead agus cothrom an euid cloinne chur do sgoil na sgireachd, 's gum faigheadh iad sgoil 'us leabhrachaean an nasgaidh; ach airson tuath tha 'pàigheadh mài, agus iasgairean, agus luchd-ceairde 's cosnaidh, cha bn chòir do mhaighstir-sgoil a h-aon d'an euid cloinne 'ghabhail a stigh air a dhorus, gun a bheag no mhòr a phàigheadh;—cha'n eil meas air na gheibh daoine 'n nasgaidh, 's cha robh riabh. Tha mòran do na maighstirean-sgoil iad féin r'an coireachadh sa' glinothuch so. Tha eagal orra droch ainm fhaotainn—droch ainm airson an euid féin iarraidh, agns a thoirt a mach le lagh na dùthcha! Ma choisneas sin droch ainm dhoibh, 's olc an cùntas sin air an àit a' bheil iad. Bheireamaid a' chomhairle, agus bheir sinn a' chomhairle do ua h-naislean ceanalta tha 'n Dùn Éideann, agus a tha 'suidheachadh sgoilean air feadh na dùthcha, e bhi 'na riaghaitt sheasnlàich, á so suas, airgiot ullamh iarraidh co luath 's a theid an òigrìdh stigh, 's gun an gabhail gun nì-eigin a dhìol, mnì toir iad leo litir o làimh a' mhìnisteir, a' leigeil ris gu bheil athair no màthair an leinibh co bochd 's nach 'eil so 'nan comas, airgiot-sgoile 'phàigheadh.

Mnr diol pàrantan òigrìdh na Gàidhealtachd airgiot-sgoilo nas feàrr na tha iad a' deanamh, 's aithne dhniinn euid a dh'aiteachan as an toirear air falbh na sgoilean gn buileach. Cha'n fhaodar daoine còire, measail, agus uidhseil, a chur ann chum dol bàs.

C. N G.

LITIR DO'N CHUAIRTEAR.

A Chuairteir Urramaich,

Tha sibh a' deanumh ar sgrìob mhìosail co tapaidh agus co riaghailteach, cha'n urrainn teagamh bhi ann gu bheil sibh 'nur duine géur-chuiseach agus pongail anns a' Ghàilig. Tha treis bho'n a thòisich mi ur leabhar a leughadh; agus tha ainm an leabhair co ceangailte ri'r n-ainm féin, nach urrainn mi 'ga thogail gun ur dealbh a dhùsgadh ann am inntinn. Tha e co suidhichte ann am bheachDSA, 's gu bheil mi euid do dh'uairibh a' saoilsin, tra tha mi mach a' gabhail sràid, gun tachrainn oirbh, an toiseach a' mhìos a' dol gu tuath, agus an deireadh a' mhìos a' dol gu deas—duin'-uasal bànn, suilbhearra, sgairteil, tapaidh, mu cheithir-bliadhna-deug thar flichead a dhaois, le feile-beag agus deacaid air, osain bhreachd-dhearg, brògan tana le fraoghain orra, boineid bhiorach sgropta air darna taobh a chinn, meamhran 'na làimh chlì, agus pen 'na làimh dheis, ullamh gu ni sam bith a chur sìos a b'fliach aithris—ceatharnach gasda curanta ri 'shàil, a' giùlan a mhàileid làn phàipearan. Is e so an dealbh a ta ag éiridh ann am inntinn tra bhios mi a' smuaineachadh oirbh. Tha fios agam nach 'eil ann ach faoineis, gidheadh cha'n urrainn mi fhaighinn as mo bheachd tra tha mi 'leughadh ur Cuairteir; agus gu dearbh tha mi a' gabhail mòran truas ruibh, an uair a smaoinaicheas mi air an astar

a ta eadar Glaschu agus Tigh Iain Ghroat, is air ais rathad nan Eileanan shuas, gun ghuth a thoirt air na gleanainn lubach troimh am bheil agaibh ri dol—a naird an aon taobh, agus a mhàin an taobh eile, an gille a' fàgail pàipeir aig a h-uile dorus (mar a bha na maighstirean-sgoile aig àm togail cunntas an t-sluaigh), gun idir a bhi 'd'iuatladh nan sèa-sgillean far am bheil iad air an tairgse dha. Ach tha feagal orm, da reîr a' chunntais tha ur luchd-leughaidh féin a' toirt air a' chuis, nach 'eil na sèa-sgillean ach glé ainmig. Is beag tha am bodach lia leithi-cheannach, agus a' chailleach ruadh am braigh a' ghlinne, a smuaineachadh gu bheil idir dragh no cosdas agaibh, tra tha iad a suidhe sios air feasgar fuar geomhraidh gus an tìm a chur seachad, ise a brnidleachadh an teine, agus esan a' cur coinneal eile dhe'u ghiuthas air, gus an léir dha, an deidh a ghloineachan a' chur air, gu naigheachd a thoirt dise ais a' Chuairtear. Tha toiseach aig a h-uile ni : pàigheadh iad an Cuairtear gu riaghailteach, agus leanaidh iad ris, agus curidh mise geall, ann an ùine gun bhith fad, gun seachnadh iad an tombaca fliéin mun seachnadh iad an Cuairtear.

Bha mòran rudan eile ann am bheachDSA a ràdh ribh, a dh'fheumas mi 'leigeil dлом aig an àmsa ; oir tha aon ni àraidh bu nihait leam a leigeil ris dhubh, nach 'eil mi idir ro thapaidh air a' Ghàilig ; agus is e is aobhar dha sin, nach dò dheothail mi a steach i le bainne mo mhàthar mar a dheothail sibhse ; agus mar sin tha mi, mar a dh'fhaodas sibh earbsadh, ni's neo-sgiobalta leatha. Chum so a leasachadh, thainig mi sgrìob do'n Ghàidhealtachd a' dh'fhaicinn ur luchd-dùcha, agus a' blàruidhinn na Gàilig riu, a dh'fheuchainn nan tuigeadh iad mi. Tha na cailleachan a' brosgul rium, agus a gràdh gu bheil, gu h-àraidh ma tha sùil aca ri beagan tombac fhaighin bhuam, no leithid sin. Ach feumaidh mi aideachadh, aig an àm cheudna, gu bheil iad uile, mar bu nòs dhoibh, glé fhaoilidh agus bhàigheil rium, ag oidhirpeach-gam a' chnr ceart trà theid mi 'mearachd ; ach ged a thà, is gann is urrainn doihb cumail orra féin, trà tha iad 'gam fhaicinn, an coinneamh mo pheirclean, a bhristeadh, ag cagnadh nam faclan fada sliobasta a ta innte. Feumaidh mi, aig an àm cheudna, aideachadh gu bheil iad glé mhi-reasanta, modhail mar a tha iad, ann an aon ni. Cha seas iad ris an leabhar idir. Mur deir mise mar a their iadsan, tha an gnothuch thairis—dh'fhaodaim a bhi ri feadaireachd.

Cha do thachair so dhubhse, is aithne dhubh an dà chuid ; agus tha dùil agam gu'n sibhse ur barail soilleir, glan, mu na chùis ; agus ma tha sibh a smuaineachadh, le beagan saothair, gu'n deanainn feum oirre, theagamh gum fan mi fad a gheamhraidh cuide ris a' chaillich ruaidh, agus gu'n sgrìobhainn an dràsd agus a rìst d'ur n-ionnsuidh, mu na nithe ta teachd fo m'aire, a dh'fheuchainn cia mar a ta mi teachd air aghart. Ach ma tha sibh a' seoilsinn nach deanainn dad a b'fhiachl oirre, leiginn dion i air an spot, rachainn air m'ais gu Sasunn, an t-àite as an d'thàinig mi, agus thòisichinn air nì-eigin eile ni's asa a' ghludh na Gàilig. A' fhrealadhi ur freagairt san ath Chuairtear, ged is ann san "Fhocal san Dealachadh" tha feagal orm a bhios e,

Is mise ur seirbhiseach dileas,

Bun a' Ghlinne, Oct. 12, 1841.

AN SASUNNACH.

URNUIGH *

A b' àbhais do mhuinntir nun eileanan tuathach a chleachdadh anns na linntibh a chaidh seachad, an deigh dhoibh dol gu fairge agus na siuil a thogail.

THA AN URNUIGH A LEANAS AIR A TOIRT O AON DO NA LEABHRAICHEAN AS SINE THA AGAIUN SA' GHÀILIG, 'SE SIN AN LEABHAR-ÙRNUIGH NO AN DEAS-GHIRATH AORAIDH A RINNEADH LE MR IAIN CARSWELL, EASBUIG EARRAGHAIDHEAL, LEABHAR A CHUIREADH A MACH ANNS A' BHLIADHNA 1566. CHA'N EIL ACH A H-AON NO DITHIS DO'N LEABHAR SO AIR MHAIRIONN. BHA AON ANN AN LEABHAR-LANN DIÙC EARRAGHAIDHEAL, ACH CHAILLEADH AIR NEO GHOIDEADH E. THA SINN A' TOIRT NA H-ÙRNUIGH DÌREACH MAR THA I ANNS AN T-SEANN LEABHAR SO GUN LITIR ATHARRACHADH; AGUS DO BRIGH GN BHEIL A' GHÀILIG RUD-EIGINN DNILICH A LEANTUINN LEIS AN T-SEANN DÒIGH AIR ROBLI AIR A SGRIOBHADH; AGUS DO BRIGH GU BHEIL CUID DO NA FACAILL NACH 'EIL A NIS AIR AN CLEACHDADH AN CAINNT CHUMANTA, THA SINN A' TOIRT NA H-ÙRNUIGH ANN AM BEURLA, OIR'S AIRIDH NA SEANA CHLEACHDAIDNEAN MATHA SO AN CUMAIL AIR CHUIMHLUE.

'S MOR AR N-EAGAL GUR H-IOMADH SGIOBA THA NIS A' TOGAIL GN FAIRGE 'S A' GABHAIL A' CHRAIN FO'N CEANN, NACH 'EIL 'GAN EARBSADH FÉIN RI DIA, NA AG IARRAIDH A BHEANNACHT.

MODH BENDAIGHTHO LUINGO AG DNL DIONSA IDHE NA FAIRRGE.

ABRAH AON DA CHAEH MARSO.

DA.

An Stioradoir.—Beanighidh ar long.

Fregra Chaich.—Go mbeandaighe dia athair i.

An Stioradoir.—Beanoaidhidh ar long.

Fregra.—Go mbeandaighe Josa Criod i.

An Stioradoir.—Beanoaidhidh ar long.

Fregra.—Go mbeandaighe an shiorad naomh i.

An Stioradoir.—Cred is egail libh is dhia athair libh.

Fregra.—Ni heagal en ni.

An Stioradoir.—Cred is egil libh is dia an mac libh.

Fregra.—Ni heagal en ni.

An Stioradoir.—Cred is eagail libh is dia an sbiorod naomh libh.

Fregra.—Ni heagal en ni.

An Stioradoir.—Dia athair vile chumhachtach ar gradh a mhic Josa Criod, le comh shurtach an spioraid naomh, an taon dhia tug ealadh Israel trid an muir ruaign go mirbhuiileach, agas tug Jonas ad tir ambroind an mhil mhore, & tng Pol Easpol, agas a long gon, foirind o an fadh iomarcach, agas o dheartan dominde dar sa oradhne, agas dar senadh, agas dar mbeandughadh, agas dar mbreith le sen, agas le soinid, agas le solas do chum chuain, agas chalaidh do reir a thoile diadha fein.

Ar ni iarrmoia air ag radha.

Ar nathairne ata ar neamh, &c.

Abradh cach vile.

Bionh amhlividh.

[This Form is contained in the Irish Liturgy, composed by Mr John Kerswell, afterwards Bishop of Argyle. We have set down the original as it is found in the ancient book of Kerswell—but as many of the words are obsolete, we here give a literal English translation.]

The Manner of blessing the Ship when they put to Sea.

The Steersman says,— Let us bless our ship.

The Answer by all the Crew.— God the Father bless her.

Steersman.— Let us bless our ship.

Answer.— Jesus Christ bless her.

Steersman.— Let us bless our ship.

Answer.— The Holy Ghost bless her.

Steersman.— What do you fear, since God the Father is with you?

Answer.— We do not fear any thing.

Steersman.— What do you fear, since God the Son is with you?

Answer.— We do not fear any thing.

Steersman.— What are you afraid of, since God the Holy Ghost is with you?

Answer.— We do not fear any thing.

Steersman.— God the Father Almighty, for the love of Jesus Christ his Son by the comfort of the Holy Ghost, the one God, who miraculously brought the children of *Israel* through the Red Sea, and brought *Jonas* to land out of the belly of the whale, and the Apostle *St Paul* and his ship to safety from the troubled raging sea, and from the violence of a tempestuous storm ; deliver, sanctify, bless and conduct us peaceably, calmly, and comfortably through the sea to our harbour, according to his Divine will : which we beg ; and let all unite, saying, *'Our Father which art in heaven, &c.'*

CÒMHRADH.

NAIGHEACHDAN COITCHIONN AN T-SAOGHAIL.

Cua.— Eachainn, flir mo chridhe, 's fhada bho'n dà latha sin ; failte 's furan ort ! C'uin a thainig thusa, le d' chasaig Thirstich, do'n bhaile-inhór ?

Each.— Mo chasag Thirsteach ? Matà, a Chuaireir rùnaich, gabhadh sibhse beachd air na lasgairean spailpeil tha sios 's a suas air sràidean a' bhaile-mhóir so féin, 's cha'n fhaic sibh cota-mór duin'-uasail, no cleòca grunndail, air a h-aon diubh, ach a' chasag Thirisdeach sin uime. Ach 'sann thainig mi air an àm a dh'fhaot-ainn naigheachd—tha mi fad' air deireadh ; agus tha fios agam gu bheil mòran agaibh r'a innseadh.

Cua.— C'ait so 'n tòisich sinn, Eachainn ?—cha'n fhaod e bhith nach eual' thu gu'n robh Prionnsa òg aig a' Bhan-righ !

Each.— Ud, ud ! chuala mì ; saoghal fada 's deagh bheatha do'n bhalachan rioghail ! Air m' fhacall, 's tapaidh a gheibhear i. Nam biodh aona mhac eile aice, cha bu mhisid an rioghachd i dheanamh air a socair—tha banaltrachd cosdail. 'S oil leam nach b'e mo dhalt' e. An d'thug iad ainm air fhathast ?

Cua.— Cha d'thug. 'S dòcha gu'n toir iad ainm a h-athar air, Iomhar, no, mar their sinn sa' Bheurla, *Edward*.

Each.—Cha chuir sinn a mach orra mu'n ainm, ma bhios e 'na phrionnusa no 'na rìgh math agus cothromach ; ach cha'n eil e a' rnith air mo theangaidh mar a dheanadh Righ Deòrsa ; 'se a chleachd mi a chlinnintinn am òige—sìn-seanair a' Phrionns' òig so, seanair na Ban-righ, an III Righ Deòrsa. B'e fèin an duine còir 's an dhuine math. 'S ann 'na linn fèin a bha meas air righ!—an àm na *Bhaluntìrs*. A dhuine chridhe, b'e sin an t-àm san robh sinn rioghail, dileas, dealasach !

Cua.—An robh thu 'd shaighdear, Eachainn !

Each.—'S mi bhà. Bha trì fichead *Bhalantìr* againn air an àm sim an Tirithe ; agus, ge nach tig e dhòmhsa a ràdh, cha do sheas air faiche ceatharnaich a b'fhearala 's bn chalma na iad. Air m' fhacall, 's iad fèin a — ach coma co dhiùbh.

Cua.—C'arson a stad thn ? Bha thn dol a ràdh, 's iad fèin a dhòladh deoch-slàinte 'n rìgh gn foghainteach.

Each.—Cha'n eil teagamh nach deanadh iad sin cuideachd, agus a sheasamh nam biodh féum air ; ach innisidh so dhombh, ciod tha dol air aghaidh ann an China ? 'Bheil an cogadh ràsanach, mair-nealach sin seachad ?

Cua.—'S duilich a ràdh, thug 's cha tng sinn buaidh. Rinn ar n-armachd air mnir 's air tìr, ar saighdearan 's ar seòladairean, an dleasnas fèin mar bn ghnàth le minntir an dùthcha ; ach bha droch cheantard orra, baothaire amaiadeach gnn chìall, nach do cheadaich dhoibh a' chùis a chriochnachadh mar thigeadh do dh'armait Bhreatnnach a dheanamh.

Each.—An gealtaire bh'ann ! Bu chòir cleas a' choilich ghealataich, air latha cath-nan-coileach, a dheanamh air, am fùidsi nach seas, amhach an trnsdair a tharrning.

Cua.—Cha'n fhaod nùi ràdh nile gu léir gum bu ghealtaire bh'ann, ach ùnpaiddh trom-cheannach gun spiorad—leth mharsanta, leth shaighdear—duine sanntach, aig an robh barrachd spéis air airgiod na air urram a dhùthcha ; agus cha b'iongatach leamsa ged a dhìoladh e air a shon.

Each.—Cluinneam mar tha 'chùis. Tha lnideag do phaipeir-naigheachd Gallda 'tighin do thigh a' mbaoir ; ach ged tha iad 'ga leughamh a'm éisdeaclid, cha tnig mi e. Nach robh blàr eadar sinne agus muinntir China ?

Cua.—Tha fios agad gur h-e an nì bha 'dhìth oirnn, tighin gn soernieadh ris an rioghachd sin a thaoblh riaghailtean malairt leo, agus an t-aona chothrom-malairt fhaotainu ri America agus dùthchabh eile—thoirt orra, a dheòin no dh'aindeoin, riaghailtean rioghachdan eile 'sheasamh—a thoirt orra meas a bhi aca oirnn, 's gach cùmhànt a thaobbh malairt a shuidheachadh air bunchar seas-mhach, agus leis a so sith mhairionnach a bhi againn. 'Noair nach tugadh iad feairt air gach litir a bha sinn a' cur d'an ionnsùidh, 's nach robh iad ach a' deanamh tàir agns sgeig air gach teachdaire chuireadh a shocneadh nan gnothnichean a bha eadarniu, chuir sinn thairis ordnagh *Canton* (an dara baile-mór a's mò san rioghachd) a ghrad ghlaicail, agus a thoirt orra 'thuigsinn, ged a bha iad eo lioumhòr ris na meanbh-chuileagan, gu'n robh sinne na bu chumhachdaiche na iad.

Each.—'Se sin, le'r cead, a thoirt orra thuigsinn gu'n rachadh neart thar ecart ; ach gabhaibh air ur n-aghaidh. Ciod an seòrsa baile th'ann an *Canton* ?

Cua.—Thà baile cumhachdach, anns a' bheil 800,000 (ochd ceud mile) sluaigh a chòmhnuidh—barrachd 's a dhà uiread sluaigh 's a th'ann an Glaschu, Dunéideann, agus Paisleig. Tha balla làidir cloiche 's aoil ceithir thimchioll a' bhaile tha naoi mile air fad. Tha'n dùthaich mu thimchioll *Chanton* anabharrach àillidh. Tha cuid do thighean a' bhaile-mhóir, eireachdail ; agus na teampuill (aiteachan aoraidh nan dée-bréige), stàdail, àrd, dreachmhòr ; am baideil àrd air an òradh, agus a' boillsgeadh ris a' ghréin le loin-nearachd dhèarsaich.

Each.—Ùbh, ùbh ! cha'n ionann 's na h-eaglaisean tha againn sa' Ghàidhealtachd do'n Dia fhìor agus bheò ! 'S mnìladach déis-neach an iù gu bheil na daoine bochd aineolach sin a' toirt barrachd urrainm d'an iodholabh-bréige na tha sìinne do Chruithear an domhain mhóir.

Cua.—'S ann agad tha'n flìrinn, Eachainn ; ach bha mi ag ràdh gu bheil sràidean a' bhaile-mhóir so (*Canton*) fada réidh, ach aimhleathan cumhang. 'Se so an t-aona bhaile-mór san dùthaich sin air am faod luingis dlùthachadh. Tha da rìribh baile-mór air an abhuinn ; tha leth-cheud mile bàta dlùth do'n tràigh, làn theaghlaichean, air am breith, air an togail, air an àrach, 's a' bàs-achadh o linn gu linn air na bàtaicilean so mar an dachaidh, a' tighin snas air gach seòrsa eisg, agus gach trealaich eile 's urrainn doibh a chrinnineachadh. 'S dòcha gn bheil os ceann 250,000 (dà cheud gu leth mile), eadar òg 'us shean, mar so a chòmhnuidh 's na soithichean sin, gun tighin air sluagh a' bhaile-mhóir. Tha malairt mhòr eadar *Canton* agus rioghachdan an t-saoghal. Bha dùil aca nach robh a chridhe aig Sasunn ionnsuidh thoirt orra ; ach coma co dhiúbh, chuir sinn romhainn a ghlacadh, a chur fo chìs, agus mar so an rioghachd a cheannsachadh, agus riaghailtean-malairt sheasmhach a dhieuainmh. Chum so a blinadhachadh, mu àm na Bealltainn so chaidh seachad, dh'òrduicheadh cuid do luingis-cogaidh Bhreatunn a chuir fa sgaoil, agus gabhail suas co dlùth do *Chanton* 's a bha 'nan comas ; oir cha'n eil an caol, no an abhuinn, ach aimhleathan, gun doimhneachd uisge airson loingeas mòra. Thainig loingis nan *Chinese* a mach chum am bacail—cò ach iadsan! seòrsa do shoithichean mòra ris an abair iad *junks*, leis na ficheada bratach o bhàrr gach croinn, drumachan iaruinns, 's gach seòrsa ciùil bu tartaraiche ua chéile—gleadhraich, 'us maoidh-eadh, 'us bagradh, 'us spagluinn, gu h-àraidh 'nuair chunnaic iad nach robh e 'n comas nan loingeas mòra Sasunnach dol air an aghart, 's gum b'éiginn doibh tighin-thuige air acair. Bha càch a' tighin a nuas an abhuinn, sgaoth dhiubh mar phlod mór sgadain, s' a h-uile té dhinbh 's a sròn rì athar, a' dol a smàladh nan Sasunnach bhorba ; ach chaidh aon soitheach-smùid a mach 'nan còmh-dhail, le dhà no trì do ghunnachan uainhasach air a clar-uachdair. 'Nuir thainig i mar astar urchuir, leig i orra thall 's a bhos ; smàil i fodha cuid leis na gùnnacha-inòra ; bhreab i thall 's a bhos iad le

a cuibhleachian eagalach ; thilg i sligean teinnteach an sud 's an so 'nam measg. 'S ann an sin a bha'n sgriachail, na Chinésich a' léum a mach san uisge—soithichean a' dol fodha thall 's a bhos. Leig i orra, mar gum biodh tarbh mór fiadhaich fo chuthach ann am bù ghloineachan.

Each.—A' bhéisd! 's mi chreideadh e ; b'fhèarr leam a bli 'n eisimeil an tairbh na fo a cuibhleachan grànnuda. Ach gabhaibh air ur n-aghart.

Cua.—Ciod a th'agad air, ach gu'n deachaidh i romhpa, air a h-ais 's air a h-aghart, gns nach robh aon diubh air snàmh. A' chuid nach deachaidh fodha, chaith iad air tir ; 's a' chuid nach do ghlacadh, loisgeadh. Chaith na loingeis eile suas air pilleadh an t-sruth. Chuireadh na saighdearan air tir dlùth do'n bhaile-mhór, agus fad latha no dhà, bha uidheamachadh 'ga dheanamh chum an t-àite ghlacadh. Bha na saighdearan 's na seòladairean, fo theas anabhairrach na gréine, a' slaodadh għunnacha-indra suas gu mullach gach enuic. Bha armaitl lionimhor aig na *Chinese* ; ach bha oillt air na cladhairean, le'in briogaisean farsuing 's le'n curraichdean, tighin an carabh luchd nan còtaichean-dearga. Chuir ochd ceud do'n arm againne 'n ruaig air ceithir mile dhiubh. 'Nuair chunnaic mniintir *Chanton* mar a bhà, ghabh iad eagal gu'n robh na cendan għunnacha-mòra, le'n craosabh eagalach, deas gu fosgladh orra. Thairg iad striocadh, agus sèa muilleanan do dholaran a dhìol mar chàin airson an giùlain, agus air chùmhànt an t-armaitl Sasunnach agus an loingeis a tharruing air falbh. Gu truagh, għabb esan ris an robh a' chùis an earbsa (fear Caipitn *Elliot*) an taīgse so, an àite 'm baile-mór a bha 'na chomas a għlacadh, agus a chùmhàntan féin a dheanamh! Ach cha robh comas air. Bha corruiħ mhòr air an arm, 's cha b'iongatach e, 'nuair bha'n latha leò, stad a chnr air a' chùis, agus airgiod a għabbail, an àite socru-chadh onorach air għiex cùis-aimhreit a bha eatorra ; bitħidh iad co stràiceil, fhoilleil 's a bha iad riamh, air chor's gu bheil a' chùis co fada bho bhi air a socru-chadh 's a bha i 'nuair thoisich iad.

Each.—An t-ùmpaidh amaideach! Bu chulaidh-mhiolachd da riribh do na saighdearan gaisgeil, agus do na seòladairean tréun, airgiod a għabbail mar dhuais an saothaireach, agus theagamh gun mhòran de fhaighinn doibh féin.

Cua.—Cha'n fhaigh sgillinn.

Each.—Matà, tha sinn bochd. Cha do thuig mi riabh ciod an seòrsa cogaidh māirnealach, gealtach, a bh'ann. Nain biodh na seann laoich a bha ainmeil ann am linn 's ann am latha a làthair, cha b'ann mar sin a bhitheadh e—Bonipart, gille nan car, agus Wellington, agus Nelson, bha 'chùis seachad o chionn fhada. 'S ole au nì cogadh beag do'n t-seòrsa so; b'fhèarr gu mór aon dairireach mhaith, 's a bli seachad leis. 'S fhada bho'n a chuala mi'n sean fhacall, " Ma bhuaileas tu cù no balach, buail gu math e." Ach a' bheil sibh a' cluinniù iomradh air bith à *New Zealand*?

Cua.—Thà ; bha litir no dhà agam as o chionn għoirid, agus bha litrichean o Mhaighstir Macpharlain, am ministeir—duine gléusda, tuigseach, ceanalta. Tha iadsan a chaidl a mach a' deanamh gu

gasda. Tha deagh chosnadhl ann airson dhaoine làidir is urrainn saoithreachadh.

Each.—A nis, a Chuairteir, fhir mo chlìridhe, eadar sibh féin 'us mise, ciod ur barail mu'n dùthaich sin?

Cua.—Thà barail mhath, gunn teagamh; agus tha mi fo dheagh dhòchas, mun tig a' bhliadh'n ùr, gum bi comas aig mo luchid-dùthcha aiseag saor fhaotainn do'n eilean sin. Tha niread ghaoil agam air na Gàidheil ri aon duine tha beò; ach b'fhèarr leam gu robh na h-nile mac màthar dhiubh ann am màireach.

Each.—Agus nighean màthar cuideachd.

Cua.—Tha thu ceart, Eachainn, a h-uile h-aon dinbh, ged rach-adh na tighearnan Gàidhealach do dh-Eirinn air tòir bhuachaillean agus sgalagan—ní air bith ach am faicinn rùiste, bochd, acrach, uireasach mar a thà iad—’nan tràillean gun chonnadh gun chòmh-dach gun mhisneach—seadh. gun dòchas.

Each.—Ach an saoil sibh am faigh daoine bochdà cothrom dol thairis air an ath earrach?

Cua.—Si mo bharail gun faigh—tha'n dùthaich so air an àm ann an cor mnladach, na miltean a' faotainn bàis le bochduinn, cosnadhl do gach seòrsa a' fàilneachadh, mìnntlean a' stad, marsantan mór a' bristeadh. 'S trnagh 's trnagh an ní a bhi cluinniunn mhìltean, seadh na ceudan do mhìltean a' bàsachadh le bochduinn, agus an saoghal mór farsuing gu leòir air an son—eileanan a' dol fàs, dùthchannan tarbhach gun duine gun chréutair!—Ach cha'n fhaod so seasamh ni's faide—'se rùn Dhé gun biodh an talamh nile air àiteachadh, agns shnagh anns gach àite chnm ainm Iehóblai aideachadh. Tha mi làn-chinnteach gu bheil cogadh *China* a' toirt mn'n cuairt latha Chriosd, agns a' greasad buaidh an t-soisgeil agns am feadh 's nach 'eil rùn ni's àirde acasan a tha air ceann a' ghnothuich na òr agus airgiod a chosnadhl, gu bheil esan a tha 'riaghlaidh os ceann an t-saoghal a' deanamh feum do chorrnich dhaoine, agus do shannt dhaoine, chum rathad fhosgladh do shois-genl a mhic féin, agns an latha sin a thoirt mu'n cuairt air an cuartaich èolas Chriosd an domhan, mar tha na h-uisgeachan a' chàrtachadh na talmhainn.

Each.—Mar sin bitheadh e—gu'n greasadhl an Tighearn' an tighin aghmhor!—ach ciamar tha gnothuichean America 'dol air an aghaidh?

Cua.—Thà gn'n d' fhuair Macleòid cead a choise, gu bheil a' chulaidh iorgluill sin seachad, 's gn bheil dòchas againn nach cluinnear tuille mu 'dhéibhinn—Slán leat, Eachain!

Each.—Mile beannachd—slàn fallain gu robh sihlse!

FOCAL SAN DEALACHADH.

Fhuair sinn litir “Iain Oig,” a' feòraich c'arson nach 'eil sinn a' eur a mach nan nithe matha tha esan o àm gu àm a' sgrìobhadh 's a' eur d'ar n-ionnsuidh. 'Si 'n aon fhreagairt a bheir sinn dà, nach e ar toil sinn a dheanamh. Chuireadh e féin a mach iad; mur cuir, cha chuir sinne. Cha'n eil séum dha bhi 'gan coiteachadh oirnn.

Fhuair sinn an dà litir a chuir “Eachunn na Ciabhaig” d'ar n-ionnsuidh.

Thugadli c' n aire do'u sgoil, agus leigeadh e leinnc 'n aire thoirt do'n Chuairtear. 'S aithne dhuinn gu math có e "Eachunn na Ciabhaig." An ath uair a sgrìobhas c litir fo aium nach buin da, ag iarraidh c fein a chleith, faigheadh e fear-eiginn eile 'm bun a phinn. 'S tric a chunnaic slnn a lamh-sgrìobhaidh, ged nach fhaca sinn, le'r fiosrachadh, a chiabhag. A dh'aona chuid, cha chuir siun gu bràth sgeul gamhl拉斯ach, mì-runach, an aghaidh neach air nach 'cìl sinn eòlach, 'nar duilleagan. Thoill Eachunn (oir cha'n innis sinn 'ainm air an àm) sgiùrsadh beag do'n t-slait a bha e 'cleachdadh san sgoil, airson na h-oidhirp a thng e air masladh a thoirt d'a choimhearsnach. Mar dhearbhadh dha nach 'eil sinn air ar mealladh 'nar barail mu 'dhéibhin, bheireamaid g'a chuimhne gu'n robh e 'n Glaschu, ann an aon do na h-eaglaisean Gàidhealach, a sheachduin o'n t-Sàbaid so chaidh seachad, romh mheadhon latha.

Fhuair sinn an litir fada chuir "Am Ministeir Eudmhor" d'ar n-ionnsuidh. Tha siun 'na chomain airson a dheagh riùn agus a dheagh chomhairlean. Tha comhairlean math, ach b'fhèarr leinn gu'n tugadh e ni-eiginn eile dhuinn a's mò air a' bheil feum againn na comhairlean. Tha a litir modhail, agus tha modh taitneach; ach nam biodh e air mì-eiginn a b'fhiach a chur a mach a sgrìobhadh, no àireannh no dhà do'n Chuairtear a ghabhail air a shon fèin, agus leth-dusan luchd-leughaidh fhaotainn duinn 'na sgìre-achd, 'se b'fhèarr leinn na comhairlean agus modh. Bha baintighearn uasal àrd aon uair an Glaschu, a b'abhaist dol gu riaghailteach do'n eaglais, air a h-éideadh gu riomhach ann an sioda, 's gach seòrsa do dh-uidhean bu bhriagha na chéile—sròl àrd luachmhor m'a ceann, sgàileagan sioda 'na làimh, agus uaireadair òir air a taobh. Cha b'abhaist di aon pheighinn a chur anns a' mhèis airson nam bochd mar a rachadh i seachad, ach thionndadh i ris na foirbhich le mór mhodh, agus dheanadh i beic iosal mu'n coinnceamh, agus 'na dhéigh sin sheòladh i a stigh do'n eaglais le anabharra modhalachd. Latha do na làithean, mar a bha i a' tighin a stigh 's a dlùthachadh air a' mhèis, a' dol a dheanamh beic mar bu ghnàth leatha, ghabh seann duine còir a bha 'na sheasamh aig a' mhèis misueach, agus thuirt e—"A bhean-uasal àrd fhlathail," ars' esan, "tog dhe so; thoir dhuinn ni's lugha do d' mhodh, agus barrachd do t'airgiot." Ghabh a' bhean-uasal an sanas a thug am foirbheach dhi. Cha deach i tuille seachad air a' mhèis gun a sgillinn a chur innt, agus beic a dheanamh mar an ceudna. Deanadh "Am Ministeir Eudmhor" an ni ceudna.

Tha a' bhean-uasal an iocar Mhuile a' feòraich c'uin a chuala sinn bho Chailcin a chaidh do Chanada Uachdrrach—a' bheil e beò, no 'bheil e marbh?—na loisgeadh no'n do bhàthadh e?—an d'ith madadh-alluidh e?—no na chrochadh ri craoibh e? 'Si an aon fhreagairt is urrainn sinn a thoirt air a' cheist so, nach 'cìl fios againn. Tha dòchas againn gu bheil e beò, agus sona, agus saoibhireach. Ma thachras da so fhaicinn, freagradh e fein a' cheisd.

Fhuair sinn iomadh litir cilc, 's gu h-àraid an litir a chuir ar caraid dìlsas o Limnuinn d'ar n-ionnsuidh. a feòrach a' bheil an Cuairtear ri stad 'nuair bhios a' bhlladhna mach—'se sin, dà àireamh eile. Freagraidh sinn a' cheisd so. Ma thig na tha mach againn a stigh, ma's urrainn sunu ar fiachan a chruinneachadh, cha stad; ach mur tig a stigh na phàigheas an cosdas, 's éiginn gu'n stad sinn. Tha'n linne-mhuilinn dlùth air ruith a mach; cha'n eil an sruthian beag a bha 'tighin a stigh an deicheamh enid co mór ris an t-sruth làidir bhras tha e-mail ua cuibhle-móire 's na h-acuinn 'nan sinbhal. Cha'n fhaod so seasamh fada. Feuchaidh sinn dà àireamh eile. Mur tig eaochain agus sruthainn ùr a stigh do'n linne, tràghaidh i—stadaidh a' chuibhile—bidh an treabhait falamh, agus an clabar 'na thosd; agus 's éiginn do'n mhuinnleir chòir an dorus a dhùnadh, agus cosnadh eile iarraidh dha fein. Tha dòchas againn gu'n tuig ar cairdean ann an America so, gun a chur am Beurla.



AN LA A CHI'S NACH FHAIC.

CUAIRTEAR NAN GLEANN.

MÍOS-DEIRIDH A' GHEAMHRÁIDH.

AN 23 AIREAMH.]

JANUARY 8, 1842.

[PRÍS 6 SGILLEAN

CONTENTS:—Welcome to the New Year, page 297.—The Falkland Islands (A Description of), 302.—Three Days in Brussels (Battle of Quatre Bras), 305.—Superstition of the Highlanders in Past Ages, 309.—Sabbath Profanation, its Recompense (a true story), 313.—Burning of the Tower of London, 319.—Letter from Australia, 321.—Epitaph on a Mariner's Tomb, 322.—Duke of Buccleugh (Anecdote of), 322.—Public News, 323.—Notice to Readers, 324.

FAILTE NA BLIADHNA ÙIR.

Chaochail an t-seana bhliadhna an raoir air a' mheadhon-oidhche; agus do réir lagh seasmhach a shnídhicheadh o chionn sèa mìle bliadhna, thainig a' bhliadhna' ùr a steach 'na h-àite. Cha luaithe thilg an t-seana bhliadhna an deò, na a ghrad chuireadh a mach a closach do shlochd na dìchnimhn, maille ri ùir a sinnsear. Cha robh mulad no bròn air a' bhliadhna' ùir airson bàs a màthar. Ghrad chuir i am fleasg rioghail m'a ceann féin. Chaidh i steach do thalla mór na h-aimsireach gn h-uallach, iollagach, aotrom. Shuidh i an ceann àrd an t-seòdmair, agus ghairm i a gillean-frithealaidh 'na làthair. 'Se's ainm dhoibh so, na Ceithir-Uaire-Fichead. Thainig iad a stigh, na h-uaireannan siùblach, gluasadach, iasgaidh, ceithíar fichead diubh — balachain òga, dhian, thogarrach. "Ciod," ars' iadsan, "a b' aill leibh sinn a dheanainh?" "Falbhaidh a mach," ars' ise, "agus gairmibh a stigh am làthair mo chùirtearan mòra. Tha air tùs ceathair ann do fhlaithean àrda— an t-Earrach, an Samhradh, am Fogharadh, 's an Geamhradh. Maille riù so, thugadh cuireadh do na cinn-fheadhna mheasail, na Míosan—dà-mhios-dhéng na bliadhna; agus thigeadh na h-uaislean

urrach sin, na Seachduinean, maille rinth—a dhà-dhéng agus an dà-fhichead do na cinn-fheadhna ghléusta, aosmhor, onorach, a bh'ann o linn's o làithibh Noaih; agns abraibh riutha gur h-e mo thoil gu'u tngabh iad an ceatharnaich's an daoine leò, na Làithean uile—an trì cend, an trì fishead, 's a cóig. Rachaibh a mach, matà, agns thungaibh cuireadh agus fialachd dhoibh uile. Falbhaibh gu luath, mo ghilleean-frithealaidh neo-sgithach, nach d'rinn maille riabh, agns gairmibh gach aon diubh an làthair luchd-cuirme na bliadhnu' ùir."

Ghrad thòisich na h-uairean ri ruith. 'S gann a bha iad air falbh 'nuair a chualas stairirich agns gleadhraich—fire-faire. 'S ann an sin a bha'n odhail—tailmrich chas—donnalaich ehon—iolach nan gillean beaga—fuaim nan caman's nam batachan air seiche 'hioram chrnaidh an tairbh ruaidh. "Có so," arsa 'bliadhnu' ùir, "tha teachd le failte co fnaimneach?"

"Tha an so," arsa'n gille-frithealaidh, "banntrach an latha-dé, oidhche Cholluinn. Cha do thilg an latha-dé, an duine còir, ach an deò o chionn tiota beag; agns tha ise, a chailleach ghleadhrach inbear, a' bhantrach gun näire, a nis co aighearach chridheil's ged nach robh eòlas aice riabh air. Tha i'n so air bhreitheas—eisd! 'Colluinn a' bhuiig bhuidhe bhoicinn, buail an craicionn!'"

Thainig i 'stigh le meadar làn do làgan, no do chabhruich, a dh'fhàilteachadh na cuideachd. "Fàilte! failte! mile fält!" ars' ise; "soirbheachadh agns sonas do'n bhliadhnu' ùir! mile sonas 'na lorg!" Bha aice 'na làimh caisean-nchd, air a dhothadh san teine. Chuir an òinnseach so trì nairean deiseal m'a ceann, agus an sin thairg i do'n chuideachd uile. Bha cend latha na bliadhnu' ùir a nis a' glasadhbh, agus b'éigin do oidhche-choinnle teicheadh, i fein a thoirt as, agus àite dheanamh airson na feadhnacli a bha 'teachd 'na déigh.

Bha a' chnideachd a nis a' eruinneachadh—làithean na bliadhna, cuid diubh flinch, agus cuid dinbh fuar; enid dinbh gaothar, agus enid diubh ciùin; 's an dràsd 's a rithist, latha tioram grianach.

Chunnacas ceithir fir fhichead a' teachd le chéile 'nan aon blnidhinn, a' teachd le deifir mhór; agns da rìribh, bu cholgarra, grnamach, gaillionnach an coslas. Bha sgàth aig a' bhliadhnu' ùir rompa. Ach có iad? Bha currachd riobach, molach, air a thar-ruing gu teann a nnas mn'n cluasaibh; bha crios làidir mn'm meadhon; sioman cònlach mu'n casan; cuaille mór do'n chuilionn 'nan lamhan; iomagnin agns buaireadh àrd 'nan sùilean. Có iad? Tha erith f huachd a' tighlin air gach aon mar tha iad a' dlùthachadh. 'Se 's aimm do na ceithir fir fhichead nd, na Faoiltich. 'S frionas-ach, colgarra, feargach, làithean deirionnach a' gheamhraidh; ach eninneamaid an fhàilt tha iad a' enr air a' chnideachd. "Fàilt!" ars' iadsan; "na biodh fuath agaibh òirnne, ged tha sinn air uairibh 'nar enlaidh-eagail. Tha sinn fennail 'nar n-àm fein; seadh, co feumail, phrìseil, lhachmhòr, ri làithean ciùin a' chéitein. 'Se an t-aon Tì àrd agns glòrmhor is athair dhuinn uile. 'S iomada timeas a's fiabhrus, plàigh agus olc, tha sinn a' fnadach air falbh.

Tha sinn a' sgapadh nan neula tiugha a dhùisgeadh olc agus truaighe. Is sinne tha fasgadh na h-iarmailt; is sinne lighichean an domhain. Na biodh gruaim oirbh romhainn. Mur bhith sinne, cha bhiodh achi beag meas air samhradh no air céitein; mur bhith sinne, cha bhiodh toradh san fhogharadh, no pailteas o'n fhonn. 'Nuair a dh'éisdear sinn a' dol a mach air sgiathaibh na gaillinn, le clacha-meallain, le glè, le cur a's cathadh, ri fuaimnich oilteil sa' bheinn, agus ri gair uamhasach air chnan, togaibh ur sùilean 's ur cridheachan suas d'a ionnsuidhisan tha 'ga dléanainh féin aitliniclite san stoirm, agus a' toirt air na fineachan cliù thoirt d'a ainm. Cha'n eil annainn ach òglaichean an Tighearna; earbaibh aannsan. Ged tha làithean cnid agaibh mar na faoiltich fhuar, na caillibh ur misneach—thig earrach 'nan déigh; agus sibhse, a rithist, tha seasgair, blàth, tioram—fo fhasgadh thighean air an còmhduchadh gu math, agus a' sealbhachadh ionada sòlas—ur cupan a' ruith thairis, gun dith, gun uireasbhuidh—bithibh taingeil! Theagamh nach 'eil làithean nam Faoilteach fada bhuaibh. Deanaibh feum math do'n latha-dingh, agus earbaibh á Dia airson an àm ri teachid."

Ach có so tha tighin 'na charbad uaine àillidh, am mòr-fhear dreachimhor! a thirì miosan maille ris, ceithir seachdhuinean an cois gach mòs, le'n ochd làithe fichead aig sàil gach aoin dinbh? 'S ann an sin a bha'n toileachas-inntiun, an sùgradh, 's an t-aighear, 'nuair a chunnacas carbad naine loinnearach an Earraich! Bha sùil ris, bha dòchas gu robh e 'tighin; oir b'iad na Faoiltich a theachdairean. Fàilt air Earrach àghmhor nan ionada buaidh! Tha sneachd a' leaghadh o ghuailibh nan gruaini-bheanna ciar; tha an deigh, le gleadhraich gharbh, a' sgealhadh 's a' teicheadh sios do'n chuan; tha na lòin 's na blàir air an sgeudachadh le còmhidaich àluinn ùr; tha na lusan maoth a' togail an cinn le'n dathabh àillidh, fann-gheal dearg; tha snothach a' dìreadh gu mullach nan craobh, a dh'àiileachadh an Earraich; tha na h-eòin bheaga 'seinn le sòlas, agus a togail an òran bhinn; tha na h-nainean hheaga co geal ris a' chainchean, le mèlich fhan, 's na minneanan mireagach, le'n migeadaich lughach, a' cur fàilt air. Èisd I bàirich nam bò, agus fann-gheum nan laogh mu'n cuairt do'n chrò. 'S ann an sin a tha'n odhail 's an ùprait, mar tha an t-Earrach a' tighin a stigh! Faic an tuathanach a' dol a mach le 'bhrat lin m'a ghuailibh, a chur an t-sìl, am balachan beag a' suidhe cul an t-saic, air an t-sean each chàm tha giùlan a' phoir. Èisd fead an treabhaiche; stroighlich nan cliath; sùrd air gach nl; a h-uile h-aon cridheil, eutrom. 'S math a labhair am filidh Gàidhealach—

Nis theid Earrach uainn air 'chuairt,
 'S thig an Samhradh ruaig a nall;
 'S gorm-bhog duilleach gheng air choill;
 Eunlaith 'seinn air bhàrr nan crann;
 Drùchdan tlàth air feur gach glinn,
 'S làn-thoilinnntinn sgiamh nam beann.

Cha hnaithe chaidh an t-Eerrach a stigh, na ghrad chunnacas 'òganach dreachmhòr, snilbhearra, uallach, a' teachd—a leadan buidhe sios air a ghuaillibh, fleasg do bhliathean ùr mn 'cheann, badan do shóbhraighean fann-bhuidhe nam bruach 'na bliroilleach, —a' chuthag ghlas, le a gug-ùg, 'na dhéigh. So teachdair an t-Samhraidh, "Latha buidhe Bealltaiun!" Nach tlàth, cùbhraidh, taitneach an t-àile!—nach àillidh 'nan neart, nach bog blàth na frasan ciùin! "Dùisg, O m'anam! thoir cliù do Dhia!" Còs 'mrrainn àilleachd an òg Shamhraidh thoirt fa'near, gun a chridhe thogail suas d'a ionnsuidh-san a tha 'toirt so uile mn'n cuairt?

O 'Shamhraidh gheugaieh, ghrianaich, chéutaich,
Dhuillich, fhéuraich, chiùn-ghil!
Bho t'anail fèin thig neart a's speurad
Do gaeh crétair diùidi
Bha'n sàs an slabhraidi reòt' a' gheamhraidh,
Ann an àin no dùdlachd,
'S tha nis a' danns' feadh glac a's ghleanu
Mu d' theaelid a nall as ùr oirnn.

Bu taitneach da rìribh r'a éisdeachd an fbàilt a chuir an Samhraidh air a' chuideachd! Cha do labhradh riabh a mach á craunaig scarmoin bu taitniche 's bu bu drùightiche; agus dh'éisd a' chuid-eachd uile le mór thoirt fa'near. Faicibh anns an t-Samhraidh maiteas Dhé, tha 'toirt do'n t-saoghal gaeil sochair agus beannachd 'na àm 's 'na thràth féin. Cia àillidh nis an domhan!—au latha 'na fhad 's 'na bhlàs, gach eun a' seinn aig beinn 's aig baile, agus obair na ernitheachd fo shòlas. Faicibh an t-atharrachadh tha 'tighin air aghaidh an t-saoghail! Thilg nullach nam beannta mòra dhiùbh currachd sneachd-gheal á' gheamhraidh; tha Nàdur air dùsgadh o 'suain; tha'm fonn 's am fearann a' toirt dearbhaidh air feartan na gréine, agus air enmhachd ciùin an drùchd. 'Se Dia rinn so nile.

Bheir e air fèur bhi fàs do spreidh,
'S an luibh bhi fàs gun sgios
Do dhaoinibh, chum gn'n tugadh iad
O'n talamh biadh a mòs.

Bha a' chuideachd nile toilichte le òraid no searmon an t-Samhraidh. Bha da rìribh trì làithean an cois na Bealltainn nach robh taitneach do chnid a bha làthair. B'iad sin, latha a' mhàil, latha na h-imrich, agus latha nach robh riabh air deireadh—se sin, latha na dàlach, a thig gu dorus, 's nach failních. Ach bha an ràithe àghmhòr so anabharach taitneach, a dh'aindeoin so uile. 'S math a thuirt am bàrd Abrach, Eòghan milis, Smeòrach Chloinn-Lachninn—

Nan lìnsinn sios gach nì bu mhiann leam
Ann am briathra seòlta,
Cha ehirinn erioch le dealbh am bliadh'n'
Air eeathranmh-trian d'c'n b'eòl domh,
Mu ghòir nau spéur, 's an saogh'l gu léir,
A lion le h-éibhneas mòr mi,
'Nuair rinn mi éirdh madninn Chéitein,
'S dealt air fèur nan lòintean.

Cha'n eil e 'nar comas cùnnatas mion a thoirt air an ath chìurtear mhòr a thainig 'na charbad, le a thrì mìosan's a sheachdninibl fein, le'n cnid làithibh 'nan cois—am "Fogharadh buidhie, reachdmor, tróm." B'anabharach taitneach an fhàilt a chuir mòran do dhaoine bochd air, mar chunnas e 'tighin, 's a sgnab reachdmhor thróm thar a ghualainn—ùbhilan, a's péuran, a's bagaidean chnothan, agus dearcan do gach seòrsa—sugh-craobh a's smenran, na h-àirneagan gorm 's an caorann dearg aige 'gan sgapadh 'nam measg. Có iad na fleasgaich shuilbhearra tha 'na chnideachd, a' siabadh an fhallnis o'n gruaidhean deurga, an aodainn air an dothadh le losgadh-greine agns breaca-sianain? Thà làithean an inchair. Faic mar tha spréidh agus daoine 'g iarraidh fasgaidh napa o'n teas! Tha pailteas a nis aig gach aon; tha sgraing chrosda an acruis, agns gorta chrnaidh an t-samhraidh, a' teicheadh. Nach fonnmhòr an t-òran buana, an lìnneag thaitneach! Faic na buanaichean a' strìgh le farpuis chridheil!—na h ògamaich a' ceangal nan sgnab! O 's ciatach làithean òg an fhogharaidh!—am feur-saidhe 'ga sgaoil-eadh—an seann duine 'cnr fiaclan ùr 's na ràchdain—na rolagan 'gan tionndadh air an dail mhóir. Faic! tha fras a' crinnneachadh. Fire, faire! 'sann an so tha'n odhail! Faic na h-eich a nis 'nan deaùn-ruith le slaoid agns currain, a chruinneachadh an fheòir. Nach h-iad na balachain bheaga tha sùrdail! Tha na mulain ag éiridi gu tonalta. Faic seann Lachunn Bàn a' sniomh nan sioman. Tha na caileagan beaga deanamh phadireanan do na blàithean, 's iad a' damnsa 's ri falach-fead am measg nam mulan. Ach có a' chnuideachd tha tighiu san annoch co toilichte? Carson tha glaodh nam buanaichean co àrd? Ciod is ciall do'n aighear's do'n t-sùgradh? Tha 'bhuain seachad; tha a' mhaighdeann-bhuana 'ga giùlan dachaidh le gàirdeachas; tha'n sac inn dheireadh a' ruigheachd na h-iolaun; tha na saibhlean loma-làn, agns thogadh iolach-ghàirdeachas. Cia sòlasach an tuathanach còir! Chuir e le déurabh, ach a nis tha e 'buain le sòlas. Tha gàirdeachas air 'anam gn bheil pailteas aige air a thasgaidh snas airson a' gheamh-raidh.

Am fiosrach leatsa, O ni'auam! gàirdeachas air bith doth do'n t-seòrsa cheudna? Tha àm an fhogharaidh-mhóir a' tarruing dlùth. 'Bheil thusa ag abuchadh air a shon? Tha'n ùine gèarr, mi-chinnteach; a nis an t-àm taitneach, a nis latha nan gràs. Tha am fogharadh seachad; tha'n samhradh crìochnaichite; ach cha'n eil sunn air ar tàernadh.

"Eirieli a lunndaire gu grad,
'S thoir ort an seangan beag gun stad;
Oir ged nach d'fhuair e riamh fear-iùil,
No neach g'a ghreasadh air a chùl,
Fa chomhair geomhraidh ni e deas,
A' enimhneachadh gun tàmh a leas.
San t-samhradh, trusaidh e a lòn;
San fhoghar, ionlan tha a stòr."

Cha luaithe 'bhios am fogharadh seachad, na thig atharrachadh

mór air aoidhealachd an t-saoghail. Tha gruaim agus mulad a' teachd air aogns an domhain; tha'n latha 'fàs goirid, "mar chloich a' rnith le gleann, feasgar fann fogharaidh;" tha'n oidhch' air dol am fad; tha'n smoethach a' pilleadh air ais do bhun nan eraobh; tha meambh-bheathaichean na talmhainn a' teicheadh d'am frògan dorcha. Amhaire, agus thoir fa'near an Geamhradh fuar, doinion-nach, reòta. Sud e a' tighinn 'na charbad cruaidh iaruinn! Nach gruamach am bodach? a chiabhan glasa n'a ghuaillich, agus boinne reothaidh o gach aon dinbh. Faic mar tha dnilleagan nan craobh a' seacadh as!—mar tha na lusan maoth a' falach an cinn! Tha bròn a' teachd air aghaidh an t-saoghail; tha long mhór nan trì chrann a' rnith gu cala; tha na buachaillean a' trusadh dhachaidh na spréidhe; tha gach eun a pàsgadh a ribheid; 's gach creutair a' dlùthachadh ri blàs.

Na h-còin bhuchullach, bhreac-iteach, ghrinn,
'Sheinmeadh basganta trèun am bàr dhos,
Gu'n teid a' għlas-għuib air am bénl,
Gun bhogħa, gun teud, 's iad 'nan tosd.
Sgniridh buirdeasaich egiathach nan speur
D'an eileirc greadhnach sa' phreas,
Cadal-clùmha gu'n dean anns gach còs,
Gabaail fasgaidh am frògħab nan ereag,
'S iad ag ionndrain nan gathana blàth
Bhiodh a' dealradh o sgàile do theas.

'S iomadh caineadh a rinneadh air a' Gheamhradh le bàird chrosda, ann an cuidealas agus ann an aineolas an eridheachan. Cha'n eil droch fhacall sa' chàinain nach do chleachd iad g'a smàdadh;—mar an ràithe sneachdach, colgarra—am mìos enatanach, casadach, enràidhdeach—agns mar sin sìos. Ach eó nach d'fhiors-raich *sòlais* a' gheainħraidh?—seàdh, sòlais a' gheamħraidh! Tha a shòlasan féin fuaithe ris, a cheart cho math 's a tha iad ris an Earrach agns an t-Samhradh. Dhàsan a tha 'faicinn Dhé anns gach nì, tha àilleachd anns an t-sneachda 's anns an reothadh, anns cheò agns anns an stoirm. 'S truagh leinn esan is urrainn an saoghal fhaicinn air a chòmhduchadh 'na dheise ġbil, gun smuaintean cràbhach a lionadh a chridhe. O! tha gliocas, tha maitheas, tha caoimhneas, tha gràdh Dhé, r'a fhaicinn anns gach nì.

NA H-EILEANAN FALCLAND.

Is iongatach an ni r'a thoirt fa'near mar a tha sluagh Bhreatunn air fàs co liomhior 's gu bheil iad, mar guin b'ann, ag ithe a chéile —na miltean do mhiltean diubh a' dol bàs,—agus na tha dh'fhear ann tarbhach a' dol fàs air feadhli liomhiorachd nan eileanan agus na dùthchannan sin a bhuineas do Bhreatunn, gun duine beò chum 'aiteachadh. Is cianail an nì so.

Am measg nan eileanan sin a bhuineas do Bhreatunn, agus gun duine cha mhór 'gan tuineachadh, tha Eileanan Falcland. Tha mu thimchioll còig fishead do na h-eileanan a tha fo'n ainm so 'nan

luidhe dlù d'a chéile, ann an enan mór na h-àirde Deas, mu cheithir chend agus ceithir fishead mìle an taobh so do dh-America na h-àirde Deas, agus mar astar trì chead mìle o mhaol mhòr deiseal America —'se sin, *Cape Horn*. Tha'n t-aon a's mò do na h-eileanan so mu thuaiream sèa fishead mìle air fad, agus leth-ched mil' air lend, air a chuartachadh le bàghan, agus calachan, agus ionadabh acarsaid eo math, flasgach, thèarninte, 's a tha san t-saoghal uile. Cha'n eil air an àm duine beò a chòmhnuidh air an eilean so, an t-eilean a's mò dhinbh, a tha uiread ri Muile, Ille, 's an t-Eilean Sgiathanach le chéile, agus gu mór na's tarbhaiche. Cha'n eil crodh, na caoraich, no eich, san eilean mnór so, ach am feur a' grodadh air an lär o bhliadhna gu bliadhna! Tha an dara h-eilean a's mò ceithir fishead mìle air fad, agus leth-chend air lend. Tha caol eadar coig 's a sèa mhìltean air lend eadar an dà eilean so — caol ro'm faiddadh cabhlach Shasunn seòladh co glan, réidh, thèar-unite, 's a b'urrainn duine iarraidh, agus acarsaidean fasgach air gach taobh dhie. Tha seòrsa do bhaile beag air an eilean so, ris an can iad Port Leódhais. Tha ochd-pearsa-deng a chòmhnuidh air an eilean so, a mhùinntir America mu Dheas; ach 's le Breat-nu iad, agus tha còir Bhreatunn air a h-aideachadh a nis le gach riaghachd. Tha long-chogaidh a nis do ghnàth ann, chinn còir Bhreatunn air an eilean so a dhion. Tha eileanan beag eile mu'n enairst do'n dà eilean mhòr so, mu mheudachd Chola, 's Chana, 's Eilean-nam-Muc, agus guu duine 'gan tuineachadh. Tha na h-eileanan so anabharrach nile coslach ri h-Innse-Gall na h-Alba —beannach, àrd, le glinn flasgach, fheurach, thòorail. Tha ionairtradh 'ns fenrach math gu mullach nam beann, co freagarrach airson chaorach 's gach seòrsa féudalach 's a b'urrainear neach iarraidh. Tha mòran do dh-fhearan réidh còmhnuidh a dh'fhaodta a threabhadh ceithir thimchioll nan eileanan so, do dh-fhearan domhain, tarbhach; agus uiread do dh-fheamainn's do bharr-dearg air na cladaichibh 's a tha cùl Thirithe no cùl Uist. Cha'n eil eoille sam bith annta, ach gu leòir do'n mhòintich a's fearr, as am faod iad pailteas eonnaidh uidheamachadh. Cha'n eil craobh r'a leagail, no fearann r'a ghlanadh no'r éiteachadh, mar ann an dùchabh eile; ach an talamh réidh deas airson a' chroinn no a' chaire. Tha uisge glan fallain, cho math 's a tha air aghaidh an t-saoghal, anns gach cearn do na h-eileana so; uillt agus aiblinichean, finarain agus tobraichean, co paitl 's a tha iad againn ann an aona chearn do'n Ghàidhealtachd. Tha ua creagan a's fearr ann, agus na clachan airson tighean a thogail, agus gàraidhnean-crích a dheanamh.

Cha'n eil na h-Eileanan Falcland tuille 's fuar na trille 's teth; tha iad eo fallain ri aona chearn do'n t-saoghal. Am meadhon an t-samhráidh tha iad fionnar, le bhi air an chartachadh leis a' chuan. Tha sneachda sa' gheamhradh air mullach nam beann, ach cha luidh e ceithir-naire-fishead gu h-iosal air an t-srath. Tha e'na gheamhradh acasan 'nuair tha'n samhradh againne. Air Eilean na h-àirde 'n Ear (an dara h-aon a's mò dhiubh), tha mòran do spréidh, do

chrodh-dnbh, agus gach aon diubh co fiadhaich ri eilid nam beann. Tha iad ag ràdh gu bheil còig mìle dhiubh a' ruith fiadhaich air feadh na dùthelùn. Cha'n eil iad mór, ach tha iad anabharach reamhar, an enlaidh mhàith fad na bliadhna, agus blasda r'a ithe. Tha cùnnas mór air a' bhainne tha iad so a' toirt 'nuair a ghlacar òg iad, 's a tha iad air an ceannsúchadh agus fàs soirbh, am bainne mar nachdar a' toirt mòran ime. Tha mar an cendna mòran each fhiadhaich air feadh an eilein. Chìte trì no ceithir a chendan diubh anns an aon trénd—eich gum bhi tróm, ach lùthor làidir, air deagh chumadh, agus glé fhurasda 'n toirt gu fèin, ma ghlacar òg iad. Tha anbharra mhuc ann cnideachd, a' rnith 'nan tréundan lionmhòr air feadh an eilean; agus maighichean agus eunlaith do gach seòrsa, gu h-àraigeadh geòidh fhiadhaich, ealchan, agus tunnagan. Tha iasg r'a fhaotainn anns gach loch, agus aig gach creig, do dh-ioma seòrsa, gu h-àraigeadh an clearbanach, a gheibhearr mar a thograr a ghlacadh.

Tha mòran do Ròin air na sgeirean mu thimechioi nan eileanan so. Nam biodh feornich no iarrtus air ceilp, dh'fhaodta na miltean do thunuachan a dheanamh dhi san àite so. Cha'n eil pòr, bàrr no bun, tha 'fàs san rioghachd so, nach fàsadh sna h-eileanabh luach-mhòr so. Air euid do na h-eileanan eile, tha mòran chaorach agus ghabhlar a' rnith fiadhaich air feadh nam beann.

Cha'n eil teagamh nach bi na h-eileanan so luachmhòr naireigin, agus sin ann an tùine ghoirid—tha iad air an suidheachadh co cothromach airson loingeas agus marsantachd, eadar an Roinn-Eorp' agus rioghachdan na h-àirde-deas. Cha'n eil soitheach a rachadh do *Australia, New Zealand*, no America nu Dheas, nach stadar aig na h-eileanan sin air an turns a mach agus dachaidh, airson feòil ùr, uisge, 's gach goireas eile bhiodh a dhìth orra.

Tha Sasannach tuigseach a chuireadh a mach le luchd-riaghlaidh Bhreatunn a rannsúchadh nan eileanan so o chionn ghoirid, ag ràdh gr'm feuraicheadh an t-eileau mór 300,000 ('se sin, trì cheud mile) caora. "Tha," ars' esan, "air a' cheart àm so air aon do na h-eileanaibh, an dara h-aon a's mò, 30,000 ('se sin, deich mile fichead) do chrodh fiadhaich, agus trì mile each.

Uair no naireigin, bidh na h-eileanan so ainmeil. Thug e mòran toil-inntiun duinn a chluinntinn gn'u robh e am beachd luchd-riaghlaidh Bhreatunn Inbhid-àiteachaidh a shuidheachadh annta, agus na h-nile cothrom a thoirt doibh.

Tha aona bluaidh mhór orra—cha'n eil daoine dubka no daoine ruadha annta gu ole a dheanamh; cha'n eil daoine fiadhaich, no beathaichean annta, gu eagal a chuir orrasan a bhios air an suidheachadh annta; cha'n eil créntairean bed annta, ach crodh reanhar, a's caoirich, a's gabhair, a's eich, deas réidh chum an cur gu féum; cha'n eil coille mhór r'a gearradh sios na r'a réiteachadh, mar ann an America mu Thnath, no sueachda na reothadh leth na bliadhna, ni mò teas loisgeach an leth eile. Nach truagh, matà, an nì gu'm biodh na Goill agus na Gàidheil a' basachadh le dìth o bhliadhna gu bliadhna, gun chomas croiteag bheag splocach fhaotainn eadhon

airson māil, agus na h-eileanan àillidh sin, mar gn'm b'aunn, a' glaodhaich air Sasunn, Eirinn, agus Albuinn,—“Cuiribh a nall ur daoine bochda d'ar u-iounsnuidh, agus beathaichidh sūn iad. Tha ar mnean reamhar—ar caoraich 'nam mìltean air feadh nam beann, a' call nan rùsg, 's gun làmb chum an lomairt. Tha ar mairt a' call am baine air na raointibh, 's géumnaich airson làmlan chum an bleothan. Tha ar n-eich a' ruith fiadhaich, agus a' sitrich air feadh nan raointibh, 's gnn neach g'an éisdeachd ach mactalla nan creag, deas airson an eur gu féum. Tha blàran-mòine againn a chumadh connadh ris na mhuilleanan, agus gria i agus teas chum an caoineachadh. Tha an t-iasg mar na meanbh-chuileagan air aghaidh gach sgeire, 's a' snàmh anns gach muir àgus loch. Tha ròin mhòra phlintach 'nan trendan liomhnhor 'nan suain air gach tràigh, agus gun duine ann chum an dùsgadh.”

Tha pailteas fearainn air feadh an t-saoghal. Cha rnigeadh aon duine leas dol bàs le dith, nam biodh daoine tha ann an ionadabh àrd, agus air ceann guothluichean nan rioghachdan, co suairee, fhialaidh, charthannach, 's bu chòir dhoibh. Cha do ehnir Freasdal Dhé duine riabhl a dh'ionnsuidh an t-saoghal gun gu leòir a sholar air a shon.

'S oil lean nach robh fichead mile do na Gàidheil hliochd anns na h-Eileana Falcland, le'm ministerean Gàidhealach, am maighstirean-sgoile, an liglichean, 's an eaglaisean, ged a b'éiginn do luchd nan caorach-mòra dol do Shasuna air tòir bluachaillean.

C.

GUTH BHO MHACTALLA.

TRI LÀITHEAN ANN AM BAILE-MÓR BHRUSSELS.

Air samhradh na bhliadhna 1815, thachair dhomhl bli ann am baile-mór *Bhrussels*. Bha'm baile cho làn 's a chumadh e. 'Sann a sin bha'n othail 's an greadhnachas—saighdearan agus oifigich gach rioghachd, 's an eideadhl a' toirt barrachd air a chéile—ua h-eich bu bhreich' le marcaichean colgarra clogadach, 's là-féill aca auns a' Phàirc—gach baintighearn a mach air na stràidibh 'nan culaidh-blainuse, a' deàrsadh le sradan doimein;—san oidhche, cluichl a's dannsa, òl a's aighear, 's sgapadh airgid, gun ghainne gun sòradh.

Air an treas là de'n mhìos mheadhonach, chaidh mi do'n Phàirc, far an robh deichl mìle saighdear air *parade*, Diuc *Bhrunswick* agus *Wellington* air an ceam. Sealladh bu hlreighe cha'n fhaca mi rianh; agus aire gach neach air na Gàel gu sònruchté, le'u eileadh cuaiich', le'm boineid iteach, 's le'n sporan iallach. Bha'n ceum cho còmhnaid, an deise cho sgiobalta ghlan, 's an deanamh cho taiceil leòghanta, 's gu'n saoileadh neach nach robh nàmhaid air an t-saoghal a sheasadh iad.

Air a' chòig-la-deug, rinneadh *ball-dannsa* mòr agus greadhnach. Bha' chuid bu mhò de na h-oifigich, cho maith ri mòrachd agus maise na tire, an sin a' crathadh an cas, 's a deanamh gaoil le'n sùilean thall

's a bhos. Thachair dhoimh féin a bhi 'in sheasamh làmh ri Diuc Bhrunswick 'nuair, an teis-meadhain na meadhail, a thainig fios a huige gu'n robh an t-arm Frangach a' tighin. A thiota chualas mothar a' chanan, mar thairnean fad as. " 'S mìthich dhomhs' a bhi falbh," ars' an Dinc. Dh'fhalbh thusa, a laoich, 's thuit thu air an sgrlob sin an teas a' chatha !

Chaidh crioch air an dannsa. An àite na fidhle, chluinne nis drumachan a' bualadh—trompaidean a' séideadh—eich a' tionndadh 'nan sràide le'n crùithean—gaisgich 's an leumann a gabhail cead d'a chéile, agus fir d'am innathan posda 's do'n cloinn.

Dhuisg an toirm 's a' gheleadhraich daoine còir a' bhaile as an ciad chadal. Ruith iad a chum na sràide leth-ruiste, gun fhiös ciod a theireadh na 'dheanadh iad. Fear a theireadh gu'n robh am baile ra theine, 's fear a theireadh gu'n deach *Wellington* a mhort ; ach 'nuair thug iad gu robh *Bonaparte* mar fhichead mile do'n bhaile, b'e sgeul bu chruaidhe ; 's bu chruaidh e !

Mu thrì uairean sa' mhaduinn, dh'fhalbh na gunnacha mòra, 's iad a cur crith air a' bhaile 'nan siubhal. Lean na Gearmailtich iad ann an òrdugh mèarsaidh, a thoirt coinneamh do'n nàmhaid. Mu cheithir uairean, bha'm feachd a bha fo cheannardachd *Wellington* 'nan éideadli-catha, ach na lethid de chabhaig 's gu'n robh cuid de na h-oifigich nach d'fhuair uine an stocainean sìoda 's ain brògan-danns' a chur dhiubh. Mu chùig uairean, chualas am facall "Mèarsaibh !" agus a thiota għluais na seòid, fo'n ceòl 's fo'm brataichean, toun air thonn, mar aghadlu san fhogħar a' luasgadh fo thróm dhéis.

Air mo shon féin dheth, cha robh fios a'm ciod a dheanainn—cha robh mi riainh roimhe cho dlùth do bhlàr. Bha sinn cìnnteach, an dara cuid gu feumadhi an t-arm Breatunnach ratréut a ghabhail, arneo tuiteam gach mac màthar dhiubh. Cha robh teagamh againn 'nam misnich 's 'nan treubhantas ; ach bha *Bonaparte* air cheann nam Frangach, agus *ceathrar* dhaoine m'an aon aige, gun bhi tighinn air reisimeidean each—ni nach robh aig na Breatunnach, oir bha'n eich a mach air fiarach, agus cha robh e 'nan coimas an tional an graide.

Choinnich an dà arm aig *Quatre Bros.* Sheas gach taobh a làrach féin fad an là ghailbhich sin ; ach 'nuair thuit an oidhche, chunnaic an taobl aginne gum b'fhèarr teicheadh math na droch fhuireach. Bu doirbh r'a innse staid baile *Bhrussels* ré an latha fhuileachdaich so. Cha robh smuain air biadh no deoch—a chuile fear aig an robh stòras 'ga fhalach, 's a chuile fear aig an robh *telescope* a' dìreadh a' bhalla, fiach am faiceadh e co leis a bha 'dol.

Mu dheireadh, mu fheasgar, chunnacas buidheann Fhrangach a' deanamh air a' bhaile. Ruith an naigheachd bho chearn gu cearn. Ghilac uainhann Sasunnaich a' bhaile. Cha'n fhaichte ach an ribain trì-dathach (suaicheantas na Frainge), 's cha chluinne ach "Buaidh leis an Impire !" Cha b'fhada gus na chaochail iad port ; oir a' bluidheann Fhrangach a chunnacas a' tighin, 'sann bha iad a' tighin 'nam priosanaich. Cha chluinne nis ach "Buaidh le *Wellington* !"

Mu ochd uairean san fheasgar, chaidh mi féin suas gu geata an Amair, far an robh na saighdearan a chaidh a leònadh a' tighin ann

an cairtean 's an slaodan ; agus, ochòin ! b'e sin an sealladh ! Na Gàeil a chinnaic mi air *parade* ach beagan laithean roimhe, 's a bha cho għlan chuimir, a' nis còmhdaichte le fuil 's le poll—an beòil dmbh le fūdar a' *chartridge*, d'an robh iad a' toirt a' chinn le'm fiaclan roimh a chur sa' ghunna. Bu mhuladach an sealladh iad, da rìreamh !

'Nuir a stad a' chiad chairt, ruith mi séin gu oifigeach Gàelach a bh'air a leònadh anns a' għlùn, agus dhifħarraid mi dheth an robh na Frangaichi a' tighin. " Cha'n urrainn mi'ràdh am bheil no nach 'eil," ars' esan ; " tha iad a' cogadħi mar na h-uiread de dhiabħail. A Dhotair, għabu mu m' għlùn, 's leig air falbh a ris mi." Thainig a nis baintighearn Shasunnach, a' glaodhaich 's a' bas-blħualadh, 's a' farraid de'n chuile fear, " Am bheil mo dhuine-sa tēaruinte ? " " An ainn an Fħreasdail," arsa fear de na saighdearan, " eia mar is urrainn mise innse ? Cha'n eil fħios a'm ciod is cor dħoiblisan a bħa cogadħi ri m' għnalainn. Cha'n flahiceamaid trè troidhean mu'n cuairt duinn le sinuid an fhudair." Thoisich a nis meangnadh chas a's làmh ; ach bħa na leighieħien tuilleadħ is gann. Cha robh uair ré oidhche h-Aoine nach robh cairtean an déigh chairtean a' tighin le saighdearan leonta ; agus cha bi maduinn Di-sathuirne bu shiansaire. Bħa'n cùnntas a bħa iad a' toirt air a' bħlär eaceilidh—na miltean a bħa 'nan sineadħ air għach taobh, 's an cùl ri talamh ! Chaidh innse mu bhial na h-oidhche, an déigh do'n chuid bu mhò am baile threigsinn, 's an tigħeant 's am fūrnejis a reic airson ni air bitħ a għeibheadħ iad orra, gun do għabb Wellington an ratréut, 's gun do shuidhix e'champ ann an Waterloo, gu coinneamħ a thoirt do'n nàmhaid an la'rna-mħaireach.

Thainig a nis maduinn Di-domħuaich, 's ma thainig, sin a' mhaduinn nach teid gu bràth as mo chuinhnej-sa ! Bha 'għaoth a' spionadħ nan eraobħi as am freumhaich, an t-uisge 'eur sad as na creagan, agus dealan a'a tairneanach a' sracadli nan njal. Čħluinnemaid a nis, eadar għach tairnean, gnè eile de thairnein—tairneanach a' bhomb 's a' chauñin, mar guni biobl nèamħi agus talamh a' cogadħi ;—bħa blār Waterloo cheana air tħożeachadħ ! Bħa Brussels fad an latha air chrith, 's an sluagh fo għairisinn, gus ma dħiereadħ, mu shèa nairean san fheasgar, an tainig naigħeħadħ gu'n robħ na Frangaichi a' strīochid-adħ, agus gu robħ na Pruisianaich a' tigħlin gu còmhnadħ nam Breatunnach. Thug mi flin taing do Dia le m' uile chridhe. Mu ochd uairean, cha robħ tuillidh teagħamħ sa' chħuis ; oir thainig buidheann de réisimeid-each a stiġi do'u bħaile, a dh'innis gu'n d'fhuair Wellington bua'-laraich, agus gu'n robħ na Frangaichi a teicheadħ air għach taobħ, agus na Pruisianaich a' leanailt air an tōir, agus 'gan gearradli sios mar fhasbhuain ! 'San a' sin a bħa'n oħħali ! Chaidh na cluig a bhéumadħi ; chaidħi an ribain trè-dathach as an t-sealladh ; thainig na Sasunnaich as an àiteacha-falaich ; réub an t-adhar le " Wellington gu bràth !" Bi'n aon chħuis-mħulaid a bl'ann, na bħa de dħaoine leonta tighiun's a' tigliġi. Cha chumadħi na tigħeant an dara-leħ dhiuħ ; agns mu dħiereadħ, bħa għach eglais, 's għażi sabħal, 's għażi bàthaich, làn !

Air madainn Di-luain, an t-oħħda-là-deug, chaidħi mi 'machi gu lärach a' chatha. Cha b'fħada choisich mi għus na thachair Frangach orm g'a aoirneagan 'na fħu, 's e' tilgeadħ na h-analach. Għabb mi

mór thrnas dhe. Thog mi bhàrr an rathaid e, gu àite glan. Cha deach mi fad air m'aghaidh 'nuair thachair orm, cha b'e h-aon, ach ciadan—cha bu chidan, ach mìltean, 'nan closaichean marbha—cuid gun chasan, cuid gun lamhan, cuid gun cheann, 's cuid 'nan dà-leth. Cha robb smaoin a nis air a' chiad duine; agus mar bu mhò a chunnaic mi, 'sann bu lugha a dh'fhairich mi. 'S mór a nì'n cleachdadh.

Rainig mi nis an arach, 's mo chaisbheart làn fola 's puill. Aig na mairbh eba robb fénm air cuideachadh; ach ciod e dheth sin, bha na miltean 'nan sìneadh a' measg nam marbh, gun chomas éiridh le call fala, agus a' glaodbaich airson Dia arson dibhe, gach cinneach 'nan èanain féin;—fear a' sud, 's an t-sròn dheth; fear an so, 's an smigeadh dheth; 's fear eile, 's a shùil air a ghruaidh!

Thòisich a' nis an obair as mó chuir de uamhann orm a chunnaic mi riabh—'se sin, amhalc nam marbh. Chladhaicheadh sluic, no pollagan móra, mu shèa troidhean air doimhnead agus air leud; agus annta so chaidh mn dhà-fhichead corp gaisgich, an déigh an rùsgadh gu'n craicionn, a thilgeadh muin air mhuin. Chaidh an sin an còmh-dach le talamh; ach cho caoin-shuarach, gu faice tu cas an sud, 's làmb an so, a' starradh suas os-ceann na talinhain. Thachair dhomh fhìn a bli dol seachad air fear do na sluic so 'nuair bha iad direach a' rùsgadh nan corp, gus an tilgeadh ann; agus mu thuairin dùsan no dhà de lùdhach, le'n tìrd 's le'n gilbean, a' toirt nam fiacal asda. B'e fuaim nan òrd beaga so, air a mheasgadh le urchraighean dh'agairchean an dràst's a rìs, ceòl co duaichnidh leam 's a chuala mo chluasan riabh. Dh'fharraid mi nis ciod bu chiall do na h-urchraighean ud? Fhreagair oifigeach mi, gu'n robb iad a' marbhadh nan each leònta, g'an cur á péin; oir bha iad 'nan cendan a' léumnaich 's a breabadh, 's a saltairt fo'n casan na'n daoine leònta 's marbh, mar gum biodh an cuthach orra. Chunnaic mi nis a' ruith, 's e mar gu'm biodh e 'dean-amh orm féin, each breagha glas de'n Reisimad Għlas Albannaich. Bha e làn do chréuchdan, agus bloidh sleagha an sàs 'na thaobh. Bu chianail éigh na muinntir leònta 'nuair chunnaic iad e 'tighin, 's gun chomas aca an rathad fhàgail. Chuir saighdear a bha dlù dhomh a ghnnna r'a shùil, 's thuit an t-ainmhidh foghainteach!

Bha mi nis a' fas sgìth de'n t-sealladh; oir cho fad 's a chìtheadh an t-sùil mu'n cuairt, cha robb r'a fhaiciunn ach closaichean marbha; 's cha b'urrainn domh gluasad gun saltairt orra. 'Nuair bha mi dlù air iomall na h-àraich, a' pilleadh dhachaidh, 's mo shùilean 'san làr, a' beachd-smaoineachadh air duaichneachd cogaidh—ciamar a nì e, mar gum b'eadh, ifrinn de'n t-saoghalsa—thug mi fa'near òganach, breagha, ann an éideadh Gàelach, a réir choltais a' tilgeadh an deò. Chunnaic mi ni-eiginn 'na ghùnlis a thug orm stad. Arleam gu faca mi e roimhe; ach c'uin no c'aité, cha b'urrainn mi chuimbneachadh. Bha litir 'na làimh, mar guin biodh e fiachain r'a leughadh. Ghlac mi féin i, agus leugh mi—'s i làimh baintighearna chunnaic mi a bh'ann—"A Dhòmhnuill, mo rùin 's mo ghaoil!" Cha d'fhuirich mi ri tuilleadh a leughadh. 'Nnair dl'fhàg mi 'm haile sa' mhàduinn, llou mi'n corn de bhranndi. Bha i fathast lom làn, ach aon għalainे a għabb mi féin d'i 'nuair bha mi'n īmpis tuiteam le uamhann. Thog,

mì'n saighdear ; chuir mi e 'na shuidhe, 's closach mharbh a' chnmail taic ris. Bha toll peileir 'na shliasaid, 's an fhuil a' craobhadh 's a' reòthadh uaithe. Tharruing mì'n adhare, 's chuir mi mu thnaimh leth-ghloine 'na bheul. An ceann mionaid no dha, dh'fhosgail e 'shùilean, agus chìte rugha 'tighin 'na ghruaidhnean. Dh'fhàg mì'n corn agus brioscáid r'a thaoblh, agus ruith mi feuch am faighinn cuid-eachd gus a ghiulan air falbh, mu'n rachadh 'amhlac beò. Thainig e gu m' chuimhne gu faca mi, beagan roimhe so, smùid ag éiridh á slochd dlù do'n àite an robh mi nis, agus gu'n d'fhairich mi boladh cùbhraidh air an àileadh. Chunnaic mì'n smùid fathast ag éiridh gu fann. Chaidh mi chum an t-sluic, agus có bha'n so ach deichnear de shaighdeara Gàelach a' bruiche mairt-sheoil aon an clogad cruadhach Frangach. Dh'innis mi fhìn mo ghnothach. A thiota thug iad dhiomh culag de'n fheòil. Rnith fear dhiubh, 's ghlac e eachi air shréin ; oir bha na ceudan diubh a' ruith an sud 's an so le'n diallaidean, gun inharcaich. Chuir sinn an saighdear cuirte an glaic na diallaid ; chuidich mi féin e do *Bhrussels*. 'Nuair a chaidh a nigh-eadh's a għlanadha, co 'bli'agħiġi ach sean ciompanach dhomh féin, agus leannan ino pheather ! Anu an ceann mìos, bha e cho slàn 's a bħia e riabh, ach gu'n robh céum ann. Phos e féin agus Catriona ; agus tha'n diugħi mór sheisear chloinne aca, le sonas agus le sòlas !

Chì sibh bho na thuirt mi, a Chuairteir ùiseil, nach do leig mi orm gu'n robh mise mi féin sa' bhilàr ; ach mar tug sibh fathast do na Gàeil e, bheir mi dhuibh mion-chunntas air, oir c'dàite nach 'eil Mactalla ? Bu mhór an dolaidh nach biodh fios aig ar luchd-dùcha mar chog na Gàeil air an là mhór so. 'Si mo bharail féin, agus barail iomada neach a thuilleadh orm, mar bith iad, gun do chaill sinn am blàr, 's gu'n robh an diubh slabhraidih iaruinn na Frainge mu anħaich na rioghachda. "S mise bha thall 's a chunnaic e !"

Tha mi, le mór urram, aig ar smèideadh,

MACTALLA.

Eilean Chola, 1841.

SAOBH-CHRÀBHADH NAN GÀIDHEAL ANNS NA LINNTIBH A CHAIDH SEACHAD.

'S taitneach r'a thoirt fa'near mar tha seana dhòigheannan amaideach saobh-chràbhach, a bha cumanta 'm measg ar luchd-dùthcha anns na läithibh a dh'fhalbh, a' dol a nis air dìchuimhn. Llionadh e leabhar mór cunntas a thoirt air na cleachdaidhnean sin gu léir. Có nis tha 'creidsinn ann an taibhsibh, anns na sìthichibh, na daoine-beaga ?—gu bheil gruagaichean anns na seana chaisteil, no glaistig air na bruach-aibh ? Có aig a' bheil suim do sheun, do għisreagan, do għeasan, do Dhruidheachd, do bhuidseachd, do chumhachd-tàlaidh, no mealladh-sūgraidh ?

Tha na nithe sin uile air dol an dìchuimhn, agus is math gu bheil ; oir ma tha cuimhne orra, 's ann mar nithe iongatach a chaidh seachad, agus a tha air an cumail air chuimhne mar shoilleireachadh air chleachdainean na h-aimsir a dh'fhalbh.

'S iomadh barail neònach a bha'm measg nan Gàidheal mu chumhachd na gréine 's na gealaiche. 'S ann mar urram do'n ghréin a chaidh na Gàidheil *deiseal* air gach comhldhail chudthromraig. Rachadh iad *deiseal* leis a' ghiùlan mu'n uaigh; *deiseal* trì uairean 'nuair rachadh iad a dhol do'n tobar choisrighte. 'Nuair thigeadh muinnitir-na-baiunse dhachaidh, rachadh beau-na-bainnse 's a' chnideachd *deiseal* mu'n tigh. 'Nuair rachadh an t-sreith mu'n cuairt aig banais, no aig tòrradh, 's ann *deiseal* a b'éiginn so a dheanamh. 'S ann *deiseal* a rachadh am bàta mach o thìr. Cha deanadh duine no bean sreothart no casad tróm, nach gairmeadh a' chuideachd *deiseal*! Air oidhche-choinnle, b'abbais doibh dol *deiseal* mu thimchioll an tighe leis a' cholluiun. B'abbais do'n bhean-ghluine solus a chur trì uairean *deiseal* mu'n naoihean co luath 's a rugadh e. Ach tha so uile a' dol à cleachdadhl a nis; roinnt sholus glan an t-soisgeil, tha na cleachdainnean amайдeach a' teicheadh. Bha am meas ceudna aca air a' ghealaich. Có, am measg nan Gàidheal, a ghabhadh nì eud-thromach air bith os làimh anns an earra-dhubh?—có 'phòsadh, a rachadh air imrich, no air turus fada, an làithean deireannach na gealaich? 'Nuair tha *rath*, no *roth*, na gealaiche làu, tha sin 'na àin fortanach, sealbhach. 'S ann o so tha'm facall *rathail* a' tighin; agus deirear, tha *rath* air an fhear so, no air an fhear ud eile; agus deirear gu bheil *mì-rath* air—'se sin, cha d'éirich a' ghealach làn air.

Bha e 'na chleachdadhl am measg nan Gàidheal, 's na linntibh a chaidh seachad, beachd sònruichte 'ghabhail air na neòil, agus air airde na gaoithe, air ceud oidhche na bliadhñ-'ùir. Air an oidhche so, ma tha a' ghaoth o'n aird-an-iar, tha sin anabharach sealbhach, *rathail*; agus deir iad-ris, uime sin, "*Dàir-na-coille*"—'se sin, an oidhche anns am bheil beatha ùr air a chur anns na craobhan, no anus a' choille; agus tha daoine fiosrach ag ràdh, gur h-ann uime sin a thugadh oidhche-choinnle, no *choille*, mar ainm air an oidhche so.

Bha meas mór aca air a' ghaoth 'u iar, mar tha na seann fhacaill ag innseadh dhuinn.

Gaoth á deas, teas a's toradh;
Gaoth o'n iar, iasg a's bainne;
Caoth á tuath, fuacdh a's gailliunn;
Gaoth o'n ear, meas air crannaibh.

Bha mothuchadh sònruichtie aig na seana Ghàidheil air coslas cend thrì làithean a' gheamhraidh. Bu mhath leo ceud thrì làithean a' gheamhraidh a bhi dorcha, doillear. 'Se so is ciall do na seann fhacaill—

Doreha, dorionta, dubh,
'Cheud trì làithean do'n gheamhradh;
Ge b'è bheir géill do'n spréidh,
Cha tugainn séin gu samhradh.

'S iomada sgeul gòrach a th'agáinn air taibhsibh, agus seannachas eadar daoine beò agus spiorada na feadhnaich a dh'fhalbh. Chaochail boirionnach ceanalta tlachdmhor ann an àit àraig, agus bha a cèile pòsda fo bhròn mór. Dh'éirich e air mheadhon-oidhche, 's chaidh e do'n chladh, agus shuidh e air uaigh a mhùmatha. Labhair e rithe mar

gu'm biodh i 'ga éisdeachd ; ghuidh e oirre aon fhacall a labhairt ris, agus gu'm biodh e toilichte. Thainig, ar leis, fannan soirbheis seachad air a chluais, agus chual' e, ann an guth ciùin a mhnatha, na briathran a leanas—se sin, smuaintich e gu'n cual' e iad. Dh'éirich e, agus chaidh e dhachaидh co toilichte's a b'urrainn duine-bhi. 'S iad na facaill, ma's fior, a chual' e—

Na biodh ro-ghaol, 's na bitheadh suath,
Agads' air slagh Innis-thiéud ;
Na smuaintich air na chaidh thoirt bhuat,
'S a' chuid nach deachaidh uat gu'n téid.

Am measg nan sgeulachdan amaideach so, tha seann fhear-eachluraidh a' toirt duinn sgeul a'fri duine còir (agus, mur 'eil sinn meallta, bha e co gealtach 's a bha e còir) a bha 'siubhal tre ghleann dorcha, doilleur, uaignidh, san robh seann àite-tiodhlacaidh. 'Nuair bha e 'gabhair seachad air a' chladh, agus a chridhe a' bualadh tróm le h-eagal, choinnich, ma's fior, taibhs' e, sgàil no faileus aotrom air dhealbh, agus chumadh òighe òig ! Bha i 'suidhe air stoc seana chraoibhe. Chuir e roimhe gabhair seachad oirre. Mar bha e dlùth do'n àite, agus oilt air an duine, chual' e osna thróm, agus an sin na briathran a leanas ;—

Bha mi fada 'n céin an raoir ;
B'aotram 's bu luaineach mo chéum ;
An dùradan an gath na grê ne
Cha'n eil annam fèin do neart,

Ach 'se an sgeul a's mò thug do dh'fhearas-chuidcachd dhuinn, an nì a thachair do mhinisteir Gallda 'thachair a bli sa' Ghàidhealtachd air turus a choimhead caraid da. Bha e ann an cuideachd fad an fheasgar, far an robh an t-slige-chreachainn a' dol mu'n cuairt na bu luaithe na b'abbhaist do'n duine chòir a chleachdadh 'na dhùthaich fèin. Bha 'chuideachd a' seanachas mu shìthichean no daoine-beaga. Dh'innis a h-uile fear a sgeul fèin, ach rinn am ministeir Gallda glag gaire ; cha chreideadh e aon fhacall do na chual' e. 'Nuair a sgoail a' chuideachd, dh'fhalbh esan dachaيدh do thigh an duin'-uasail far an robh e 'fuireach. Bha aige ri marcachd troimh gleann dorcha, agus troimh choille bharraich, anus an robh ioma tolman bòidheach uaine, dùin shìth, anns an robh, nam b'fhìor, na daoine-beaga 'gabhair tàimh. Bha seòrsa do sgàth air, agus cha robh fios aige c'arson ; ach coma có dhiùbh, chuir e roimhe nach labhradh e gu bràth tuille an aghaidh na daoine-beaga. Chuir e spuir an cliadhach an eich. Ghrad leum an t-each air aghart. Am prioba na sùl, chual' e gaoir agus bruidhionn, agus gathan tormanach mi-nàdurra ! Bha sgooth do dhaoine-beaga 'léum roimhe, 's a' dannsa 'na dhéigh. Thug iad bhàrr an eiche e ; ghiùlain iad suas ro' na speuran e ; ràinig iad taobh na gealaich ; leig iad as e ; thuit agus thuit e, a cheann fodha an dràsd, 's a chasan fodha a rithist, an saoghal a ruith mu'n cuairt. Mu dheireadh thuit e an lub nan giadh, dlùth do thigh an duin'-uasail far an robh e 'fuireach. Dh'éirich e mar a b'fhèarr a b'urrainn da. Bha'n t-each aig dorus an stàbuill ; ach bha'n diollaيد fo 'bhroinn, an àite bhi air a dhruim. Chrath e dlieth mar a b'fhèarr a b'urrainn da am poll 's an

t-eabar. Chaidh e stigh agus chaidh e a luidhe, 's cha do labhair e diog tuilleadh fhad's bu bheò e mu na daoine-beaga; ach cia dhiùbh is iadsan, no tuainealaich a dhùisg na bha san t-slige-chreachainn, a thug so uile mnù'n cuairt, cha'n eil fios againn, agus cha ruigear a leas fheòruich.

Bha aon scòrsa do shaothu-chràbhadh cumanta bho shean sa' Ghàidhealtachd, ris an abradh iad sèun—seòrsa do rann air a cur suas ann an criomanan anairt, agus air nairibh saighead-shith, air am fuagheal gu teamu san aona bhréid. Bha so air a ghiùlan fo'n léine, dùlùth do'n chridhe; agus bha earbsa mhór aig daoine gòrach gu'n robh cumhachd mór aige an dòn o gach ole agus gàbhadh.

Fhuair sinn sèun do'n t-seòrsa so, bha air a chleachdadadh ann aìn Muile bho chionn fhada. Cha'n eil dùil againn gu bheil cailleach, no bodach, no balachan beag, co amайдeach a nis san dùthaich sin, 's gu'n tugadh iad creideas air bith d'a leithid. Mar chuimhneachan air na làithibh a thréig, tha sinn a nis 'ga thoirt seachad; agus le so criochnaichidh sinu na bha againn ri ràdh air an àm mu na nithe faoine so.

S E U N

A FHUARADH O CHIONN DA-FHICHEAD BLIADHNA BHO SHEANN DUINE ANN AN GLEANNFORSA, ANN AN EILEAN MUILE.

Air a shon, 's air a shealbhadh,
An sèun a eluir Brìde inu nighean Dhordheal—
An sèun a chuir Muirc mu 'mac
Eadar a bhuinn 's a bràghad,
Eadar a cloch 's a glùn,
Eadar a sùil 's a salt.
Claidheamh Mhìcheil air a thaobh;
Sgiath Mhìcheil air a shlinnean.
Cha'n cil cadar nèamh a's làr
Na bheir buaidh air Rìgh nan gràs.
Cha sgoilt ruinn thu,
'S cha bhàth muir thu.
Bratach Chriosd umad;
Sgail Chriosd tharad.
O mhullach do chinn gu bonn do choise,
Tha sèun an àigh orsa nis.
Falbhaidh tu an ainm an Rìgh,
'S thig thu 'n ainm do Cheanntaird.
'S le Dia, 's na cumhachdan còmhla, thu.
Cuiridh mi an sèun Di-luain
An astar cumhann biorach droighin.
Falbh a mach 's an sèun mu d' chóm,
'S na biodh bonn do eagal ort!
Diridh tu mullaeh nan siùchd,
'S cha leagar thu taobh do chùil.
'S tù mac Eala chiùin sa' bhlàr;
Seasaidh tusa 'measg an àir;
Ruitidh tusa troimh chòig ceud,
'S bidh fear t'eucorach an sàs.
Sèun Dhè umad!
Sluagh dol far riut!

SGEUL FHÌOR MU ATH-DHÌOLADH AIRSON MI-NAOMHACHADH NA SÀBAID.

Ged 'thachair na tha sinn a' dol a dh'aithris air an àm do Inched-lenghaidh a' Chnairteir sa' bhliadhna 1577, tha eachdraidh fhirinneach air flàgail againn m'an timchioll; agus 'se 'chrioch àiridh a tha 'nar beachd, a nochdadadh do òigridh na Gàidhealtachd aon dearbhadh a measg miltean a tha'n Tighearna a' toirt, ann an àrd-nachdranachd a Fhreasdail, mn' énd a thaobh coinhead naoinha na Sàbaid. Tha e 'na aobhar mnlaid r'a smainteachadh, an deigh eia ionadhl dearbhadh a's comharadh a tha Inched-àiteachaidh na talmhain a' faotainn air feirg a's corrlich Dhé airson mi-naomhachadh a latha, an àite do'n pheacadh so 'bhi lughachadh, gur ann a tha e mendachadh.

'S ann air maduinn an latha naomh so, agus mu dheireadh an fhogharaidh sa' bhliadhna a chaidh a cheana aiumeachadh, bha 'ghrian air éiridh, agus a craobh-sgaovileadh a gathaibh aglumhor air aghaidh an t-saoghail, agus d'fhaodadh ciùineachd 's sàmhchair ua Sàbaid a mhothachadh a mach air feadh a' chruitheachd nàdnrra gu lé'r. A thuilleadh air cearnaidean eile, d'fhaodadh gathaibh òr-bhnidhe na gréine fhaicinn a maiseachadh gach glaie, a's gleann, a's doire, a bha timchioll oirthir Dhunbàrra, an Albninn. Bha mìle bàta air tional an so a dh'ionnsnidh iasgaich an sgadain, as gach cearna mn thnath agus mn dheas; agus air madruinn an latha so, bha iad 'nan luidhe sinnte air a' chladaich. Thainig naigheachd gu cluasan nan iasgairean gu'm facas comharaidhean tachdar mhòir eisg an cois a' chladaich; agus, mu thruaighe léir! caoin-shuarach mu là Dhé, d'fhaodadh nis liomhorachd do na h-iasgairean fhaicinn ri upraid, a's deifir, a's g'eadhraich, mar bha iad ag uidheamachadh an enid bàtaichean gu'n cur fa sgaoil, a dhol air thòir an sgadain. Bha'n t-Urramach Maighstir Aindrea Simson 'na mhiniesteir an t-soisgeil ann an Dunnbàrra; agus mar bha'n dnuie beannaichte a' dol air aghart a dh'ionusuidh na h-eaglais a shearmonachadh an t-soisgeil d'a luchd-sgìreachd, mhothuich e an othail, an upraid, 's an drip màomh a bha 'measg nan iasgairean. Phill e, agus chaidh e far an robh iad; agus mar neach leis am bu mhaith a bhi dileas do Dhia agus do anamaibh neo-bhàsmhor, tling e garg-chronachadh a's achmhasan doibh airson an aingidheachd dhàmarra leis an robh iad ga'm fàgail féin fosguilte do bhreitheanais Dhé. Ach bha'n sluagh ro-aingidh, dànarra, agus rag-inhuinealach, agus an eridheachan air an socruachadh air a bhuanachd a bha fiughar aca fhaotaim; agus chuir iad gach comhairle a's achmhasan mhaith, dhurachdach, a thug duine Dhé orra ann an suarachas;— seadh, chaidh enid de'n òigridh cho fad air an aghaidh anns gach tarchuis a's dimeas a b'urrainn iad a thilgeadh air a' mhiniesteir chaomh, agus gu'n chleachd iad briathrau na òigridh ris an Fhàidh —“ Falbh snas, a chiun mhaoil.” Gidheadh, gun umhail gun spéis d'an toibheum 's d'an sgeig, chaidh e o bhàta gu bàta, g'an

comhairleachadh, g'au earalachadh, agus ag asluchadh orra gun bhreitheanraeas a thoirt a nìos orra féin o làimh Dhé. "Gu firinneach," a deir e, "cha mheas Tighearna na Sàbaid a h-aon agaibh neo-chionnteach airson mi-naomhachadh a latha." Ach cha robh ach ro bheag do fhior chràbhaidh a's do ebumbachd na diadhachd r'a choimreachadh am measg luch-àiteachadh Dhunbàrra, agus uime sin cha'n éisdeadh iad ri earailean dhùrachdaich a mhiniesteir. Chaidh e do aon bhàta a bluineadh do chuid do sluaigh a sgìreachd fhéin, agus có a chunnaic e au sin ach uighean do aon deth fhoirbhich na sgìreachd an crochadh mu mhuineil a fear-pòsda, 's na paisdean caomha, ag asluchadh air fear a gràidh, leis na deòir a ruith gu frasach o 'suilean, nach biodh e cionntach deth uru-naomhachadh latha Dhé, air sgàth buanachd shalaich a dh'fhaodadh leir-sgrios shiorruidh a thoirt air 'anam. Ach cha'n éisdeadh e'r a guth; ach phòg e a bhean 's na paisdean, agus 's ann a rinn e gàire-fanaid ri fàth 'n eagail. Chunnaic agus chuala Maighstir Simson na thachair eatorra, agus le cridhe làn do iomainguinn thròn a's smuaintean tiomhaidh, dhluithaich e air au àite far au robh iad 'nan seasamh. "Iain Chràuford," a deir e, 's e labhairt r'a 'fear-pòsda, "feudaidh tusa sgeig a's gàire-fanaid a dheanaunh ri briathraighe do chéile ghradhaich; ach feuch nach mothnich thu iad fathast mar theine 'na d' uchd nach fheudar a mhùchadh, 'nuair a bhàsaicheas gach dòchas dealeasach àrd dh'lam faod thusa bhi 'toirt cairdreamh air an àm. Nach e Tighearna na Sàbaid an Ti sin is e Chruithear a' chuair mhòir, cho maith a's Cruithear na talmhain? Nach 'eil fùios agad gu bheil thu a nis a' cur corrlich an Ti sin gu dùbhlann, ann an láthair a' bheil an cuan mòr mar bhoinne, agus a' chruitheachd fharsuing gu léir mar leud boise? An dean thu, uime sin, uaill ann a' bhi deanamh dìmeas air reachdan 's air fàinteas Dhé? agus an gabh thu tlachd ann a' mi-naomhachd an latha sin mu'n d' thubhairt e, 'Cnímhich là na Sàbaid a choimhead nàouin? 'Nuair a bha thu 'na d' fhleasgach òg, dh'éisd thu a' rithist agus a rithist an diadhair urramach sin, Maighstir Iain Knox, abstol mòr na h-Albain. 'S minic a dhuisg do chognis, agus a' chriothnaich thu fo 'shearminoineachadh cumhachdach, soisgeulach; agus an uair a' choimeasaichidh thu na mothaisean ud ri d' ghiùlan an diubh, nach matha dh'fheudas am focal *fear-cùl-shlàamhnaachaich* losgadair mar iarninn teth 'na d' uchd. Iain Chràuford, tha nis a' ruith 'na d' chuislibh fuil do chairdean nach mairreann, a dh'fhalbhing mar mhartaraich air sgàth na firinn 's na còrach, agus am minnaomhaich thusa an latha sin a bha cho luachmhòr 'naur suilean sa? Iain Chràuford, éisd ri m' ghuth, ri guth do chéile ghràdhlaich, 's do phàisdean chaomh, agus na bi cionntach de'n pheacadh ann-tromaichte so." Ach air do'n iasgair briathaan a's deòir a mhàmatha chur an suarachas, agus ro bheag do dh'aire a thoirt do earailean chaoimhneil a' mhiniesteir, leim e stigh 'na bhàta, ghlac e 'n ràmh 'na làimh, agus chuir e féin 's a chompanaich a mach o thìr.

Bha nis am mìle bàta air an fhairge a chur fo'n ceann, agus phill Maighstir Simson le cridhe fo thròn iomaguin 's bròin o'n chlad-

ach a' dhl'ionnsuidh na h-englais, le Agnes Crawford's a emid cloinne 'na dheidh. B'e 'n ceann-teagaig a thog e air an latha sin, "Cuimhnich là na Sàbaid a choimhead naomh;" agus 'mar a labhair e gu dùrachdach agus gu neo-sgàthach mu chionnta mhòir mi-naomhachadh na Sàbaid, chriothnaich iomadh de'lnchd-éisdeachd le uamhas a's ball-chrith, agus bhrist Agnes a mach a' gul, agus thuit a' chlainn air mninneil am màthar, agus ghuil iadsan mar an ceudna, a' chionn's gum do ghnl ise. Ach mn'n do chriochnaich seirbhis shòlunpta an latha, thoisich na spénraibh air fàs doilleir, dorcha. Luidhe duibhre a's dorchadas neo-chumanta air a' cho-thional mu'n d'fhang iad an eaglais. Bha na neòil a' fàs dnachnaidh eagalach, 's bha fuaim a's torman an doinnioun a b'uamhasaiche air an clinntin ann an àirde nan spéur. Dhl'amhaire a nis gach neach san eaglais air gach a cheile, le àrd blàrnas a's iomcheist anns gach sùil. Cha robh guth ri chluinntinn, ach guth uamhasach nan tairneanach a fàs na bu labhar's na bu labhar. Bha nis an eaglais air chrithneachach a dhl'ionnsuidh a bunait le neart na stóirm. Ghlae geilt a's ogluidheachd gach neach a bha an tigh na h-urnuigh. Bha binnein na h-eaglais a luasgadh thníg agus uaith sa' ghaoith; agus d'fhaodadh fuaim thiamhaidh chianal a' chluig a chluinntinn, mar gum buailte e le làinbh neo-fhaicinneach. An deigh so, thainig fuaim a's stairirich uamhasach. Bha nis an stiopull, a bha dearsadh le gathaibh òr-bhuidhe na gréine air maduinn an latha ud, a nis 'na mìle bloith air an làr; agus fead chianail oillteil an doinniunn ri tàirn-thoirm eagalach anns gach àit do'n ionad-aoraidh. Bha na craobhan a b'airde 's bu làidir a' lùbadh sa' ghaoith, 's air an lomadh de'n dnilleach; agus bha darach aosmhòr, a sheas stóirm a's doinniunn ceudan do bhliadhnaibh, air a spionadh snas le 'flioreumbaibh air sgiathan an iom-ghaoith, inar ite na faoilinn roimh 'n oiteig. Chomhdaich dubh-dhorchadas an talamh. Bha'n teine-athar bu bhoilgeannta a chunnacas riamh a dealradh air gach làimh. Bha chlach-mheallain a taomadh a nuas mar neòil do eigh o àirde na spéur. Roimh fhuaim uainhasach nan tairneanach, bha'n stóirm a géilleadh, agus bha neart a's cumhachd an doinnioun achi beag air caitheamh.

Cha chluinnte a nis ach mòr-fhuaim's onfha thròn a' chnain, 's na tonnan buaireasach ag éiridh mar bheanntibh gu airde nan spéur, a's toun air muin tuinne 'nan ruith, 's 'nan dean ruith, 's a' caitheamh an neart air a' chladaich. Bha'n co'thional fathast 'nan suidhe gu tosdach, air am bualadh mar le eagal a' bhàis, agus mar gum biodh iad a' feathamh gus an ciosnachadh am ministèir diam-chogadh nan duilean. Dh'éirich e gu taing a thoirt do Dhia airson dian a's coimhead a Fhreasdal m'an tiomchioll; agus mar a bha e leughadh an ranu sin ann an leabhar nan Salm—

"A Thighearna, ann ad chorruich mhòr,
Na cronus mi gu gàrg;
Na dean mo smachdachadh gu géur
An uair a lasas t'shearg;"
(Salm xxxviii. 1.)

chluinntे àrd iolaich agus ulfhartaich bhoireanaich a's chloinne a' ruith's na sràidaibh, mar as an céill. Dh'éirich an co'thional, agus, gach aon a' greasadhl an fhir eile, dh'fhàg iad an eaglais. Theich ua h-nile fear's bean, mar fhuair iad a mach, do'n chladaich; agus rnith Agnes Crauford agus a cnid cloinne leis a' mhòr-shluagh an sin. Bha mìrean briste do dhà cheud bàta a nis air am faiciun a' suànn air neidh nan tonn chum a' chladaich. Bha ionadhl corp inarbhl 'nan luidhe a nis sinnte, gun phlosg, air an tràidh; agus 'nam measg dh'fhaodadh fhaicinn banntraichean ri bas-blhualadh ag iarraidh am fir pòsda, clann an aithraichean, màthraichean an euid mie, agus gach neach a charaid; agus o àm gn àm, chluinnte iolaich a' bhròin air a thogail, mar a bha gach neach a' faotainn enirp an càirdean, 's luchd an gaoil. Bha àireamh bheag do chnirp inharbha na maraichean crnadalach r'am faicinn air an luasgadh air mullach nan garbli-thonnan geala; agus cha robh éigh airson cuideachadh ri chluinntinn nì's mò, ach iad sud a nis mar air toirt suas an deò.

Bha so, gu firinneach, na latha an namhais, a' bhròin, a' blreath-eanais. Ann an aon uair an uaireadair, agus ann an sealladh a' chladaich, bha ceud agus ceithir-fichead bàta, le'n sgioba, air dol sios chum na doimhne; agus eadar *Spittal* agus *Berwick* mn Thuath, bha dà chend 's ceithir fichead banntrach a' caoidh am fir-posda nach bn mhairrionu.

Bha sluaigh an àite cho dripeil 'sa dh'fhaodadh iad, a' giùlan nan corp oscionaù a' mhuiр-làn, mar bba'n tonn 'gan tilgeadh gu cladaich. Bha iad mu thiomchioll uair an uaireadair ris an obair mhuladaich so, 'nnair a dh'éigh neach a mach—"Seallaibh! seallaibh! tha aon beò an sud fathast, agus ag oideirpeachadh teachd gu tir!"

Rnith iad uile do'n àit o'n d'thainig éigh a' chruaidh-chuis, agus mhothuich iad duine òg, le treis a's neart neo-chumanta, ri cruaidh-spairn gn 'cheann a' chumail oscionn nan tonnan geal, mar a bha e' deanamh gu cladaich. Bha duibhre an-earbsa r'a fhaicinn 'na uodan. Bha 'chrídhe an impis scàineadh le guin a's péin do-labhairt. Bha 'ghairdein trenn a' cur nan tonn gu dùblan ann an ospagan a' bhàis, agus thug e diau-oidhisp air ruigheachd gn sgeir na creig-duibh. Bha e nis air greim a' dheanamh oirre le 'làinn; ach, 'na h-àite, cha robh aige ach cobhar faoin na fairge. Thainig aon thomh choimheach, a dh'ioman mn'n enaist do'n chreig dhuibh e; agus a thiota bha e air a ghiulan air ais do'u doimhne. Thilg e mach a nis a' làmhau, mar neach bha ullamh gu toirt thairis; agus d'fhaodadh osna thròm 'auail, a bha air fàs ro ghoirid, a chluinntinn, mar air mùchad 'na chliabh, osceann onf ha na fairge. Ràinig e ritheist a' chreig dhnbh. Ghreimaich e rithe, 's dhlùth-lean e ris an fheainainn a bha fàs mu 'tiomchioll. Dh'éirich a nis osna thròm a' bhròin 's a' cho-thruais o uchd an luchd-amhairc a bh'air an tràigh. Thug e sùil oillteil chianal orra. Bha 'bhilean a' gluasad, ach chaill a theanga comas labhairt. Cha b'nrrainn da ach sealltain gu labhairt, a dh'asluchadh enideachadh uapa.

Dh'fhaighnaich a nis air a neirt. Dh'iagh na h-nisgeachan tiomchioll na carraig mar chnairt-shruth làdir. Thogadh a nis suas e air uchd nan tonnau geala, agus thilgeadh e mar bheagan shlaidean o'n t-slnagh nach b'urrainn dol gu 'theasairginn.

"Se Iain Crauford 'thann," arsa enid a bha 'nam measg, a dh'aithnaich e. Chualas a nis sgal eagallach a measg na cuideachd. 'San ath mhionaid, d'fhaodadh Agnes Crauford fhaicinn a' snamh air uchd na fairge buaire. An tiota, léum cend fear a mach gu 'tèarnadh; ach mn'n do chriochuaich an iognadh 's an eagal a ghlaic na bha lathair, bha i nis far nach b'urrainn doibh ruigheachd oirre gn 'teasairginn. Bba i nis air a folach le àird nan tonn, agus a ris chite i 'snàmh air am mnllach. Mu dheireadh chite i, agus gréim aice le a làimh do ghualainn fear-a-gràidh. Dh'éirich a nis iolach aoibhni's o mheasg an t-sluaign. Thuit a nis a h-athar, a bha 'measg na cuideachd, air a ghlùinibh. Le 'làmhan pàisgt, 's a shùilean togta suas ri nèamh, "Athar thròcaireach!" a deir e, "Thus a tha comasach an stoirm 's an doinnion a chiosnachadh 's a ghairm gu feadh, agus tha cumail na h-uisgeachaibh ann an glaic do làimh, dian, O dian mo leanabh!"

Bha onfha na fairge ag at na bn mhò 's na bu mhò. Bha a neart ionnan 's air fàilneachadh, ach d'fhaodadh earbsa dhealasach àrd fhaicinn a' lasadhl snas 'na gnùis; agus fathasd cha do leig i as an gréim a b'aice do chorp a fir-pòsda. Shuidhe a nis anearbsa air gnùis an t-sluaign a bha 'nan seasanh air a' chladach. Thainig aon fhairge 's bnnne-shruth choimheach thairis oirre, a thug airson tiota beag as an t-sealadh i; agus an ceann mionaid an nair-eadar, bha Agnes Crauford 'na luidhe sìntue gun mhothachadh air an tràigh, le 'làimh 'na luidhe air uchd an neach a theasairg i o 'dhol a' dhìth ann an doimbneachd na fairge—air uchd a fir-pòsda ghràdhach! Bha iad air an giùlain do'n àite-còmhnuidh féin gun dàil, far an d'thainig ise gu mothachadh; ach bha corp Iain mar chorp gun phlosg gun deò. Cha robh na b'urrainn doibh a mheas ionchuidh a chleachdach gu 'ath-bheothachadh nach d'fheuch iad. Le earbsa a's tràm-iomaguinn, ghuil i os a cheann, a' snathadh a lethcheaunan agus luime a mhmineil; agus ma dheireadh, fnidh a làimh chaoimhneil thlàth, thòisich 'uchd air éiridh, 's na cuisle air bualadh.

"Tha e fathast beò! tha anail ann l!" a' deir i; a's thuit i 'n sin thairis ann am paisean, 's bha i air a giùlain air falbh o'n t-seòmar. Bha ministeur na sgìreachd 'na sheasanh ri taobh na leapach, a' toirt seòlaidh han mu na meadhonan bu chòir a' chleachdadh gu Iain 's a bhean ath-bheothachadh.

Mar a bha Iain teachd gu mothachadh, bha sgannan a bhais a luidhe air a shuil a nis a leaghadh air falbh, agus dh'amhairc e mun cuairt da le sealladh oilteil, ach neo-mhothuchail cait an robh e, agus thuit e ris thairis ann an tràm chodal; agus mar luidhe e mar so, agus a bha neirt ag ath-philleadh da ionnsnidh, shineadh e mach a lamhan mar gun robh e fathast ri cruidh-ghleachd ri

"Riogh-nan-uamhais." Am measg blàrnadar as bhreislaich a chinn, dh' eigh e a mach airson cuideachadh.

An ceann tiota heag dhuisg an duine truagh o'n fhios bhriste so, a shaoil le ionadh, a bha an uin ghearr gn bhi na chodal bais dha. Thog se e fein suas san leabidh, sheall e man cuairt le buaireas a's mor iomagninn na ghlinnis. Bha Agnes, a thainig a steach do'n t-seomar, na luidhie air uchd. "Mo bhean ghradhaich," a deir e, 'se sealtnuinn aris mu'n cuairt "ach cait a bheil mo phaisdean caomh?"

"Tha sinn an so, athar!" a deir a chlann 's iad a sineadh a mach an lainhan da iounsnidh.

Sheall e a ris mu'n cuairt da lan longantais. Dhuisg a nis cuimhne air na d'fhalbh, agus fiosrachd air na h-ha' lathar sunuaintean thiamhaidh na inntiu. "Buidheacheas do Dhia l'" a deir e, agus ruith na deoir mhora gn frasach o shiulean, agus an nair a fhuaire e faochadh leo so o'n reachd a bha na chlaibh, d'fiosraich e gn h-iomagnineach—"Ach, O! innisibh dhoimh cionnas a bha mi air mo thearnadh? an robh mi air mo thilgeil air an traigh? Tha lag cuimhne ag eiridh suas na 'm inntiun gu robh mi air mo theusairginn le laimh aingil, nnair a bha mi ionnan sa dol fodha anns na h-uisgibh domhain. Ach tha breisleach aird nam cheann agus cha u' eil mo chnuimhne air na thachair ach mar bhruadar na h-oiche: ach 's cuimhne air nnair a' choinaich an stóirm san doinniunn eagallach, 'sna cendan air an slngadh snas san doimhne ain priobadh na sùil, agus an eigh uamhasach a rnith, o bhata gn bata "Thainig breitheanas Dhe oiru." O Agnes! nach robh mise air eisdeachd a thoirt do d' bhriathran-sa, do ùrnuighean mo phàistean gràidh, 's comhairle a' mbisteir, bha inise air peacadh uamhasach an latha so a sheachnad, agus a' bhreitheanas a thainig 'na lorg. Ach innisidh dhomh cionas a bha mi air mo theasairginn."

"Iain," a deir 'athar-chéile, "bha thu air do shabhaileadh le làimh chaoimhneil an Fhreasdail, air an d'rinn thus' dimeas air maduinn an latha so. Ach tha e 'na mbòr riarrachadh-inntinn nach eil do chridhe air cruadhachadh, agus nach do thuit breitheanas Dhé ann an diombain orts, a lion oirthir Dhunbàrra le banantraichean a's dileachdain; oir tha thu ag aiteachadh do chionnta, agus taingeil airson gu bheil thu sàkhailt. Cha bu lugha na mìorbhuiill gu'm bheil thu air do chaomhnadh. Chunnaic sinu nile, 'nar seasamh air an tir, mar dli'oidhispich thu air sgeir na creige duibh a' ruigheachd; ach sguah buinne-shruth choimheach a mach a ris do'n doimhne thu, far nach robh e 'n comas neach do d' chàirdean furtachd no cuideachadh a thoirt dhuit. Thainig an sin aon thonn cobharach àrd, 'gad ghiùlan air 'uchd fagus do'n chladach, 'nnair a dh'aithnaich do Inchd-eòlais gur tusa a bh'ann. Bhris a nis sgàil chianail eagalach o neach a bha 'measg na cuideachd. Theich a uis boirrionach o'n domhlachd, 'na ruith, 's 'na dian-ruith; agus an sin, Iain!—O! an sin"— An sin thainig reachd an uchd an t-seann duine chòir, agus clia b'urrainn da dol air aghart ni b'fhaide le sgeul a' bhròin. Thog e osna thiròm; agus an

déigh dha 'bhi 'na thosd tiota beag, a deir e—"Innsidh, cuid agaibh, da mar thachair."

Thoisich an sin am ministeir ri aithris sgeula a' bhròin. "Éisd rinn, Iain," a deir e. "Tha aobhar agadsa an diubh bròn 's gòird-eachas a dheanamh, agus iobairt a' bhuidheachais iocadh do Dhia. Air maduinn an latha so, rinn thu tàir air mo chomhairle, a's chuir thu m' achmhàsan ann an neo-bhrìth. Cha b'ann air mo chomhairle no air m' achmhàsan a rinn thu tàir, ach air comhairle Dhé. Chuir thu iad so ann an suarachas; agus mar shiol-chur thu, 'sann a bhuaime thu. Ach, mar dh'innis t'athair-céile dhuit, 'nuair a dh'aithneach a' chuideachd o'n chladach có thu, dh'éigh boirrionnach a mach, ruith i roimh 'n domhlachd, leum i stigh san fhainge bhuairete, 's an tiota bha i 'n taobh thall do chuideachadh. Am Freasdal a chum do cheann-sa suas osciunn nan uisgeachan, 'nuair a bha na ceudan do d' chochrétairean a' ditheachadh air gach làimh dhuit, chum esan suas i. Rainig i far an robh thu; rinn i greim air do làimh. An déigh cruaidh-oidheirp, ghiùlaid i thu ach teare do shlatau o thir. Thainig fairge a's buinne-shruth choimheach thairis oirbh le chéile, a thilg sibh sinnté air an tràigh, le a gairdein—le gairdein do mhnaoidh, a thèar-uinn thu—"na luidhe air t-uchd."

"A Dhé thròcairach!" a deir an t-iastgair bochd, a' cniadachadh a chéile ghràdhach r'a uchd. "Am b'e m' Agnes fhéin!—an tusa a shàbhail mi?" agus ghuil e, agus ghuil a chuid cloinne mhaille ris.

Ach bha faireachduinn a mhnaoidh 's a mliàthar osciunn na b'urrainn cainnt a' chur an eòil. Cha leudaich sinn air an àm air aoibhneas a's taingeachadh an teaghlaich so, d'an robh am fear-pòsda 's an athair air aisig, inar neach o na maraibh. Cha b'ionnan so a's guth a' bhròin 's an dubhaichais, 's a' bhas-bhualadh a bha air a chluinntiun anns gach céarna do oirthir Dhunbàrra. Bha na cuirp air an carnadh air a' chladach; agus air an ath-là, thainig banntraichean, dileachdain, peirichean, 's bràthairean, o na bailtean-iascaich mu'n cuairt, a dh'iarraidh am marbh, a bha mar sud air an co'chruiinneachadh i'a chéile; no, mur d'fhuair iad iad, shiubhal iad air an ais 's air an aghart an cois a' chladaich 'gan iarraidh, far am faodadh an fhainge an cur air tir.

A leughadar, a' bheil thu faicinn anns a' bhreitheanas uamhasach ud cia eudmhòr 's a tha'n Tighearna mu'n t-Sàbaid. "Cuimhnich là na Sàbaid a choimhead naomh."

EILTHIREACH.

Iar-Amhuinn Phictou,
Mios-Meadhonach a' Gheamhraidh, 1841.

TÙR LUNNUINN.

'S bochd an naigheachd gu bheil a' chnid a's mó do'n aitreachb mhóir, aosmhoir so, air a losgadh. Cha'n eil fios ciamar a ghabh e teine. Tha mór amharus gur cuid-eiginn a chuir ri theine e, agus nach h-ann mar thuiteamas a thachair e. 'S doirbh barail a thoirt air luach na chailleadh leis an teine srriosail so. Mhilleadh cha'n e amhàin miltean, ach na ceudan mìle do ghuinnachan, do chlaidhean, agus gach scòrsa arm. Tha e air a ràdh gu'n do

mhillleadh san teine so còrr agus ceithir chend mile musg ùr a bha deas airson feum, a bharrachd air àireamh gun chunatas do sheana ghunnnaichean. Thòisich an teine eagalach so mu dheich uairean san oidhche, agus inn dhà uair sa' mhaduinn bha 'chuid bu mhò do'n aitreachb ainmeil so 'na caoibhl dearga.

Theasraigeadh na sendan luachmhòr, ua soithichean òir, 's na coroin Inachmhòr leis na chrùadh righrean Shasunn a chionn ioma linn. Fhuaradh iad so a ghiùlan air falbh, agus an cur ann an àite tèarninte, gun bhéud gun lochd do 'h-aon diubh.

'S gann gn'n deachaidh casgadh no tilleadh air an losgadh oillteil so fad cheithir-uaire-fichead, ged a dh'fheuchadh na h-nile dichioll a bha comasach chum a smàladh.

Tha daoine fiosrach a' deuanamh a mach gu'u do mhillleadh fiach muillean gu leth do ghunnnaichean's do ghnóthuichean eile. Faodar gunnachan ùra dheanamh, agus cha'n fhada gus am bi niread eile 'n àite na chailleadh; acht na seana blhrataichean a ghlacadh anns gach blàr iomraiteach o chionn choig cend bliadhua, agus gunnnaichean a ghlacadh mar an ceudna, chailleadh iadsan, agus cha'n urrainnear an call a leasachadh.

Bha ionad cend baraille làn fùdair ann an aon àite, dlùth do'n chuid do'n Tùr a bha ri theine, ach fhuaradh a thoirt as an rathad; agus a' chuid nach b'urrainnear sa' chabhaig àite freagarach fhaotainn da, thilgeadh san dìg, a bha air an àm làu uisge.

'S bronach r'a thoirt fa'near an call anabhairach a thainig air an rioghachd o chionn beagan bhliadhnaeachan le teine. Loisgeadh tighean àrd na Parlamaid; an *Exchange* ('se sin, ard-thigh-malairt Lunnuinn); agus a nis an seann Tùr iomraiteach, a sheas o chionn seachd cend bliadhna.

Thoisicht iad air musgachan ùr a dhianamh an àite na chailleadh, agus tha iad a nis gu math air an aghart leò. Ann an aona bhaile 'n Sasunn (*Birmingham*), eriochmaichidh iad trì fichead gunna san uair, a h-aon an ceann na h-nile mionaid, dlùth air ochd cend san latha, agus am barrachd nam biodh fàth cabhaig, mu chóig mile sau t-seachduin! Cha'n fhada, le so, gus am bi aca niread 's a chaill iad, agus do sheòrsa gu mór is fèarr; ach na nithe eile a chailleadh, cha deanadh stòras an t-saoghail an cur a rithist cruinn.

LITIR BHO DHONNCHA CAMERON,
ANN A NEW SOUTH WALES,
GU MACTALLA, AN GLASCHU.

Ohoi, New England, New South Wales,
19th June, 1841.

'Uasail ionmhuinn,

Anu an dearbhù chinntे gur a math leat cluinnintim bho sheana charaid as minic a chuir seachad feasgar 'nad' chomunn le sòlas, 'nnair a b'òbhaist dhomh bhi eadar Thirie agus Glaschu, suidheam sios gu scriobhadh chugad.

Dh'fhàg mi Tobarmhuire le long *Dr Boyter*, bho chionn a nis ceithir bliadhna, le aon phunnd Sasunnach 'nam phòca : cha'n e sin, ach bha mi an ainfhiach ; oir b'éigin do chairdean a bha air bòrd dà-phunnd-deng Shasunnach a phàigheadh airson in' fharaidh, muu leigeadh an sgiobair mo shròn air bòrd.

Rainig sinu *Sydney* gu sàbhailt ann an seachd-seachd ninean-deug agus trì laithean. 'Nuair chaidh mi air tìr, 'se na bh'agam d'an t-saoghal *seachd sgillean ruadh Albannach!* Their thu nach robh so mór air traigh choimhich ; ach ciod e air nach toir Gàel buaidh, le beannachadh Dhia, an cois measarachd agus dichill ! Cha b'fhadha bhà gus na choinnich ini seana charaid, fear a mhuianntir Lochabar, a thairg dhomh a thiota fichead punnd Sasunnach ! Thug mi taing dha, agus thuirt mi gu'u gabhainn dà-phunnd-deug, a phàigheadh a' charaid a phàigh m' fharadh. Cha robh mi bheag 'us seachd uairean an uaireadair air tir 'nnuir rinn mi fasadh ri fear-gabhalach, mar àrd-chìobair chaorach, airson ceithir fichead punnd Sasunnach sa' bhliadhna ! Ar leam nach robh so gu hole ! Dh'fhalbh mi le m' dhithis chiòbairean *sèa ceud mìle* mu iac-thuath air *Sydney*, far am faod neach deich mìle caor' a chnuail air deich puinnd Shasunnach sa' bhliadhna de mhàl ! 'Se cron as inò th'air an àite, gu bheil ar beatha an cunnart bho na nàistinean fiadhaich. Mhort iad dithis de m' chiòbairean-sa, agus ceithir no cùig de m' choimhearsnaich ; ach a nis tha iad an sith ruinn.

'Si so tir is aille chunnnaic sùil !—aon samhradh fada fallain ! Bheir a'm fearanu dà bhàrr sa' bbliadhna gun leasachadh,—eruinneachd agus coirce. Cha'n eil rnd as urrainn duine 'smaoineachadh nach fàs agus nach cinn, agus sin ann am mòr phailteas. Tha sgalagan a' faotainn bho £30 gu £40 de thuarasdal, a bharrachd air min chruithneachd, feòil, *tea*, agus tombaca, gunn sòradh ! 'Si mo bharail gur h-e'u Dia uile-thròcaireach féin a dh-ullaich an dùthaich àghmhor so airson dhaoinne bochda Bhreatunn ; agus mur gabh iad an cothrom tighin a uall, 'sann aca féin tha 'choire. Tha mo thuarasdal air a thogail am bliadhna gu seachd fichead punnd 's a deich (£150), agus mo bhòrd ! agus an ath-bhliadhna, tha flughair agam ri dà cheud ! (£200.)

Ciod a th'agad air, a charaid, ach gu bheil again cheana £200 sa' Bhanc. An aithghearr, tòisichidh mi ri ceannach beathaich an dràsd 's a rithist ; agus ma's fada bedò mi, cha bhi farmad agam ri tighearna Gàelach !

Tha mi dol a chur na litreach so gu *Sydney* le fear-cinnidh dhnit féin, a mhuianntir Iu'ernathrainn (*Ayr*)—fear nach b'fhiach, ochd bliadhna roimhe so, £60, ach is fhiach an diugh £10,000 !

Sgriobh chugam, air chùrain mo blàrathan ; agus gu'm beannaich-eadh Dia thu.

'S mise—mar sin slos,

D. CAMERON.

[Cha dean sinn mìneachadh air bith air an litir so. Ma chuireas neach air bith teagamh innte, bheir Mactalla leughadh dha mar thug e dhuinne.—C.]

SGRÌOBHADH AIR LIC-LIGHE SEANA MHARACHE.

I.

Le udal cuain, 's le séideadh gaoith,
 'S liomhlor àmradh fhuaire mi riamh,
 'Gain luasgadh a nùll 's a nall,
 Gu tric gun fhois, gun deoch, gun bhiadh.

II.

Ach thainig mì gu cala tàimh,
 'S leig mi m' acair anns au ùir,
 Far an caidil mi fo phlàmh
 Gus a rìs an tog mi siùil.

III.

Le guth na truiimp a's àirde fuaim,
 Duisgidh mi 's na bheil a'm chòir;
 Chì mi Sgiobair Mòr a' chuain,
 O'm faigh mi fois, a's duais, a's lòn.

D I Ù C B U C C L E U G H .

GEARR SGEUL.

Aimsir roimhe so, cheannaich an duine ainmeil sin, Diùc *Buccleugh*, mart o neach àraidh a bha còinbhuidh fagusg do Dhal-keith; agus dh'fhàg e ordugh a cuir 'ga ionnsuidh air a mhaduinn a b'fhasige. A réir cordadhl, chaidh a mhart a chuir dhachaidh; agus air do'n Diùc a bli gabhair sraid, chunnaic e ballachan beag ag oidhirpeachadh mar a b'fhèarr a dh'fheudadh e a' mart iomainn gus an ionad an robh i ri dol. Cha d'aithnich am ballachan an Diùc; agus air an aobhar sin (air dha bhi 'ga shàrachadh), ghlaodh e, "Thig an so, a dhuine, agus cnidich leam!" Air do'n Diùc a mhearrachd a thuigsinn, chuir e roimhe beagan fala-dha a bhi aige. Air an aobhar sin, ghabh e air nach do thuig e ciod a bha e ag ràdh. Ghabh an Diùc air aghaidh gu h-aitheasach; ach bha'm ballachan a' sior ghlaodhaich, "Thig a nall, a dhuine, agus cuidich leam; agus cho ciunteach ri nì air bith, bheir mi dhnit darna-leth na gheibh mi." Thug na briathran so, ma dheireadh, buaidh air an Diùc, agus gun tiulle dàlach, ghabh e beallach do'n mhart. "Agus a nis," ars' an Diùc, mar bha iad a gabhair air an aghairt, "eia meud a tha fiuthair agad ri fhaotainn airson do shaoithreach?" "Matà, cha'n eil fhios agam," deir am ballachan; "ach tha mi cinnteach gu leòir gu'm faigh mi ni-eigin, oir tha na daoine caoimhneil ris gach duine." Bha iad a nis tarruing dlù do'n chaisteal. Ghabh an Diùc air falbh gu grad, agus chaidh e steach air rathad eadar-dhealaichte. Ghairm e seirbhiseach d'a ionnsuidh, agus, a' cur bonn òir 'na làimh, thuirt e ris, "Thoir sin do'n bhal-

lachan a thainig leis a' mhart." Phill an Diùc air ais gu grad air an rathad air an d'thainig e, agus ann an ùine ghèarr choinich e am ballachan. "Cia mend a fhuaire thu?" ars' an Diùc. "Sgillinn Shasunnach," ars' am ballachan, "a fhuaire mi; agus nach 'eil thu saoilsin gn'n d'fhuaire mi gn leoír?" "Cha'n eil mi," ars' an Diùc. "Feumadh gu bheil mearachd sa' chuis; ach o'n tha mise eòlach air an Diùc, ma philleas tu air t'ais, tha mi saoilsin gu'in faigh mi barrachd sin dhuit." Dh'aontaich am ballachan. Phill iad air an ais. Chrath an Diùc an clag, agus dh'orduich e a sheirbhisich air fad teachd 'na làithir. "'Nis," ars' an Diùc ris a' bhallachan, "comharaich a mach dhòmhlsa an t-aon a thug dhuit an sgillean Shasunnach." "So am fear," ars' esan, 's e comharachadh ris a' bhuitilear. Dh'aidich am buitilear a chionta. Thuit e air a ghluinean, agus thug e oidhirt air a leith-sgeul féin a ghabhail; ach chuir an Diùc casg air. Dh'orduich e dha gu feargach am bonn òir a thoirt do'n bhallachan, agus a sheirbhais fhàgail air ball. "Chaill thu," arsa'n Diùc, "do sgillin Shasunnach, t'aite, agus do chliù, airson do shannt. Foghlum o so gur e onoir modh as feàrr." An so dh'aithnich am ballachan co bha cuideachadh leis; agus bha an Diùc cho toilichte leis an dòigh anns an do ghnàthaich e e féin, 's gu'n do chuir e do'n sgoil e gun dàil, agus gn'n do phàidh e airson gach goireas eile a bha feumail do'n bhallachan.

A. M'C.

N A I G H E A C H D A N .

Cha'n eil naigheachd á *China* bho cheann tamuil. Tha dòchas againn gur aon á *Pehin*, àrd-bhaile na rioghachd mhòir so, a chluinneas sinn an ath sgeul. Mu ghlac as sinn am baile cumhachadhach so, bitlidh e 'nar comas an iorguill a shocrachadh air dòigh sam bith is inianach leinn.

Cha'n eil an sgeul tha sinn a' cluinniunn á Innsean Uachdarach na h-Àirde an Ear ro thaitneach. Tha rioghachd cumhachadhach, -ris an abrar am *Burman Empire*, a' togail armaiti liomhor; agus tha fàth eagail gur e th'air an aire inuinntir *China* a' chuideachadh 'nar n-aghaidh.

Cha'n eil nì sam bith ùr bho Stàidean America. Dh'fhosgladh an seòrsa Pàrlamaid a th'aca le anbhar spàghuinn, agus mòran do chainnt bhagaraich. Cha'n eil mòran fàth eagail gu'n tig a' bheag as. 'Se sin dòigh na *Yankees*.

Tha mòran litrichean againn o Chanada Uachdarach, agus da liribh tha iad taitneach. Na Gàidheil a chaidh a null an urraidh, gun sgil-lin, gun aodach, gun acfhuinn, gu coille 'ghearradh, no fearrann a' ghlannadh—agus a' chuid bu truaghe, gun fhocal Beurla 'nan ceann—tha iad sona soibhreach, agus ni's leòir aca ri ithe 's ri chaitheamb. Tha Dr. Rolphe ag ràdh, ann an litir a fhuaire an t-Olla Leòdach

uaithe, gu'n gahadh iad *trì fichead mile* pearsa air a' bhliadhna so; agus ged a rachadh ceud mile a null, gum faighealadh a h-uile mac màthair dliubh cosnadh agus dachaidh !!

Cruinnichidh a' Phàrlainaid Bhreatunnach an ceann mìos. Cha robh coinneamh Pàrlamaid againn air àm sam bith aig an robh barrachd do nithe cuithromach, deacair, duilich, ri ghabhail os làimh. Tha gnothuicéan na dùthcha ann am fior dhroch staid—ceaird agus malairt ann an tombas mòr air stad—na mìltean a' dol bàs—fìachan ànabarach ri dhiol—agus, mar thuirt sinn roinhe so, sporan mòr na rloghachd cho falamh ri sporan feannaig !

Tha e air a ràdh gum baistear am Prionns' òg *Wales* an ceann sèa seachduinean. Cha'n eil e air a ràdh fhathast ciod an t-ainm a bheirear air. Tha Rìgh Phrussia a' tighinn thairis gu seasamh 'na ghoistidh do'n Phrionns' òg.

FOCAL SAN DEALACHADH.

Tha fior dhùileachas oirnn nach robh e 'nar comes ur latha 'sheasamh air an àm so. An Cleireach ris a' bheil a' chùis an earbsa, tha e gu boehd, agus neo-chomasach air aire a ghabhail do na tha 'n carbsa ris. A' chuid as mò de na bha air a dheasachadh airson an àireamh so, cha'n eil e 'n so idir; ach chìthear e sau ath àireamh.

G L A S G O W :

PUBLISHED BY THE PROPRIETORS,

J. & P. CAMPBELL, BOOKSELLERS AND STATIONERS,
24, GLASSFORD STREET.

Edinburgh : M'Lachlan, Stewart, & Co.; Tullymet : C. Morris; Dingwall : A. Keith; Dornoch : Wm. Munro; Thurso : Mrs Russell; Inverness : J. Bain, & Co.; Dundee : Wm. Middleton; Oban : J. Miller; Greenock : A. A. M'Iver; Grantown : A. Cumming; Abernethy : D. Gordon; Dunkeld : D. McDonald; Portree : A. McDonald; Balackulish : J. M'Innis; Lochgilphead : N. Gillies; Argyle Furnace : A. Gillies, Schoolmaster; Lochden-head, Mull : D. Fletcher; Bonaw : John Cameron, Postmaster; Abersfeldy : D. Cameron, Bookseller; Port Ellen, Islay : D. Hunter; Glencarradale : N. McDonald, Schoolmaster; Bunepan, Mull : Donald M'Lean, Postmaster; Portnahaven : Norman M'Lean; Kilchoman : Angus M'Leod; Strontian : D. Cameron; Tiroran, Mull : John M'Donald; Cawdor, Nairn : J. Robertson; Pitlochry : D. Robertson, Fortingall : D. Campbell; Laggan : J. M'Pherson; Alness : D. M'Diarmid; Doune : D. M'Diarmid; Barra : A. M'Donald, Esq; Ornsay : G. Ross; Tayinloan : A. Sutherland; South Uist : A. Chisholm; Cullander : P. M'Kinlay; Balquhidder : J. Carlton; Dunvegan : D. McDonald; Carbost : A. Cameron; Glendaruel : D. M'Lean; Fort-Augustus : J. Forbes; Strutherrick : J. Frazer; Kilmorack : J. Rose; Eusdale : D. M'Intyre; Nova Scotia : Rev. R. Williamson, Pictou; General Agent for North America, John M'Neil, Esq. Charlotte-town, Prince Edward's Island.



AN LA A CHI'S NACH FHAIC.

CUAIRTEAR NAN GLEANN.

CEUD MIOS AN EARRAICH.

AN 24 AIREAMH.] FEBRUARY 1, 1842. [PRÌS 6 SGILLEAN.

CONTENTS:—The Beautiful Spring Morning, page 325.—The Russian Empire, No. I., 332.—Death of Polycarp, the Martyr, 335.—King James IV. and the Young Laird, 338.—Feud between the M'Donalds and the M'Kenzies, 343.—Sir Duncan Campbell and the Clan M'Gregor, 347.—Review of a New Gaelic Book, 349.—Public News (China, &c.), 350.—Notice to Subscribers, 352.

A' MHADUINN AILLIDH EARRAICH.

SGEUL AIRSON ÓIGRIDH NA GÀELTACHD.

ANN an gàradh [boidheach làn do gach blàth bu chìubhraidh na chéile, chunnaic mi ceithir balachain mu'n aon mheudachd, co-aoisean a thogadh le chéile, a cluith 'sa mireag le cridheachan clo entrom 'sa bhuail riamh ann an cùm. Cha robh na h-eoin bheaga bhoidheach 'bha seinn ann an geugan nan craobh os an eionn na bu chridheil na iad—a ruith an déigh a chéile—air uairibh a feuchainn greim a dheanamh air an dearbadan-dé 'bha 'g iathadh seachad air sgiathan àillidh òr-bluidhe—air uairibh eile nan suidhe air bruaich an uilte 'bha siubhal seachad orra le borbhan muladach, agus a cruinneachadh na dearcain-làir 'bha fàs air gach tòman uaine mu'n timchioll. Am feadh 'sa bha mi beachdachadh orra le anabarr tait-neachais, mhothaich mi duine teachd far an robh iad, mach as a' choille. Shuidh e fo sgàile; agus air dha na balachain bheag' a ghairm d'a ionnsuidh, thoisich e air labhairt riutha. Bha ni-eiginn anabarrach taitneach an gnùis 's an coslas an dnine-sa—mòran truacantais, agus bàidh, a's coimhneas, a's gràidh. Fhad 'sa bha e labhairt ris na balachain, thug iad aire shònraichte do 'chaint, agus

thaisbean iad mòran meas da. Bha aon fhearr, gu sònraichte, a thug mòr aire do chaint an duine, agus air an d'ainhaire an t-urra beannaichte le bàigh anabarrach. Dhlùthaitch mi òrra, agus mar sin chuala mi na briathran a labhair e ris na balachain.

"So," ars' esan, "an gàradh air an robh mi labhairt. Tha sibh a faicinn gur àite boidheach taitneach e—àite anns am faod sibh, mo ghilleann beaga, bhi fìor shubhnach agus shona fad uine bhig; ach cha'n àit' e anns am faod sibh stad no tàmh mar dhachaidh. Cha b'fhad' gns an cailleadh e a dhreach a's àilleachd. Sheargadh gach blàth; fear mu seach do na h-eoin bheaga, phaisgeadh iad an ribheid, agus sgnireadh iad de'n èrain. Dh'fhàsadhl sibh sgith, neo-shnuimitach; dli'fhàsadhl gach meas tha nis cho blasta searbh, mi-thaitneach. Cha bhitheadh tlachd agaibh ann an cleasachd no ann am mireag. Theirneadh a' ghrian o àirde nan spéur; thigeadh am feasgar 'san oidhche; agus an sin thigeadh na beathaichean fiadhaich àlmharra 'mach. Chluinneadh sibh am bùrralaich eagalach, agus sgriosadh iad sibh.

"Tha an gàradh so maith ni's leòir tiota beag sa' mhàduinn, ach cha'n fhaodar dachaidh a dheanamh dheth. Tha 'ur dachaidh ann an tire eile, tainnull beag air falbh. Tha fasaich is monaidhean eadar sibh is e—àiteachan teth loisgeach ri choiseachadh. Ach cha'n eil nì 'ruigeas leas cùram no eagal a chuir oirbh, mo dh'éisdeas sibh mo chaint, 's mo leanas sibh mo chomhairlean, 's gach earail a bheir mi dhunibh. Choisich mi féin e, agus faodaidh sibh lorg mo cheumanan fhaicinn anns gaeh cearn do'n t-slighe; agus far a' bheil am barrachd cunnairt, 'sann an sin tha lorg mo cheumanan ni's soilleir r'a fhaicinn: agus mo ruigeas sibh an dachaidh sin, faodaidh sibh da rìreadh 'bhi taingeil. Tha anns an àite sin nithe nach fhaca sùil, nach euala cluas, 's nach 'eil e comasach dhuibh nis a thuigsin, 'thaobh am feothas agus am meud.

"Tha gàradh an sin ni's boideche na nì a ta 'n so. Tha ceòl an sin nach fhàilnich. Cha leig a' ghrian a chaoidh an sin 'aghaidh fodha; tha latha an sin gun oidhche. Cha'n eil nì no neach ann 'ga dheanamh, ni's mò. Cha bhi sibh sgith an sin gu dìlinn; bitlidh sibh sona gu bràth, 's cha'n iar sibh 'fhàgail."

Mhòthaich mi gn'n do las sùil a' bhalachan a dli'ainhaire cho dian ann an aodan an duine. Thainig gáire milis air 'aogas. Chuala mi e ag ràdh ris an urra bha labhairt ris, agus denr anns gach sùil, "Am faic mi m'athair, 's mo mhiáthair, 's mo phinntar bheag, san tire bheannaichte sin—iadsan a chaochail, 'sa dli'fhàg mise nan déigh?"

"Chì, gun teagainh," ars' esan, 's e 'g-amharc le mòr bhàidh an aogas a' bhalachan; "mo ruigeas tu an t-àite sonna sin, chì thu iad, 's cha dealaich thu riutha gu dìlinn.

"Agus a nis," ars' esan, "éisidhbh rinn, agus innsidh mi dhuibh cia mar a ruigeas sibh an t-àite sona sin. Air tùs, na caillibh ùine ann an togail oirbh. Ged tha'n gàradh so boidheach taitneach, agus ged tha'n t-slighe air a' bheil sibh r'a imeachd doirbh dochairt—làn dhrisean, is dhroighean, is chreag, is chlach—ged

tha na beanntan corrach cas, na fniribh an so ; fàgaibh e gun dàil ; éiribh, cha'n i so ur dachaидh. Mo dh'fhuireas sibh gn meadhon-latha, bithidh an t-slighe ni's dñilghe, a' ghrian ni's teodha ; bithidh sibh ullamh air fàs lag ; faodaидh na h-aibhnichean at ; agus mo thig an oidhche oirbh, tha sibh cailte.

" So a' cheud chomhairle a th'agam—éiribh gnn dàil ; 'si 'mhaduinn an t-àm is freagaraich agus is tèaruinte. So dhnuibh dà nì a ghiùlanceas sibh 'nar cuideachd, a chuidicheas sibh gn mòr 'nar turus—so agaibh feadan cuile—feadan beag, suarach, faoin, ri amharc air ; ach na deanibh tair air—bithidh e 'na shochair mhòr dhuibh air an t-slighe. Mu mhothaicheas sibh a h-aon de na beathaichean fiadhaich ag iathadh no sinbhal air an t-slighe, cleachdaibh am feadan beag-sa ; togaibh fonn leis, agus teichidh iad. Agus mo thachras dhuibh a bhi ann an teagamh agus fo amharas a thaobh an t-slighe, mnrr léir dhnuibh lorg mo cheumana, cuiribh am feadan ri'r beul ; séidibh pong no dhà, agus chì sibh an sin lorg mo choise gu soilleir. Ma thachras dhuibh a bhi sgìth, an impis toirt thairis, séidibh air an fheadan car tamuill bhig, agus an sin thig cuinhne na dùthcha do'm bheil sibh a trial suas 'nar n-inntinnibh, agus cuiridh sibh an t-astar agns an t-saothair gu suarachas."

Mar so, thng e do gach aon aca feadan beag enile, d'am b'ainm URNUIGH ; agus theagaing e dhoibh cia mar a chluintheadh iad air. 'Nis, cha robh na feadain sin ach suarach ri amharc orra ; ach cho luath 'sa shéideadh neach orra le'n anail, thigeadh an ceòl bu mhilse uapa.

'Nuair chuir GRAIDHEAN (oir b'e sin a b'ainm do'n bhalachan a dh'fheòraich am faiceadh e 'athair agus a mhàthair san àite do'n robh iad a trial)—nuair chuir esan am feadan so ri 'bhenl, thainig ceòl uaидhe bu mhilse gn mòr na aon phong a thogadh riamh leis an riobhaig bu cheolmhoire.

Thng an t-urra caomh a bha labhairt riutha sèarag bheag, làn do dh'uisge soilleir glan, do gach aon aca. " 'Nuair," ars' esan, " tha sibh lag fann, òlaibh dileag bheag dhe so, 's gheibh sibh cail, neart, is misneach. Agus 'nis, mo ghillean beaga, mo bhalachain lurach, slàn leibh. Chi mi a' chuid dhibh a ruigeas an gàradh mu'n do labhar mi na dhéigh so—coimichidh sinn, 's cha dealaich sinn a chaoidh. Air dha so ràdh, dh'éirich e agns choisich e air falbh ; agus chaill mi sealladh dhe 'measg dhubhar na coille as an d'thainig e.

Bha na balachain car tamuill nan tosd. Mu dheireadh labhair fear dhiubh, d'am b'ainm FÉIN-THOILLEACHAN. " Seadh," deir e, " ciod a nì sibh ? Gun teagamh, 's éiginn duinn an t-àite so fhàgail uaireiginn ; ach cha'n eil fàth cabhaig. Bu inhiann leam féin beagan tuillidh fearas-cuideachd a's cleasachd a bhi againn san àite so mn fàgair e."

" Sann mar sin dhòmhsha cnideachd," arsa LEISGEAN. " Bu mhian leam suidhe car tamuill air a' chinoc, tuille de na dearcan-làir

's de'n t-sudh-chraoblh tha fàs mn na brnachan a thional. Ach ciod do bharail-sa, IOMA-CHOMHAIRLEAN?"

" Matà, cha'n eil fios agam ciod a their mi," ars' esan. " Dl'iardh oirnn falbh gnn dàil."

" Tha sin fior," arsa Leisgean. " Gun feagamh, 's éiginn duinn falbh; ach tha ùine ni's leòir—'s fhadá gu meadhon-latha. Cha bn mhisd sinn beagan tuillidh fearas-cuideachd a bhi againn. Cha bhi 'ghrian ni's teodha na tha i, agus theagamh gu'm bi'm feasgar ni's fionnair no 'mhaduinn."

" Tha sìn ceart," arsa Ioma-Chomhairlean; " cha'n eil fath cabhaig. Ach ciod e barail Ghràidhean?"

" Tha mise," arsa Gràidhean, "'cnr rodham togail orm gun dàil; agus tha dòchas agam gu'n dean sibhise an ni cendna. Thug-aibh fa'near, mar is tràigh a ghabhias sinn an rathad, gur h-ann a's fhas' a choiseachd—enimhnicheamaid an earrail dhùrrachdach a fhuair sinn. So, so; bitheadhmaid a falbh. Cha'n i so'ur daichaidh. Éirichmid is rachamaid air ur turus."

" Tha thu ceart," arsa Ioma-Chomhairlean. " Tiugainn; theid mise leat."

Dh'fhalbh iad le chéile, am feadan enile 'nan láimh, 's an t-séarag làn de'n uisge-bheò croichte r'an taobh; agus dl'imich iad air an t-slighe. Thòisich Leisgean is Féin-Thoilleachan ri magadh orra.

" Bithibh a falbh," ars' iadsan; " ge mòr ar cabhag, ruigidh sinne ceann an turrnis cho cinnteach, 's ma dh'fheudta cho luath ribhse."

Ach ghabh an dà bhalachan eile air an aghaidh, gun suim do sgeig is fannaid an dithis a dh'fhan nan déigh. Chuir iad am seadain ri'm benl: thog iad ceòl milis ciùin, gus an tiota beag cha chual' iad an gàire no am magadh ni's mò. Ghabh iad air an aghaidh, a seanachas le chéile.

" Saoileán féin," arsa Ioma-Chomhairlean, " cia fhad 'sa tha'n t-àit 'nainn? Tha fadal orm ceann mo thurrnis a rnidbeachd."

" 'Nann cheana," arsa Gràidhean, "'s nach 'eil sinn ach an déigh an rathad a ghabhail?"

" Cia àillidh, gun teagainh," ars' am fear eile, " an tire do'm bheil sinn ag imeachd, a reir gach cuantas a th'againn air!"

" Gun amharus, tha e mar sin," arsa Gràidhean. " Chì mi m'athair, agus mo mliàthair, 's mo phiuthar, agus Righ mòr na dùthcha, tha bàigheil do leanabain, agus a tha mianachadh gnn tigeadh iad d'a ionnsuidh."

" Mar so bha iad a cuir seachad an rathaid, gus an d'thàinig iad gu fasachl ùdhlaidh, fhiadhaich, mòr, farsning, a bha rompa.

" Nach eagalach an t-àit ud," arsa Ioma-Comhairlean. " Tha sgàthi orm dol air m'aghaidh."

" Na bitheadh cùram ort," arsa Gràidhean; " chì mi lorg choise an duine chaoimh a chaidh romhainn. Na bitheadh cùram ort; bi fo dheagh mhisnich."

Ràinig iad an dig bhà eadar an gàradh agus am fasach. Leum Gràidhean gu eutrom iasgaidh thairis, ach sheas am fear eile.

"So, so," arsa Gràidhean, "thig air t-aghart. Na pill air chor air bith. Coma leat na dearcan sin. Na dean maille."

"Leanaidh mi thu," ars' am fear eile; "gabh thusa air t-aghart."

Ghabh Gràidhean air aghart car greis; agus an sin sheas e, agus ghlaodh e air a chòmpanach e 'ga leantuinn.

"Na bitheadh cùram ort," arsa Ioma-Chomhairlean; "nach 'eil an dithis eile 'nar déigh? Bitheadh thusa, o'n tha niread deifir ort, a gabhail air t-aghart, agus beiridh sinn ort."

Cha robh ferm a bhi labhairt ris; cha għluaiseadh e cenn, 's b'eiginn do Għrāidhean f'hàgħil. Phill am fear eile do'n àite san robh an dithis eile, agns fhuair e iad a cleasachd 'sa mireag, aig ittheadh dhearcan, 's ri fealla-dhà mar a b'abħais dhoibh. Thog iad glag gäre 'nuair a chunnaic iad e pilleadh. "'Ne so," ars' iadsan, "fear na cabhaig?" Thoisich iad ri cleasachd; ach cha robh Ioma-Chomhairlean to illiche leis féin. Bheireadh e nis na chunnaic e ri am air gabhail air aghart le Gràidhean. Cha robh h-aon dliubh riaraichte na sona. Chaill an fhearas-chuideachd gach tlachd a b'abħais dhoibh fhaotainn innta; dh'fħàs iad sgħid neo-thogarach. Chruinnich iad na dearċu-làir; ach chaill iad am blas. Bha'n teas anabarrach, 's bha iad air an claoiħ.

"B'fħèarr leam," ars' am fear a phill, "gu'n robh mi maille ri Gràidhean. Tha 'nainn a bhi togail oirnn."

"Ciòd," a deir Leisgean, "am fàth chabhaig? Tha 'ghrian 'na h-àrde. Fuirichmid gu feasgar. Ach tha fearg air Féin-Thoilleachan! Leig leis bhi labhairt," ars' esan, "am burraidi balaich. Thugadħ e e féin as, agns na cumadh e stad air 'ur fearas-chuideachd."

Mar a thubhairt, thachair. Dh'fhalbh e, mo thruaigh! le cridhe tróm 'na aonar. "O!" ars' esan, "nach robh misse air gabhail air m'aghart le Gràidhean caomh!" Bha'n t-slighe 'nis na b'aileana, an rathad na bu shleamħna, na sa' mhaduinn; 's cha robh neach gu labhairt ris air a thurus. Ach coma, dh'fhalbh e, a cur roimħie nach tugadħi nì air bith air tarruung a rithist air ais.

Ach c'ait 'nis an robh Gràidhean caomh. An déigh d'a chòmpanach dealachadh ris, bha e tróm muladach; ach għabb e air 'aghaidh. Dhiriġ e iomada beinn chorrach chas. Tħinig e gu'n robh e lag fann—bha 'chridhe 'ga fħailneachad; ach thug e mach am feedan beag, chuir e ri 'bheul i, sheiñ e pong no dhà, agus chual e għu għiex ag ràdh, "Fhuair e ann am fearan fàs e, eadhom ann am fàsach falani, län ul-fħarta ħi; agns thredraich se e." Cha luuħi a chinal e so, na chuimħniċċe air an Righ. Fhuair e neart agns misneach; agus air ball bha e air mulach na beinne. Choisich e air aghart għus an d'tħainig e gu gleann mòr anns an robh ainar aibhne, a bha, do réir coslais, air uairibh air at gu mòr, agus air uairibh eile tioram traite; ach air an àm so bha e tioram, 's chaidħi Gràidhean thairis għiex duilgħead air bith. Chaidħi e thairis air a'chlacharan, agus räinig e taqbha eile na h-aibhne. Għabb e air 'aghaidh. Bha'n teas anabarrach, agns thoisich e air fannachadħi.

Chunnaic e bruach uaine, agus eraobhan a fàs air, fo'n robh aige fasgadh is dubhar. Shuidh e air an lär, agus bha e 'n impis tuit-eam na shnain; ach mhothaich e nathair lùbach 'na enairteag anns an fheur, agus chlisg e. "S dòcha," ars' esan, "nam bithinn air cadal 'san àite ud, nach tigeadh an t-aon là a dhùisginn. Cha stad mi, 's idir cha chaidil mi. Gabhaidh mi air m'aghaidh gu ceann-crìche mo thuruis, agus fenchaidh mi tàinéh flaotruinn sa' ghàradh àillidh do'n bheil mi 'dol." Bha e air a chlaoidh gu mòr; ach air dha balgum a ghabhail as an t-sèaraig anns an robh an t-uisge, bheothaich se gu mòr e; agus ar leis gu'n cual e na briathran caoimhneil so—

“A' ghrian cha bhual i thu 'san là,
No ghealach fös 'san oidhche.”

Ghabh e air 'aghaidh troimh choille dhlùth. Mhothaich e air gach làimh gu'n robh rioban is liontan, sluichead mheallta, tuil is fraoch, is iomada aobhar cunnairt 's ceap-tuislidh. Dlùth do chuid diubh, mhothaich e cnàmhan geala lucid-turnis a bha air am mealladh leo, 'sa chaочail air an t-sligte. 'Sann 'nis a bha e taingeil gu'n do ghabh e 'n rathad mu'n d'thainig an t-anmoch air. "Nam bu feasgar e, no idir an oidhche, ciamar a b'urra dhòmhais dol as?" deir e.

Mar a bha e nis dlùth do chrìch na coille, mhothaich e ni-eiginu a dlùthachadh air o thaobh an rathaid. Bheachdaich e air le mòran aire. Bu leoghaann targ a bha 'n so. Bha 'shùilean dearg teinn-deach socrachte air, 's bha e ullamh gu lenam'na bhroilleach agus cnir as da. Cha mhòr nach d'thug e thairis le oillt. Ach chuir e am feadan r'a bhenl; chluith e pong no dhà le mòr dhùrachd, 's cha luaithe 'chnal an leoghaann so na theich e, agus thng e air an doirre as an d'thainig e. Thainig gnth ciùin air oiteig na gaoithe, ag ràdh ris,—“ Dean faire agus ùrnuigh, chionn 's nach tuit thu ann am buaireadh; cnir an aghaidh an aibhlisear, agus teichidh e 'nat.”

Chaidh Gràidhean tro'n choille; agus mar thàinig e mach aisde, mhothaich e geatachan mu na gàrraidhnean àillidh do'n robh e trial, a dealradh gu boisgeanta glòirmhor; agus, taobh a stigh dhiubh, ar leis gu'm faca e cruth 's dreach na muinnitir shona 'hha còmhunnidh 'san tir sin. Thug so misneach i mhòr dha, ged a bha e fann, sgìth, agus air a chlaoidh. Bhitheadh e ullamh air tuiteam far an robh e, airne o pilleadh air ais gu dubhar na coille, mar bhith gu'm fac' e lorg-choise a Cheannaird, 's gu'n do sheinn e air an fheadan; agus a thiota thainig faochadh, 's neart, 's lùs dha. Thug e mach an t-sèarag, 's dh'òl e de'u uisge-bheò, leis an robh 'anam air fhionnarachadh gu mòr. Shuidh e car tainuill. Thainig neul dorcha thairis air na spéuran; dhuisg an doinion; thnit an dile. Chual e sgriachail nam beathaichean fiadhaich, ach cha d'thàinig iad 'na chòir. An 'tiue bhig, chaidh an stoirm seachad; chinn na spónran cho soilleir 'sa blia iad riamh; agus ghabh e air aghaidh 'na shlighe.

Ach c'aité nis an robh a chompanach, fear nan ioma chomhairlean? Dheallich esan ris an dithis eile, agus bha e strì ro'n fhàsach. Cha b'e sin a nis an nì soirbhlé. Bha'n t-slighe na bu shleamhna 's na bu doimhne. 'S gann a b'urra dha dol air 'aghaidh, gun spàирn mhòr. 'S ionada dris is droighinu bha milleadh a chasan; agus bha 'ghrian anabarrach teith. An stoirm a choinnich Gràidhean, choinnich i esan mar an ceudna; ach choinnich i e air an raon, far nach robh fasgadh no dian. Thuit an dile, agus b'uamharra fuain na tairneanaich. Ràinig e mullach na beinne le saothair mhòr, agus ghabh e sìos an taobh eile, a faotunn ionada leagadh goirt. 'Nuir a ràinig e aigeal a' ghlinne, fhnaidh e gu'n robh an abluinn air at le tuil mhòr—na h-uisgeachan a gabhail seachad le buinne bras, a bha eagalach ri amhare air. Ciod a ni fear nan ioma chomhairlean? Mo thruaigh! 's éiginn da'uchd a chur ris an tuil, airneo gun smainteachadh air na gàraidhnean àillidh a ruigheachd a chaoindh.

Mhothaich e nis gu'n robh puisd air an enr tarsuing air an abluinn, gn enideachadh le luchd-turrus. Ghabh e misneach; mach chaidh e gu dàn. Ràinig an t-uisge thairis air a ghlùn, suas gu 'mheadhon; ach clum e greim air na puisd. Cenù eile, agus ràinig an tuil suas gu 'gluailinibh, agus bha e'n impis a bli air a thogail o'n làr; ach riun e greim-bàis air na puisd. Sheas e, gun fhiros ciod bu chòir dha dhéanamh. Chnímlinich e air an fheadan le mòr dhuilicheas. Thug e mach e, ach pong cha b'urrainn da thoirt as. Mhothaich e gu'n robh e làn do pholl's do chriadh, leis an robh na tuill air an dùnadh, air chor's nach b'urra dha ceòl thoirt as. Ach chuidich an tuil leis a glanadh. Theab e bli air a mhilleadh fhad 'sa bha e 'ga glanadh. Mu dheireadh thainig ceòl, 's cha luanithe thàinig, na thòisich na h-uisgeachan ri tràghadh; agus chnal am balachan bochd, ar leis, gnuth ciùin ag ràdh ris,—“Thig thu troimh na h-uisgeachaibh; cha tig na tuiltean thairis ort.” Chaidh e nis air 'aghaidh mar air fearann tioram, agus ràinig e null gn tèarninte. Bha e lag, fann, fuar—thuit e air an làr; ach thug e mach an t-séarag—dhòl e—agus air ball thainig cail, is neart, is misinch da, 's chaidh e air aghaidh gu fearail tapaidh.

Bha Gràidhean 'nis aig na dorsan òir. Cha deach a' ghrian fodha, ach bha i tèarnadh a'm mòr àilleachd; 's bu ghlòirmhor a bhi 'g-amhare air na dorsa siorruith. Bu léir dha nis mile agus deich nairean deich mile bhithean nèamhaidh, air an eideachadh le trusgain sholnis—créntairean lasarach. Chual e air uairibh an ceòl 's an clearach bu mhlise a ràinig cluas riamh. Bha e na sheasamh aig an dorus, a chridhe làn do dhòchas, agus mar an ceudna de sgàth naomh. Bu shnarach a nis 'na bheachd saothair an rathaid —sgios na slighe. Dhi-chuimlinich e a' ghrian loisgeach—am fàsach ùdlaidh—bencaich an leoghainn mhòr—gach goir, is lion, is fròg. Chaill e cuimhne air na nithean sin nile, ann an gràdh, 'sau coimhneas, 'san caomhalachd an Righ mhòir. Dh'annlaire e air an dorus, agus lengh e, ann an sgriobhadh soilleir,—“Buail, agus bithidh e air fhosgaladh.” Rinn e so. O! bnille an àigh!

Dh'fhosgail na dorsa sìorrnith, agns chaidh Gràidhean caomh a stigh do ghàradh nan iomada buaidh. Ciod a chunnaic e an sin, na ciod a chual e, na ciod a chaidh bhuileachadh air, cha'n eil e air a cheadachadh a bharalachadh; ach o'n fhuaim a chualas, mar bha an dorus a' dùnadh 'na dhéigh, cha'n eil teagamh nach robh e gu bràth sona. Bha ceòl na mìle mile, agns deich nairean deich mile, do ghuthan nèamhaihh, mar onfhadhl tròm a' chuain mhòr air a thogail gn caithream-cheòlinhor, air an aon chlàrsaich.

Bha Ioma-Chomhairlean a gabhail air 'aghaidh gn sùrdail; ach thainig am feasgar air. Cha robh e furasda dha án t-slighe fhaicinn, no gach ceap-tuislich a sheachnadh. Bha rà nail na beathaichean fiadhaich oilteil, 's a nis thníg e 'amaideachd féin. "O!" ars' esan, "b'fhèarr gun d'fhalbh mise sa' mhàduinn, mar a dh'iarradh orm; ciamar is urrainn domh buadhachadh?" Bha'm feadan nis a'm fonn, 's thog e pong mhilis gu tric. Chlnith e air gach ceum de 'shlighe; cha do leig e as a bheul e. Thainig solus d'a ionnsuidh bho dhorchadas, agus gun fhios aige ciamar. Chual e guth na Tròcair a farclais 'na chlnais,— "Na bitheadh eagal ort; tha mise maille riut." Ràinig e'n dorus; blnail e; agus, glòir dhàsan a bha maille ris, fhnair e stigh—seadh, ESAN, fear nan ioma chomhairlean. Trid gràs a Rìgh, dh'fhosgail an dorus, 's bha e a'nn an glòir!

C'aité nis an robh an dithis eile, Leisgean agns Féin-Thoilleachan? Dh'fhan iad a cleasachd 's ri fealladh-dhà—ri faoineis thrnagh. Thuit Leisgean na slùnain, agns chaidh Féin-Thoilleachan a dhiarraidh dearcan air feadh nam brnach. Thainig leoghann garg mach as a' choille. Bha e tarrning dlùth air Leisgean trnagh; ach chunnaic am fear eile e. Thug e glaodh, 's thàr an leoghann 'na dhéigh. Rug e air Féin-Thoilleachan, agns le 'ghlaodhaich eagalach dhùisg Leisgean bho 'shuain. Ghabh e oillt a chòmpañach fhaicinn air a reubadh leis a' bheisd allmharr. Chuir e roimhe an t-àite fhàgail; bha eagal air 'anam. Thog e air, a cur roinhe 'nis nach stadarbh e gu bràth gus an ruigeadh e an tìr àigh do'n deach Gràidhean 's am fear eile. 'S a nis bha e féin dite 's a bròn, leis an uamhas a ghabh e; ach ciod a thachair dha, cha chuala mi riamh. Có dhiubh a bhàthar e 'san abhuinn, na thuit e an slochd, na mhlileadh e le beathaichean fiadhaich, cha'n eil fios agam, 's cha chuala mi. Tha eagal mòr orm; oir tha fios agam có thuibhارت, "Tha'n oidhche teachd anns nach urrainn neach obair air bith a dheanainh."

C.

RIOGHACHD MHÒR RUSSIA.

So h-aon do rioghachdan mòr cumhachdach an t-saoghal. Tha 'chuid a's mò do dhaoine aineolach air meud agus cumhachd na rioghachd so. Air an aoibhar sin, smaointich sinn gu'm bitheadh e na nì taitneach d'ar càirdean beachd ath-ghearr, ach beachd cinnteach, as am feud iad earbsa, 'thoirt dhoibh mu dhéibhinn na dùthichia so.

Choisinn *Russia* ainn nach teid air di-chuimbne, airson an dòigh anns do chaisg i an duine fuitreach uaibhreach, *Bonapartè*, 'nuair thug e oidheirp air a cur fo cheaunsal leis an armait bu lionnhoire agus bu clumhachdaich a bha riabh, ann an eachdraidh an t-saoghal, fo aon cheannard.

Tha e duilich do dh'innntinn duine beachid ceart a ghabhail air farsuinneachd *Russia*. Tha cuid de'n rioghachd so anns an Roinn-Eorp', agus cuid mhòr dhi ann an *Asia* agus ann an *America*. Ann an earrainn sin de *Russia* tha 'san Roinn-Eorp', tha aon mhuillion agus ochd ceud mile (1,800,000) de mhìltean ceithir-chearnach de dli'fhearann. Tha sin sia-uaire-deug ni's mò na Breatunn agus Érin. Tha 'chuid a's mò dhlieth so fo choille; ach tha dùthchasan ann cho tarbhach 'sa tha air aghaidh an t-saoghal. Tha 'chuid de *Russia* 'tha ann an *Asia* is ann an *America* mòran ni's mò. Tha anns a' chuid sin dhi còig muillionan a's còig ceud mile (5,500,000) de mhìltean ceithir-chearnach—farsuinneachd cho mhòr ris an ochdanbh cuid de'n t-saoghal. Tha mar so seachd muillionan agus trì cheud mile de mhìltibh cheithir-chearnach 'san rioghachd so. Tha naoidh mile de mhìltean a dh-asdar eadar dà cheann na rioghachd so, agus dlùth do dhà mhive de mhìltean air leud. Faodaidh so seòrsa do bheachd a thoirt dhuinn air farsuinneachd *Russia*.

Tha fuachd is teas 'san rioghachd so cho mhòr 'sa tha ri fhaotainn air aghaidh an t-saoghal. Ann an cearna mu thuath do *Russia*, is gann gu'n fàs dris, no pràas, no feoirnein, leis an fhuachd; agus anns na cearna is àirde deas, cha'n eil meas, no blàth, no nì a tha ciuntin air aodan suinn, r'a fhaotainn ann.

Tha mòran de *Russia* mo thuath fo choille. Bha'm fearann a tha fo choille air a thomhas o chionn ghoirid, agus fhuaradh gu'n robh ann an trì sioramachdan—ann an trì earranaibh de'n dùthach—agus tha còr is leth-cheud earrain, no roinn, 'san rioghachd uile;—fhuaradh gu'n robh ann an trl dhiubh sin, dà cheud agus a sia-deug muillion (216,000,000) de dh'acraichean fearainn fo chraobhan giuthais—se sin, a thri uiread 'sa tha do dh'acraichean fearainn 'san rioghachd againn gu léir! Ann an roinn eile 'bha air a thomhas, fhuaradh leth-cheud muillion acair fo na craobhan ceudna. Tha ann an taobh tuath *Russia*, a reir cunntais as am faod earbsa, naoidh ceud muillion (900,000,000) de chraobhan giuthais, cho mòr 's gu'n deanadh iad croinn do'n aon loingeas is mò tha snàmh a' chuan; agus ceud muillion de chraobhan mòr airson gach feum eile. Tha'n cunntas ceudna 'g innse dhuinn gu bheil 'sna dùthchannan ceudna oscionn dà mhuillion de chraobhan daraich, eadar còig agus naoidh troidhean air chuaireit.

Tha trì fichead muillion (60,000,000) do shluagh ann an *Russia*. Tha'n sluagh so fàs mar mhuillion an ceann gach bliadhna, agus a dùblachadh na h-uile leth-cheud bliadhna. Ma theid iad air an aghaidh mar tha iad a deanamh air an àm, an ceann ceud bliadhna 'na dhéigh so bithidh còr 's dà cheud muillion sluaigh anns an rioghachd anabarrach so; agus ciod a bhacas iad?—tha fonn is fearann ni's leoир aca. Cha ruig iad a leas dol air imrich do dhùthchanan eile, a's farsuinneachd gun chrích' aca féin, air nach 'eil duine bed a comh-

nnidh. Nam bitheadh an sluagh ann an *Russia* cho dòmhail, do reir a farsuinmeachd, 'sa tha iad ann an Albainn, bhitheadh darna leth na tha air aghaidh an t-saoghal 'ga tuineachadh. Tha dùthchanan 'sna ceannan sin cho comhnard réidh ri ursor tighe, le aibhlischean mòr, agus am fearann cho reachdinhor tharbhach 'sa th'air an t-saoghal, a chumadh ni's leòir ris na tha do shluagh 'san Roinn-Eorp' uile, a's e air an àm a fàs. Tha aon abhuinn ann an *Russia* ('si sin an *Amour*—'s dòcha, an abhuinn mhòr), agus tha i dà cheud deug de mbiltean air fad. Fad naoidh ceud mìle dhi, faodaidh an loingeas a's mò seòl orra. Tha'n abhuinn so air an àm fo chumhachd *China*, ach cha'n fhad' gus an cuir *Russia* fodhaipe féin i.

'S fhurasd' fhaicinn eia chumhachdach, eia anabarrach chumhachdadh, an rioghachd *Russia*. Cha'n eil an t-àm fad air falbh 'nuair, do reir coslais, 'si an rioghachd is cumhachdaich 'san t-saoghal uile. Tha i samntach uaibhreach, a cridhe sochruichte air buaidh-làrach fhaotainn anns gach rioghachd eile 'san t-saoghal, nam b'urrainn di an enir fo cheannsal. Cha robh *Bonaparte* riamh na bu deidheil air cumhachd a's uachdranachd an t-saoghal mhòr a bhuanachadh na tha *Russia*, a's chìtheart sin uair no uair-eiginn. Cha'n eil duine 'san tir, eadar a' mhòr Righ tha os a cionn a's an diol-déirce tha falbh bho dhorus gu dorus, nach 'eil ann am barail gu bheil *Russia* ri uachdranachd fhaotainn air an domhan uile.

Faodar a ràdh gur saighdearan muinntir na rioghachd gu léir—'se sin, tha iad air an togail gu airm iomairt, 's gu dreuchd saighdear a leantuinn. 'Se iaraidh thogarach, rùn gach oigfhear 'san rioghachd, 'bhi giùlan arm. 'Si éididh an t-saighdear a chìtheart gu tric air an òigridh. Mac an Righ, 'si deise an t-saighdear a chuirear air 'nuair a thig e dh'iommsuidh an t-saoghal. Tha gach òran is dàin a seinn ainm is treuntas na gaisgich anns na làithean a chaidh seachad.

Tha am mòr Righ, no, mar theirear sa' Bheurla, an *Czar* (an Sàr—'s dòcha gur Gàilig sò cuideachd, an Sàr-laoch), a riaghlaidh na dñthicha mar is àile leis. Cha'n eil Pàrlamaid idir 'san rioghachd. Toil an Righ, 'se sin an lagh. Faodaidh e an ceann a thoirt de'n chùirtear is àirde 'na rioghachd, no 'fhògradh do *Siberia* là air bith is àile leis; agus cha'n eil a h-aon aig a' bheil a' chridh a ghniambh a chuir an ag.

Tha muinntir *Russia* tarail mu niharsantachd. Bhiodh e air a chunntas na thàmait do dhuine 'san rioghachd a bhi na mharsanta no na thuathanach. 'Si saighdearachd an t-aon ni. Tha sgoillean ann, ach 'se dreuchd agus obair an t-saighdear an t-aon ni tha air fhoghlum. Tha dà cheud mìle sgoillear 'gan togail air an àm air cosd na rioghachd, agus a foghlum gach ni tha freagarach airson a bhi nan oifigich agus nau ceannardan air armailtean. Tha so a leigeil ris dhuinn gu bheil an rioghachd mhòr so, le a trì fishead muillion do shluagh, agus dà cheud mìle saighdear 'gan togail innte gu bhi nan ceannardan airm, 'na cùl-eagail do rioghachdan na Roinn-Eorp'.

Tha air an àm so aig *Russia*, anns gach cearn, ochd ceud gu leth mile (850,000) do shaighdearan coise, agus dà cheud gu leth mile eachraidh (250,000 cavalry). Tha cuid diubh so, mar their siunn,

nam *militia*—a mach is dachaidh. Ach tha do dhí-arm seasmhach aca fo airm, deis réidh airson cogaidh, ceithir cheud mìle saighdear-coise, ceud mìle eachraidi, agus leth-cheud mìle airson gunnachan mòra iomairt (*artillery*). Tha so uamharr ri thoirt fa'near.

Ach ciamar tha'n rioghachd comasach air an armait mhòr so a phàigheadh, na chumail suas? Cha'n eil teachd-a-steach na rioghachd anns a' bhliadlina (*annual revenue*, mar a theirear sa' Bheurla) ach mu thuaiream ceithir muilliona deug punnd Sasunnach. Ciamar, matà, is urrainn dhoibh an t-arm mòr a phàigheadh? Cha'n eil cosd saighdear ann an *Russia* ach trian de na tha e cosd 'san Fhraing, is mar an còigeamh cuid do na bheil e cosd an Sasunn. Cha'n eil aige ach mu leth fhandard 'san latha; agus cha'n eil an uirread sin fèin aig na seoladairean tha 'sna loingeis-chogaidh. Tha na *Cossacks* (luchd na cosagan) a faotainn ochd tastain agus sia sgillean sa' bhliadhna. Ach is còir a thoirt fa'near, an déigh do shaighdear Russianach a bhi fishead bliadhna 'san arm, gu bheil còir aige air cead a choise fhaotainn; agus tha fishead punnd Sasunnach air a thoirt dha 'nuair tha'n ùine a mach, leis am faod e baile maith fearainn a ghabhail; agus tha'm baile so saor aige, gun mhàl, gu latha a bhàis.

Feuchaidh sinn nithean eile a thoirt air an aghaidh mu thimchioll *Russia* 'san ath àireamh; oir is taitneach an nì dhùinn eòlas ceart fìrinneach fhaotainn air an dùthaich mhòr so. Air an àm curidh sinn sìos pàidh saighdearan na Roinn-Eorp' taobh ri taobh, agus mar so chithear an dealachadh tha eatorra.

| | | | | |
|--|---|----|----|---|
| Saighdear-coise ann an <i>Russia</i> , fad bliadhna, | £ | 5 | 0 | 0 |
| ann an <i>Austria</i> , | | 9 | 8 | 0 |
| ann am <i>Prussia</i> , | | 10 | 0 | 0 |
| anns an Fhraing, | | 14 | 0 | 0 |
| ann an Sasunn, | | 21 | 14 | 0 |

Theid sgillin Shasunnach cho fada ann an *Russia* ri trì an Sasunn, agus ni's fhaide; agus a bharachd air so, thigeadh saighdear Russianach suas air treàlaich shalach ghrànd nach cuireadh an Sasunnach 'na bheul.

C.

BÀS A' MHAIRTIREACH AINMEIL, POLICARP.

'S moch a thoisich geur-leanmluinn an aghaidh deisciobuil Chriosd. Thoisich a' ghènr-leanmluinn sin ann an làithibl nan abstoir. Bu chompanach Policarp do dhí-Eoin, deisciobul ionnluinn Chriosd. Tha eachdraidh bàis an duine ainmeil, 's an duine maith so, air teachd a nuas d'ar n-ionnsuidh ann an leabhrachaean anns am faodar làn earbs' a chàramh.

Bha Policarp ceithir fishead 'sa còig-deug bliadlin' a dh'aois 'nuair a chmireadh gu bàs e. Bha geur-leanmluinn eagalach air an àm sin air éiridh ann am baile-mòr na Ròimhe an aghaidh gach h-aon bha giùlan ainm an t-Slanuighear. B'éiginn do Pholicarp am baile-mòr fhàgail car tamuill, agus an dùthaich 'thoirt air, far an robh a chàirdean a' tàmh, ann an dòchas gu'n rachadh a' gheur-

leanmhinn seachad. Fhad'sa bha e 'san àite sin, chuir è seachad 'ùine gu lèir ann an ùrnuigh, aig aslachadh sìth agus sàmhchair do dh-eaglais Chriosd. Trì làithean mu'n do ghlacadh e le 'nàimhdean ghuineach, thachair dha bhi 'na sheòmar, air a ghlùnaibh aig cathair gràis; agus air ball mhothaich e solus dealrach mu'n cnairt da. Chunnaiic e lasair, mar gu'm biodh i 'g éiridh as a leaba, is i r'a theine. Chaidh an lasair as. Dh'fhàg e an seòmar; is air dha 'chàirdean a choinneachadh, thubhaint e riutha nach robb feum dha bhi seachnad a' bhàis 'bha feitheamh air; "oir," ars' esan, "tha mi tuigsinn gur h-e toil mo Thighearna gu'm bi mi air mo chur gu bàs mar fhiannuis airson creidimh Chriosd." Rinn a chàirdean ua b'urrainn iad chum a chleith's fholach. Thug iad leò e do dh'àite eile; ach coma có dhiubh, fluaradh a mach e. B'fhurasda dha teicheadh, na'm bu mhiamm leis; ach 'nuair chual' e gn'u robh iad air a thòir, dh'fhan e, gunn oidheirp air bith thoirt air ait seachnad. "Toil an Tighearna," ars' esan, "gn'u robh diante." Dh'fhàiltich e 'nàimhdean gu suilbhír, 's dh'òrdnich e biadh is deoch a thoirt dhoibh. "Cha'n eil mi ag iarrайдh sochair air bith 'uaibh," ars' esan, "ach gn'n leigeadh sibh leam bhi aon nair an uaireadair a'm sheòmar fein, gu urnuigh 'dheanamh." Thug iad an cead so dha, agus shuidh a chàirdean maille ris. Thaom e mach a chridhe an sin ri Dia ann an ùrnuigh dhùrachdach, air dhòigh a thaislich agus a leagh eridhe gach aon a bha làthair. Chuir cruth is coslas flaitheal an duine aoigheal so, le 'chiabhan fada geal, 's e dlùth do chend bliadhn' a dh'aois, seòrsa do sgàth air a nàimhdean, 'nnair chunnaiic iad cho mhisneachail, dhàn, earbsach 'sa bha e, agus cho suarach mu na piantaibh eagalach bha 'feitheamh air.

'Nuair b'éiginn falbh, ghabh e cead d'a chàirdean cho ciùin shamhach 's ged a' robh e ri tachairt orra an ceann seachdnin. Chàraich iad air muin asail e, agus dh'fhalbh iad air an t-slighe do'n bhaile-mhòr. Thachair uachdran a' bhaile air ann an carbad, agus 'athair maille ris. Thug iad air Policarp tighinn bhàrr a' bheoth-aich air an robh e marcachd, agus suidhe maille rietha sa' charbad. "Carson," ars' iadsan, "nach àicheadh thu Criosd? C'arson nach aidich thu Cæsar 'na dhia? Dean so," ars' iadsan, "agus tha thu tèaruinte." "Cha'n eil sin 'nam chomas," ars' esan; "cha'n urrainn mi; cha dàin leam; cha'n eil a' chridh agam." Chàin is smàd iad e mar amadan truagh. Thilg iad mach as a' charbad e, 'measg nan clach, leis an do shiach e a shliosaid. Ach cha robh còmas air; b'éiginn daimeachd agus coiseachd air aghaidh, bacach, leònta, brùite, truagh, mar a bha e. Thugadh do dh'àite a' mhargaidh e, far an robh anabarr sluaigh erninn, a' faicinn nan cluithean bha 'dol air aghaidh, agus beatheachain fiadhaich a mortadh's ag itheadh a chéile. Air dhia bhi 'na sheasamh 'san àite eagalach so—fuaini, is gleadhraich, is ùpraid air gach taobh dha—chual' e guth àrd mòr o nèainh ag ràdh, "Bi fo dheagh mhisnich, a Pholicarp; bi làidir; na bi fo eagal; seas gu duineil na chuirear ma'd' choinneamh." Chual' iadsan 'bha dlùth dha na briathran; ach thníg e fèin's na cairdean criosdail bha maille ris co'naithe thainig iad.

Chruinnich a nis anabarra sluaigh m'a thimchioll, 'nuair clual' iad có bha'ann, agus gn'u robh e'ri bhi air a losgadh. Thainig maor mòr a' bhaile, a dh'fheòdraich dhe, "An thnsa Policarp?" Agus air dha aideachadh gu'm b'e,—"Gridheam ort," ars' esan, "àicheadh Criod, agus abair gur h-e Cæsar a's righ. Mionnaich air Cæsar; dean aithreachas, agus abair nach fear-leannmhinnu thusa air Criod. Cuinchnich gur dnine aosinhor thu; oir cha'n eil toil air bith agamsa do chur gu bàs, ma's urrainn dhomh."

Fhreagair Policarp, "Cha'n àicheadh mi Criod; cha'n urrainn dhomh. Cha mhionnaich mi air Cæsar; bàs no beatha cha toir ormsa sin a dheanamh." "Mionnaich air Cæsar," ars' ain maor, "agus gheibh thu as." "Ne mise?" arsa Policarp—"gu'n àicheunain-sa Criod! Ceithir fichead bliadhna, a's os a chionn, tha nis seachad o'n dh'aidich ini e—o'n thng mi ini féin suas dha, eadar anam agus chorpa. Cha d'rinn mo Shlànnghear caomh encoir, na ole, na dearmad, na deuchainn ormsa riabh; sheas e mi, agus seasaidh e mi. Ciamaid is urrainn dhomh nis mo Rìgh agus mo Dìa dhi-chnimhneachadh?—esan a thàinig o nèamh g'am iarrайдh—"bhàsaich air mo shon, agus dh'éirich air mo shon—tha nis, seadh nis féin, a guidheadh air mo leth air deis-làimh 'Athair! Cha dean, cha dean. Eisd có mi—eisd m' aidmheil dhei'reannach. Is criosnidh mi!"

"Thoir an aire," ars' am maor mòr, "ciod tha thu 'g ràdh. Tha beatheachain fiadhaich dlùth dhuit air an àm; tilgidh mi thu steach 'nam measg mar géil thu. Tha'n teine air fhadadh; tha'n lasair ag éiridh. Faic an smùid ud thall; faic a' chrnach chonnaidh r'a thaobh. Am meadhon na lasaraich nd tilgear thu, ann an tiota beag, mar striochd thu." Fhreagair Policarp, "Mo thruaigh! tha thusa bagradh teine a lasas car tamull, 's a mhilleas a' chollnnn air an àm; ach tha thu ain-eolach air an teine nach smàlar, is nach gabh dol as gn sìorruidh—na lasraichean garg tha feitheamh air nàimhdean Dhé. Na dean maille, cha dean do bhagairtean cuis." Air dha labhairt mar so, las aghaidh an duine naoimh le dealas agns gairdeachas àrd. Faiceamaid a bhinn—*Tha Policarp, an criosduidh, ri bhi air a losgadh gu bàs.* Thug an slagh iollach gairdeachais. "Tha Policarp, athair nan criosnidhnean, ri bhi air a losgadh!" arsa mile agns deich mile ben. B'e mian lnehdriaghlaidh a' bhaile-inbòir a thilgeadh 'measg nam beatheachain fiadhaich; ach ghlaodh an sluaigh,—"Loisgibh e! lasaibh an teine!"

Thoisich Policarp ri 'aodach a chur dheth, cho shocrach, chíùin, shàmhach, 's a rinn e riabh 'dol gu tòmh 'na leapa féin. 'Nnair bha iad dol 'ga thàirneachadh ri maide mòr, air an robh iad r'a losgadh, thurbhairt e, "Cha ruig sibh a leas mo cheangal, cha ghlnais mi. Tha Dia maille riùn, a's neartaichidh esan mi ann an àm na deuchainn. Cha ghlnais mi mo làmh na mo chas." Bha cuid do na bràithrean criosduidh maille ris a gul 'sa caoidh; ach labhair e riutha gu misneachail, agus thog e an eridheachan.

An deigh dha ùrmhig dhùrachdach a dheanamh, chàraich

nàimhdean an duine naoimh so air an teine mltòr e, agus las iad e. Cha chnalias osna no glaodh. Ann an àine ghearr, bha 'chollunn 'na luanthre, ach 'anam maille ri Dia ann an glòir!

C.

A N C E A T H R A M H R Ì G H S E U M A S, AGUS AN TIGHEARN ÒG.

Tha mu thuairm deich mìle mu dheas air Strila srath bòidheach uaine, an cois aibhne de uisge libha glan, a' siubhal le ceimbaibh foil, 's le torman sòlais. Air an t-srath so, agus ri taobl na h-aibhne so, air rei'lein neonaineach beachanach, thachair do dhithis chaileagan óga lùrach a bhi todhar anairt air feasgar samhraidi, anns a' bhliadhna 1510. Bu nigheanan iad do thuathanach beag anns a' choimhearsnachd, nach do chuir mòran airgid seachad, ach air nach robh peighinn ainmhlich, agus a thog a theaghlaich le meas 's le onair. Bha'n dithis pheathraichean gle choltach; bha'm folt cuachach donn a' ruigheachd sìos gu'n dà shlinneinn—an gruaidean bàn-ruiteach agus cruiun—ain bilean mar chéir dhearg, no mar ùr-ròs ann am maduinn dhrùchd. Bha iad mar so, gun umhail, a' nis ri mirreag 's a gàireachdaich, 's a nis ag nisgeachadh an anairt, 's a' rithist a' togail binn-luinneag a bha tèladh eòiu nam preas a dh'éisdeachd, 'nuair mhothaich iad do mhareach taobh thall na h-aibhne. Bha e dìreach a' dol a stigh anns an abhuinn, an rùn dol thairis far an robh na mai'deannan, gnn umhail do dhoimhloneachd na h-aibhne. Nan rachadh e air aghaidh, cha'n innseadh e'n t-athsgaileadh!

'Nuair chunnaic na mai'deannan an cunnart san robh an coigreach, rnith an te 'b'òige dhiubh, Seònaid, gu bruaich na h-aibhne, 's ghlaodh i ris, "As leth Ni-Math, stad!"

"C'arson, mo ghrugach ruiteach?" ars' esan. "Am bheil eagal ort gu ruith ini leat?"

"Cha'n eil cùram dheth sin," arsa Seònaid, 's ruthadh a' tighinn 'na gruaidh.

"C'arson a stadainn mata, mo pheata?" ars' am marcaich, 's e tarrning na sréine, a chumail na steide air ais.

"Thà, mur stad sibh," arsa Seònaid, "gu'm bàthiar sibh fein 's an t-each. Mu'n urrainn duibh tighinn thairis," ars' ise, "feumaidh sibh dol cho fad 's a' chraobh ud shios," 's i 'deanamh seòladh-corràig air craobh chomharraicht' a bha mu thuairm ceithreamh-a'-mhile as an àite.

"Taing dhuit, a mhaighdean," ars' am marcaich, 's e deanamh mar dh'iarr i.

Cha luanthe bhuinginn e taobl bhos na h-aibhne, na mharcaich e suas g'an ionnsuidh. Cha do chòrd so ris ua mai'deannan óga, agus thòisich iad ri teicheadh; ach air ath-smaoin, thurbhairt iad r'a chéile nach biodh so siobhalt'. A thmilleadh air so, chunnaic iad gu'n d'thàinig am marcaich bhar 'eich, agus gu'n robh coltas duin'-uasail shiobhalt' air.

An déigh beagan do bhearradaireachd 's do tharruing-as-a-chéile, ghlac na h-ionagan barrachd misnich, gn sonruichte 'nuair leig an coigreach e féin air fad' a dhroma, 's a thòisich e ri e féin aoineagradh anns an fhiar lamh riù. Thòisich e 'nis ris cho linthad ùirsgenl 'ns driodart innse dhoibh, 's nach mòr nach do scàin iad an taobh a gáireachdaich. 'Sann a bha nis eagal orra gu'm fágadh e iad.

Thug an coigreach an aire fad na h-ùine nach robh a' phiuithar bu shinne, Mairi, cho sigeantach ri Seònaid; agus a' nis dh'fharraig e dhith—

"Mo mhai'dean bhòidheach," ars' esan, "tha mi meallta, airneo tha ni-eigin a' cnr trioblaid ort; tha saighead a thaobh-eigin anns a' chridhe mhaoth sin agadsa. Iunis thusa dhòmhlsa gn saor dò għħalar; tha cungaidh agamis, theagħanh, a ni fenni dhnit."

Thainig rugħadħ an gruaidh Mairi; cha d'tħubhaġit i għid. Ach cha b'e sin d'a piuthair. "Tha i 'dol a phòsadh am màireach," ars' ise, gn beadagħach.

"Ho, ho!" ars' an coigreach, "a' dol a phòsadh! C'arson a chnireadh sin sprochd oirre? 'Ne nach 'eil i 'faotainn a raogħainn?"

"Thà, thà," arsa Seònaid; "ach tha aobhar eagail gu'm bi riasladħ air a' bhanais, agus tha so 'ga fàgail fo lionu-dnbli."

"An innis thusa dhòmhlsa, a chaileag mhàlta, snim na cùis," ars' esan; "agus so mo làimh nach meist an gnothach e."

Dħ'innis i.

"Bha'n Tighearn' òg," ars' ise, "fear Bhaile na Manach, a' suireadh air mo phinthair, agus thairg e 'làiṁh dhi; ach cha għabhadh i enid no pàirt ris—s'fèarr leatha mae aon d'a thnathan-aich. Air a shon so, tha flios aig fear-na-bainnse gn faidh e bārlinn air an t-Samhainn. Cha'n e sin, ach thuirt e ri enid-eigin gn'n tigeadħi e chum na bainuse, gun chuireadh, a thogħil iorguill."

"N ann da-rireamħ tha thn?" ars' an coigreach. "'S math am balach an Tighearn' òg! chnala mi ionradh air roimh so! Do thaobh bārliun a thoirt do fhear do pheathar, faodaidh e sin a dħieħamħi għun umħajl, mur 'eil a mhàl paigħte; ach do thaobh tighinn a thogħil iorgnill a chum na bainuse, cha'n eil lagħ air an t-snogħal air a thaobh san nì so. Chi sinn," ars' esan 's e 'g ēridħi air a chħasan. "Mo chaileag bhoidheach," ars' esan, "thoir thusa enireadħ dhòmhlsa chinn na bainnse am màireach. Thoir fa'near, cha għabb mi diūltadħ. Ciod tha thn 'g ràdh, 'bhean-na-bainnse? —ciod tha thusa 'g ràdh, 'Sheònaid?"

Thainig rongħadħ an gruaidhean Mairi, 's chrom i 'ċeann.

"Cha'u eil dùil a'm," ars' ise, "gum bi dad aig Uillem 'nar-n-agħaidh, 'nuair dh'innseas misé dha cho sioħbalta 'sa fluair sinn sibh."

"Na biodh cùram oirblise," arsa Seònaid, gn beadagħach. "Thigħeadh siblise, agus, ma's beò mise, nitħear ur beatha."

"An t-àm 's an t-àite?" ars' an coigreach.

"Glaic nan Druideag, air cheithir uairean am màireach," arsa

Sèònaid, 's i deanamh seòladh-corraig air tigh a h-athar, nach robh thar leth-mhlile air falbh.

"Ro mhath," ars' an coigreach. "Beannachd leibh an tràth's, mo mhaighdeannan cruiteil. Cumaibh an uair, agus cha bhi mise fad' air dheireadh."

Cha lnaithe thnirt e so na 'leum e 'n glaie a dhiolaid ; 's ann an còig mionaidhean bha e as an t-sealladh !

Thainig là'r-na-mhlàireach ; 's ma thàinig, 'sann a' sin a bha'n ùppraig!—sgeanan 'gan glanadh—trinnsearan a' gleadhraich—cearcan 'gan ròstadh—buideil 'gan tràghadh—bùird 'gan cnì'rinneachadh—mai'deannan a' cur orra an rìomhaidh—fleasgaich a' dol 'nan éideadh!

Thainig a nis ceithir nairean. Bha'm ministeur a' feitheamh ; oir bha Uilleam agus Mairi a' cur seachad na h-ùine, le comhairle Seònaid, fench an tigeadh an coigreach a thug na h-uiread do dh'fhearas-chnuideachd dhoibh an dé. Mu dheireadh, b'fendar tighinn gu stòl a' phòsaidh as aonais. Chuireadh an t-snaim nach fuasgail fiacail. Shnidh an comunn measail, aoidheal, mu'n bhòrd inhòr, air a dheagh chui'rinneachadh, 's e creadail fo 'shachd ròcail, aoidheal, ach fear-na-bainnse agus bean-na-bainnse, a bha 'g amhare rnd-eigin muladach, air eagal an Tigheara' òig, a bhagair tighinn a chur brnaillein orra.

Cha inhòr gu'n deach an t-altachadh a ràdh, 'nnair cò thainig orra ach an coigreach—coigreach nach fhaca neach a bha làthair riagh, ach bean-na-bainnse agus a pinthar, Seònaid.

"Tha mi caileigin anmoch, gabhaibh mo le'sgenl," ars' an coigreach, le fiamh a ghàire, agus le sealladh sigeantach ; "ach," ars' esan, "'s fèarr deireadh bainnse na tùs comhstri. A chàirdean, thug mi enireadh dhomh féin an so a' nochd, nì nach 'eil cinnanta ; ach tha mi meallta, 'unair chì mi ur n-aghaidhean flathail, mur h-e mo bheatha."

"Se, 'se, gn dearbh," ars' a chuile mac 'us nighean màthar a bha anns an t-seòmar.

"Crathadh de d' làimh, a bhean-na-bainnse, meal do naigheachd ; crathadh de d' làimh, Uilleam, meal do naigheachd ; failt ort, a Sheònaid!" ars' esan.

Chuir so ioghuadh mòr air a' chiomunn, gn h-àraidh air Uilleam, fear nach fhaca an coigreach riagh !

Shnidh an coigreach a nis ri taobh fir-na-bainnse, air 'iarrtas féin, agus le sàr-thoil na cuideachd. Thòisich an ichinich—thòisich na h-òrain—thòisich an t-òl !

Ars' an coigreach, 's e cogarsaich an cluas fir-na-bainnse, "Ciod ur barail, an tig an Tighearn' òg a chuir bruaillein oirbh an nochd ?"

Arsa fear-na-bainnse, 's e cur a bheul ri cluas a' choigreach, "Tha e'n inunis 's a bhi air chnthonach nach d'fhnair e Mairi ; agus ged nach d'thainig e fathast, tha eagal orm gn'm bi e cho math us 'fhocal mu'n sgaoil sinn."

"Ciod tha romhad a dheanamh ma thig e ?" ars' an coigreach ; "am bheil fhios aig na fleasgaich gu bheil dùil ris ?"

"Tha fios aig mòr-sheisear againn air," arsa fear-na-bainnse, "agus tha ur claidhean deas; ach theagamh gu'm bi 'bhuidheannsan tuille's lionmhòr air ar son."

Chaidh stad a chur air a' chagarsaich a nis le lapraich chasan agus àrd-labhairt. Dh'fhosguil an dors, agus a stigh thainig an Tighearn' òg agus a ghilleau, fo'n armaibh.

"Flir-na-bainnse," ars' an Tighearn' òg, "c'arson nach 'eil thu deanamh dì-bheatha t'uachdarain agus a chàirdean?"

"Thainig sibh an so gun claireadh, le'r cead," arsa *Riddell*, (oir b'e so ainn fir-na-bainnse); "agus na biodh ioghnadh oirbh nach li-e ur beatha."

"Bho'n tha'n comunn cho doicheallach," ars' an Tighearn' òg, "s e tionudadh ri 'chàirdean, "thngadh gach fear scarbh á creig dhà féin," s e glacadh searraig de'n fhion a bha air a' bhòrd, "s 'ga ol. Faodaidh sinn bhi cinuteach gu'n do lean a chàirdean 'eisimpleir.

Bha fear-na-bainnse sàmhach; ach chìte 'shùilean a' lasadh, agus àrdan a' tighinn 'na shròin, 'nuair dh'éirich an coigreach air a bhonnaibh, s a thuirt e—

"Flir Bhaile na Manach, a' réir choltais cha'n eil cuireadh agadsa bhi so an nochd, agus a réir choltais cha'n e do bheatha;—nime sin, ma tha boinne do fhuil duin'-uausal annad, fàgaidh tu an comunn an sith."

"'Ne sin do bheachd, 'òlaich ladurna?" ars' an Tighearn' òg; "agus có thusa féin, aig a' bheil a' chridhe labhairt riumsa air an dòigh so?"

"Cha dean e eadar-dhealachadh có mise," ars' an coigreach. "Cha'n eil mi ach a' labhairt airson na cuideachd; agus tha fhios a'ni nach 'eil a h-aon dinbh nach 'eil de m' Bharailsa."

"S math a labhair thu, 'òlaich," ars' an Tighearn' òg; "ach thainig sinn a chur onair air an lànan òig, agus bithidh dreach eile air an oidhche mn'n dealaich sinn. So, 'ghilleau; 'òlaibh."

"Ma tha thusa cur romhad fuireach," ars' an coigreach, "'s éigin dòmhais falbh," s e 'g éiridh gu 'bhounaibh. Mu'n d'fhág e 'n t-seòmar, thuirt e 'n cluas fir-na-bainnse—"Leig tlumsa," ars' esan, "a' chùis gu m' ràdhi-sa. Ciod air bith a nì no a their an duin' ud, no a chomunn, na leig dad ort gus an till mise. Cha bhi mi thar deich mionaidean. So mo lành gu soeraich mise 'chùis."

Dh'fhág an coigreach an comunn, 's an Tighearn' òg's a chàirdean a' cur a mach an teannga, 'magadh air. Chaidh e mar dhà cheud ceum bho'n tigh, agus sheinn e fideag airgid, a thug seal as gach creig a bha mar mhile mn'n enairst. Co luath's a rinn e so, thill e; agus a thiota bha e 'na àite, ri taobh fir-na-bainnse.

"A Thighearn' oig," ars' esan, "bha do chuideachd cho taitneach leam's gu'n do thill mi; cha dùraichdinn t'fhàgail."

"Tha thu air fàs tnileadh a's mi-mhodhlail, a bhallaich," ars' an Tighearn' òg, 's glacadh a' chlaidheamh; "cha leig mi so ni's faide."

"Stad beag! ciall! ciall!" ars' an coigreach, 's e farcluis ciod a chluinneadh e bho'n taobl a mach.

Air a' mhionaid so, chinalas foirm eachraidh, fuaim chlaidhean, agus focal comanda. A thiota, bha'n tigh làn do oifigich 's do shaighdearan, fo'n armaibh!

"Thigibh air ur n-aghart, 'ghillean," ars' an coigreach; "nam biodh sibh mionaid ni b'fhaide, chaill mise mo cheann. Faicibh an duin'-uasal ud agus a ghillean," 's e comharrachadh a mach fear Baile na Manach, "glaacaibh iad; 's na stad no fois dnibh gus am fàg sibh iad fo ghais ann an caisteal Shrìla, gus am faic mise ciod a nithearr riu."

Cha luaithe chaidh am facial a ràdh na rinn saighdear greim air gach fear air colair na h-amhach, 'gam breabadh a mach air an dorus, far an robh reisimeid each deas gus àn cuibhleadh do Shrìla. Bha ioghnadh nach bu bheag air luchd na bainnse, agus cha bu lugha ioghnadh an Tighearn' òig, a thionndaidh air a shàil, a cur roinhe gn'm biodh fios ciod an lagh no 'n t-uachdarras a bh'aig a' choigreach esan agus a chàirdean a chur am priosan.

"Ciod no có thu?" ars' esan.

"Cha'n eil dad mi-laghail anns a' cheist," ars' an coigreach. "A Mhorair *Marchbank*, thig an so, agus innis do'n duin'-uasal so có mise."

"'Ne nach aithne dha sibh?'" ars' am Morair. "Tha'n sin agad do *Rìgh dligheach—Rìgh Seumas!*"

"An euala tu riamh iomradh air a leithid sud do dhuine??" ars' an Rìgh ris an Tighearn' òg, le feth-ghàire.

Cha robh comas aig an Tighearn' òg facial a ràdh.

"Cluinn mi, 'Mhoutgomeri,'" ars' an Rìgh, 's e 'tarruing a mhaillean a nnas air a shùilean; "ged nach aithne dhuitse mise, 's fad bho na b'aithne dhòmhса thusa. Cha'n eil stuth agam an aghaidh dh'iarraidh do mhàil; agus innis dhòmhса ciod a tha agad air fear-na-bainnse, agus theid a phàigheadh air a' mhionaida. Rachadh fuil a dhòrtadh an nochd, agus thachradh gnothach maslach 'nam rioghachds, mar bhith fior thuiteamas. A nis, chaidh do phàigheadh; agus gheibh thu féin 's do bhallaich as, ma gheallas tu nach cuir thu gu bràth trioblaid air *Riddell*, no air a theaghlaich; agus cuimhnich, ma chnireas, nach tig thu dheth cho saor."

Cha rnig sinn a leas innse gn'n deach an gealladh a thoirt seachad, agus leigeadh Tighearn' òg Bhaile na Manach agus a chomunn air falbh.

"Nis," ars' an Rìgh, "fhir-na-bainnse agus a chàirdean, bho na leighis mi 'chùis, 's éiginn domh mo thuarasdal fhaotainn—'se sin, pòg bho bhean-na-bainnse."

Gnn tuilleadh a ràdh, chaidh e gu siobholt snas far an robh bean-na-bainnse le 'ceann cròm, agus rndhadh-aingeil 'na gruaidean. Phòg e i. Chnir e slabhraidh òir m'a muineal bànn-chraicneach, agus ghabh e 'chead dhinbh. A thiota bha e'n glaic a dhialaid, am meadhon a reisimeid eachraidh.

Dh'fhàs Mairi agns a fear suas a'nn gach dòigh mar inbhiann caraid, le'n teaghlach beag bòidheach. Phòs Seònайд dnin'-nasal gasda, dlù air a pinthair; agus, bho bheag gus a' mhòr, b'iad fad' iomadh bliadhna farmad nan coimhearsnach.

MACTALLA.

Eilean Chola, 1842.

AICHEAMHAIL TRIATH GLINNE-GARAIDH.

Tha sinn air an àm a' dol a thoirt sgeul gearr mu fhàth iorghnill's aimhreit a thachair 'sna linntean dorcha a dh'fhalbh, eadar dithis do na fineachan Gàidhealach, cho cumhachdach ainnmeil's a bha 'nan là 's 'nan linn—Triath Ghlinne-Garaidh, agns ceann-cinnidh Chlann-Chòinnich Chinntàile. Bha ceann-cinnidh Chlann-Dòmhnuill 'na dhuine curranta, tréun, dalma; agus 's iomadh oidheirp shuarach a thug ceann-cinnidh Chlann-Chòinnich, le foill's fòirneirt, air teaghlach Chlann-Dòmhnuill a chreachadh 's a mhilleadh. Air do Ghleann-Garadh tràth-fhiosrachadh fhaotuinn mu fheall-chomhairle uaigneach a dhealbh ceann-cinnidh Chinntàile 'na aghaidh, agus mu'n doigh anns au d'armaich se e séin chum a rùn fuitheach a chur an gniomh, thog e air gun mhoille gun dàil, le sàr bhuidheann do cheatharnaichibh cho calma thréun 's a b'urrainn e thional, a dh'ionnsuidh caisteal Thriath Chinntàile, aig Eilean Donan.

Bha talla àrd dreachmhor Eilean Dhonain air an oidhche sin cho làn dòmhail 's a chunnacas riamb e, air do Thriath Chinntàile cuirm mhòr a thoirt seachad do lionmhiorachd do uaislibh, agus do mhaithibh na tir. Bha chuir mu'n àm so cheann' air criochmachadh, agus Tighearna Chinntàile 'na shùidhe aig ceann a' bhùird, timchioll an robh an còrn 's an copan 'g iomairt gu pait fialaidh a' measg nan aoidhean lionmhior, a bha uile air am meas an dlùth dhaimh a's chàird-eas da; no bha eagal orra 'dheanamh ainnichte gu'n robh iad de atharachadh intinn d'a thaobh. Ach air do Thighearna Chinntàile bhi làn fhiosrach air nàdar mi-chinnteach a' chomunn lionmhior mheasgte so, osceanu an robh esan 'na cheann-suidhe air an àm, mheasgaich e gu glic seòlta a' mhuinnir bu churanta 's bu tréuna do 'fhinne féin am measg nan coigreach eile a bha làthair; agus, mar bha cleachdta 'sna linntean dorch' ud a dh'fhalbh, shuidhe gach fear le 'bhiodaig tarruingte air a sàthadh sa' bhòrd m'a choinueamh, ullamh gu 'cur an cleachdadh, ma's e 's gu'm faodadh fàth cothrom a bhi gu làmh a leigeil orra. Bha e ro ghlic 's iomchuidh so a dheanamh air an àm so, a chionn gu'u robh gach neach a bha 'na shuidhe mu'n bhòrd ud amearbhsach amharasach mu'n fhear a bha 'na shuidhe air a làimh dheis 's chllth.

Gu h-obann dh'fhosgladh suas gu farsuing dorus talla mòr na cuirm, agus tharruing suas gu meadhon an t-seòmar, le ceum socrach misneachail, duine flathail àrd. Bha breacan dorcha Gàidhealach air fhlileadh suas mu 'thimchioll, agus bha e air a tharruing cho teamu mu'n chuid a b'isle dheth 'aodaim, 's gu'n robh sin air fholach gu h-iomlan; agus clàr 'aoduinn agus a mhàlaidhean air am folach le

boineid leathan Ghiàidhealach, a bh'air a sparradh gu cruidh m'a cheann. Dh'aobhraich an coigreach neo-ainnichte so, a thaisbean e féin air modh cho obann 'nan làthair, mór-thosdach am measg na cuideachid, an teas-meadhon na gleadhraich àrd, na h-òrain, an gàire, 's fuaim nan copan's nan còrn, a dh'fhaodt' a chluinntinn tiota beag roimhe so, 's bha toirt air mullach an talla co-fibreagaradh do ghàire's iolaich an aoibhneas bha measg nan aoidhean. Bha ainm "Mhic-Leòid" a nis am beul gach fir; agus air do Thriath Chinntàile a smuainteachadh mar chàch do'n chuideachd gur h-e Mac-Leòid a bh'ann, smèid e air àrd stiubhaird an teaghlaich 'fheuchainn suas a dh'ionnsuidh ceann a' bhùird, far an robh e féin 'na shuidhe, agus far an robh cathair fhalamh air a làimh dheis, air a fàgail airson Tighearna Dhunbheagain. Thug an coigreach chean' umhlach do'n chuireadh a fluair e, ach cha shuidheadh e sìos an comunn-chàich. Sheas e car tiota beag gun għluasad, gun għeilt, gun fħiajni, agus na h-uile sùil san talla suidhichte air.

"Mhic-Leòid," deir Triath Chinntàile, agus e 'g ēridh o'chathair gu fhàilteachadh an làthair a chuid aoidhean, "tha thu fadalach. Dh'fheithi sunn air do shon gus an do bhuadhaich an t-oeras osceann a' mhodhalachd sin bu chòir dhuinn a nochdadh do dh-aon do'r co-fhlaithean. Ach stad! 'Bheil mi ceart? An e Mac-Leòid ris a' bheil mi labhairt, no neach eile? Ma's tu Mac-Leòid, c'arson a tha thu seasamh le t'aodann foluichte? Dean thu féin aithnichte, agus suidh sìos an so; oir cha'n eil neach mu'n bhord so ach càirdean."

"Cha mhise Mac-Leòid," ars' an coigreach, 's e labhairet le guth stòlida socrach, le guth garbh domhainn, a dh'fhaodt' a chluinntinn a bristeadh a mach o fhillidhean a' bhreacan dhorcl' a bha mu aodann.

"Có thu mata, an ainm Dhé?" a deir Thriath Chinntàile, le buaireas 's iomcheist mhòr 'na aodann."

"Is Dòmhnullach mi 'tha fo fhogradh," deir an coigreach; agus an sin, an ceann tiota beag, thug e aon cheum misneachail air aghart, agus a fosgladhi suas a blireacain, 's 'ga dheanainh féin aithnichte, ghlaodh e mach le guth mar thàirneanach, "'S mise Gleann-Garadhi!"

'Se bh'ann an so tiota beag do thosdachid uamhasach, anns an robh gach sùil air an socrachadh air Tighearna Ghlinne-Garaidh. An sin, am priobadh na sùil, bha gach biodag air a tarruing as a' bhord le deis-làimh a seilbhadar; agus b'uamhasach r'a chluinntinn an fluaim 's an stairirich a bha na aoidhean a' deanamh am measg nan còrn 's nan copan. An t-sùil allmharr choimheach leis an do dhearç gach duine air a choimhearsnach, far an robh gach neach a' smuainteachadh gu'n robh tèarninteachd a bheatha an crochadh air beatha an flir eile 'thoirt air falbh a bha 'na shuidhe dlùth dha,—bha so 'na shealladh a dh'fhaodadh an cridhe bu chruaidhe's bu mhiseachail a thaiseachadh. Ach mu'n faodta buille a bhualadh, agus mu'n b'urrainn neach 'aite suidhe fhàgail, leum Triath Ghlinne-Garaidh air Triath Chinntàile le luathas seobhaig na seilge air a chreich; agus mu'n faodadh e 'bhuill airm a għlacadh, għreinich e air Triath Chinntàile le 'ghlaic mhòr, chum a thacadh le 'lāimh chlith, agus shuidhich e sìos 'na chathair e

gun ghluasad, mar a bha 'bhiodag, a chleith e fo fhlileachan a bhreacan, a' dearsadh gu lainnearach 'na làimh dheis, 's a ròinn bhiorach mar leth-oirleach o sgornan Mhic-Coinnich.

"Bualaibh, a dhaoine-uaisle," arsa Gleann-Garadh gu ciùin stòlda; "ach bitibh làn dhearbhta, mu nì sibh sin, gu'm bi a' cheud bluille agamsa."

Bha Clann-Choinnich a cheanna nan seasamh air am bonaibh;—cha'n e 'mhain sin, ach tharraing cuid diubh ceum air aghart, a sheas-an agus a dhionadh an ceann-cinnidh. Ach mhothuich iad meud 's cumhachd an laoch thréun ris an robh aca r'a dheanamli; agus chionn 's gu'n robh fios aca gu'n d'thug neart neo-chumanta a ghairdein urrad a chumhachd da oscionn Tighearna Chinntàile's a th'aig duine oscionn leanabh na ciche, agus gu'm b'e bàs d'an ceann-cinnidh na'm b'e 's gu'n gluaiseadh iad làmli 'na aghaidh, chaidh gach duine air ais, agus bhuadhaich aon tosdachd uamhasach gun bliristeadh air feadh seòmar mòr farsuing na fleadh.

"Na gluaiseadh ach duine a mheur," arsa Gleann-Garadh le guth socrach, ach uamhasach, "agus bheir mise air fuil eridhe Triath Chinntàile leum gus an lion i còpan an fhir a tha 'na shuidhe an sud aig ceann-iocdar a' bhùird! Na gluaiseadh làmli 'nar measg, agus tha beatha Triath Chinntàile tèaruinte."

"Ciod do ghnothach riumsa, Mhic-Dhòmhnuill?" dh'f heòraich Triath Chinntàile, mar le guth duine air leth-thachdadhdh—ni bha 'na dhearbhadh soilleir air spionadh a' ghairdean a bha nis air greimachadh mu sgòrnan Mhic-Coinnich.

"Fhuair thu litrichean binn fhògraiddh, teine, 's claidheamh a'm aghaidh-sa, agus an aghaidh m' fhiinne," deir ceann-cinnidh Chlann-Dòmhnuill.

"Tha sin agam," arsa ceann-cinnidh Clann-Choinnich. "Bha iad sin air an cur d'am ionnsuidh-sa, a chionn 's gu'n do leig thusa fa sgaoil daoine àiridh de Chlann-'ic-Rea, a bha nan ceannaircich comharaichte an agaidh an Righ."

"Cha'n eil mi feòraich c'uin no cionnas a fhuair thu na litrichean so," arsa Gleann-Garadh; "ach 's àill leam gu'm bi iad air ball air an toirt dhòmhla."

"Cionnas a dh'fhaodas mise an toirt san làthair, 'nuair nach éadach-thu dhòmhla no do neach eile gluasad?" arsa Triath Chinntàile.

"Falbhadh do mhinisteir-teaghlaich an sud, duine na sìth ud, ann an làimh nach fhaicear ball-airm; thoireadh esan iad san làthair," deir Gleann-Garadh.

"Falbh uime sin, a Chalain mhaith," arsa Triath Chinntàile ris a' mhinisteir òg. "Falbh a dh'ionnsuidh an t-seòmar uaigneach ud; tha fios agad c'ait a' bheil iad, agus thoir an so iad."

"Tha so gu math," deir Gleann-Garadh, a greimeachadh air na pàipearan, 's 'gan sparradh stigh 'na bhroilleach; "tha so gu math. 'Nis suidhe sios, a dhiadhar urramaich, agus sgriobh a mach air ball litir o d' Thighearna a dh'ionnsuidh an Righ, 'gam shaoradh-sa gn h-ionlan, agus m'fhine, ann an sealladh an Righ, o gach cùis-dhìtidh fhealsa a tha 'nam aghaidh, agus a nochdadh mo rioghalaichd

féia's mo chuid daoine. Is maslach r'a chluinntinn eia liugha casaid bhreige's a bha air a dheanamh a'm aghaidh féin's an aghaidh m'fhine; agus, ann an làthair nan daigine-usaile so, tha mi nis a mionnaachadh, mar's e'n Dia uile-fhiösreach mo bhreitheamh, nach'eil aig mo Rìgh sluagh is dillse agus is rioghail na tha sinne."

"Glac do phean, agus sgriobh sìos mar dh'eachdas e dhuit," deir Triath Chinntàile; "oir ma tha 'chùis mar so, cha'n eil teagamh nach robh foill's cùcoir air a dheanamh air aonns gach teachdaireachd mhi-fhiorneach a chaidh ghiùlan d'am ionnsnidh, agus a bha air a thoirt leamsa an làthair an Rìgh."

"Tha e clùteach onorach dhuitsa, 'Thriath Chinntàile, sin aid-eachadh," deir Tighearna Ghlinne-Garaidh; "agus a thaobh gu'n d'thug thu dhomh an urrad so do riarachas-inntinn, iar air do chleir-each e sgriobhadh bann-ceangail a mach, chum am fearran sin a thoirt dhòmhsa air ais a bha air a thoirt 'uam le ordugh mo Rìgh, air lorg gach cùis-dhùtidh fhealsa a bha air an deanamh 'nam aghaidh. Agus bi athghear, a' bheil thu cluinnntinn, a dhiadhair òig, air eagal's gu'm faod do Thighearna bhi air a chumail tuillidh a's fada san t-shuidh-eachadh mhi-thaitneach sa' bheil e air a choimhead, air lorg cho neo-ealanta chearbach's a thu laimhseachadh do phinn."

"Sgriobh sìos mar a dh'iarar ort, agus cho luath ealanta's a dh'fhaodas tu," deir Triath Chinntàile, ro dhèdnach gu'n deanta mar dh'iar Gleann-Garadh.

Bha na páipearan, uime sin, air an sgilobhadh mar chaidh ordiuchadh, air an seulachadh le làimh Chinntàile, agus an sin air am filleadh suas ann am broilleach Ghlinne-Garaidh.

"Tha so a nis uille ro mhaith," ars' esan. "'Nis mionnaich gu solumta gu'm faod mise pilltinn gun dochainn gun fhòirneart do m' dhachaidh féin, agus gu'n coi'lionn thusa gu firinneach, onorach, treibhdbhireach, na cùmhnantau a bha nis air an cur a'm' làimh."

"Tha mise mionnaachadh," arsa Triath Chinntàile, "gu'm faod thusaimeachd as a so, agus pilltinn a dh'ionnsnidh do dhùthcha féin, gun dochainn do dh'fultean do chinn; agus coimheadaidh mise gu dileas, firinneach, gach gealladh a thug mi air an àm."

An sin, air do Thighearna Ghlinne-Garaidh a ghreib a leigeil as gu sàmhach socrach, agus air dha'bhiodag a chur san truaill, agus gu stòlda socrach suidhe sìos mu'n bhòrd, mar nach bitheadh nì mithaitneach sam bith air tachairt eatorra. "Ólamaid 'nis," a deir e, "gu cridheil càirdeil deoch-slàinte Thighearna Chinntàile's a theagh-lach urramach."

Air dha so a ràdh, lion e suas còpan de'n fhion-dhearg, agus dh'òl e as i. An sinu thionndaidh e an còpan bun oscionn, a nochdadhd do'n chomunn nasal a bha làthair gu'n d'rinn e na h-uile ceartas ris an deoch-slàinte a thug e.

"A Thriath Ghlinne-Garaidh," deir Triath Chinntàile, "cha'n fhaigh thu mise an deigh-làimh 'san aoidheachd 'sa mhodhalachd is ciùbhaidh do cho-fhlaitheibh a nochdadhd d'a chéile. Ach cha'n urrainn mi 'chleith gu'n robh do ghiùlan-sa 'nochd rud-eiginn mi-chùrteil; agus is éigin domh aideachadh," a deir e, agus e suathadh

'amhaich, "gur minic nach robh mi chio fhéumach air còpan 's a tha mi air an àm cheudna. Uime sin, tha mi 'g òl do dheoch-slàinte mar charaid; agus ged a bha sinn riamlì 'nar nàimhdean gus a so, choisinn do gliùlan uasal flatail tlachd agus gràdh mo chridhe."

"Ceud mìle taing do Thriath Chinntàile; agus le mòr riachas-inntinn òlam a ritist deoch-slàinte do chinneadbh agus do theaghlaich," deir Gleann-Garadh, 's e glacadh Triath Chinntàile air làimh, a dh'fhàisg e cho chruaidh 's gu'n d'thug e na deòir gn 'shùilibh. "Agus a nis gaibheam slàn leibh; a dhaoine-uaisle gu léir, slàinte."

"Aon chòpan eile, a Thighearna Ghlinne-Garaidh, chum 's gu'n òlamaid deoch-an-dorus," deir Triath Chinntàile.

"Le m' uile chridhe," arsa Gleann-Garadh. An sin ghlac e ritist Triath Chinntàile air làimh, agus thug e fàsgadh chruaidh chàirdeil orra an dara uair. "Bi làn dhearbhita gu bheil do litir ann an làimh thèàruinnte, a Thriath Chinntàile; oir cuiridh mi féin i ann an làimh an Righ."

"Thugaibh solus agus coimhlideachd an so do Thriath Ghlinne-Garaidh l" ghlaodh Triath Chinntàile; agus air do cheann-cinnidh thréun Chlann-Dòmhnuill a cheann a chromadh gu cùirteil oileanach do'n chomunnu gu léir, dh'fhàg e iad air an lionadh le mòr iongatas airson a mhisнич 's thréubhachd, mar thug iad coimhlideachd dha 'dli'ionnsuidh a bhírlinn, agus a thug iad dha an t-aiseag do'n àite an robh a chuid daoine a' feitheamh mi-floighdineach air a shon.

"Thoir m'each an so, Alaisteir," a deir Gleann-Garadh, cho luath 's a fhuair e 'chas air cladaich; agus air dha leum 'na dhiollaид, cha do leig e le feur fàs air làdharan a stéud-eichi gus an d'thainig e gu ceann-bhaile na rioghachd, agus gus an robh e air thort an làthair na cùirt, far an robh e air ball air aiseag gu geann-maith a's càirdeas a Righ—sochair a mheall e gu crìch a bheatha.

EILTHIREACH.

Tar-Amhuinn Phictou,
Mios-Meadhonach a' Gheamhraidh, 1841.

D O N N A C H A D U B H A' C H U R R A I C H D, A G U S C L A N N - G H R I O G A I R .

Có nach cuala iomra air Sir Donnacha Caimbeull, no, mar theirte ris an cumantas, "Donnacha Dubh a' Churraichd?" Bha'n duine so, mu thuaiream a nis dà cheud bliadhna roimhe so, a fuireach ann an Tigh a' Bheallaich,* ann an siorrainaclid Pheairt. Bha anns an àm so lagh cruaidh agus fuileach an aghaidh nan Griogarrach rioghail, calma: bha iad 'gan ruagadh mar chearc-thomain nam beann, a shireas an giomanach le chu 's le ghunna! Mar b'e Donnacha Dubh nàmlaid bu nimheile a bh'aca, bha e soilleir nach b'e, có dhiùbh, caraid bu bhlàithe; oir bha e 'gan glacadh 's gam marbhadh an sud 's an so, le foill 's le eaceart.

* Taymouth Castle.

Bha anns an àm 'san Dùnan, an Rainneach, ceann-feadhna de Chlanu-Ghriogair. Cha robh a ghillean lioumhòr; ach buidheann bu mhisnicheil agus bu chàlma cha do scuidse riamh claidheamh á truail. Chuir Donnacha Dubh fios air Mac-Ghriogair, ann am briathraibh gràdhach miodalach, e 'thighinn 'ga amharc. Ghuidh a chàirdean air Mac-Ghriogair fuireach air ais, agus iad eòlach air cealgaireachd agus cuilbheartan Dhonnacha Dhuibh; ach cha bu bheò le Mac-Ghriogair 's fuireach air ais, air eagal gu'n abradh iad gu'n robh eagal air, gu'm bu ghealtair e. Dh'fhalbh e, 's thug e leis ochd-fir-dheug de na daoine bu treise 'bha fodha, a' chuid bu mhò dhiubh a chàirdean dàimh agus dligheach féin.

Mar bha 'bhuidheann a' tèarnadh Cnoc an Drumain, dlù do'n chaisteal, ciod a chunnaic iad ach seann duine, 's e dian-labhairt ri cloich mhòir ghais a bha ri taobh an rathaid, 's a tha gus an là 'n diugh. Thug neonachas orra dol far an robh e; ach cha'n fhaigheadh iad uaithe ach—“'Sann ris a' chloich ghais a their mi e; 'sann ris a' chloich ghais a their mi e.” 'Nuair chuir iad e thuige, ma dheireadh, thuirt e,—“'Nuair chì Clann-Ghriogair ceann an tairbh dhuibh a' tighinn air a' bhòrd, cha'n uileir dhoibh a bhi 'na faicill!” agus a mach a ghabh e. Chuir Clann-Ghriogair, 'nuair chual iad so, an cinn r'a chéile ciod a dheanadh iad. Bha 'chuid bu mhò dhiubh airson till-eadh; ach thuirt au ceann-feadhna, “Cha till! Deanadh gach fear mar ni mise, agus cha chùram dhuinn.” Air an aghaidh ghabh iad. Rànaig iad an caisteal. Rinn Donnacha Dubh meobhail mhòr r'am faicinn, 's có caraid hu shigeantaich 's bu mhillse beul na esau! Thug e nis Mac-Griogair a thaoibh, 's thuirt e, bho na bha gnothach cud-thromach aige risan, gu'n gabhadh iad an dinneir ann an seòmar leo féin, agus gu'm faigheadh càch sedmar' eile. “Cha dean mi sin,” arsa Mac-Ghriogair; “'s cairdean agus luchd-dàimh dhomh féin na tba leam, agus airson an t-saoghail cha deanainn a leithid.” Cha d'thubhairt Sir Donnacha tuilleadh. Beagan m'an robh am bòrd air a chui'rínneachadh, chunnaic Clann-Ghriogair ni no dhà nach do ro-chord riù. Chunnaic iad daoine fo'n armaibh, a lìon dithis a's triùir, ag ialadhl mar gum biodhl mèarlaich ann a chum an tighe. Dh'innis iad so do'n ceann-feadhna. “Na leigeadh sibhse dad oirbh,” ars' esan; “deanadh sibhse mar ni mise. 'Nuair shuidheas sibh, suidheadh gach fear ri taobh Caimbeulaich, agus cumaibh 'nr sùil ormsa; deanaibh mar ni mise.” Rinn na daoine mar a dhiarr. Shuidh Mac-Ghriogair e féin nir làimh dheis Shír Donnacha. Chaidh gach nì gu math gus a nis, inu dheireadh na cuirme, an eualas tart'raich uamharra taobh-mach an t-seòmar. Tharruinn Mhac-Ghriogair a bhiodag, 's thòisich e ris an fheòil a ghearradh leatha. Lean gach fear d'a ghillean e. “Air Márta, air Martain,” arsa Donnacha Dubh, “'s garbh na sgeanran a th'agaibh, 'illean!” “'S garbh,” arsa Mac-Ghriogair; “gearraidh iad meanbh-bhiadh, agus, m'as éiginn, garbh-bhiadh.”

Air a so, thugadh a stigh ceann an tairbh dhuibh—comharra 'thuig na Caimbeulaich gu math gu robh an t-àm ann tòiseachadh air mort 's air marbhadh! Ann am priobadh na sùil, ghlac Mac-Ghriogair Donnacha Dubh air sgòrnach, 's chuir e 'bhidag r'a uchd. Cha robh

Mac-Ghriogair nach do lean 'eisimpleir. "Tha fhios a'm, a Shir Dhonnacha," arsa Mac-Ghriogair, "gur treise do chinneadh-sa na mo chinneadh-sa; ach 's treise mise na thus' an diugh, agus leamsa 's éiginn dhuit dol. 'Illean! thugadh gach fear leis a dhuine!'" Nuair chunnaic Sir Donnacha so, smeid e air a ghilleann a bhi sàmhach.

'Nuair bha iad dlù do aiseag a' Cheanamhor, leig Clann-Ghriogair cead an coise do na Caimbeulaich, fear an deigh fir, ach Sir Donnacha. Esan thug iad leò gu mullach Tòr an Drumain. 'Nuair fhuair iad an fhad so e, thubhairt Mac-Ghriogair ris—"A chealgair dhuibh, agus a smior a' ghealtair l tha thu nis an comas Mhic-Ghriogair; ach, a leigeadh fhaicinn dhuit nach coimeas thusa ri Mac-Ghriogair, bi nis a falbh dhachaidh, a thrustair!"

Arsa Sir Donnacha—"Rinn thu rium, gu dearbh, a Ghriogarraich, rud nach do thoill mi. Fuirich thus' an so gus an cuir mise teachdaire thugad bho'n chaisteal. 'Se do bhuanach fuireach."

An ceann tacain, thainig teachdaire le *bann-dhídein*,* an ainm an Rìgh, gu Mac-Ghriogair, agus gu 'dhaoine, agus sporan làn òir; agus uaithe so suas, cha deach dragh tuilleadh a chur air Mac-Ghriogair!

FEAR DEADH-RÙIN,
An là a chì 's nach fhaic.

Creagamarraig, 1842.

LEABHAR UR GÀILIG.

Thachair oirnn o chionn ghoirid leabhar ùr Gàilig leis an robh sinu anabarrach toilichte—'se sin, EACHDRAIDH FHÌRINNEACH MU'N CHOGADH NAOMH, le Iain Buinian, (*Bunyan's Holy War*,) air eadar-theangachadh le Iain Rose.

Cha ruig sinn a leas facal a labhairt as lethi aon nì 'sgriobh Iain Buinian. Ged nach tigeadh riamh o 'làimh ach "Turus an Eil-thirich," bha sinn fèin ni's leòir chum 'ainm a chumail air chnímhne, agus a dheanamh iomraiteach ann an eachdraidh eaglais Chriosd. Tha'n COGADH NAOMH na leabhar cho taitneach 'sa thainig o làimh an dnine inhaith. Cha'n eil dùil againn gn'u d'fhuair neach a lengh aona dhuilleag dhe riamh comas dealachadh ris gun dol troinnh. Tha'n leabhar so air eadar-theangachadh ann an cainnt cho snas-mhòr, agus nile gu leir cho taitneach, ri h-aon de'n t-seòrs' a thachair riamh oirnn. Tha'n leabhar so mòran ni's taitneiche ri lenghadh sa' Ghàilig na anns a' Bheurla. Tha sinn a comhairleachadh do na h-uile h-aon is urrainn a dheanamh, an leabhar fhaotainn. B'fhèarr leinn gn'u robh e anns gach bothan air feadh na Gàidh-ealtachd, agus cha bhiodh iad gun toil-inntinn fad a' gheamhlaidh. Tha'n sgeul air iunse le Iain Buinian air dòigh cho riochdail shoilleir, agus air eadar-theangachadh cho maith le Iain Rose, 's

* Protection. Duncan was Lord-Lieutenant of Scotland.

nach urrainn dhuinn a mholadh tuille 'sa chòir. Tha 'Ghàidheat-tachd fada 'na chomain; agus cha'n fhaod e bhi nach enidich na ministirean Gàidhealach leis, chnm a sgaoil 'measg an euid-eachd.

'Se da rireadh dùrachd ar n-anma, gu'n gabhadh an leabhar heag so ruith. O! nach robh na miltean diubh thall ann an America, 'measg ar luchd-dùthcha. Ach's eigin duinn aideachadh, le bròn, nach 'eil mòran aobhar-misnich aig neach air bith chum leabhrachean Gàilig uidheamachadh. Gabhaidh na Gàidheal na bheirear dhoibh an nasgaidh; agus is lioninhor iad a chuireadh a mach an crùn agus a bharrachd, an àm na bliadhnu'-ùir, airson spiorad làidir, nach tngadhl sia-sgillin bheag chrotach airson an leabhar laghaich air a' bheil sinn a labhairt.

NAIGHEACHDAN COITCHIONN.

Cruinnichidh a' Phàrlamaid air an t-seachduinn so, agus cha robh gnothaichean bu chudthromaich an earbsa ri Pàrlamaid riamh na tha ri shocrachadh air an àm;—gun sgillinn ruadh 'san làimh—gun fhios có as a thig i; ain-fhiach aubharrach ri dhìol; Eaglais Shasunn agus Eaglais na h-Alba ri shocrachadh; cisean ùr ri chàramh, 's gun fhios có air; na seannu cisean doirbh ri thogail; màlairt air sgur; 'chuid is mò de mharsantan mòr na rioghachd air briseadh; luchd-cèaird 'dol bàs le goirt; luchd-cosnadh nan tàmhl; na miltean 's na deich miltean ag iarraidh an dùthaich fhàgail, a's rioghachdan céin 'thoirt orra, 's gun fhios ce'mar tha so ri dheanamh; obraichean mòr a stad; aimhreit, a's imcheist, a's gearan, air gach làimh; ann an aon fhocal, an ceòl air dol feadh na fidhle air gach taobh. Ma bha duilgheadas riamh aig fear na stiùir, tha iad aig *Sir Robert Peel*. 'Se dùrachd ar n-anama gu'n dean Esan 'tha riaghladh thairis air gach rioghachd gliocas 'thoirt dha, 's cuideachadh leis chum na nithe sin a dheanamh tha freagarakh a's ceart.

Do na h-uile cùis 'tha ri bhi fo smuaintean na Pàrlamaid, 'se gu deimhinn a' chùis is duilicheadh shocrachadh, nì ris an canar sa' Bheurla an *Corn Bill*—an dòigh anns a' bheil, as so mach, cruinneachd, a's coirc, a's eòrna, ri bhi air a ghabhail o rioghachdau eile. 'S cùis anabharrach cudthromach so. Air ar son féin, tha dòchas againn gu'n dean a' Phàrlamaid na's urrainn dhi chum gach seòrsa bithidh a's teachd-an-tùr 'thoirt a stigh air an dòigh is freagaraich chum lòn saor 'thoirt do luchd-cosnadh bhochd. Nam b'urrainear an seachnidh idir, cha bu chòir sgillinn ruadh 'bhi air a thogail mar chìs airson beidh do sheòrsa air bith. Cuireadh iad cùs air gach nì 's urrain daoine 'dheanamh as aonais; ach lòn do bhochdan, biodh so cho saor 'sa tha e comasach a dheanamh. Tha daoine bochd a fulang anabharra diachainn air an àm, 's cha chul-iongatais ged a sheasadh iad a mach airson gach seòrsa lòn a shaoradh o chìs.

IMRICH DO DÙTHCHANAN CÉIN.

Cha chluinear diog mu dhéibhinn so gus an cruinnich a' Phárlamaid ; ach an t-ùine bhig na dheigh sin, is dòcha gu'n leigeir fios ciod tha 'nam beachd a dheanamh.

CHINA.

Tha'n cogadh so dol air agaidh. Tha cùnnatas maith as an dùthaich so o'n sgriobh sinn ma dheireadh. Ghlac armait Bhreatuinn baile mòr làidir ris an cannar *Amoy*. Bha e air a chuartachadh le balla anbharrach làidir, air an robh gunnaclan mòr ann an lòn-mhorachd. 'S eilean an t-àite ait a' bheil am baile mòr so—Eilean *Amoy*. Tha e mu thimchioll còig mile deug mu'n cuairt, agus tha seachd mille saighdear daonna a' còmhnuidh ann. Cha'n eil acarsaid air an t-saoghal is fhèarr na tha'n so—fasgadh o na h-uile gaoth. Ghlacadh an t-àite so gun duine do'n arm Breatuinneach a chall. Ghlacadh am baile-mòr, gach soitheach a's long 'bha sa' chala, agus còig ceud cannan, ann an dà uair an uaireadair ! Bha muinntir *China* fior bhòsdail mu'n àite so ; shaoil leo nach robh e comasach a ghlacadh. O chionn ochd mìosa deug, bha iad a deasachadh 'sa cruinneachadh feachd ; ach cha luaithe 'ràinig na Breatunnach, 'sa thòisich iad ri streap suas ris na ballachan, na theich na truaghain bhochd,

Mar gu'n rachadh cù ri caoiribh,
 'S iad 'nan ruith air aodan glinne ;
 'S ann mar sin a ghabh iad sgaoileadh
 Air gach taobh, ga cùl na beinne.

Cháin fhacas gealtairean rianh cosmhul ríutha ; cha do sheas iad mionaid. Theich na oifigich co maith ris na saighdearan. Bha'n t-arm Breatunnach 'call an lùs le fealla-dhà.

Tha'n t-eilean 'sam baile-mòr so fior luachmhor dhuinn mar àite dion da'r luingis, 's mar àite flor fhreagarach airson màlairt. 'S eintich nach dealaich sinn ris an eilean so ; faodar a ràdh gur inchair na dùthcha e. Cha d'fhuras ach còig mile dollar ann. 'S dòcha gu'n do chleith iad gach stòras.

An deigh do'n eilean a bhi air a ghlacadh, sheòl a' chabhlach ; agus tha fiughair againn ri cùnnatas maith a chluinntinn uapa'n t-ùine ghoirid —tha dòchas againn á *Pekin*, ceann-bhaile mòr na rioghachd.

BAISTEADH A' PRIONNS' ÒIG.

Bhaisteadh am Prionns' òg air an 25 là de'n mbios so chaidh seachad. 'Se's ainm dha, *Albert Edward*. Cha bheag air an rioghachd an t-ainm IOMHAR. Tha Righ Phrussia air tighinn nall gu seasamh mar ghoistidh. Thainig e air tir aig *Greenwich*, far'n do choinnich Diùc *Wellington* agus mòran eile do àrd-uaislean air. Chaidh e air agaidh gu *Windsor* gun stad. Tha ceithir fichead bliadhna o'n chaidh am Prionusa *Wales* ma dheireadh a bhaisteadh.

FOCAL SAN DEALACHADH.

Tha'n dara bliadhna de'n Chuairtear 'nis mach. Rinn sinn ar dìchioll a chumail snas mar a b'fhèarr a b'urrainn dhuinn. Cha'n eil e 'nar comas a ghealltann gu'n cumar suas e bliadhnu'eile, ged robh iadsan ris a' bheil e'n carbsa air an caomhnadh. Cha'n cil an t-argiod a' tighinn a stigh mar bu chòir dha, agus tha'n eosdas tròm. Ach feuehaidh sinn o mhìos gu mìos dol air ar n-aghaidh leis, gun ghealladh sam bith a thoirt air a leantuinn, gus am faic sinn ec'mar thig an t-airgiot a stigh airson na bliadhna chaidh nis seachad. Tha dòchas againn gu'in faic gach aon tha gabhail a' Chuairtear iomchuidh pàigheadh airson na fhuair iad co luath 'sa ruigcas an àireannish so iad. Iadsan nach d'thug an ainnm do *agent*, cha'n eil dhoibh ach an t-airgiot a phàigheadh anns a' *Post Office* is goircasaich, agus an t-òrdugh a chur da'r n-ionnsuidh-na. Feumaidh ar cairdean a thuigsinn nach fhaidh sinn an t-airgiot as a' *Post Office* an so, gus an leig sinn fhaicinn an t-òrdnigh air a shon. Chaidh airgiot a chur air ar son ann am *Post Office* Steòrnabha, agus mar an ceudna ann am *Beauly*, ach cha d'ràinig an t-òrdugh airson a h-aon diubh sin fhastast.

Tha sinn fad an comain mbinistirean *America*, gu h-àrraiddh ann an *Nova Scotia*. Nan deanadh cléir ar dùthcha féin uircad air ar son, cha bhiodh e na nì duillich an Cuairtear a chumail air falbh; ach na di-chuimhneiceadh iad an sannas a bha 'san àireamh mu dhcireadh ach a h-aon.

G L A S G O W :

PUBLISHED BY THE PROPRIETORS,

J. & P. CAMPBELL, BOOKSELLERS AND STATIONERS,

24, GLASSFORD STREET.

Edinburgh : M'Lachlan, Stewart, & Co.; Tullymet : C. Morris; Dingwall : A. Keith; Dornoch : Wm. Munro; Thurso : Mrs Russell; Inverness : J. Bain, & Co.; Dundee : Wm. Middleton; Oban : J. Miller; Greenock : A. A. M'Iver; Grantown : A. Cumming; Abernethy : D. Gordon; Dunkeld : D. M'Donald; Portree : A. M'Donald; Balachulish : J. M'Innis; Lochgilphead : N. Gillies; Argyle Furnace : A. Gillies, Schoolmaster; Lochdenhead, Mull : D. Fletcher; Bonaw : John Cameron, Postmaster; Aberfeldy : D. Cameron, Bookseller; Port Ellen, Islay : D. Hunter; Glencarradale : N. M'Donald, Schoolmaster; Bunepan, Mull : Donald M'Lean, Postmaster; Portnahaven : Norman M'Lean; Kilchoman : Angus M'Leod; Strontain : D. Cameron; Tiroran, Mull : John M'Donald; Cuwdor, Nairn : J. Robertson; Pitlochry : D. Robertson, Fortingall : D. Campbell; Laggan : J. M'Pherson; Alness : D. M'Diarmid; Doune : D. M'Diarmid; Barra : A. M'Donald, Esq; Ormsary : G. Ross; Tayinloan : A. Sutherland; South Uist : A. Chisholm; Callander : P. M'Kinlay; Balquhidder : J. Carlton; Dunvegan : D. M'Donald; Carbost : A. Cameron; Glendaruel : D. M'Lean; Fort-Augustus : J. Forbes; Stratherrick : J. Frazer; Kilmorack : J. Rose; Easdale : D. M'Intyre; Nova Scotia : Rev. R. Williamson, Pictou ; General Agent for North America, John M'Neil, Esq. Charlotte-town, Prince Edward's Island.





